University of Glasgow

MacAilpein, Tòmas (2017) *Cultar agus an comann-sòisealta ann an Ìle, mu 1890 gu 1960.* PhD thesis.

http://theses.gla.ac.uk/8257/

Copyright and moral rights for this work are retained by the author

A copy can be downloaded for personal non-commercial research or study, without prior permission or charge

This work cannot be reproduced or quoted extensively from without first obtaining permission in writing from the author

The content must not be changed in any way or sold commercially in any format or medium without the formal permission of the author

When referring to this work, full bibliographic details including the author, title, awarding institution and date of the thesis must be given

Enlighten:Theses
http://theses.gla.ac.uk/
theses@gla.ac.uk

Cultar agus an comann-sòisealta ann an Ìle, mu 1890 gu 1960

Tòmas MacAilpein

air a chur a-steach mar riarachadh
airson feumalachdan ceum Ph.D.

Sgoil nan Daonnachdan
Oilthigh Ghlaschu

An t-Ògmhios 2017

Geàrr-chunntas

Tha an tràchdas seo na eachdraidh chultarach air Ìle, eilean ann an ceann an iar-dheas na Gàidhealtachd, le cuideam air 1890 gu 1960. Tha e ag amas air cultar Gàidhlig nan Ìleach a chur na cho-theacs sòisealta, le bhith a' beachdachadh air an t-suidheachadh anns an nochdadh cuid de na gnèithean cultarach a bu chudromaiche, agus air na daoine a bha an sàs ann a bhith gan cumail suas. Tha e airson an dàimh eadar cultar agus an comann-sòisealta nas fharsainge a sgrùdadh, le a bhith a' smaoineachadh air cultar mar dhòigh air coimhead air an t-saoghal, agus mar phàirt bhunaiteach den t-saoghal sin. Tha obair a' Mharxaich Eadailtich, Antonio Gramsci, a' toirt buaidh mhòr air an rannsachadh, agus 's ann air ceistean a thaobh cumhachd, clas agus gnè a thathas gu tric a' cnuasachadh. 'S e prìomh amas na h-obrach atharrachadh taobh a-staigh a' chultair a thuigsinn anns an àm-sgrùdaidh shònraichte seo, nuair a b' urrainnear fhathast bruidhinn air 'coimhearsnachd Ghàidhlig' ach far an robh a' Bheurla a' sìor fhaighinn làmh an uachdair.

'S ann air trì prìomh chuspairean a tha an rannsachadh: beul-aithris, bàrdachd agus creideamh. Tha caibideil air cruinneachadh beul-aithris Eachainn MhicGillEathain agus Iain Òg Ìle (1859-1862) rud beag ron phrìomh àm-sgrùdaidh, agus tha seo a' coimhead air obair a' chruinneachaidh fhèin, àite nan seann sgeulachdan ann an Ìle, agus air na sgeulaichean Ìleach.

Thathas an uair sin a' gluasad gu cruinneachadh beul-aithris Elizabeth Kerr a bha stèidhichte ann am Port Sioba, san Roinn Ìlich, eadar mu 1893 agus 1910, agus a' sireadh fiosrachadh air cuimse eadar-dhealaichte a' chruinneachaidh seo agus na tha toraidhean na beul-aithris ag innse mun chomann-shòisealta. Anns a' chaibideil air bàrdachd san 20mh linn, thathas a' faighinn a-mach mun cheathrar bhàrd mu dheireadh a bha foillsichte, air na bha aca ann an cumantas agus àite romansachais agus impirileis nan cuid obrach.

Às dèidh seo, tha caibideil air òrain anns na clàraidhean-fuaim Ìleach a rinn Sgoil Eòlais na h-Alba eadar 1953 agus 1969. Thathas a' beachdachadh air na fiosraichean, air na seòrsaichean òran a bha rim faotainn – agus nach robh – agus làthaireachd òrain nam bàrd Ìleach foillisichte. Bithear cuideachd a' toirt cunntas air buaidh mhòr a' Chomuinn Ghàidhealaich anns an eilean.

Mu dheireadh, anns a' chaibideil air creideamh tha ceist oirnn mu dè cho eadar-dhealaichte 's a bha suidheachadh a' chreideimh ann an Ìle an taca ri ceàrnaidhean Gàidhealach eile, thathas a' cleachdadh staitistig airson obrachadh a-mach dè cho cudromach 's a bha gach buidheann-eaglais, a bharrachd air fianais beul-eachdraidh airson smaoineachadh air àite a' chreideimh ann am beatha dhaoine.

Buidheachas

Feumaidh mi taing mhòr dhà-rìribh a thoirt do na stiùirichean agam, Sheila Kidd agus Màrtainn MacGriogair. Bhon fhìor thoiseach, tha iad air mo shìor bhrosnachadh agus foighidinn gun abhsadh a shealltainn dhomh. Agus mo bhuidheachas cuideachd do Michel Byrne agus Rob Dunbar airson an comhairle thuigseach.

Cha b' urrainn dhomh a bhith air fianais dheatamach a thrusadh mura b' e cuideachadh nan daoine a leanas: Caroline Milligan ann an Sgoil-Eòlais na h-Alba; Anna Nic a' Ghoill agus Neil Woodrow aig Ionad Chaluim Chille Ìle; luchd-obrach Taigh-tasgaidh Ìle; a thuilleadh air luchd-obrach Leabharlann Nàiseanta na h-Alba. Fhuair mi sgoilearachd fhialaidh bho Urras Charnegie a thug an cothrom dhomh an rannsachadh seo a dhèanamh. Tha mo chompanach, Beth, air taic a chur rium air gach ceum is cnap-starra air an t-slighe.

'S ann do na h-Ìlich ris an do bhruidhinn mi a tha an obair seo.
Bha e na thlachd agus na urram coinneachadh riubh.

Clàr-innse

Geàrr-chunntas **1**
Buidheachas **2**
Liosta Chlàran is eile **5**
Facal-toisich **7**
Làimhseachadh a' chrìonaidh 8
Ìle ann an 1891 10
Carson Ìle? 12
Litreachas air Ìle 16
Cultar agus cultar na Gàidhlig 20
Gramsci air a' Ghàidhealtachd 24
Amasan an tràchdais 28
Structar an tràchdais 29
Dòighean-obrach 29
Caibideil a h-Aon: Cruinneachadh beul-aithris Eachainn MhicGillEathain agus Iain Òg Ìle, mu 1859-1862 ..... **31**
1.1. Prìomh chruinnichean 31
1.2. Luchd-cruinneachaidh eile 33
1.3. Obair a' chruinneachaidh 35
1.4. Na sgeulaichean 38
1.5. Co-dhùnadh 47
Caibideil a Dhà: Cruinneachadh beul-aithris Elizabeth Kerr agus Robert Craig Maclagan, c. 1893-1910 ..... **52**
2.1. Obair a' chruinneachaidh 53
2.2. Breithneachadh sòisealta 55
2.3. Susbaint a' chruinneachaidh 58
2.4. Co-dhùnadh 70
Caibideil a Trì: Bàrdachd fhoillsichte nan Ìleach san 20mh linn **76**
3.1. Beatha nam bàrd 76
3.2. Romansachas 82
3.2.1. A' mìneachadh romansachas ann am bàrdachd Ghàidhlig 83
3.2.2. Gaol 'romansach' ann am bàrdachd Ìleach 86
3.3. Cogadh agus Impireileas 95
3.4. Co-dhùnadh 106
Caibideil a Ceithir: Òrain agus buaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich chun nan 1960an **108**
4.1. Geàrr-chunntas air Cruinneachaidhean 1953 agus 1966-69 109
4.2. Na fiosraichean 116
4.3. Seinn nan òran 118
4.4. Na h-òrain Ìleach 118
4.4.1. Òrain-phìoba 122
4.4.2. Òrain-luaidh 124
4.4.3 Iain MacEacharna, 'Am Pìobaire Cam' 128
4.5. Na bàird fhoillsichte anns na clàraidhean 131
4.6. Òrain à àiteachan eile 133

4.7. Suidheachaidhean-sòisealta ... 133
4.8. An Comunn Gàidhealach agus Ìle ... 136
4.8.1. Ìlich sa Mhòd nàiseanta ... 136
4.8.2. An Comunn Gàidhealach san eilean ... 138
4.8.3. Cultar a' Mhòid – tanachadh san dualchas? ... 140
4.9. Dithis ghaisgeach Ìleach ... 142
4.10. Co-dhùnadh ... 144
Caibideil a Còig: Creideamh agus an eaglais ann an Ìle, 1890-1960 ... 146
5.1. Suirbhidh air cor Eaglais na h-Alba an 1897-8 ... 146
5.2. Staitistig na Cràbhachd ... 152
5.2.1 Pròstanachd Earra-Ghàidheal ... 156
5.2.2. Geàrr-chunntas na staitistig ... 158
5.3. Na h-eaglaisean agus mith-chreideamh ann an Ìle ... 163
5.3.1. An traidisean soisgeulach ... 163
5.3.2. An Eaglais Shaor Aonaichte ... 165
5.3.3. Na Baistich ... 169
5.3.4. Ceannas Eaglais na h-Alba ... 170
5.4. Fianais nan agallamhan ... 175
5.4.1. Frithealadh na h-Eaglais ... 175
5.4.2. Là na Sàbaid ... 177
5.4.3. Ùghdarras a' Mhinisteir agus na h-Eaglais ... 180
5.5. Gàidhlig agus an Eaglais ... 183
5.6. Co-dhùnadh ... 187
Caibideil a Sia: Co-dhùnaidhean ... 189
Geàrr-chunntas nan caibideilean ... 190
A' tuigsinn cultar Gàidhlig ann an Ìle ... 193
Subalternity anns an eachdraidh ... 194
Geàrr-iomradh teòirigeach ... 199
Leabhar-chlàr ... 202
Eàrr-ràdh 1: Luchd-fiosrachaidh Ìle ... 208
Eàrr-ràdh 2: Cuid de dh'òrain ionadail à Ìle ann an Cruinneachaidhean 1953 agus 1966-1969 ... 209
Eàrr-ràdh 3: Òrain le bàird Ìleach foillsichte san 20mh linn anns na clàraidhean-fuaim ... 215
Eàrr-ràdh 4: Ainmean is àiteachan a tha a' nochdadh ann an clàraidhean beul-aithris 1953-1970 ... 218

Liosta Chlàran is eile

Figear 1: Àireamh-shluaigh agus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Ìle, 1891-2011 8
Figear 2: Àireamh de bhuill Eaglais na h-Alba ann an Ìle, 1891-1970 171
Figear 3: Ceudad de shluagh Ìle nam buill de dh'Eaglais na h-Alba, 1891-1971.... 172

Mapa 1: Prìomh bhailtean agus seann sgìrean Ìle 6

Clàr 1: Cànan ann an Ìle, 1891 11
Clàr 2: Boireannaich is fireannaich Ìleach a dh'aithris sgeulachd airson nam *Popular Tales* (1860-62) 40
Clàr 3: Litearrachd, dà-chànanchas agus eòlas air a' Ghalltachd aig cuid de sgeulaichean Ìle 44
Clàr 4: Sgeulachdan à Ìle foillsichte anns na *Popular Tales* (1860-62) 48
Clàr 5: Sgeulachdan à Ìle a thruiseadh airson nam *Popular Tales* foillsichte na b' anmoiche 49
Clàr 6: Sgeulachdan à Ìle a thruiseadh airson nam *Popular Tales* nach deach fhoillseachadh idir no gu lèir.... 50
Clàr 7: Gnèithean de bheul-aithris Ìleach ann an Cruinneachadh 1953.... 110
Clàr 8: Gnèithean de bheul-aithris Ìleach ann an Cruinneachadh 1966-1969.... 111
Clàr 9: Gnèithean de dh'òrain an Ìle ann an Cruinneachadh 1953 113
Clàr 10: Gnèithean de dh'òrain an Ìle ann an Cruinneachadh 1966-1969 114
Clàr 11: Toraidhean air càradh creideimh is moralta ann an clèirean Earra-Ghàidheal agus clèirean eile 147
Clàr 12: Co-rèir de bhuill agus sgoilearan-Sàbaid anns na h-eaglaisean clèireach air a' Ghàidhealtachd, 1891.... 155
Clàr 13: Daoine ceangailte ris na h-eaglaisean clèireach air a' Ghàidhealtachd a rèir tuairmse Howie, 1891 155
Clàr 14: Buill a-mhàin ann am prìomh eaglaisean Earra-Ghàidheal agus an ceudad dhen t-sluagh, 1879/1881 agus 1901. 160
Clàr 15: Buill a-mhàin mar cheudad de na h-eaglaisean clèireach ann an Earra-Ghàidheal, 1901 160
Clàr 16: Ceangal ris an Eaglais Shaoir ann an clèirean Earra-Ghàidheal, Leòdhais is an Eilein Sgitheanaich, ann an 1881 agus 1901: ceudad de bhuill agus luchd-leantainn *den t-sluagh gu lèir*.... 161
Clàr 17: Dàta air cùl Clàir 16: ceangal ris an Eaglais Shaoir ann an clèirean Earra-Ghàidheal, Leòdhais agus an Eilein Sgitheanaich, ann an 1881 agus 1901 161
Clàr 18: Sgoilearan-Sàbaid agus tuairmse Howie air daoine ceangailte ris gach buidheann-eaglais mar cheudad den t-sluagh, 1891.... 162
Clàr 19: Buill agus luchd-leantainn na h-Eaglais Shaoir an sgìrean Ìle is Diùra mar cheudad den t-sluagh 1891 is 1900..... 168
Clàr 20: Buill na h-Eaglais Shaoir Aonaichte an sgìrean Ìle is Diùra mar cheudad den t-sluagh, 1900 – 1928.... 168
Clàr 21: Frithealadh na h-eaglais agus aois nam fiosraichean.... 176



Mapa 1: **Prìomh bhailtean agus seann sgìrean Ìle**

Facal-toisich

> ['S] e rudan mar shin tha cuimhneam a bhith tighinn dhachaigh o pluighmeids air taobh thall an eilein, an taobh Cill Daltain. Agus e, bha cairt le [m' athair] agus an dà each agus bha mi 'am laighe sa chairt air an fheur. Agus leis, fuaim na cruidhean 's a h-uile mìr air a' rathad mhòr 's a' chairt, 's na *chain*eachan a' gliogardaich 's a h-uile mìr mar seo. Thuit mi 'am chadal 's- ach tha cuimhneam a bhith 'am laigh' a' sin 's ag earachd air a' ghealach 's a leithid sin.[1]

'S e Ìle an t-eilean Gàidhealach as fhaide an iar-dheas ann an Alba. The i air a cuairteachadh le Colbhasa gu tuath agus, glè fhaisg san ear-thuath, Diùra. San ear, tha eilean Ghiogha agus Cinn-Tìre is Cnapadal air tìr-mòr. Eadar na h-àiteachan seo ann an Earra-Ghàidheal a deas, tha fìor dhlùth-cheanglaichean sòisealta, cultarach agus cànanach.[2] Tha Ìle cuimseach mòr – mu 240 mìle cheàrnagach – agus chan eil ach Muile, an t-Eilean Sgitheanach agus Leòdhas is na Hearadh nas motha am measg nan eilean an iar. Tha mu 3,200 neach a' fuireach innte, a rèir a' chunntais-shluaigh mu dheireadh ann an 2011. Gu mì-fhortanach, 's e call eile a tha seo ann an crìonadh a tha a' dol air ais, cha mhòr gun faochadh, gu 1831.[3] Tha barrachd dhaoine a' fuireach ann an Ceann Loch Chille Chiarain faisg oirre no a' frithealadh geamannan *Falkirk FC* na tha a' còmhnaidh ann an Ìle gu lèir.[4] Cluinnear Gàidhlig Ìleach air an t-sràid fhathast, gun luaidh air ann an Ionad Chaluim Chille no aig sgoil Bhogh Mòr. Ach tha an dualchainnt àraid seo ann an suidheachadh nas miosa na bha i riamh. Tha an fheadhainn aig a bheil i bhon ghlùin a-nis suas ann am bliadhnaichean, gu ro thric dealaichte bho chèile agus gun mòran chothroman a cleachdadh. Agus tha an uiread de luchd-labhairt san fharsaingeachd air tuiteam gu mu chòigeamh dhen t-sluagh – uiread a tha iongantach, leis gun robh Gàidhlig aig a' mhòr-chuid ann an 1961 agus fhathast ann an sgìre Chill Chomain ann an 1971 (faic Figear 1.2).[5] Cùisean mar a tha iad an-dràsta, shaoilte gum biodh làthaireachd air choireigin aig a' Ghàidhlig san eilean ann an ginealach no dhà, ach chan e 'Gàidhlig Ìleach' a bhiodh innte agus bhiodh e doirbh a ràdh gum biodh i na cànan beò.[6]

Tha an tràchdas seo a' cnuasachadh cultar Gàidhlig nan Ìleach eadar mu dheireadh an 19mh linn gu meadhan an 20mh linn. 'S e àm air leth ùidheil a tha seo. Tha am pailteas thùsan Gàidhlig agus Beurla a' cur thairis le boillsgidhean den t-saoghal mar a bha e, agus nas motha na aig àm sam bith roimhe, gheibhear a-mach mu bhoireannaich agus fir chumanta – a' bhean-nighe, an saothraiche-fearainn, an t-iasgair. B' ann an uair sin,

---

[1] Iain Mac a' Phearsain, tuathanach gasta (agallamh TM4).

[2] A' dèanamh coimeas eadar Gàidhlig Ìle agus dualchainntean eile, tha Seumas Grannd a' sealltainn raon cànanach soilleir a' gabhail a-steach nan eilean agus ceàrnaidhean deasach. A bharrachd air cruinn-eòlas, 's cinnteach gu bheil seo na chomharra air eachdraidh cho-roinnte leithid buaidh Chloinn Eòin Mhòir aig an robh seilbh air na h-àiteachan seo, cho math ri eilean Reachlainn agus Aontroim. *The Gaelic of Islay: a comparative study* (Obar Dheathain: University of Aberdeen, 2000).

[3] Nuair a bha an àireamh-shluaigh aig àirde, agus 14,992 de dhaoine ann. Margaret Storrie, *Islay: a biography of an island* (Ìle: Oa Press, 2011), td. 141.

[4] Tha 4,852 a' fuireach ann an Ceann Loch Chille Chiarain a rèir cunntas-sluaigh 2011;'s e 4,661 an àireamh chuibheasach a bhios a' frithealadh geamannan Falkirk FC, 2014-2015 <http://www.european-football-statistics.co.uk/attn/avesco.htm> [ruigte 1.6.15].

[5] Bha **597** (**18.5%**) de mhuinntir an eilein os cionn 3 bliadhna a dh'aois (3,160) comasach air Gàidhlig a labhairt ann an 2011. Le bhith a' gabhail a-steach dhaoine aig a bheil comasan tuigse, leughaidh is eile (238), 's e 25.9% aig am biodh Gàidhlig ann an dòigh air choireigin. Chan eil am fianais seo ag innse sìon mu fhileantachd no dè cho bitheanta 's a thathas a' cleachdadh a' chànain. Gheibhear grèim air an fhiosrachadh seo ann an Clàr QS211SC de chunntas-sluaigh 2011. | Bha 59.5% den t-sluagh iomlan ann an Cill Chomain nan luchd-labhairt ann an 1971, an taca ri 46% ann an Cill Daltain, agus 45.7% ann an Cill A Rubha & Cill Mheinidh. Cunntas-sluaigh 1971.

[6] A rèir William Lamb, chan eil ach Gàidhlig Leòdhais agus Uibhist a Deas cuimseach làidir mar dhualchainntean a thaobh àireamh an luchd-labhairt, leantalachd chànanach eadar ginealaichean, agus an uiread de thidsearan dùthchasach. 'Is there a future for regional dialects in Scottish Gaelic?', taisbeanadh FRLSU (2011).

cuideachd, as urrainnear a ràdh gu bheil Ìle a' dol tro chruth-atharrachadh, coltach ri ceàrnaidhean eile, gu bhith na coimhearsnachd dhà-chànanaich no 'dhà-theangaich'.[7] Tha an ùine eadar an Cogadh Mòr gu beagan às dèidh an Dàrna Cogadh gu h-àraid na bhann, na alt lùdagach, anns an eachdraidh chultaraich – a dh'aindeoin nan nithean mòra a thachair na bu tràithe san 19mh linn. Mar sin, tha sìor fhàs na Beurla an aghaidh na Gàidhlig na phrìomh sgeulachd san linn-sa. Fiù 's ged nach eilear ag amas an seo air bàs cànain a mhìneachadh, thathas a' faighneachd gu dè a bha seo a' ciallachadh anns a' chultar san fharsaingeachd – a thaobh, mar eisimpleir, atharrachaidhean ann an gnèithean beul-aithris, suidheachaidhean sòisealta, agus fèin-aithne. Tha fios gu bheil cànan agus cultar a' dèanamh suas càch a chèile. Mar a thuirt an nobhailiche Ceinianach, Ngũgĩ wa Thiong'o, '[l]anguage, any language, has a dual character: it is both a means of communication and a carrier of culture'.[8]

Figear 1: Àireamh-shluaigh agus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Ìle, 1891-2011



Tùsan: Cunntasan-sluaigh 1891-2011, a' cur feum mòr air obair Kurt C. Duwe (2006).[9]

Làimhseachadh a' chrìonaidh

Anns an sgoilearachd air Gàidhlig agus na Gàidheil bhon taobh a-muigh, 's e tha againn mar as àbhaist ach aithris dhubhach a' chrìonaidh: '[t]he story of Gaelic in Scotland is largely one of decline'.[10] Mionaideach agus

[7] A' beachdachadh air dà-chànanachas (*bilingualism*) agus dà-theangachas (*diglossia*) ann an Èirinn, faic: Nicholas Wolf: 'Language change and the evolution of religion, community, and culture in Ireland, 1800-1900' (Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, University of Wisconsin-Madison, 2008), tdd 288-293, agus *passim*.
[8] Ngũgĩ wa Thiong'o, *Decolonising the mind: the politics of language in African literature* (Nairobi: East African Educational Publishers Ltd., 1986), td. 13.
[9] Kurt C. Duwe, *Gàidhlig (Scottish Gaelic) Local Studies: Vol. 16 Ile, Diùra & Colbhasa* (2006, 2na eagran). < www.linguae-celticae.org/dateien/Gaidhlig_Local_Studies_Vol_16_Ile_Diura_Colbhasa_Ed_II.pdf > [ruigte 1.7.15].
[10] Charles W. J. Withers, *Gaelic in Scotland, 1698-1981: the geographical history of a language* (Dùn Èideann: John Donald, 1984), td. 16. Victor Edward Durkacz, *The decline of the Celtic languages* (Dùn Èideann: John Donald, 1983). Agus, mar eisimpleir, saoilidh mi gu bheil an làimhseachadh nas ùire aig John Burnett air cànan is cultar air a' Ghàidhealtachd gu h-ìre mhòr a' leantainn a' phàtrain-sa. *The making of the modern Scottish Highlands* (Baile Àth Cliath: Four Courts, 2010). Gu bhith cothromach do Withers, ann an obair eile rinn e argamaid gu math coltach: 'explanations of social and cultural change in the Highlands have too often been couched in terms of an immutable progression – from clan to class, from Gaelic to English, from 'traditional' to 'modern' – a transformation without either opposition or internal

gu bheil i, fiu 's riatanach mar stòras fiosrachaidh, cleas Dhomhnaill Uilleim Stiùbhairt saoilidh mi gur ann a tha i a' dèanamh dealbh uabhasach mì-choileanta is bochd air eachdraidh shòisealta nan Gàidheal, cunntas a tha cho fada 's a ghabhas bho ghnàth-eòlas agus faireachdainnean nan daoine – 'the structures of feeling'.[11] Tha i cuideachd buailteach mìneachadh a thoirt seachad a tha gu h-annasach teileòlach agus a' gabhail ri call *do-sheachanta* anns an linn ùr-nodha. Tha diofar dhòighean air a leithid a fhreagairt. Tha obair Nicholas Wolf air Gàidheil Èireannach ag argamaid gum feumar mòr-aithrisean crìonaidh a cheasnachadh agus diofaran ionadail is roinneil aithneachadh. Chan e crìonadh a-mhàin a bha a' tachairt ann an cultar na Gaeilge san 19mh linn, ach 'adaptation', 'accommodation', fiù 's seòrsaichean de dh'aghaidheachd, ann an co-cheangal ri àrainnean oifigeil na Beurla.[12] Tha seo a cheart cho fìor air taobh eile Shruth na Maoile. 'S e dleastanas eachdraichean Gàidhlig aithrisean a chur ri chèile a tha gu feum aiseirigh chultarach nar latha fhèin. Feumaidh sinn greimeachadh air ar n-eachdraidh choitchinn agus guthan ùra a thoirt am follais an aghaidh, mar a thuirt Iain MacAonghais, an '"imperial" idea'.[13] An àite do-sheachantais, bu chòir coimhead air mar a thàinig Gàidheil gu bhith nam fìor mhion-chuid ann am pròiseas a bha *gnìomhach* cho math ri structarail de dhìmeas, dearmad agus cur à seilbh. Tha seo a' ciallachadh gum feumar an cànan is cultar a shìor cheangal ris a' cho-theacs eaconomach is phoileataigeach, agus a bhith an-còmhnaidh mothachail do cheistean mu chumhachd, clas agus gnè. A' gluasad air falbh bho sheann sgeulachd an t-seargaidh, thèid againn air cultar beò, toinnte a sgrùdadh, agus air beatha neo-chòrdail, eugsamhail nan daoine a lorg. Bhiodh tuilleadh de rannsachadh dhen t-seòrsa seo, a tha an dà chuid breithneachail *agus* stèidhichte air dlùthachd[14], a' cur ri iomairtean airson atharrachaidhean sòisealta is cànanach an-diugh.

'S fhiach e meòrachadh cuideachd air na thuirt Fionnlagh Dòmhnallach mu a bheatha anns na Hearadh. A' fàs suas às dèidh a' Chogaidh Mhòir, cha robh call na Gàidhlig air fàire dha theaghlach – bha iad ro thrang ga cleachdadh, fad 's a bha iad a' feuchainn ri beòshlaint a dhèanamh.

> When, belatedly, various organizations began to realize that we had a language and culture worth preserving they began sending representatives round exhorting us to 'keep our language alive' and enlisting us in organizations for which we had to take solemn oaths promising 'to be a true Highlander as long as I live'. Up to that point we hadn't even been aware that our language was in danger of dying; we were merely learning an extra and more useful one. Nor were we aware that, as Highlanders, we were an endangered species.[15]

---

contradiction'. Charles W. J. Withers, *Gaelic Scotland: the transformation of a culture region* (Lunnainn: Routledge, 1988), td. xii.

[11] Tha mi gu mòr an comain an uilt sgoinneil aig Domhnall Uilleam Stiùbhart, 'Eachdraidh na Gàidhealtachd aig toiseach linn ùir' ann an Colm Ó Baoill agus Nancy R. McGuire, *Rannsachadh na Gàidhlig 2000* (Obar Dheathain, 2002), tdd 279–84; Raymond Williams, *Marxism and literature* (Oxford: Oxford University Press, 1977), caib. 9.

[12] Wolf, 'Language change', tdd 280-281; td. 284.

[13] 'Most of what has been written, it seems to me, about the history of the Highlands is governed, often quite subtly, by an 'imperial' idea. Nor is this confined to the period in which the Gaels served the British Empire. As we all know, there has been some reaction to that kind of historiography, especially in the last few years. But the reaction is still largely against economic imperialism and the erosion of our identity as a distinctive people.' John MacInnes, 'Religion in Gaelic Society', *TGSI*: LII, 1980-82, td. 223.

[13] Wolf, ibid., tdd 280-281; td. 284.

[14] *Solidarity.*

[15] Finlay J. MacDonald, *Crotal and white* (Lunnainn: Macdonald & Co, 1983), td. 143. Às dèidh sin, b' e beachd an Dòmhnallaich gun do thòisich an t-atharrachadh cànanach na choimhearsnachd anns na 1930an. *The corncrake and the lysander* (Lunnainn: Macdonald & Co, 1985), td. 55. Cuideachd mun aon àite, thuirt Ruairidh MacThòmais, 'At the beginning of this century in Harris for example, it might have seemed just as sensible to found an Association for the Encouragement of Breathing as to found a Branch of An Comunn; they spoke Gaelic anyway, just as they breathed'. Ann am Frank Thompson, *History of An Comunn Gaidhealach: the first hundred* (Inbhir Nis: An Comunn Gaidhealach, 1992), td. 93. Ron Chogadh Mhòr, saoilidh mi gum biodh seo a cheart cho fìor mu Ìle.

Cha bu chòir, agus chan urrainn dhuinn fìrinn a' chrìonaidh a sheachnadh, ach bho shealladh eile – an sealladh Ìleach mar eisimpleir – bha fìor leantalachd anns an roinn chànanaich is chultaraich sin, air a bheil a' Ghàidhealtachd. Tha e coltach gum b' i a' Ghàidhlig prìomh chànan nan Ìleach co-dhiù bhon 12na linn gu uaireigin san 20mh linn.[16] Airson iomadach boireannach is fear, b' ann troimhpe a chuir iad seachad an làithean, b' ann innte a chuir iad eòlas air an t-saoghal, b' i an saoghal. Ach dè bha seo a' ciallachadh?

Ìle ann an 1891

Bheir sinn sùil an seo air an t-suidheachadh ann an 1891, nuair a rinneadh a' chiad mheasadh earbsach air comas-labhairt na Gàidhlig. Ann an Clàr 1 chìthear an uiread de dhaoine a bha dà-chànanach no aona-chànanach anns gach sgìre. Sa bhliadhna sin, bha Ìle gun teagamh na àite far an robh daoine mar gum b' eadh ag analachadh ann an Gàidhlig. Bha i aig 91% de dhaoine san eilean (a' cur air falbh clann fo thrì bliadhna am measg na feadhainn gun Ghàidhlig). A bu laige ann an Cill Mheinidh agus Bogh Mòr, agus i aig 87.3% agus 88.2% den t-sluagh, b' ann ann an sgìre Phort na h-Abhainne a bu treasa a bha i, agus uiread smaoineachail de dhaoine leis a' chànan: 95.8%. Cha robh ach 35 ann an sin aig nach robh ach a' Bheurla. An seo, thathas a' bruidhinn air daoine le 'Gàidhlig is Beurla' *agus* 'Gàidhlig a-mhàin'. Ann an Cill Chomain, gheibhear an uiread as motha de luchd-labhairt Gàidhlig a-mhàin, a' sreap ri trian den iomlan aig 28%. Tha e inntinneach gun robh barrachd dhaoine ma b' fhìor dà-chànanach ann an sgìre Phort na h-Abhainne na Cill Chomain. 'S dòcha gum b' e a bu choireach, gun robh gnìomhachas an iasgaich am Port na h-Abhainne, agus a ceanglaichean làidir ri Baile an Chaistil agus àiteachan eile ann an Èirinn, a' ciallachadh gum biodh feum aig daoine air Beurla – ged a bha Gaeilge fhathast ann an Aontroim is Reachlainn chun an 20mh linn. Air an làimh eile, 's e sgìre àiteachais a bha ann an Cill Chomain, agus ceàrnaidhean dhi air co-dhaingneachadh fearainn a sheachnadh.[17] Chan eil e na iongnadh gu bheil barrachd de luchd na Beurla ann an sgìre Bhogh Mòr, am baile a bu chudromaiche san eilean, no a rèir an uireid ann an Cill Mheinidh, far an robh tuathanasan soirbheachail ann. 'S e a tha inntinneach gu bheil faisg air an aon uiread de dhaoine le Gàidhlig a-mhàin anns an aon sgìre. Fiù 's ged a b' e clann òga a bhiodh ann an cuid dhiubh sin, tha e a' sealltainn gun robh gu leòr de dh'inbhich a' còmhnaidh anns an aon àite nach robh comasach air bruidhinn ri chèile, a dh'fhaodadh a bhith a' gluasad ann an àrainnean no lìonraidhean eadar-dhealaichte. Anns a' chòrr de na sgìrean, tha tuilleadh aona-chànanach Gàidhlig na aona-chànanaich Bheurla, agus iad fhathast nam buidheann shusbainteach.

[16] Gun teagamh, bha i ann fada ron seo. Bha Ìle fo cheannas Dhál Riata san 6mh linn, nuair a bhiodh Gàidhlig aig na h-urracha mòra co-dhiù, agus am measg nam manach Crìostaidh a stèidhich eaglaisean ron 9mh linn leithid Chill A Rubha, Cill Mheinidh agus Chill Chomain. David Caldwell, *Islay: the land of the lordship* (Dùn Èideann: Birlinn, 2008), tdd 19-25; Margaret Storrie, *Islay: biography of an island* (Ìle: Oa Press, 2011), tdd 31-35. Tha argamaid làidir aig Alan Macniven, ge-tà, gun robh buaidh nan Lochlannach fada na bu mhotha na bhathas an dùil roimhe seo. A rèir fianais nan ainmean-àite, tha a h-uile coltas ann nach do mhair Gàidhlig ann an Ìle eadar mun 9mh linn agus 's dòcha an 12na linn. Ann an Caldwell, *Islay*, tdd 26-31.

[17] Seo puing a bha aig Iain MacMhurchaidh (John Murdoch) ainmeil mu thaobh an iar Loch Ghruinneirt, ann an 'The latest reciter of Sgeula Chois O'Cein', *The Celtic Monthly* 9:1 (Ògmhios 1893), td. 138.

Clàr 1: Cànan ann an Ìle, 1891

	(a) Àireamh-shluaigh	(b) Àireamh-shluaigh (a' cur air falbh chloinne fo 3 bliadhna a dh'aois *aig nach robh Gàidhlig*)	Gàidhlig a-mhàin		Gàidhlig agus Beurla (%)		Gàidhlig gu lèir (%)		Beurla a-mhàin (%)	
			(a/b)	%	(a/b)	%	(a/b)	%	(b)	%
Cill Chomain	1,799	1,717	483	28%	1,090	63.5%	1,573	91.5%	144	8%
Cill Daltain	2,036	1,950	274	14%	1,508	77%	1,782	91%	167	8.6%
Cill Mheinidh	805	775	85	11%	591	76%	676	87%	99	12.8%
Bogh Mòr	1,840	1,754	168	9.6%	1,370	78%	1,538	87.7%	206	11.7%
Port na h-Abhainne	869	839	145	17%	659	78.5%	804	95.8%	35	4%
Iomlan	**7,349**	**7,035**	**1,155**	**16%**	**5,218**	**74%**	**6,373**	**90.6%**	**651**	**9%**

Tùs: Leabhraichean-àireamhaiche cunntas-sluaigh 1891. NB. Ann an colbh (b), chuireadh air falbh clann fo aois 3 bliadhna a dh'aois ach an fheadhainn a bha comharraichte mar luchd-labhairt na Gàidhlig. Carson? Gun seo a dhèanamh, bhiodh an àireamh de 'luchd na Beurla' na b' àirde, a' gabhail a-steach tòrr chloinne ann an teaghlaichean Gàidhealach aig nach robh comas bruidhinn fhathast. Tha an àireamh air fhàgail nas earbsaiche airson aona-chànanaich Bheurla a riochdachadh.

Tuigidh sinn nas fheàrr ma choinnicheas sinn ri cuid de na h-Ìlich.[18] Ann am prìomh shràid Phort Sgioba, tha Teàrlach agus Jane NicGilleBhrath agus an teaghlach. 'S e saothraiche coitcheann a tha ann an Teàrlach, 55 bliadhna a dh'aois, agus à Port na h-Abhainne coltach ri a bhean (50). Tha an teaghlach air fad gun Bheurla, nam measg an nighean, Magaidh (21), agus an ogha, Beatsaidh (7). Tha teaghlach an nàbaidhean, Màiri agus Gilleasbuig Mac an Tuairneir, an t-iasgair, cuideachd gun Bheurla, agus sianar aca ann eadar dà bhliadhna gu 42 bliadhna a dh'aois. An uair ud, cha robh e mì-àbhaisteach diofar ghinealaichean a bhith aona-chànanach, a' gabhail a-steach sgoilearan. Feumar a bhith faiceallach mun fhianais, ach tha i a' cur air shùilean dhuinn nach e buaidh shìmplidh a bha aig Achd an Fhoghlaim (1872). Tha teans gun robh Gàidhlig ga cleachdadh leis an tidsear, no nach robh clann dhà-rìribh a' togail na Beurla a bha ann, mar eisimpleir ri linn 's nach biodh iad a' frithealadh na sgoile. Tha na teaghlaichean seo air an cuairteachadh le Gàidheil – leis a' Bheurla, agus às a h-aonais. Ach, gu math faisg orra, tha taigh de dh'Èireannaich gun Ghàidhlig idir. B' e saothraiche taigh-staile a bha ann an William Crawford (40), maille ri a dhithis chloinne aige agus a bhean. 'S e daoine cuimseach bochd a bha anns na h-eisimpleirean seo uile, a' fuireach ann an taighean anns nach robh ach dà sheòmar le uinneag. Ach tha clas sòisealta air a chur an cèill gu cànanach. Mar a bhiomaid an dùil, tha na h-urracha mòra, agus an t-uabhas de dhaoine eile aig an robh ùghdarras – na tidsearan, na biurocratan, oifigearan nan Cìsean Nàiseanta is eile – air tighinn a-steach don eilean agus iad gun Ghàidhlig idir. Ann an taighean mòra, a' sealltainn grunn sheòmraichean le uinneagan, b' urrainnear geall a chur gun e Goill a tha a' còmhnaidh ann. Mar eisimpleir, ann an sgìre Bhogh Mòr: 17 seòmraichean ann an Ealabus, J. S. R Ballingal à Fìobha, maor na h-oighreachd; 15 seòmraichean ann an Dail, William Weir à Cumnag Nuadh, tuathanach mòr. B' ann a bha Gàidhlig mar as àbhaist aig an seirbheisich. Aig a' cheann eile, tha e coltach gu bheil aona-chànanaich Ghàidhlig am measg na feadhainn as bochda sa choimhearsnachd, is iad gu bitheanta ann an obraichean mì-sgileil agus taighean beaga.

[18] Tha am fiosrachadh a leanas bho leabhraichean-àireamhaiche cunntas-sluaigh 1891.

Tha barrachd bhoireannach na fir gun Bheurla anns a h-uile sgìre, ach tha an ceudad ann an dà-rìribh faisg ach ann am Bogh Mòr (62%) agus Port na h-Abhainne (58%).

Rudeigin a tha a' seasamh a-mach, 's e mar a bha clas-meadhanach Gàidhlig ann, a thuilleadh air a' chlas-obrach.[19] Bha cuid de Ghàidheil dhà-chànanach nan tuathanaich mheadhanach mòr, tha eisimpleirean ann de luchd-lagh, lannsair (air cluanaidh), marsantan, manaidsearan agus ministearan. Air uairean, chìthear boireannaich cuideachd os cionn tuathanas no gnothachas, agus iad nam banntraichean. Bha Iseabail NicIlleMhìcheil (47) air Sràid a' Chladaich am Bogh Mòr, ge-tà, na tuathanach *nach robh* pòsta. Ann an taigh cuimseach mòr le sia seòmraichean-uinneige, bha ceathrar sheirbheiseach aice, agus Gàidhlig is Beurla aca uile. Agus an aon rud le Catherine NicIain (36), tuathanach Thàlant, ann an taigh le seachd seòmraichean, agus ceathrar sheirbheiseach. Tha e cudromach aithneachadh gun robh boireannaich dhen leithid ann, a dh'aindeoin 's gun robh ceannas follaiseach aig fir sa chomann-shòisealta. Air an aon dòigh, ma bha àireamhan agus inbhe – gu seachd àraid anns an eaglais – aig Gàidheil, bha am fìor chumhachd is beairteas ann an làmhan luchd na Beurla.[20]

Bha an suidheachadh ann an 1891 a' sealltainn gun robh Beurla – aig ìre air choireigin – aig a' mhòr-chuid de dhaoine san eilean. Ach tha leantalachd eadar ginealaichean, nàdar nan dàimhean teaghlaich, agus làthaireachd shusbainteach aona-chànanachais, a' comharrachadh gum b' i a' Ghàidhlig prìomh chànan làitheil nan daoine.

Carson Ìle?

Chaidh Ìle a thaghadh mar àite rannsachaidh air corra adhbhar. Tha i gu math bitheanta air a fàgail a-mach à cunntasan farsaing air a' Ghàidhealtachd, ged a tha i gun teagamh mar phàirt dhen roinn chultaraich sin chun an latha an-diugh, agus ged a bha buaidh aibheiseach mòr aig Ìlich air saoghal na Gàidhlig san dàrna leth dhen 19mh linn – ann am foillseachadh, litreachas, cruinneachadh beul-aithris, sna h-eaglaisean is eile. Ann an dà-rìribh, airson eachdraidh an linne ùr-nodha, tha a' chuid mhòr de sgoilearan air cuimseachadh air fìor cheann an iar-thuath na Gàidhealtachd agus na h-Eileanan an Iar.[21] Chan eil Ìle a' leantainn an aon phàtrain riutha, agus cha robh i air a meas buntainneach do phrìomh chuspairean eachdraidheil na roinne:

- Seumasachd is Bliadhna Theàrlaich;
- Na fuadaichean is croitearachd;
- An Dealachadh is clèireachd shoisgeulach.

Tha seo cuideachd fìor, gidheadh gu diofar ìrean, mu ghrunn sgìrean eile ann an Earra-Ghàidheal, Siorrachd Pheairt agus ceàrnaidhean Gàidhealach air an taobh an ear. B' e àiteachan air crìoch na roinne a bha annta seo,

[19] Tha cruinniche beul-aithris Elizabeth Kerr a' toirt iomradh air clas ann an Ìle: 'The Gael, I mean the poorer classes and the farming class'. Sgoil-Eòlais na h-Alba, Cruinneachadh MhicLagain: MML5329.
[20] Mar a dh'innis Iain MacMhurchaidh na bu tràithe, mu 1859: '"factors" [...] and "high farmers" come from the Lowlands'. Na làmh-sgrìobhainn 'Queen of the Hebrides', (NLS) MS. 14986, td. 152.
[21] Mar eisimpleir, 's gann gu bheil Ìle a' nochdadh ann an cuid de na prìomh obraichean air a' Ghàidhealtachd san 19mh linn, m.e.: James Hunter, *The making of the crofting community* (Dùn Èideann: John Donald, 1976); Douglas Ansdell, *The people of the great faith: the Highland church, 1690-1900* (Steòrnabhagh: Acair, 1998). Tha obair T. M. Devine a' toirt barrachd aire don eilean, ged a tha a' chuimse fhathast air an iar-thuath: *Clanship to crofters' war: the social transformation of the Scottish Highlands* (Manchester: Manchester University Press, 1994); *The Great Highland Famine: Hunger, Emigration and the Scottish Highlands in the Nineteenth Century* (Dùn Èideann: John Donald, 1995). Chan e càineadh a tha seo, bha deagh adhbhar aig Hunter agus Ansdell, mar eisimpleir, cuideam a chur air a' cheàrnaidh seo – far an robh croitearachd agus clèireachd shoisgeulach làidir. Ach tha e na chomharra nach eil Ìle a' co-fhreagairt ri mìneachaidhean eachdraidheil nan àiteachan sin.

a' suathadh ris a' Ghalltachd – ged nach b' urrainnear sin a ràdh mu Ìle. Anns an tràchdas seo, cha tèid againn ach air beachdachadh gu ceart air an treas puing mu chreideamh. Cha robh Ar-a-mach nan Seumasach a' toirt buaidh dhìreach air an eilean, seach 's gun robh e stèidhichte ann an dùthaich Phròstanach shìobhalta nan Caimbeulach san 18mh linn. Dh'fhaoidte argamaid gun robh 'Cùil Lodair' nan Ìleach air tachairt roimhe ann an 1647, nuair a chuireadh às don oidhirp mu dheireadh aig Dòmhnallaich Dhùn Naomhaig air àite an dùthchais a ghleidheadh, agus Alasdair MacColla air an ceann.[22] Dh'fhaodadh rannsachadh air beul-aithris agus tùsan Gàidhlig eile uinneag ùr fhosgladh dhuinn air Earra-Ghàidheal san 18mh linn.

Tha ceist an fhearainn fada nas cudromaiche, agus nas inntinniche, ann an Ìle na bhite an dùil bhon sgrìobhadh làithreach. Chaidh eagrachadh bunaiteach an àiteachais agus na h-eaconamaidh a dhèanamh tro bhith a' sgaradh a' mhòr-chuid de dhaoine bhon fhearann san 19mh linn. 'S e an t-eadar-dhealachadh mòr an taca ri ceàrnaidhean mu thuath, nach deach croitean a chruthachadh mar as trice. Bha na daoine, gu h-àraid anns na ciad deicheadan den 19mh linn, air an gluasad 's air am putadh gu bailtean dealbhaichte ùra leithid Phort Ilein, Phort na h-Abhainne, Phort Sgioba is eile.[23] Ged a bha còir lotaichean beaga a bhith aca, ann an dà-rìribh, bu ghann a bha cothrom aca air bith-beò a dhèanamh bhon fhearann, agus 's e àiteachan dìblidh bochd a bha anns na bailtean stèidhichte air obraichean mì-sheasmhach leithid iasgaich, breabadaireachd, agus saothrachaidh do na tuathanaich. Chaidh loidig an ath-eagrachaidh 's a' chuir à seilbh a leantainn tron 19mh linn air feadh an eilein gus an robh a' chuid a bu mhotha a' còmhnaidh anns na bailtean.[24] A' gleac ris an neo-ionnanachd san robh iad, bha Ìlich a' coiteachadh airson fearann – lotaichean agus croitean cearta – ann an Coimisean Napier (1884), Coimisean nam Frìthean (1892) agus às dèidh a' Chogaidh Mhòir. Thug an riaghaltas fearann do chuid glè bheag de dhaoine mun àm sin,[25] agus san fharsaingeachd, cha robh na h-Ìlich soirbheachail dùbhlan a thoirt don mhion-chuid aig an robh smachd air fearann is goireasan an eilein.

Thòisicheadh le iomradh air call an t-sluaigh, agus air crìonadh na Gàidhlig. Feumar ceist an fhearainn – no toirt air falbh a' choitchinn (*commons*)[26] – a chur ri seo. Tha iad seo suainte ri chèile, a' togail ceann ann an susbaint a' chultair cho math ri a cho-theacs, agus 's e ceistean èiginneach a tha annta san 21mh linn.[27]

Tha suidheachadh cruinn-eòlach na adhbhar mòr eile airson Ìle a sgrùdadh. Chan eil eilean Gàidhealach sam bith eile cho faisg air Èirinn, agus aig a bheil an uiread de cheanglaichean rithe. Chaidh subhachas agus brosnachadh a dhèanamh ris an dàimh eatarra leis a' bhàrd Ìleach, Uilleam MacDhunlèibhe agus a charaid a

[22] Tha David Caldwell fiadhaich math air an eachdraidh-sa. *Islay: land of the lordship* (Dùn Èideann: Birlinn, 2008); 'When he left Islay, Alasdair left his father, Colla Ciotach, in command of Dùn Naomhaig, where he was besieged and forced to surrender. Argyll then tried and hanged him, it is said from the mast of his own galley, which was placed in a cleft of a rock near Dunstaffnage. *It is* [...] *said that Islay people still regard Alasdair with contempt, because he abandoned his men there*.' Mo chuideam. Colm Ó Baoill, deas, *Gàir nan clàrsach: an anthology of 17th century gaelic poetry* (Dùn Èideann: Birlinn, 1994), tdd 12-13. Chan eil mi air a leithid de bheachd a lorg anns a' bheul-aithris, ge-tà. Tha uirsgeul air Alasdair MacColla ann an Cruinneachadh MhicLagain, MML6126-8. Agus tha am port is òran ainmeil, 'Colla Mo Rùin' – a bha a rèir coltais air a sheinn le pìobaire gus rabhadh a thoirt do Cholla Ciotach – ri fhaotainn aig na h-Ìlich: SA1969.12.A4.

[23] Thoir sùil bhreithneachail, mar eisimpleir, air Margaret Storrie, *Islay: biography of an island* (Ìle: Oa Press, 2011), tdd 152-156, agus caibideil 9 gu lèir. Agus, am mìneachadh eile aig Iain MacMhurchaidh air na bailtean ann an *Report of Her Majesty's commisioners of Inquiry into the condition of the crofters and cottars in the Highlands and Islands of Scotland* [Comisean Napier] (1884), tdd 3085-86, 3090.

[24] Tha Coimisean nam Frìth na thùs gun samhail airson suidheachadh an fhearainn anns an dàrna leth dhen 19mh linn. *Royal Commission (Highlands and Islands, 1892)*, tdd 785-816, 827-837.

[25] Storrie, *Islay*, tdd 193-4. Tillear chun na puing seo sa Cho-dhùnadh.

[26] Mar a chuireadh Peter Linebaugh air: *Stop, thief! The commons, enclosures and resistance* (Oakland: PM Press, 2014).

[27] 'Islay [...] is home to 3,000 people but most of the island is owned by just a few wealthy men, highlighting a fault line in the rural life. [...] It looks idyllic - and prosperous - but *this is also a land of sorrow and decay*.' '"We've been here for 160 years," says Lord Margadale, "we care about it, we're not milking it.' Mo chuideam. James Cook, 'Land reform – the battle to decide who owns Scotland' (23 Ògmhios 2015), < http://www.bbc.co.uk/news/uk-scotland-33225369 > [ruigte 23.6.15].

thogadh san eilean, Iain MacMhurchaidh, anmoch san 19mh linn.[28] Anns an ùine-sgrùdaidh againn, bha an càirdeas sin air a shealltainn ann an gnìomhachas an iasgaich, feartan sgìre Phort na h-Abhainne,[29] malairt, mar a bhiodh Ìlich a' dol a-null gu Fèill Lùnastail Bhaile an Chaistil, agus Èireannaich ag obair san eilean.[30] Bha an fhìrinn aig MacMhurchaidh, ge-tà, agus e ag innse mar a bha beàrn air fàs eatarra[31] – thoradh san 20mh linn, lean sin air a' fàs agus chunnacas briseadh nan seann nasgaidhean, ri linn dol fodha an iasgaich, an Cogadh Mòr is eile.

Cha robh astar mòr eadar Ìle agus a' Mhachair Ghallta na bu mhotha. Bho mheadhan an 19mh linn, b' ann a bha barrachd Ìleach a' falbh a dh'obair eadar Grianaig agus Glaschu. Dh'fhàs iad gu bhith aig teis-meadhan na bha ann de choimhearsnachd Ghàidhlig a' bhaile-mhòir –agus b' ann an sin a fhuair leithid MhicDhunlèibhe, agus nam foillsichearan Gilleasbuig Mac na Ceàrdadh is mhac, an cliù 's an soirbheas.[32] Bha an Comann Ìleach air a stèidhicheadh ann an Glaschu an 1862, a' riochdachadh agus a' coiteachadh às leth an eilein aig ìre nàiseanta.[33] Ann an rannsachadh a rinneadh na bu tràithe, lorgadh gun robh tuilleadh Ìleach na eileanaich eile a' fuireach ann am Baile a' Ghobhainn anmoch san 19mh linn, mòran dhiubh ag obair anns na gàrraidhean-shoithichean.[34] Tha fios cuideachd gum biodh Ìlich a' toirt beagan dhen bhaile-mhòr air ais leotha, ag atharrachadh an coimhearsnachdan le beachdan, fasanan agus iarrtasan ùra. Sin agus clann cuideachd: tha an cunntas-sluaigh a' foillseachadh eisimpleirean ùidheil de chlann às a' bhaile-mhòr ann an teaghlaichean de dh'Ìlich. Rugadh Magaidh Cheanadach (4) ann an Glaschu, agus ann an 1891 bha i a' fuireach ann an teaghlach a h-antaidh, Janet Chaimbeul (55), agus a cuid chloinne a bha uile à Ìle.[35] Bha a leithid cuimseach bitheanta, agus e ag innse diofar rudan, nam measg, 's dòcha mar a bha a' choimhearsnachd Ìleach a' cur taic rin càirdean air a' Ghalltachd, fad 's a bhiodh iad fhèin a' cur airgead dhachaigh.

---

[28] Donald E. Meek, 'The world of William Livingston' ann an Derrick McClure et al, deas, *A land that lies westward: language and culture* in Islay and Argyll (Dùn Èideann: John Donald, 2009), tdd 149-171. 'Livingston sees a cultural corridor which extends from Islay and Gaelic Scotland to Ireland. This operates on the basis of a shared language, a shared history, and a shared sense of external oppression, which has destroyed the old foundations. Livingston is again unusual in giving Ireland such a prominent place in his verse.' Ibid., td. 168. Agus anns an làmh-sgrìobhainn aige, 'Queen of the Hebrides', tha Iain MacMhurchaidh a' sgrìobhadh mu 1859, mar gum b' eadh e na neach-turais Èireannach a' tadhal air Ìle. ''S e an t-amas a bha aige: 'to bring the people of Ireland and the people of Scotland into a better understanding, and *using Islay, the smaller Ireland*, for the purpose of illustrating the case of the larger Green Isle'. (NLS) MS.15986, td. còmhdach (mo chuideam).

[29] Air obair an èisg, malairt ri Èirinn agus Port na h-Abhainne: SA1969.152.A5. Ìlich agus Èireannaich: SA1969.08.B3.

[30] Sgrìobh Donnchadh Fearghasdan à Port na h-Abhainne alt inntinneach air a' chuspair bho chionn ghoirid: 'Aghaidh ri Èirinn, agus cùl ri Alba' ann am blog *Dàna* < www.danamag.org/aghaidh-ri-eirinn-agus-cul-ri-alba/ > [ruigte 1.7.15].

[31] 'With all the improvements which have taken place, of late years, in our travelling accommodation, we have become worse, instead of better, acquainted with some of our old friends and neighbours. In the times which we call "olden", when the clans of Albyn and Innisfail spoke a dialect of the Celtic tongue, perfectly and easily intelligible on either coast, *the Irish channel was a ready means of communication, where now it is truly a water of separation*. The people of Donegal and Antrim communicated directly and mixed freely with those of Kintyre and Islay: and even now, with a mail packet station at Donaghadee and Portpatrick, there is not half the intercourse between the people of Galloway and those of Antrim and so on, that there was long before steamboats were constructed [...].' Ibid., tdd 2-3 (mo chuideam).

[32] Agus far an robh iad an sàs ann a bhith a' cur ri poileataigs radaigeach: Donald E. Meek, 'Radical romantics: Glasgow Gaels and the Highland land agitation, 1870-1890' ann an Sheila M. Kidd, deas, *Glasgow: baile mòr nan Gàidheal* (Glaschu: Roinn na Ceiltis, 2007), tdd 161-185.

[33] Faic: Roy M. Cameron, *The Glasgow Islay Association: a history* (Irbhinn: Paterson Print, 2012).

[34] Ann an sampall de Bhaile a' Ghobhainn, 'The number from Islay stood out markedly. In 1871, there were 152 individuals from this island alone equating to around 34 per cent of all those from Argyll. Islay folk came to Govan in droves but were only found in Hillhead to a smaller extent (one-tenth of the Argyll total at most)'. Ach, na b' anmoiche ann an 1901: 'these places of origin remained important but there were large changes. Islay-born in this year numbered a smaller 82 individuals, and Skye was also down to 54. On the other hand, those coming from Campbeltown had risen to 58 and from the Hebrides (excluding Lewis) there were 90. Most noticeable of all was the rise of Lewis-born from only 16 individuals in 1871 to 105 in 1901 – becoming the most important island for migrants to Govan.' Tòmas MacAilpein, 'Highland migrant workers in Glasgow, c. 1870-1900' (Oilthigh Ghlaschu: tràchdas MSc neo-fhoillsichite, 2010), td. 40.

[35] Leabhraichean àireamhaiche a' chunntais-shluaigh, 1891.

Tha cho eadar-dhealaichte agus, mas fhìor 'annasach', agus a tha Ìle a' leigeil leinn beachdan stèidhichte mun Ghàidhealtachd a cheasnachadh. Le bhith a' cleachdadh tomhais de dhòigh-obrach choimeasach, a' cur an eisimpleir Ìlich ri taobh fianais eile à Earra-Ghàidheal, no à Uibhist, Leòdhas is eile, bidh e comasach dhuinn nithean ùra ionnsachadh mu chultar agus comann-sòisealta nan Gàidheal. Tha an dòigh-obrach seo gu sònraichte fìor mu earrann a' chreideimh san tràchdas, ach chaidh oidhirp a dhèanamh a ghabhail a-steach gu caibideilean eile. Tha an dualchainnt a' samhlachadh eadar-dhealachadh. Thuirt gu leòr dhe na fiosraichean agam gun robh fìor dhuilgheadasan aca Gàidhlig a thuigsinn anns na meadhanan, gu seachd àraid Gàidhlig Leòdhais: 'Bidh mise ag èisteachd ri [BBC] Alba , agus corr' uair chan eil fhios 'am air thalamh dè tha iad ag ràdh!'.[36] Bhruidhinn Maighread Challan air mar nach eil suim ga gabhail do dhualchainnt Uibhist a Tuath.[37] Feumaidh 's gu bheil an suidheachadh fiù 's nas dorra ann an Ìle far a bheil gainnead de ghoireasan maille ri fìor fhaireachdainnean de dhìmeas: 'Agus tha iad ag ràdh gun e Gàidhlig nan ceàrdan a th' a'ainne, an seo an Ìle. *Tinkers' Gaelic*!'.[38] Gu mì-fhortanach, tha seo a' ceangal ri mì-rùn an aghaidh luchd-siubhail, buidheann a tha mar 'Eile' nan Gàidheal.[39]

Tha iomadachd agus beairteas cultarach gan toirt am follais le coimeas *taobh a-staigh* an eilein cuideachd. Bu chòir cuimhneachadh gun robh, a thuilleadh air diofaran a thaobh clas, gnè, cànan is eile, eadar-dhealachaidhean brìgheil eadar sgìrean, agus a bhlas agus fheartan fhèin aig gach baile. 'S e bun-chùis, uaireannan iongantach, a tha seo a tha a' ruith tro na caibideilean gu lèir. Bha fèin-aithne ionadail làidir air a riochdachadh – cleas cheàrnaidhean eile – leis na far-ainmean a bha air daoine às gach baile:

Gearra-ghobagan na h-Àirde-bige,
Cearcan-dàite Lag a' Mhuilinn,
Tunnagan Laphròaig,
Balaich thapaidh Phort Eilidh,
Is Cuthagan na h-Oa.[40]

Bha na far-ainmean a leanas air chuimhne Gilbert Mhic a' Chlèirich: 'Piocai' bheag Phort na h-Abhainne, Lèabagan Phort Charlotte, Sgèabairean Bhogh Mòr'.[41] Agus, bha fiù 's còmhstri rudeigin mosach ann, mar a

[36] Mairead NicCathBharra, TM7. Cuideachd: 'tha mi...fhathast tha mi smaointeachadh tha mòran de, tha thu cluinndinn air a' telebhisean 's air a' rèidio, tha e car dorbh a thuigsinn, thaobh chan eil thu cleachdte ris a' Ghàidhlig sin às eileanan eile'. Robin Currie, TM1. Agus Peigi NicEachairn, TM8: 'Coinneach Mòr: chan eil fhios 'am dè tha e ag ràdh!'.

[37] Maighread A. Challan, *Air bilean an t-sluaigh: sealladh air leantalachd beul-aithris Ghàidhlig Uibhist a Tuath* (Béal Feirste: Cló Ollscoil na Banríona, 2012), td. 178.

[38] Peigi NicEachairn, TM8.

[39] Tha deagh fhiosrachadh aig John Kennedy air luchd-siubhail ann an Ìle, agus Earra-Ghàidheal: SA1969.153.A4; SA1969.153.A6. Tha ceist orm an robh Iain Stiùbhart de theaghlach luchd-siubhail stèidhichte: ''S e ceàrdaich a bha sinn, bha m' athair na ghobha...', agus a rèir a chinnidh cuideachd, ach tha seo air eadar-theangachadh, 'We were smiths, my father was a blacksmith'. Emily Edwards, deas, *Seanchas Ìle: cruinneachadh, clàrachadh agus gleidheadh dualchas Gàidhlig Ìle* (Gleann Da-Ruail: Argyll Publishing, 2007), tdd 104-105. Chan eil mi a' dol le Maighread Challan air cleachdadh an fhacail 'ceàrd', air an aon dòigh 's nach bu chòir am facal 'tinker' a chleachdadh sa Bheurla. Challan, *Air bilean*, td. 39.

[40] Bhiodh e math barrachd eisimpleirean dhen t-seòrsa seo a thrusadh. Hector MacDougall, 'Far-ainmean is inisgean nan Gàidheal' ann am Peter MacDougall, deas, *The Active Gael: being papers read before the Gaelic Society of Glasgow* (Glaschu: Archibald Sinclair, 1934), td. 81. 'S e tùs beag togarrach a tha seo. Bha an Dùghallach – à Colla – mion-eòlach air Earra-Ghàidheal gu lèir agus b' e a dheasaich *Bàird Chill-Chomain* (1936). Bha amaladh-cainnte aige à Ìle:

'Cailin dubh á Eorabu,
Cailin donn an Carrabus,
Cailin chridheil Uisge 'an t-Suidhe,
Luisrichean na Carraige Duibhe,
'S Pioraitean Charàinne.' (Ibid.)

sgrìobh Elizabeth Kerr sna 1890an: '[t]he Conspie [*sic*] people speak with contempt of the Port Charlotte people, and of their Gaelic, while the Port Charlotte people return the complement by speaking most contemptuously of the Conspie, and the Portnahaven people'. Gu dearbh, a' bruidhinn air muinntir Phort na h-Abhainne, '[t]he other day a joiner who was making some repairs [...] said "they are not like the people of this island at any rate, they do not belong to this island [...]"'![42]

A' bruidhinn gu pearsanta, cha deach mo tharraing gu eachdraidh Ìle air sgàth buntanas sam bith don eilean. 'S ann à Pàislig agus Glaschu a tha mo theaghlach-sa, agus b' ann às a' Ghàidhealtachd is a' Ghalltachd an iar a bha mo shinnsearachd. Gu h-ìre, 's dòcha gu bheil Ìle cho inntinneach dhomh air sgàth gur i an eisimpleir as treasa de chultar nan Gàidheal deasach. Agus, cuideachd mar a bha Ìlich bitheanta rin lorg anns na bailtean-mòra – leithid an sgeulaiche is greusaiche, Lachlan MacNèill, a bha a' còmhnaidh ann am Pàislig san 19mh linn. Às dèidh sin, ged a tha mi a' cur cuideam mòr air tùsan Gàidhlig agus air oidhirp a dhèanamh gus èisteachd ri Ìlich fhèin, 's e sgoilear bhon taobh a-muigh a tha annam cuideachd.[43] Bhithinn gu math deònach gabhail ri breithneachadh nan eileanach. Cha robh mòran duilgheadasan an lùib an dualchainnt a thuigsinn, ach saoilidh mi gum biodh cluas geur Ìleach gu math feumail airson rannsachadh mionaideach air clàraidhean Sgoil Eòlais na h-Alba san àm ri teachd.

Litreachas air Ìle

'S iad *Islay: a biography of an island* le Margaret Storrie, agus *Islay: the land of the lordship* le David Caldwell an dà phrìomh eachdraidh air an eilean bho linn na cloiche chun an latha an-diugh.[44] Ann an dà-rìribh, bho thàinig leabhar Caldwell a-mach bho chionn ghoirid ann an 2008, bha obair Margaret Storrie gun samhail, agus mar gum b' eadh na h-aithris oifigeil air eaconamaidh is comann-sòisealta ùr-nodha nan Ìleach, fiù 's mus do dh'fhoillsicheadh *Islay: a biography of an island* an toiseach ann an 1981. Thòisich Storrie, mar chruinneòlaiche, air rannsachadh mu Ìle bho 1956, nuair a bha i an sàs anns a' *Chrofting Survey* aig H. A. Moisley agus J. B. Caird ann an Oilthigh Ghlaschu. Agus ann an 1961, thàinig an t-alt cudromach leatha a-mach, 'Islay: a Hebridean exception', a rinn argamaid a tha mar bhun-stèidh don chòrr den rannsachadh aice.[45] Bha seo air a leantainn le grunn altan a chuimsich air cruth-atharrachadh an eilein, no a tharraing air mar phàirt de sgrùdadh nas fharsainge.[46]

Chaidh *Islay: a biography of an island* fhoillseachadh gu ruige seo ann an trì eagrain, am fear mu dheireadh ann an 2011 le leudachadh agus corra atharrachadh. An taca ris na h-uiread de dh'obraichean air eileanan agus

[41] SA1968.098. Nuair a dh'fhaighnich an t-agallaiche dè bha ann an 'sgèabair', thuirt Mac a' Chlèirich '...duine a bhiodh a' cur gruaim, sgèab...'. 'S e saoidhean a tha ann am piocach, no 'piocai'' san iolra.
[42] Cruinneachadh MhicLagain, MML 3579.
[43] Air laigsean is buannachdan sgoilearachd 'o thaobh a-muigh an dualchais', agus 'stèidhte air eòlas àraich', faic: Challan, *Air bilean*, tdd 7-8.
[44] Margaret Storrie, *Islay: biography of an island* (Ìle: Oa Press, 1981, 1997 agus 2011); David H. Caldwell, *Islay: the land of the lordship* (Dùn Èideann: Birlinn, 2008). Sgrìobhadh cuid de na tha anns an leabhar mu dheireadh le Alan Macniven agus Ian Brown.
[45] 'Islay: a Hebridean exception', *American Geographical Society* 51:1 (January 1961), 87-108.
[46] 'The census of Scotland as a source in the historical geography of Islay', *Scottish Geographical Magazine* 78 (1962), 75-93; 'The Scotch whisky industry', *Transactions of the Institute of British Geographers* 31 (1962), 75-93; 'Landholdings and settlement evolution in West Highland Scotland', *Geografiska Annaler* 47 (1965), 138-61; 'The Isle of Islay', *Scottish Field*, August 1981; 'Land use and settlement history of the southern Inner Hebrides', *Proceedings of the Royal Society of Edinburgh*, 83b (1983), 549-66; 'Recovering the historic designed landscape of Islay Estate', *Scottish Archives* 7 (2001), 59-77; '"Green Islay" and the "Green Isle"', ann an Islands Book Trust, deas, *Martin Martin – 300 years on* (Port Nis: Islands Book Trust, 2003), tdd 25-32; 'Settlement and naming in the southern Hebridean Isle of Islay' ann am McClure, Kirk agus Storrie, deas, *A Land that lies westward* (Dùn Èideann: John Donald, 2009), tdd 17-47.

ceàrnaidhean den Ghàidhealtachd, agus a dh'aindeoin cho soirbh 's a tha e ri leughadh, 's e leabhar sgoilearach a tha aig Storrie, bonntaichte ann an rannsachadh tasglainn agus mion-eòlas air an sgrìobhadh-eachdraidh Albannach. Tha dealas aibheiseach air a bhith aice don eilean tro na bliadhnaichean, agus i comasach air sgrìobhadh mu atharrachaidhean a chunnaic i fhèin anns an leth-cheud bliadhna a dh'fhalbh. Tha na tha i air coileanadh susbainteach, ùghdarrasail ach 's e an fhìrinn gur ann tric nach eilear ag aithneachadh na sgeulachd a tha i a' gabhail am measg nan tùsan fhèin.

Tha an leabhar a' ruith air grunn chuspairean eadar creag-eòlas, gnìomhachas an uisge-bheatha, agus fiosrachadh mionaideach mu na h-aiseagan. Aig a chridhe, ge-tà, tha sgeulachd Caimbeulaich Shawfield agus feallsanachd an Leasachaidh. 'S ann a tha Storrie a' toirt seachad àrd-mholadh air na h-uachdarain agus a' dìon an dìleib, cho math ri oidhirpean nas ùire gus an t-eilean a 'mhathachadh'. 'S e a' bhuil a tha ann gun e eachdraidh bhon mhullach a-nuas a tha seo. Chan eil cus ùidh aig an ùghdar anns na bha aig daoine cumanta ri ràdh, seach beachdan agus stiùireadh soillsichte nan urracha mòra. Cha mhòr nach eilear a' coinneachadh ris na h-Ìlich, ach mar a tha iad air an àireamh ann an cunntasan oighreachd, cunntasan-sluaigh is eile. Chan e nach eil iad sin cudromach, no fiù 's nach fhaighear an t-uabhas de fhianais mu bheatha an tuath ann an sgrìobhainnean oifigeil, ach 's gann gu bheil iomradh air sin. 'S e a tha againn eachdraidh-beatha *an eilein*, agus thathas a' sgrùdadh a chuid fheartan corporra, a chuid ghoireasan is stòrais – a' gabhail a-steach nan daoine – agus mar a bha iad air an rianachadh. Tha coimeas follaiseach ri dhèanamh ris na sgrìobh na ministearan urramach anns na *Statistical Accounts* (1791-99 agus 1834-45), is iad cho làn misneachd mu adhartas na dùthcha, a' toirt seachad breithneachadh cruaidh eaconamach bhon mhannsa. Tha cunntas Storrie mar thoradh às an aon chraoibh: saidheans-sòisealta bùirdeasach a tha a' daingneachadh an t-siostaim mu bheil e a' sgrìobhadh. Aon diofar, 's e gun robh creideamh is moraltachd mar phàirt bhunaiteach de Leasachadh do na ministearan, agus cha mhòr gu bheil guth orra ann an obair Storrie.

Cha deach an eachdraidh a sgrìobhadh fhathast a tha a' freagairt cuid de phrìomh argamaidean Storrie mar bu chòir. A' cur gu feum na fianais phrìseil a bha air a seachnadh, gheibhte dealbh gu tur eadar-dhealaichte de chaoimhneas Caimbeulaich *Shawfield*, meud agus àghmhar an cuid atharrachaidhean fearainn, co-theacs ionadail a' Ghorta, agus leantainneachd – cho math ri dol am miosad – a' chuir à seilbh às dèidh sin. Mar eisimpleir, anns na bha aig an Urramach Iain MacNèill, ministear Phort na h-Abhainne, ri ràdh ann an 1883:

> If there are centres of congested population, they are entirely restricted to badly planned villages, the receptacles into which have been unwisely compressed the capriciously evicted crofters, the helpless remnants of emigrated families. The cruel process of eviction commenced in Islay in the year 1831, u*nder the so-called mild administration of the Campbells* [...]. The silent system of depopulation and consequent deportation was vigorously prosecuted all over Islay during the decennium terminating at census 1841. [...] The family dispersal policy, begun by the Campbells, was bitterly intensified under their trustees, and was consumately perpetuated under the suceeding landlords till within a recent date.[47]

Ach a rèir Storrie, '[b]y 1850 the essential steps had been taken that had transformed Islay into a more varied economy and society that had the potential to provide a better life for the majority of its inhabitants'.[48] Tha e doirbh obrachadh a-mach ciamar a fhuair Ìlich chumanta buannachd às a bhith air an cur far an fhearainn, agus air an dinneadh gu na bailtean ainmeil. Àiteachan mun deach innse: 'Bowmore is a very poor place – these

[47] Coimisean Napier (1884), td. 3109. Mo chuideam.
[48] Storrie, *Islay*, td. 183.

country villages ought never to have been built, *they are mere nests of paupers*';[49] 'in Port Ellen I counted thirty houses utterly unfit for occupation',[50] 'the villagers of Port-na-haven are the poorest class of fishing crofters ever I saw',[51] 'You find Bowmore is not prospering? No, *it is a dead hole altogether* [...] they were forced into this little village when they were evicted from their farms, and here they are paupers'.[52] Chaidh na lotaichean beaga a bha aig cuid air oir a' bhaile a thoirt air falbh,[53] bha gealltanasan nan uachdaran air obraichean agus fearann air am briseadh.[54] Tron chòrr den 19mh linn bha daoine a' slaodadh beòshlaint à iasgach, àireamh bheag ann an gnìomhachas an uisge-bheatha, agus saothair do na tuathanaich. Nuair a thugadh èisteachd riutha, aig ceann an linne, bha iad aon-ghuthach agus làidir dhen bheachd gum feumadh iad croitean, lotaichean agus car a chur de phlanaichean nan uachdaran.[55] B' urrainnear a ràdh, gu dearbh, gun robh iad a' diùltadh a bhith nan 'Hebridean exception' – an argamaid a rinn Storrie ann an 1961, gun robh agus gum bitheadh Ìle na b' fheàrr dheth na leithid Bharraigh agus Uibhist, gu h-ìre mhòr air sgàth nach robh i cuingealaichte le croitearachd, gun robh tuilleadh diofar obraichean ann, am measg adhbharan eile.[56] Ann an dà-rìribh, b' ann às dèidh an Dàrna Cogaidh a thàinig piseach ceart air beòshlaint nan Ìleach ri linn stàit nan sochairean agus tòcadh eaconamach nas fharsainge. Cha tug torrachas an eilein, agus nas anmoiche san 20mh linn, soirbheas gnìomhachas an uisge-bheatha agus turasachd buannachd don a h-uile duine, agus cha do chuir iad stad air call sluaigh.[57] Anns a' chaibideil aice air 'Prospect' Ìle, chan eil na ceistean mòra a tha a' bualadh oirnne – call dhaoine, seilbh an fhearainn, agus crìonadh na Gàidhlig – a' tighinn ri càil Storrie, agus na àite tha i a' beachdachadh air ciamar a chothromaichear gleidheadh an eilein mar a tha e agus leasachadh ùr.[58]

Tha mu chòig gu sia taobhan-duilleig den leabhar a-mach air cànan is cultar nan Gàidheal , agus gu bhith cothromach, 's e leudachadh a tha seo air eagrain na bu tràithe. Chan eil coltas ann gu bheil Storrie taiceil do dh'ath-beothachadh cànanach. Bha i air sgrìobhadh a-rithist ann an co-theacs an uilt air Ìle mar 'Hebridean exception', 'Islay has the further advantage of being mainly English-speaking, and it has long been integrated with Lowland ways of thinking and living'.[59] Agus bho chionn ghoirid, tha i air argamaid cuideachd:

---

[49] An t-Urr Eòin MacGilleChrìosd, ministear Bhogh Mòr, *Commission on the employment of children, young persons, and women in agriculture, fourth report* (1867), td. 261.
[50] MacMhurchaidh, Napier, td. 3085.
[51] MacNèill, Napier, td. 3112.
[52] Donnchadh Caimbeul MacEòghainn, Bogh Mòr, *Royal Commission (Highlands and Islands, 1892)*, td. 813.
[53] M.e. ann am Port Ilein, *Royal Commission* (1892), td. 792 (33015), td. 793 (33072); ann am Bogh Mòr, td. 812 (33971), td. 814 (34075); ann am Port Sgioba, chaidh na lotaichean beaga a shlugadh le feadhainn na bu mhotha, chaidh an call msaa, td. 805 (33591).
[54] M.e. ann am Port Sgioba, ibid., td. 806 (33622); agus Bun Othann, Comisean Napier (1884), td. 3113: 'When the late proprietor, Mr Campbell, planned the village of Port Wemyss, he personally pointed out to the people all the land that was to be attached thereto. On the strength of this promise, families secured sites for dwelling houses and settled in the village. This promise as yet remains unfilled'.
[55] Bogh Mòr: 'There are plenty of them crying out for holdings, small bits', *Royal Commission* (1892), td. 814 (34051), 75 iarrtasan sgrìobhte, td. 813 (34002); 'There are a good many in Port Charlotte who are able enough to take a small holding and willing to go', td. 806 (33630); 'What is the general desire of the people of Port-Wemyss with regard to land? – That they should get land', td. 808 (33748), 'have they been fishing for love of the work, or because they had no other means of livelihood? – They were forced to follow it: it is not the love of it', ibid., (33767); bha muinntir Phort na h-Abhainne ag ràdh an aon rud: tdd 810-811.
[56] 'In accessibility, physical endowment, agricultural organization, employment opportunities, age structure and distribution of the population, and amenities, Islay is indeed more favoured than the Outer Hebrides.' Do na h-Eileanan an Iar: 'The remedy there must be longer-term to permit agricultural reorganization and improvements'. Storrie, 'Islay: Hebridean exception', td. 108.
[57] Gu samhlachail 's dòcha, bha àrdachadh beag de cheud duine ann an àireamh-shluaigh Barraigh ann an 2011, fad 's a bha crìonadh ann an Ìle.
[58] Storrie, *Islay*, tdd 265-276.
[59] Storrie, 'Islay: Hebridean exception', td. 105.

> The politically correct re-gaelicisation continues with perplexing signs proclaiming 'Skiba' [sic] (Old Norse *Sgioba*, ship crew or *Skipà*, ship water) for Port Charlotte (after the then laird's mother) or 'Bun na Othan' [sic] (Gaelic, mouth of the river) for Port Wemyss (after the then laird's wife). In a corrective, Stahl noted 'It is understandable that the overwhelming pressure of English in Gaelic territory forces Hebrideans to protect their language and culture. This, however, should not be carried out in a desperate attempt at artificial gaelicisation, which not only wipes out English names but renders some Norse names beyond recognition.[60]

A' bruidhinn ri Gàidheil Ìle, cluinnear gu bheil cuid de dh'ainmean air na bailtean ùra leithid Bun Othann air an cleachdadh gu h-àbhaisteach, ach gur dòcha gun e *Port Charlotte* as trice a tha air am beul seach Port Sgioba. Tha an earrann seo a' cur air chuimhne dhuinn na sgrìobh Gramsci mu mar a bhios cumhachd air a riochdachadh ann an ainmean-àite, cho math ri ailtireachd msaa.[61] 'S e ainmean coloinialach ann an seagh a tha annta seo, air an snaigheadh air an dùthaich ann am Beurla leis na h-uachdarain.[62] 'S coma leinne mun cheartachadh ud shuas, tha Gàidhlig aig mullach shanasan, no leatha fhèin, na phàirt bhunaiteach den aiseirigh. Agus bu chòir gun e roghainn nan Ìleach cumanta dè tha iad ag ràdh ris na h-àiteachan sa bheil iad a' còmhnaidh. Airson eisimpleir eile aig Storrie, carson a bhite toilichte le 'Corran Fhreadaraig' a chur air *Frederick Crescent*, ann am Port Ilein? Nach b' fheàrr Ìlich fhèin a chuimhneachadh air feadh an eilein – 'Sràid Flòraidh' airson Flòraidh Nic a' Phì, a' bhan-threabhaiche; 'Rathad Ghibidh' airson Gibidh Clearc, an seanchaidh is neach-togail bhàtaichean – seach tuilleadh tìde a thoirt do luchd na maoin?

An taca ri obair Storrie, chan eil David Caldwell na dheann gus faighinn gu uachdaranachd nan Caimbeulach.[63] Mar airceòlaiche, tha e comasach air eachdraidh thràth is cultar stuthach fhosgladh a-mach, agus tha fìor shùim ga toirt do chudromachd Rìoghachd nan Eilean, agus poileataigs toinnte Chloinn Eòin Mhòir às a dèidh. Dh'fhaodadh sgoilearachd Ghàidhlig is beul-aithris barrachd a chur ris an aithris seo. Tha an leabhar a' leantainn atharrachaidhean fearainn an 18mh agus 19mh linn, agus gnìomhachasan, ach san fharsaingeachd chan eil ach puingean aithghearr gan dèanamh air cùisean san 20mh linn – ged a tha fiosrachadh feumail air an Dàrna Cogadh fhèin le Ian Brown. Tha Caldwell nas deònaiche aideachadh gun robh còmhstri an lùib 'leasachaidh', agus tha e a' toirt luaidh air fianais Coimisean nam Frìthean (1892). Tha co-fhaireachdainn aige don Ghàidhlig ach chan eil na h-uiread air cànan is cultar fhèin.

Bha dà leabhar gu h-àraid nan cuideachadh airson an taoibh-sa de dh'eachdraidh nan Ìleach. Ann an 2005, stiùir Emily Edwards pròiseact coimhearsnachd a bha a' bruidhinn ri, agus a' gabhail a-steach, Gàidheil Ìle agus a thruis eisimpleirean de bheul-aithris, sgeulachan air na seann làithean, fiosrachadh air biadh is leigheas ionadail agus eile. Chaidh cuid dhe seo a chur còmhla anns an leabhar dhà-chànanach, *Seanchas Ìle*.[64] Chan e ach blasad a tha ann den dualchas a tha fhathast ri fhaotainn san latha a tha ann, agus chan eil sgrùdadh sgoilearach

---

[60] Storrie, *Islay*, td. 206.

[61] '[Gramsci] lists the centres through which the dominant social group spreads its own worldview, when this group is able to get the rest of society to accept its worldview on the basis of consent, without having to use coercion: "[...] The press is the most dynamic part of this ideological structure, but not the only one. Everything that directly or indirectly influences or may influence public opinion belongs to it: libraries, schools, associations and clubs of different kinds, right up to architecture, street layout and street names'. Carlucci, *Gramsci and languages*, tdd 168-169.

[62] 'S coma leinne mun cheartachadh ud shuas, tha Gàidhlig aig mullach shanasan, no leatha fhèin, na phàirt bhunaiteach den aiseirigh. Agus bu chòir gun e roghainn nan Ìleach cumanta dè tha iad ag ràdh ris na h-àiteachan sa bheil iad a' còmhnaidh. Airson eisimpleir eile aig Storrie, carson a bhite toilichte le 'Corran Fhreadaraig' a chur air *Frederick Crescent*, ann am Port Ilein? Nach b' fheàrr Ìlich fhèin a chuimhneachadh air feadh an eilein – 'Sràid Flòraidh' airson Flòraidh Nic a' Phì, a' bhan-threabhaiche; 'Rathad Ghibidh' airson Gibidh Clearc, an seanchaidh is neach-togail bhàtaichean – seach tuilleadh tìde a thoirt do luchd na maoin?

[63] Caldwell, *Islay: the land of the lordship*.

[64] Emily Edwards, deas, *Seanchas Ìle* (Gleann Da-Ruail: Argyll Publishing, 2007).

ann air na fhuaireadh. Às dèidh sin, 's e foillseachadh air leth tarbhach a tha seo a thog aire dhaoine do dh'àite is luach cultar an eilein, agus a tha air fear de na goireasan tearc airson dualchainnt Ìle ionnsachadh. Bhruidhneadh ri cuid de na h-aon fiosraichean airson an tràchdais seo. Agus tha e duilich a ràdh gun do shiubhail tè a tha a' nochdadh san leabhar, Beasaidh West (Beasaidh Nèill/Beasaidh Mhòr Fhionghain) à Bun Othann, a bha ainmeil am measg Gàidheil Ìle, na bu tràithe sa Mhàrt 2015.[65]

Tha *A land that lies westwards* stèidhichte air imeachdan de cho-labhairt, a bha ann am Bogh Mòr anns an Iuchar 2006, air cànan is cultar ann an Ìle agus Earra-Ghàidheal.[66] Am measg chaibideilean air ainmean-àite, dualchainnt Dhiùra agus Ìle, eachdraidh meadhan-aoiseach na roinne, agus mar sin, tha rannsachadh inntinneach air bàrdachd Uilleim MhicDhunlèibhe le Dòmhnall Meek agus Crìsdean Whyte. Dhiubh uile, 's e an t-alt brèagha aig Meek air the 'The world of William Livingston' as motha a tha mar bhrosnachadh dhuinn, agus e a' measgachadh eachdraidh agus bàrdachd, a' cur sàr Ìleach na cho-theacs sòisealta.[67] Tha mi fada an comain sgrìobhadh Dhòmhnaill Meek san fharsaingeachd, mar a tha iomadach oileanach Gàidhlig eile. Ach a thuilleadh air sin tha a lèirsinn Earra-Ghàidhealach a' ciallachadh gu bheil Ìle gu bitheanta a' nochdadh na chuid rannsachaidh, agus co-cheangailte ri prìomh chuspairean an tràchdais seo: creideamh, bàrdachd, beul-aithris, agus gun teagamh, eachdraidh shòisealta nan Gàidheal san linn ùr-nodha. Bu mhath leinn beagan a chur ris an sgoilearachd seo.

Cultar agus cultar na Gàidhlig

Tha iomadach diofar dhòigh air smaoineachadh air cultar,[68] 's e am mìneachadh leis a bheilear ag obair an seo, cultar mar chruthan de mhothachadh coitcheann aig buidheann àraid, 'a lived system of meanings and values',[69] no 'the whole complex of signifying practices and symbolic processes in a particular society [...] the way individuals 'liv[e]' their social practices, rather than [...] those practices themselves, which would be the preserve of politics, economics, kinship theory and so on.'[70] Mar a tha Terry Eagleton a' comharrachadh, tha seo letheach-slighe eadar cultar ann an seagh nas fharsainge, mar a thuigear 'dòigh-beatha', no saoghal dhaoine a tha a' gabhail a-steach cha mhòr a h-uile rud a tha iad a' dèanamh 's a' smaoineachadh; agus Cultar cumhang a tha a' ciallachadh rudeigin mar shàr-ealain, litreachas is eile.[71] Tha bun-bheachdan leithid conaltradh (*discourse*) agus ideòlas mar phàirt mhòr de chultar mar a thathas ga thuigsinn an seo, ach chan e co-fhaclan a tha annta. 'S ann a tha conaltradh a-mach air siostam de shamhlaidhean, de chiallan - gu sònraichte cànanach – fad 's a tha ideòlas coltach, ach a' buntainn ri ceistean mòra a thaobh cumhachd.[72] Anns na leanas, tha fior ùidh againn ann an ideòlas, agus e a' nochdadh co-cheangailte ri clas sòisealta, gnè agus eile. Leis nach eil a leithid

[65] Faic an t-iomradh-bàis le Donnchadh Fearghasdan: 'Bessie West', *The Herald*, 28 Màrt 2015. < http://www.heraldscotland.com/opinion/obituaries/13207686.Bessie_West/ > [ruigte 15.8.2015].
[66] Derrick McClure et al, deas, *A land that lies westward: language and culture* in Islay and Argyll (Dùn Èideann: John Donald, 2009).
[67] Donald E. Meek, 'The world of William Livingston' ann an ibid., tdd 149-171.
[68] Dh'ainmich Terry Eagleton trì prìomh sheòrsaichean de chultar: 'culture as civility, culture as identity, and culture as commercialism', ach cuideachd, 'culture as radical protest'. Tha freumhan aig a' chiad trì a) anns an t-Soillseachadh; b) san san fhreagairt Romansach is nàiseantach ri ùr-nodhachas, agus; c) ann an iar-nuadhachas. Terry Eagleton, *The idea of culture* (Oxford : Blackwell Publishers, 2000), td. 129, agus *passim*. Ann an co-theacs na Gàidhlig, 's e 'culture as identity' as cudromaiche, ach b' urrainnear beachdachadh air cultar Gàidhlig co-cheangailte ris na bun-bheachdan eile aig Eagleton.
[69] Williams, *Marxism*, td. 110.
[70] Terry Eagleton, *Ideology: an introduction* (Lunnainn: Verso, 1991), td. 28.
[71] Ibid.
[72] Ibid., tdd 195-196; 8-9.

an-còmhnaidh ann, gu susbainteach co-dhiù, chan ionnan cultar agus ideòlas.[73] 'S dòcha gu bheil e rud beag nas dorra sgaradh a dhèanamh eadar cultar agus conaltradh, ge-tà: nach e 'siostam' de chiallan a tha anns an dà nì? Ann an dà-rìribh, tha conaltradh, nach eil cho fasanta 's e a b' àbhaist dha bhith, nas cumhainge na cultar, agus a' coimhead air a' chomann-shòisealta mar theacsa, agus mar 'riochdachadh' (neo-chrìochnach). Thathas a' sgrùdadh riochdaidhean agus theacsaichean fiadhaich tric an seo, agus tha e fìor cuideachd gu bheil cànan cho ceangailte ri mothachadh (*consciousness*), agus ag eadar-mheadhanachadh an t-saoghail. Ach cha bu chòir dhuinn àibheiseachadh: tha nithean nach eil cànanach mu chultar leithid *affect* is fèin-fhiosrachadh (*experience*), agus a bhunait ann an co-theacs taobh a-muigh cànain. Tha rudeigin air cùl an riochdachaidh. Don t-seasamh Mharxach fhosgailte, a thathas a ' cur gu feum an seo, 's e cnag na cùise a tha ann gum feumar cùl a chur ri mìneachaidhean sàr-bheachdail (*idealist*) de chultar dealaichte, cho math ri dòighean-tuigsinn far a bheil cultar air adhbhrachadh gu sìmplidh leis an eaconamaidh.[74] Bu chòir cultar a ghabhail gu dà-rìribh, chan ann mar fhaileas, agus a cheangal ri 'whole social material processes', ri modhan-gintinn agus co-cheanglaichean sòisealta – i. ann am faclan eile, ri calpachas.[75]

Tha *Air bilean an t-sluaigh* le Maighread Challan gun amharas air fear de na leabhraichean as fheàrr a tha againn air beul-aithris is cultar na Gàidhlig san 20mh linn.[76] A' sealltainn mòr-eòlas air clàraidhean is tùsan-beòil cho math ris an sgoilearachd eadar-nàiseanta, tha e a' toirt oidhirp beul-aithris Uibhist a Tuath a chur na co-theacs sòisealta – a' sgrùdadh shuidheachaidhean-aithris, agus ghnèithean; a chur na co-theacs cultarach; a' mìneachadh a cuid 'fheumalachdan is tairbhe' (gnìomhan a tha e a' coileanadh), agus nan adhbharan airson crìonadh. Tha grunn nithean ann an cumantas eadar e agus amasan an tràchdais seo, leis mar a tha e a' rannsachadh eilean gu lèir, agus fear air an do rinneadh dearmad,[77] a' gabhail a-steach farsaingeachd cultair seach gnè sònraichte, agus buaidh an 20mh linn fhèin. Gu h-ìre, 's e co-thuiteamas a tha seo, ach tha e cuideachd air buaidh mhòr a thoirt air ar ceistean rannsachaidh fhìn. Sa bhad, tha a chuid thoraidhean a' ceadachadh dhuinn beachdachadh air coimeas a dhèanamh ri Ìle[78]: ciamar a bha cùisean coltach agus eu-coltach anns gach àite, dè dhà-rìribh a bha a' tachairt aig an ìre ionadail?

Chan eil sinn buileach air an aon ràmh gu feallsanachdail, ge-tà. B' urrainnear seo a shoilleireachadh le bhith a' tarraing air an leughadh ùr aig Kate Crehan air a' Mharxach Eadailteach, Antonio Gramsci.[79] Bha tuigse gu math eadar-dhealaichte aig Gramsci air cultar an taca ri sgoilearan daonn-eòlach (*anthropology*). Nan obair-san, agus san àbhaist, a-mach air cultar 'traidiseanta' ann an tìr fo leasachadh, thathas gu bitheanta a' dèiligeadh ris mar nì:

1. aig a bheil pàtran ciallach no eagrachadh rianail;
2. aig a bheil crìochan soilleir a tha ga dhealachadh ri cultaran eile, agus;
3. a tha air a chomharrachadh le còmhstri eadar traidisean agus nua-aimsireachd.[80]

[73] Ibid., tdd 8-9.
[74] Williams, *Marxism*, tdd 19-20.
[75] Ibid., td. 38 air cultar agus 'modes of production' is 'social relations'.
[76] Maighread A. Challan, *Air bilean an t-sluaigh: sealladh air leantalachd beul-aithris Ghàidhlig Uibhist a Tuath* (Béal Feirste: Cló Ollscoil na Banríona, 2012).
[77] Ibid., tdd 5-6.
[78] Agus nach e a bhiodh math barrachd sgrùdaidhean de leithid Challan fhaicinn airson àiteachan air feadh na Gàidhealtachd?
[79] Kate Crehan, *Gramsci, culture and anthropology* (Lunnainn: Pluto Press, 2002).
[80] Ibid, td. 37 agus caibideil 3.

Gu tur eu-coltach ri seo, mar a tha Crehan ag argamaid, bha Gramsci a' coimhead air cultar *subaltern* –'s e sin cultar nan daoine cumanta: an clas-obrach agus an tuath – mar rud:

1. a tha uabhasach fhèin coimeasgaichte is troimh-chèile;
2. a tha mì-sheasmhach, agus an sàs ann an co-cheanglaichean cumhachd nas fharsainge;
3. anns an e an strì eadar an fheadhainn cheannasach agus cheannsaichte ('the dominant and the dominated') as cudromaiche, mar a tha e anns a' chomann-shòisealta gu lèir, seach nua-aimsireachd an aghaidh an traidisein.[81]

Tha na geur-bheachdan seo a' bualadh gu mòr air dòigh-làimhseachaidh Challan. An toiseach, feumar puing rag-fhoghlamach a dhèanamh: carson a thathas a' cleachdadh 'cultar' an seo seach 'dualchas' mar a tha Maighread Challan? Tha i a' sgrìobhadh:

> Ged a tha atharrachadh air tighinn air an tuigse a tha aig a' mhòr-shluagh air dè dìreach a tha dualchas a' gabhail a-steach [...] tha e coltach nach eil connspaid no deasbad a' nochdadh ann an raon sgoilearachd na Gàidhlig. [...] Saoilidh mise gu bheil am mìneachadh aig faclair Collins ag aithris na tha am facal a' ciallachadh dha na Gàidheil: 'the total of the inherited ideas, beliefs, values, and knowledge, which constitute the shared basis of social action' (1984: 364).[82]

Gu h-inntinneach, thà ceistean nas toinnte a' nochdadh a thaobh eadar-theangachadh agus feallsanachdan sgoilearachd. Tha fios nach eil 'dualchas' ri fhaotainn ann am faclair Collins, 's e tha ann ach *culture*, agus tha Challan a' dèanamh an dà bhriathar sin co-ionnan. Ma smaoinicheas sinn air mar a tha 'dualchas' air a chur gu feum ann an Gàidhlig, gheibhear Dualchas Nàdar na h-Alba, tha dualchas agus dùthchas uabhasach dlùth ri chèile – thèid an dà chuid an aghaidh nan creag[83] – agus tha Dwelly a' bruidhinn air '[h]ereditary disposition or right', agus '[i]mitation of the ways of one's ancestors'.[84] Chan eil co-aonta ann an sgoilearachd na Gàidhlig mun bhriathrachas, oir b' ann ann am Beurla a bha i mar a b' àbhaist. San fharsaingeachd, tha 'dualchas' gu tric nas fhaisge air *tradition* is *heritage*, seach ciall ioma-thaobhach *culture*, ged nach eil sin an-còmhnaidh fìor agus chan eil e uaireannan soirbh sgaradh a dhèanamh eadar na bun-bheachdan. Ag obair ann an rannsachadh beul-aithris fo bhuaidh daonn-eòlais, chan eil Challan a' dèanamh diofar eadar traidisean agus cultar, agus 's e as adhbhar gu bheil i dhà-rìribh a-mach air traidisean, agus a' mìneachadh cultar gu traidiseanta.[85]

'S ann a tha traidisean beul-aithris Ghàidhlig Uibhist a Tuath ga dhìon an aghaidh cron na nua-aimsireachd – agus 's math a thuigear carson – ach 's e a' bhuil gu bheil cuid de na co-dhùnaidhean gu math amharasach. Tha an t-seann dòigh-beatha, 'spiorad agus co-ionnanachd na coimhearsnachd', air a moladh, 's gu h-ìre air a romansachadh an taca ris na thàinig na àite.[86] Ged a tha an leabhar làidir a thaobh àite cudromach bhoireannach ann a bhith a' cumail suas na beul-aithris agus ga toirt don ath ghinealach,[87] b' urrainn tuilleadh breithneachadh a bhith ann air mar a bha neo-ionnanachd eadar boireannaich agus fir – patrargachd – mar gum b' eadh

[81] Ibid., td. 66.
[82] Challan, *Air bilean an t-sluaigh*, td. 77.
[83] Colin Mark, *The Gaelic-English dictionary* (Lunnainn: Routledge, 2004), td. 247. Tha an t-eadar-dhealachadh nas soilleire ann an Dwelly, agus e a' cur barrachd cuideim air àite-breith agus dùthaich na mhìneachadh air 'dùthchas'. Edward Dwelly, *The illustrated Gaelic-English dictionary* (Glaschu: Gairm, 1994), td. 375.
[84] Edward Dwelly, *The illustrated Gaelic-English dictionary* (Glaschu: Gairm, 1994), ibid., td. 367.
[85] Tha Challan a' toirt luaidh air Thomas Mann (chan e Mahon): 'We should know how to inherit, because inheriting is culture'. Challan, *Air bilean*, td. 188.
[86] Ibid., td. 153.
[87] Ibid., tdd 179-184.

sgrìobhte *anns a' bheul-aithris*, air a cruthachadh anns an traidisean.[88] Tha e ag innse mar a bha feumalachd aig seanfhaclan is eile airson smachd-sòisealta, a' riaghladh giùlan daoine gu maith na coimhearsnachd, ach chan eil taobh eile an sgeòil air a rannsachadh.[89] Gu dearbh, tha fìor ghlèidhteachas sòisealta follaiseach: tha Challan a' dìon an teaghlaich thraidiseanta,[90] a' caoidh dol sìos gleidheadh a' chreideimh,[91] agus a' càineadh *Top of the Pops* is *Radio Luxemburg*.[92] Air uairean, chan eil e soilleir a bheil seasamh ga chur an cèill no nach eil ann ach tuairisgeul air adhbhar crìonaidh. Ann a bhith a' mìneachadh droch bhuaidh litearrachd air a' bheul-aithris,[93] tha fios nach eil Challan a' gearan mu chomas leughaidh a bhith aig daoine; ach chan eil beachdan gan toirt seachad air dualchas no cultar Gàidhlig anns an 'aois litearra'. Cha mhotha a tha na buannachdan a thàinig an lùib an 20mh linn – measgaichte 's gun robh iad – air an aithneachadh: ann an slàinte, foghlam, sochairean, teicneòlas agus còmhdhail.[94] B' ann a bha 'daoine air am mealladh le comann-sòisealta *fuadain* a bha air a mheas adhartach'[95], agus 's e argamaid a tha seo a tha cho coltach ri iomadh britheamh sòisealta air an robh uabhas mu mhòr-chultar is caitheadaireachd (*consumerism*) agus mar sin a ghreimich air glèidhteachas. 'S e an duilgheadas nach urrainn don fhreagairt a tha seo ri call cultarach is sòisealta rathad às a thoirt dhuinn. Mar a mhìnich Malcolm Chapman, aig an aon àm 's a tha a leithid a' toirt dùbhlan do dh'aithris mhòr a' chrìonaidh, 's ann a tha e ag aontachadh le a bun-stèidh – an strì eadar traidisean agus nua-aimsireachd – agus le a co-dhùnadh – gum faigh 'nua-aimsireachd' làmh an uachdair.[96]

Chìthear gu bheil sgrùdadh Challan a' tighinn a rèir nam beachdan eile a bha aig Kate Crehan. Na beachd, tha crìochan soilleir aig beul-aithris agus cultar na Gàidhlig, ann an co-theacs Uibhist a Tuath, ach gu seachd àraid am measg luchd-labhairt na Gàidhlig. Theagamh nach eil Crehan fhèin a' cur cuideam gu leòr air a' chomhluadar eadar cànan agus cultar – air an robh Gramsci a' sìor bheachdachadh[97] – ach tha i impidheach na measadh air obair dhaonn-eòlaichean, a' sealltainn mar a bha iad a' gabhail ris gun e 'siostaman neo-eisimeileach'[98] a bha ann an cultaran, agus mar a dh'fheumar seo a cheasnachadh. Uaireannan, bhathas a'

[88] Tha deagh phuingean gan dèanamh mu chuingealachadh cothroman nam ban ann an aithris is seinn, ge-tà: td. 82; tdd 183-184.
[89] Ibid., td. 143.
[90] 'Tha an àireamh de theaghlaichean far a bheil boireannach a' togail chloinne nan aonar, no le cèile aig nach eil iad pòsta, a' nochdadh atharrachadh ann am beachdan dhaoine a thaobh luach an teaghlaich.' Ibid., td. 174, cuideachd td. 154.
[91] 'Air sgàth 's nach eil teaghlaichean an-diugh a' gabhail an Leabhair, no ag aithris na conair-Mhoire, tha lagachadh a bharrachd air tighinn air briathrachas nan daoine agus air cleachdadh na cànain anns a' choimhearsnachd.' Ibid., td. 164-165.
[92] Ibid., td. 175.
[93] Ibid., td. 177.
[94] Tha Challan a rèir coltais a' gabhail ris an aghaidheachadh a bha aig Calum MacGill-Eain eadar cràbhadh is nòsan nan Gàidheal agus saidheans is reusanachas nan Gall. Ibid., td. 167.
[95] Ibid. td. 175. Mo chuideam.
[96] Chan eil obair thràth Chapman gun laigsean idir, ach saoilidh mi gu bheil e fhathast deatamach a phrìomh argamaid fhathast a chnuasachadh – rud a tha cho ainneamh airson leabhar cuimseach ainmeil. *The Gaelic vision in Scottish culture* (Lunnainn: Croom Helm, 1978). Mar a thachair, ghabh Chapman rathad às e fhèin, agus chuir e cùl ri Gàidhlig agus sòisealachd.
[97] Tha mi a' dol gu mòr le Crehan: 'for Gramsci the primary object of study is never specific 'cultures', it is always power, more specifically particular constellations of power relations in particular times and places'. *Gramsci, culture*, td. 66. Às dèidh sin, bha Gramsci ag aithneachadh chultaran àraid – ioma-sheòrsach, neo-chòrdail, de dhiofar bhreathan – agus mar a bha cànanan bunaiteach ann a bhith gan dèanamh suas: 'every language is an integral conception of the world and not simply a piece of clothing that can fit indifferently as form over any content' (ibid., td. 86). Agus, a-rithist: 'Language also means culture and philosophy (if only at the level of common sense) and therefore the fact of 'language' is in reality a multiplicity of facts more or less organically coherent and co-ordinated. At the limit it could be said that every speaking being has a personal language of his (or her) own, that is his own particular way of thinking and feeling. Culture, at its various levels, unifies in a series of strata, to the extent that they come into contact with each other, a greater or lesser number of individuals who understand each other's mode of expression in differing degrees, etc.'. Luaidhte ann an Alessandro Carlucci, *Gramsci and languages* (Boston: Brill, 2013), td. 175.
[98] Crehan, *Gramsci, culture*, td. 51.

dèiligeadh ri cultaran mar bhrìghean fa leth, ach tha e fiù 's ri thuigsinn sa bhun-bheachd tar-chinealachd (*hybridity*), gu bheil a leithid ann ri cultar 'fìorghlan' neo-mheasgaichte.[99] Tha a' chiad phuing aig Crehan – gu bheil pàtran ciallach,rianail aig cultaran – dlùth-cheangailte ris an dàrna puing air cultaran mar 'bounded wholes'.[100] Ann an obair Challan, chan eil lorg air fìor atharrachadh am broinn cultar Gàidhlig gus an tàinig caochladh bhon taobh a-muigh san 20mh linn. Bha e seasmhach, gun smal. Ach ciamar a bha co-cheanglaichean poileataigeach is eaconomach a' toirt buaidh air ron seo? Dè cho lùbach 's a bha a chrìochan, agus ciamar a bha e a' dèanamh conaltradh ri 'cultaran eile'? San obair aice, tha Challan a' dearbhadh mar a bha a' bheul-aithris comasach air iomadach diofar feumalachd a choileanadh – eadar a bhith a' neartachadh na coimhearsnachd agus a' toirt seachad foghlam neo-fhoirmeil.[101] A' leantainn Crehan, ge-tà, chante gu bheil cudromachd ga toirt do cho loidigeach agus eagraichte 's a bha an cultar, gun feart a thoirt do a chaochladh. Nuair a choimheadar air beul-aithris Ìleach, 's e a tha a' seasamh a-mach cho ain-riaghailteach, neo-chòrdail agus a tha i: 'an incoherent jumble [...] piled up over time in a piecemeal fashion'.[102] Chan e puing gun fhiù no fanaid a tha seo; mar a chanadh Gramsci, tha i riatanach airson feuchainn ri *subalternity* – cor cuspaireach agus suisbeigeach nan daoine gun chumhachd – a thuigsinn. Anns an ath earrann, thathas a' leudachadh air beachdan Ghramsci agus mar as urrainnear feum a dhèanamh dheth ann an eachdraidh na Gàidhealtachd.

Gramsci air a' Ghàidhealtachd

Chan iongnadh ged a tha obair Antonio Gramsci (1891-1937) air buaidh shònraichte a thoirt air an tràchdas seo.[103] Nuair a bhruidhnear mu chultar bho sheasamh an aghaidh calpachas chan eil a sheise ann. B' ann a bha curaidhean eòlas cultarach Bhreatainn leithid Raymond Williams, Stuart Hall agus Terry Eagleton uile, ann an diofar dhòighean, a' leudachadh air na sgrìobh e a rèir an leughadh, agus a' cur cuid dhe a bhun-bheachdan ann an suidheachaidhean ùra. Bha e 's dòcha na b' fhasanta anns na 1970an, nuair a dh'fhoillsicheadh *Selections from Prison Notebooks* (1971),[104] agus anns na 1980an. Ach, fiù 's bhon uair sin, bha fèill air am measg sgoilearan cultair, eachdraidh is sòiseo-eòlais ged a chuireadh cùl gu h-ìre mhòr ri Marxachas fhèin anns an oilthigh. Bu chòir fìor chùram a bhith oirnn mu mar a mhìnicheas càch an obair aige, ge-tà. Gu bitheanta, 's ann a bhios daoine ga thogail dàrna-làimh, a' dèanamh claon-iomradh air na bha e a' ciallachadh – nach eil, ceart gu leòr, an-còmhnaidh soilleir no stèidhichte. Agus 's e rèabhlaideach a bha ann dheth. Air cho mòr 's a bha a spèis do sgoilearachd dhurranta, bha a chuid smaoineachaidh mar phàirt de ghluasad a' chlas-obrach a' strì airson saoghal ùr. Dhaibhsan a thilgeas a-mach clas sòisealta, strì nan clasaichean, agus ceanglaichean ri iomairtean-saoraidh san latha a tha ann, chan eil cus gnothaich aca ri Gramsci. A-nis, thathas a' faireachdainn gu bheil blàthachadh ùr ann an rannsachadh na h-obrach aige: tha an t-eagran sgrùdach de Leabhraichean-

[99] Ibid., td. 60.
[100] Ibid., td. 49.
[101] Challan, *Air bilean*, td. 119; 129.
[102] Crehan, *Gramsci, culture*, td. 66.
[103] Anns an ath thrì earrannan thathas a' tarraing air: Kate Crehan, *Gramsci, culture and anthropology* (Lunnainn: Pluto Press, 2002), Quintin Hoare and Geoffrey Nowell Smith, 'Introduction', ann an Antonio Gramsci; Hoare and Nowell Smith, deas, *Selections from Prison Notebooks of Antonio Gramsci* (Lunnainn: Lawrence and Wishart, 1971), tdd xvii-xcvi; Steve Jones, *Antonio Gamsci* (Lunnainn: Routledge, 2006); Alastair Davidson, *Antonio Gramsci: towards an intellectual biography* (Lunnainn: Merlin P., 1977).
[104] Antonio Gramsci; Quintin Hoare and Geoffrey Nowell Smith, deas, *Selections from Prison Notebooks of Antonio Gramsci* (Lunnainn: Lawrence and Wishart, 1971).

nòtaichean a' Phrìosain ga chur an clò ann am Beurla[105] – a' toirt dhuinn sgrìobhaidhean nach b' aithne dhuinn, agus a' sealltainn leasachadh a bhun-bheachdan. Tha an cuideam a-nis air a bhith a' leughadh na sgrìobh e fhèin, na cho-theacs sgoilearach, ach tha an litreachas as ùire fallainn togarrach, agus ga phutadh gu h-àiteachan eadar-dhealaichte.[106]

Bha ùidh aig Gramsci ann an cànan, cultar agus foghlam fad a bheatha, is bha iad sin bunaiteach dha nuair a bhogaich e fhèin ann an sòisealachd aig àm a' Chogaidh Mhòir. A' fàgail an oilthigh ann an Torino – far an robh e ri rannsachadh cànanachais – bha e na naidheachdair sòisealach, na eagraiche agus oide-foghlaim do dh'inbhich, agus anabarrach buadhach ann an gluasad nan comhairlean ann an 1919-1920, nuair a ghabh an luchd-obrach thairis air am factaraidhean. Chuidich e ann an bhith a' stèidheachadh Pàrtaidh Chomannach na h-Eadailt ann an 1921, agus b' e an t-àrd-rùnaire bho 1924 gu 1926, nuair a chaidh a chur sa phrìosan leis an riaghaltas fhaisisteach aig Benito Mussolini. Tha na sgrìobhaidhean aige ron sin fìor mhath ach airson na mòr-chuid nam pìosan goirid poileataigeach. B' ann anns a' phrìosan eaadar 1929 agus 1935, a dh'aindeoin fulangas cianail agus slàinte a bha a' sìor-chrìonadh, a dh'fhàg e dhuinn na sgrìobhaidhean a bu shusbaintiche air poileataigs, an stàit, eachdraidh aonachadh na h-Eadailt, feallsanachd is eile. Tha sinn ro fhortanach gun do mhair iad idir.

Fad 's a chuimsich Marx san 19mh linn air breithneachadh eaconamaidh-phoileataigeach, b' ann a bha Gramsci a' cnuasachadh gu h-àraid air taobh eile den chomann-shòisealta: raointean *an os-structair*.[107] Bha seo a' gabhail a-steach na stàit – no an comann-poileataigeach cumhang – agus an comann-catharra (*civil society*), a tha a-mach air an ìre mhath a h-uile rud 'eadar' a' bhunait eaconamach agus an comann-poileataigeach: eaglaisean, aonaidhean-ciùird, na meadhanan, buidhnean cultarach is poileataigeach (nach eil a' riaghladh), sgoiltean, is eile. Ma bha cumhachd smachdail aig a' chomann-phoileataigeach – am poileas, lagh is arm – b' e cumhachd cho-aontachail a bha ga chur gu feum anns a' chomann-chatharra. Ach ann an dà-rìribh, do Ghramsci bha an comann-poileataigeach agus an comann-catharra suainte ri chèile mar 'stàit aonaichte' (*integral state*), agus bhiodh 'co-aonta' agus 'smachd' ag obair ri chèile. Airson cumhachd fhaighinn agus a ghleidheadh, dh'fheumadh buidheann no clas làmh an uachdair fhaotainn san dà àite: a' treòrachadh no a' cleachdadh *hegemony* anns a' chomann-chatharra agus, mu dheireadh, a bhith comasach air an nàimhdean a chur fo smachd.

Tha cultar a' nochdadh anns na Leabhraichean-nòtaichean a) air dòigh nas cumhainge nuair a bhios e a' sgrùdadh mhith-nobhailean, Dante, dhealbhan-cluich Pirandello is eile, agus; b) sgaoilte air feadh nan nòtaichean, a' ceangal ri grunn chuspairean nach bite an dùil a bha 'cultarach': 'philosophy, economic science, politics even. In all cases his interest is not so much in the object in itself as in the place it occupies within a range of social practices'.[108] Agus, tha e ri thuigsinn làmh air làimh le bun-bheachdan eile: 'Just as culture has

[105] Antonio Gramsci; Joseph A. Buttigieg, deas, *Antonio Gramsci: Prison Notebooks* Vol I; II; III (New York: Columbia University Press, 1992; 1996; 2007).
[106] Tha mi a' smaoineachadh gu seachd àraid air an t-sreath 'Reading Gramsci' aig Pluto Press, mar eisimpleir: Kate Crehan, *Gramsci, culture*, ibid.; Peter Ives, *Language and hegemony in Gramsci* (Lunnainn: Pluto Press, 2004); Massimo Modonesi, *Subalternity, antagonism, autonomy: constructing the political subject* (Lunnainn: Pluto Press, 2013), is eile.
[107] Tha a' phuing-sa air a rannsachadh an lùib a' bhun-bheachd *civil society* ann an Jan Rehmann, '"Abolition" of civil society?: Remarks on a widespread misunderstanding in the interpretation of "civil society"', *Socialism and Democracy* (1999), 13:2, 1-18.
[108] David Forgacs agus Geoffrey Nowell-Smith, deas, *Antonio Gramsci: Selections from cultural writings* (Cambridge MA: Harvard University Press, 1991), tdd 13-14.

only limited autonomy from other social practices, so within Gramsci's theoretical schema its meaning is dependent on the meaning of other concepts [i. state and civil society, intellectuals, hegemony and so forth]'.[109] Tha e ag argamaid gun abhsadh ged a tha iad a' toirt buaidh air a chèile, cha bu chòir tuigsinn gu bheil cultar a' leantainn gu h-innealach na tha a' tachairt anns an structair eaconamach. Cha mhotha a tha cultar, mar gum b' eadh, a' fleòdradh san adhar. Tha fiù 's beachdan agus ideòlas beò 's air an craobh-sgaoileadh gu stuthach: ann an institiùdan, le inntleachdaich àraid, agus tro dhòighean-dèanaimh. Agus mar a tha Kate Crehan ga chur: '[c]ulture for Gramsci is, at least in part, how class realities are *lived*'.[110] Tha sgaraidhean cumhachd is neo-ionnanachd, ceannsachadh is aghaidheachd, a' ruith tro chultar mar a tha iad anns a' chomann-shòisealta.

Dh'fhaodamaid a ràdh gun tàinig Gramsci chun na Gàidhealtachd an toiseach le Seumas Mòr MacEanraig 1919-2002).[111] Chuala e mu dheidhinn bho na pàirteasain san Eadailt nuair a chaidh e shabaid ann an arm Bhreatainn an 1945. Bha e air fear de na ciad dhaoine a chuir Beurla air a litrichean bhon phrìosan, ged a thug e treis mun deach am foillseachadh slàn.[112] Bha meas mòr aige – mar a tha againn fhìn – air an taic a bha aig Gramsci ri mion-chànanan, agus air a' mhothachas a bha aige mar fhear a thogadh am measg tuath Shardigna air colonachd a-staigh.[113] Tha coltas ann gun robh MacEanraig air a phiobrachadh le Gramsci – a chuid smaoineachaidh agus mar eisimpleir – airson a' chòrr dhe a bheatha. Bha Gramsci an làthair, mar gum b' eadh, aig tùs Sgoil Eòlais na h-Alba fhèin, anns an robh MacEanraig ag obair na chruinniche bho na 1950an, nuair a bha e a' clàradh an neach-shiubhail Ailidh Dall ann an Cataibh, agus an sàs ann an aiseirigh a' chiùil-dhùthchasaich. Thuirt e gum b' e 'Gramsci in action' a bha ann am Fèis nan Daoine an Dùn Èideann, a bha ann eadar 1951 agus 1954, agus i a' toirt àrd-ùrlair do chultar is ceòl nan daoine cumanta ann an Alba.[114] Ach, mar a sgrìobh Corey Gibson, 'Henderson's absorption of Gramsci was unsystematic'.[115] Ged a dh'aithnich e a' chontrarrachd ann an sgrìobhadh Ghramsci a thaobh mar a làimhsicheas e 'beul-aithris' – is e ag ràdh gum feumar a sgrùdadh gu cùramach air an dàrna làimh, agus air an làimh eile, gum feumar a chur às a bhun, agus a sgrios – saoilidh mi gun do sheachain MacEanraig brìgh na cùise.[116] Chan eil guth air breithneachadh a tha cho deatamach airson beul-aithris agus mith-chultar: a' sireadh mar a tha cumhachd air a cur an cèill, 's mar a tha ideòlas air a shìolachadh.[117] Bhiodh beachd rudeigin eadar-dhealaichte againn air buntainneachd Ghramsci gu poileataigeach san latha a tha ann, ach chan eil teagamh nach eil sinn fada an comain Sheumais Mhòir.

Chaidh Gramsci a chur gu feum cuideachd le Charles W. J. Withers ann an *Gaelic Scotland: the transformation of a culture region.*[118] 'S e sgrùdadh bho shealladh cruinn-eòlas eachdraidheil a tha seo a tha ag amas air cruth-

[109] Ibid., td. 14.
[110] Kate Crehan, *Gramsci, culture and anthropology* (Lunnainn: Pluto Press, 2002), td. 2.
[111] Corey Gibson, 'Gramsci's folklore' ann an *The voice of the people: Hamish Henderson and Scottish cultural politics* (Dùn Èideann: Edinburgh University Press, 2015), tdd 77-114; Neil Davidson, 'Antonio Gramsci's reception in Scotland' ann an *Holding fast to an image of the past: explorations in the Marxist tradition* (Chicago: Haymarket Books, 2014), tdd 253-186.
[112] Antonio Gramsci; eadar-theangaichte le Hamish Henderson, *Gramsci's prison letters* (Lunnainn: Zwan, 1988).
[113] Gibson, *Voice*, td. 93, 103.
[114] Ibid., td. 107.
[115] Ibid., td. 109.
[116] Ibid., td. 87-88
[117] Ibid., 100-102; tha Gibson a' toirt luaidh air obair Stephen Olbrys Gencarella air *critical folkore studies*, agus thathas a' dol gu mòr leis, m.e. 'Gramsci, Good Sense, and Critical Folklore Studies', *Journal of Folklore Research* (2010), 47:3, 221-252.
[118] Charles W. J. Withers, *Gaelic Scotland: the transformation of a culture region* (Lunnainn: Routledge, 1988). Agus cuideachd ann an alt barrail: 'Class, culture and migrant identity: Gaelic Highlanders in urban Scotland' ann an Gerry Kearns & Charles W. J. Withers, deas, *Urbanising Britain: essays on class and community in the nineteenth century*

atharrachadh na Gàidhealtachd a mhìneachadh bhon 17mh linn chun an 19mh linn mar phròiseas nach robh a-mhàin poileataigeach, eaconamach, ach cuideachd cultarach. Airson seo a choileanadh, tha e a' cleachdadh a' bhun-bheachd *hegemony*, no 'ceannas', gu sònraichte a rèir leughadh Raymond Williams. Mar a tha e ag innse:

> An understanding of cultural hegemony as a process requires analysis of the actual formal institutions engaged in the dissemination of culture, of intellectual formations, of traditions, ideologies, oppositional claims and residual cultures, and of the role of language as the basis to social relations and as 'an instrument of domination, a carrier of cultural power.[119]

Bha muinntir na Gàidhealtachd air an gabhail a-steach don chòrr de Bhreatann, ann am pàirt mhòr, le gluasad bho gu h-àrd a bha airson an dòigh-beatha, am modhan, agus an cànan atharrachadh tro institiùdan leithid na h-eaglaise, an SSPCK agus nan sgoiltean, agus cumhachd nam bailtean-mòra a bha a' tàladh luchd-imrich agus a' craobh-sgaoileadh cultar Gallta. Bha atharrachaidhean eile a bha 'poileataigeach' agus 'eaconamach' aig a' cheart àm cultarach: mar eisimpleir, am pròiseas de 'shìobhalachadh' far an robh Goill dhìleas air an tuineachadh ann an cuid de dh'àiteachan, agus gnìomhachasan air an stèidheachadh; agus 'leasachadh' gu sònraichte anmoch san 18mh linn, nuair a rinneadh ath-eagrachadh fearainn, togail bhailtean-dealbhaichte is eile. Mar a thuirt e 'material changes were [...] at the same moment practically linguistic, intellectual, and ideological – a cultural transformation'.[120] Tha e a' sealltainn mar nach robh an *hegemony* cultarach seo a bha a' sìor-obair air na Gàidheil uair sam bith coileanta, no seasmhach, ach gun robh e a' tachairt ri ùine, gun robh e air a cheasnachadh agus a' faighinn dùbhlan. 'S e eisimpleirean de *chounter-hegemony* – briathrachas Williams a tha a-mach air diofar dhòighean air aghaidh a chur ri ceannas a' chlas-riaghlaidh – a bha ann an aimhreitean-bìdh, an eaglais mar àrainn Ghàidhlig agus soisgeulachd, a' leantainn James Hunter, mar mheadhan airson coimhearsnachd chroitearan a chruthachadh. Ann an strì an fhearainn, bha 'mothachas-clas' aig na daoine a bha air fàs a-mach à tuigse air an dùthchas, an dlùth-cheangal agus còir aca air an fhearann. Fhathast, 's e sàr àite-tòiseachaidh a tha anns an leabhar dhuinne aig a bheil na h-aon phrìomhachasan, agus a tha cuideachd den bheachd 'that what has been considered as a <u>single</u> Highland regional consciousness be replaced by the idea of regional <u>class</u> consciousness'.[121] Tillidh sinn gu cuid de dh'argamaidean Withers anns a' Cho-dhùnadh.

Anns an tràchdas, tha Gramsci a' togail ceann an-dràsta 's a-rithist, ach airson na mòr-chuid 's ann a tha na thathas a' tarraing bhon sgrìobhadh aige air fhilleadh a-steach san rannsachadh. Ma tha fear de a bhun-bheachdan a' seasamh a-mach 's e *subalternity*, no ìochdaranachd. 'S e ceart-aghaidh *hegemony* a tha seo, agus a-mach air càradh poileataigeach, eaconamach agus cultarach de bhith ceannsaichte, fo chìs. Mar a tha Marcus E. Green a' sealltainn,[122] bha am bun-bheachd ga leasachadh gu mòr anns na Leabhraichean-nòtaichean: 's ann a tha Gramsci a' bruidhinn mu dheidhinn ìochdaran/*subaltern* anns an arm, agus an uair sin a' leudachadh seo mar mheatafor airson daoine fa leth, agus bhuidhnean slàna. Tha iad sin a' gabhail a-steach chan ann a-mhàin a' chlas-obrach, ach cuideachd na tuatha, agus bhuidhnean fo ainneart leithid bhoireannach, 'chinnidhean' àraid, muinntir ceann a deas na h-Eadailt is eile.[123] Gu dearbh, tha mar a bhios e a' toirt feart air gnè is 'cinneadh'

(Cambridge: Cambridge University Press, 1991), 55-79. Às dèidh sin, tha mi an dùil gun do ghluais e air falbh bho sheasamh marxach.

[119] Ibid., td., 32-33.

[120] Ibid., td. 316.

[121] Ibid., td. 415.

[122] Marcus E. Green, 'Gramsci cannot speak: presentations and interpretations of Gramsci's concept of the subaltern', ann am Marcus E. Green, deas, *Rethinking Gramsci* (Lunnainn: Routledge, 2011), tdd 68-89.

[123] Ibid., td. 69.

maille ri clas ùrachail is cumhachdach. Agus, ’s e bun-bheachd *cruth-atharrachail* a tha ann. Ann an nòta uabhasach feumail, a tha a’ cnuasachadh air dòighean-obrach airson eachdraidh ìochdaranach a rannsachadh, tha e a’ toirt cunntas air sia ceumannan: bho bhith a’ sgrùdadh a’ cho-theacs eaconamaich is eile anns an tàinig iad am bith, a’ coimhead air nàdar na dàimh eadar iad fhèin agus a’ bhuidheann cheannasach, agus an uair sin diofar ìrean den leasachadh poileataigeach, bho ìre chumhang fo bhuaidh bhuidhnean eile gu bhith eagraichte fèin-riaghlach agus comasach air ‘ùghdarras’ a ghabhail.[124] Tha e garbh doirbh eachdraidh ìochdaranach a chur ri chèile seach ’s gur e glè bheag a dh’fhàgas a leithid de bhuidheann, a rèir ìre an eagrachaidh, às an dèidh.[125] An seo, rachar an sàs ann an tùsan beul-aithris, bàrdachd fhoillsichte agus mith-chreideamh a dh’fhaodadh gu h-ìre sealladh nan daoine a chur an cèill.[126] San obair seo, thathas a’ beachdachadh air daoine a bha nan ‘ìochdarain’ ann an iomadach seagh: sa chumantas ’s ann den tuath agus den chlas-obrach a tha iad, tha diofaran is neo-ionnanachd ghnèitheach gu mòr a’ tighinn am follais, agus gheibhear eisimpleirean de chiorramachd, agus fiù ’s de ‘chinneadh’. Tha na Gàidheil fhèin *subaltern* an taca ri mòr-chultar is inbhe na Beurla. Tha ùidh againn a bhith a’ faighneachd gu dè an ìre de dh’eagrachadh agus de chumhachd a bha aig an tuath Ìleach an co-cheagnal ri buidhnean ceannasach, agus an taca ri buidhnean coltach leithid nan croitearan ann an iar-thuath na Gàidhealtachd.

Amasan an tràchdais

’S e a tha fa-near dhuinn anns an tràchdas seo:

- Nàdar cultar Gàidhlig a chnuasachadh ann an suidheachadh Ìle, a’ dèanamh oidhirp eisimpleirean de mhì-sheasmhachd agus de chontrarrachd a shireadh;
- Cultar a chur na cho-theacs sòisealta, cleas obair Maighread Challan – agus seo, cho fad ’s as urrainnear, a’ gabhail a-steach an t-suidheachaidh-aithris is eile, aig an ìre as lugha, ach cuideachd buaidh fharsaing a’ chomainn-shòisealta;
- A bhith a’ faighinn a-mach mu chruth-atharrachadh cultarach eadar mu 1890 agus 1960.

Leis gun e cuspair cho mòr a dh’fhaodadh a bhith ann an seo, bithear a’ cuimseachadh air trì seòrsaichean de chultar – a rèir mar a bhathas ga mhìneachadh roimhe mar ‘chiallan/tuigse agus luachan’ nan daoine cumanta: beul-aithris, bàrdachd fhoillsichte, agus creideamh.

Tha gach fear dhe na cuspairean seo a’ toirt cothrom dhuinn smaoineachadh air sealladh saoghal nan daoine[127] – ged a dh’fheumar cuimhneachadh nach eil ann an seo ach aon mhìneachadh, agus e stèidhichte air earrann de dh’fhianais chuingealaichte. Dè nach deach a chlàradh agus carson? Tha ceistean nas mionaidiche againn airson gach cuspair, leis am bithear a’ dèiligeadh gu h-ìseal.

[124] Ibid., tdd 75-77.
[125] Ibid., tdd 79-80.
[126] Tha làimhseachadh Ghramsci air fèin-fhiosrachd nan daoine cudromach an seo: bho *folklore*, a tha na shealladh glèidhteach, co-àicheil agus sreathach; gu *common sense*, a tha na chothlamadh de bheachdan fèillmhor an latha; gu creideamh; agus feallsanachd, an dòigh-smaoineachaidh as àirde, co-chrochte. Nam bheachdsa, tha e soilleir nuair a bhruidhneas Gramsci mu bhith a’ faighinn cuidhteas beul-aithris/*folklore*, ’s ann a tha a-mach air an t-sealladh sgìreil ghlèidhteach shaobh-chràbhach a bha na bhacadh don tuath a bhith ag eagrachadh. Ann a bhith a’ cruthachadh cultar ùr, a bha mar amas dha, dh’fheumte a bhith a’ togail air na deagh nithean ann an *common sense*, agus *folklore*. Air seo, faic: Crehan, *Gramsci, culture*, tdd 105-11; agus Gramsci, *Selections*, tdd 419-425.
[127] Cf. Sheila Kidd air obair Dhòmhnaill Meek, ‘The view from the inside’, *The Innes Review* 51:2 (Foghar 2000), 188-193; agus an oidhirp ghaoideach aig John Burnett ann an *The making of the modern Scottish Highlands*, caibideilean 6 is 7.

Structar an tràchdais

Beul-aithris

Ann an Caibideil a h-Aon, thèid sinn air ais gu cruinneachadh beul-aithris Iain Òg Ìle is Eachainn MhicGillEathain. Feumar leisgeul a dhèanamh airson seo, thoradh b' ann a bha iad ag obair gu sònraichte eadar 1859 gu 1862, agus 1870, na bu thràithe na toiseach a' phrìomh ama-sgrùdaidh ann an 1890. Ach bha an fhianais seo ro chudromach gun a rannsachadh. B' e a' chiad iomairt shaidheansail air beul-aithris a thrusadh air a' Ghàidhealtachd, agus bha Ìle ann an seagh na àite-tòiseachaidh. An seo, thathas airson coimhead ann am barrachd doimhneachd air an taobh Ìleach, air na fiosraichean a bha an sàs, an suidheachadh cultarach ionadail agus tomhais de choimeas ri àiteachan eile. Leis an fhiosrachadh seo, thèid againn air cruinneachadh beul-aithris nas anmoiche a thuigsinn nas fheàrr.

An uair sin, ann an Caibideil a Dhà, bithear a' rùrach ann an cruinneachadh Elizabeth Kerr, eadar 1893 gu mu 1903, a bha stèidhichte gu mòr anns an Roinn Ìlich. Tha ùidh againn an seo ann an susbaint na beul-aithris, agus thathas ag amas air mar a tha gnè agus clas rim faicinn, a thuilleadh air a' cho-theacs shòisealta san fharsaingeachd.

Thathas a' dèiligeadh ri beul-aithris nas anmoiche san 20mh linn ann an Caibideil a Ceithir, leis gun deach a cruinneachadh eadar 1953 agus 1969 – a' leantainn nam foillseachaidhean bàrdachd. An sin, thathas a' cuimseachadh air seòrsa beul-aithris a bha gu sònraichte pailt: na h-òrain. Bruidhnear mu na fiosraichean, mu na gnèithean de dh'òrain a bha rim faighinn, agus gnèithean a bha tearc leithid òran-luaidh agus òran-obrach. Bheirear sùil air cuid de na h-òrain as fhèillmhoir, agus nithear measadh air cho bitheanta 's a bha na bàird Ìleach fhoillsichte san 20mh linn, agus à àiteachan eile, a' nochdadh anns na clàraidhean-fuaim. Tha a' chaibideil seo cuideachd a' toirt cunntas air a' Chomunn Ghàidhealach agus a' beachdachadh air a bhuaidh air cultar Gàidhlig an eilein.

Bàrdachd

Tha a' chaibideil-sa a' toirt sùil air ceathrar bhàrd foillsichte san 20mh linn: Alasdair Mac an Fhleisteir, Teàrlach MacNìmhein, a bhràthair Donnchadh MacNìmhein, agus Donnchadh MacIain. Thathas a' faighneachd innte dè mu dheidhinn a bha an cuid dhàn? Ciamar a bha iad a' làimhseachadh thachartasan mòra an 20mh linn – ma bha? Agus ciamar a tha ceistean mu ideòlas a' togail ceann nan cuid obrach?

Creideamh

Gu h-ìre nas motha na ann an caibideilean eile, bithear an seo a' seasamh Ìle ri taobh eileanan agus cuid de cheàrnaidhean Gàidhealach eile airson faighinn a-mach ciamar a bha i eadar-dhealaichte a rèir na taic a bha ann ri buidhnean-eaglaise, gleidheadh creideimh is eile. A thuilleadh air creideamh 'oifigeil', thèid beachdachadh air 'mith-chreideamh' (*popular religion*), agus èistear ris na bha aig fiosraichean nan agallamh ri ràdh. Tha ceist oirnn cuideachd mu chleachdadh na Gàidhlig anns na h-eaglaisean Ìleach.

Dòighean-obrach

Mar a thuigear, thathas a' dèanamh feum mòr de thùsan Gàidhlig – agus is lèir nach rachadh againn air cultar nan Ìleach a rannsachadh gu dòigheil gun an cànan fhèin a chleachdadh.[128] 'S e glè bheag de thionndaidhean Beurla a rinneadh air a' bhàrdachd Ìlich san 20mh linn; no nuair a bhithear a' tarraing air clàraidhean Sgoil-Eòlais na h-Alba, tha iad sin airson a' mhòr-chuid ann an Gàidhlig, agus ged a tha eadar-theangachadh gu tric ri fhaotainn ann an cruinneachaidhean beul-aithris Iain Òg Ìle agus Elizabeth Kerr, chan eil an-còmhnaidh, agus tha tuigse air cànan is cultar nan Gàidheal fhathast deatamach.

Bha fìor mheasgachadh de thùsan Beurla gan cleachdadh cuideachd, ge-tà. Ann an caibideil a' chreideimh, mar eisimpleir, bha cunntasan eaglais fiadhaich cuideachail, gun luaidh air prìomh thùsan leithid Cunntasan Staitistig na h-Alba (1834-45 agus 1950an) a tha buntainneach ris a h-uile cuspair, agus rinneadh stòr-dàta de leabhraichean-àireamhaiche a' chunntais-shluaigh airson 1891.

Ann an 2012-13, fhuair mi cothrom agallamhan eachdraidh-beatha a dhèanamh còmhla ri 14 Ìlich a rugadh ro 1960. Rinneadh clàradh agus tras-sgrìobhadh air a h-uile fear de na h-agallamhan ach airson a dhà dhiubh, nuair a roghnaich dithis gun a bhith air an clàradh. Bha na ceistean agam gu h-ìre mhòr stèidhichte air stiùireadh eachdraidh-beatha Paul Thompson[129] an toiseach, ach mar a chùm mi orm leis na h-agallamhan bhiodh ceistean ùra ag èirigh, agus bha fìor ùidh agam ann an cuspairean a bha na fiosraichean fhèin a' togail. 'S e luchd-labhairt Gàidhlig a bha anns a' mhòr-chuid de na fiosraichean, ach fhuaireadh fiosrachadh glè mhath bhon cheathrar gun Ghàidhlig cuideachd. Chaidh oidhirp a dhèanamh mun aon àireamh de bhoireannaich agus fir a lorg. Anns na h-agallamhan, agus san rannsachadh air fad, thruiseadh de dh'fhianais inntinneach a lìonadh corra thràchdas. 'S e mo dhòchas gun tèid cuid dhe seo a chleachdadh agus a dhèanamh fosgailte do dhaoine eile san àm ri teachd.

[128] Tha John Burnett a' toirt slaic air eachdraichean Gàidhlig:

> There is a school of thought within the Gaelic community that, without the necessary linguistic skills to draw on and utilize primary sources in the Gaelic language, any study of the Highlands, including the latter's recent past, must necessarily and a priori be deficient. […] [W]ith specific regard to the recent historical past of the Highlands, not least the particular post-war period under examination, it demonstrates a suprising unawareness of the actual paucity of Gaelic sources and the circumstances of language decline and fragility that contributed to this being the case. (*Making*, ibid., tdd 23-24).

Tha barrachd fios aig Burnett a rèir coltais air na tha ann de thùsan Gàidhlig na tha aig sgoilearan Gàidhlig fhèin. Ann an *The Making of the modern Scottish Highlands*, tha caibideilean luachmhor ann air poileasaidhean nam pàrtaidhean poileataigeach às dèidh an Dàrna Cogaidh, agus air breithneachadh Naomi Mitchison agus Neil Gunn. Ach tha an argamaid aige gu mòr air a lagachadh leis gu bheil e a' gabhail air fhèin 'sealladh nan Gàidheal' a riochdachadh stèidhichte air àireamh bheag de thùsan Beurla. Tha fios gun cuireadh clàraidhean, beul-eachdraidh, cho math ris na tha againn de thùsan sgrìobhte ann an Gàidhlig, an t-uabhas ri sgrìobhadh-eachdraidh nas anmoiche san 20mh linn.

[129] Paul Thompson, *The voice of the past: oral history* (Oxford: Oxford University Press, 2000), tdd 309-323.

Caibideil a h-Aon: Cruinneachadh beul-aithris Eachainn MhicGillEathain agus Iain Òg Ìle, mu 1859-1862

[T]hàinig e' n sin gu Maol na h-Otha.[130] *Thilg e ubhal a mach 's an fhairge 's thug e ceum urra. Thilg e 'n ath tè agus thug e ceum eil' urra. Thilg e, mur seo, té an deigh té, gus an d' thàinig e gus an t-sèathamh té deug, 's thug an t-seatho té deug air tir an Eirinn e.*[131]

1.1. Prìomh chruinnichean

Ged nach do choisinn Ìle an aon chliù ri Uibhist a Deas no Barraigh,[132] bha an t-eilean uabhasach sealbhach a thaobh cruinneachadh beul-aithris san 19mh linn gu toiseach an 20mh linn. Tha fios gum b' ann às an eilean a bha fear de na cruinnichean a bu chudromaiche air a' Ghàidhealtachd agus ann an Alba. B' e **Iain Francis Caimbeul** (1821-1885) – Iain Òg Ìle, mar as fheàrr a dh'aithnichear e, no mar a theireadh cuid de dh'Ìlich ris, Iain Bàn nan Òran[133] – mac Bhaltair Frederick Chaimbeil (1798-1855), uachdaran an eilein. Nuair a b' fheudar dha athair an oighreachd a reic ann an 1847 agus e fo fhiachan, dh'fhàg an teaghlach an t-eilean agus cha d' fhuair Iain Òg Ìle seilbh air a chaoidh. Na àite, dh'fhàs e gu bhith na sgoilear mòr ioma-thàlantach, a' beachdachadh air raon smaoineachail de chuspairean eadar clach-eòlas agus litreachas, a' cruthachadh innleachdan ùra agus a' siubhal air feadh an t-saoghail.[134] Bha e stèidhichte ann an Lunnainn ann an 1859, ag obair mar rùnaire do Choimisean nan Taighean-solais, nuair a chuir e roimhe mith-sgeulachdan na Gàidhealtachd an Iar a thrusadh agus fhoillseachadh air a bhrosnachadh le a charaid, George Dasent, a chuir Beurla air cruinneachadh Peter Christen Asbjørnsen is Jørgen Moe ann an Nirribhidh, agus na bràithrean Grimm a bha a' tional na bu tràithe am measg nan Gearmailteach.[135] Agus abair sùileachan a bha ann am *Popular Tales of the West Highlands* nuair a thàinig e a-mach ann an ceithir leabhraichean eadar 1860 agus 1862, is iad mar stùcan àrda ann an rosg is sgoilearachd na Gàidhlig chun an latha an-diugh. Tha an Caimbeulach ainmeil airson a bhith a' dèanamh cinnteach gum biodh a' Ghàidhlig an cois nan tionndaidhean Beurla, agus 's e an t-amas a bha aige gum biodh i cho faisg 's a ghabhadh ri cainnt nan sgeulaichean fhèin[136] – ged a dh'fheumar ceasnachadh gu dè cho fìor 's a bha sin. Gu sònraichte anns a' chiad leabhar, tha na sgeulachdan a fhuaireadh ann an Ìle bitheanta agus a rèir iomadach slat-tomhais coimeasach riuthasan à ceàrnaidhean eile, ach fiù 's aig an àm seo chìthear diofaran roinneil agus na tobraichean as doimhne ann an Innse-Gall. Tha Iain Òg Ìle airidh

[130] Maol na h-Odha ann an ceann a deas Ìle. Mu choinneimh, tha Reachlainn, agus Baile an Chaistil air tìr-mòr Aontroma.
[131] James Wilson ag aithris 'An Ceathairneach Caol, Riabhach' ann an J. F. Campbell, *Popular Tales of the West Highlands* [PTWH] Vol. 1 (Dùn Èideann: Birlinn, 1994), tdd 332-3. NB. Fàgar an litreachadh mar a tha e bho thùs.
[132] Tha Maighread A. Challan ag argamaid gun robh fìor thaobhachd ann do na h-eileanan sin am measg sgoilearan beul-aithris, *Air bilean an t-sluaigh: sealladh air leantalachd beul-aithris Ghàidhlig Uibhist a Tuath* (Béal Feirste: Cló Ollscoil na Banríona, 2012), tdd 5-6.
[133] National Library of Scotland, *Lamplighter and story-teller: John Francis Campbell of Islay*, 1821-1885 (Dùn Èideann: NLS, 1985), td. 22. 'S e 'Iain Òg Ìle' a bha aig Ìlich ann an clàraidhean Sgoil-Eòlais na h-Alba, ge-tà.
[134] Fhathast, chan eil eachdraidh-beatha iomlan aig a' Chaimbeulach no cunntas slàn air na choilean e na linn. 'S e an t-alt tlachdmhor aig MacThòmais an tùs as fheàrr air a bheatha: Frank G. Thompson, 'John Francis Campbell', *TGSI*: LIV (Gearran 1985), tdd 1-57. Faic cuideachd: NLS, *Lamplighter*; Richard M. Dorson, *The British folklorists* (Lunnainn: Routledge & Kegan, 1968), tdd 393-402; Fiona M. MacDonald, 'Narrative collection and scholarship' ann an John Beech et al, deas, *Scottish life and society, Vol. 10: Oral literature and performance culture* [SLS 10] (Dùn Èideann: John Donald, 2007), tdd 12-15.
[135] Dorson, *British folklorists*, td. 393; PTWH – 1, tdd 1-2, 27.
[136] PTWH (1), tdd 80-81. Tha fios gum b' e pàirt dhen adhbhar airson seo gun robh e ag iarraidh dearbhadh nach deach sìon sam bith a dhèanamh an-àird, mar a rinn Seumas Mac a' Phearsain le Oisean. Ibid., tdd 19-22.

air gach moladh. Bha e na dhuine-uasail ann an seagh eile: tha a chuid litrichean a' taisbeanadh a choibhneis do sheann charaidean agus Gàidheil, ge bith dè an inbhe.[137] A dh'aindeoin 's nach robh e dhà-rìribh a' strì airson aiseirigh ann an cànan is cultar – '[he] may have seen himself in more of a curatorial role'[138] – 's ann tric a bha e a' dìon an tuath bho dhìmeas agus ionnsaighean bhon taobh a-muigh, gu h-àraid bho Shasannaich phrìomh-bhailteach.[139] Tha an seasamh seo mar shnàthainn tro a chuid sgrìobhaidh an cois nan amasan saidheansail a bha aige. Às dèidh sin, 's mòr as fhiach e aithneachadh gum b' e fìor *cho-obrachadh* a bha ann an iomairt nam *Popular Tales*, a thuilleadh air an obair-chruinneachaidh a rinneadh às a dèidh.[140]

Bha Caimbeul an urra ri gnothaichean, a' dealbhachadh cumadh an fhoillseachaidh, a' cur Beurla air na sgeulachdan agus a' toirt seachad bheachdan gu math feumail mun ciall, ceanglaichean ri sgeulachdan à dùthchannan eile, agus mu 'Storyology' san fharsaingeachd, gu h-àraid na ro-ràdh fhada.[141] Ach rinneadh an trusadh fhèin, am measg an t-sluaigh, le sgioba de dhaoine eile. Dhiubh sin, bha e a' maoineachadh triùir mar a chaidh cùisean air adhart: Eachann Urchadan, Iain Deòireach agus an t-Ìleach, **Eachann MacGillEathain** (1818-1893).[142] Ach bha dreuchd àraid aig MacGillEathain ann an gnìomh a' chruinneachaidh; seach gum b' esan a fhuair a' chuid a bu mhotha de sgeulachdan, bha e an urra ri deasachadh Gàidhlig an fhoillseachaidh, agus bha e ann an sìor chonaltradh ri Iain Òg Ìle mu fheallsanachd na h-iomairt. Bha cuid a' bruidhinn air mar 'Campbell's right hand man' no 'lieutenant'[143], 'his able and willing coadjutor'.[144]

Bha an dithis aca cuimseach dlùth ri chèile, oir ged nach robh ann an athair MhicGillEathain ach seòladair is neach-malairt, dh'fhàs e eòlach air Caimbeul ann an làithean an òige, ag oideachadh clann an Taigh Bhàin, agus a' falbh còmhla ris gu Oilthigh Dhùn Èideann airson corra sheisean.[145] Gu dearbh, 's iongantach cho coltach 's a bha iad. Air fhoghlam an toiseach le Niall Mòr MacAilpein (1786-1867) – a thathas cinnteach a mhisnich a chomasan sgoilearachd – bha e air a dhòigh aig an oilthigh, ag ionnsachadh mu na saidheansan agus a' cuideachadh Chaimbeil le a chuid dheuchainnean – 'Maclean nearly got a couple of his long fingers blown off when assisting at one of these'![146] Thog e grunn chànanan, agus chuir e eòlas air leithid *Euclid* is calcalas, ach b' ann ann an daonn-eòlas (*anthropology*), agus nithean ceangailte ris, a bu mhotha a bha ùidh aige mu

[137] M.e. Tha e coltach gun do chuir e bata-coiseachd chun an sgeulaiche Ìlich, James Wilson, ann an 1860 mar thaing airson a chuid sgeulachdan, NLS 50.1.14(ii), f. 453. A' faotainn sgeulachd bho Lachlan MacNèill ann an 1870, sgrìobh Caimbeul na leabhar-là, '[h]is wife swore that she knew me and that she was on the pier at Port Ellen when I left Islay with the children, yr 1847. [...] went to [visit] the wife and gave her a tip, a sovereign for old acquaintance sake', ann an Thompson, 'John Francis', td. 55. Bha fìor bhlàths aig muinntir Ìle dha fhèin, sgrìobh Eachann MacGillEathain thuige Màrt 1859: 'As for the people here without exception native or not, I know that nothing would delight them more than do anything to please you', NLS 50.1.14, f. 54. Agus rinn Nigel MacNèill òran-molaidh dha, 'Rùn nan Ìleach' agus a bha air a ghabhail na làthair aig cuirm bhliadhnail Comann nan Ìleach ann an 1878, Gilleasbuig Mac-na-Ceàrdadh, deas, *An t- Òranaiche* (Glaschu: Mac-na-Ceàrdadh, 1879), tdd 512-13; Roy Cameron, *The Glasgow Islay Association: A history* (Irvine: Paterson, 2012), td. 7. Cha robh a h-uile Ìleach cho taiceil ris na Caimbeulaich mar uachdarain ge-tà, mar a chìthear nas anmoiche sa bheul-aithris.
[138] MacDonald, 'Narrative collection', td. 24: n14.
[139] M.e. J. F. Campbell, 'A Plea for Gaelic', PTWH (4), tdd 346-58, gu sònraichte 358-59. Ach, bha a' cho-fhaireachdainn a bha seo uaireannan ceangailte ri beachdan eile a tha nas amharasaiche. Ann a bhith a' moladh gun rachadh barrachd leabhraichean Gàidhlig fhoillseachadh a bheireadh 'sound information' do mhuinntir an àite, tha e ag argamaid gun e a' bhunnachd gun dèan tuilleadh Ghàidheal eilthireachd a Chanada no gun gabh barrachd dhiubh san arm. PTWH (1), td. 14.
[140] Às dèidh nam *Popular Tales*, 's e *Leabhar na Fèinne* (1872) a' phrìomh obair beul-aithris a dh'fhoillsich an Caimbeulach, ach cha deach leis dà leabhar eile a chur ris mar a bha e ag iarraidh. Faic Thompson, 'John Francis' airson barrachd air an obair anmoch, tdd 53-57.
[141] PTWH (1), tdd 1-90.
[142] Ibid., tdd 12-13. J. H. Delargy, 'Three men of Islay', *Scottish Studies* 4 (1960), td. 131.
[143] [Gun ùghdar], *Folk-Lore*, Vol. IV (1893), td. 365.
[144] [Gun ùghdar], *Highland monthly*, Vol. V (1893—94), td. 63.
[145] Professor MacKinnon, 'Hector MacLean, M.A.I.', *The Celtic Monthly* (April 1893), td. 106.
[146] Ibid, td. 106.

dheireadh thall.[147] Cha robh na h-aon chothroman aig an Leathanach 's a bha aig Caimbeul ge-tà. Thug Iain Òg Ìle an saoghal mòr air fad 's a dh'fhuirich Eachann MacGillEathain ann an eilean àraich, ag obair na mhaighstir-sgoile ann am Baile a' Ghràna.

A' seasamh sia tròighean a dh'àird is feusag mhòr air, chaidh a ràdh mu dheidhinn, '[he was] a very dignified man, insisting on being addressed with great respect'.[148] Fear a bha, b' urrainn dhuinn geall a chur, rudeigin eagalach do phatach[149] beag neochiontach. Tha e a' togail ceann ann am beul-aithris seach 's gun robh cuid dhen bharail gun robh an sgoil-dhubh aige. Mar eisimpleir, dh'innis Gilbert Mac a' Chlèirich an naidheachd seo mu dheidhinn:

> A' chlann, dh'fholbh iad is chuir iad salachar air làmh an dorais [...] nuair a rug esan air [d]lèmh an dorais, bha feirg mhòr air. Is [fhuair] e h-uile duine a bha sa sgoil a ghlaoidh a-stigh – chan aidicheadh h-aon den chlann cò rinn an cron, 's thuirt Eachann, 'Uell, mana aidich sibh a-nis, bheir mise oirbh gun aidich sibh gu goirid. 'S thòisidh an sin uis[h]ge, bha an t-uis[h]ge a' tighinn an t-àite, an sgoil a lìonadh [d]lèn uishge, gus an do ghlaoidh an t-aon a dhèan an cron. Ghlaoidh iad a-meach mar a bha iad gu bhith bàite, cò rinn e.[150]

Agus tha fiù 's sgeulachd ann gun do chronaich e bò san nàbachd le droch shùil.[151] Thug an t-Ollamh Dòmhnall MacFhionghain luaidh air tachartas garbh fhèin faisg air na bha aig Mac a' Chlèirich na iomradh-bàis do a charaid. Le a bhith a' cur gu feum 'magic lantern':

> This extraordinary man could of an afternoon bring the sea, over a mile distant, into the schoolroom. Such occult knowledge could only be acquired in one way; and the school-master, it used to be gravely rumoured, must be in communication with the powers of darkness. I do not know that Mr. Maclean cared much to deny the soft impeachment. His sense of humour was touched; and as he once told me, his reputation as a wizard enabled him occasionally to get strayed property restored to its rightful owner.[152]

Sgoil-dhubh ann no às, tha a leithid de dh'fhathannan ag innse rudeigin dhuinn. Bha Iain Òg Ìle cliùiteach airson measgachadh ris an tuath, a' cur clisgeadh orra le bhith a' cainnt riutha nan cànan fhèin.[153] Ach gu h-ìre nas motha, bhiodh MacGillEathain a' gluasad eadar dà shaoghal: saoghal farsaing àrd-inbhe mar sgoilear; agus beatha-làitheil nan daoine ann an ceàrnaidh iomallach. Bha e mar phàirt den choimhearsnachd, ach cuideachd na choigreach. Anns a' bheul-aithris, tha amharas nan daoine follaiseach, is e na ùghdarras aig an robh eòlas mì-àbhaisteach. Mar a theireadh Gramsci, bha e ann am broilleach na sabaid, ag ionnsachadh na b' urrainn dha de shaidheans is eile don chloinn agus a' toirt dùbhlan do bheachdan saobh-chràbhach.[154] B' ann a bha e a' còmhrag ri beul-aithris agus a' cheart àm 's a bhiodh e ga caomhnadh.

1.2. Luchd-cruinneachaidh eile

Cha b' e MacGillEathain an aon duine a thruis sgeulachdan san eilean às leth Iain Òg Ìle. Gu dearbh, sgrìobh an Caimbeulach gu **Màiri NicThàmhais** (? – 1881) na bu tràithe san Fhaoilleach 1859.[155] À Latharna bho thùs, bha i a' còmhnaidh ann am Port Ilein, far an robh an duine aice, Gilleasbuig MacThàmhais na mhinistear air

[147] Ibid.
[148] Rev John MacKechnie, deas, *The Dewar manuscripts: volume one* (Glaschu: McLellan, 1963), td. 30.
[149] = pàiste.
[150] SA1970.329.B2. Thuirt Mac a' Chlèirich gum b' e MacGillEathain 'a thruis a' chuid bu mhotha de dh'*eachdraidh* Iain Òg Ìle' (mo chuideam), agus, 'Sin agaibh an aon uair a chuala mi – an duine ainmeil a bh' ann – ach cha chuala mi riamh an còrr de sgoil-dhubh a tha sin mu thimcheall'.
[151] SA1969.12.B4. 'S e 'Eachann nan Ceann' a thathas a' cur air an seo.
[152] MacKinnon, 'Hector', td. 106.
[153] M.e. J. F. Campbell, PTWH (1), tdd. xxii-xxiii.
[154] Kate Crehan, *Gramsci, culture and anthropology* (Lunnainn: Pluto Press, 2002), td. 109.
[155] NLS 50.1.14, ff 83-84, 87.

sgìre Chill Daltain san Eaglais Mhòir gus an do shiubhail e ann an 1858.[156] Tha Caimbeul a' bruidhinn oirre mar 'one of my oldest friends',[157] agus ged a bha i suas ann am bliadhnaichean, thug i mu 47 nì dha – a' gabhail a-steach sgeulachdan, naidheachdan beaga mu shìthichean, sheanfhaclan is eile.[158] Bha cuid de na rudan sin air a cuimhne fhèin, a' buntainn do a h-àite-àraich ann an Latharna, agus thàinig oirre stuth fhaighinn bho bhan-Ìlich a bha air mhuinntireas san taigh aice.[159]

'S iongantach na h-ainmean mòra ann an dualchas nan Gàidheal a bha an sàs sa ghnothaich. Nam measg, bha **Tòmas Pattison** (1828-1865), fear a bha na sgoilear, air a thrèanadh airson ministrealachd san Eaglais Stèidhte, agus ùghdar an leabhair, *The Gaelic Bards* (1866). Chaidh innse,

> the impulse to [the latter work] may be traced, in a great measure, to the "Highland Tales," published by Mr. John Campbell, of Islay. Being asked to assist in the collection of materials for that work, Mr. Pattison responded by giving his cordial co-operation. The result was an enthusiasm in the cause of Gaelic Literature and Antiquities [...].[160]

Ged a b' e Ìleach a bha ann, tha a h-uile fear dhe na 16 pìosan fiosrachaidh a thug e seachad – naidheachdan beaga airson a' mhòr-chuid – ann am Beurla. Tha coltas ann nach e Gàidhlig a chiad chànan, agus ged a dh'fhàs e comasach a leughadh 's a tuigsinn, 's cinnteach nach robh e riamh làn-fhileanta.[161] Cha robh an creideamh mòr a bha aig Pattison na bhacadh gus ùidh a bhith aige ann am beul-aithris – rud a chomharraich Iain F. Caimbeul fhèin is e ag argamaid an aghaidh an t-seasaimh a bha aig cuid de mhinistearan.[162]

Às dèidh dha obair a chall, bha an seann mhaighstir-sgoile aig Eachann MacGillEathain, Niall MacAilpein, beò air èiginn agus an eisimeil cobhair nam bochd.[163] Bha cuid a' smaoineachadh gun robh e air a dhol às a bheachd, agus chìte e a' falbh mun dùthaich a' bruidhinn 's a' deasbad ris fhèin.[164] Tha litrichean a' cur mun aire, ge-tà, gun tug ùghdar an fhaclair Ghàidhlig ainmeil[165] taic leantainneach do MhacGillEathain a thaobh ceistean cànain is mìneachaidh air na sgeulachdan. 'He is very willing to aid me either in [inquiry] or the explanation of terms', sgrìobh an Leathanach, '[h]e is getting frail no doubt but that is more owing to poverty than to age'.[166]

---

[156] *Fasti ecclesiae scoticanae*: Vol. 4, Synod of Argyll (1560-1900), td. 76. [ruigte air-loidhne].
[157] Campbell, PTWH (1), td. 487.
[158] PTWH (4), tdd 424-26.
[159] Mar a chìthear ann an Clàr nan Sgeulachdan (Eàrr-ràdh 2.1).
[160] Thomas Pattison; John George MacNeill, deas, *The Gaelic bards and original poems by Thomas Pattison* (Glaschu: Archibald Sinclair, 1890), tdd viii-ix.
[161] 'Had Mr. Pattison at the date of his license been able to read and to preach Gaelic fluently, he might have been settled as pastor of one of the vacant charges in his native island.' Ibid., td. xv.
[162] PTWH (1), td. 90.
[163] Anns a' bheul-aithris, chaidh a ràdh gun do chaill e obair mar mhaighstir-sgoile ri linn 's gun deach e an aghaidh an uachdarain, Bhaltair Frederick Caimbeul (athair Iain Òg Ìle), aig àm gaiseadh a' bhuntàta an 1846 no nas tràithe. Dh'òrdaich e long bìdh a bhith a' tighinn airson muinntir an eilein, rud a mhaslaich an Caimbeulach agus fhuair e dìoghaltas le bhith a' cur MacAilpein a-mach às a dhreuchd. Am measg thùsan sgrìobhte oifigeil, chaill MacAilpein a dhreuchd airson a bhith a' fàgail na sgoile airson ùine mhòr ann an 1838. Chan eil sin ri ràdh nach robh fìrinn air choireigin aig a' bheul-aithris. Airson 'beachd an t-sluaigh': John MacKechnie, deas, *The Deward Manuscripts*: Volume I (Glaschu: William MacLellan, 1963), td. 28-29, agus Alasdair Lògan MacArtair à Port Ilein: SA1969.12.B3. Agus, airson 'a' bheachd oifigeil': House of Commons Papers, *Return from Presbytery books in Scotland of Cases brought before Presbyteries, respecting Parochial Schoolmasters, 1838-53*, tdd 73-77.
[164] John Ramsay gu J. F. Campbell (15 Giblean 1859), Adv.MS.50.1.14, f. 67; MacKechnie, deas, *Dewar manuscripts*, td. 29.
[165] Neil MacAlpine, *The Argyleshire pronouncing dictionary* (Dùn Èideann: Stevenson, 1832).
[166] MacGillEathain gu Caimbeul, 27 Cèitean 1859, Adv.MS.50.1.14,ff. 282-286.

Tha fios againn gun do dh'fhaighnich Caimbeul airson sgeulachdan bhon bhàrd Ìleach, Uilleam MacDhunlèibhe (1808-70) – 'a clever old fellow'[167] – ged nach eil lorg air gin dhiubh ma bha iad aige. Bha caraid eile, Iain MacMhurchaidh (1818-1903), a thogadh ann an Gart na Trà, a' toirt fiosrachadh do dh'Iain Òg Ìle agus b' esan a mhol dha a bhith a' dol a bhruidhinn ris an sgeulaiche aibheiseach, Lachlan MacNèill, ann am Pàislig.[168] Agus anns an Lùnastal 1860, sgrìobh MacGillEathain gu Caimbeul, 'I have had a call lately from a very enthusiastic Highlander Carmichael who wears the Highland dress and says he would be glad if he could collect anything. [...] He speaks nice Gaelic, is I think a good Gaelic scholar and is certainly well versed in Gaelic literature'.[169] Bha Alasdair MacIlleMhìcheil (1832-1912), a' fuireach agus ag obair na ghàidsear ann an Ìle – 's dòcha san Roinn.[170] Mar sin, b' urrainnear a ràdh gum b' ann san eilean a thòisich an aon duine a sheas cho àrd ris a' Chaimbeulach fhèin ann an cruinneachadh beul-aithris air an obair sin, mus do thog e air don Eilean Sgitheanach agus Uibhist.[171] 'S e lìonra inntleachdail a bha seo, a' toirt buaidh air càch a chèile, agus cleas Pattison, air am misneachadh gu bhith an sàs ann an sgrìobhadh agus cruinneachadh le foillseachadh nan 'Seann Sgeulachdan Gaidhealach'. Gu h-inntinneach, bha cuid dhiubh a' measgachadh na h-obrach seo ri dealas airson atharrachadh-sòisealta air a' Ghàidhealtachd, agus air uaireannan ag iomairt às leth muinntir an àite is a' cur taic ri leasachadh-fearainn.[172]

1.3. Obair a' chruinneachaidh

A' leantainn stiùireadh Chaimbeil, sgrìobh MacGillEathain faisg air toiseach a' ghnothaich ann an 1859 mu na bha e a' sireadh:

> I have hitherto searched for no tales but ursgeulan. I don't doubt that several tales of another kind may be got even here. The ursgeulan were always understood as fiction and admired as such, being intended to teach a moral, quicken the intellect, or to inspire the mind with sentiments of heroism and wisdom and for their purposes I should think they may be still valuable notwithstanding the richness of our modern literature. The other tales or sgeulachdan, naigheachdan, seanchas &c. were believed to be either true, half true, or probable. I have always esteemed fiction of every kind and believe that without it the mind were but very partially developed.[173]

Tha uirsgeulan an seo a' ciallachadh raon farsaing de ghnèithean, ach bha *Märchen* mar a bha aig na bràithrean Grimm aig an teis-meadhan. B' iad sin na seann-sgeulachdan iongantais, anns an robh draoidheachd, agus a bha

[167] Sgrìobhte air an lethbhreac de dhàin MhicDhunlèibhe a bha aig Iain Òg Ìle.
[168] John Murdoch, 'The latest reciter of Sgeula Chois O'Cein', *The Celtic Monthly* 9:1 (Ògmhios 1893), td. 138.
[169] MacGillEathain gu Caimbeul, Adv.MS.50.1.14(ii), f. 490.
[170] Stèidhichte air far an d' fhuair e na sgeulachdan: Cultorsa agus Port Sgioba (Clàran 2.1-2.3).
[171] Domhnall Uilleam Stiùbhart, 'Alexander Carmichael and Carmina Gadelica', ann an Stiùbhart, deas, *The life and legacy of Alexander Carmichael* (Port Nis: Islands Book Trust, 2008), tdd 3-4.
[172] M.e. Bha Iain MacMhurchaidh ainmeil airson na pàirt mhòir a bha aige ann an ath-leasachadh fearainn agus poileataigs radagaich, faic m.e. James Hunter, deas, *For the people's cause: From the writings of John Murdoch* (Dùn Èideann: HMSO, 1986). Saoilidh mi gun robh Eachann MacGillEathain ag aontachadh leis gu h-ìre a thaobh mar bu chòir seilbh fearainn atharrachadh an Ìle às dèidh do Chaimbeulaich Shawfield an oighreachd a chall an 1847: 'One of the positions taken up be me was that all rent should go to the Crown for national purposes – or that all taxes should fall upon the land. Hector MacLean and the Rev James Ross [...] were among the disputants. I have no doubt we could have worked out a good scheme of land management had we followed the discussion up'. Ibid., td. 79. Thug MacMhurchaidh buaidh air Alasdair MacIlleMhìcheil, agus thug e seachad fianais do Choimisean Napier ann an 1882. 'Biography - Alexander Archibald Carmichael', The Carmichael Watson Project: <http://www.carmichaelwatson.lib.ed.ac.uk/cwatson/en/eacpersonentry/GB-237-EAC-p3332> [ruigte 20.8.16]. Cha bu chòir a chuid dealas aibheiseachadh, ge-tà. Agus, mu Thòmas Pattison, sgrìobh Iain Deòrsa MacNèill:

> This gifted son of Islay, as a co-worker with other true yokefellows, wrought nobly for the intellectual awakening, and for the social advancement of his beloved Celts. "Man's inhumanity to man" moved his soul to its depths. Had he lived to our day, he would certainly have stepped forth as the unflinching advocate of the people's rights.

Pattison, *The Gaelic bards*, td. xvi.
[173] MacGillEathain gu Caimbeul, 27 Cèitean 1859. NLS Adv.MS.50.1.14,ff. 282-286. Fo-loidhnichean ann bho thùs.

gu tric rin lorg ann an diofar chruthan air feadh na Roinn Eòrpa. Bha cuid eile (uaireannan air an cunntadh mar *Mhärchen*) gun draoidheachd, ach nan sgeulachdan-meallaidh, sgeulachdan romansach, agus sgeulachdan-bheathaichean.[174] An uair sin, bha cuid den stuth air a bheil an coltas as sine: na sgeulachdan-gaisge, agus sgeulachdan is laoidhean na Fèinne, a tha a' nochdadh ann an làmh-sgrìobhainnean bho na Meadhan-aoisean anmoch air adhart, agus anns am faighear seann chainnt is bhriathrachas.[175] Chìthear gun robh rangachd aig MacGillEathain: 's e 'ficsean' a bha e a' meas cudromach, agus mar sin tha e ri thuigsinn nach robh an aon luach aige air 'naidheachdan' no mith-eachdraidh – a bha cho bunaiteach don bheul-aithris – agus a bha 's dòcha na bheachd-san smodalach agus a' sgaoileadh fiosrachadh breugach. Tha an t-iomradh air 'heroism' agus na 's aithne dhuinn mu obair, gu sònraichte anns na *Duain Ultach* (1892), a' comharrachadh gun robh a phrìomh ùidh aige, mar a bha aig Iain Òg Ìle, ann an nithean àrsaidh gaisgeil. Air an làimh eile, san ath cheum de dh'iomairt nam *Popular Tales*, rinn an Leathanach na h-uiread de dh'obair gus Beurla a chur air na chruinnich Iain Deòir de sgeulachdan-cinnidh ann an Earra-Ghàidheal.[176] 'S e deagh eisimpleir a tha seo den t-seòrsa seanchais anns a bheil measgachadh de dh'fhirinn agus de dh'uirsgeul, ach a-rithist tha e a' co-fhreagairt ris an aire a bha aige air laochmhorachd.

An lùib na h-iomairt, thathas air **62 nì** – uirsgeulan ach airson corra ghnè eile – a lorg ann an Gàidhlig, a chaidh innse ann an Ìle no le Ìlich ann an àiteachan eile.[177] Mar a chìthear ann an Clàran 4, 5 agus 6, chaidh 31 fhoillseachadh anns na *Popular Tales*, bha 14 air am foillseachadh na b' anmoiche, gu sònraichte ann am *More West Highland Tales*,[178] agus tha 17 nach do nochd ann an clò uile gu lèir fhathast. Chan eil seo a' gabhail a-steach na h-ulaidh, seanchas agus criomagan beaga de bheul-aithris airson a' mhòr-chuid ann am Beurla, a thruis NicThàmhais, Pattison agus Caimbeul fhèin nach eil foillsichte nas motha.[179] Chruinnich Eachann MacGillEathain 43 dhe na prìomh eisimpleirean Gàidhlig à Ìle – cuid de na h-uirsgeulan a bu shusbaintiche. Tha e nas dorra cunntas ceart a thoirt air na fhuair e ann an Innse Gall cho math ri Ìle leis gu bheil an Liosta Ghàidhlig aig Caimbeul mì-shoilleir, neo-iomlan agus mì-earbsach. Ach, a rèir an leughaidh agamsa, tha mu 151 uirsgeul co-cheangailte ri ainm – fada a bharrachd na duine sam bith eile.[180]

Thòisich MacGillEathain air tional far an robh e ann an Ìle mu dheireadh a' Mhàirt agus toiseach a' Ghiblein 1859. Chaidh e gu tuath, a Bharraigh agus Innse Gall dà thuras: anns an Iuchar agus Lùnastal 1859; agus Lùnastal agus Sultain 1860.[181] An rud a tha a' drùidheadh oirnn 's e cho luath 's a chaidh na *Popular Tales* a

[174] Barbara Hillers, 'Storytelling and the international folktale in Scotland', ann an John Beech, deas, *Oral literature and performance culture* (Dùn Èideann: Birlinn, 2007), td. 154.
[175] Alan Bruford is Donald A. MacDonald, *Scottish traditional tales* (Lunnainn: Polygon, 1994); John MacInnes, 'The Gaelic Hero-Tales', ann am Beech, deas, *Oral literature*, tdd 64-81.
[176] MacKechnie, *Dewar Manuscripts*.
[177] Chan ann à Ìle a bha a h-uile sgeulaiche san eilean.
[178] J. G. MacKay et al, deas, *More West Highland tales*, Vol. 1 7 Vol. 2 (Dùn Èideann: Oliver and Boyd, 1940; 1960).
[179] Uile gu lèir, fhuaireadh **76 nithean** den t-seòrsa seo ann an 'Liosta Bheurla' Chaimbeil (a' toirt air falbh litrichean, agus nithean a tha cuideachd rim faighinn anns an Liosta Ghàidhlig/ann an clò). PTWH 4, tdd 415-35. Tha seo a' briseadh sìos: Iain Òg Ìle, 14; Màiri NicThàmhais, 43; Thomas Pattison, 19. 'S math as fhiach e rannsachadh a dhèanamh orra agus coimeas a dhèanamh eadar iad agus cruinneachadh nas anmoiche, gu seachd àraid aig Elizabeth Kerr.
[180] A' ruith air an Liosta Ghàidhlig de sgeulachdan foillsichte agus mì-fhoillsichte, lorgadh 16 nithean aig Eachann Urchadan, 51 aig Iain Deòir agus 62 aig Alasdair MacIlleMhìcheil, am measg an luchd-chruinneachaidh a bu chudromaiche. Dà thrioblaid mu na h-àireamhan seo agus mun àireimh aig MacGillEathain: tha Caimbeul gu tric a' fàgail ainm a' chruinniche bàn agus tha mì-chinnt ann an robh e a' ciallachadh gum b' e an aon neach a bha ann (*ditto*), no gu bheil e bàn air adhbhar eile. Choimhead mi air cò às a bha an sgeulachd 7c. airson co-dhùnadh a dhèanamh, ach tha fios gu bheil tòrr a bharrachd rannsachaidh a dhìth. Cuideachd, chan eil an Liosta Ghàidhlig ag ainmeachadh a h-uile uirsgeul Gàidhlig a chaidh a thional, m.e. chan eil ach 39 à Ìle ann, ged a lorg mise 59.
[181] Domhnall Uilleam Stiùbhart, 'Hector MacLean, John Francis Campbell, Alexander Carmichael, and Barra', ann an Stiùbhart, deas, *The life and legacy of Alexander Carmichael* (Port Nis: Islands Books Trust, 2008), tdd 49-52.

chur ri chèile. Thòisich Caimbeul gu ceart air an iomairt mun Ghearran 1859 agus thàinig a' chiad *dà leabhar* a-mach anns an Dàmhair[182] 1860. Anns a' cho-theacs seo, cha robh MacGillEathain a' cruinneachadh ann an Ìle ach airson ùine ghoirid; mar a chìthear ann an Clàr 4, chaidh a' chuid mhòr de dh'uirsgeulan Ìleach a thogail eadar eadar Giblean agus Iuchar 1859, mus do thog e air gu Barraigh. Chan eil ach corra eisimpleir a fhuair e na b' anmoiche na sin, leithid 'Duain na Ceàrdaich' bho Chalum MacPhàil anns a' Chèitean 1861, agus na sgeulachdan air beathaichean aig Iain MacArtair san aon bhliadhna. Tha ceistean ann a thaobh nan uirsgeulan eile (Clàran 5 agus 6), ach far a bheil fios againn air a' cheann-là tha e a' leantainn an aon phàtrain. Fhuair MacGillEathain gu leòr à Ìle ann an 1859, agus bha e ro thrang ag obair air taobhan eile dhen iomairt airson mòran cruinneachaidh a bharrachd a dhèanamh às dèidh sin.

An taca ri obair Alasdair MhicIlleMhìcheil, tha an tras-sgrìobhadh aig luchd-cruinneachaidh Chaimbeil air a shàr mholadh airson cumail ris na bha aig na sgeulaichean fhèin, gun gleans a chur air na fhuair iad. Ach tha fios againn gun robh diofar mhodhan-obrach aig na cruinnichean, agus gun robh, aig an toiseach co-dhiù, Iain Deòir mar eisimpleir a' sgrìobhadh uirsgeulan bho chuimhne na chainnt fhèin.[183] Bha MacGillEathain air a mheas le Caimbeul mar thras-sgrìobhadair gu math comasach,[184] ach dh'fhàs e na bu nàdarra air sgeulachdan a riochdachadh ann an clò mar a chaidh e air adhart.[185] Theagamh gun robh na dòighean deasachaidh aige reusanta, leithid a bhith a' fàgail a-mach fhaclan-iasaid bhon Bheurla, agus droch cainnt,[186] ach bha seo fhèin a' toirt cumadh ùr air na h-uirsgeulan. Air cho earbsach 's a tha obair MhicGillEathain – ach a-mhàin 's dòcha aon eisimpleir mòr is annasach, 'Leigheas Cois Ò Cèin' a thruiseadh anns na 1870an[187]– cha robh e comasach do chruinniche sam bith a h-uile rud a sgrìobhadh. B' ann a bha iad ag amas air 'a good condensed report' – a' seachnadh mar a bhiodh seanchaidhean a' cur ri smior na sgeulachd agus a' leudachadh air cuspairean nuair a thogradh iad.[188] Ann an dà-rìribh, agus bu chòir dhuinn an-còmhnaidh a bhith mothachail dha seo, tha astar mòr eadar na h-uirsgeulan sgrìobhte agus mar a chaidh, 's mar a rachadh, an gabhail:

> Before the modern era of audio recordings, Gaelic texts are effectively arrangements, the original oral source and oral characteristics preserved in varying degrees as a 'rhetorical vestige'.[189]

Thuirt Caimbeul, 'there are many now living in the Highlands, who speak Gaelic and yet believed, till they searched at my request, that stories had become extinct in their districts'.[190] Bha seo caran fìor mu

[182] Thompson, 'John Francis', td. 49.
[183] Domhnall Uilleam Stiùbhart, 'Uses of historical traditions in Scottish Gaelic', ann am Beech et al, deas, SLS 10, tdd 125-6.
[184] '[MacLean] has tried to do what I have taken much pains to teach him to do – and I think he has been doing it very well latterly at all events'. Luaidhte ann an Thompson, 'John Francis', td. 46.
[185] 'You seem to have caught the spirit of the thing; first as it seemed to me you were writing what you heard like a book. Now you are writing like what I have heard [...]'. Caimbeul gu MacGillEathain, 28 Samhain 1859, NLS Adv.MS. 50.1.14(ii), f. 331.
[186] MacGillEathain gu Caimbeul, 27 Cèitean 1859, NLS Adv.MS.50.1.14,ff. 282-286.
[187] 'S e *chain-tale* a chanas iad ris – iomadach sgeulachd am broinn aon sgeulachd. Bha Alan Bruford den bheachd gun robh stuth a bharrachd a chur rithe nuair a bha i air a h-innse, agus gun deach 'sgioblachadh' susbainteach a dhèanamh oirre, 's dòcha le MacNèill agus MacGillEathain ag obair còmhla gus dreach nas fheàrr a chruthachadh. Tha mi a' dol leis: dh'innis Iain MacMhurchaidh nach robh ach cuid de na sgeulachdan air chuimhne na sgeulaiche, Lachlann MacNèill, ach tha an dreach a thras-sgrìobh MacGillEathain slàn, lìomhte agus le nithean a tha a' faireachdainn ùr-nodha dhomhsa. Faic: Alan Bruford, *Gaelic Folk-tales and Mediaeval Romances: A study of the Early Modern Irish 'romantic Tales' and their oral derivatives* (Folklore of Ireland Society, 1969), tdd 240, 244. Agus, John Murdoch, 'Queen of the Hebrides', MS. 14986 (Leabharlann Nàiseanta na h-Alba), tdd 145-146.
[188] PTWH: 1, td. 35.
[189] Stiùbhart, ibid., td. 126.
[190] PTWH: 1, tdd 9-10.

MhacGillEathain; a' freagairt a' chiad iarrtais airson cuideachadh bho Chaimbeul anns a' Mhàrt 1859, sgrìobh e mu uirsgeulan san eilean:

> They are now fast dying out and it is surprising how few can repeat any, and many of those repeated are nothing but English translations. When a boy I could repeat several myself but strange I cannot bring any to my recollection, though I remember quite well the books I read at the same time.[191]

Ach an ath mhìos dh'aidich e, '[f]rom inquiry I learn that a great many may be found which I shall be happy enough to collect and transmit to you'.[192] Saoilidh mi gu bheil na tha ann de dh'uirsgeulan a thruis MacGillEathain agus daoine eile aig a' cheann thall dhà-rìribh a' dol an aghaidh nam barailean a bha aige bho thùs. Bha foghlam air beàrn a dhèanamh eadar e agus na bha fhathast ri fhaotainn san dualchas, agus b' ann a bha e a' bruidhinn air roinn-chultarach anns nach robh e fhèin a' gabhail pàirt. Tha fios gu bheil beul-aithris stèidhichte air sìor-chleachdadh agus air co-luadar.[193] San aon dòigh, dh'innis Niall MacAilpein nach robh cuimhne aige air gin na bu mhotha, 'except a word here and there'.[194] Bochd agus gun robh e, chuir e seachad bliadhnaichean mòra am measg nan leabhraichean, agus mar 'ùghdarras' sa choimhearsnachd; tha deagh theans gum biodh e rudeigin sgaraichte bho dhibhearsan nan daoine. Ged a tha e coltach gun robh tuilleadh uirsgeulan ann na bha dùil aig MacGillEathain, tha e fhathast gu tric eu-dòchasach mu leantainneachd na beul-aithris san eilean. Airson seo a mhìneachadh tha againn ri tionndadh gu na thuirt e mu na sgeulaichean ann an Ìle, ach cuideachd ann an Innse Gall airson coimeas.

1.4. Na sgeulaichean

An taca ri àm a' Ghorta bho 1846, b' e toiseach 'years of recovery' a bha ann don Ghàidhealtachd an iar, nuair a bha MacGillEathain is càch a' cruinneachadh mu dheireadh nan 1850an.[195] Às dèidh sin, feumar cuimhneachadh gun do thill gaiseadh a' bhuntàta ann an cuid de dh'àiteachan 'for almost a decade',[196] agus ann an Ìle chaidh a ràdh le ministear cho anmoch ri 1855, 'I find destitution becoming more general, especially among the females'.[197] Chan ann a-mhàin gum b' e ginealach a' Ghorta a bha ann an sgeulaichean nam *Popular Tales*, bha iad fhathast a' strì ri beòshlaint a dhèanamh dhaibh fhèin agus don cuid theaghlaichean.[198] Chan eil MacGillEathain no Caimbeul gu follaiseach a' bruidhinn air an t-suidheachadh seo ach 's ann a tha e air a chur an cèill gu cumhachdach nuair a bhruidhneas MacGillEathain mu na daoine bhon d' fhuair e na sgeulachdan. Air a sgàth, tha sinn nas eòlaiche orrasan na air mòran dhen fheadhainn a thug seachad naidheachdan is eile às a dhèidh. An fhìrinn air am bu chòir dhuinn cuideam a chur, 's e gun robh beairteas cultarach nan Gàidheal air a thasgadh 's air a chruthachadh le fìor mhithean a' chomainn-shòisealta – an fheadhainn a bu bhochda agus, ma b' fhìor, a bu lugha cumhachd. Tha ciorramachd, so-leòntachd agus dubh-

[191] MacGillEathain gu Caimbeul, 25 Màrt 1859, NLS Adv.MS.50.1.14, f. 54.
[192] Ionann, 14 Giblean 1859, NLS Adv.MS.50.1.14, f. 56.
[193] Challan, *Air bilean*, td. 28, td. 58 agus *passim*.
[194] Ionann, 10 Cèitean 1859, NLS Adv.MS.50.1.14, f. 113.
[195] James Hunter, 'The years of recovery: crofting society, 1858-1880', *The making of the crofting community* (Dùn Èideann: John Donald, 1976), tdd 107-130.
[196] T. M. Devine, *The Great Highland Famine* (Dùn Èideann: John Donald, 1995), td. 39.
[197] 'Destitution in the Hebrides', *Morning Chronicle* (16 Giblean, 1855). Gu dearbh, b' e an t-Urr. MacThàmhais, an duine aig Màiri NicThàmhais, a thuirt seo.
[198] Ged a thathas a' dol le Hunter an seo san fharsaingeachd, feumar ceasnachadh gu dè cho fìor 's a tha a dhealbh ann an co-theacs Ìle fhèin. M.e.: '[t]he 1860s and 1870s were [...] a period of unprecedented stability' (1976, td. 107), ach b' ann an 1862 a bha na fuadaichean a b' ainmeile ann an eachdraidh an eilein, ann an sgìre na h-Odha. Margaret Storrie, *Islay: biography of an island* (Ìle: Oa Press, 2011), td. 189.

chosnadh a' sìor thogail ceann nan cunntasan-beatha. Ach cha bu chòir dhuinn coimhead orra mar chùisean-truais; 's ann a dh'fheumar oidhirp a dhèanamh gus an tuigsinn mar dhaoine slàn, dèanadach.[199]

Corra uair, tha iad air an toirt beò ann an nòtaichean MhicGillEathain, agus anns na litrichean anabarrach feumail a sgrìobh e gu Caimbeul:

> Ann Darroch from whom I have received several of these tales is a woman of 45 energetic, active and industrious. A great virago and fearfully abrasive if offended to high or low. Has a good memory, clear perception and great powers of talk. She has led a very immoral life that is has a great number of illegitimate children. Swears roughly but is not much given to obscene talk. Likes a glass of whisky well but is not drunken. Is very poor as might be expected. Notwithstanding her degraded life she is full of high notions and is very much delighted to hear that her name is to be in a book where it will be read by great people. Believes because her mother's name was Comyn that she is descended from the Comyns of Badenoch. She can neither read nor write but can speak English and was at service in the Low Country. Her knowledge of English however has not altered her speech or her ideas. She speaks very fluent Gaelic, very racy. She delighted the district about half a year ago by reciting a sermon given by a Gaelic Schoolmaster at Ballygrant. She imitated his tones, peculiarities, fervour and accent so well that it was a feast to hear her. Those that listened to the discourse declared that she gave it word for word and that from its absurdity it deserved nothing better than to be mimicked in this manner.[200]

San tuairisgeul iongantach seo, tha Ann Darroch na boireannach buaireasach nach eil a' tighinn a rèir modhan an ama. Gu dearbh, ag òl agus a' mionnachadh, chan eil i idir a' coileanadh àite 'iomchaidh' a' bhoireannaich. Tha an t-iomradh air dìolanas an seo a' comharrachadh beatha dhoirbh mhì-chinnteach, gun chothrom air sochairean-sòisealta, mar a thuigeas sinn iad, agus i buailteach a bhith loma-làn claon-bhreith bho chàch. Bhiodh a cuid chloinne, ge-tà, air an togail leis na dearbh sgeulachdan a thug i seachad, gu bhith air an cur fa chomhair nan daoine mòra. Tha MacGillEathain am maighstir-sgoile ga thoirt am follais cuideachd, a' gabhail uabhas mu 'immoral [...] degraded life'. Ach tha co-fhaireachdainn aige; chìthear e a' sgrìobhadh an tuairisgeil-sa le tomhas de bhraoisg air. Tha Darroch fileanta, treun agus eirmseach. A' magadh air maighstir-sgoile eile, tha i a' toirt beum don t-seòrsa fireannaich chumhachdaich a bhiodh a' càineadh a leithid fhèin.[201]

Tha an cunntas aig Darroch coltach ri tèile, Flòraidh Nic an t-Saoir. Bha i cuideachd air ùine a chur seachad air a' Mhachair-Ghallta, bha clann dìolain aice agus chaidh a ràdh mu deidhinn:

> She is a very jolly, funny, lively being full of humour and drollery. Sings a song and possesses great powers of mimicry. [At parties] delights in caricaturing her neighbours which sometimes causes unnecessary annoyance, but is not the least malicious rather the opposite.[202]

Chaidh barrachd sgeulachdan le boireannaich Ìleach fhoillseachadh anns na *Popular Tales* na à eileanan eile. A' sgrùdadh clàran-innse nan trì leabhraichean, fhuaireadh a-mach gun robh 13 sgeulachdan air an gabhail le boireannaich san eilean, an taca ri ceithir anns a' chòrr de dh'Earra-Ghàidheal, trì ann am Beàrnaraigh, aon ann an Cataibh, agus aon ann an Uibhist a Deas. Lorgar tuilleadh eisimpleirean anns an Liosta Ghàidhlig, ach a-rithist am measg nan eilean, tha an àireamh as àirde ann an Ìle.[203] Ann an dà-rìribh, cha tèid againn air coimeas ceart a dhèanamh stèidhichte air an fhiosrachadh neo-iomlan seo. Dh'fhaodadh gu bheil an àireamh de

[199] Puing a tha air a dèanamh gu grinn le Raymond Williams, is e a-mach air neart is meanma an luchd-obrach dhùthchail a dh'aindeoin na bha iad a' fulang, agus eu-coltach ri làimhseachadh luchd-eachdraidh. *The country and the city* (Nottingham: Spokesman, [1973]), td. 184.

[200] MacGillEathain gu Caimbeul, 27 Cèitean 1859, NLS Adv.MS.50.1.14,ff. 282-286. Fo-loidhnichean ann bho thùs. [Bho seo a-mach: Litir 27 Cèitean].

[201] Tha atharrais (*mimicry*) aithnichte mar bhall-airm aig boireannaich, agus buidhnean eile fo ainneart, airson dùbhlan a thoirt do shiostaman-cumhachd. Co-cheangailte ri fealla-dhà, mar a tha e an seo, 's e dòigh a tha ann an dùbhlan sin a chleith no a lùghdachadh. Joan N. Radner & Susan S. Lanser, 'Strategies of coding in women's cultures' ann an Joan Newlon Radner, deas, *Feminist messages: coding in women's folk culture* (Chicago: University of Illinois Press, 1993), td. 10.

[202] Litir 27 Cèitean.

[203] Sgeulachdan le neach-aithris boireann *ainmichte* anns an Liosta Ghàidhlig: Earra-Ghàidheal (gun Ìle), 8; Ìle, 7; An t-Eilean Sgitheanach, 5; Beàrnaraigh, 5; Uibhist a Tuath, 4; Uibhist a Deas, 3; Beinn na Faghla, 2.

sgeulachdan nam ban ann an dà-rìribh ag innse dhuinn mu dhòighean-trusaidh: mar a bha Màiri NicThàmhais a' cruinneachadh bho a seirbheisich bhoireann, agus mar a b' aithne MacGillEathain sgeulaichean boireann mar-thà, seach a bhith air a stiùireadh gu fir.[204] Tha fios againn bho fhianais nas anmoiche gun robh sgeulaichean boireann pailt ann an Innse Gall,[205] agus tha e doirbh a chreidsinn nach eil na *Popular Tales* gu math taobhach do fhireannaich, a dh'aindeoin na h-oidhirp a rinn Caimbeul is MacGillEathain.[206]

Clàr 2: Boireannaich is fireannaich Ìleach a dh'aithris sgeulachd airson nam *Popular Tales* (1860-62)

	Boireannaich		Fireannaich	
	Foillsichte ann am PTWH (a)	Uile gu lèir san iomairt-chruinneachaidh (b)	Foillsichte ann am PTWH (a)	Uile gu lèir san iomairt-chruinneachaidh (b)
Sgeulaichean fa leth	7	9	11	15
Sgeulachdan air an aithris	12	20	16	36

Tùs: a) Clàr 2.1; b) Clàran 2.1-2.3. Chan eil mi air 'Murchadh is Mionachag' (àireamh a ceithir ann an clàr 2.1) a chunntadh an seo leis gun deach aithris le barrachd air aon neach. Tha 'Ìleach' an seo a' ciallachadh dhaoine ann an Ìle agus daoine às an eilean ann an àiteachan eile.

Anns a' chlàr gu h-àrd, tha sgrùdadh nas mionaidiche air an uiread de sgeulaichean is sgeulachdan ann an Ìle a rèir gnè. Gun teagamh, tha na fir agus an cuid sgeulachdan nas bitheanta, ach tha deagh làthaireachd aig na boireannaich, gu sònraichte ann an clò far an tàinig 40% de nithean bhuapa, agus 36% de nithean uile gu lèir. Tha an t-àite cudromach a bha aca air a dhearbhadh le Iain MacMhurchaidh, is e ag innse gum b' e Lachlan MacNèill, 'the best *Sgeulaiche* in Islay [...] next to *Mairearad Nic Leoid*'.[207] Bha a mac agus a h-oghaichean cuideachd aithnichte mar bhàird.[208]

Bha MacGillEathain den bheachd gum b' iad daoine leth-shean an luchd-aithris a b' fheàrr.[209] Ach bha raon de dh'aoisean air an riochdachadh. Cha robh Catherine NicArtair ach 12 a dh'aois nuair a thug i seachad grunn tòimhseachan, agus Lizzie Chaimbeul a bha na 'young girl in [Mrs MacTavish's] service' a dh'ionnsaich sgeulachdan leithid 'Am Peata Bàn' anns an Odha, 'when she was employed in herding cattle'.[210] Agus bha cuid dhiubh nam fìor sheanchaidhean aosta leithid Ùisdein Mhic an Deòir: 'an old man at Bowmore, in Islay, who can recite a great many more stories; he borders upon eighty, is very poor, and has had but little education'.[211] Rinn MacGillEathain dealbh shònraichte air fear eile, Calum MacPhàil, air an robh e eòlach na òige, agus a bha mu 80 bliadhna cuideachd ann an 1861:

[204] Challan, *Air bilean*, tdd 8-9.
[205] Ibid., td. 182.
[206] Cha robh ach mu 18% de na sgeulachdan foillsichte air an gabhail le boireannaich (22 ann an 121 sgeulachdan, stèidhichte air fiosrachadh nan clàran-innse, agus às aonais sgeulachdan le 'many narrators'). PTWH I-III.
[207] John Murdoch, 'The latest reciter of Sgeula Chois O'Cein', *The Celtic Monthly* 9:1 (Ògmhios 1893), td. 138. Chan eil fhios le cinnt ach 's dòcha leam gun robh i beò tràth san 19mh linn aig a' char a b' anmoiche. Cha d' fhuaireadh sgeul eile oirre, ach b' aithne MacMhurchaidh co-aoiseach a mic.
[208] Ibid.
[209] MacGillEathain gu Caimbeul, 7 Iuchar 1859, NLS Adv. 50.1.14, f. 194.
[210] PTWH I, td. 199.
[211] PTWH II [eagran 1994], td. 46.

> When I entered the house he was sitting by the fireside with his wooden leg. The old fellow's eye brightened when he saw me, and I told him I wished to hear some of his old lore again. "O," said he, "b' abhaist domh 'bhith 'gan gabhail sin a chumail toil-inntinn riut".[212]

Tha e air a ràdh gun do thog MacPhàil 'Duan na Ceàrdaich' 60 bliadhna roimhe, mu 1800, bho Alasdair MacCuinn a bha e fhèin 80 bliadhna a dh'aois – rugadh e, mar sin, timcheall air 1720.[213] Agus bha Dòmhnall Seathach na dhìol-dèirce nuair a bhruidhinn MacGillEathain ris, ach bha e uair na shaighdear leis na *42nd Highlanders* aig Blàr Waterloo. Beagan a bharrachd air mìos às dèidh dha 'Murchadh MacBrian' innse do MhacGillEathain, shiubhail e aig 68 – a' dearbhadh cho brisg neo-mhaireann 's a bha an dualchas.[214]

Air fear dhe na sgeulaichean Ìleach as ainmeile anns a' chruinneachadh, tha James Wilson, 'am fìdhlear dall'. Sgrìobh MacMhurchaidh gun e bha ann: 'a thin, irritable looking man, deeply marked with the small pox, and perfectly blind, with an expression of intelligence and great activity'.[215] 'S dòcha gum biodh e tric a' seinn na fìdhle ann an taigh-òsta Bheul an Àtha, mar a tha e ann an cunntas MhicMhurchaidh, agus e a' toirt seachad grunn bheachdan air ceòl is eile.[216] Mhothaich Caimbeul mar a bha doille an sgeulaiche a' toirt buaidh air a chuid sgeulachdan, mar eisimpleir ann an 'Conall Crà-bhuidhe' far a bheil e a' cur cuideam air doille an fhamhaire.[217] Gus sgeulachdan innse agus a bhith na shàr cheòladair, cha robh cion fradhairc na chnap-starra dha. Am measg eisimpleirean eile de chiorramachd, chunnacas gun robh Calum MacPhàil air leth-chois; chaill e a chas às dèidh a bhith air a ghoirteachadh ag obair na shaothraiche.[218] A rèir MhicGillEathain, bha Dòmhnall MacNìmhein à Bogh Mòr na 'cripple [...] but is sometimes in the habit of acting as a carrier, and driving a cart from Bowmore to Port Ellon [sic] and Port Askaig'.[219] Agus tha dealbh fìor inntinneach ga dèanamh air tè, Mairead Chonnal, nach robh na fiosraiche idir ach b' ann bhuaipse a fhuair Ann Darroch cuid de a sgeulachdan.[220] Bha i ainmeil san sgìre agus bha cuimhne aig MacGillEathain oirre:

> [S]he was wont to repeat numerous 'ursgeulan' (tales). Her favourite resorts were the kilns, where the people were kiln-drying their corn; and where she was frequently rewarded, for amusing them in this manner, by supplies of meal. She was paralytic; her head shook like an aspen leaf, and whenever she repeated anything that was very exciting, her head shook more rapidly; which impressed children with great awe.[221]

---

[212] Ibid., td. 529.
[213] Ibid.
[214] Ibid., td. 552.
[215] John Murdoch, Làmh-sgrìobhainn 'Queen of the Hebrides' (1859), NLS MS. 14986, td. 38.
[216] Ibid., tdd 40-42.
[217] PTWH I [eagran 1994], td. 181.
[218] PTWH II [eagran 1994], td. 529.
[219] Ibid., td. 224.
[220] M.e. 'An nighean agus an duine marbh' agus 'An rìgh a bha airson a nighean a phòsadh'.
[221] PTWH I [eagran 1994], tdd 267-68. An seo agus anns na tuairisgeulan eile aig MacGillEathain tha mi gu math mothachail dha na bha aig Debora Kodish ri ràdh mu dheidhinn a bhith a' ceasnachadh nan cunntasan aig cruinnichean (fireann airson na mòr-chuid) air fiosraichean, gu sònraichte a thaobh gnè. Tha Mairead Chonnal an seo na boireannach dìblidh neònach. Tha i air a comharrachadh a rèir a ciorramachd. Cha tèid againn air a cunntas fhèin a leughadh, ach ciamar a bhiodh i a' tuigsinn na cùise? 'S dòcha, cleas nan seinneadairean aig Kodish, gum biodh i moiteil às na bha aice de sgeulachdan agus a comasan air àbhachd a thoirt do a coimhearsnaich. An e carthannas a bha i a' faotainn, no an robh i a' lìbhrigeadh seirbheis agus làn chòir aice air min-eòrna? Cf. 'Absent gender, silent encounter' ann an S. T. Hollis et al, deas, *Feminist theory and the study of folklore* (Chicago: University of Illinois Press, 1993), tdd 41-50. Cuideachd, tha fianais air leth math aig Gilleasbuig Mac-na-Ceàrdadh, am fear a bu shine de na clò-bhualadairean Ìleach a bhàsaich ann an 1870, mu na muilnean: 'The poor who were unable to do anything for themselves were kindly looked after by the people. Those of you who are old enough to remember it, must have observed the row of white linen bags that used to be suspended on pegs in the mill, and you will also remember how heartily each of these small farmers in his turn dipped his hand into his heap of meal, as it fell from the stones, and deposited the contents into these little bags respectively, and the miller would remove them as they got filled, and would replace them by empty ones. All this was done for those who were unable to help to provide for themselves. Our learned countryman, Mr McAlpine, in his valuable Gaelic Dictionary, says that the ancient

Tha seo gar toirt gus beachdachadh air an t-suidheachadh-aithris a bha aig na sgeulaichean. Chan e seo an aon turas a chaidh a' mhuileann no an àth ainmeachadh, gu dearbh thuirt Caimbeul san fharsaingeachd, 'I have repeatedly heard that the mill, and the kiln, were the places where my informants learned their tales'.[222] Agus bhiodh Calum MacPhàil gu bitheanta a' dol airson an t-eòrna a bhleith agus a thìreadh ann am Baile a' Ghràna, agus b' ann an sin – ro na 1840an – a bhiodh e ag aithris sgeulachdan na Fèinne, agus far an cluinneadh MacGillEathain na bhalach e.[223] Bha an dà shuidheachadh seo cudromach ann an ceàrnaidhean eile leithid Innse Gall,[224] ach tha iad a' seasamh a-mach ann an Ìle leis gu bheil grunn iomraidhean orra.[225] Tha fios againn gum biodh màthraichean ag innse sgeulachdan don cuid chloinne, agus bhiodh an òigridh gan aithris dhaibh fhèin.[226] Chunnacas gun robh obair leithid buachailleachd na cothrom naidheachdan iomlaid,[227] agus 's dòcha gum biodh Dòmhnall MacNìmhein ag aithris fad 's a bhiodh e a' dràibheadh a chairt, coltach ris an sgeulaiche chliùiteach Aonghas Gruamach.[228] Bhiodh an greusaiche Lachlann MacNèill ri seanchas is e 'making and mending shoes'.[229] Air an aon dòigh a bha Ann Darroch agus Flòraidh Nic an t-Saoir a' dèanamh dibhearsain le atharrais aoireil no òrain, dh'fhaodadh gum biodh uirsgeulan gan gabhail – gu h-àraid sa gheamhradh.

Chan eil tuairisgeul follaiseach ann air 'taigh-cèilidh' foirmeil, taigh àraid don rachadh fir sheana is òga, anns an robh rangachd agus riaghailtean stèidhte. Ach bha cuid de dh'uirsgeulan air am meas na bu luachmhoir agus tha am fiosrachadh co-theacsail nan cois a' comharrachadh lìonraidhean àrd-urram de dh'fhireannaich. Dh'fhaodadh gun robh seo a' ciallachadh – agus tha e gu math coltach – gum biodh suidheachaidhean-aithris ann far nach robh boireannaich ceadaichte. Mar eisimpleir, nuair a thigeadh Iain MacGilleBhrath bho Cholbhasa airson sgeulachdan a ghabhail, 's e deagh chothrom a bhiodh na leithid do dh'fhir a thighinn còmhla gus an comasan a ghrinneachadh agus uirsgeulan a thogail, agus b' ann mar sin a fhuair an tuathanach Alasdair Caimbeul an sgeulachd-ghaisge 'Ridire na Sgèithe Deirge'.[230] Bha na h-uirsgeulan sin, an fheadhainn a bu thoinnte 's a bu shine, air an gleidheadh le fir a-mhàin. B' iad Aonghas Gruamach, Sandaidh Mòr MacArtair à Bogh Mòr, agus Lachlann MacNèill aig an robh an t-sreath de dh'uirsgeulan fada, 'Sgeulachd Cois Ò Cèin'.[231] Ach sgrìobh MacMhurchaidh, '*Seanachies* related these,' anns a' chiad leth den 19mh linn, 'among many other stories, as the winter evening's entertainments of the young in Islay'.[232] Chan eil luaidh ga dèanamh an seo nach biodh nigheanan an làthair cuideachd; mar sin, 's dòcha gun robh amannan ann nuair a chluinneadh boireannaich diofar ghnèithean de dh'uirsgeulan, ach cha robh e freagarrach dhaibh an aithris.[233]

Chaidh a ràdh cheana gum b' e fìdhlear sgileil a bha ann an James Wilson, cho math ri bhith na sgeulaiche. Bha seo fìor cuideachd mu Lachlann MacNèill; ann an làithean an òige, bhiodh Iain Òg Ìle agus Iain

---

name by which this kind of charity was designated is "*bail*," the plain English of which is "thrift," or "economy".' Islay Association, *The Kilchoman people vindicated* (Glaschu: Mac-na-Ceàrdadh, 1867), td. 21.

[222] PTWH I [eagran 1994], ibid.

[223] PTWH II [eagran 1994], td. 529.

[224] Challan, *Air bilean*, td. 37.

[225] Bha naidheachd eile aig Caimbeul mu fhear, Iain MacGillEathain, a leig air gun robh ceann caora dhuibh ag innse 'Sgeulachd Cois Ò Cèin' do bhalach ann an àth ann an Grùlainn, Cill Chomain. Bhiodh sin mu dheireadh an 18mh linn. George Henderson, deas, 'Sgeulachd Cois' O' Céin', *TGSI:* XXV (Cèitean 1902), tdd 187-88.

[226] Challan, *Air bilean*, tdd 129-31.

[227] M.e. nòta 80.

[228] Henderson, 'Sgeulachd', td. 187.

[229] Murdoch, 'The latest reciter', td. 138.

[230] PTWH II [1994], td. 208.

[231] Henderson, 'Sgeulachd', ibid; Murdoch, 'Queen of the Hebrides', td. 146.

[232] Murdoch, ibid.

[233] Cf. Challan, *Air bilean*, td. 82.

MacMhurchaidh a' dannsadh ri a chuid fìdhlearachd gu tric.[234] Agus mu Ùisdean Mac an Deòir chaidh innse: '[he] was able to play the pipes in his day. His father was considered an excellent piper; and his son Dugald is allowed to be one of the best pipers in the island'.[235]

Dè cho fallain 's a bha leantainneachd nan sgeulachdan ann an Ìle mu 1859 gu 1862? A dh'aindeoin na bha ann de sgeulaichean agus a' chnaip mhòir a fhuaireadh bhuapa, carson a bha breithneachadh MhicGillEathain, a dhòigh-labhairt anns na sgrìobh e an siud 's an seo, cho dubhach? 'S ann a thathas a' faireachdainn gun robh e a' rùrach am measg nan trealaichean a bha air fhàgail. Anns a' Chèitean 1859, sgrìobh e, 'it seems [their] tales are greatly altered and abridged and are now in a fragmentary state' an taca ris na bha cuid ag innse mu na seann làithean.[236] Agus dà mhìos às dèidh sin:

> I am sometimes disappointed by report as when I call upon persons for tales they are not able to recite as much as was reported they could. In the case of several who are frail and advanced in life memory has so much given way that they have but a confused recollection and though they try they are unable to recite what they expected they could.[237]

Chaidh e a chèilidh air 'the old woman McKerrol' faisg air Port Asgaig – tè aig an robh iomadh sgeulachd, agus a thug cuid dhiubh do Sheumas MacLachlainn – ach b' e a lorg e, 'from age and loss of memory, she is unable now to tell any of the tales she was wont to repeat'.[238] Chan e a-mhàin gun robh seann daoine a' dìochuimhneachadh, mar a bhitheadh iad, tha e ri thuigsinn gun robh an cuid seanchais a' falbh leotha. Bha fiù 's daoine a bha gu math comasach air sgeulachdan innse air sgur. Dh'aithris Dòmhnall MacNìmhein dreach grinn de 'Ridire Ghrianaig' ach sgrìobh MacGillEathain, 'he could recite a considerable number of tales, but he tells he has quite forgot them, *from having given up reciting them*'.[239]

Tha seo gu tur eu-coltach ris an t-suidheachadh ann an Innse Gall. Roghnaich Caimbeul tìde a chur seachad anns an Eilean Fhada, 'in studying the actual condition of this popular lore, where I had found that it existed in the greatest profusion'.[240] Agus aig toiseach na h-iomairt-chruinneachaidh aige, thuirt MacGillEathain, 'I am informed of an endless number of persons who can recite an endless number of tales all the way up from this [Barra] to Harris'.[241] Bha trioblaidean aige, ceart gu leòr: chan e nach robh uirsgeulan aig an t-sluagh, 's e gun robh creideamh a' bacadh chùisean anns na h-eileanan Clèireach,[242] agus nach canadh na Barraich smid gus am faigheadh iad uisge-beatha![243] B' e tùs-smaoin a' phròiseict gum b' ann air a' Ghàidhealtachd an Iar a gheibhte na seann sgeulachdan, agus chaidh na h-Eileanan an Iar (agus an t-Eilean Sgitheanach, gun teagamh) a dhearbhadh mar na h-àiteachan a bu chudromaiche buileach a rèir meud agus gnè nan toraidhean. Bhuaineadh

[234] Henderson, ibid; Murdoch, 'The latest reciter', td. 138.
[235] PTWH II [1994], td. 46.
[236] MacGillEathain gu Caimbeul, [gun latha] Cèitean 1859, NLS Adv.MS.50.1.14, f. 140.
[237] Ionnan, 7 Iuchar 1859, NLS Adv.MS.50.1.14, f. 194. Agus: 'These old people are sometimes confused in reciting these tales, probably much is lost, and from confusion of memory some may be altered. At times they cannot recite at all.' PTWH II [1994], td. 251.
[238] PTWH I [1994], td. 243.
[239] Mo chuideam. PTWH II [1994], td. 224.
[240] PTWH I [1994], td. 13.
[241] MacGillEathain gu Caimbeul, Bàgh a' Chaisteil, 16 Iuchar 1859, NLS Adv.MS.50.1.14, f. 237.
[242] Ann am Beàrnaraigh seo an còmhradh a bha eadar cailleach agus MacGillEathain: 'When I told her mission she laughed in my face. "Sgialachdan" she repeated thrice laughing at me. "Go away go away, you'll not get any sgialachdan in Berneray this year"'! Gu Caimbeul, 29 Màrt 1860, NLS Adv.Ms.50.1.14(ii), f. 453. Ach *fhuair*, agus tha Mairead Challan ro chruaidh air agus i ag argamaid nach robh ùidh gu leòr aige ann an Uibhist a Tuath agus Beàrnaraigh. Challan, *Air bilean*, tdd 4, 65. A dh'aindeoin na fàilte a bha aige, chaidh aige air deagh àireamh fhaotainn agus mòran dhiubh nach deach fhoillseachadh.
[243] Litir 16 Iuchar. 'There is no working on them here without whisky. I see it is the only thing that will put them in tune and humour [...]'.

127 nithean eadar Barraigh agus Beàrnaraigh, a rèir na Liosta Ghàidhlig, an coimeas ri 87 ann an Earra-Ghàidheal air fad.[244] Bha gach seòrsa sgeulachd ri faotainn ann an Uibhist is Barraigh, agus cha robh àite a chumadh ceann a' mhaide ris airson seanchas na Fèinne.[245] Dh'aithris Calum MacPhàil à Sgalasdal, Ìle, na b' urrainn dha de 'Laoidh na Ceàrdaich' – agus caoban a dhìth mar 's gun robh na leòmainn air a criomadh – ach thogadh dreach an ìre mhath slàn coileanta aig Dòmhnall Mac a' Phì ann am Barraigh.[246]

Tha sgeulachdan agus Uibhist is Barraigh a' dol ri chèile mar a tha fiodhrach agus Loch Abar, chan fheumar a' phuing a dhaingneachadh. Bha Caimbeul den bharail gun robh Innse Gall na bu shaoire o nua-leasachaidhean agus conaltradh ris a' Ghalltachd. Cha robh Beurla ri lorg ach gu math ainneamh agus cha robh leughadh is sgrìobhadh aig na daoine.[247] Tha an t-eadar-dhealachadh ann an Ìle follaiseach, mar a chìthear gu h-ìseal.

Clàr 3: Litearrachd, dà-chànanchas agus eòlas air a' Ghalltachd aig cuid de sgeulaichean Ìle

Fiosraiche	Leughadh is sgrìobhadh	Beurla	Galltachd
Ann Darroch	✗	✓	✓ Muinntireas
Dòmhnall Seathach	✓	✓	
Seumas MacLachlainn	✓	✓	✗
Catrìona NicEachaidh (Catherine McGeachy)	'I do not think she has ever read any English work of fiction.'	'Sings a song either Gaelic or English.'	
Alasdair Caimbeul	✓	[Coltach gu bheil]	
Anna NicGilleBhrath	✗ 'entirely illiterate'	✓	✓
Flòraidh Nic an t-Saoir	✓	✓	✓

Tùs: MacGillEathain gu Caimbeul, 27 Cèitean 1859, NLS Adv.MS.50.1.14,ff. 282-286.

Bho Chlàr 3, bhiodh e furasta co-dhùnadh a dhèanamh gu bheil litearrachd agus Beurla bitheanta am measg nan sgeulaichean, agus bhite an dùil am measg nan Ìleach gu lèir.[248] Bha co-dhiù triùir de na fiosraichean eòlach air a' Ghalltachd, agus 's dòcha gun robh iad sin uile air mhuinntearas. 'S beag an t-iongnadh, mar sin dheth, gum biodh an dualchas Gàidhealach na bu laige na bha e gu tuath agus e ga bhleith ro shìor shloisreadh nan tonn Gallta. Ann an dà-rìribh, tha cùisean nas toinnte na seo. Chan eil comas-labhairt na Beurla a' ciallachadh làn fhileantachd no gum biodh daoine ga bruidhinn mòran idir. Ged a bha Anna NicGilleBhrath air a' Mhachair-Ghallta, '[she] hardly talks any English' ach bha Flòraidh Nic an t-Saoir siùbhlach.[249] 'S e Gàidhlig prìomh chànan a h-uile duine an seo, agus tha fios gun robh cuid de mhuinntir an eilein gun Bheurla chun an 20mh linn.

[244] PTWH IV, tdd 436-63. A' gabhail a-steach Ìle, agus nam mòr-laigsean àbhaisteach: Ìle, 39; (an còrr de dh')Earra-Ghàidheal, 48. Agus tha àireamh aibheiseach aig an Eilean Sgitheanach, taing do MhacIlleMhìcheil: 73.
[245] PTWH I [1994], tdd 17-18.
[246] PTWH II [1994], tdd 529-33; tdd 518-27.
[247] PTWH I [1994], td. 13. Cuideachd, bha fiosraichean gu tric Caitligeach: 'I may remark that all the reciters of the tales I have sent you [&] those collected in the North are Roman Catholics, and can neither read nor write, except McLean [...]'. MacGillEathain gu Caimbeul, 29 Dùbhlachd 1859, NLS Adv.MS.50.1.14(ii), f. 371.
[248] Mar sin, a' dol leis na thuirt Caimbeul: '[M]y Father [Bhaltair Caimbeul] some 30 years ago [mu 1829] pointed out [...] as a curiosity a comfortable farmer who could not speak a word of English, Whereas he remembered the time when it was equally rare to find a man in Islay able to speak anything but Gaelic – 12 years ago [1847] almost every one could speak both languages – and the Gaelic was evidently fading away'. Nòtaichean Iain Òg Ìle air John Crawfurd, 20 Gearran 1859, NLS Adv.MS.50.1.7, f. 5.
[249] Litir 27 Cèitean.

Cuideachd, 's e an rud mu litearrachd nach eil e ag innse gum bitheadh neach a' leughadh no dè leughadh iad. Airson a' mhòr-chuid cha robh na fiosraichean air leabhar Beurla a leughadh, agus bha Alasdair Caimbeul – a bha cuimseach math dheth mar thuathanach – measail air leughadh ann an Gàidhlig ach 'has read no English fiction'.[250] Chan eil gin dhe seo a' comharrachadh nach robh beul-aithris – dibhearsan agus fiosrachadh air beul an t-sluaigh – fhathast bunaiteach don chomann-shòisealta. Ach bha cùisean ag atharrachadh. Tha cunntasan air làithean geala an dualchais a-mach mar as àbhaist air na bliadhnaichean ro Ghaiseadh a' Bhuntàta ann an 1846.[251] Às dèidh sin, chan e gun robh a h-uile duine air cùl a chur ri beul-aithris ach chaidh an coluadar agus na nòsan air an robh i stèidhichte a chur troimh-chèile gu mòr – gu sònraichte air sgàth gun robh e na b' fhasa do dh'Ìlich seach eileanaich mu thuath togail orra chun nam bailtean-mòra, an tòir beòshlaint na b' fheàrr. Tha e brìgheil gun robh fear de na sgeulaichean a b' fheàrr às an eilean, Lachlann MacNèill, a' còmhnaidh ann am Pàislig bho mu mheadhan an linn, agus tha e teagmhach gun cumadh e na h-uirsgeulan suas an sin. Dh'fhalbhadh gnèithean àrd-urram an toiseach, sgeulachdan is rainn fhada air cuspairean eachdraidheil gaisgeil a bha an eisimeil air mion-chuid de sheanchaidhean sgileil agus luchd-èisteachd aig an robh ùidh. Bhiodh meadhanan ùra leithid phàipearan-naidheachd agus leabharlannan air an sgaoileadh mean air mhean anns na deicheadan mu dheireadh dhen linn a bhiodh, a' measgachadh ri agus a' dol an àite mhodhan traidiseanta air dibhearsan. Ach fiù 's air thoiseach air sin, bha buaidh aig na nithean a dh'ainmich Caimbeul – a' Bheurla, litearrachd agus eòlas air a' Ghalltachd – air ceistean a thaobh inbhe (*prestige*) cultarach, agus blàr samhlachail ga chur mun luach a bha aig beul-aithris ann an linn ùr.

Ann an diofar dhòighean, bha MacGillEathain ro smalanach mu chor na beul-aithris ann an Ìle. Ma chaidh an fhianais bhon eilean a thrusadh ann an ùine ghoirid, chaidh a cruinneachadh airson na mòr-chuid ann an earrann cuimseach beag dheth cuideachd. Nam biomaid a' suidheachadh gach fiosraiche air mapa chìte gun robh iad gu ro thric anns a' cheàrnaidh a tha a' ruith bho Bhogh Mòr gu timcheall Bhaile a' Ghràna – i. faisg air MacGillEathain fhèin! B' ann bho NicThàmhais agus MacIlleMhìcheil a fhuaireadh na bha ann de thoraidhean bho Chill Daltain agus Cill Chomain fa leth. Bha buannachdan agus laigsean ann gum b' ann às an eilean fhèin a bha MacGillEathain: bha e eòlach air daoine bhom faigheadh e uirsgeulan, ach bha ro-bheachdan aige mu mar a bha cùisean aig an àm. Le barrachd tìde agus le bhith a' cruinneachadh ann an tuilleadh sgìrean den eilean, bhitheadh MacGillEathain air tòrr sgeulachdan agus sgeulaichean eile a lorg a tha a-nis air chall. A' sgrìobhadh nas anmoiche ann an 1893, bha Iain MacMhurchaidh dhen bheachd gun robh sgeulachdan fhathast ann am Bogh Mòr, agus gum biodh cuid de cheàrnaidhean na bu treasa airson beul-aithris: 'I think it exceedingly probable that [...] there are a good many tales to be found in the village still. I should say the same of the hamlets at the head and on the west side of Loch Gruineard, and away into Oisnis. These places have undergone less change than the richer parts of the island, and the homesteads have descended with comparatively few breaks from fathers to sons'.[252] Tha an tuairmse aige air a dearbhadh, airson Chill Chomain co-dhiù, le fianais eile. Mu 1899, fhuair Elizabeth Kerr uirsgeulan fada bho dhaoine san sgìre – mar sin, bha iad fhathast ann aig fìor dheireadh an 19mh linn, agus chan eil adhbhar ann nach robhar gan gabhail.[253] Nuair a thig e gu bhith a'

[250] Ibid.
[251] M.e. ann am Murdoch, 'Queen of the Hebrides'.
[252] Murdoch, 'The latest reciter', td. 138. Càite a bheil Oisnis? 'In the district of Kilchoman designated Oisneis, River-mouth Ness, embracing Carnduncan, Torrandarroch, Gruilenbeg, Coille, and Ceanndrochaid [...]' a rèir Rev. John George MacNeill, *The New Guide to Islay* (Glasgow: Archibald Sinclair, 1900), tdd 118-119.
[253] Nam measg tha: an sgeulachd-mheallaidh, 'An t-Amadan Gàidhealach' aig Aonghas MacPhàidean (Sgoil-Eòlais na h-Alba, Cruinneachadh MhicLagain, 5497), Port Sgioba; *novella*, 'An t-Uachdaran bochd' (mar a tha agam air, 5864) aig

measadh na thruis MacGillEathain is eile ann an Ìle, tha cho beairteach, eirmseach inntinneach 's tha na sgeulachdan fhèin, fiù 's an coimeas ri ceàrnaidhean Gàidhealach eile, a' toirt oirnn ceasnachadh gun robh an dualchas buileach aig uchd a' bhàis. Agus a' leudachadh ar sealladh gus coimhead air iomadach gnè eile de bheul-aithris, mar a rinn Elizabeth Kerr, tha a beòthalachd – a dh'aindeoin an atharrachaidh a bha a' tachairt – air a daingneachadh.

Anns a' chunntas-shluaigh airson 1891, tha Elizabeth Kerr a' fuireach ann am Port Sgioba. Cha robh i ach 34, ainmichte mar 'housekeeper' aig a h-uncail, an t-Urr. Seumas Mac a' Mhaolain, agus an impis tòiseachadh air iomairt chudromach ùr air beul-aithris Ìle a chruinneachadh. Aig ceann eile an eilein, tha Eachann MacGillEathain ri lorg leis fhèin aig an taigh ann am Baile a' Ghràna, na bhodach aig 73. Cha robh ach dà bhliadhna air fhàgail aige, ach anns an ùine sin dh'fhoillsich e *Ultonian Hero-Ballads* ann an 1892[254] agus bha e a' sgrìobhadh do dh'irisean gu faisg air a bhàs.[255] Anns an aon nàbachd, tha tè air a bheil Ann Darroch, 78; cha mhòr gu cinnteach an aon bhoireannach sgairteil bhon d' fhuair MacGillEathain uirsgeulan agus a bha cho toilichte cluinntinn 'that her name is to be in a book where it will be read by great people'.



Eachann MacGillEathain mar a tha e a' nochdadh ann an *Ultonian Hero-Ballads* (1892).

Raghnall MacIllEathain, Lurabus – a thà faisg air ceann Loch Ghruinneart; agus 'An Ceannaiche Siùbhlach' (5297) a dh'ionnsaich Ìleach gun urra nuair a bha e ann an Cataibh. Cuideachd, tha dreach ro ghoirid de 'Mac Rìgh na Spàinne' (6212) aig Iain MacGilleasbuig, Port Sgioba, agus tha mi an ìre mhath cinnteach gu bheil dreach gun urra de 'An Ceathairneach Caol Riabhach' (5278) à Ìle leis gu bheil e a' tòiseachadh anns an eilean. Feumar tuilleadh sgrùdadh a dhèanamh air an susbaint, ach tha mu 10 'uirsgeulan' air an comharrachadh à Ìle ann an cruinneachadh MhicLagain, agus 17 eile gun urra idir, aig am faodadh ceangal a bhith ris an eilean, m.e.: 'Iollann agus Eincallach' (5263); 'An duine a chaidh a dh'iarraidh fhortan' (0678); 'An nighean ghlic' (0676) is mar sin. Ach tha nithean ann aithnichte mar uirsgeulan – leithid 'Mar a dh'ionnsuich Clann MhicCriomain a' Phìobaireachd' (3984) aig Raghnall MacIllEathain – a tha ann an dà-rìribh nam faoinsgeulan eachdraidheil. Cha b' e am prìomh amas aig Elizabeth Kerr a dhol an tòir uirsgeulan, mar sin tha sinn gu math fortanach gun deach na tha ann a ghleidheadh.

[254] Tha facal inntinneach aig an Leathannach air Ìle san ro-ràdh: 'There have been many who could sing Fraoch till very lately in Islay. A few years ago Angus MacEachern often sang and rehearsed Conlach and many old Gaelic poems, but there are few left now in Islay who can sing old Gaelic ballads or rehearse old Gaelic poems'. *Ultonian Hero-Ballads*, td. xiii. Bha dreach goirid math aig Ann Darroch air 'Fraoch', àireamh 6 ann an Clàr 5.

[255] Sgrìobh deasaiche an *Celtic Monthly*, 'Mr. Maclean's death came upon us as a surprise, for it was only a day or two before he became seriously ill that we received a letter from him, in which he expressed the pleasure with which he had read the current issue of the *Celtic Monthly*, and his satisfaction at the great success which the magazine had already achieved. As a token of his goodwill he enclosed a continuation of his interesting article on "Celtic Place-names in Ayrshire," probably the last from his pen'. Giblean 1893, td. 104.

1.5. Co-dhùnadh

Anns a' chaibideil seo, choimhead sinn air a' chiad iomairt mhòr air beul-aithris a chruinneachadh ann an Ìle, agus air a' Ghàidhealtachd, anns an 19mh linn. Thug cruinneachadh nam *Popular Tales*, a bha a' sireadh sgeulachdan-iongantais agus sgeulachdan-gaisge eadar 1859-1862, buaidh aibheiseach air luchd-cruinneachaidh na b' anmoiche, is air cultar Gàidhlig san fharsaingeachd, agus bha àite cudromach aig Ìle anns an iomairt bhon fhìor thoiseach. Ann a bhith a' tòiseachadh air cruinneachadh, bha Iain Òg Ìle a' cuimhneachadh air na h-uirsgeulan is seanchas a chuala e fhèin na òige san eilean. B' e a bha os cionn a' ghnothaich agus a rinn cinnteach gum biodh i cho soirbheachail – a' foillseachadh trì leabhraichean de thoraidhean bho air feadh na Gàidhealtachd an Iar, agus aon leabhar de dh'aistean. Agus, gu cudromach, chuir e an cruinneachadh air bun-stèidh shaidheansail le bhith a' dèanamh a dhìchill gum biodh sgeulachdan air an tras-sgrìobhadh gu cùramach. Ach, b' e co-obrachadh a bha ann san robh grunn cruinnichean an sàs. Dhiubh sin, tha Eachann MacGillEathain à Baile a' Ghràna ann an Ìle a' seasamh a-mach oir thruis esan a' chuid a bu mhotha de sgeulachdan agus bha e an urra ri deasachadh na Gàidhlig. Bha Ìlich eile ann a chuidich Iain Òg Ìle gus stuth a thrusadh, leithid Màiri NicThàmhais, Tòmas Pattison is eile.

An àite a bhith a' dol an sàs ann susbaint nan uirsgeulan – agus tha na h-uiread ri ràdh mu dheidhinn mar a tha an comann-sòisealta ri fhaicinn annta – b' ann a bhathas a' cuimseachadh air na sgrìobhadh mu na fiosraichean fhèin, agus na suidheachaidhean sam biodh sgeulachdan air an aithris. Anns na sàr-chunntasan a thugadh orra, bha bochdainn nan sgeulaichean Ìleach gu math follaiseach. Bha boireannaich cuimseach bitheanta – agus ban-Ìlich a' nochdadh nas trice sa chruinneachadh na boireannaich à àiteachan eile – ach tha e coltach gum b' ann aig na fir a-mhàin a gheibhte cuid de sheòrsaichean leithid nan sgeulachdan-gaisge. Bha ciorramachd am measg nan sgeulaichean a' togail ceann gu tric cuideachd. Agus bha cuid de shuidheachaidhean-aithris gu sònraichte cudromach, m.e. a' mhuileann, agus an àth far an cruinnicheadh daoine a dh'èisteachd ri seanchas. Ged a thathas a' smaoineachadh gun robh Eachann MacGillEathain uaireannan ro eu-dòchasach mu staid na beul-aithris, agus nan uirsgeulan gu sònraichte, ann an Ìle aig an àm, tha e soilleir gun robh atharrachadh cultarach a' tachairt agus nach robh na h-uirsgeulan cho pailt 's a b' àbhaist dhaibh a bhith. Fiù 's mu 1859, bha diofar ga dhèanamh eadar Ìle agus na h-Eileanan an Iar, far am faighte tòrr a bharrachd den t-seann dualchas Ghàidhlig. Bha cho faisg 's a bha Ìle ri bailtean-mòra na Galltachd air a choireachadh, leis gun robh nua-leasachaidhean a' sgaoileadh àsta, agus gun robh barrachd Ìleach a' falbh a dh'obair ann – rud a bha air a dhearbhadh ann an eachdraidh-beatha nan sgeulaichean fhèin. Ach, co-cheangailte ri seo, bha cùisean air atharrachadh gu mòr *taobh a-staigh* Ìle ri linn buaidh a' Ghorta ann an 1846, agus bhithinn ag argamaid, air sgàth an ath-eagrachaidh fearainn a bha air tachairt bho mu 1820. Chan e ach pàirt bheag den bheul-aithris a bha anns na h-uirsgeulan, ge-tà, agus bheirear sùil air gnèithean eile anns an ath chaibideil.

Clàr 4: **Sgeulachdan à Ìle foillsichte anns na *Popular Tales* (1860-62)**						
	Ainm na sgeulachd	*Sgeulaiche*	*Neach-cruinneachaidh*	*Ceann-là*	*Leabhar 7 Àireamh*	*Àireamh san Liosta Ghàidhlig*
1	Rìgh òg Easaidh Ruadh	James Wilson, blind fiddler	Hector MacLean	June 8, 1859	I, 1	Gun àireamh
2	Ursgeul na Feannaig	Ann MacGilvray	*do*	April 1859	I, 3	*do*
3	Conall Crà Bhuidhe	James Wilson, blind fiddler	*do*	June 1859	I, 5	*do*
4	Murchadh a's Mionachag	Ann Darroch, James Wilson, is eile	*do*	April 1859	I, 8	76
5	[Na Trì Saighdearan]	James MacLachlan, servant	*do*	?	I, 10	Gun àireamh
6	Am Peata Bàn	Lizzie Campbell, servant, Oa*	Mrs MacTavish	November 1859	I, 11	Liosta Bheurla, 205
7	Nighean Rìgh nan Speur	James MacLachlan, servant	Hector MacLean	May 1859	I, 12	Gun àireamh
8	An Nighean agus an Duine Marbh	Ann Darroch	*do*	*do*	I, 13	*do*
9	[An rìgh a bha ag iarraidh a nighean a phòsadh]	Ann Darroch	*do*	*do*	I, 14	*do*
10	[Am bràthair bochd agus am bràthair beairteach]	Flora MacIntyre	*do*	*do*	I, 15	*do*
11	Maol a' Chliobain	Ann MacGilvray	*do*	April 1859	I, 17	161
12	Cainnt na Feannaige	Donald MacIntyre	*do*	?	I, 17a(13)	Gun àireamh
13	An Ceathairneach Caol, Riabhach	James Wilson, blind fiddler	*do*	1859	I, 17c	79
14	A' Chiste	Mrs MacGeachy	*do*	April 1859	II, 18	Gun àireamh
15	The Smith and the Fairies	?	Thomas Pattison	[1860]	II, 28	Liosta Bheurla, 376
16	A' Bhànrigh a dh'iarr deoch à tobar àraid	Lizzie Campbell, servant, Oa*	Mrs MacTavish	?	II, 33	98
17	The Water Horse	?	Thomas Pattison	?	II, 37(6)	Liosta Bheurla, [109]
18	Murchadh MacBrian	Donald Shaw, old soldier	Hector MacLean	May 1859	II, 38	80
19	A' Bhaintreach	Mrs MacGeachy	*do*	[May] 1859	II, 41	17
20	'The Olladh Ìleach'	[Mrs MacTavish]	Mrs MacTavish	?	II, 47(2) (tdd 365-66)	Liosta Bheurla, 243, agus cf. L.B., 189
21	[An Cat agus an Luchag]	Hector MacLean	Hector MacLean	[June] 1859	II, 49	78
22	Tòimhseachain	Flora MacIntyre, 'a little girl, Catherine MacArthur, at Ballygrant, twelve years of	*do*	?	II, 50 (tdd 394-408)	71

		age' (PTWH II, td. 154).				
23	'The Tail'	John Campbell, piper [à Latharna]	J. F. Campbell	?	II, 57	88
24	Ridire Ghrianaig	Donald MacNiven, lame carrier	Hector MacLean	July 1859	III, 58	13
25	Diarmaid agus Gràinne	Alexander Macalister	*do*	July 1859	III, 60	70
26	Laoidh Dhiarmaid	Mary MacTavish	Mrs MacTavish	November 1859	III, 61	87
27	Caol Reidhinn: carson a thàinig an t-ainm air	[Neil McAlister no Pàruig 'Buidhe' Anderson, Cultorsa]†	Alexander Carmichael	July 1860	III, 67	186
28	[Claidheamh Fhinn]	*do*	*do*	*do*	III, 68	187
29	An Fheannag 's a Ghorachan	John MacArthur, shepherd, Uchd nan Clach	Hector MacLean	[1861]	III, 71	254
30	An Fheannag 's am Madadh Ruadh	*do*	*do*	*do*	III, 72	251
31	Duan na Ceàrdaich	Malcolm MacPhail	*do*	May 1861	III, 85	Gun àireamh

* Fhuaireadh am fios seo ann an litir 'Mary MacTavish to Campbell', Dùbhlachd 1859: NLS 50.1.14(ii), f. 385.
† Stèidhichte air fiosrachadh ann an John MacKechnie, deas, 'Introduction', *The Dewar Manuscripts: Volume 1* (Glaschu: MacLellan, 1963), td. 31.
Thathas a' cleachdadh duilleagachadh leabhraichean tùsail nam *Popular Tales* (i. PTWH I (1860) 7c.). Gheibhear an Liosta Ghàidhlig a rinn Iain Òg Ìle ann am PTWH IV, tdd 436-63, agus an Liosta Bheurla ann an ibid., tdd 415-35.

Clàr 5: Sgeulachdan à Ìle a thruiseadh airson nam *Popular Tales* foillsichte na b' anmoiche

	Ainm na sgeulachd	*Sgeulaiche*	*Neach-cruinneachaidh*	*Leabhar 7 Àireamh*	*Àireamh san Liosta Ghàidhlig*
1	Mór Nighean Smùid	'A nursemaid'	Miss Ord Campbell	MWHT (I), 4	3
2	Na Trì Chomhairlean	Hugh Macindeor, Bowmore	Hector MacLean	*do*, 6	15
3	Mac an Tuathanaich [Ìlich]	*do*	*do*	*do*,7	16
4	Mac Cuain	Alexander Macalister, tailor, Bowmore, 84	*do*	*do*, 8	18
5	Sgrìob Liath an Earraich	*do*	*do*	*do*, 9	19
6	Fraoch	Ann Darroch, Ballygrant (July 30, 1859)	*do*	*do*, 10	20
7	An Sac Bàn*	Hugh Macindeor, Bowmore	*do*	*do*, 31c	Gun àireamh
8	A' Ghlaisrig*	do	*do*	*do*, 31d	*do*

9	A' Bhantrach*	do	*do*	*do*, 31a	17a
10	An Donn Mara Mór MacMhoirein*	do	*do*	*do*, 31b	Gun àireamh
11	Uirsgeul na Nighinn gun bhaisteadh	? [agus dreach eile bho James MacLachlan, farm labourer, Mulrees]	*do*	MWHT (II), 49	83
12	Dòmhnall dona, Mac na Bantraich	?	Mrs MacTavish**	*do*, 51	85
13	Dòmhnall nach robh glic	Lizzie Campbell	*do*	*do*, 52	86
14	Nighean Rìgh na Frainge	Hugh Macindeor (June 1859)	Hector MacLean	J. G. MacKay, 'Nighean Rìgh na Frainge', *Béaloideas* 4:3 (1934), 292-98	14

* Geàrr-chunntasan agus nòtaichean a-mhàin foillsichte, ach airson 'A' Bhantrach' a tha ri fhaotainn ann an J. G. MacKay, deas, 'Three West Highland Tales', *Béaloideas* 4:4 (1934), 396-402. Tha mì-chinnt ann mu 'Sgeulachd Fear a' Chòta Shlibistich Liathghlais' (MTWH II, àireamh 50), ach tha mi a' dol an seo le beachd deasaichean MWHT gun a ghabhail a-steach, agus coltas ann gun e Jean MacTavish, à Muile seach Mary MacTavish a bha a' còmhnaidh ann an Ìle a bha air a h-aithris, ibid., td. 76.
J. G. MacKay et al, deas, *More West Highland tales*, Vol. 1 ₇ Vol. 2 (Dùn Èideann: Oliver and Boyd, 1940; 1960).
** Thuirt deasaichean MWHT gum b' e MacGillEathain a rinn an tras-sgrìobhadh seo, ach chaidh an nòta na chois fhàgail gu soilleir le NicThàmhais. Ibid., td. 82.

Clàr 6: Sgeulachdan à Ìle a thruiseadh airson nam *Popular Tales* nach deach fhoillseachadh idir no gu lèir

	Ainm na sgeulachd	*Sgeulaiche*	*Neach-cruinneachaidh*	*Àireamh san Liosta Ghàidhlig*
1	'Righ Breaton'	John MacLean, [Coulabus]	Hector MacLean	4
2	Leannan sìth	*do*	*do*	5
3	Figheadair Mòr Baile na Gaillearain*	Alexander Macalister	*do*	69
4	'Ossianic Part of B[à]s Osgair'	? [Port Wemyss]	?	75
5	'Proverbs'	?	Hector MacLean	77
6	Gaisgeach na sgiath deirge	Alexander Campbell, farmer, Mulreas	*do*	Dreach eile de dh'àireamh 81**
7	'The Widow's Son'	Ann Darroch (1859)	*do*	89***
8	Colla mo rùn	J. F. Campbell	J. F. Campbell	103
9	'Sgeulachd ma thaolachd Righ'	Mrs MacTavish****	Mrs MacTavish	117
10	Dàn Fir Tharlochain	Mrs MacTavish****	Mrs MacTavish	188

11	‘Islay Mermaid’	John MacLean, London [agus Coulabus] (1860)	J. F. Campbell	192
12	Bàs Chonlaoich†	Neil Macalister, Port Charlotte, 1860	Alexander Carmichael	212
13	Con Mac an Deirg	Pàruig ‘Buidhe’ Anderson, Cultorsa	*do*	222
14	Am madadh ruadh ’s an cat	John MacArthur, shepherd (1861)	Hector MacLean	252
15	Am madadh ruadh ’s an t-iasg	*do*	*do*	253
16	Am Bochd ruadh	A ‘woman at Kilmeny’ (Òg mhios 1860)	*do*	Gun àireamh‡
17	Maol a’ Chliobain	Flora MacIntyre (Òg mhios 1859)	*do*	Dreach eile de dh’àireamh 161§

* Geàrr-chunntas fada ann am PTWH II, tdd 134-37.
** Luaidhte ann an ibid., td. 474.
*** Geàrr-chunntas ann am PTWH I, tdd 47-48.
**** Tha deagh theans gun d’ fhuair Màiri NicThàmhais iad seo bho dhaoine eile.
† Geàrr-chunntas ann am PTWH III, tdd 184-85.
‡ Luaidhte ann am PTWH I, td. 192.
§ Geàrr-chunntas ann an ibid., tdd 259-60.

Caibideil a Dhà: Cruinneachadh beul-aithris Elizabeth Kerr agus Robert Craig Maclagan, c. 1893-1910

> Bha Ceit' Nic L___ so 'na boireannach fiadhaich. Tha cuimhne agam 'nuair a thug T___ suas i airson gaoid nan turnip. Ach ma thug, cha robh esan fada san àit' an dèigh sin, le a guidheachain. Rinn i guidheachain air a shon, agus bha e air a thogail air falbh. Tha sin co fìor sa ghabhas e bhi, bha gu leòir aig an robh fios air aig an àm.[256]

Sa chaibideil mu dheireadh choimhead sinn air cruinneachadh uirsgeulan le Eachann MacGillEathain is càch fo stiùireadh Iain Òg Ìle, eadar 1859 agus 1862. Bhathas a' cuimseachadh air dòighean-obrach nan cruinnichean, na sgeulaichean fhèin agus co-theacs farsaing na h-aithris. An seo, bithear a' gluasad gus beachdachadh air an iomairt-thionail aig Elizabeth Kerr nas anmoiche ann an Ìle agus, an turas-sa, a' cur cuideam air brìgh no susbaint na chruinnich i. Chan urrainnear ach geàrr-chunntas a dhèanamh air na tha ann de sheòrsaichean beul-aithris na cruinneachadh, agus chan eilear a' tarraing ach air fìor chorra chuspair a tha ri lorg ann. Ach tha ceist shònraichte gar treòrachadh: dè tha a' bheul-aithris ag innse dhuinn mu chomann-sòisealta an ama? Ann a bhith a' freagairt seo, thathas a' cur feum mòr air gnè agus clas – gu seachd àraid gnè – ann a bhith a' sgrùdadh taobh sòisealta nan tùsan.

'S e glè bheag as aithne dhuinn mu **Elizabeth Kerr**. Rugadh i ann an 1854 ann an Ceann Loch Chille Chiarain, Cinn Tìre. Ann an cunntasan-sluaigh 1881 agus 1891 – nuair a bha i 37 bliadhna a dh'aois – b' ann a bha i a' fuireach ann am mansa na h-Eaglais Shaoir ann am Port Sgioba, Ìle. Ged a bha i air a h-ainmeachadh mar 'housekeeper' aig a h-uncail, An t-Urr Seumas Mac a' Mhaolain, chan eil seo a' tighinn a rèir mar a bha i a' smaoineachadh oirre fhèin no a' cur an cèill a liuthad ghnothaichean san robh i an sàs. Fiù 's mus do thòisich i air obair-chruinneachaidh, 's e boireannach cudromach a bha innte sa choimhearsnachd. Sa mheadhan-chlas, foghlaimte agus ceangailte ris an Eaglais Shaoir, 's e fìor eagraiche a bha innte, a' ruith na Sgoil-Shàbaid, leabharlann, agus diofar chlasaichean do dh'inbhich, agus a' toirt seachad comhairle is taic, am measg nithean eile.[257] Gu h-inntinneach, chan eil Gàidhlig aice a rèir a' chunntais-shluaigh ann an 1891, ach tha seo a' dol an aghaidh na fianais lìonmhoir na cruinneachadh bho 1893, far a bheil i a' gluasad gu siùbhlach eadar Beurla agus Gàidhlig, a' tras-sgrìobhadh seanchas Gàidhlig de gach seòrsa agus a' cur Beurla air, fiù 's le comhardadh nuair a tha e iomchaidh. Chan urrainn nach robh Gàidhlig aice, ach 's mathaid gun do thog i i agus gun do dh'fhàs i fileanta ann an Ìle, air a cuideachadh le a h-uncail, Mac a' Mhaolain, a bhiodh a' searmonachadh anns an dà

[256] Air innse le Donnchadh Duffie, Port Sgioba, do Elizabeth Kerr. MML6180, Cruinneachadh R. C. Maclagan, Sgoil-Eòlais na h-Alba. (Bho seo a-mach tha iomraidhean a' tòiseachadh 'MML' às an aon chruinneachadh).

[257] Seo na sgrìobh i mar *churriculum vitae* gu R. C. Maclagan mu 1894: 'Occupations E[lizabeth] M[ay] K[err:] Comforter, and monitor to about half a dozen bachelors. Adviser in Chief to at least as many old maids. Saf[e]ty Valve to a number of married ladies who are inclined to explode on little provocation. Repository for a number of old peoples' early experiences. Occasional leader of Psalmody. Occasional Coachman. Occasional A[ble] B[odied] Seaman. S[unday] S[chool] Teacher, and Librarian. B[ible] C[lass] Teacher. District Visitor. Secretary of a Reading Club. Receiver of work for Bazaars innumerable. Teacher of a class for young women (Sewing). Teacher of a class for young men (Bible lessons and games) during the week. Guide of domestic affairs in the Manse. And (as the Campbeltown Bellman used to say) Various other things too numerous to mention'. Ann an Oliver A. Douglas, 'The material culture of folklore: British ethnographic collections between 1890 and 1900' (Linacre College: tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 2010), tdd 229-30. Tha an earrann seo cuideachd a' comharrachadh cuid de na seirbheisean a bha an eaglais – agus b' e an Eaglais Shaor a bha seo – a' toirt seachad aig an àm, mar as trice air an gabhail os làimh le boireannaich. Tha mi taingeil do Douglas airson mòran den bhun-fhiosrachadh a leanas mu Elizabeth Kerr agus iomairt Maclagan.

chànan. Gu dearbh, ann an 1901, agus i a-nis ann an Dùn Èideann, bha i air a comharrachadh mar neach-labhairt Gàidhlig *agus* Beurla.

2.1. Obair a' chruinneachaidh

Mar a bha Iain Òg Ìle aig Eachann MacGillEathain, a' cur air bhog agus os cionn na h-iomairt, 's e **Robert Craig Maclagan** (1839-1919) a bha aig Elizabeth Kerr. B' ann à Dùn Èideann a bha Maclagan, chaidh a thrèanadh gu bhith na lighiche, ach chuir e seachad a chuid tìde a' frithealadh mar Shaor-thoileach anns an arm, agus bho 1867, a' co-ruith companaidh cheimigeach.[258] Bha ùidh mhòr aige ann a bhith a' cruinneachadh stuthan àrsaidh agus bha e na bhall de chomainn leithid an *Royal Society of Edinburgh*, agus am *Folk-Lore Society* ann an 1882.[259] A' leantainn na bha a' dol ann an sgoilearachd dhaonn-eòlach, bha mòran ann an cumantas eadar e agus Eachann MacGillEathain. Coltach ris-san, bha a phrìomh ùidh ann an àrsaidheachd;[260] bha e saidheansail na dhòighean-obrach agus a bheachdan stèidhichte air eimpireachas an linne;[261] agus bha co-fhaireachdainn aige ri fiosraichean, ach a-rithist 'his principal aim was not to rescue Argyllshire culture from extinction', seach a bhith a' cur ri rannsachadh beul-aithris.[262] Cha robh an aon chliù aig Maclagan mar sgoilear ge-tà, agus tha Oliver Douglas a' bruidhinn air mar 'amateur', na eisimpleir de 'armchair anthropology', agus e gu tur an eisimeil air cruinneachadh dhaoine eile.[263] Air uaireannan a' leum gu co-dhùnaidhean iomrallach na obair,[264] nuair a bha e bonntaichte anns an fhianais chruinnichte, mar a tha e gu h-àraid ann an *Evil Eye in the Western Highlands* (1902) agus *The Games & Diversions of Argyleshire* (1900), bha e comasach air mion-sgrùdadh gu math feumail a dhèanamh, a' soilleireachadh na thuirt fiosraichean fhèin aig an àm. Feumar ceistean a thogail mu *cuine* a bha nòs no creideamh àraid an làthair – an robh e air chuimhne an t-sluaigh, no an robh e fhathast bitheanta? – ach, anns an fharsaingeachd, tha an dà leabhar seo a' tarraing Maclagan gu na bha a' tachairt na latha fhèin.[265]

[258] Douglas, 'Material culture', tdd 214-15.
[259] Ibid., tdd 217, 219.
[260] Ibid., tdd 220-21. Tha fear de na ciad leabhraichean aige, *Scottish Myths* (Dùn Èideann: Maclachlan & Stewart, 1882), coltach na chuspair ris an alt aig MacGillEathain, 'Gaelic mythology', *Journal of the Anthropological Institute of Great Britain and Ireland*, 9 (1880), 167-181. Ach cf. nòta
[261] Douglas, 'Material culture', tdd 214-16.
[262] Ibid, tdd 220-21. 'S dòcha nach eil seo uile gu lèir fìor mu MhacGillEathain, ged a chunnacas gun robh a leithid de bheachd aig a' Chaimbeulach. Tha Douglas a' mìneachadh, 'his motivation stemmed from a tenuous etymology, interweaving his familial past with that of the Gaelic fringe' (ibid.) – i. 's e Gall a bha ann, eu-coltach ri MacGillEathain agus Caimbeul.
[263] Ibid., tdd 206, 225. Ge-tà, nach e 'amaitear' a bha ann am MacGillEathain, agus fiù 's Caimbeul? Cha deach an trèanadh agus cha robh iad ag obair làn-ùine no do dh'oilthigh sam bith. Air an làimh eile, bha Caimbeul air a chomhairleachadh le cuid de na daoine as eòlaiche air tional beul-aithris, agus bha de ghoireasan aige a leigeadh leis sgioba rannsachaidh fhastadh. Air sgàth a chuid stiùiridh bha an iomairt aige 'proifeiseanta' ann an seagh nach robh fìor mu chruinneachadh Alasdair MhicIlleMhìcheil, faic: Ronald Black, 'I thought he made it all up: context and controversy', ann an ann an Domhnall Uilleam Stiùbhart, deas, *The life and legacy of Alexander Carmichael* (Port Nis: Islands Book Trust, 2008), td. 73.
[264] M.e. Douglas, 'Material culture', tdd, 218, 221.
[265] Chan eil mi ag aontachadh le Oliver Douglas an seo. Da rèir: '[Maclagan] sought to document archaic not modern pastimes [ann an *Games & Diversions*] noting that while football was played in Argyllshire a description was as 'out of place' as that of cricket', ibid., td. 216. Ged a bhitheadh e air a bhith inntinneach a bhith a' sgrùdadh cuine a thàinig ball-coise a-steach agus càite an robhar ga chluich, an taca ri geamannan eile, 's e a bha fa-near do Mhaclagan tuairisgeul a thoirt air susbaint gheamannan – Gàidhealach, gu h-àraid – às an t-siorrachd agus *a bha fhathast ann* (no air chuimhne dhaoine). 'No hard and fast line has been drawn, but the contents are simply pastimes found in use in Argyleshire at the present day', Maclagan, *Games & Diversions of Argyleshire* (Lunnainn: David Nutt, 1901), td. vi. Bha an dòigh-obrach aige mar sin reusanta, gun a bhith airson na mòr-chuid air a chuingealachadh le àrsaidheachd.

Thòisich an compàirteachas eadar Maclagan agus Elizabeth Kerr san t-Sultain 1893, às dèidh dha sgrìobhadh gu a h-uncail, An t-Urr Mac a' Mhaolain, a' sireadh fiosrachadh.[266] Cha robh i ach a' dol a chur cnap beag de dhuilleagan thuige, ach bhon uair sin bha Kerr a' cruinneachadh agus a' conaltradh ri Maclagan, co-dhiù gu 1903 agus 's dòcha gu 1909.[267] Mar a tha Douglas ag innse, Elizabeth Kerr 'was [Maclagan's] most prolific field-assistant'.[268] Bha lìonra de dhaoine eile ga chuideachadh ann an Earra-Ghàidheal, ach cha do thruis gin aca faisg air an aon uiread agus a fhuair Kerr. Tha toraidhean na h-iomairt a' lìonadh 40 leabhar ann an Sgoil-Eòlais na h-Alba agus tha e coltach gu bheil a' chuid as motha den obair sin leatha-sa – ged a tha seo doirbh a chreidsinn.[269] Chan eil seo ri ràdh gun robh a h-uile rud a bha sin à Ìle fhèin. Fhuair Kerr fiosrachadh bho dhaoine à grunn àiteachan air a' Ghàidhealtachd: dh'fhaodadh gun robh iad a' còmhnaidh san eilean mar a bha Anna NicLeòid à Beàrnaraigh, a bha na seirbheiseach ann an taigh a h-uncail; air neo gun do bhruidhinn Kerr riutha ann an ceàrnaidh eile. Tha an t-eòlas aice air sgìre a h-àraich, Cinn Tìre, a' sìor nochdadh agus a' dèanamh coimeas inntinneach eadar cultaran Gàidhealach agus Gallta a bha a' measgachadh anns an aon àite. Agus sgrìobh i cunntasan air a' Ghàidhealtachd san fharsaingeachd, a' tarraing na lorg i bho diofar shiorrachdan ri chèile, uaireannan gun a bhith soilleir mu na tùsan aice. Às dèidh sin, 's e tobar gu math domhainn airson beul-aithris Ìleach a tha anns a' chruinneachadh. Mar a bhiomaid an dùil, eadar 1893 agus 1900, nuair a bha Kerr stèidhichte ann am Port Sgioba, tha Ìlich – muinntir *na Ranna*, gu seachd àraid – a' togail ceann gu bitheanta, ach a' lùghdachadh ann an àireamh nas anmoiche.[270]

Cha robh Robert Craig Maclagan gu sìmplidh a' leantainn agus a' leudachadh air iomairt Iain Òg Ìle. Bha e an sàs ann am *milieu* rudeigin eadar-dhealaichte, a' tarraing air ùghdarrasan ùra, agus mar fhear à Dùn Èideann cha b' urrainn an aon eòlas a bhith aige air a' Ghàidhealtachd no air sgoilearachd Ghàidhlig. Ach, ged a b' ann air Earra-Ghàidheal a bha e gu bhith ag obair às leth am Folk-Lore Society, 's e 'Folk-Lore of West Highlands' a bha aig mullach gach duilleag-chruinneachaidh, a' cur nar cuimhne *Popular Tales of the West Highlands*.[271] Fad 's a bha an iomairt na bu tràithe a-mach air uirsgeulan de dhiofar sheòrsaichean, tha an tè ùr a' fosgladh ar sùilean gu leud na beul-aithris ann am beatha nan daoine. Tha i a' cur thairis le gnèithean bho shaobh-chràbhadh gu reasabaidhean; bho nòsan gu dannsadh; abairtean, ainmean, geamannan agus dòigh-beatha. Chunnacas gu bheil seann-sgeulachdan fada ri lorg innte cuideachd, ach mar as àbhaist, 's e naidheachdan agus seanchas goirid a tha air an clàradh.[272] Bhiodh Maclagan ag iarraidh air cruinnichean leithid Kerr a dhol an tòir cuspair sònraichte – leithid na droch-shùla, no gheamannan dùthchasach; cuspair dà leabhair – agus mar a tha Oliver Douglas a' sealltainn, fianais chorporra a chur thuige agus eadhon a bhith air a chruthachadh às ùr le

[266] Douglas, 'Material culture', td. 229.
[267] A rèir an stòr-dàta a chruthaich Caroline Milligan às leth Sgoil-Eòlais na h-Alba – agus a tha fhathast ga leasachadh. Mo thaing a-rithist do Charoline airson a cobhrach.
[268] Douglas, 'Material culture', td. 208.
[269] Ann an stòr-dàta Sgoil-Eòlais na h-Alba tha 10,101 chlàr no nòta fa leth anns a' chruinneachadh. Dhiubh sin, tha 1,044 gu cinnteach le Elizabeth Kerr, ach tha 7,098 *eile* far a bheil '[t]he collector is likely to be Elizabeth Kerr' (tha a làmh-sgrìobhadh furasta aithneachadh).
[270] Tha e thar comas an rannsachaidh seo àireamh mhionaideach a thoirt seachad de chlàran agus fiosraichean Ìleach ann an cruinneachadh Kerr. San stòr-dàta, tha 1,306 clàran rim faotainn a' sireadh 'Islay' ann am 'Place' (i. cuspair a' chlàir), agus 2,843 a' sireadh 'Islay' ann an 'Native Area'. Ach, a' ruith air susbaint nan clàran chìthear gu bheil cùisean gu math toinnte agus tha tòrr a bharrachd obrach a dhìth.
[271] Douglas, 'Material culture', tdd 206-7.
[272] Gu math coltach ris an stuth nach do dh'fhoillsich Iain Òg Ìle airson na mòr-chuid, m.e. bho Thomas Pattison, Màiri NicThàmhais is eile.

cuideigin.[273] Ach, bha tomhais nach bu bheag de neo-eisimeileachd aig Elizabeth Kerr agus càch a bhith a' togail agus a' sgrìobhadh mu nithean anns an robh ùidh aca, agus a bhith a' falbh shlighean a chomharraicheadh fiosraichean fhèin.[274] 'S fhiach e cuideam a chur air a' phuing, mas e còmhradh eadar clasaichean, cànanan agus cultaran a bha seo,[275] gum b' e Kerr a bha deatamach cha b' ann a-mhàin airson a bhith a' trusadh na bha air beul an t-sluaigh ach a bhith ga mhìneachadh. 'S e an fhìrinn a bha aig Maclagan nuair a thuirt e gum b' i 'mo leth-shuil 's mo dha chluais [sic]'.[276]

Air iomadh adhbhar, air sgàth cho eòlach 's a bha i air sean is òg san sgìre Ghàidhealaich, a cuid fealla-dhà – a tha a' breacadh a litrichean – maille ri dealas, agus geurad an sgrùdaiche-shòisealta, 's e cruinniche math dhà-rìribh a bha ann an Elizabeth Kerr. Mar chruinniche boireann tha a dreuchd, fiù 's an seòrsa nithean a bhiodh i a' làimhseachadh, fiadhaich coltach ri Lady Evelyn Stewart-Murray, a bha ag obair mun aon àm ann an Siorrachd Pheairt.[277] Coltach rithe, bha a cuid obrach air a dìochuimhneachadh anns an 20mh linn, chan eil i ainmeil idir ann an Ìle no Cinn-tìre, agus 's ann nar latha fhèin a tha i ga toirt am follais.[278]

2.2. Breithneachadh sòisealta

Ciamar a bha an sealladh aice mar bhoireannach a' toirt buaidh air a cuid cruinneachaidh? Saoilidh mi gun robh Kerr a' togail air dìleab Eachainn MhicGillEathain agus Màiri NicThàmhais, a' bruidhinn ri boireannaich cha mhòr cho tric ri fir – anns an t-sampall agam fhìn, bha mu 40% de nithean bho fhiosraichean boireann.[279] Le bhith a' suathadh ri iomadh seòrsa beul-aithris, bha i a' faighinn a-mach mu chuspairean agus eòlasan far an robh boireannaich gu mòr an sàs – i. an ìre mhath a h-uile rud taobh a-muigh sheòrsaichean leithid sgeulachdan-gaisge agus laoidhean a bhiodh aig na fir a-mhàin – agus far an robh làmh an uachdair aca ann an ath-ghintinn shòisealta (*social reproduction*): breith, cùram, deasachadh bìdh, leigheas agus cus eile. A thuilleadh air na tha ri lorg ann am mith-chreideamh agus seanchas, tha an aire air nòsan agus dòigh-beatha a' toirt dhuinn sàr shealladh air co-cheanglaichean gnèitheach fhèin. Bha Elizabeth Kerr na bu chomasaiche agus na bu dheònaiche – air a brosnachadh le Maclagan – ceistean den t-seòrsa sin a chur air daoine na bhiodh Eachann MacGillEathain. Chan eil sin ri ràdh gun robh seo an-còmhnaidh soirbh. A' bruidhinn air *bundling* – nuair a bhios càraid a tha a' suirghe air am pasgadh san aon leabaidh – sgrìobh i gu Maclagan, 'The custom to which you refer [...] is not common in Islay. It may have been long ago or even in more recent times *but I do not like to ask after it*. I may though see some one soon that I can ask'.[280] An siud 's an seo tha i a' cur an cèill a beachdan air an dàimh eadar fir agus boireannaich, ach tha aon nòta air a sgrìobhadh ann an 1899 a tha a' seasamh a-mach agus 's fhiach a ghabhail a-steach gu lèir:

[273] Mar a thachair le corp-crèadha agus cailleach-bhuana a fhuair Elizabeth Kerr do Maclagan. Douglas, 'Material culture', tdd 236-7.
[274] Ibid., tdd 231, 233-35.
[275] Ibid., td. 222.
[276] R. C. Maclagan, *Evil eye in the Western Highlands* (Lunnainn: David Nutt, 1902), td. 224.
[277] Faic: Lady Evelyn Stewart Murray, deas. le Sylvia Robertson agus Tony Dilworth, *Tales from Highland Perthshire* (Scottish Gaelic Text Society, 2009).
[278] A bharrachd air rannsachadh Oliver Douglas, far a bheil Elizabeth Kerr a' nochdadh ann an caibideil air R. C. Maclagan, tha an cruinneachadh aice air a cur gu feum le Allan Turner air 'Beliefs and practices in health and disease from the Maclagan manuscripts' (ri thighinn), agus chaidh a buntanas ri Cinn-tìre a shoilleireachadh ann an òraid le Domhnall Uilleam Stiùbhart, 'Late nineteenth century folklore collectors in Kintyre' (Kintyre Historical Society, 2012).
[279] Tha an tomhas garbh seo stèidhichte air sampall de bheagan a bharrachd air 100 nòta beul-aithris, a' sireadh fhiosraichean ainmichte agus gun a bhith a' gabhail a-steach fiosraichean bho Elizabeth Kerr a-mhàin. Air sgàth 's nach robh an aon ùidh agam anns a h-uile gnè beul-aithris, leithid ìocshlaintean, 's dòcha gu bheil an àireamh de dh'fhiosraichean boireann uile gu lèir rud beag eadar-dhealaichte.
[280] MML6170. Mo chuideam.

> When a son is born, the mother especially, and all her friends, rejoice that it is a son and not a daughter. From his birth, he lords it over his sisters, *they fetch and carry while he loafs about with his hands in his pockets*. He is free from any care or interest in the house or croft, if there are women in the family, and though his sister and he were going out day after day to work together, you will rarely see him walk along side of her. In going to church, you never see families walking together. The men go when they choose and home when it pleases them, and they stand together, while the women stand or hang about in groups. No wonder then that the men, no, "the boys" for "boys" they are called and boys they are in every thing but evil until they are over forty. This training has the effect, they and their female relatives over estimate their value and under-estimate the value of the female portion of the community. A "boy" would look on himself as condescending to something unheard of, *if he were to take a basket or parcel and carry it*, either for his sister or the woman he was half inclined to marry.
>
> The intercourse between the sexes is not free, frank, or helpful and kindly. Each holds aloof from the other in the affairs of every day life. On the other hand the girls, though quiet, industrious, and able, as one would think, to do for themselves, *have a morbid fear of being old maids*, while the old generation looks on the unmarried portion of the female population as failures, even when these "failures" have been the stay and comfort of their aged parents, or their unmarried or widowed brothers. What wonder then, that they catch at the first offer they get, and care very little, or look as if they cared very little, who they marry, if he is only a man. What wonder then that the natives when they see those who have been used to look on the other sex as much like themselves and who are openly friendly, conclude that there must be marriage in the air.
>
> Marriages are rare events in this parish [Cill Chomain]. There are so many of the farmers and crofters who have a whole family of brothers and sisters and parents living in the one house and having common interests, that they have no way of setting up a separate establishment, until they are beyond marrying. The lack of social contact makes the men care little for any woman as a friend or comrade, and so, marriage, when it does take place, is often a matter of convenience or profit, *while in their single state statistics go to prove they do not govern their passions*. If by chance you get into company of a number of Islay farmers of today, and take notice, you will see that the most empty-headed, as much as those who consider themselves intelligent, when they speak to any of the girls, speak in a trifling patronizing tone of voice and on trifling subjects. I and other ladies, with whom I have compared notes, have often noticed this. Yet the farmers' sister and daughters, as well as the crofters' sisters and daughters, are head and shoulders above the men in cleverness. It is after they get married, if they get married, that they fall behind, showing clearly that they have ceased to be, if they ever were, comrades of their husbands.[281]

'S e seud prìseil a tha seo bho Elizabeth Kerr. Ged a tha an t-uabhas de bhreithneachadh sòisealta ann air Ìle san 19mh linn, 's ann fiadhaich ainneamh a leughar mu bheatha làitheil is obair nam boireannach, agus an uair sin tha claonadh sgrìobhadhairean fireann follaiseach. Chan eil ann gu h-àrd ach barail Kerr fhèin, ach tha e ag aontachadh le tùsan eile ris an tachair sinn. Bidh dìolanas a' togail ceann gu h-annasach tric agus 's e sin a tha ri thuigsinn leis a' phuing-sa: 'while in their single state statistics go to prove they [agus nach iad na fireannaich anns a' cho-theacs?] do not govern their passions'.[282] Agus tha an t-iomradh air saothair nam ban an coimeas ri

[281] MML5355a-b, 'Social relations in Islay, in 1899', Elizabeth Kerr gu R. C. Maclagan.

[282] Na bu tràithe ann an 1867, bha beachd diofaraichte, gnè-thaobhach aig ministear Chill Daltain, An t-Urr Seumas MacPhàidean air a' chùis: 'Boys begin work at 14. Girls are employed in the fields at 14, and in the house (working for their parents and brothers) at 10 years of age, which keeps them out of school. All the women that can work and get employment are so employed. […] *I do not think females should be employed in agriculture without being superintended, from their tendency to fall into immoralities*. […] "The cottages are not very good" – sufficient in number – "far away from labour, *overcrowded, much illegitimacy in consequence*"'. *Commission on the employment of children, young persons, and women in agriculture, Fourth report* (1867), tdd 261-262 (31). Mo chuideam.

Seo eisimpleirean bhon aon tùs air na dhèanadh nigheanan is boireannaich ann an àiteachas an sgìre Chill Daltain: 'Women begin potato planting, lifting stones off the clover, peat cutting, weeding turnips; there is work for them all the season from April till October. Pay 1d. an hour, 10d. a day; at shearing time they get more, and at heavier work 1s. to 1s. 6.d.* The scythe is not much used. The women do most of the reaping, the scythe is used by the man and two women attend to him.

'We have no scarcity of women, distillers wives and daughters come out. The best class of labourers go off to the low country. Girls would never work for us till 12 years of age; just a few younger may work for their parents. The herding is done more about the village [Port Ilein] for their own people.

dìomhanas nam fear garbh fhèin faisg air na lorgar, mar eisimpleir, ann am beul-eachdraidh Leòdhais san 20mh linn: 'The women were doing all that hard work because the boys were allowed to be lazy', agus: 'Anns an là ud, bha na màthraichean a' milleadh nam balach. Bha iad spoilt'.[283] Sa chaibideil mu dheireadh, chunnacas gun robh cùisean gu math truagh dùbhlannach do bhoireannaich nach robh pòsta – gu sònraichte ma bha clann dìolain aca, no ma bha iad suas ann am bliadhnaichean – agus tha e air aithneachadh an seo, 'the old generation looks on the unmarried portion of the female population as failures'. Bhite an dùil gum biodh seo cuideachd a' gabhail a-steach gintinn chloinne.

Cha bu chòir dhuinn gabhail ris gum b' e suidheachadh nàdarra a bha seo airson an ama a dh'fhalbh, no fiù 's am measg Ghàidheal. Bha diofaran brìgheil ann an inbhe bhoireannach agus co-cheanglaichean gnèitheach eadar coimhearsnachdan Albannach – agus tha rannsachadh inntinneach ann air suidheachadh Shealtainn, far an robh smachd aibheiseach mòr aig boireannaich san eaconamaidh agus sa chomann-shòisealta.[284] Ge-tà, tha coltas air Ìle aig ceann an 19mh linn gun robh ceannas làidir aig fir, agus gun robh i a' leantainn nan àbhaistean gnèitheach a bha aig eileanan Gàidhealach mu thuath – ach, gur dòcha gun robh dìolanas na bu bhitheanta. 'S urrainnear beachdan Elizabeth Kerr a thuigsinn co-cheangailte ri *housewifization*, mar a tha Maria Mies ga mhìneachadh.[285] Mus do bhriseadh na clachain – na bailtean-fearainn – às a chèile gu sònraichte eadar mu 1820an gu 1860an, agus nuair nach robh airgead a' riaghladh ghnothaichean, dh'fhaodadh gun robh dàimh fada na bu dhlùithe, *gu h-ìre* na bu cho-ionnnain eadar gnèithean, leis gun robh aig daoine ri co-obrachadh ann an grunn dòighean airson beòshlaint a dhèanamh.[286] Na b' anmoiche san 19mh linn, ri linn dealachadh an t-sluaigh bhon fhearann, bha obair-phàighte a' toirt barrachd smachd do fhireannaich, bha boireannaich an eisimeil air an tuarastal aca, agus tro bhuaidh a' chalpa agus ideòlas moralta na h-eaglaise is na stàit,[287] bha sgaradh-saothrach gnèitheach (*gendered division of labour*) na bu shoilleire air a stèidheachadh.[288] Agus tha seo air a shealltainn ann an cunntas-sluaigh 1891, far a bheil boireannaich phòsta mar as àbhaist gun obair-phàighte, agus tha e àbhaisteach àireamh mhòr chloinne a bhith aca. Air an làimh eile, bha teaghlaichean gu bitheanta a' gabhail a-steach oghaichean, phàrantan is eile, bha taic air a cur ri tuarastal ceann an taighe le obair mhac is nigheanan, agus tha e soilleir am measg thuathanach, gum biodh a h-uile duine an sàs ann a bhith a' ruith an tuathanais. Bha 'mnathan-taighe' ann, ach tha e coltach gun robh iad gu tric deatamach airson cosnadh an fhir – can, mar a bhiodh mnathan ag ullachadh baoit airson iasgairean – agus is cinnteach nach eil an cunntas-sluaigh a'

'Have no boys under 14; a man is worth two boys about a stable. Girls would leave school earlier because they are more useful at home, sewing, &c., and there is a general impression that girls' education is not so important as boys'.' Ibid., td. 260. *Cf. Do fhireannaich mar eisimpleir: 'Wages are very low, 9s. a week'. Ibid., td. 261 (29).

[283] Calum Ferguson, *Lewis in the passing* (Dùn Èideann: Birlinn, 2007), td. 22; td. 195.

[284] Lynn Abrams, *Myth and materiality in a women's world: Shetland 1800-2000* (Manchester: Manchester University Press, 2005). Cuideachd, tha deagh fhiosrachadh coimeasach air co-cheanglaichean gnèitheach agus gintinn (*production*) ann am Paul Richard Thompson, et al., *Living the Fishing* (Lunainn: Routledge & Kegan Paul, 1983).

[285] Maria Mies, *Patriarchy and accumulation on a world scale: women in the international division of labour* (Lunnainn: Zed Books, 2014 [1986]), tdd 100-111, agus *passim*.

[286] An cunntas as fheàrr, ach rudeigin sàr-sheallach, air a leithid, 's e a tha aig Iain MacMhurchaidh na làmh-sgrìobhainn 'Queen of the Hebrides' a' coimhead air ais air Cill Chiarain mar bhaile-fearainn samhlach anns na ciad dheicheadan den 19mh linn, gu h-àraidh na h-earrainn: 'A snug community', 'Wealth without money', 'Co-operation – peat', agus 'Cottiers'. NLS: MS.14986, tdd 109-128. Na thuairsgeul, tha cuideam air obair choitcheann, ged a bha seo sgaraichte eadar gnèithean: na fir gu lèir a' cruinneachadh airson a' mhòine a bhuain, agus na boireannaich a' luadhadh. Bha òrain agus geamannan mar phàirt dhen t-saothair, agus dannsa aig an deireadh: 'Beginning and proceeding with song, the milling, like the turf cutting, closed with a dance, the young men, on this occasion being invited to do honour to the maidens'. Ibid., td. 123. Bha a' choimhearsnachd an ìre mhath fèin-fhoghainteach ann am biadh, aodach agus connadh, agus i bonntaichte air dlùthachd shòisealta agus co-chobhair.

[287] Mies, *Patriarchy*, td. 106.

[288] Ibid., td. 104.

comharrachadh dhòighean eile a gheibheadh mnathan airgead. Am measg bhoireannach singilte anns na 1890an, bha iad ann an obair-phàighte mar shearbhantan, saothraichean-fearainn, dreasadairean (*dressmakers*) is eile, gun luaidh air an t-saothair aca nach robh air a pàigheadh. Bha *housewifization* na phròiseas a mhair tron 20mh linn; bhiodh sìor dheasbad a' dol air àite bhoireannach anns a' chomann-shòisealta, cò na h-obraichean a bha fregarrach dhaibh, agus dè dìreach a bha e a' ciallachadh a bhith nad 'bhean-taighe'.

2.3. Susbaint a' chruinneachaidh

Nuair a bha Elizabeth Kerr a' cruinneachadh bha an droch-shùil, ubagan, sìthichean is eile fhathast an làthair agus air an creidsinn le cuid mhath de dh'Ìlich. Bha tè ann 'whose belief in the supernatural is very decided',[289] ann an sgìre Chill A Rubha, 'there is still a strong belief in blighting from an evil eye among people',[290] agus a' bruidhinn ri clèireach siorraim, sgrìobh Kerr, '[h]e is not more than forty-two, a shrewd business man and clever, but with a strong belief in witchcraft and manaidhean'.[291] Mar as àbhaist, b' ann bho charaid no cuideigin san teaghlach a thigeadh sgeulachd mu shìthichean,[292] ach thug fear à Càrnan cunntas air sìthiche a chunnaic e fhèin: 'dh'amhairc mi suas, chunnaic mi suine [sic] beag na sheasamh 'sa bhealach, agus e dresste le ad cockte. Cha robh e ni b' àirde na mu ochd òirlich, agus bha a chasan cho caol ri m' bhata'.[293] Gu dearbh, dh'fhàs cuid de sheann daoine rudeigin faiceallach dè chanadh iad rithe: '[they] have heard that I am making use of my information, for they are much shyer than they used to be in giving me their own experiences', ach às dèidh beagan cabadaich, chaidh innse mu na sìthichean, 'Cha'n eil doots air bith nach robh iad ann'.[294] Tha taobh gu math tiamhaidh ann den mhith-chràbhadh, ge-tà. 'Just the other day (July 1898), the reciter says, a child was unwell', agus dh'iarr a phàrantan air fear aig an robh eòlas a' chronachaidh seach 's nach robh an dotair no am ministear gu feum. Chaidh a dhearbhadh dhaibh gum b' e boireannach donn a rinn e, ach bhàsaich am pàiste co-dhiù.[295]

Ann am beachd Ghramsci, 'popular religion is crassly materialistic'[296] agus tha na tha ann dheth anns a' bheul-aithris Ìlich gu mòr ag aontachadh le seo. Tha an t-uabhas ann, mar eisimpleir, air a bhith a' faighinn a-mach cò phòsas nighean – can, a bhith a' crochadh bhuilgean-peasrach (*peapods*) os cionn an dorais air Oidhche Shamhna[297] – no a bhith a' toirt air fear òg nighean a phòsadh. 'S e 'ubag' a bha aig na h-Ìlich air geasagan, agus dhiubh sin bha an 'ceapaire ordaig' uaireigin ainmeil ann an Ìle: 'When a woman wanted to get any lad to marry her daughter, she would take a bannock, and after wetting the face of her thumb with her tongue, she would spread a lump of butter on the bannock with her wet thumb. She would then make her daughter kiss the bannock, after which it was given to the lad, who, if he ate it, could not for the life of him but marry the girl'.[298]

[289] MML 5703.
[290] MML5343.
[291] MML5355b. Tha seo am measg nithean Ìleach, ach chan eil fios le cinnt cò às a bha an duine.
[292] M.e. 'Chuala mi Domhnull, brathair athar a' bhean so agam fhèin – agus b' e duine fìreannach bha annsan – ag ràdh gun robh e aon oidhche dol dhachaidh còmhla ri athair, o mhargadh, agus nur bha iad shìos aig cnoc a' chùirn, chunnaic e, soilleir gu leòir, teine anns a' chnoc, agus sìthichean a' damhsadh mu thimchioll. Tharruing e aire athar ris a nì uair neo dhà, ach b' e na theireadh athair ris, e bhi sàmhach agus a theangadh a chumail. Lean am barail ri Domhnull riomh gum faca athair iad cho mhath risan, ach nach robh e airson gun gabhadh esan eagal romhpa.' Seòras Caimbeul à Port Sgioba, MML5507.
[293] MML6234.
[294] MML3364.
[295] MML5348.
[296] Luaidhte ann an Kate Crehan, *Gramsci, culture and anthropology* (Lunnainn: Pluto, 2002), td. 118.
[297] MML2847
[298] MML5936.

A rèir an aon fhiosraiche, Beatsaidh NicIain, chaidh i turas airson an cupa aice a bhith air a leughadh. Chaidh innse dhi gun robh 'closed bargain' aice agus gum biodh i air mhuinntearas ann an taigh mnà-uasail. 'And so, it has turned out after all that she was right, for I went to service, although I had no intention of it at the time she was reading the cup'.[299] Càite an deach i? ach taigh Elizabeth Kerr fhèin! Mar a tha fios againn, bha saobh-chràbhadh fiadhaich practaigeach, bha e airson cobhair a thoirt do dhaoine nan trioblaidean làitheil, mar bu trice gus olc agus droch fhortan a chumail air falbh a bharrachd air nì sam bith eile. Agus bha e gu math eugsamhail, a' freagairt ri iomadach diofar dhuilgheadas làitheil: 'Tha Eòlas nathrach ann, agus tha Eòlas deide ann. Tha Eòlas sùl, agus Eòlas greim, agus Eòlas chronachaidh ann. Eòlas gach nì 'na àite fèin'.[300]

'S e ceist inntinneach a tha ann mar a bhiodh Crìostaidheachd fhèin air a filleadh a-steach don mhith-chreideamh. Thuirt Raghnall MacGillEathain gum biodh na 'facail tha aca airson Eòlais greim [*stitch*] air an toirt às an Tiomnadh Nuadh, pìos an so, agus pìos an sin: agus iad sin air an sgrìobhadh air paipear, agus am paipear sin air fhuaigheal air an taobh a steach de chòt' an duine air an robh an greim'.[301] Tha deagh theans gun cuireadh sin uabhas air ministear sam bith. Agus tha grunn eisimpleirean eile dhen aon seòrsa. 'It is not very long since, when it was the regular custom that every woman, when she would be on child bed, would have the bible below her head all the time she would be lying. This was to keep away evil.'[302] Air an aon dòigh, bha daoine 'uaireigin' èasgaidh an cuid chloinne a bhaisteadh cho luath 's a b' urrainn, cha b' ann 's dòcha air na h-adhbharan oifigeil idir, ach airson an dìon bho shìthichean.[303] Chan eil sin ri ràdh nach robh daoine a' creidsinn na bha anns a' Bhìoball, a thuilleadh air feum practaigeach a dhèanamh dheth. Rinn Dùghall Bell à Port Sgioba argamaid an aghaidh na feadhainn a bha ma dh'fhaoidte na b' fhaisg air teagasg na h-eaglaise: 'They will be saying to me that we have no mention of air a chronachadh in the bible, and they will be putting it down my throat; but I tell them it is there. Both the evil eye and witchcraft were in it from the beginning, and they will be in it till the end.'[304] Ach, a' dol an aghaidh na bhite an dùil, tha eisimpleir aig a' ghreusaiche, Donnchadh Mac an Tuairneir, air mar a chleachadh daoine ainm an t-Sàtain gu am buannachd: '[a] common custom is to [riddle] corn which is done in Satan's name and it is believed that during the process the future husband or wife will appear'.[305] Feumaidh sinn cumail nar cuimhne, air cho libearalach 's a bha i, gum b' e boireannach na h-Eaglais Shaoir a bha ann an Kerr. Mar sin, an robh nithean ann co-cheangailte ris an sgoil-dhuibh no creideamh nach canadh daoine rithe, no nach rachadh clàradh?[306]

'S e an droch-shùil fear de na prìomh chuspairean ann an cruinneachadh Kerr, agus chaidh mòran den fhianais Ìlich a chleachdadh anns an fhoillseachadh aig Robert Craig Maclagan, *Evil Eye in the Western Highlands*. Bhon seo, tha fios againn gun robh an droch-shùil airson a' mhòr-chuid aig a) boireannaich; b) na bu shine; c) anns a' chlas as ìsle.[307] Bha ban-Ìleach cuideachd air cluinntinn 'that a person whose eyes are of a different

[299] MML5948.
[300] MML5664.
[301] Ibid.
[302] MML5930.
[303] MML5916.
[304] MML5331.
[305] MML0211. Tha e coltach gun tachradh seo air Oidhche Shamhna.
[306] Cuideachd, tha leigheas againn sa chruinneachadh air a h-uile rud bhon tinneas-thuiteamach, gu fiabhras, gu teannachadh-innidh agus misge. Ach, nach robh eòlas aig boireannaich air lusan a bheireadh buaidh air torrachas agus a chleachdadh iad airson casg-breith?
[307] Maclagan, *Evil eye*, tdd 23-24.

colour has the Evil Eye'.[308] Tha e soilleir mar sin gun robh seo na phàirt de bhuidseachd no gum b' e rud a bha ann a bha faisg oirre. Ann am beachd Dhùghaill Bell, '[t]ha Buideachas uile air falbh a nis, agus is math gu bheil, oir be ni olc a bha ann. Ach ma dh'fhalbh sin, tha rud eile nach d'fhalbh fhathast, agus se sin cronachadh'.[309] 'Tha mise [ag] ràdh gu bheil an droch shùil ann, agus tha cronachadh ann,' thuirt Eòin MacNìmhein. 'Se 'n droch cridhe tha dol thun na sùl, agus a' dèanadh droch sùil. Nì an fheadhainn aig am bheil an t-sùil so cron air beathach, neo duine, ged nach dèan iad ach amhairc orra. Agus tha daoine ann cuideachd a leighiseas e.'[310] Air an làimh eile, bha daoine ann – fir cho math ri boireannaich – aig an robh an droch-shùil dhan aindeoin, cha robh iad ag iarraidh creutair a chronachadh.[311] Tha na cunntasan air an droch-shùil ann am pàipearan Kerr caran sgìtheil, agus iad uabhasach coltach ri chèile: tha beathaichean mar as àbhaist a' nochdadh ann, tha iad air an goirteachadh no a' bàsachadh, no a' sgur a bhith a' toirt bainne agus tha ceangal ga dhèanamh ri rudeigin a thuirt neach bho chionn ghoirid. 'S e an nì anns a bheil ùidh againn, mar a bhiodh còmhstri air a cur an cèill leatha. Tha Maclagan a' dearbhadh gum b' e bun-bheachd iom-fhillte a bha anns an droch-shùil. Bha i air a cleachdadh airson smachd-sòisealta nan aghaidh-san a bha air iomall na coimhearsnachd, boireannaich a bha eadar-dhealaichte bho chàch, a bha 's dòcha ciorramach, agus air am faicinn mar eallach seach mar bhuill tharbhach. Tha an droch-shùil na comharra air cho mì-sheasmhach 's a bha beatha, air an fhìor ghainnead a bha anns a' chomann-shòisealta, gun robh nithean 'luachmhor' – uircean, deagh bhò-bhainne is eile – gu tric air an call, agus uaireannan bha e doirbh a thuigsinn carson. Ma bha i, air an dàrna làimh, comasach air faireachdainnean fèineil a bhrosnachadh, a' dìon is a' cleith maoin phearsanta bho chàch, agus gan dùnadh a-mach agus an seachnadh, air an làimh eile, bha i cuideachd air a cur gu feum air a chaochladh adhbhar: an aghaidh sannt agus farmad,[312] airson dlùthachd shòisealta, agus le boireannaich bhochda fhèin. Bha an aoigheachd Ghàidhealach ainmeil air a daingneachadh, cha b' ann a-mhàin le blàthas cridhe agus traidisean, ach le eagal ron chronachadh. Tha Maclagan ag innse, '[t]he danger of refusing a request is great, not so much from the purely Christian-charity point of view, as from that of escaping the Evil Eye'.[313] Agus tha e a' sealltainn mar a bhiodh daoine gu sònraichte faiceallach cobhair a thoirt do dhròbhairean.[314] Dh'fhaodadh an droch-shùil a bhith air a tionndadh gu buannachd nam ban, mar gum b' eadh a' toirt air nàbaidhean a bhith gan cuideachadh.[315] Tha grunn eisimpleirean eile coltach ri seo à Ìle, a' gabhail a-steach nithean a thuilleadh air an droch-shùil.

Bha fìor chumhachd aig dithis chailleachan, S. B. agus B. R., aig an robh comas ubagan a dhèanamh: '[n]one of the fishermen liked to meet either of them when they would be on their way going to fish, and many a time S. B. used to come to buy fish, and sometimes to ask a fish[erman] for nothing, and they would always try to please her by giving her what she wanted, for they were afraid she might put an ubag on them'.[316] Agus b' i a chuir, a rèir coltais, latha a thachair iad rithe is iad a' dol a dh'iasgach. Thuit an seòl aca, agus cha robh ann ach tilleadh.[317] Ma bha amharas ann gun robh boireannach na bana-bhuidseach, dh'fheumte a bhith cùramach gun

[308] Ibid., td. 25.
[309] MML5349.
[310] MML5656.
[311] Maclagan, *Evil eye*, tdd 35-36.
[312] Ibid., td. 42.
[313] Ibid., td. 48.
[314] Ibid., tdd 48-49.
[315] Ibid., td. 69.
[316] MML5940.
[317] Ibid.

mìothlachd a thoirt dhi. Cha do mhair iasgach an sgadain fada ann an Loch Gruinneart – airson mu naoi bliadhna bho 1886 – ach b' e tòcadh mòr a bha ann gus an do sguir e gu h-obann ann an 1895.[318] Tha a' bheul-aithris a' mìneachadh gum b' e bana-bhuidseach a bu choireach dha seo: às dèidh dhi a bhith a' trod ri ciùrair, thug i air an sgadan falbh. Ghuidh na h-iasgairean oirre an toirt air ais, agus thill iad airson bliadhna a-mhàin. 'She was an awful Cailleach that, when she would go to a house, they would give her whatever she would ask, for they were afraid she might do them harm with her witchcraft.'[319] Rud a tha gu sònraichte ùidhmhor, 's e mar a bha cumhachd an ìre mhath os-nàdarra aig nòsan agus an 'eaconamaidh mhoralta'. Nuair a bha Dòmhnall Mac an t-Sagairt òg,

> it was common custom with poor people to [go] among the farmers, and crofters, in the harvest-time, to get a share of their corn. It was really begging, he says, although at the time the force of the custom had got to be supposed to constitute a kind of right, and the seeker would be offended if he did not get what he would consider worth his pains, *while the farmer would be afraid to refuse*. Some would give half a stock, and others a whole stock, or thereby, and it was quite the usual thing for the seeker to make his rounds with a horse and cart so large were his expectations.[320]

Tha e a' cumail air a ràdh gun robh nòs ann aig cuid de chailleachan,

> with regard to lint, at the time of the working of it. This was called Faigh lìon. These women kept themselves informed with regard to the time the lint work would be in hand, and would turn up at that time. *They were often more feared than loved, and the house wife upon whom one of these ladies called, rather than incur her displeasure, would prefer to err on the side of being a little too liberal.* These cailleachs manufactured the lint they obtained, and sold the cloth.[321]

Chan eil iomradh an seo air an droch-shùil, no ubagan, ach tha oidheam (*hint*) ann gum biodh dìoghaltas air choireigin air a dhèanamh mura biodh na tuathanaich is eile a' coileanadh an dleastanasan stèidhichte. Bha daoine bochda comasach air saobh-chràbhadh a chleachdadh mar bhall-airm. Ach, thathas a' mothachadh gu bheil na h-eisimpleirean seo fhèin a-mach air àm na bu tràithe san 19mh linn. Bhite an dùil gum biodh a leithid de nòs agus a bhunait fheallsanachdail an eisimeil air na seann bhailtean-fearainn agus ìre mhòr de cho-obrachadh sòisealta, ach le co-dhaingneachadh nan tuathanasan tha e coltach gum biodh cùl air a chur ri pàirteachadh den t-seòrsa seo.

Bha dòighean ann cuideachd peanasachadh a thoirt do dh'athraichean chloinn dhìolain nach toireadh seachad cobhair dhaibh – 'refus[ing] to own the child',[322] nach eil 's dòcha a' ciallachadh a' pòsadh na màthar. Nam bàsaicheadh pàiste dìolain, bhiodh iad air an tiodhlacadh 'beul fodha air a dhaoine' (uaireannan 'beul sìos') – mar a bha air an nòs. 'S e a' bhuil gum faigheadh an t-athair fhèin bàs agus nach maireadh a theaghlach. Air fear de dh'eisimpleirean a' chleachdaidh, chaidh a ràdh le màthair an fhiosraiche: 'There was a family of handsome grown up lads living up above Bridgend, and a girl had an illegitimate child to one of them. The lad would not acknowledge paternity, and the child having died, as a punishment to the father, it was coffined with its face downwards, and in a short time every one of these handsome lads died, one after another, and the general belief was that it was the result of the "Beul fodha air a dhaoine".'[323] Cha robh an nòs seo bitheanta, a rèir Kerr, ach tha e soilleir gun robh e a' coileanadh gnìomh mar rabhadh do dh'fhir ann an eilean far an robh

[318] Angus Martin, *The ring-net fishermen* (Dùn Èideann: John Donald, 1981), tdd 197-198.
[319] MML5340.
[320] MML5580. Mo chuideam.
[321] Ibid. Mo chuideam.
[322] MML5398.
[323] MML5395; ibid.

dìolanas a' tachairt tric gu leòr. Ach tha cuideachd cunntas eile a tha buntainneach, far a bheil màthair an fhir chiontaich a' cur às do a leanabh dìolain mus bi e air a bhreith le 'guidhe', no a' guidhe mallachd air. Tha i an uair sin mas fhìor a' sàbhaladh a mhic bho a dhleastanasan, agus peanasachadh os-nàdarra sam bith a dh'fhaodadh a bhith ann.[324]

Tha deagh rabhaidhean moralta eile rin lorg co-cheangailte ri sgeulachdan mu thaibhsean is manaidhean. Mar eisimpleir, rabhadh gun a bhith a' falbh le boireannaich choimheach, mar eisimpleir aig an àirigh. B' e siud a rinn triùir bhuachaillean; b' ann a bha iad a' miannachadh cuideachd nam ban, agus thachair gun do nochd iad. Dh'fhàg dithis dhiubh leis na boireannaich ach dh'fhuirich am fear glic mu dheireadh. Chuir e a fhèileadh mu ghuailnean le tarrag agus dh'fhan e ri taobh làir throm. Cha b' urrainn don bhoireannach tighinn faisg air, agus 's math nach b' urrainn. An làrna-mhàireach, lorg e a chàirdean 'dead, outside, and their bodies minced up in bits'.[325] 'S mathaid gun e rabhadh faoin a tha seo mu chumhachdan os-nàdarra, ach nas motha na sin, gu bheil cunnartan is builean an cois saorsa na h-àirigh. Tha sgeulachdan eile a' sealltainn mar a dh'fhaodadh boireannaich dìoghaltas fhaighinn air fir a bha air an droch làimhseachadh ann an dòigh air choireigin.

> Bha gille uair ann an Nearbus a bha a' cumail cuideachd ri nighean bha 'n sin airson treis, *ach aig a' cheann mu dheireadh chuir e cùl rithe*. Ach ma chuir: aon latha 'nur a bha e amach a' treabhadh, thainig manadh a' nighean so far an robh e, agus dh'eirich i air, agus cha mhòr nach do mharbh i e, gus an deachaidh aige snagadh gu ceann nan each, far an d' fhan e, gus an d' thainig duine eile 'n rathad, agus 'nur a chunnaic an spiorad an duine eile dh'fhalbh e.[326]

Tha an ath eisimpleir nas brìgheil, ge-tà. Bha tuathanach a' tilleadh air muin eich bho Phort Sgioba thar a' mhonaidh gu Tormasdal. Nuair a ràinig e an Saibhir Mhòr, 'three women met him and stood on the road before him. One of them caught him, and pulled him off the horse, and she and another of them began to thrash him fearfully, but the third one went to his assistance. With her help he got up on his horse again, but it was with great difficulty, for he was terribly bruised. She followed him all the way to Tormisdale to keep the other two away, and when they reached his own door, she said to him:- "Bha feum agad mise bhi 'n sin, neo mharbhadh iad thu". […] She left him there. *People were thinking that the two that beat him were the ghosts of two women he had done harm to, for they say it is a bad job to do anything against women*.'[327]

A' gluasad gus beachdachadh air clas, air fear de na cunntasan as inntinniche, a tha a' nochdadh ann an diofar dhreachan, 's e sgeul Plàigh Phort na h-Abhainne. Tha Niall MacDiarmaid, a bha an uairsin 90 bliadhna a dh'aois, ag innse mar a bha plàigh sa bhaile na òige, mu 1810 no roimhe. Thugadh seo a-steach a dh'aona-ghnothach, a rèir aithris, agus bheirear luaidh air an sgeulachd gu lèir an seo:

> The people were getting to be too numerous in the Country, and the King was afraid that if a rebellion would break out at any time, they might rise up and kill him. So a law was made that every laird into whose estate the plague would not come, would have to pay a large sum of money to the crown. This was to encourage the lairds to bring the plague into their estates. Well Captain Walter was the only laird in Islay that brought it. The plan he took was this. There was an English man, who was a merchant in Portnahaven at the time, and people said that the laird got this man on his side. He also got the Doctors on his side, and the plague was put in biscuits which the merchant was selling to the people. The first person that died of the plague was a woman. She had been at the funeral of a friend, and on her way home, she went into this merchant's shop. The merchant's wife who was in the shop at the time was also English. She asked the woman to go in to the house that she might have a cup of tea.

[324] MML5420.
[325] MML5986.
[326] MML5704.
[327] MML5984. Mo chuideam.

> She gave her a cup of tea and a biscuit, and the woman had hardly reached her own house before she took ill, and died. No body thought it was a plague until her husband, and a daughter took ill, and died also. It was then that people knew that the plague had come among them, and it spread immediately.
>
> The Doctors were gathered from every part of the island, and came even from other places outside of the island, but they did no good, for they were in league with the laird. Whatever the Doctors were giving them, it was killing them at once. One lad swallowed the Doctor's dose, and he died that same night, but there was another lad to whom they gave several doses, but he put every dose out, just as he got it, and he recovered. There was a young Doctor of the name of Murdoch in Kelsay at the time, and the other Doctors sent for him to go along with them, but his mother would not allow him to go a step, in case he should be dead before he came back. The thing got to be so bad that nearly all the people left the villages, and went to live in tents in the peat moss. And there were men placed on the public road to watch, and to prevent any from coming up to Portcharlotte. One man, got beyond the watchmen some how, and made a great effort to reach Octofad house for food or something, but he was compelled to go back.
>
> Another informant, who is also a native of the place, and now an old man, makes no reference to the merchant incident, but blames the Doctors for introducing the plague. He says, "The thing that caused the plague was this – the Doctors brought it on". And he maintains that that is the people's opinion till this day, for the plague continued as long as the people continued taking the Doctors' medicine, but as soon as they gave up that, the plague ceased.[328]

Anns an dreach nas giorra aig Gilleasbuig Mac an Fhleisteir à Conasbaidh,[329] chan e òrdugh an rìgh a b' adhbhar dha idir, ach tha e air a cheangal ri Gort mòr a' Bhuntàta no gort eile. Nuair a bha daoine gu tur èiginneach airson biadh agus an eisimeil air uachdarain Ìle, 'the lairds did not want that, and so they took a plan to get them all killed'.[330] Tha e ag aontachadh gun robh marsanta ann, ged a b' e Èireannach seach Sasannach a bha ann, gun robh a' phlàigh ann am briosgaidean, agus gun robh dotairean air taobh nan uachdaran. Agus bha sgeulachd na plàigh cho cudromach gun robh e fhathast air chuimhne Ìleach – Iain MacCarmaig – ann an 1953.[331] Tha an sgeulachd ag innse dhuinn iomadach rud. Cha robh earbsa idir aig na daoine anns an uachdaran, An Caiptean Mòr, Bhaltair Caimbeul, no anns na h-uachdarain gu lèir, agus cha mhotha a bha iad a' creidsinn ann an ùghdarrasan leithid nan dotairean. Mas e teòiridh cho-fheall (*conspiracy theory*) a tha ann, tha e uabhasach feumail mar aithris a tha a' feuchainn ri ciall a dhèanamh dhe na thachair. Bha 'plàighean' no galaran gabhaltach ann am bailtean Ìle san 19mh linn agus, bho 1830 gu h-àraid, bhà na h-uachdarain ag iarraidh cuidhteas fhaighinn earrann mhath dhen t-sluagh. Tha fios nach eil galar air a sgaoileadh ann am briosgaidean, agus dhuinne gu bheil am mìneachadh gu lèir doirbh a chreidsinn. Ach, tha e a' comharrachadh an eagail dho-chreidsinn a bha aig daoine ron ghalar, mar a bha an neo-ionnanachd eaconomach a bha ann mar-thà air a mheudachadh, am fìor amharas – nach robh gun adhbhar – a bha aig daoine ro ùghdarrasan-leighis is eile, agus mar nach deach dèiligeadh riutha mar cho-chreutairean ach mar ghalar iad fhèin. Do mhuinntir Phort na h-Abhainne anns an fhionnsgeul seo, b' ann a bha iad a' fulang ionnsaigh nach robh iad a' tuigsinn, cha b' urrainn dhaibh tionndadh do dhuine sam bith airson cuideachadh, agus cha robh e fiù 's air chomas dhaibh teicheadh.

Ann an criomag eile de bheul-aithris, gheibhear tuairisgeul air a' Chaiptean Mhòr fhèin:

> B' e Caiptean Bhaltair a rinn an t-airgiod leis an do thogadh Caisteil Forlan. Rinn e e le bhi dol thairis, agus le bhi goid òir agus airgeid bho na daoine thairis. Aon uair ghoid e laogh òir, agus thàinig feadhainn de na Coolies gus an soitheach a rannsachadh dh'fheuch an robh 'n laogh air bòrd. ''Nuair a mhothaich na seòladairean dhoibh a' tighinn, ghabh an còcair an laogh, agus chuir e anns a' phoit bhrot e. Nan d' fhuair na Coolies an laogh san

[328] MML5198.
[329] MML6315.
[330] Ibid.
[331] SA1953.136.B8.

> saothach [sic], mharbh iad na h-uile duine bh' air bòrd. Ach cha do smuainich iad air a' phoit bhrot, agus nuair a dh'fhalbh iad thàinig Caiptean Bhaltair dhachaidh a' toirt an laogh leis, agus cha do ruig e leas dol thairis tuille na dhèigh sin.[332]

A-rithist, cha bu chòir dhuinn seo a leughadh gu dìreach, ach tha fìor thomhais na fìrinn ann. Bha Caiptean Walter Caimbeul an sàs anns an *East India Company* – coltach ri Cailean Dubh Bhaile an Abaidh[333] – agus b' ann às dèidh sin a thill e a dh'Ìle. Bha e an sàs anns an ìmpireachd, agus fhuair e a chuid beairteis – an 'laogh òir' meataforach – tro bhith a' gabhail brath air daoine thall thairis. Tha am facal 'Coolies' a' leum a-mach. Gun teagamh, 's e briathar gràin-chinnidheach a tha seo, ach tha e follaiseach gu bheil co-fhaireachdainn aig an aithrisiche ris na h-Innseanaich choloinialach, agus iad air an sàrachadh leis a' Chaiptean air dòigh nach eil eu-coltach ris na daoine cumanta a-bhos ann an Ìle. Tha iomraidhean coltach ann air uachdaran Bhaile an Abaidh, agus e air a ràdh gun do mharbh e tuath Ìleach, agus gun robh corp tiodhlaichte fo leac a stairsich![334]

Gu ro thric, tha a' bheul-aithris ann an cruinneachadh Elizabeth Kerr gu math breithneachail geur mu na h-uachdarain. Tha fionn-sgeul eile, le Eòin GillEasbaidh à Port Sgioba, a' mìneachadh 'an dòigh anns an d' fhuair na Caimbeulaich Ìle'. Tha dà phrìomh phuing ri dèanamh bhon seo: sa chiad dol a-mach, 's e *nouveaux riches* a bha annta, agus iad nan 'dithis bhràthairean an Glaschu uair a bha na'm marsontan beaga. Bha aon dhiubh gu sònruichte a bha glè bhochd, agus cha robh mòran aig an fhear eile aon chuid'.[335] A' gabhail gaol air nighean duine bheartaich, tha aon dhiubh a' cosnadh ionmhas mòr le cleas na nighinne, co-cheangailte ri soithichean malairt. Tha e an uair sin ag iarraidh oighreachd a cheannach, agus tha Ìle a' tarraing a shùla. Air an rathad dhachaigh, tha e a' tachairt ri oighre nan Dòmhnallach nach eil air an t-eilean fhaicinn fhathast. Tha an Caimbeulach a' toirt car às an Dòmhnallach ghorm, a' leigeil air nach eil ann ach 'lochannan agus boglaichean'. A' faotainn boillsgeadh luath air an eilean, tha e air a mhealladh, agus ga thoirt seachad 'air neoni'.[336] Thathas ag aithneachadh corra nì san sgeulachd-sa. Tha i mar gum b' eadh a' dinneadh ri chèile diofar phàirtean de dh'eachdraidh Ìle. An toiseach, tha eachdraidh Caimbeulaich Chaladair, a fhuair Ìle bho na Dòmhnallaich le taic bhon chrùn agus Caimbeulaich Earra-Ghàidheal. Agus an uair sin, tha eachdraidh Caimbeulaich Shawfield, a dh'fhàs beairteach tro mhalairt 'nan soithichean' ann an Glaschu – gu seach àraid *tràilleachd* – agus a cheannaich Ìle, a rèir coltais, le cuideachadh airgead-dìolaidh – nuair a sgrios daoine cumanta taigh Shawfield ann an 1725 mar dhìoghaltas airson Cìs na Bracha.[337]

Tha fianais a' chruinneachaidh cuideachd ag innse mòran mu dheidhinn shuidheachaidhean-aithris. B' e fear-ciùird a bha ann an athair na Mnà-uasail NicGillEathain;

> '[h]e […] was one of three Cottars who lived in the parish of Kilchoman. The three houses were within a short distance of one another, and *as was the custom at that time, the men used often to go to ceilidh to each others' houses*. One night her father took her sister, who was then a child, on his back and went off to ceilidh at the herd's house. The other neighbour chanced to come that same same night

[332] MML6201.
[333] MML5660.
[334] 'The bad laird of Balinaby', MML3456a.1; cuideachd, MML3573 – 'Haunted Places [Balinaby]'; MML3432 – 'the laird of Balinaby [historical murder]'.
[335] MML5514.
[336] Ibid. Airson barrachd sgeulachdan mu na Dòmhnallaich agus Caimbeulaich, agus an nàimhdeas eatarra, faic: MML5632; MML5634.
[337] Margaret Storrie, *Islay: biography of an island* (Ìle: Oa press, 2011), td. 86.

> also, so that the whole three were together, with perhaps some of the families. *They passed the night, as was usual, till it was pretty late, telling Ur[s]geulan, and amusing themselves in other ways*.'[338]

Tha an sgeulachd a' leantainn oirre gus bruidhinn mu dheidhinn mar a thug na sìthichean air a dhol air seachran, ged nach robh an taigh aige fada air falbh. Ach 's ann a tha ùidh againne ann am pìosan-fìosrachaidh, leithid na dàimh fhaisg a bha aig na coitearan seo – a bhiodh 's cinnteach ag obair ri chèile rè an latha – gum biodh clann cho math ri inbhich a' dol a chèilidh, agus gun e 'uirsgeulan' a bha air an gabhail.

Mar as àbhaist, tha criomagan dhen t-seòrsa seo a-mach air àm a dh'fhalbh – tha fianais air an latha fhèin nas gainne. Bha cuimhne aig Iain McGibbon à Port Ilein, '*when he was a boy*, how that after the ghost stories that would be told when people would be gathered about the fire at night in winter, he [sic] would be the fright of his life to cross the threshold alone'.[339] Ann an 1893, sgrìobh Elizabeth Kerr san fharsaingeachd, '[a] common custom in the west Highlands is for a number of people to assemble in one house on Winter nights, and to entertain each other by reciting ùr-sgeuls. These ùr-sgeuls are often long and listened to with great interest. They reflect too in no small degree, the character of mind, and habits of the people.'[340] Gu mì-fhortanach, chan eil seo air a shoilleireachadh dhuinn: bhite an dùil gun robh e fhathast àbhaisteach ann an Ìle anns na 1890an, ach an robh e air atharrachadh?[341] An robh nòsan co-cheangailte riutha, no cèilidhean na b' fhoirmeil? An robh seanchaidhean ainmeil ann aig an àm? Agus dè an dibhearsan a thachradh rè an t-samhraidh? Chìthear, ge-tà, nuair a dh'ainmicheas Kerr 'stories of the cèilidh' na nòtaichean, 's ann a tha i gu tric a-mach air naidheachdan beaga, fealla-dhà, agus geàrr-eisimpleirean de dh'eirmseachd no gòraiche nan Ìleach.[342] Chunnacas mar a fhuaireadh seann sgeulachdan fada cuideachd às an eilean, ach a bheil an àireamh bheag dhiubh na comharra nach robh iad pailt tuilleadh, no nach robh e na phrìomhachas aig Kerr (agus Maclagan) an trusadh? A' cuimhneachadh na chaidh a ràdh mu chall nan uirsgeulan Ìleach ann an cruinneachadh Iain Òg Ìle, saoilidh mi gun robh an dà rud fìor; bha lìonmhorachd de bheul-aithris ann aig ceann an 19mh linn, ach b' ann a bha i de ghnèithean eadar-dhealaichte.

A thuilleadh air a' chèilidh fhèin – air a bheil sgoilearan 's dòcha a' cur cus cuideam[343] – tha cunntasan nas inntinniche air suidheachaidhean-aithris eile. Seo bho shearbhanta Elizabeth Kerr – Beatsaidh NicIain, thathas a' creidsinn:

> You knew Anne Ferguson?

[338] MML3223a.4. Mo chuideam.
[339] MML5987a.1. Mo chuideam.
[340] MML298. 'Things I heard myself'.
[341] Thug an t-Urr Raibeart Blàrach, a thogadh ann an Ìle, cunntas sàr-bheachdail seachad air a' chèilidh Ghàidhealaich anns a' gheamhradh, sna seann làithean, ach le fìor bhlas Ìleach:
'Bha e 'n a chleachdainn, mar a tha fhios agaibh, aig na Gaidheil cruinneachadh ann an tigh na céilidh [...] agus an oidhche a chur seachad le òrain, le sgeulachdan, le cleasan, le naigheachdan, agus le feala-dhà. Theagamh gu 'm biodh Niall sunndach, an tàillear, an sin, a bha eòlach air gach seanachas a bha dol feadh na dùthacha; oir cha robh suiridh no pòsadh eadar dà chlach na dùthcha air nach biodh Niall min-eòlach. Mur a biodh esan an sin bhiodh Dòmhnull frionach an greusaiche ann le freagairtean cho geur ris an sgian-leathraich aige, agus cho biorach ris a' mhinidh. Tiomchioll air an tàillear chruinneachadh gillean agus nighean a' bhaile gu léir. Bhiodh Eóghan airean ag càradh acfhuinn nan each; Alasdair iasgair a' tapadh dhubhan, no a' deanamh mhaothar; Calum cìobair a' cur snas air cromaig aluinn, chuilinn; Baldi buachaille ag uidheamachadh camain sheilich; Pàruig mór, an sgalag, a sgrìobadh shlat air son cliabh mòna; agus Gibi nan gèadh 'n a shìneadh ann an cùil na mona 'us ag cur caorain thioraim an dràsd 's a rithist air teine, agus ag cumail nam madadh fo smachd. Bhiodh na mnathan le an obair féin aca; bean an taighe a' snìomh; Mór ruadh ag càrdadh; Ceit Bhaldi a' Chladaich a' fitheadh stocaidh; agus a' bhanarach mhór ag càradh an t-siolachain.' Rev Robert Blair, 'Oidhche air Chéilidh', *Transactions of the Gaelic Society of Glasgow* Vol. 1 (1887-91), tdd 71-72.
[342] M.e. MML3511a.1; MML3516a.1; MML3518.
[343] Maighread Challan, *Air bilean an t-sluaigh: sealladh air leantalachd beul-aithris Ghàidhlig Uibhist a Tuath* (Béal Feirst: Cló Ollscoil na Banríona, 2012), td. 28.

> Oh yes, very well.
>
> I will never forget the night my mother and I sat up in the house after she died. D. McL's wife was her brother's daughter, and she and J. McL and a lot more were in. She was sitting on the bed where the body was lying and her elbow was on the very feet of the corpse, and her head sometimes on her hand, and if that woman did not keep laughing the whole night.
>
> *J. McL. had a wee drop, and he was kind of funny and was telling some funny stories*, and D. McL's wife would laugh and laugh and double herself laughing and she sitting at her dead aunt's feet all the time. I laughed a good deal myself, but it was looking at her laughing. I was saying to my mother that it was more like a cuideachadh than like anything else.[344]

Nach iongantach sin! Tha faire a' mhairbh – no a' chaithris – an seo air a cur bun os cionn bho na bhite a' sùileachadh. 'S e suidheachadh sòisealta a bha ann le càirdean is nàbaidhean, bha deoch-làidir agus naidheachdan èibhinn ann – chan e tachartas sòlaimte a bha ann idir, chan eil làmh an uachdair aig caoidh no creideamh, agus chan eil fiù 's dealachadh ann eadar am boireannach marbh agus a càirdean – 's ann a tha iad mar gum b' eadh a' cèilidh oirre aon turas eile. Chìthear gun robh cuideachd measgachadh de bhoireannaich is fir, agus de ghinealaichean. An robh a leithid annasach? 'S dòcha gun robh am faire seo gu sònraichte beòthail – 'it was more like a cuideachadh than anything else' – ach tha fiosrachadh eile a' cur taic ris a' bheachd gun robh i uaireigin na shuidheachadh-sòisealta cudromach agus fiù 's aighearach. Tha corra eisimpleir aig Kerr aig geamannan a bhiodh air an cluich aig faire, nam measg bha Baiteal nan ladhran mòr ('s e ladhran na tha aig Ìlich air òrdagan):

> *'[t]his game used to be played often at wakes in Islay, and often afforded much amusement, to the onlookers especially.* It was done as follows:- Two sat down on their heels facing each other, each having a walking stick stretched across behind his knees, to which both his arms were tied under him, in such a fashion that he could not rise. Thus fixed, they hopped towards each other, as best they could. The game consisted in each trying to get his toes introduced under those of the other, when by forcing up his toes, he threw him off his balance, and tumbled him over. When one was cast in this way, there was great fun in seeing his efforts to get on to his soles again, and few could manage it until their fastenings were removed for them.'[345]

'S e a bha anns a' 'chuideachadh' fhèin – agus dh'fhaodadh gun robh e gu h-àraid cudromach ann an Ìle – an oidhche ron bhanais, agus toiseach an t-subhachais a chumadh a' dol às dèidh na bainnse agus an latha às dèidh sin. 'S e bha anns an 'rèiteach', an t-àm nuair a dh'iarradh fear boireannach a phòsadh, ged nach eil sin a' togail ceann ro thric.[346] A-rithist, tha deagh iomradh aig Beasaidh NicIain:

> There were sixteen women in our house. *The steamer was in and the men were working at her, so we could not have any dancing, but the cailleachs sung songs. They had their tea, and a dram*." Then she told me [Elizabeth Kerr] who sung and most of them were over fifty. All those who were invited by him went to his father's house with their Cuidicheadh and those on her side went to her father's house with theirs. His party had their "breakfast" in his father's house, and her party in her father's house, and at midnight after they were married they all had their "dinner" in her father's house. I asked "Do you make broth for the breakfast?"
>
> "We did not, we just had the hens, and ducks. At the bride's house they have always the giblets for the breakfast. But do you know they had no 'crotainn' (barley broth) at 'Laspie beags. (Janet's father) I was never at a marriage before where there was no crotainn, and the dinner was so dry".'[347]

[344] MML5183.
[345] MML2811. Bha Buaileadh am bas ann cuideachd, ach chan eil fhios cò às a fhuaireadh an eisimpleir sin. MML1966.
[346] Tha Eòin MacEòghann à Port na h-Abhainne a' bruidhinn air an dà chuid an seo: SA1969.15.A4.
[347] MML5863.

Tha fios gun robh an cuideachadh air fear de na tachartasan a b' aoibhneil a bha aig na h-Ìlich, agus chìthear gum biodh òrain, craic, deoch agus sàr bhiadh ann mar as àbhaist. An seo, bha an taigh loma làn bhoireannach, leis gun robh na fir air falbh ag obair cha b' urrainn dhaibh dannsa, ach 's e cothrom àraid a bha seo a bhith còmhla mar bhoireannaich agus ag ùrachadh càirdeas – agus bha an fheadhainn na bu shine 's dòcha a' stiùireadh ghnothaichean.

Ann an Ìle bha iad a' dèanamh diofar eadar 'Nollaig Mhòr', a bha air 25mh Dùbhlachd, agus 'Nollaig Bheag' a bha air an t-seann Challainn, air 13s Faoilleach.[348] Cha robh Nollaig Mhòr air a gleidheadh le Ìlich gu na b' anmoiche san 20mh linn, agus gu dearbh, chanadh na fiosraichean ris an do bhruidhinn mi fhìn 'Nollaig' a-mhàin ris a' Bhliadhna Ùir.[349] Dh'innis Calum Mac na Ceàrdadh à Bogh Mòr anns na 1890an, 'when he was young and a number of his relatives were living about Bowmore, they commenced their feasting on Hogmanay, and kept it up, going backward and forward to each others houses till Handsel Monday (Di-luain an t-sainnseil) – that was the second Monday after the New Year's day. *He says that they never wanted for music and dancing at these gatherings, one of his own uncles being a piper*'.[350] Agus tha seo uabhasach coltach ris na bha aig Iain Ceannadach, cuideachd à Bogh Mòr, mu òige mu thoiseach an 20mh linn: mhaireadh an subhachas seachdain agus bhiodh a h-uile duine a' cèilidh air càch a chèile.[351] 'S e a tha cudromach mun fhiosrachadh seo gu bheil e a' comharrachadh àm sònraichte eile nuair a chruinnicheadh daoine agus far am biodh làthaireachd de dhiofar ghnèithean cultarach, ach gu h-àraid òrain, ceòl agus dannsa ach cuideachd seanchas. Bhiodh balaich a' seinn an rainn 'Choluinn' a leanas:

Thainig mise 'nar ceann
Mar mhaide cham a bhiodh an Coille
Ma's dìreach mi, cùmaibh ann mi,
Ach ma's cam, cuiribh uaibh mi.

Thainig mi gun cuireadh
Suidhidh mi gun iarruidh
Ma phàigheas mi mar h-aon de chàch,
Air leam gur ceàrr mo chur a-mach.[352]

Cuideachd, tha tuairisgeul aig Donnchadh Duffie à Port Sgioba air a' gheama mhòr iomain a b' àbhaist a bhith ann air a' chiad latha dhen bhliadhna ùir:

> After breakfast, shinty players began to gather on the various places where shinty games were in the habit of being played. Balinaby Machair was one of the most famous of these shinty fields. On this field there were vast crowds of players usually, *cheered on by six or seven pipers, who played on the field the whole day*, and the presence of Mr. Campbell of Islay, and the Laird of Balinaby, both in full Highland dress. Balinaby's men played against Shawfield's men, and the contest was often keen and carried on with great spirit. D. D. [i. Donnchadh Duffie] remembers to have seen two men: one, McNiven, and the other, McLauchlan take part in one of these contests. They were both old and grey haired at the time, but were recgonised as distinguished players. So keen was the contest on the occasion that they divested themselves of nearly every article of clothing: their feet were bare, and they had napkins tied around their head, while they were wet with perspiration. *While the shinty play was going on, others amused themselves in groups dancing to the music of the pipers. In the evening Balls*

[348] MML227.
[349] Dòmhnall MacCarmaig (TM5); agus Peigi NicEachainn (TM8).
[350] MML5583. Mo chuideam.
[351] SA1969.151.
[352] MML5911a.3.

> were held men and lads [clubbed together], each paying 6d which admitted himself and a partner. These Balls were very popular and largely patronized.[353]

Bha iomain, mar sin, a' measgachadh ri ceòl na pìoba is dannsa – bhiodh diofar phàirtean den chultar a' cur taic ri chèile agus anns an aon suidheachadh – agus bhiodh a leithid de chruinneachadh a' gabhail a-steach cuid mhòr de na daoine. Bha e cuideachd a' daingneachadh ceanglaichean eadar uachdarain agus an tuath, agus cumhachd chaoimhneasach (*benevolent*) nan seilbheadairean. Tha e follaiseach gun robh am fiosraiche, Donnchadh Duffie, a' bruidhinn an seo mu àm *ro 1847* nuair a chaill Caimbeul Shawfield an oighreachd. Ann an cruinneachadh Sgoil-Eòlais na h-Alba chan eil, cho fad 's as fiosrach leinn, iomain air ainmeachadh ann an co-theacs an eilein: ged a bha i uair cho teis-meadhanach ann an cultar nan Ìleach, chaidh i à sealladh anns an 20mh linn, agus an dualchas a bha maille rithe. Tha fios, ge-tà, gun do dh'fheuchadh ri traidisean na camanachd a chumail a' dol aig toiseach an 20mh linn, agus am bàrd Donnchadh MacNìmhein ga brosnachadh gu mòr:

Fàilt' is furan do na balaich,
Gu'm a maireann bhios an slàinte!
Chruinnich iad a chum na h-iomairt,
Chum na h-iomain mar a b'àbhaist;
Chuir iad cath gu treubhach, sgairteil,
'S ann air machair Bhail'-an-Abaidh;
Cleachdainnean a bh'aig ar sinnsir,
Car son dhìobradh leis an àl iad?[354]

Theagamh gu bheil dàn MhicNìmhein a-mach air geama iomain a thachair ann an 1907, agus tha cunntas ann air san *Oban Times*: 'Probably twenty-four years have elapsed since the last shinty match was held at Ballinaby, but when olden chiefs held sway there, the Machrie links were the scene of many a hardly-contested game, and it was pleasant to see the present proprietor, Dr. MacLachlan, taking part in the play, and holding his own with the best players present'.[355] Chan eil fianais againn gun do thòisich i às ùr, ge-tà.

Tha nithean ann an cruinneachadh Elizabeth Kerr a mhair uabhasach fhèin fada. Bha na h-aon seòrsa sgeulachdan air an droch-shùil,[356] cronachadh,[357] agus bha naidheachdan os-nàdarra co-cheangailte ri àiteachan ionadail fhathast bunaiteach anns a' bheul-aithris a chaidh a clàradh anns na 1950an le Calum Iain MacGillEathain agus, às dèidh sin, le sgioba Sgoil-Eòlais na h-Alba. Rud a tha ùidhmhor, 's e mar a bhiodh sgeulachd air taibhse is eile a' tathaich bad den eilean – maille ri fionnsgeòil agus eòlas air ainmean-àite – mar phàirt de mhapa cultarach nan daoine. Air an oidhche, bhiodh Fear a' Chinn na shuidhe air creig air Tràigh Langa agus thilgeadh e ceann air duine sam bith a thigeadh faisg air![358] Bha Bodach beag a' Chlachain a' leantainn luchd-coiseachd air an oidhche faisg air Cill Chomain.[359] Agus bha rudan den t-seòrsa sin gu tric air an gleidheadh, mar eisimpleir Cailleach Bheul an Àth a mharbh saighdear MhicCòrcadail,[360] agus na naidheachdan air an t-Sac Bhàn a bha gu sònraichte ri lorg a' fleòdradh air tràighean – creutair a bha 's dòcha

[353] MML277. Mo chuideam. 'A good shinty [stick] was very important, and men went some times great distances for a good one. Duncan Duffie, and a Companion went with moonlight, after their day's work, across Lochguirm, from Balinaby to Foreland Wood in quest of shinties.'
[354]Bho 'An iomairt a bha am Bail'-an-Abaidh', ann an Donnchadh agus Teàrlach MacNìmhein, *Bàird Chill-Chomain* (Glaschu: Alasdair MacLabhruinn is a mhic, 1936), td. 73.
[355] 'Rhinns of Islay – The New Year', *Oban Times* (January 26 1907).
[356] M.e.: SA1953.134.B5; SA1968.90.A1; SA1968.95.A7.
[357] M.e.: SA1968.95.A8; SA1969.12.B4.
[358] MML3572.
[359] MML3569.
[360] MM5366; SA1953.136.A20.

àraid do dh'Ìle is Cinn-Tìre.[361] Bhiodh e feumail rannsachadh nas mionadiche air dè dìreach a bha ann an cumantas (agus nach robh) anns gach cruinneachadh. Dh'atharraich beachdan daoine gu mòr anns an 20mh linn, gun teagamh, ach a rèir Francis Celoria b' urrainnear fhathast daoine a lorg a' cosg 's a' cur gu feum na snàthainn dheirg, an aghaidh cronachadh 's droch fhortan, suas ris na 1960an.[362]

Ma smaoinicheas sinn air mar a bhiodh cultar agus obair a' toirt buaidh air a chèile, tha an fhianais a' cur taic ri measadh gun robh nàdar de bhriseadh cultarach air tachairt anns an 19mh linn. Mar a sgrìobh Iain MacMhurchaidh,

> This cheerful practice of mingling work with diversion extended to many other things. In some parts of the Highlands – *we were informed whether it was so in Islay or not* – it was customary with neighbouring young women to assemble at a place by appointment to do their own spinning, carrying their wheels and flax with them. At these gatherings regular competitions, called kemps, took place; and we have been told [what right] animated scenes they presented, more especially in Perthshire, where the women possessed the gift of using both hands, and span two threads at once, with the one wheel. This [...] also closed with a reel; and at the conclusion, each shouldered her implements and departed accompanied by their partner in the dance.[363]

Ann an cruinneachadh Kerr, ge-tà, chìthear gun robh an 'ceamp' – no an seo: 'a' cheampanaich' – aig aon àm na ghnìomh coitcheann aig cuid de bhoireannaich Ìleach. Nuair a bha a' Bhean-uasail NicPhàidein à Port Sgioba òg;

> [S]he says it was a common custom in Islay to have what was called "A Kempanich". That was, when a family had a lot of lint or wool to work up, they would arrange for a certain day, and invite a number of young women to come to help on that day. They would often have a large company, and they would strive hard, every one trying to beat the others. The birl of eight or nine wheels spinning, or as many women [scutching] lint, *with the usual songs that accompanied such work was always a lively and pleasant scene to look at*.'[364] Agus tha eisimpleir againn air fear de na h-òrain-shnìomh a bhiodh aca. 'The scene was always lively,' tha Elizabeth Kerr a' sgrìobhadh, 'and songs of a light air were in demand for such occasions. Here is one that was very often sung. It was composed by an Islayman to a spinning wheel which his sister had got from Ireland:
>
> Ceann geal bha agad ort,
> Ceann geal, glè gheal,
> Ceann geal bha agad ort,
> Thàinig thu o Èirinn.
>
> 'N saoil sibh fhèin nach i bha gasda?
> Nur thàinig i o Èirinn.
> Bha i gu geal ris a' chanaich,
> San Earrach, air na slèibhtean.
>
> Nur a chuir mi suas am badan,
> Rachainn ann gu reislach;
> Leigidh i e sìos gu h-ealamh,
> 'S taitneach leam fhèin i.
>
> Nur a dh'èirichinn sa mhaduinn,
> Chuirinn i air ghleusa,
> Bu mhiannaichte leam do shrann lurach,
> Na 'n cuthag anns a' gheadhail[365] ud.'[366]

[361] MML6017, MML6018; SA1953.134.B3, SA1968.95.B9.
[362] Francis Celoria, 'Notes on lore and customs in the district near Portnahaven, Rhinns of Islay, Argyll, Scotland', *Folklore* 76:1 (An t-Earrach, 1965), td. 42.
[363] John Murdoch, 'Queen of the Hebrides', tdd 123-124. Mo chuideam.
[364] MML3365.
[365] = achadh.
[366] MML1958-9.

Tha corra phìos fiosrachaidh cuideachd ann air luadhadh a tha na eisimpleir eile air co-obrachadh, agus air suidheachadh-aithris le a òrain fhèin (cuideachd, faic Caibideil 4).[367] Ach a-rithist, dh'fhalbh na co-cheanglaichean sòisealta air an robh a leithid stèidhichte, gu tric ro mheadhain an 19mh linn, agus nuair nach robh a' mhòr-chuid den t-sluagh a' tighinn beò air an fhearann, ach ann am bailtean dùmhail, nuair nach robh obair gan ceangal san aon dòigh, cha robh adhbhar no suidheachadh ann na gnèithean cultarach a bha co-cheangailte ris an obair sin a chumail suas. Bha seo fìor cuideachd mu dhannsadh, agus sgrìobh Kerr san fharsaingeachd, '[a]ll agree in saying that there was a great deal more dancing in the Highlands about seventy or more years ago [mu 1830] than there is now, and they account for the fact in this way:- In those olden times there were so many gatherings in connection with certain kinds of work, such as spinning kemps, lintworking kemps, waulking, and the like, all these functions being invariably wound up by a ball.'[368] Agus tha cunntasan eile ann air cho cudromach 's a bha na 'bàlaichean' ann an Ìle airson ceòl na pìoba agus na fìdhle.[369]

2.4. Co-dhùnadh

Eu-coltach ri cruinneachadh Eachainn MhicGillEathain agus Iain Òg Ìle na bu tràithe san 19mh linn, bha an iomairt-thionail anns an robh Elizabeth Kerr an sàs, eadar mu 1893 agus 1903, eadar-dhealaichte ann an grunn dòighean. B' ann a bha i ag amas air farsaingeachd na beul-aithris, agus chan e a-mhàin gnè shònraichte leithid nan uirsgeulan. Bha seo a' gabhail a-steach fiosrachadh mu nòsan, naidheachdan beaga, reasabaidhean, eisimpleirean de shaobh-chràbhadh, òrain, agus tuilleadh. B' ann à Cinn-Tìre a bha Elizabeth Kerr, ach bha i a' fuireach ann am Port Sgioba, san Roinn, agus gu math eòlach air na daoine bhon robh i a' faighinn beul-aithris. Bha i ag obair às leth Robert Craig Maclagan, a' conaltradh ris gu tric agus a' dol an tòir air nithean san robh ùidh aige – chaidh tòrr de na toraidhean aice a chleachdadh na chuid fhoillseachaidhean. Ann an dà-rìribh bha i gu math neo-eisimeileach, agus ag obair air a ceann fhèin gu h-ìre mhòr. 'S iongantach an uiread a chaidh a thrusadh leatha ann an Ìle, agus à ceàrnaidhean eile den Ghàidhealtachd. Chan eil i idir air an cliù fhaighinn fhathast air a bheil i airidh, agus tha an t-uabhas de rannsachadh a dhìth air toraidhean a' chruinneachaidh aice.

An seo, bhathas a' sgrùdadh susbaint na beul-aithris. Bha fiosraichean boireann a-rithist a' nochdadh gu bitheanta, agus tha fìor shealladh nam ban ga thoirt am follais le Elizabeth Kerr. Bha ùidh aice ann a bhith a' faighinn a-mach mu dhiofar phàirtean de bheatha bhoireannach, agus i na bu chomasaich na fireannach air cuid de cheistean fhaighneachd. Dh'fhàg i cuideachd beachdan gu math geur mu neo-ionnanachd eadar fir agus boireannaich ann an Ìle. Agus tha sgaraidhean mòra gnèitheach a' ruith tron bheul-aithris. Chunnacas cuideachd mar a b' urrainn boireannaich a bhith a' cur an aghaidh an t-suidheachaidh bhrùite san robh iad: bha an 'droch-shùil' ga cur gu feum airson leth-bhreith a dhèanamh an aghaidh seann bhoireannaich, bhiodh i cuideachd ga cleachdadh leotha fhèin airson na bha iad ag iarraidh fhaighinn. Bha tuairisgeulan ann air dìolanas – mar a bha sa chaibideil mu dheireadh – agus air saobh-chràbhadh a bhiodh ann airson dìoghaltas fhaighinn air

[367] MML3376. Cuideachd: MML2110, ach chan eil fhios againn cò às a tha seo. Cf. John Murdoch, 'Queen of the Hebrides', td. 122.
[368] MML5159.
[369] '[About sixty years ago (mu 1810)] [s]carcely a farm that had not a first rate piper or violinist, the people assembled in the most suitable parts of the parish in the locality of their dwellings on Christmas, New-year's day, and Halloween, to hold their balls and concerts which they enjoyed with great mirth and happiness. I am sorry to add that those happy meetings of the people, have passed away. The sound of pipe or fiddle seldom or never heard.' Donnchadh Caimbeul, a bha na thuathanach mòr ann an sgìre Chill Chomain, a' sgrìobhadh ann an 1867. Islay Association, *The Kilchoman people vindicated from the charges of the Rev. Alex. Cameron* (Glaschu: Mac na Ceàrdadh, 1867), td. 16.

fireannaich nach gabhadh cùram air am pàiste. A thuilleadh air gnè, tha a' bheul-aithris loma-làn eisimpleirean eile de chumhachd, mar eisimpleir anns na droch naidheachdan a bhiodh aig daoine mu na h-uachdarain.

Bha na h-Ìlich seo, anns na 1890an, a' cur thairis le beul-aithris Ghàidhlig. Chaidh innse mu shuidheachaidhean-aithris leithid caithris nam marbh, a' 'chuideachaidh' – an oidhche ron bhanais, cèilidhean neo-fhoirmeil ann an taighean nàbaidhean, agus amannan cudromach leithid na Nollaig bhig, no Oidhche Challainn. A dh'aindeoin cho beòthail 's a bha an cultar, air a chur an cèill tro iomadach seòrsa beul-aithris, tha fhathast iomraidhean air mòr-atharrachaidhean agus crìonadh. Gu tric, bhiodh fiosraichean a' bruidhinn anns an tràth chaite, agus a' comharrachadh gum b' ann nuair a bha iad òg nas tràithe san 19mh linn a bhiodh nòs air choireigin a' dol leithid seòrsaichean de dhannsadh, iomain, agus eile. Tha an fhianais a' cur taic ris a' bheachd gum b' iad na seòrsaichean de bheul-aithris co-cheangailte ri obair-choitcheann a bha air crìonadh gu mòr anns an 19mh linn.

Caibideil a Trì: Bàrdachd fhoillsichte nan Ìleach san 20mh linn

> I know some [bards] even in my own neighbourhood in Islay though I have been told somewhere that Islay never produced a bard. To this I replied, that probably that was because the calling was not now respected there; as a proverb current in the island would lead us to infer :-
>
> "Bàrd, a's ceàrd, a's filidh."[370]

Coltach ri sgìrean Gàidhealach eile, bha bàrdachd aig teis-meadhan dualchas nan Ìleach. An seo, bithear a' sgrùdadh a' chorpais chlò-bhuailte agus san ath chaibideil thèid cnuasachadh air gnothach nas mì-sgiobalta, toinnte nan òran ann am beul-aithris. Tha dà phrìomh chruinneachadh bàrdachd foillsichte againn le Ìlich anns an 20mh linn, *Bàird Chill-Chomain* (1936) le Donnchadh MacNìmhein agus a bhràthair Teàrlach, agus *Crònan nan Tonn* (1938) le Donnchadh MacIain. Cuideachd, tha leabhran bàrdachd a tha an ìre mhath air a dhol air dìochuimhne, *Luinneagan Reòbais* (1929), a chuireadh an clò às dèidh bàs an ùghdair, Alasdair Mac an Fhleisteir, ann an 1921. 'S e toradh pailt gu leòr a bha seo, a' togail air obraichean susbainteach an 19mh linn. Ge-tà, anns na 1930an, nuair a b' urrainnear a ràdh gun robh aiseirigh na nua-bhàrdachd a' tòiseachadh, mar a chìthear ann an ciad obair Shomhairle MhicGill-Eain is eile, bha na bàird Ìleach, mar gum b' eadh, a' fàgail an àrd-ùrlair. Cha nochdadh leabhar bàrdachd eile às dèidh *Crònan nan Tonn*, ged nach eil sin ri ràdh nach robh ceathramhan fhathast gan cur ri chèile. Air cho cudromach 's a bha Ìlich agus muinntir Earra-Ghàidheal ann an litreachas Gàidhlig an 19mh linn agus tràth san 20mh linn, bhon Dàrna Cogadh 's e Gàidheil a' chinn a tuath a fhuair làmh an uachdar agus a thug spionnadh as ùr don bhàrdachd.[371] An coimeas riuthasan, bha na bàird Ìleach mu bheilear a-mach an seo ag obrachadh gu 'traidiseanta', m.e. le òrain seach, airson a' mhòr-chuid, le dàin. A dh'aindeoin sin, 's e tè de phrìomh argamaidean na caibideil gun robh a' bhàrdachd fhoillsichte seo air a comharrachadh gu h-ìre mhòr le gnè de romansachas. Ann an seagh eile, ma-thà, bha i cuimseach fasanta, ùr-ghnàthach na dòigh fhèin. Tha seo gu sònraichte inntinneach oir tha e a' sealltainn eisimpleir de romansachas, chan ann a-mhàin anns a' bhaile-mhòr far am bite an dùil ris, ach ann an co-theacs eilean Gàidhealach. Tha a' bhàrdachd na tùs air leth airson faighinn a-mach mu bheatha an àite, daoine agus tachartasan fa leth. An toiseach, bheirear sùil air eachdraidh-beatha nam bàrd fhèin.

3.1. Beatha nam bàrd

Cha do rugadh na bràithrean MacNìmhein, Teàrlach (1874-1944) agus Donnchadh (1880-1955), ann an Ìle idir ach ann an Sgoraig, faisg air Ulapul, far an robh an athair, Gilleasbaig MacNìmhein (1826-98) à Cill Chomain an Ìle, ag obair na mhaighstir-sgoile.[372] Tha e coltach nach do ghluais iad a dh'fhuireach san eilean gu às dèidh dhan athair bàs fhaotainn ann an tubaist an Glaschu, nuair a bha iad mu 24 agus 18.[373] A dh'aindeoin sin, cha

[370] Eachann MacGillEathain mu 1862, PTWH IV, tdd 163-164.

[371] 'S e conadal a bha ann an Deòrsa Mac Iain Deòrsa, nua-bhàrd aig an robh dlùth cheanglaichean ris an Tairbeirt ann an Cinn-Tìre – ged a rugadh e ann an Elderslie agus thog e a chuid Gàidhlig – agus ceanglaichean taobh a mhàthar, ri Ìle fiù's am measg àiteachan eile. Ronald Black, deas, *An Tuil: anthology of 20th century Gaelic verse* (Dùn Èideann: Polygon, 1999), td. 774. Tha e cuideachd feumail coimhead air cò a choisinn Crùn na Bàrdachd tro na bliadhnaichean. Bho thòisich an fharpais ann an 1923 gu 1939, bha bàird Earra-Ghàidheal a' buannachadh gu tric, ach às dèidh sin chan eil ach dà eisimpleir dhiubh gu cinnteach a' gleidheadh a' Chrùin, ibid, tdd 821-2. Cf. Donald E. Meek air a' chuideam a bha aig 'ceann a deas' na Gàidhealtachd ann an litreachas Gàidhlig an 19mh linn, *Caran an t-Saoghail: anthology of 19th century Scottish Gaelic verse* (Dùn Èideann: Birlinn, 2003), td. xxxix.

[372] Bidh muinntir an àite a' fuaimneachadh nan ainmean 'Donnchaidh' no 'Donncha', agus tha Teàrlach nas coltaiche ri 'Teàrdach' no 'Teàrda'.

[373] Black, *An Tuil*, tdd 725-6; 731-2. Tha mi gu mòr an comain obair MhicIlleDhuibh airson mion-fhiosrachadh eachdraidh-beatha.

robh ceist sam bith ann gun e Ìlich a bha annta mar thoradh air an ceanglaichean làidir ris an eilean agus bhon a chuir iad seachad a' chuid a bu mhotha dhem beatha ann. 'S e bàrd a bha nan athair, Gilleasbaig, a rinn cumha thiamhaidh do a bhràthair Alasdair a bhàsaich ann an Demerara, Guiana Bhreatannach.[374] Agus chaidh innse an ro-ràdh an cruinneachaidh gun robh buaidh mhòr aig am màthair: 'Chuala na bràithrean so crònan is tàlaidhean air glùin am màthar a tha a' seirm 'nan cluasan gus an latha 'n diugh'.[375] Thog Ealasaid no Betsy NicDhòmhnaill, à sgìre Ulapul thathas a' smaoineachadh, teaghlach de 15 pàistean, cuid a bhàsaich òg. Bha i air a meas na sàr sheinneadair,[376] agus chuir i seachad a bliadhnaichean deireannach ann an Ìle còmhla ris an fheadhainn a b' òige dhe a teaghlach, is i a' siubhal ann an 1916.[377]

A rèir aon fhiosraiche, 's e bàird a bha anns *an triùir* bhràithrean a b' òige: Johnny a thuilleadh air Teàrlach agus Donnchadh. Gu dearbh, dh'innseadh gun robh Johnny gu math comasach.[378] Ach cha d' fhuaireadh sgeul air gin dhe na h-òrain aige. Bha iad uile ag obair air fearann; bha Teàrlach na àireach agus Donnchadh na shaothraiche[379] – obraichean, mar sin, air bheag thuarastal. Agus bha an triùir bhràithrean, còmhla ri am peathraichean Ena (Hughina) agus Mary, 'a' feantail anns an taigh bheag a bha seo anns a' Chreig [*Rockside*]', 'air a' mheachaire'.[380] B' àbhaist dhaibh a bhith seinn còmhla aig an taigh, agus thigeadh daoine a chèilidh orra. Cha robh cuimhne aig an caraid Iain MacEòghainn (*John McEwen*) air Johnny a' gabhail òran ach bhiodh an dithis eile, agus bha liut aig Donnchadh air seinn ann an 'consairtean' cuideachd.[381] Bha cèilidh-taighe neo-fhoirmeil a' cumail a' dol, a rèir ogha piuthair nam bàrd, Etta Shaw, nuair a bha i fhèin eòlach air an dithis aca anns na 1940an agus, Donnchadh na aonar, sna 1950an.[382]

Nan nàdar, thuirt i, '[u]ncle Charlie was very quiet, he was more shy than Duncan, the Bard, he was more outgoing'.[383] Agus ann am beachd fhiosraichean eile, 'he [Duncan] was a wild man'[384], 'bhiodh Donnchaidh ag obair [...] corr uair ach mar a thuirt e fhèin, bha e fiadhaich bitheanta *air a' reamaladh* 's air an deoch'.[385] Tha na feartan a tha seo a' tighinn thairis ann an cuid dhe a bhàrdachd, nuair a tha e a-mach air òl, no air gaol. Bha e gu math dèidheil 'air na mneathan – a typical bard!', a rèir Maria Bruce aig a bheil cuimhne air na sheann aois.[386] 'S cinnteach gum b' ann air sgàth na bha ann de dh'òrain a rinn e agus an cliù a choisinn e aig mòdan ionadail is nàiseanta a b' adhbhar gum b' esan a bha aithnichte mar 'am Bàrd'. Agus bha e a' riochachadh an eilein: b' e Uilleam MacDhunlèibhe 'am Bàrd Ìleach' san 19mh linn ach 's e Donnchadh MacNìmhein a fhuair an tiotal sin san 20mh linn, mar a chìthear ann an *The Celtic Who's Who*.[387]

Tha fios againn gun robh Donnchadh air tòiseachadh air ceathramhan a chur ri chèile ron Chogadh Mhòr, mar eisimpleir am **Marbhrann don Ollamh Bhlàrach**, am ministear ainmeil, Raibeart Blàrach (1837-1907) a

[374] B' e sin '**Och! 'S mis' tha cianail, fàillinneach**' agus gheibhear e ann an Gilleasbuig Mac-na-Ceàrdadh, *An t-Òranaiche* [1879] (Alba Nuadh : Sìol Cultural Enterprises, 2004), tdd 578-9.
[375] Eachann MacDùghall, deas, *Bàird Chill-Chomain: òrain agus dàin le Donnachadh agus Teàrlach MacNìmhein, Ìle* [BCC] (Glaschu: Alasdair MacLabhruinn, 1936), td. 6.
[376] SA1969.14.A6.
[377] Ibid., td. 125.
[378] SA1969.10.A1.
[379] Black, *An Tuil*, tdd 726; 731.
[380] SA1969.10.A1.
[381] Ibid.
[382] TM10.
[383] Ibid.
[384] SA1969.14.A6. Seo mar a chuir an t-agallaiche e na gheàrr-chunntas.
[385] SA1969.10.A1.
[386] TM13.
[387] Lachlan MacBean, deas, *The Celtic Who's Who* (Kirkcaldy: Fifeshire Advertiser, 1921), td. 108.

thogadh an Ìle, agus bhuannaich sin a' chiad duais ann am farpais a' Mhòid ann an 1908.[388] Bha am Mòd nàiseanta a' toirt spionnadh mòr dha, a rèir coltais, agus e a' cosnadh dà dhuais eile ann am Mòd 1910.[389] Nuair a bhris an cogadh a-mach, ghabh e anns a' Chabhlach Rìoghail agus chùm e air a' dèanamh òrain, a' dèiligeadh ri call agus bàs. B' e cnag na cùise, b' urrainnear a ràdh, nuair a chuireadh air chois mòd ionadail san eilean ann an 1924, agus, tro na bliadhnaichean, bhiodh esan a' cur a-steach a' mhòr-chuid de dh'òrain ùra, ged a bha a bhràthair cuideachd cudromach san t-seagh sin.

Chan eil ach glè bheag de dh'fhiosrachadh againn air Teàrlach. Chan eil iomradh air anns a' Chiad Chogadh – aig 42 bliadhna a dh'aois ann an 1916 bhiodh e ro shean airson dleastanas-airm. 'S e a chuid bàrdachd an tùs as fheàrr a tha againn air a shaoghal agus air a shealladh fhèin. Rinn e **Òran do Ghille Òg aig Cogadh Africa**, a' dearbhadh gun robh e ri bàrdachd ro dheireadh a' chogaidh ann an 1902. Agus ged nach robh e fhèin an sàs anns a' Chogadh Mhòr, thàinig e thuige fhèin aig Tràigh Mhachair, anns an Dàmhair 1918 air don luing, an Ontranto, briseadh às a' chèile le call còrr is 400 saighdear Aimeireaganach agus an sgioba Breatannach. Tha **Òran an 'Otranto'** aig Teàrlach cuimseach ainmeil airson a' mhòr-thubaist seo a chomharrachadh.

Nuair a dh'fhoillsicheadh *Bàird Chill-Chomain* ann an 1936 cha robh ach 18 dhe na h-òrain le Teàrlach an taca ri 82 le Donnchadh, ach tha e inntinneach gun do roghnaich Raghnall MacIlleDhuibh trì leis-san agus a dhà de dh'òrain Dhonnchaidh airson dol a-steach do *An Tuil*, an cruinneachadh as coileanta a tha ann de bhàrdachd an 20mh linn. Gabhaidh sin tuigsinn leis gun robh mòran de dh'òrain Dhonnchaidh a-mach air 'cùisean neo-thìmeil mar ghràdh, nàdar, bòidhchead' agus theagamh nach eil iad ag obrachadh cho math uaireannan mar dhàin air pàipear.[390] Air an làimh eile, ged nach do sgrìobh Teàrlach na h-uiread, tha seo cuideachd a' sealltainn na tarraing shònraichte aig na h-òrain bheaga ghrinn aige, a tha fhathast eirmseach àbhachdach, agus freumhaichte anns an t-seann choimhearsnachd Ghàidhealaich.

Fhuair Teàrlach bàs aig 70 bliadhna a dh'aois ann an 1944. Trì bliadhna às dèidh sin, chaill Donnchadh a chas ri linn na cnàmhainn (*gangrene*) agus chìte e a' falbh air trostain, timcheall an Loch Ghuirm[391] agus gu cèilidhean-talla.[392] Cha do sguir e a sgrìobhadh bho chuireadh an leabhar aige air bhog. Nochd **A Shlèibhtean uain' Ìle** airson a' chiad turas ann an clò le compàirt piàna ann an 1943, ged a tha susbaint an òrain – is an labhraiche fada bhon eilean ag ionndrainn a mhàthar – 's dòcha a' sealltainn gun deach a dhèanamh ro 1916.[393] Ann an taigh-tasgaidh Ìle gheibhear làmh-sgrìobhainnean de dh'òrain a rinneadh gu cinnteach nuair a bha e suas ann am bliadhnaichean agus a tha san fharsaingeachd gu math coltach ann an stoidhle agus cuspair ri a obair nas tràithe.[394] 'S e an diofar as motha gu bheil Beurla a-nis a' nochdadh, agus 's cinnteach gu bheil seo a' comharrachadh co-theacs sòisealta ùr agus luchd-èisteachd gun Ghàidhlig. Shiubhail Donnchadh ann an 1955 nuair a bha e 75, agus bha e a' suirghe nam ban chun an deiridh, mar a chì sinn san òran mu dheireadh as aithne dhuinn, **To Helen**, a rinneadh a' bhliadhna roimhe.

---

388 *BCC*, td. 114.
389 Ibid., tdd 116, 118. B' iad na h-òrain: **Duan don ghaol** agus **Stadaidh mi de ruith nan caileag**.
390 Black, *An Tuil*, td. xix. Ann an taghadh MhicIlleDhuibh gheibhear le Teàrlach: **Òran Bainnse**, earrann bho **Seinnidh mis' an duanag**, agus **Banais Chòrsabuil**; agus le Donnchadh: **Cadal**, agus **Far 'n do chaith mi 'n oidhch'**. Gu h-àraid do Dhonnchadh, dhèanainn fhìn taghadh gu math eadar-dhealaichte.
391 TM13; Ibid., td. 731.
392 TM10.
393 Duncan MacNiven, *The Green Hills of Islay* (Glaschu: Alex. MacLaren & Sons, 1943). B' ann an 1916 a shiubhail a mhàthair, ach dh'fhaodadh gun do sgrìobh e e a' coimhead air ais air an àm sin.
394 B3/1 (Museum of Islay Life, Port Sgioba).

Nam b' e 'am Bàrd Ìleach' a bha ann Donnchadh MacNìmhein, bha Donnchadh MacIain (1881-1947) na b' ainmeil buileach na linn agus gus an latha an-diugh. B' esan an t-aon Ìleach a choisinn Crùn na Bàrdachd aig a' Chomunn Ghaidhealach le **Don Ghealaich** ann an 1929. Air dà adhbhar, sgaoil a chuid òran air feadh na Gàidhealtachd. Às dèidh 1918 bha e stèidhichte ann an Glaschu agus gu mòr an sàs ann an gnothaichean nan Gàidheal.[395] Thug sin dha luchd-èisteachd a' bhaile-mhòir, ceanglaichean ri daoine buadhach agus cothroman nach biodh aig bàrd ann an coimhearsnachd iomallach, mar eisimpleir a' cur ri chèile òran airson craoladh air an rèidio mar a rinn e le **Fàilte Rìoghail Ghaidhealach** airson na ciad chuairt aig Deòrsa VI do dh'Alba anns an Iuchair 1937.[396] Bha tàlant aige cuideachd air òrain a dhèanamh a bha a' freagairt ri cultar agus feumalachdan a' Mhòid, òrain a tha fhathast bitheanta san fharpais, leithid **Sìne Bhàn**, a tha cho iomraiteach 's a ghabhas, agus **Bìrlinn Ghoraidh Chròbhain**, **A' Bhanarach Chaoin** agus **Am Bàta Rannach**, a bhios gu tric air an gabhail le còisirean. Mar sin, ged a b' ann mu chuspairean Ìleach a bha a chuid òran anns a' chumantas, 's e seilbh nan Gàidheal air fad a bha annta.

Rugadh Donnchadh MacIain ann an Lag a' Mhuilinn, ann an ceann a deas an eilein an 1881. Bha bàrdachd agus ceòl gu math làidir air taobh a mhàthar, Iseabail nighean Dòmhnaill no Iseabail Ghilleasbaig (1844/5 – 1902), à Gruinneart.[397] 'S e sgeulaiche a bha innte fhèin[398] agus bha i càirdeach don bhàrd Mhuileach, Dùghall MacPhàrlain (1818-1887).[399] Ach bha Donnchadh dhen bheachd gum b' ann bho Mhuilich taobh athar a thàinig 'na bardic genes' aige, mar a chaidh a chur an cèill le Ceit NicIain, nighean-chèile a' bhàird.[400] 'S dòcha an sin gun robh e a-mach air dualchas Chloinn Iain a bha uair nam pìobairean aig Dòmhnallaich Ìle.[401] Bha a athair, Iain Muileach (1843/4-1904)[402] às an Ros Mhuileach ach rugadh a athair-san ann an Ìle.[403] Chaidh innse ann an cunntas air a bheatha gun robh e 'air oideachadh ann an trì sgoiltean – sgoil oidhche nam bodach, sgoil là na sgìre agus sgoil nan raon 's nam bruach'.[404] Air dha sgoil na h-Àird Bhig fhàgail bha e ag obair còmhla ri a athair a' càradh rathaidean.

> Thug seo do Dhonnchadh cothrom air luchd-falbh an rathaid a choinneachadh agus air iomadh seann sgeul a chruinneachadh. Agus a-muigh am fradharc a' mhonaidh, thòisich mo laochan air rainn a chur ri chèile, is air òrain a chur air fonn, ach an toiseach cha robh fios aig mòran cò bha ris a' bhàrdachd ùr.[405]

Eadar 1909 agus 1914, chaidh sia pìosan-sgrìobhaidh leis fhoillseachadh, nam measg an òrain **Fàilte an Eilthirich** ann an *Tìm an Òbain* an 1910 agus an còmhradh **Ceist nan Ceist** ann an *Guth na Bliadhna* an 1914 – anns a bheil fear a' toirt car à ceistear na h-eaglaise.[406] Aig aois òg agus e fhathast ann an Ìle bha e, mar sin, a' tarraing aire nàiseanta agus ghlèidh e duaisean aig Mòd Ghlaschu ann an 1911 agus Dhùn Dè ann an 1913.[407] Rinneadh **Sìne Bhàn** aig àm togail don arm ann an 1914,[408] agus air dha Màiri NicIlleMhaoil à Gleann

395 Black, *An Tuil*, td. 734.
396 Johnston, *Crònan nan Tonn*, tdd 9-10.
397 Black, *An Tuil*, td. 733.
398 Ibid.
399 Pròg ram rèidio Gàidhlig, BBC (29 Dàmhair 1936), bho chunntas-beatha Dhonnchaidh MhicIain, Bliadhna nan Òran <http://www.bbc.co.uk/alba/oran/people/donnchadh_mac_iain_ile/> [ruigte 27 Faoilleach 2014].
400 Pròg ram Choinnich, BBC Radio nan Gàidheal (16 Iuchair 1997).
401 BBC, 1936; Johnston, *Crònan nan Tonn*, td. 6.
402 Black, *An Tuil*, ibid.
403 BBC, 1936.
404 Ibid.
405 Ibid.
406 Black, *An Tuil*, td. 734.
407 MacBean, *Celtic Who's Who*, td. 68.
408 Johnston, *Crònan*, td. 17; BBC 1997.

Eigeadail a phòsadh.[409] Bha e na shaor-thoileach san arm bho 1900 agus anns an Ochdamh *Argyll and Sutherland Highlanders* bho 1910.[410] Sa Chiad Chogadh, chaidh e gu trainnsichean na Fraing na sheàirdseant fo Chaiptean Alasdair MacArtair, a chaidh a mharbhadh aig Beaumont Hamel ann an 1916 agus don do rinn e **Cumha Alasdair** mar chuimhneachan.[411] Bha MacIain fhèin air a ghasadh uaireigin ann an 1916 agus bha aige ri tilleadh dhachaigh air bòrd an t-soithich-eiridinn *St George*, an uair sin a' dol gu ospadal ann an Cathair Cheann Tulaich.[412] Às dèidh dha tilleadh, sgrìobh e **Tuireadh nan Treun** don fheadhainn a bhàsaich.[413]

Ghluais e, còmhla ri a theaglach, do Ghlaschu ann an 1918 agus bhon uair sin gu 1945, bha e ag obair mar fhrithealaiche aig Roinn na Feallsanachd Nàdarra an Oilthigh Ghlaschu.[414] B' ann anns na bliadhnaichean seo eadar an dà chogadh a fhuair e fìor chliù mar bhàrd. Choisinn seinneadairean ciad duaisean a' gabhail cuid dhe a òrain, leithid **'S e 'n Gille Dubh is Àille** ann an 1926 agus **Sìne Bhàn** an 1927.[415] Bha a chuid obrach a' nochdadh ann an *An Gaidheal*, mar eisimpleir an còmhradh **Ceist nan Ceist** an 1930, agus chaidh an dàn **An Guth** fhoillseachadh an toiseach ann an *An Ròsarnach* san aon bhliadhna.[416] Agus, mar a chaidh a ràdh, bhuannaich e an duais a b' àirde inbhe Crùn na Bàrdachd fhèin ann an 1929.

Cha b' ann gu 1938 a chuireadh a-mach an cruinneachadh *Cròna*n *nan Tonn*. Tha fios gun deach an leabhar a bhogadh aig Taisbeanadh na h-Ìmpireachd ann am Pàirc Bhellahouston, Glaschu, far an deach a shealltainn anns a' 'Chlachan', mac-samhail de bhothan, ceàrdach agus fiù 's caisteal Gàidhealach.[417] 'S e àite samhlachail a bha ann gu dearbh, far an robh subhachas ga dhèanamh an dà chuid ri ìmpireachd Bhreatainn agus a h-euchdan nua-aimsireil ann an gnìomhachas is eile. Agus seo a dh'aindeoin gun robh an Dàrna Cogadh an impis tòiseachadh agus an ìmpireachd, is na bha i a' riochdachadh, gus a bhith air a reubadh às a chèile.[418] Mar a chì sinn, bha obair MhicIain gu math freagarrach airson a leithid de thachartas. Na susbaint agus na h-ideòlas, bha i ag iomramh air an aon ràmh agus, nas fharsainge, bha i a' tabhann do Ghàidheal is Gall le chèile na bha iad ag iarraidh aig an àm: òrain ghrinn ghaisgeil a bhruidhneadh mu làithean a dh'aom. Ann an dà-rìribh, bha a' bhàrdachd agus an Clachan a cheart cho ùr-nodha ri nì sam bith eile aig an Taisbeanadh. Agus air sgàth gun robh e ag amas air leughadairean a' bhaile-mhòir, eu-coltach ri *Bàird Chill-Chomain* tha tionndaidhean agus mìneachaidhean Beurla a' nochdadh air feadh *Cròna*n *nan Tonn*, a bharrachd air ceòl gus an rachadh a chur gu feum le compàirtichean sa Mhòd.

Shiubhail Donnchadh MacIain ann an Glaschu an 1947, agus chaidh a thiodhlacadh an eilean a àraich 'maille ris na seann daoine còire ann an Cill Neachdan, fada shìos ri taobh na tràgha'.[419] Thàinig an dàrna eagran dhe a chruinneachadh a-mach le ceithir òrain a bharrachd airson an 50mh ceann-bliadhna dhe a bhàs a

[409] Black, *An Tuil*, ibid.
[410] Ibid; Duncan Johnston, *Cròna*n *nan Tonn* [eagran ùr] (Inbhir Nis: Dun Eisein, 1997), td.7.
[411] BBC 1997; BBC 1936; Johnston, *Cròna*n, td. 19. Chaidh caismeachd-phìoba ainmeil a dhèanamh mun bhlàr (Blàr Ancre, 13 gu 18 Samhain, 1916) 'The Taking of Beaumont Hamel' le Eòin MacGillFhaolain (1875-1949) à Dùn Omhain, mac an Ìlich, Niall MacGillFhaolain, agus an Diùraich, Màiri Dharach <http://www.pipetunes.ca/composers.asp?pg=Details&composerID=23/> [ruigte 29 Faoilleach 2014].
[412] Johnston, *Cròna*n [eagran ùr], td. 7.
[413] Johnston, *Cròna*n, tdd 36-7.
[414] Black, *An Tuil*, td. 734.
[415] *Cròna*n, tdd 11; 17.
[416] Donnchadh MacIain, 'Ceist nan Ceist', *An Gaidheal* – Cèitean 1930, Leabh. XXV, Àir. 8, tdd 116-118; Ruaraidh Erskine, deas, *An Ròsarnach: an ceathramh leabhar* (Glaschu: Alasdair Mac Labhrainn, 1930).
[417] Johnston, *Cròna*n [eagran ùr], ibid.; Paul Hastie, 'Glasgow 1938: Last exhibition of the British Empire' <http://www.bbc.co.uk/history/0/22517894/> [ruigte 29 Faoilleach 2014].
[418] Hastie, 'Glasgow 1938'.
[419] Johnston, *Cròna*n, td. 61.

chomharrachadh.[420] Tha a chuid òrain aig teis-meadhan chèilidhean ann an Ìle[421] agus a' nochdadh gu bitheanta aig Mòdan chun an latha an-diugh.

Cha d' fhuair bàrd Bhaile a' Ghràna, Alasdair Mac an Fhleisteir, a leth uired de chliù ri a bheò. Gu dearbh, mura b' e an leabhar, *Luinneagan Reòbais*, a chaidh fhoillseachadh ochd bliadhna às dèidh dha bàsachadh ann an 1921, cha bhiodh a' mhòr-chuid dhe a òrain shlàn rim faotainn san latha an-diugh.[422] Coltach ri Teàrlach MacNìmhein, 's iad sin an fhianais as fheàrr a tha ann air an duine, agus chan eil ach criomagan eile a chuidicheas sinn. 'S e Mac an Fhleisteir am bàrd as sine dhe na h-Ìlich a bha foillsichte san 20mh linn, agus rugadh e ann an 1862 ann an sgìre Chill Mheinidh, ear-thuath an eilein. Mar a tha ro-ràdh a chruinneachaidh ag ràdh, '[c]huir e seachad làithean òige gu h-aotrom, guanach mar a tha e fhéin ag innseadh cho tric 'na bhàrdachd, mu Choille Reòbais agus a' cluich mu'n Bhealach Ruadh. Cha d' fhuair e móran cothroim sgoile [...] ach bha inntinn fhosgailte agus meomhair mhath aige, agus dh'fhòghlum e móran bho obair Nàduir'.[423] Bha Mac an Fhleisteir eadar-dhealaichte bho chàch leis gun do rugadh e ro Achd an Fhoghlaim an 1872, agus tha e inntinneach nach tug sin buaidh air fiù 's ged a bha e fhathast aig aois sgoile nuair a chaidh a chur an lagh. Dh'fhàg seo nach robh sgrìobhadh aige – ann an Gàidhlig co-dhiù – agus mar sin dheth gun robh e ag obair a-mhàin tro bheul-aithris, is e air fear dhen fheadhainn mu dheireadh dhen treud sin. Cha robh seo a' ciallachadh gun robh e uile gu lèir sgaraichte bhon t-saoghal litearra: bhiodh òrain agus naidheachd a nochd ann an clò air an sgaoileadh air beul an t-sluaigh, agus dha aindeoin, 's ann *air pàipear* a mhair a' chuid as motha dhen obair aige fhèin, agus chan ionnan òrain air an gabhail agus ann an clò. 'S ann a bhios an teacs a' dèanamh eadraiginn is cruth àraid orra, tro a bhith a' roghainn na tha iomchaidh, tro atharrachaidhean deasachaidh agus le a bhith a' spìonadh na bàrdachd às an t-suidheachadh san deach a dèanamh.

B' e caraid dha, Hugh Currie à Baile a' Ghràna, a chuidich gus a chuid òran a sgrìobhadh sìos:

> Cha robh mi ro mheath air sgrìobhadh san èm, agus bha caraid a'am a bha na mhaighstir-sgoile am Bail' a' Ghràna is bha esan a' ceartachadh a h-uile mìr a bha mise sgrìobhadh, is gheobhainn mo chàineadh ioma uair airson an droch, droch dheob a bha mi dèanadh.[424]

Bha an leabhran a chaidh fhoillseachadh an eisimeil a leithid de thaic, a thuilleadh air an deasachadh a rinn Eachann MacDùghaill. Saoil, ge-tà, an do rinn Mac an Fhleisteir òrain nach d' fhuair a-steach don chruinneachadh? Dh'innis Currie naidheachd mun bhàrd: bha e 'a' falbh air fearann oidhche na buanadh agus bha deur deoch na cheann agus, bha fear eile a' sin agus cha do chòrd e rud ris agus dh'èiri' e agus thug e an [orra][425] don bhàrd bhochd. [...] [M]ar a fhuair am bàrd air ais, chuir e ceathramhan ra chèile, thuirt e:

> Nuair a bha mi fhì' is na balai' còmhla, is sinn cho sunndach a' gabhail òran,
> 'S ann a dh'èirigh [hi]ùmaidh air bheagan foghlam is thug e smùd domh os cionn na sròine.
> Fhuair mi siùd air glè bheagan adhbhar, mi faighinn car is mi [laigh' an caochan],
> Is mur a bhiodh lagh agus eagal caornag[426] os a chionn [gu daich[427] a ladhran].'[428]

[420] Johnston, *Crònan* [an dàrna eagran] (1997).
[421] TM4.
[422] Alasdair Mac an Fhleisteir, *Luinneagan Reòbais* [LS]*: Duanagan gaoil is òrain dhùthcha* (Glascho: Gilleasbaig Mac-na-Ceàrdadh, 1929).
[423] LS, td. 4. N.B. an t-iomradh air 'nàdar' a thug Niall MacGilleSheathanaich na ro-ràdh.
[424] SA1953.136.A10.
[425] Tha e soilleir sa cho-theacs gun e 'buille' as ciall dha seo.
[426] = caonnag, sabaid.
[427] = gun deach.
[428] Ibid.

Chan eil sìon coltach ris a' bhlòigh bhig èibhinn seo san leabhar, ach carson a bhitheadh? Cha rachadh e le taghadh de 'dhuanagan gaoil is òrain dhùthcha', agus b' iadsan a bha air am meas mar bhàrdachd a b' fhiach. Agus tha deagh theans gum biodh Mac an Fhleisteir air aontachadh. Tha e a' sealltainn, ge-tà, gum bitheadh e a' dèanamh rainn de sheòrsa eile, aoirean agus òrain aotram air diofar phàirtean dhe a shaoghal.

Tha fios againn nach robh e ann an Ìle fad a bheatha, a rèir an ro-ràdh, bha e ag obair ann an Dùn Breatann airson treiseag co-dhiù – agus, mar sin, 's iongantach mura robh Beurla gu leòr aige.[429] Ach tha a bhàrdachd stèidhichte, 's dòcha gu h-ìre nas motha na na bàird fhoillsichte eile, air an sgìre bhig aige fhèin, san dùthaich timcheall air Baile a' Ghràna. Chìthear sin, ann an cuid dhe na h-ainmean-àite a bhios a' togail ceann: tha cnoc Reòbais dìreach taobh a-muigh Bhaile a' Ghràna agus tha coille fhathast aig a' bhonn; tha an Lag Luaidh mu a coinneimh, a' comharrachadh eachdraidh mèinnearachd a' bhaile; 's dòcha gun e Dùn Ceapasaidh Mòr a tha anns 'an Dùn' ann an òran eile; tha a' Ghlais-bheinn na deagh sgrìob air falbh; agus, bhon ro-ràdh, bheirinn tuairmse gun e am Bealach Ruadh an rathad a-mach à Baile a' Ghràna ri taobh an Sruthain Ruaidh. Tha a chliù mar bhàrd ionadail air a daingneachadh leis nach b' ann ach dithis às a' bhaile aige fhèin a thug seachad fiosrachadh mu dheidhinn ann an clàraidhean Sgoil-Eòlais na h-Alba. A bharrachd air Hugh Currie, tha sinn gu math fortanach gu bheil clàradh de chorra òran air an gabhail le Bella Chamshron, a bha càirdeach don bhàrd, a sheinn **A' Choille Reòbais, A' Choille Bhòidheach** agus **Ho Ro Leannain, Ho Ro Rùin**.[430]

Mus bithear a' beachdachadh air a' bhàrdachd, cha bu mhiste dhuinn a bhith mothachail air na bha aig na bàird ann an cumantas agus air na diofaran eatarra. Gu follaiseach, 's e fir a bha annta uile. Ged bha iad gann bhà boireannaich a' dèanamh òrain san eilean uaireigin. Ann an *An t-Òranaiche* (1879), tha dithis bhan-Ìleach a' nochdadh agus tha eisimpleirean eile anns na clàraidhean-fuaim.[431] Tha e gu math coltach, ge-tà, nach d' fhuair iad an aon inbhe agus dh'fhaodadh gun robh cùisean na b' fhirinne buileach san 20mh linn. Cuideachd, ach airson Donnchadh MacIain, 's e seann-ghillean a bha annta. Cha robh iad pòsta agus gun teaghlaichean aca bheireadh sin barrachd ùine dhaibh òrain a dhèanamh agus a bhith gan gabhail do chàch. Bha e cuideachd a' tighinn a rèir na h-ìomhaigh de bhàrd romansach ri leannanachd shìorraidh. Bha a h-uile fear aca air tìde a chur seachad taobh a-muigh Ìle, gu sònraichte an ceann cosnaidh no aig cogadh. Bhite an dùil gun robh dà-chànanachas a' toirt buaidh orra uile ach cha b' ann chun na h-aon ìre aig na bàird a bu shine, Alasdair Mac an Fhleisteir agus Teàrlach MacNìmhein. Mu dheireadh, tha fios gun e guthan *subaltern* a bha anns na bàird, is iad nam pàirt de shluagh lethoireach a bha na fhìor mhion-chuid chultarach. A thuilleadh air sin, bha iad uile nan luchd-obrach, an eisimeil air fastadh – biodh e air fearann no air tìr-mòr.

3.2. Romansachas

Nì eile a bha aig na bàird ann an cumantas 's e gun do rinn an Sgitheanach, Niall MacLeòid, drùidheadh mòr air a h-uile fear aca. Chaidh a ràdh mu bhràithrean MacNìmhein gun tug e 'misneach dhoibh an laithean an òige [...] agus cha mhisde bàrdachd Dhonnchaidh is Thearlaich gu'n do chuir iad aithne air duine is bàrd, cho measail ris'.[432] Tha fios gun do rinn Donnchadh MacIain cumha don Leòdach nuair a fhuair e bàs. Dh'innis e gun do 'dh'fhàg e dìleab nach tuigear a luach' agus nach robh '[a] choimeas 's an àl so [às a dhèidh]'.[433] B' esan, a rèir

[429] LS, td. 4.
[430] SA1953.129.8; SA1953.129.9.
[431] Flòraidh Nic a' Phì, **Comhairle Màthar d'a Mac**, ann am Mac-na-Ceàrdadh, *An t-Òranaiche*, td. 424 ; agus Flòraidh Chaimbeul, **Òran do Bhàillidh Iain Caimbeul**, Meek, Caran, tdd 192-5.
[432] BCC, td. 7.
[433] Johnston, *Crònan*, td. 26.

aithris, a rinn cinnteach gum biodh MacIain a' gabhail air fhèin uallach a' bhàird, gun a chuid chomasan a chleith bho chàch. Nuair nach robh e ach òg a' dèanamh obair-chàraidh,

> Cò thàinig a' rathad agus a chuala a bhàrdachd, agus a thuig cho math agus a bha i, ach Niall MacLeòid, am bàrd Sgitheanach. Air ball rinn e air Donnchadh agus, nuair a thàinig e, 's ann a theab e a dhochann mur do rinn e sin, airson gu robh e a' cumail am falach an tiodhlac a fhuair e. Arsa Niall ris, "Tha spiorad na bàrdachd agad. Feuch nach leig thu leis meirgeadh!".[434]

Dh'fhaodadh gun e naidheachd ùirsgeulach a tha seo, ach gabhaidh e creidsinn. Ged a bha e stèidhichte ann an Dùn Èideann, b' ann tric gu leòr a thigeadh MacLeòid a dh'Ìle an ceann a chosnaidh mar shiubhlaiche-tì – a rèir Chaluim MhicLachlainn, a h-uile bliadhna. Bha Calum gu math eòlach air a bhràthair, am maraiche, Iain Dubh MacLeòid a bha ainmeil airson 'an sgoil dhubh' a bhith aige.[435] Rinn Niall an t-òran **Mo Chruinneag Ìleach** airson tè ris an do choinnich e air chuairt.[436]

Chìthear àrd-mholadh ga dhèanamh dha le Alasdair Mac an Fhleisteir cuideachd. Ann an **Duanag do nighean Nèill MhicLeòid**, a rinneadh nuair a bha i a' tadhal air càirdean san eilean, tha e ag innse,

Cha robh nighean rìgh no diùc
Do'n tugainn rùn cho blàth.
Is tu bho'n gheug as airde cliù
An doire dlùth nam bard

Is tu bho'n fhear as géire sùil
Làn grinneis, tluis is blàthais;
'S a dhearbhas iad 's gach Mòd 's an dùthaich
Air clarsaich chiùil as àill.

'S gann gu bheil an nighean fhèin a' nochdadh san duanaig agus nuair a nochdas 's e cothrom eile a tha ann bruidhinn mu a h-athair: 'Is chi mi dealradh tighinn bho d' ghnùis / Tha 'toirt am chuimne 'm bàrd'.[437] A-rithist, tha e coltach gun deach Mac an Fhleisteir na choinneimh nuair a bha e thall san eilean.

3.2.1. A' mìneachadh romansachas ann am bàrdachd Ghàidhlig

Tha cho faisg 's a bha Niall MacLeòid air na bàird Ìleach cudromach a dhaingneachadh seach 's gum b' e an Leòdach, gun teagamh, an riochdaire a bu mhotha den romansachas a dh'fhàs ceannasach ann am bàrdachd Ghàidhlig anns na deicheadan mu dheireadh den 19mh linn.[438] Dè as ciall dha 'romansachas'? 'S e facal car sleamhainn a tha ann agus tha e a' fosgladh deasbad nas motha mu nach urrainnear ach beagan a ràdh. Fhathast, feumar dol air ais gu alt buadhach stèidhichte air òraid a thug Somhairle MacGill-Eain seachad ann an 1938. A' leantainn W. J. Watson, thuirt e gum b' e *crìonadh cultarach* a bha anns an 19mh linn do na Gàidheil agus an cuid bàrdachd, agus mhair seo chun an ama a bha e a' bruidhinn – an aon bhliadhna, gu dearbh, a dh'fhoillsicheadh an cruinneachadh Ìleach mu dheireadh, *Crònan nan Tonn* – nuair a thuirt e, '[s]uch Gaelic

[434] Pròg ram-rèidio, BBC, 28 Dàmhair 1936. <http://www.bbc.co.uk/alba/oran/people/donnchadh_mac_iain_ile/> [ruigte 10.3.14].
[435] SA1969.14.A7. Chaidh a ràdh gun robh 'an sgoil dhubh' aige agus bheireadh e dibhearsain le a chuid draoidheachd. Ghabh MacLachlainn aon de na h-òrain thearc aig Iain Dubh, **Air feasgair Diciadain agus a' ghrian anns na neòil**: SA1969.14.A2.
[436] Niall MacLeòid, *Clàrsach an doire: dàin agus òrain* (Dùn Èideann: MacLachlainn & an Stiùbhartach, 1883), tdd 113-115. Agus MacLachlainn ga ghabhail aig: SA1969.14.B1.
[437] Mac an Fhleisteir, *Luinneagan*, td. 20.
[438] Donald E. Meek, *Caran*, tdd xv-xvi.

verse as is being now produced I consider very insignificant'.[439] Eadar eu-dòchas agus cianalas an 19mh linn, linn nam fuadaichean, agus mar a fhuair sealladh na Beurla làmh an uachdair, chaill a' bhàrdachd a cuid cumhachd. Anns an 17mh agus 18mh linn, nuair a bha i fallainn, sgairteil, 's e fìorachas (*realism*) a bha aig bunait na bàrdachd Ghàidhlig: 'the opposite of romance, escapism, fantasy, and their concomitants, affectation, fancifulness, far-fetchedness, and falseness'.[440] Ged a lorgte eisimpleirean dhen chaochladh, dh'fhàs feartan dhen t-seòrsa seo bitheanta, gu seachd àraid anns an 25 bliadhna ro cheann an linn[441], agus cha d' fhuair iad dùbhlan gu crathadh dùsgaidh agus sgàig a' Chogaidh Mhòir.[442]

B' ann gu sònraichte mun Chiaradh Cheilteach – 'a purely foreign non-Celtic development'[443] – agus iadsan a bha fo gheasaibh aige, a chleachd MacGill-Eain am facal 'romanticism': leithid an Urramaich Coinneach MacLeòid agus a chuid dhàn fàidheanta.[444] Mu phrìomh shruth na bàrdachd phoballaich san 19mh linn, ge-tà, bha e na b' fhaiceallaich, ag ràdh mar eisimpleir: 'Its most characteristic mood is a weak, *half romantic* nostalgia'.[445] Bha e àicheil, beumach mu obair Nèill MhicLeòid, ach dh'aithnich e nach robh e uile gu lèir an sàs ann an èalachas (*escapism*) a' Chiaraidh Cheiltich:

> Neil MacLeod's poetry is symptomatic of the rapid decline in the backbone of Gaelic poetry. It is sentimental, pretty-pretty, weak and thin, only sometimes attaining splendour in its occasional realist moods, as in the magnificent impression of Skye in the opening of 'Fàilte do'n Eilean Sgitheanach'. [...] But that is not the usual strain of Neil MacLeod. Indeed, I think that his father, Domhnall nan Oran, and his brother, Iain Dubh, were far closer to the main realist current of Gaelic poetry than he was.[446]

Ach b' ann a' riochdachadh diofar ghnèithean de romansachas a bha obair na dithis aca, is iad a' cur cùl ri fìorachas gu h-ìrean eadar-dhealaichte. Tha bàrdachd Nèill MhicLeòid air a comharrachadh le maoth-inntinneachd, cuspairean a tha ag amas air faireachdainn thruasail, ach a tha gu ro thric staoin, fuadain,[447] agus anns am faighear 'the pathetic fallacy' ₇c.[448] 'S dòcha gun e Coinneach MacLeòid an aon eisimpleir ceart a gheibhear de bhàrd *ann an Gàidhlig* a' dol nas fhaide agus dhà-rìribh ag atharrais air a' Chiaradh Cheilteach, ag ath-chruthachadh a chuid miotasachd agus gnàth-ìomhaigheachd (*stereotyping*).[449] Mar a bhiodh MacGill-Eain fhèin ag innse, ge-tà – a dh'aindeoin na bha ann de shlaicean a thug air – cha robh bàrdachd Choinnich

---

[439] Somhairle MacGill-Eain, 'Realism in Gaelic poetry', *Ris a' bhruthaich: the criticism and prose writing of Sorley MacLean* (Steòrnabhagh: Acair, 1985), td. 46. Air an làimh eile, mhol e Teàrlach a' Phost, Teàrlach MacMhathain às a' Bhràighe: 'who had real and original brilliance of language and technique, but whose matter was mainly local and trivial' (ibid., 47). Cha robh a chuid rannan eirmseach èibhinn eu-coltach ri 'bàrd coimhearsnachd' eile, Teàrlach MacNìmhein às Ìle. M.e. 'Banais Ghleann Bhairigil' <http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/banais_ghleann_bhairigil/> [ruigte 31/3/14].
[440] Ibid., td. 15.
[441] Donald E. Meek, 'Gaelic Literature in the Nineteenth Century', ann an Susan Manning (deas), *The Edinburgh History of Scottish Literature*, II (Dùn Èideann: Edinburgh University Press, 2007), td. 253.
[442] Black, *An Tuil*, td. xxi.
[443] Ibid., td. 47.
[444] Ibid., tdd 19-20. 'The Celtic Twilight had a very little else but a 'foziness with infinity', a vague, misty, cloudy romanticism'. Ibid., td. 20.
[445] Mo chuideam. Ibid., td. 44. Ann an àite eile tha e a' mìneachadh: 'romantic in the strictest sense – that is the adduction of exotic ornamentation', MacGill-Eain, *Ris a' Bhruthaich*, td. 38.
[446] Ibid., td. 46. Agus ann an alt eile, 'The Poetry of the Clearances' rinn e measadh na bu chothromaich, na bu choibhneil do Niall MacLeòid, ag argamaid gun robh dà-fhillteachd na obair, agus barrachd dòchas is co-fhaireachdainn don tuath na chuid obrach anmoich, ged a bha seo, nuair a thig e gu h-aon 's gu dhà, lag is doirbh a chreidsinn. MacGill-Eain, *Ris a' Bhruthaich*, tdd 68-9.
[447] John MacInnes, 'Gaelic Poetry in the Nineteenth Century' ann an Douglas Gifford (deas), *The history of Scottish literature*, III (Obar Dheathain: Aberdeen University Press, 1988), tdd 392-3.
[448] MacGill-Eain, *Ris a' Bhruthaich*, td. 45.
[449] Cò am bàrd eile a bha cho deònach ri MacLeòid Eige a leithid a dhèanamh mun àm seo? B' urrainnear caraid dha ainmeachadh, Alasdair MacIlleMhìcheil, a bha car coltach ris airson a 'dheasachaidh chruthachail' air beul-aithris – agus ag amas air luchd-leughaidh na Beurla. No, Dòmhnall Mac na Ceàrdaich, a chaidh an sàs ann am fàidheantachd 'Cheilteach' is Chaitligeach. Ach bha e air a mholadh le MacGill-Eain (*Ris a' Bhruthaich*, td. 47) agus tha a chuid obrach gu h-iomlan fìor chruthachail agus lèirsinneach – faic: Aonghas MacLeòid, 'Innis-na-fìrinne: Dòmhnull Mac-na-Ceàrdaich (1885-1932) agus a obair fhoillsichte' (Oilthigh Ghlaschu: tràchdas MPhil neo-fhoillsichte, 2012).

MhicLeòid ach air an iomall anns a' chorpas Ghàidhlig,[450] agus b' ann a bha e ainmeil a) anns an 20mh linn agus b) airson cruinneachadh beul-aithis agus na dreachan a rinn e oirre, chan e bàrdachd phoballach.[451]

'S e Niall MacLeòid, mar sin, a ghrinnich an t-aomadh romansach a bha mar-thà a' tighinn gu bàrr ann am bàrdachd Ghàidhlig an 19mh linn, ann an conaltradh ri mòr-chultar Bhreatainn, agus b' esan is feadhainn dlùth ris a chraobh-sgaoil an toradh fasanta ùr. B' e seo 'the "MacLeod school"'[452] a bha mar phàirt de chearcallan Gàidheil Dhùn Èideann agus Ghlaschu mu dheireadh an 19mh linn agus toiseach an 20mh linn: Dòmhnall MacEacharna, Ùisdean MacIlleBhàin, Iain Caimbeul à Leideig is eile.[453] Air am bogadh sa chomann-shòisealta Ghallta, cha b' urrainn nach bitheadh iad fo bhuaidh Ceilteachas na Beurla ach cha b' ionnan sin agus an obair aca fhèin, a bha fhathast a' togail agus a' cur gleans air nòs nan òran Gàidhlig.

Thathas air leudachadh air argamaid MhicGill-Eain an seo, a' tarraing air obair Dhòmhnaill Meek agus Iain MhicAonghais.[454] Air cho feumail 's a tha a bhreithneachadh, a' cleachdadh slat-tomhais an fhìorachais, thog na sgoilearan sin ceistean brìgheil mu dheidhinn agus mu mheasaidhean na b' àicheil. B' ann a bha MacGill-Eain a' dèanamh coimeas eadar bàrdachd an linn agus na dh'fhàg bàird mhòra innleachdach an 18mh linn,[455] a thuilleadh air bàrdachd na bu tràithe stèidhichte ann an dualchas fèin-earbsach nam fineachan. Ma tha e fìor nach do bhuaineadh an aon àireamh de ghaisgich bhàrdail, cha bhiodh e cothromach bàrd-'coimhearsnachd' a sheasamh ri taobh Alasdair MacMhaighstir Alasdair, no òrain cèilidhean a' bhaile a mheasadh san aon dòigh ris na h-òrain as sine ann am beul-aithris. 'S e fìor bhacadh a bhiodh seo ann a bhith a' tuigsinn luachan is lèirsinn *eadar-dhealaichte* òrain an 19mh linn.[456] Mar a dh'innis Meek, bha toradh an 19mh linn na bu mhotha is na bu toinnte na bha MacGill-Eain is càch a' toirt a chreidsinn – a' gabhail a-steach eisimpleirean de bhàrdachd-mholaidh thraidiseanta, laoidhean spioradail, agus òrain-phoballach de gach seòrsa. Cha robh e air a riochdachadh le sgoil MhicLeòid: bha mu 75 bliadhna ann mus deach an latha leothasan.[457] Nuair a thig e chun nan tùsan fhèin, bu chòir cuimhneachadh gun do nochd pailteas bàrdachd ann am pàipearan-naidheachd às dèidh meadhan an linn, chan ann a-mhàin ann an leabhraichean,[458] agus tòrr a bharrachd nach deach fhoillseachadh idir – nithean air a bheilear a' dèanamh dearmad.[459]

Cleas Iain MhicAonghais, feumar barrachd a dhèanamh gus iomairt an romansachais a thuigsinn a rèir a h-amasan fhèin. Cha b' e tràillean cultarach a bha anntasan a chuir rithe, nan dòigh fhèin bha iad a' feuchainn ri àite a thoirt do Ghàidheil san t-saoghal ùr-nodha. A' bruidhinn air bàrdachd an 19mh linn gu lèir – agus gu

[450] Ibid., td. 19. B' ann a bha e a' caoidh buaidh a' Chiaraidh Cheiltich sa mhòr-chultar, mar a chuireadh às leth nan Gàidheal feartan agus sealladh nach robh aca, gun ach dithis Ghàidheal a ghabhail a-steach a bha ceangailte ris: Seumas 'Oisean' Mac a' Phearsain –ann an dà-rìribh na ghineadair de Cheilteachas – agus Coinneach MacLeòid.
[451] Black, *An Tuil*, tdd 721-2.
[452] Meek, *Caran*, td. xviii.
[453] Ibid. agus td. 478. B' ann à Earra-Ghàidheal a bha a h-uile fear aca sin, bha agus 's dòcha a' mhòr-chuid anns na buidhnean-sòisealta bailteil, leithid Dhòmhnaill MhicFhionghain, ciad Chathraiche na Ceiltis ann an Dùn Èideann, à Colbhasa, Alasdair MacIlleMhìcheil, am fear-tionail beul-aithris, à Lios Mòr 7 al.
[454] Agus tha MacIlledhuibh a' bruidhinn air 'romanticism' mar aomadh a ghabh a-steach Alasdair MacIlleMhìcheil, Coinneach MacLeòid agus an t-Ìleach Donnchadh MacIain, *An Tuil*, td. xxii.
[455] Ibid., td. xv.
[456] Ibid., td. xiv. Luachan a dh'aithnich e fhèin nuair a thuirt e gun robh san 19mh linn, 'a more tender and comprehensive sense of humanity than is common in the well-known 18th century poets other than Dugald Buchanan and William Ross' (luaidhte ann an ibid.).
[457] Meek, *Gaelic Literature*, td. 253; tdd 261-2.
[458] Ibid., td. 263.
[459] Saoilidh mi gu bheil sgrùdairean ro bhuailteach bàrdachd agus bàrdachd *fhoillsichte* a chur an lùib a chèile. Ged a chuir MacGill-Eain cuideam air seann-òrain a ghleidheadh air beul an t-sluaigh, airson a' mhòr-chuid, cha mhòr gun do bhruidhinn e mu òrain neo-fhoillsichte an 19mh linn. Tha e gu math doirbh lèirmheas a dhèanamh air a leithid de dh'obair bho air feadh na Gàidhealtachd, ach chan urrainn nach bitheadh rannsachadh nas mionaidich air clàraidhean-fuaim de dh'òrain neo-fhoillsichte gu h-ìre ag atharrachadh ar beachd air a' cheud.

sònraichte fìor mu sgoil MhicLeòid – thuirt MacAonghais gu bheil i air a comharrachadh le 'a continuing consciousness of a Gaelic cosmos which tries to assert, and reclaim, an identity in *non-parochial terms*'.[460] Gu h-inntinneach, rinn e an argamaid gum faighear samhlachas anns na h-òrain a tha mar mhac-talla air a' chòd-mholaidh thraidiseanta. Tha seo a' ciallachadh gum faodadh ciall eile, nas doimhne a bhith aig ìomhaigh anns a' chultar Ghàidhealach seach, gu sìmplidh, a bhith na 'romantic cliché' – mar a chìthear ann an abairtean leithid 'Tìr nam Beann, nan Gleann 's nan Gaisgeach', a cheangail fèin-aithne ri ceàrnaidh.[461]

Mar a mhìnich an daonn-eòlaiche, Malcolm Chapman, rinn MacGill-Eain – cha b' ann na aonar – sgaradh eadar cultar 'ùghdarail' (*authentic*) agus coimheach, gun luaidh air dualchas Ceilteach agus Gallta.[462] Cha seasadh a leithid de bhrìgheachd chinneadail (*racial essentialism*) san latha a tha ann, agus sinn nas mothachail do shìor chonaltradh nan cultaran agus ioma-sheòrsachd ann an cultar fa leth. Agus, tha ceistean mu ùghdarrachd cuideachd ceangailte ri seanchas nas fharsainge air crìonadh cultar poballach ri linn malairteachd, teicneòlas ùr agus caitheamh a' mhòr-shluaigh (*mass consumption*). Chìthear gun deach an aon seòrsa càineadh a dhèanamh an aghaidh *Music Hall* ann am Breatann aig ceann an 19mh linn 's a chaidh a dhèanamh an aghaidh 'sgoil MhicLeòid' – a bha gu follaiseach ag obrachadh san aon cho-theacs: bha e a' truailleadh feartan a' chultair a bha ann mar-thà, fad 's a bha e a' glanadh a chuid gairbheid is gràisgeileachd, bha compàirtichean a' seinn port dhaoine eile.[463] A' leantainn sgoilearan Sgrùdaidhean Cultarach, ge-tà, 's ann a tha e nas tarbhaich, chan ann cùl a chur ri ceistean mu chall no seilbheachadh (*appropriation*) cultarach idir, ach a bhith a' beachdachadh air cultar poballach mar nì tha e an-còmhnaidh mì-sheasmhach, fo cheist. Tha làmh aig daoine ann an cruthachadh an cultar fhèin, ach chan ann mar a thogras iad, seach mar phàirt de 'a continuous and necessarily uneven and unequal struggle, by the dominant culture'.[464]

3.2.2. Gaol 'romansach' ann am bàrdachd Ìleach

Chan ann a-mach air 'the leisured elite' a tha sinn: iadsan a rinn imrich don Mhachair Ghallta, 'who took time (partly because they had time) to meditate, brood and romanticise'.[465] Tha na bàird Ìleach inntinneach leis gun robh tomhais mhath, ach caochlaideach, de romansachas ri fhaotainn nan obair *ged nach robh* iad a' tighinn a rèir na deilbh-sa; bha iad den tuath agus airson a' mhòr-chuid stèidhichte ann an sgìre Ghàidhealach.[466] Tha obair Dhonnchaidh MhicNìmhein a' seasamh a-mach san t-seagh seo, mar a chìthear ann am mòran de chuspairean a chuid òran is dhàn, an stoidhle, agus ìomhaighean a bhios a' sìor nochdadh. 'S e gaol an gnè as bitheanta na chruinneachadh – ann am mu 32 a-mach à 82 òrain is pìosan eile. Tha 19 eisimpleirean den dàrna gnè as cumanta, moladh, a tha a-mach air nàdar, air an eilean, daoine fa leth no cuspairean eas-cruthach. Gun

[460] (Mo chuideam) MacInnes, 'Gaelic poetry', td. 393.
[461] Ibid., td. 392.
[462] Malcolm Chapman, *The Gaelic vision in Scottish culture* (Lunnainn: Croom Helm, 1978), tdd 78-9.
[463] Morag Shiach, *Discourse on popular culture* (Oxford: Polity Press, 1989), tdd 8, 10-12; Stuart Hall, 'Notes on deconstructing the 'popular'', ann an Raphael Samuel, deas, *People's history and socialist theory* (Lunnainn: Routledge & Kegan Paul, 1981), tdd 232-3. Chan e meatafor a-mhàin a tha seo do Niall MacLeòid is eile, is iad a' cur gu feum phort Gallta gu tric – MacInnes, 'Gaelic Poetry', td. 392.
[464] Hall, 'Notes', td. 233. San dol seachad, tha Malcolm Chapman deatamach airson smaoineachadh air, mar a chanadh e fhèin, 'symbolic appropriation' ann an co-theacs na Gàidhlig –agus is lèir cho gann 's a tha an deasbad ann an sgrùdaidhean Gàidhlig mu a thoraidhean. Ach, tha e san fharsaingeachd eu-dòchasach mu na cothroman aig daoine an cultar ceannasach a chur troimh-chèile. 'S ann a bha e, coltach ris an stiùiriche aige Edwin Ardener, gu h-ìre fo bhuaidh Louis Althusser agus a' cur cuideam air *hegemony* samhlachail/ideòlasach a tha cha mhòr iomlan, gun a bhith a' tighinn air eadraiginn dhaoine.
[465] Meek, *Caran*, td. xxxvi, cuideachd: Meek, 'Gaelic Literature', td. 262.
[466] Mar a thuirt Meek, 'As a general rule, the verse of those poets who remained in the Highlands, or in close contact with their homelands, is more robust than that of the Lowland poets, although the romantic *zeitgeist* was transmitted to the Gaelic areas', *Caran*, td. xxxvii.

teagamh, tha e uaireannan deasbadail gu dè an seòrsa a tha ann an òran no dàn; dh'fhaodadh e a bhith a' measgachadh chuspairean, agus mar sin bu chòir tuigsinn nach e ach measadh farsaing a rinneadh an seo.[467]

Tha na òrain-ghaoil aig MacNìmhein gu math coltach ri chèile, chun na h-ìre agus gu bheil na h-aon mheataforan agus abairtean gan ath-chuairteachadh ach ann an òrdugh no suidheachadh rud beag eadar-dhealaichte. Mar as àbhaist, tha sgaradh eadar an labhraiche agus a ghaol: tha e a' coimhead air ais air gaol a bha ann, gaol nach d' fhuaireadh ach a tha fhathast air inntinn, no tha an t-òran a-mach air cuairt a ghabhas an labhraiche gus an sgaradh sin a dhùnadh. Ann an corra eisimpleir, tha an t-astar dùbhlannach, fiù 's gàbhaidh – agus an labhraiche a' dearbhadh a chuid fhaireachdainnean:

O theid mi thar a' chaoil an diugh
Ged robh a' mhuir is cathadh air,
O theid mi thar a' chaoil an diugh
Ged robh a' mhuir a' bùirich

Ged a shèideadh sian is gaillionnan
'S mi an cunnart cruaidh gu'n caillear mi,
Chan fhan mi'n nochd na's fhaide so
'S mo chridhe thall an Diura.[468]

Agus, a-rithist, air sgrìob thar a' mhòintich a Phort na h-Abhainne:

Gur h-ioma oidhche ghaillinneach,
A ghaoil a rinn mi tachairt ort,
'S ged shéideadh sian cha ghearanainn
Is m'anam ann an geall ort.[469]

Tha na h-òrain loma-làn samhlachais – seòrsa de chòd-molaidh romansach, dh'fhaoidte a ràdh.[470] Gu bitheanta, bidh nàdar sàr-bheachdail ga mholadh agus coimeas air a dhèanamh eadar e agus an cuspair-gaoil. 'S ann a bhios an t-sìde mosach a-mhàin nuair a dh'fheumar siubhal air shuirghe, ach nuair a bhios na leannain còmhla mar as àbhaist bidh e blàth grianach as t-samhradh:

An uair a thig an samhradh blàth
Théid mi, a ghràidh, do'n choille leat;
Bidh eòin nan geug a' seinn dhuinn ciùil.
A Mhàiri ghaoil is toigh leam thu.[471]

Agus 's e 'a' Chéit' – an dreach bàrdail air a' Chèitean – an t-àm dhen bhliadhna a bhios an-còmhnaidh air a chomharrachadh co-cheangailte ri nàdar, nuair a bhios e na choileantachd, agus air a riochdachadh le beathaichean samhlachail m.e.: an seillean, an uiseag, an smeòrach, a' chuthag, an t-uan, agus 'mac an fhèidh' – an damh.[472] Na flùraichean a tha a' freagairt ris an phàtran-sa, 's iad: an sòbhrach, an neòinein, agus an ròs.[473] Ach tha àite gu h-àraid cudromach aig na h-eòin, is iad nam prìomh-shamhla romansach, a' ceilearadh ann an compàirt ri suirghe, agus a' seasamh airson binneas ciùil is bòidhchead:

Bhrùchd a' choille gu ceol, coisir mhilis nan eòin,
A' chuach is an smeòrach 'cur fàilte
Air a' mhaduinn mhoich, chéit, 's eadhon uiseag na speur

[467] 'S iad na gnèithean eile aig Donnchadh MacNìmhein, mar a tha mise gan aithneachadh: cumha, 11; comhairle, 3; brosnachadh, 1; òrain àbhachdach, 6; sgeulachd àbhachdach, 1; cianalas, 3; laoidh, 1; subhachas, 1; tuairisgeul, 1; eadar-theangachadh, 3.
[468] BCC, td. 128.
[469] Ibid., td. 11.
[470] A' togail air a' phuing a bha aig MacAonghais, 'Gaelic poetry', td. 393.
[471] BCC, td. 22.
[472] Mar a chìthear ann am **Maduinn Chéit**, ibid. tdd 14-16. Agus, gun teagamh, tha crodh-laoigh nochdaidh cuideachd.
[473] Ibid.

Is an ribheid 'na beul mar bu ghnàth leath'.[474]

Air cho maiseach 's a tha obair-nàdair, tha i air a cur gu feum gus an leannan a chliùthachadh, agus i a' toirt bàrr oirre. Tha seo air a shealltainn gu dòigheil san earrainn a leanas:

Do ghruaidh mar chaor fo shileadh dhriùchd [...]
Corp fallain seang mar shlat an coill
Gun lùb gun mheang 'n ad imeachd [...]

Do shlios mar chanach geal an t-sléibh,
No sneachd nan àird 'g a shileadh,
No cobhar geal air bhàrr an t-sàil'
A bhios gu tràigh a' tilleadh;
'S binn' thu na smeòrach air a' ghéig
Le lùgh a theud a sheinneas,
No 'n uiseag threun is moch a théid
Gu àird nan speur a dh'iomairt.[475]

Tha ìomhaighean leithid 'gleann nan geug'[476] agus 'doire dhlùth'[477] a' togail ceann gu tric, tha agus 'am bothan fraoich'[478] no an àirigh – àite a bha a' ciallachadh grunn diofar nithean: sìmplidheachd , a bhith faisg air nàdar, uaigneas,[479] leannanachd, aoibhneas agus an seann 'Arcadia'.[480]

Oir bhithinn sona ann am bothan fraoich leat,
Ged b' ann am fasgadh ri taobh nan àrd-bheann,
Far am biodh nàdur a' seinn a chiùil dhuinn
Is mise seinn air mo ghaol do Mhàiri.[481]

An robh am bàrd a-mach air àite ann an dà-rìribh? Tha fios gun robh an seann chleachdadh aig daoine a bhith ag imeachd gu àirighean maille ris an sprèidh air a dhol a-mach à bith an Ìle tràth san 19mh linn no roimhe[482], agus tha fìor cholltas aislingeach air mar a bhios an àirigh air a cleachdadh.[483] Air an làimh eile, tha e gu math coltach gun robh buachaillean agus cìobairean fhathast feumach air fasgaidhean air an dùthaich mu thoiseach an 20mh linn. Agus, 's cinnteach gun tachradh leannain òga ri chèile air an tuath airson cothrom fhaighinn, air falbh bho phàrantan, a bhith còmhla – anns an t-suidheachadh-sa tha am bàrd ag ath-chleachdadh abairtean leithid: 'Is beul ri beul 'gad phògadh-sa', ''Nuair a gheibhinn 'nam ghlacaibh teann thu'.[484]

Co-cheangailte ris a' bhothan-fhraoich, ge-tà, tha iomsgaradh a tha aig bunait feallsanachd nan òran gu lèir aig Donnchadh MacNìmhein, agus tha seo mun bheatha bhochd le gaol agus nàdar an aghaidh inbhe agus beairteas. 'S gann na h-òrain-ghaoil anns nach eil rudeigin coltach ris an làthair:

An robh righ air a' chrùn leis gach saoibhreas is maoin
Cho sona 'n a chùirt le a bhàn-righ,
Seadh, cho sona ruinn fhìn, làn de shòlas 's de shìth,

[474] Ibid., td. 23.
[475] Ibid. td. 78.
[476] Ibid., td. 28.
[477] Ibid., td. 12.
[478] Ibid., td. 135.
[479] Ibid., td. 11.
[480] Meek, *Caran*, td. 438. Faic: **An Airigh**, BCC, tdd 28-9; **Airigh Tigh na h-Uamha**, ibid., tdd. 97-8.
[481] Ibid., td. 135.
[482] Tha pailteas de dh'àirighean ann an ainmean-àite Ìle, agus iomraidhean orra ann an cunntasan-màil ro mheadhan an 18mh linn. Nuair a rinneadh suirbhidh fearainn anns na 1830an agus 1840an, tha coltas ann gun robh am monadh air a chròthadh (*enclosed*) agus gun do chuireadh às do chleachdan nan àirighean. David Caldwell, *Islay: the land of the lordship* (Dùn Èideann: Birlinn, 2008), tdd 137, 204.
[483] Agus tha seo air a dhaingneachadh leis na h-ìomhaighean mìorbhaileach a chuirear na aghaidh, gu samhlachail.
[484] Ibid., td. 11.

Air a thabhairt gun phrìs dhuinn le nàdur.[485]

Tha am pàillean,[486] na fhìor ghnàth-shamhla anns a' cho-theacs seo, a' riochdachadh beairteas agus calg-dhìreach an aghaidh a' bhothan-fhraoich no àirigh:

Ged gheibhinn ann am pàilliun,
Gun Màiri bhàn òg,
Measg lùchairt 's maoin le Bànrigh,
Gun Màiri bhàn, òg,
Gu'm b'fhearr leam bhi mar thà mi
Ged b'ann am bothan àirigh
Is thusa, ghaoil, bhi làimh rium,
A Mhàiri bhàn, òg.[487]

Chìthear gu bheil na h-òrain-ghaoil a' tighinn gu crìch, mar a bhite an dùil, le a bhith a' cur cuideam air dìlseachd agus maireannachd a' ghaoil gu bàs fhèin: 'Gu'n claoidhear leis a' bhàs mi, 'S an taisgear fo na clàir mi',[488]no mar eisimpleir:

Ach ged a bhith'nn a' dol gu bàs,
'S ann bheir mi bóid is so mo làmh,
Gu'm bi mi dìleas dhuit gu bràth,
Gu'n càirear anns an anart mi.[489]

Ann an corra eisimpleir, tha gaol comasach air an labhraiche aig uchd a' bhàis aiseag gu slàinte,[490] agus fiù 's ged a tha e air a dhiùltadh, ann an òran eile, chan urrainn bàs crìoch a chur air a' ghaol a tha aige: 'Oir bheir mi leam e dh'ionnsuidh tir / Far 'n criochnaichear gach àmhghar'.[491]

Tha nithean àraid mu òrain Dhonnchaidh MhicNìmhein, agus tha fada a bharrachd iomadachd na obair ann an stoidhle agus cànan taobh a-muigh nan òran-gaoil, ach bithear ag aithneachadh na h-aon phàtranan is structar samhlachais aig bàird eile, gu seachd àraid Niall MacLeòid. Chan eil teagamh nach eil Donnchadh, nuair a thig e chun a' chuspair-sa, maoth-inntinneach agus uaireannan gu math fuadain. Lorgar fiù 's iomraidhean cho 'sugary sweet'[492] – agus Gallta – ri 'Cupid',[493] 'saighead gaoil',[494] 'aingeal', agus na h-abairtean 'air mo chridhe sgriobht' tha t'ainm',[495] is, 'ceanglaidh sinn an t-snaoim'.[496] 'S dòcha gu bheil e a' cur craiteachan a bharrachd siùcair ri stoidhle an Leòdaich an seo,[497] ach 's ann ann an obair a' bhàird Sgitheanaich a tha an cruinne-cè romansach air fad: 'doire dhlùth nan cnò',[498] ''s a' chéitein thlàth',[499] am 'bothan beag [...] fo sgàil nan creag',[500] 'na h-eòin air bhàrr nam meanglan',[501] leanannachd ann an nàdar, agus an t-iomsgaradh eadar gaol agus beairteas.[502] A' dol nas fhaide na seo, fiù 's, tha e soilleir gun robh MacNìmhein ag atharrais air òrain is

[485] BCC, td. 23.
[486] Ibid, tdd 20, 28, 29, 58.
[487] Ibid., td. 106.
[488] Ibid., td. 107.
[489] Ibid., td. 113.
[490] Ibid., td. 13.
[491] Ibid., td. 14.
[492] Meek, *Caran*, td. xv.
[493] BCC., td. 95.
[494] Ibid., td. 14.
[495] Ibid., td. 113.
[496] Ibid., td. 135.
[497] Tha 'saighdean gràidh' rim faotainn, ge-tà. MacLeod, *Clàrsach an Doire* [CnD], td. 24.
[498] Ibid., td. 1.
[499] Ibid., td. 5.
[500] Ibid., td. 132.
[501] Ibid., td. 1.
[502] M.e. 'Cha'n iarrainn lùchairt mu mo cheann, Cha'n iarrainn òr no fonn, Na'm faodainn fuireach shìos an gleann' ⁊c. Ibid., td. 132. B' urrainnear na gritheidean ceudna amas, can, ann an obair an Diùraich, Dòmhnall MacEacharna, *Am Fear-Ciùil:*

dàin fa leth: m.e., tha **Far 'n do chaith mi 'n oidhche** leis-san stèidhichte air structar agus port **Far an robh mi 'n raoir** le MacLeòid. Tha seo fìor mu chuspairean eile, a thuilleadh air gaol, agus nas bunasaiche buileach, tha an dithis bhàrd a' gineadh sheallaidhean agus chonaltraidhean den aon seòrsa.[503]

A bheil MacNìmhein riochdachail dhe na bàird Ìleach gu lèir? San fharsaingeachd, tha Donnchadh MacIain a' tighinn da rèir a thaobh mar a bhios e a' dèiligeadh ri gaol agus nàdar na chuid òran. Tha 'àirigh mhonaidh, innis bhò'[504] aig an teis-mheadhan , agus na h-eòin shamhlachail ceithir timcheall oirre: 'Ged a ghoireas a' chuthag an doire a' chuilinn / 'S ged a sheinneas an uiseag 's an fhàsach'.[505] 'S ann as t-earrach no toiseach an t-samhraidh a bhios e: 'an ùr-mhaise àilleachd air blàr anns a' Chéitein'.[506] Ach, thà rudan eadar-dhealaichte mu òrain MhicIain. Tha àite gu math bunaiteach aig a' mhuir agus seòladh air feadh a chruinneachaidh – diofar mòr an taca ri MacNìmhein, nach eil a' fàgail gleanntan nan geug ach corra uair. Ann an co-theacs a' ghaoil, tha a' mhuir air a cur gu feum romansach le a bhith a' dealachadh nan leannan agus a' toirt an fhir air falbh. Mar sin, tha i a' samhlachadh call agus dòchas airson tilleadh.

'S e 'n gille dubh is àille,
'S e dh'fhàg an diugh fo phràmh mi,
Bho'n dh'fhalbh e uam air uchd a' chuain
Le luingeas luath nan àrd-chrann.[507]

'S e labhraiche boireann a tha ann an seo, mar a tha ann a-rithist ann an **Rùn mo chridhe**, agus an duine aice, 'sàr churaidh nam blàth-shùil', an uair sin 'a' stiùireadh thairis do'n Spàinnte'.[508] Goirid agus gu bheil iad, tha beagan de dhràma ann an òrain MhicIain, fad 's a tha Donnchadh MacNìmhein nas meòrachail. Ach fiù 's nuair a tha e a-mach air sgeul fìrinneach, mar a tha **Sìne Bhàn**, tha sgleò gleansach ann agus na caractaran, mar gum b' eadh, ri seann chluich. Tha e cuideachd duilich creideas a thoirt, mar eisimpleir, rè a' Chogaidh Mhòir gum biodh 'na suinn a' dol air bòrd' 'long a' togail sheòl',[509] seach bàta-smùid, nach biodh a cheart cho freagarrach. Chan eil sgeadachd na nua-aimsir a' nochdadh ann an òrain MhicIain ach ma tha i deatamach.

Tha seo, ge-tà, a' dol air seachran bho chnag na cùise. Mar a mhìnich Meek, 'popular nineteenth-century Gaelic song can be seriously misrepresented if the literary critical standards for *written* verse are too rigidly applied to it'.[510] Bha am port air leth cudromach,[511] agus chuirinn ri sin gum bu chòir beachdachadh air grunn taobhan eile dhe mar a bha/tha òran (7c.) air fhiosrachadh. 'S e deagh eisimpleir a tha ann an **Sìne Bhàn** de dh'òran 'romansach' coiteanta. Tha am port socair tiamhaidh agus an sèist cumhachdach so-aithneachail – chan fheumte ach a' chiad loidhne a ghabhail agus thigeadh talla làn daoine cruinn, a' cur taic ris an t-seinneadair.[512] Bhiodh òran ag atharrachadh a bhrìgh a rèir a' cho-theacs eachdraidheil, ach an toiseach bha **Sìne Bhàn** a' feuchainn ri ciall a dhèanamh, ann an dòigh stuama, fo rian, de mhòr-bhriseadh sòisealta. Dh'fhaodadh gum b'

---

dàin, òrain is sgeulachdan (Dùn Èideann: Iain Grannd, 1910), ach fiù 's am measg sàr riochdairean Sgoil MhicLeòid, tha diofaran eatarra.

[503] A thaobh chuspairean eile, tha dlùth-cheangal eadar na h-òrain/dàin: **Dòchas** (BCC) agus **Dòchas** (CnD); **A' Ghrian** agus **Dol fodha na grèine**; **Maduinn Chéit** agus **Maduinn shamhraidh**; **Mìle fàilt** agus **Am faigh a' Ghàidhlig bàs?**; **Òran ait** agus **Dòmhnull cruaidh agus an ceàrd**; **Gruagach dhonn nam bò** agus **Màiri Bhail' a' chrò** 7c.

[504] Johnston, *Crònan*, td. 18.

[505] Ibid., td. 28.

[506] Ibid., td. 44.

[507] Ibid., td. 12.

[508] Ibid., td. 28.

[509] Ibid., td. 18.

[510] Meek, *Caran*, td. xxxiv.

[511] Ibid.

[512] Chìthear seo ann am pìos beag film de Phàdraig MacCuain a' tòiseachadh air an òrain aig cuirm Mòd na Leargaidh Ghallta ann an 1956: <http://www.bbc.co.uk/alba/oran/orain/sine_bhan/ > [ruigte 1/4/14].

e ìocshlaint a bha ann an romansachas agus seann seanchasan san t-suidheachadh-sa.[513] An crochadh ri ìomhaighean sàr-bheachdail, bhiodh iomadh ciall agus faireachdainn acasan san èisteachd – 's e am feum a tha ann an òrain rudeigin eas-cruthach gu bheil iad uile-choitcheann. Gheibhte tomhais de shlànachadh agus dlùthachd a' gabhail a leithid de dh'òran còmhla ri càch, agus le bhith a' nochdadh a-rithist 's a-rithist aig cèilidhean is mòdan, rachadh e na dheas-ghnàth agus thogadh e brìghean ùra. Tha e fhathast feumail samhlachas agus conaltraidhean a sgrùdadh ann an òrain phoballach romansach, mar a gheibhear aig MacIain no MacNìmhein, ach tha againn cuideachd ri ceistean fhaighneachd mu chluich (*performance*), an co-theacs sòisealta/eachdraidheil, agus faireachdainn (no *affect*).

Mar a chaidh innse, bha Teàrlach MacNìmhein agus Alasdair Mac an Fhleisteir na bu traidiseanta, mar sin tha fìor ùidh againn ann am mar a làimhsich iad sàr chuspair an romansachais. Chan urrainnear ach a dhà de dh'òrain Theàrlaich a chomharrachadh mar òrain-ghaoil, a-mach à 16 gu lèir.[514] Cha d' fhuair e an aon spionnadh bho ghaol 's a fhuair a bhràthair. Tha **Thug mi gaol 's cha b' ann saor**[515] na òran beag sìmplidh a' cur an cèill buanas gràdh an labhraiche, ach tha e cuimseach saor bho na samhlaidhean àbhaisteach. Gheibhear cuideachd eisimpleir den t-seòrsa ìomhaigheachd mhac-meanmach air an robh MacGill-Eain a-mach, nach eil ri aisling ach a tha a' daingneachadh na tha fìor:

> Chithear coill air àird a' chuain,
> 'S i gu dosrach, dlùth, a' fàs,
> Chithear iasg air bhàrr an fhraoich;
> Mu'n dean mo ghaol-sa dhuit cnàmh.[516]

Tha **Seinnidh mis' an duanag** inntinneach thoradh an sin tha pailteas de chomharran 'romansach': 'ged b' e tom luachair seadh ar cluasag / An gleann uaine glacagach', 'am bothan-airigh' is eile.[517] Ach tha cùisean a' fàs caran troimh-chèile, gu sònraichte nuair a thig e gu bruidhinn mu eòin, agus an labhraiche a' dèanamh a dhìchill am marbhadh!

> Oir mharbhainn breac air lòn duit,
> 'S na h-eoin air bharr nam meanganan;
> 'S na'm faighinn anns a' ghleann iad,
> Gu'm biodh an ceann fo m' achlais [...]
> Is leis gach creutair thogadh geugan
> Bhiodh deagh thé dhachaidh leam [...]
>
> Gu'm marbhainn tunag 's fiadh-gheadh,
> 'S bhiodh an liath-chearc maille rium,
> An coileach dubh 's e dùrdail,
> 'S e 'g iarraidh dlùth d'a leannan féin.[518]

Tha mi a' dèanamh dheth gu bheil an liath-chearc agus an coileach-dubh (dà ghnè an aon eòin) air am moladh an seo, fad 's a tha an labhraiche a' sealg na feadhainn eile. Ach tha e dà-sheaghach: b' urrainnear 'maille rium' a leughadh gu furasta mar 'air a mharbhadh agam'. Tha e nas maoth-inntinnich mu eòin nas anmoiche: 'Is eoin nan crann bhi 'n taice rium / An gleann nan geug an ceann fo 'n sgéith, / 'S gach uile chreutair cadal dhiubh'. Agus tha e cuideachd air innse san òran, 'Gur gile bian [a leannain] na faoileag / Air aodann nan cladaichean'.[519]

---

[513] Mar sin, bha freagairt romansach don Chogadh Mhòr, fiù 's ged a chuir e às do a cheannas ann am bàrdachd Ghàidhlig, cf. Black, *An Tuil*, td. xxii.
[514] Ged a tha e, ann an **Òran do'n bhan treabhaiche Ìlich**, a' bruidhinn air pòsadh, 's e òran-molaidh a tha ann an dà-rìribh. BCC, td. 147.
[515] No gu sìmplidh: **Òran gaoil** mar a tha e ainmichte ann am BCC, td. 148.
[516] Ibid.; MacGill-Eain, *Ris a' Bhruthaich*, tdd 26, 29.
[517] BCC, tdd 149-50.
[518] Ibid.
[519] Ibid.

A rèir nan riaghailtean a bhios a bhràthair is MacIain a' leantainn, chan eil an t-òran seo co-chòrdail. Tha e a' measgachadh fheartan romansach agus nithean car seann-fhasanta; tha 'nàdar' na ghoireas air am bithear a' gabhail brath agus an uair sin air fhaicinn bho shealladh bog milis. Tha sealg ri lorg aig na bàird eile, gun teagamh, ach chan ann sa co-theacs seo, no leis an aon chuideam, agus tha na h-eòin àraid – agus chan e idir an fhaoileag no gin dhen fheadhainn ainmichte – an-còmhnaidh air an cliùthachadh, gu sònraichte airson an ciùil. 'S e sàr bhall-sampaill a tha san òran de ghaol air a dhearbhadh leis an fhear tro bhith a' solarachadh do a leannan, agus a' cumail suas an teaghlaich. Tha seo co-cheangailte ris an *eitic obrach* a tha mar bhunait eile feallsanachd choitcheann nam bàrd:

> Ged tha mi gann de stòras,
> Gu'n deanainn seòl air t' aran duit,
> Oir shaothraichinn do lòn duit,
> 'S cha bh[io]dh ri d' bheò ort aithreachas[520]

Ged nach eil e a' coileanadh nan riatanasan romansach uile gu lèir, 's e bàrd comasach a bha ann an Teàrlach, mar a chìthear ann an rainn bheaga bhlasta leithid:

> Tha i lurach tha i loinneil;
> Tha gach uile mhais' oirre;
> Tha i aoibheil tha i coibhneil,
> Chan 'eil foill an taice rith'[521]

Leis gum b' e Alasdair Mac an Fhleisteir am bàrd a bu shine againn, 's dòcha gum bite an dùil gum biodh e na bu ghlèidhtich buileach agus a' seachnadh na stoidhle a bha aig an dithis Dhonnchadh. Ach tha buaidh an romansachais cho follaiseach 's a ghabhas – 's iad gaol agus nàdar prìomh chuspairean a leabhrain. 'S e an t-eadar-dhealachadh, chan ann a-mhàin gu bheil nithean nas traidiseanta comeasgaichte na òrain, cleas Theàrlaich, ach gu bheil iad cho onarach, agus pearsanta. Mar as trice, eadhon nuair a tha sinn cinnteach gu bheil bàrd a-mach air boireannach agus àm ann an dà-rìribh,[522] tha an tuairisgeul gun doimhneachd agus fad às. Chan eil gainnead de ghnàth-shamhlaidhean rim faighinn aig Mac an Fhleisteir, ach an àite iomradh a thoirt orra b' fheàrr coimhead air mar nach eil iad ga chuingealachadh.

Tha e fhèin ag aideachadh '[g]u'n deach [a] mhealladh le té no dhà'[523], agus tha e soilleir gu bheil barrachd air aon dhiubh nan cuspairean.[524] Ach chuirte geall gu bheil tè fa leth a' nochdadh ann an corra òran. Tha bochdainn an labhraiche a' tighinn troimhe gu mòr, is e 'air bheagan pàigheadh, gun mhaoin, gun stòras'[525] agus tha gu bitheanta fìor astar clas eadar e agus a ghaol. Ann a bhith a' bruidhinn mu deidhinn, 's ann a tha e a' cleachdadh ìomhaigheachd shòghail a tha cho eu-coltach ri a shuidheachadh fhèin. 'S i an '[t]é cho math do'n tig sìoda, pearsa chaol 's i cho fìnealt'[526], 'a bilean fìnealt' air bhlas nam figean'[527], a tha 'airidh air duin-uasal'[528], 'gu'm bu chéile do rìgh i',[529] '[a]ig na bainnsean no na bàltan; their iad urram dhi le fìrinn'.[530] Tha

[520] Ibid.
[521] Ibid.
[522] M.e. Tha **Mo nighean donn** le Donnchadh MacNìmhein ag innse mu bhith 'an seirbhis chruaidh an Righ,/ An Loch Aills' ag gabhail sgriob', agus tha fios gun robh e anns a' chabhlach rè a' Chogaidh Mhòir. BCC, td. 124.
[523] Mac an Fhleisteir, *Luinneagan Reòbais*, td. 7.
[524] Tha an dà chuid Catrìona agus Mòrag air an ainmeachadh, tdd 8; 15.
[525] Ibid., td. 15.
[526] Ibid., td. 24.
[527] Ibid., td. 16.
[528] Ibid., td. 9.
[529] Ibid., td. 13.
[530] Ibid., td. 17.

aon ìomhaigh gu math cunbhalach: '[l]e meòir chumadail dhìreach co ni sgrìobhadh na's feàrr?'[531] agus '[f]huair i ionnsachadh is fòghlum; [m]eòir as grinne air an sgrìobhadh'[532] – tha seo uaireannan an cois iomradh air fuaigheal[533] agus a-mach air sgèimh na h-obrach-làimh. Ach 's e comharra a tha ann air inbhe a thuilleadh air loinn, puing a tha gu sònraichte inntinneach bho nach robh comas sgrìobhaidh aig Mac an Fhleisteir fhèin agus, mar sin, 's dòcha gun do chuir e fìor luach air.[534]

Gheibhear a-mach beagan a bharrachd mu aon tè: '[a]ig iomain nan uaislean chi mi gruagach 'chuil-bhàin, [l]e a caman gu h-uallach 's i ga ghluasad 'na laimh', an 'rìbhinn bha nìos bho'n Tigh-bhàn'.[535] 'S e 'Taigh Ìle' as ciall dha seo gu cumanta, ach tha e air a mhìneachadh gun i 'nighean chiùin an tigh-òsd' – Taigh-òsta Bheul an Àtha, tha mi an dùil – agus 'gu'n d' fhuair [an labhraiche] deoch mhilis gu minig o 'laimh'.[536] Anns a' cho-theacs, 's e as coltaiche gun e nighean an t-sealbhadair a tha seo agus e air innse gun robh i ''[n]a carbad Di-dòmhnaich dol 's a chòmhlan measg chàich'.[537] Tha òran eile – a dh'fhaodadh a bhith mu thè eadar-dhealaichte – ag ràdh:

'S ged a tha i pailt de stòras
Chan 'eil ni meud-mhòr no stràic innt';
Tha i cridheil, pàirteach, fialaidh,
Chleachd i riamh e aig a màthair.[538]

Cha robh cothrom air thalamh aig an labhraiche, aig Mac an Fhleisteir gu dearbh, air làmh a leithid de bhoireannach. An dràsta 's a-rithist, tha e a' beachdachadh air na dh'fhaodadh a bhith:

Na'm faighinn àit' agus dòigh air m' fhàrdaich
Gun tuille dàil ann gu'n iar[r]ainn Mòrag.[539]

Agus:

Dé na'm bithinn fhéin 'nam oighre
'S mi bhi 'gabhail còir air oighreachd;
'S luath a bheirinn bho na Goill thu
'S bhiodh tu 'n seilbh air fearann saor.[540]

Tha a chràdh a dh'fhuiling e air a chur an cèill gu mòr ann an àiteachan eile, agus e mar gum b' eadh a' toirt seachad comhairle dha fhèin:

A charaid òig, na bi thusa faoin,
Na cuir do dhòchas gu léir 's an t-saoghal;
No airson stòrais
No te bhios bòidheach,
Nach d' rinn thu fhòghlum gu bheil e faoin? [...]

Ged 's binne 'n òighe na'n smeòrach fhéin,
'S ged 's glaine gnùis leam na flùr air gheug;
Ged 's blàth a còmhradh
Na mhil a dh'òlainn,

[531] Ibid., td. 13.
[532] Ibid., td. 17; cuideachd ann an td. 24 agus td. 15.
[533] Ibid.
[534] Tha an dà chuid fuaigheal agus sgrìobhadh rim faotainn aig bàrd Ìleach eile, **Dòmhall Orra**, a bha ri bàrdachd san 19mh linn: ''S ghruagach a thaghainn mar chéile, / Té urramach, bheusach, gun sgàth, / A dh'fhuaigheadh, a sgrìobhadh, 's a leughadh, / 'S a chumadh mo léintean an àird' – 's iongantach gun do shoirbhich leis! Mac-na-Ceàrdadh, *Òranaiche*, td. 164. Tha mòran a bharrachd ann an cumantas eadar Orra agus Mac an Fhleisteir.
[535] Ibid., td. 12.
[536] Ibid.
[537] Ibid., td. 13.
[538] Ibid., td. 17.
[539] Ibid., td. 15.
[540] Ibid., td. 9.

Gu'm bi mi beò ged nach pòs i mi. [...]

Gur aithne fìor dhomh
Ciod è an t-iargain.
'S gur galar cianail a th' anns a' ghaol.[541]

An sàs ann am faireachdainnean? Rudeigin 'romansach'? Gun teagamh. Ach tha ceathramhan Mhic an Fhleisteir cuideachd so-chreidsinneach agus tarraingeach air a sgàth; tha an samhlachas sàr-bheachdail ann ach chan eil e ceannasach, agus chan e bruadar a tha seo. Gu dearbh, tha an labhraiche a' gabhail ris san fharsaingeachd nach e a phòsas am boireannach, agus gu h-annasach an coimeas ris na h-òrain-ghaoil eile, tha e a' beachdachadh air an duine a bu chòir a bhith aice: 'B' e mo dhùrachd is mo dhòchas, / Thu dhol còmh' ri òigear grinn'.[542]

Feuch nach misgear no fear òil e,
A bhios tric 's na tighean òsda;
Cha robh thu airidh air an t-seòrsa,
Dheanadh tu bean òg do rìgh.[543]

Ann an òran eile, tha e ag ràdh:

Guidheam dhi na's feàrr na tuathanach,
Duine uasal bhios làn stòrais;
Aig am bi deadh thuigs' is tuaiream,
'S a bhios ionnsaichte le fòghlum.[544]

Chan e nach eil e fhathast brùite, 'fo bhuaireas'[545]gum bi e a' call na tè – ma bha i riamh aige: 'Och! Och! gur truagh mi ma bheir iad uam thu'.[546] Ach cleas bàrd nas sine leithid Dhòmhnaill Orra, bidh e a' tionndadh moladh air a ghaol gu moladh air an àite às a bheil i; tha a bòidhchead a' riochdachadh smior an eilein.[547] 'S ann a tha e ag iarraidh nach trèig i an t-eilean, agus gum bi i faisg air ged a bhios i còmhla ri fear eile:

'S mur faigh mi 'n nìghneag 's gu'm bi 'm dhìth-sa,
Bidh mi fo mhìghean cho fad 's is beò mi;
Ach guidheam dhì-se bhi buan an Ile,
Gu seirceil, sìobhalt' aig Coille Reòbais.[548]

Tha gaol na chuspair ro chudromach aig bàird Ìleach fhoillsichte an 20mh linn, agus a h-uile fear dhiubh ach Teàrlach MacNìmhein air deagh chuideam a chur air. Gu tric coimeasgaichte le nàdar, chìthear fìor stoidhle agus ìomhaigheachd romansach. Ach tha cuideachd diofaran brìgheil eatarra: tha romansachas nas leasaichte aig Donnchadh MacIain agus Donnchadh MacNìmhein – nuair as fhaisge a tha e air obair Nèill MhicLeòid, agus a bhuidheann bhailteil, a thug buaidh mhòr air na bàird air fad. Bha iad uile ag obrachadh 's ag ath-obrachadh nòsan Gàidhealach a bha ann mar-thà, agus tha e mar agus gun do shìn deicheadan mu dheireadh an 19mh linn a-steach chun an 20mh linn, fiù 's gu na 1950an. Ma choimheadar air bàird na bu tràithe, tha deagh fhianais air mothachas romansach nam measg: aig Dòmhnall Orra gu h-ìre bheag, ach nas soilleire aig bàird nas àirde inbhe, gu h-ùidheil, leithid an lighiche, Deòrsa Caimbeul, a chleachdadh cuid den t-samhlachas àbhaisteach na òrain-ghaoil, no am ministear Niall MacNèill a dh'fhàg Ìle agus a rinn bàrdachd a mheasgaich

[541] Ibid. td. 7.
[542] Ibid., td. 9.
[543] Ibid.
[544] Ibid., td. 18.
[545] Ibid., td. 15.
[546] Ibid.
[547] Mar eisimpleir: ''S ann an Ile fhuair thu d' àrach,/ Ann an gleannan crìon fo'n àirigh' / Far am biodh ac' cuir is àiteach,/ Agus àireamh de chrodh laoigh', ibid. 9. Cf. Dòmhnall Orra: ''S gur onair am feasda do dh'Ile, / Do leithid de rìbhinn an[n] dh'fhàs!', Mac-na-Ceàrdadh, *Òranaiche*, td. 164.
[548] Ibid., td. 16.

taobhan maoth-inntinneach, clasaigeach is creidimh.[549] Tha comharran nas traidiseanta rin lorg ann an òrain Theàrlaich MhicNìmhein agus Alasdair Mhic an Fhleisteir, gu h-àraid, nuair a tha barrachd air cùl nan gnàth-ìomhaighean. Ach, bhiodh e ceàrr dìmeas a dhèanamh air òrain nas lìomhte milis an dithis Dhonnchadh oir b' ann a bha meas mòr aig daoine air an obair, agus bha feumalachd aig an òrain. Tha iad *a' soirbheachadh*, mar a chanadh Dòmhnall Meek,[550] air sgàth am port agus nithean eile a thuilleadh air am faclan. Agus, tha na h-òrain a' cur an cèill sealladh no feallsanachd mu na tha a' cunntadh: gràdh romansach, a' solarachadh don teaghlach, luach na beatha shìmplidh, bòidhchead nàdair – agus tha iad seo gu tric an aghaidh maoin is àrdan,[551] agus an t-saoghail nua-aimsireil . Tha tòrr a bharrachd aig na bàird ri innse agus iad a-mach air cuspairean eile aig cridhe iomairt an romansachais: cogadh agus impireileas.

3.3. Cogadh agus Impireileas

Bha na bàird Ìleach fiadhaich dìleas do Bhreatann agus a h-impireachd. Nan cuid bàrdachd, tha seo air a thaisbeanadh sa mhòr-chuid co-cheangailte ri moladh air gaisgeachd, cuspair a' chogaidh agus gu seachd àraid a' Chogaidh Mhòir, anns an do ghabh Donnchadh MacNìmhein agus Donnchadh MacIain pàirt. Chan eil an seasamh-sa na chùis-iongnaidh, ma ghabhar ris na thuirt Stuart Hall, gun robh cultar nam mithean 'saturated by popular imperialism' rè an ama dheatamaich sin, eadar na 1880an agus 1920an.[552] Dh'fhaodadh gun robh seo a cheart cho fìor mu Ghàidheil nan eilean agus a bha e mu luchd-obrach Shasainn. Ann an coimhearsnachdan na Gàidhealtachd, far an robh na h-uiread an sàs anns an arm, no eòlach air saighdearan sna colonaidhean, agus iadsan a chuir aghaidh ris na Gearmailtich, cha robh ceist ann mu bhith a' cur taic riutha agus ris an adhbhar air cùl nan cogaidhean. Thug an impireachd cothroman cosnaidh agus tuineachaidh do dh'iomadh Gàidheal agus Ìleach. Agus, feumar cuimhneachadh air buaidh nam pàipearan-naidheachd, na h-eaglais, agus nan sgoiltean – a bha, às dèidh 1872, air an ruith leis an stàit – ann a bhith a' sgaoileadh bheachdan agus ideòlas impireileis.[553] Bha an gràdh-dùthcha agus armailteachd (*militarism*) a bha cha mhòr fighte fuaighte ann an sealladh nam bàrd Gàidhealach san fharsaingeachd[554] aig amannan air a cur troimh-chèile nuair a dhèanadh bàird càineadh air

[549] Dòmhnull Orra, **Thug mi mo cheist duit mar chéile** ann am Mac-na-Ceàrdadh, Òranaiche, tdd 163-4; Deòrsa Caimbeul, **Fuirich a rìbhinn, phrìseal**, ibid., tdd 285-6, agus **Òran do Shìne Woodrow**, ibid. td. 468; Niall MacNéill, **Gearan gaoil**, ibid. td. 77, **Dealachadh**, ibid., tdd 82-3, **Lilidh**, ibid., td. 67, **Bòichead**, ibid. td. 70. Chaidh an cruinneachadh-sa fhoillseachadh ann an 1879, agus chuir MacNèill leabhar bàrdachd a-mach ann an 1872: Nigel MacNeill, *Neniae: with other poems* (Dùn Èideann: MacLachlan & Stewart).

[550] M.e. a' bruidhinn air 'Fàilte don Eilean Sgitheanach' le Niall MacLeòid, sgrìobh e 'this poem is one of the most successful songs of the nineteenth century. It is also helped by its fine tune which consistently maintains the majestic note of the opening verses and provides a counter-balance to its inherent nostalgia. This reminds us – once again – that popular nineteenth-century Gaelic song can be seriously misrepresented if the literary critical standards for written verse are too rigidly applied to it'. Meek, *Caran*, td. xxxiv.

[551] Air an làimh eile, mar a chunnacas, tha Mac an Fhleisteir ann an dà-rìribh a' moladh inbhe, foghlam is beairteas ged a bha esan às an aonais.

[552] Hall, 'Notes', tdd 229-30. A thaobh mar a bha seo ceangailte ri fèin-aithne Albannach, faic: David S. Forsyth, 'Empire and Union: imperial and national identity in nineteenth century Scotland', *Scottish Geographical Magazine*, 113:1 (1997), tdd 6-12; Richard J. Finlay, 'The rise and fall of popular imperialism in Scotland, 1850-1950', ibid., tdd 13-21. Airson beachd gu tur eadar-dhealaichte bho Hall is eile, gu bheil eachdraichean air làthaireachd na h-impireachd aibheiseachadh ann an cultar na ceanna-dùthcha: Bernard Porter, *The absent-minded imperialists: empire, society and culture in Britain* (Oxford: Oxford University Press, 2006).

[553] John M. MacKenzie, *Propaganda and empire: the manipulation of British public opinion*, 1880-1960 (Manchester: Manchester University Press, 1984), tdd. 2-3; airson impirealas ann an sgoiltean: tdd 174-97. Tha fios gun robh na Gàidheil a' sìor chur barrachd feum air pàipearan-naidheachd aig ceann an 19mh linn, agus òrain Ghàidhlig an dà chuid radaigeach agus glèidhteach a' nochdadh annta. Donald E. Meek, *Tuath is tighearna: an anthology of Gaelic poetry of social and political protest from the Clearances to the land agitation* (Dùn Èideann: SGTS, 1995), td. 11 agus passim.

[554] Meek, *Caran*, tdd xxiii; 295-6.

uachdarain Ghallta no cor sòisealta is cultarach an t-sluaigh.[555] Am measg nan Ìleach seo, ge-tà, cha robh an leithid, nuair a nochdas iad, gu follaiseach a' ceasnachadh iomairt na h-impireachd no an dleastanais fhèin.

Gun teagamh, bha impireileas làmh air làimh air romansachas.[556] Tha seo gu sònraichte fìor mu òrain Dhonnchaidh MhicIain: mura h-e gaol, 's ann a tha a chuid romansachas air a chur an cèill tro ghaisgeachd shàr-bheachdail. Tha seo coltach gu h-ìre ris a' bhàrd Ìleach ainmeil, Uilleam MacDhunlèibhe (1808-70), san t-seagh gur ann ro thric a bhios e a' coimhead air ais ann an eachdraidh – no a bheachd fhèin air eachdraidh, a' tarraing air seanchas mu na laoich Ghàidhealach agus an euchdan.[557] Chan e dàin fhada a bha e fhèin ris, ge-tà, ach mar as àbhaist òrain ghoirid ann an stoidhle 'traidiseanta' agus stèidhichte gu tric aig muir. Uaireannan bhiodh MacIain ag atharrachadh òran a bha ann mar-thà. Tha e coltach gun do chuir e ceathramhan ri **Am Bàta Rannach**, òran a bha air bilean an t-sluaigh agus a rinneadh le Iain MacCarmaig à Port na h-Abhainne,[558] ga thionndadh gu bhith mu dheidhinn mar a thrèig Sir Seumas MacDhòmhnaill, mac a' chinn-chinnidh mu dheireadh aig Dòmhnallaich Ìle, Aonghas, ann an 1615.[559]

"Nis fhearaibh, bithibh treubhach,
Sìol nan sonn nach géilleadh,
Na striochdaibh aona bheuma,
Is sibh de'n treubh bha ainmeil!"

Soraidh bhuan le Seumas,
Dòmhnullach measg cheudan thu,
'S iad rinn ort an t-eucoir,
'S tu nochd mar eun air shearbadh.[560]

'S iad eisimpleirean iomraiteach den aon seòrsa **Birlinn Ghoraidh Chróbhain** agus **Birlinn Cholla Chiotaich**, anns a bheil an aon ìomhaigheachd fhearail fhèitheach:

Fichead sonn air cùl nan ràmh,
Fichead buille lùghmhor,
Siùbhlaidh i mar eun a' snàmh,
Is sìoban thonn 'ga sgiùrsadh.[561]

San duanaig **Cuiridh mi dhiom an aireineachd**, a tha cuideachd stèidhichte air criomag beul-aithris, tha a' mhuir a' riochdachadh saorsa an taca ri obair an fhearainn a tha sgìtheil cuingealaichte.[562] Mar sin, tha am meatafor a' sìneadh ann an àiteachan eile gu na suinn a bhios a' seòladh oirre: 's ann a tha e nan nàdar fhèin a bhith do-smachdaichte.

[555] Silke Stroh, *Uneasy subjects: Postcolonialism and Scottish Gaelic poetry* (Amsterdam: Rodopi, 2011), mu bhàird Ghàidhlig agus coloinialas, tdd 198-200; agus radaigeachd Aimheit an Fhearainn, tdd 214-32.
[556] Chan fheumar ach smaoineachadh air traidisean an *Music Hall* a bha na thobar airson an dà rud. MacKenzie, *Propaganda*, tdd 57-63.
[557] Airson mar a bha buaidh Romansach Sheumais Mhic a' Phearsain coimeasgaichte le seanchas traidiseanta Oiseanach is gaisgeil ann an dàin-chogaidh MhicDhunlèibhe, faic: Christopher Whyte, 'William Livingston's "Na Lochlannaich an Ìle"', ann an J. Derrick McClure et al (deas), *A land that lies westward: language and culture in Islay and Argyll* (Dùn Èideann: John Donald, 2009), td. 185; agus Christopher Whyte, 'William Livingston / Uilleam MacDhunleibhe (1808-70): A survey of his poetry and prose', tràchdas PhD neo-fhoillsichte (Oilthigh Ghlaschu: 1991), passim.
[558] Mun òran-sa, agus cuideachd **'S e an Gille Dubh as Àille** (td. 11), tha e air a ràdh: 'Translation by the Author', gun fhiosrachadh air cò às a tha iad. Ann an dreachan clàraichte, ge-tà, chan eil ach an sèist, a' chiad dà rann agus an rann mu dheireadh air an gabhail – a' fàgail a-mach rainn 3-6 a tha san leabhar. Thathas an ìre mhath cinnteach gum b' ann le Donnchadh MacIain a tha na rainn seo, agus iad ag atharrachadh ciall an òrain. Johnston, *Crònan*, tdd 21-22. | Fhuaireadh fianais gum b' e am bàrd Iain MacCarmaig a rinn **Am Bàta Rannach** air tùs anns na clàraidhean: SA1968.083.A12a –A12b; SA1953.138.B7.
[559] Faic: Caldwell, *Islay*, tdd 100-1.
[560] Johnston, *Crònan*, td. 22.
[561] Ibid., td. 24.
[562] Ibid., td. 40, 'Tha mi sgith de'n obair thìr', 'S falbhaidh mi le na soithichean [...] Bidh mi dhìth air muinntir Ìl', Ach falbhaidh mi le na soithichean'.

Thigeadh dhuit-sa bhi dàn, 's iomadh nàmh th' air do thòir,
'S glan, siùbhlach i 'snàmh; birlinn ràmhach nan seòl,
'S i 'sgoltadh an t-sàil' air bàrr nan tonn mòr,
I 'ga iarraidh roimh chàch 's muir a' rànail m'a sròin.[563]

'S e tha fa-near do MhacIain cuimhne a ghleidheadh air 'Linn an Àigh' aig na Gàidheil, agus mar a bha Ìle aig a teis-meadhan. Tha e a' dèanamh sin chan ann a-mhàin sna h-òrain ach le a bhith a' mìneachadh na h-eachdraidh air an cùl ann am bonn-nòtaichean.[564] Tha na h-òrain eachdraidheil mar as trice co-cheangailte ri sgeul Chlann Dòmhnaill ann an dòigh air choireigin, 's urrainnear fiù 's **Birlinn Ghoraidh Chróbhain** a leughadh mar mholadh air tùsan sliochd Shomhairle mhic GilleBrìde. Tha e gu mòr a' caoidh cur-à-seilbh nan Dòmhnallach agus mar a fhuair 'Caimbeulaich bhoga Chaladair'[565] seilbh air an eilean mu thoiseach an 17mh linn.[566]

Fìor ghaisg' agus uaisle, b' e dualchas Chloinn Dhom'uill,
Sìol Ionndroim is Ile, bu rìoghail am pòr,
Chleachd thusa glé thràth bhi àghmhor mu'n bhòrd
Ann an òige do là, an Dun Naomhaig nan sròl.

An déidh gaillionn is gaoth, thig fèath agus ceò,
'S thig tarruing air maol dh'aindeoin duine tha beò,
'S thig thusa gun dàil le t-àrmuinn air dòigh,
'S chithear bratach gu h-àrd air faiche Chloinn Domh'uill.[567]

Cha tèid againn air a leithid de shàr mholadh a sgaradh bhon cho-theacs san deach a sgrìobhadh; tha an eachdraidh air a cur gu feum leis, dìreach mar a bha i le Uilleam MacDhunlèibhe san 19mh linn agus 's fhiach seo a sgrùdadh ann an aithghearrachd.

Ged a tha MacDhunlèibhe mar as trice air a chuimhneachadh airson nan dàn a rinn e air na fuadaichean, gu sònraichte **Fios thun a' bhàird**, airson na cuid a bu mhotha, b' e dàin-fhada chogaidh a bha e a' dèanamh. [568] Tha diofar bheachdan san litreachas air ciamar a mhìnichear poileataigs MhicDhunlèibhe maille ris a' mheas mhòr a bha aige air blàran. Ann an aon àite, tha Meek a' dèanamh a-mach gun do sheachain MacDhunlèibhe an seòrsa impireileas a bha aig Iain Caimbeul Leideig is a leithid, seach 's gum b' ann le seann chogaidhean nan Gàidheal agus nan Albannach a bha e air a bheò-ghlacadh an àite cogaidhean co-aimseireil Bhreatainn.[569] Air an làimh eile, chuir MacGill-Eain cuideam air an eas-aonta na chuid 'nàiseantachd': 'Livingston is so intent on proving Highland heroism that he does not examine the exercise of this heroism', mar a chìthear gu seachd àraid ann an **Duan-Geall** a tha a-mach air Cogadh a' Chrimea.[570] Ann an dà-rìribh – agus a' gabhail a-steach a chuid

[563] Ibid., td. 14.
[564] M.e. tdd 15-6, td. 24, td. 28, td. 40.
[565] Iain Taylor, *Place-names of Scotland* (Dùn Èideann: Birlinn, 2011), td. 42.
[566] The seo eu-coltach ri Donnchadh agus Teàrlach MacNìmhein. Chan eil Clann Dòmhnaill a' togail ceann nan obair idir, ged a thugadh àite cudromach dhaibh le MacIain, Uilleam MacDhunlèibhe agus Niall MacNèill. Chan ann a-mhàin sin, ach san òran-mholaidh, **Seinnibh leam an duan**, a rinn Teàrlach 'do'n uasal, Iain MacGhille-Mhoire, Ìle, air dha tighinn gu aois', tha e a' cliùthachadh nan 'Caimbeul[ach] a sheas gu dileas / [c]ùis an riogh'chd air iomadh dòigh'. BCC, td. 152. Thàinig John Granville Morrison (na b' anmoiche, Morair Mhargadal) gu aois ann an 1928. Fc. Margaret Storrie, *Islay: a biography of an island* (Ìle: Oa Press, 1997), tdd 201, 167. 'S dòcha gum b' e dòigh eile a bha seo ciall a dhèanamh de dh'eachdraidh ach cuideachd de shuidheachadh an ama. Bhiodh moladh air na Caimbeulaich, a' sealltainn taic cho-chòrdail don t-seasamh phrostanach Bhreatannach a bha iad a' riochdachadh. Air an làimh eile, tha Clann Dòmhnaill a' samhlachadh seasamh taobh a-muigh agus an aghaidh seo. | Thàinig John Granville Morrison (na b' anmoiche, Morair Mhargadal) gu aois ann an 1928. Fc. Margaret Storrie, *Islay: a biography of an island* (Ìle: Oa Press, 1997), tdd 201, 167.
[567] Johnston, *Crònan*, td. 14.
[568] Whyte, 'William Livingston', td. 281.
[569] Meek, *Caran*, td. xxxii: 'Although Livingston made creative use of the past, his awareness of historical precedent helped him to avoid the simplistic jingoism and militaristic naivety of later poets such as John Campbell of Ledaig, for whom imperial soldiering was very much a contemporary part of the Highland ideal. [...] Campbell's befuddled admiration for the kilted Gael's role in contemporary war-mongering contrasts sharply with the deep reflectiveness of Livingston, whose armies were essentially Gaelic and Scottish, rather than British and imperial'. Ach, faic bonn-nòta 581.
[570] MacGill-Eain, *Ris a' Bhruthaich*, td. 154.

rosg – ged a thog MacDhunlèibhe ceistean mu cheannsachadh tùsanaich nan colonaidhean,[571] ged a sheas e airson *mothachas nàiseanta* Albannach agus Gàidheil aig cridhe an nàisein sin,[572] cha robh e air chomas dha àite a lorg taobh a-muigh impireileas an ama.[573] A bharrachd air a bhith deònach buaidh an airm Bhreatannaich a pheantadh mar bhuaidh nan Gàidheal,[574] bha e taiceil ris an teaghlach rìoghail[575] agus a' dèanamh a' cheangail (a dh'fhàs cho bitheanta san 19mh linn) eadar na fuadaichean agus call neart an airm.[576] Bha taobhan dhe a fheallsanachd a' dol an aghaidh a' chèile agus, mar a thuirt Christopher Whyte, 's dòcha gum b' ann air an adhbhar sin a chuimsich e air cogaidhean fada air ais ann an eachdraidh – gun aige ri bhith a' rèiteach nan 'competing allegiances' a bhiodh an lùib nithean co-aimsireil.[577] Ach ma bha an gnè bàrdachd seo a' misneachadh nan Gàidheal mar mhion-shluagh, bha e cuideachd a' brosnachadh *leantalachd* an cuid gaisgeachd is àrmailteachd agus cha b' urrainn nach bitheadh sin air a thuigsinn san 19mh linn mar phàirt de dh'impireachd Bhreatainn.[578]

Thathas cinnteach gum biodh MacDhunlèibhe air fìor bhuaidh a thoirt air na bàird Ìleach a thàinig às a dhèidh, mar a bhitheadh an aon àrach a bha aca ann an dualchas an eilein. B' ann a bha MacIain a' daingneachadh chuspairean eachdraidheil a bha cho cudromach do dh'Uilleam Ìleach: Goraidh Cròbhan, Rìoghachd nan Eilean agus, mar a chìthear anns an òran **Càrn air a' Mhonadh** – *a chrùthaich* e air fonn Ìleach traidiseanta ach a chaidh a ghabhail a-steach don bheul-aithris mar òran àrsaidh[579] – an tachartas suaicheanta sin ann an eachdraidh nan Ìleach, Blàr Thràigh Ghruinneard (1598). Tha grunn adhbharan ann gun glèidheadh muinntir an eilein, gun luaidh air Muilich agus Gàidheil eile, cuimhne air a' chath-sa eadar Dòmhnallaich Ìle agus Clann GhilleEathain fo Lachainn Mòr Dhubhaird,[580] chun na h-ìre agus gu bheil e mar chlach-stèidh sa bheul-aithris. Bha e air fear de na blàran mu dheireadh eadar fineachan ann an Ìle, agus na bhuaidh iongantach do MacDhòmhnaill, anns an do bhàsaich ceann-cinnidh cumhachdach, Lachainn Mòr.[581] Na tobar math traidiseanta *agus* romansach, bha an sgeulachd cuideachd na shàr adhbhar moit agus gràdh-dùthcha, a'

[571] Whyte, 'Livingston', tdd 104-5.
[572] Ibid., td. 46. Thathas a' cleachdadh 'mothachas nàiseanta' an seo seach nàiseantachd no fiù 's proto-nàiseantachd, a' leantainn argamaid Neil Davidson. Bha MacDhunlèibhe àbhaisteach ann a bhith a' measgachadh Albannachd agus Breatannachd, agus ged a chuir e cuideam mòr air eadar-dhealachadh an nàisein Albannaich – iomairt a bha aig iomadach sgrìobhadair eile – bha am bun-bheachd seo fhèin dlùth-cheangailte ri agus *air a chruthachadh* anns an impireachd. *The Origins of Scottish Nationhood* (Lunnainn: Pluto Press, 2000), passim. Cuideachd, air 'dualities of consciousness', T. C. Smout, *A century of the Scottish People, 1830-1950* (Lunnainn: Fontana Press, 1997), tdd 237-9.
[573] Agus rinn Donald E. Meek an aon seòrsa phuingean ann an alt nas anmoiche: 'Livingston was a man trapped between worlds, old and new, between native island and adopted territorities, between Scotland and the British Empire; a man wrestling with conflicting emotions, tussling with the 'then' and the 'now [...]'. 'The world of William Livingston' ann am McClure et al, *A land that lies westward*, tdd 160-1.
[574] A-rithist, ann an **Duan Geall** mu Bhlàr Alma agus Balaclabha, Uilleam MacDhunleibhe, *Duain agus Òrain* (Glaschu: Archibald Sinclair, 1882), tdd 116-9.
[575] Whyte, 'William', td. 46; td. 100.
[576] Ibid., td. 284.
[577] Ibid., td. 101.
[578] Cf. ibid., tdd 198-9; agus Meek le co-dhùnadh car eadar-dhealaichte bho na thuirt e ann an *Caran an t-Saoghail*: 'I detect bloodthirsty contemporary nineteenth-century subtexts' sna dàin-fhada a-mach air cogaidhean eachdraidheil. Ach tha e a' toirt rabhadh ciallach: 'we must be careful not to allow our context to blight our appreciation of Livingston (as appears to have happened to a remarkable degree in Maclean 1985)'. 'The world of William Livingston', td. 163.
[579] M.e. SA1953.136.
[580] Lachainn Mòr *an Dà Chridhe*, mar a chante ris. Chaidh innse le Mac a' Chlèirich gun robh glainne-uarach air a leac-uaighe, agus bha daoine a' dèanamh dheth gum b' e dà chridhe a bha sin. SA1969.08.B4
[581] Tha Meek a' beachdachadh mun bhlàr agus na diofar sheanchasan Ìleach agus Muileach, ann an co-theacs dàn Uilleim MhicDhunlèibhe, **Blàr Thràigh Ghruinneart**, *Caran*, tdd 449-53, an seo td. 449. Airson eachdraidh is co-theacs a' bhlàir, faic: Caldwell, *Islay*, tdd 92-3. Am measg cuid de na clàraidhean Ìleach a tha a' toirt cunntas air, tha: SA1953.133.7; SA1953.135.B10; agus am bàrd Donnchadh MacNìmhein a' bruidhinn mu dheidhinn, SA1953.137.A11. 'S e an dreach sgrìobhte as fheàrr bho shealladh nan Ìleach, am fear le Mac a' Chlèirich: Gilbert Clark, 'The Battle of Tràigh Ghruinneart' ann an A. J. Bruford agus D. A. MacDonald, deas, *Scottish traditional tales* (Dùn Èideann: Polygon, 1994), tdd 429-34.

comharrachadh nuair a bha làmh an uachdar aig na Dòmhnallaich chliùiteach agus na h-Ìlich mar Ghàidheil.[582] Ann an **Càrn air a' Mhonadh**, chan eil MacIain a' toirt iomradh air na thachair sa bhlàr, 's ann a tha e ag innse mu mar a chaidh an curaidh, Aonghas Arannach, a ghiùlan do eilean a bhreith air dha bàsachadh sa chòmhraig air taobh nan Dòmhnallach. Tha am bàrd *a' tarraing air* na bha am blàr a' riochdachadh, agus ann an dìreach ceithir rainn, a' cur an cèill dìlseachd agus na dlùthachd a bha eadar Ìlich agus an co-luchd-cinnidh ann an Arainn is ceann a deas Earra-Ghàidheal.

> Togaibh an carragh, gach caraid is dìleas,
> Togaibh an carragh air mullach Bheinn Bhàin,
> Togaibh an carragh air talamh nan Ìleach,
> Arainn 's an t-sealladh dhuinn; togaibh an càrn![583]

A' moladh a' Chomuinn Ìlich ann an Glaschu, thuirt cathraiche na cuirm-bhliadhnail an 1924, 'It [an Comunn] inculcated local patriotism, and was the foundation of Imperial patriotism'.[584] Tha bàrdachd Dhonnchaidh MhicIain a' craobh-sgaoileadh na dearbh fheallsanachd mun aon àm; chan fheumar ach ruith air *Crònan nan Tonn* airson faicinn mar a tha cuspairean eachdraidheil co-mheasgaichte le òrain cho-aimsireil air cogadh is impireileas. 'S ann a tha gaisgich a' Chogaidh Mhòir mar mhac-talla air na suinn àrsaidh, agus a' cumail suas an sròl. Ann an **Tuireadh nan Treun** agus **Cumha Alasdair**, tha iad air an samhlachadh air dòigh a tha cho bitheanta ann am mòr-chultar na h-Alba: 'Luchd breacan an fhéilidh, roimh 'n teicheadh gach nàmh'[585]; 'luchd breacan an fhéil' le'n geur-lannaibh tana'.[586] Nas anmoiche, rè an Dàrna Cogaidh, rinn e òran air fad timcheall air an ìomhaigh: **Luchd nam Breacan**.[587] Chan eil Goill a' nochdadh anns na h-òrain: 's ann a tha iad a-mach air 'fir threun nam beann àrd',[588] no air gaisgeach 'o gharbh-chrioch nam beannaibh' agus 'o Aora nam bradan'.[589] Tuigear gum b' ann mu na rèisimeidean Gàidhealach a bha e a' bruidhinn, gu h-àraidh *A Company*, 8mh Earra-Ghàidheal san robh e fhèin agus na h-Ìlich.[590] Ach cha mhòr nach fhaighear am beachd gum b' iad '[g]illean grinn na Gàidhlig'[591] a-mhàin a bha a' sabaid. Tha fios gum bitheadh e a' measgachadh le Goill fad na h-ùine, fiù 's na chompanaidh fhèin.[592] Le a bhith a' mìneachadh a' chogaidh mar strì nan Gàidheal, tha e a' cur nar cuimhne air na sgrìobh an t- Ìleach Niall MacNèill do Rèisimeid Ghàidhealach Ghlaschu – foillsichte còig bliadhna às dèidh dhi a bhith air a cur air chois ann an 1868 – ann an **Dùisgeadh na Gàidheil**. Tha e a' leigeil air gun togadh i 'Bratach na Gàidhlig' agus, gu dearbh:

> Dùisgidh sibh anns na Goill –
> Naimhdean ar dùthcha –
> Gealtaireachd annt' mar thoill,
> Dh'fhàgas gun rùch iad. [...]
>
> Thig leibh a dhìon bhur còir

[582] Cha b' urrainn seo a bhith na bu shoilleire ann am MacDhunlèibhe, faic an rann a' tòiseachadh ' "A Chlann Dòmhnaill,/ Ma chailleas sinn an làrach / Càit am falaich sinn ar nàire [...]'. An sin, tha e a' ceangal nan Dòmhallach ri eachdraidh na h-Alba fhèin, agus na rinn iad aig Allt a' Bhannaich. Meek, *Caran*, tdd 322-4.
[583] Johnston, *Crònan*, td. 39. Tha e air a ghabhail le John Shaw an seo: SA1953.136.A3. Tha e gu math brònach a ràdh gun d' fhuair Shaw bàs aig muir dìreach ceithir bliadhna às dèidh a' chlàraidh ann an 1957, aig aois 19 bliadhna.
[584] Luaidhte ann an Roy M. Cameron, *The Glasgow Islay Assocation: a history* (Irvine: Paterson Print, 2012), td. 9.
[585] Johnston, *Crònan*, td. 37.
[586] Ibid., td. 20.
[587] Johnston, *Crònan* [eagran 1997], td. 69.
[588] Ibid., td. 37.
[589] Ibid., td. 20.
[590] Ibid. td. 19.
[591] Ibid., td. 69.
[592] Bho mheadhan an 19mh linn, co-dhiù, chan e daoine às an fhìor-Ghàidhealtachd no luchd na Gàidhlig a-mhàin a bha anns na rèisimeidean Gàidhealach. Diana M. Henderson, *Highland soldier: a social study of the Highland regiments, 1820-1920* (Dùn Èideann: John Donald, 1989), tdd 15, 18, 38. An dèidh sin, tha Henderson ag aithneachadh gum b' ann tric a chùmadh daoine às an aon sgìre còmhla san arm, td. 46.

O Ghoill a's o fhòirneart,
A ghleidheadh duinn samhuil glòir,
Mórachd Chlann-Dòmhnuill.[593]

An seo, bha MacNèill an dà chuid ag aibheasachadh cho Gàidhealach 's a bha an rèisimeid shaor-thoileach seo, agus a' coimhead le fiaradh romansach air a dreuchd. Gu h-ìre mhòr, b' ann a bha seo a dh'aona-ghnothach ach tha e doirbh smaoineachadh nach robh e ga mhealladh fhèin. 'S dòcha gum bite an dùil gu bheil 'Goill' an seo a' ciallachadh nàimhdean à dùthchannan-cèin, ach tha a' chiall-sa air a briseadh na mìrean ri taobh mìneachadh dhe na 'Gàidheil' a tha air an tuigsinn a rèir an cànain is àite an dùthchais – '[o] Eilein 's o Mhórthir'[594] na roinn-chultaraich thraidiseanta – agus a-rithist tha na Dòmhnallaich a' nochdadh mar acair am fèin-aithne. Gabhaidh e tuigsinn gu bheil am feachd seo a' taisbeanadh eadar-dhealachadh an dream, agus gun toir iad bàrr air Goill sam bith nan cuid catharrachd.[595] Ach tha am bàrd, mar gum b' eadh, a' cur dàil air creidsinn gum b' ann do Mhòrachd Bhreatannach gu deas a chruthaicheadh an rèisimeid, agus gun robh na bha ann an *Glasgow Highlander* bhon fhìor thoiseach gu math sùbailte.[596] 'S e eisimpleir air leth a tha seo, ach tha e a' leantainn an nòis aig MacIain, na bràithrean MacNìmhein, agus iomadach bàrd Gàidhlig eile ann a bhith a' cur mòr-chuideam air *miotas* Gàidhealach arm na h-impireachd, a' seachnadh sìon nach eil a' tighinn da rèir.[597]

Bha MacIain an sàs gu h-ìre fada nas motha agus nas fhollaisiche ann an ideòlas an impireileis na leithid Uilleim MhicDhunlèibhe. A thuilleadh air sgàig aibheiseach Cogadh a' Cheusair, 's fhiach e cuimhneachadh gun do thogadh ginealach MhicIain agus nam bàrd Ìleach eile aig ceann an 19mh linn nuair a bha impireileas poballach a' sìor dhol am meud. Shiubhail MacDhunlèibhe ann an 1870, agus às dèidh sin bha grunn iomairtean-airm air feadh an t-saoghail agus dùbhlain shusbainteach do cheannas Bhreatainn, a' tighinn gu ceann ann an Cogaidhean Afraga (1880-1 agus 1899-1902), a phiobraich fìor bhoile nàiseantach.[598] B' ann cuideachd anns a' cho-theacs seo a chaidh a' bhàrdachd romansach fo bhlàth, agus i a' cliùthachadh gaol, nàdar agus treubhantas nan saighdearan mu seach.[599] Dhiubh sin, b' e an Diùrach – cha mhòr na Ìleach e fhèin – Dòmhnall MacEacharna, fear den fheadhainn a bu daigne na thaic ris an impireachd, mar a chìthear ann an **Impireachd Bhreatuinn** agus **An Cogadh an Africa-mu-Dheas** a dh'fhoillsicheadh ann an 1904.[600] Anns na 1920an agus 1930an, bha Donnchadh MacIain a' dèanamh ùmhlachd don chlas-riaghlaidh agus do stèidh chonaltrach (*discursive*) an cumhachd, ann am **Marbhrann do Shir Dùghlas Héig**, **Marbhrann do Righ Deòrsa an Cóigeamh** agus **Fàilte Rìoghail Ghaidhealach**, airson Deòrsa VI. Mu bhàs Dheòrsa an Còigeamh, tha e ag innse:

---

[593] Mac-na-Ceàrdadh, deas., *Òranaiche*, tdd 59-60. Foillsichte an toiseach ann am *Bratach na Fìrinn* Leabhar 1, Pàirt 12 (Dùbhlachd 1873), tdd 189-90.
[594] Ibid., td. 60.
[595] Tha seo a' tighinn a rèir òran caran coltach le Niall MacLeòid, **Gàidheil an taoibh-tuath**, a rinneadh nas anmoiche, ann an 1881, do na Gàidheil 'a thàinig do Dhun-éideann gu cruinneachadh mór nan Saighdearan Saor-dheòin Albannach'. 'S iadsan fìor laoich a' chruinneachaidh, fad 's a tha 'Clann nan Gall' air am fàgail fann fliuch san uisge. MacLeòid, *Clàrsach an doire* (Dùn Èideann: MacLachlainn 7 an Stiùbhartach, 1883), tdd 96-7.
[596] Faic nòta 41; tha cunntas air tùsan Rèisimeid Ghàidhealach Ghlaschu san eachdraidh phoballaich aig Alec Weir, *Come on Highlanders! Glasgow Territorials in the Great War* (Stroud: History Press, 2009). Sa chaibideil 'Highland Origins' tha e ag innse gun deach a cruthachadh le 'exiles from the Highlands – or their fathers or grandfathers had been' (gun td.).
[597] Miotas a bha fasanta cuideachd sa chomann-shòisealta: John M. MacKenzie, 'Introduction', ann am MacKenzie, deas, *Popular imperialism and the military: 1850-1960* (Manchester: Manchester University Press, 1992), tdd 60-1.
[598] John M. Mackenzie, deas, *Imperialism and popular culture* (Manchester: Manchester University Press, 1986), tdd 2-3; Hall, 'Notes', tdd 229-30.
[599] Cha chanainn gu bheil Niall MacLeòid ann an *Clàrsach an doire* a' toirt prìomh àite do na cuspairean seo, ach gheibhear am moladh àbhaisteach air àrmailteachd nan Gàidheal: 'An cinneadh [...] nach d' thug an cùlthaobh riamh do 'n bhlàr, Gu 'm biodh iad saor bho chuing an nàmh' (td. 49), 'na laoich 'bha treun 's na blàir' (td. 91), a 'dhòirt am fuil air iomadh raon' (td. 61).
[600] Dòmhnull MacEacharn, *Am Fear-ciùil: Dàin, òrain, òraidean is sgeulachdan* (Dùn Èideann: Iain Grannd, 1910 [1904]).

Tha 'n Iompaireachd uile 's an cruinne gu léir,
Ag ionndrainn a' churaidh bha bunaideach geur,
A nochd anns gach cunnart a bhagair ar tìr,
Tuairam is tuigse is breathnachadh fìor.[601]

Ma bha e a' cumail suas an t-seòrsa dìlseachd a tha cho freumhaichte ann am bàird deireadh an 19mh linn, bha MacIain cuideachd ga daingneachadh aig àm nuair a bha Breatann ann an cruaidh-chàs, rè Mòr-Chrìonadh na h-eaconamaidh, agus nuair a bha coltas dhà-rìribh cugallach air an impireachd. Dhuinne an-diugh, tha e a' coimhead mar 's gun robh e a' greimeachadh air nì a bha a' sìor fhalbh leis a' ghaoith.[602]

Ge-tà, cha robh MacIain ri ath-aithris a-mhàin, thathas ag aithneachadh diofar anns an dòigh a tha e a' làimhseachadh cogadh fhèin an taca ris na ginealaichean roimhe. A dh'aindeoin 's gu bheil a' ghnàth-ìomhaigheachd ann am pailteas air trèine nan Gàidheal, mar innealan-catha 'gun sgath, [g]un strìochdadh, gun ghéilleadh'[603] , 's e *caoidh* a tha e ris cha mhòr an-còmhnaidh. Tha am fìor mhulad a tha air a cur an cèill mu chall a chaiptein, Alasdair MacArtair, ann an **Cumha Alasair**, no mun fheadhainn 'nach till gu sìorruidh a dh'ìnnseadh dhuinn sgeòil', ann an **Tuireadh nan Treun** mar phrìomh chuspair na chruinneachadh – glacte agus gu bheil e ann an structar agus stoidhle lìomhte.

Tillidh sruth air a' charraig 's seol-mar' air a' chaol,
Tillidh luibhean an Earraich is barrach nan craobh
Thig cuthag do'n doire le caithream a gaoil,
Ach na fiùrain òg, fhearail am fearann cha taobh.[604]

Gu dearbh, tha tuireadh a' toirt cumadh air *Crònan nan Tonn* gu lèir. Thathas air **Càrn air a' Mhonadh** ainmeachadh roimhe, far nach e sabaid ann am blàr ainmeil Thraigh Ghruinneart a tha air a comharrachadh idir ach cùram a ghabhail air fear a thuit, agus *urram a thoirt dha*. Tha na rainn a sgrìobh e do **Phìobaireachd Chailein Ruaidh Mhic Coinnich** cuideachd na chumha do '[c]huraidh ùr, òg; blàth nan treun, [m]arbh gun deò air an fhòid'.[605] Chan e co-thuiteamas a tha ann gun robh MacIain air a tharraing gu cuspairean dhen t-seòrsa seo. Ann an **An Guth**, a mheasadh le cuid co-dhiù mar an dàn a b' fheàrr sa chiad leth dhen 20mh linn,[606] 's ann a tha am bàrd a' tilleadh às dèidh 'cogadh mòr na h-Eòrpa' agus a' ceangal call a chompanaich '[m]easg oillt is uamhas càs' ri call nas motha buileach dhen bheatha agus dhe na càirdean a bha aige an làithean a òige.[607] An sin, tha e a' faotainn furtachd anns a' bheatha shìorraidh ann am feadhainn de na rainn as diadhaidh aige.

An taca ri Uilleam MacDhunlèibhe, no bàird na bu shine, chan eil MacIain a' cnuasachadh mòran mu chòmhraig fhèin. Ann an **Cumha Alasdair**, gheibhear boillsgeadh oirre ann an tuairisgeul goirid, sàr-bheachdail – ann an co-theacs, tha e cudromach a ràdh, sealltainn nach d' fhuair Caiptean MacArtair bàs gun adhbhar:

Aig "Hamil" nan euchd 'n àm froiseadh nam peilear [...]
'S luchd breacan an fhéil' le'n geur-lannaibh tana, [...]

601 Johnston, *Crònan*, td. 50.
602 Air an làimh eile, tha MacKenzie ag argamaid gun robh impireileas slàn fallain anns na 1920an agus 30an, gun robh e 's dòcha fiù 's na b' fhillte ann an cultar poballach aig an àm. *Propaganda*, tdd 11, 256.
603 Johnston, *Crònan*, td. 37.
604 Ibid.
605 Ibid., td. 35.
606 A rèir Duncan MacDougall a sgrìobh iomradh-bàis MhicIain. *An Gàidheal* 42 (1946-7), td 149. Chan eil Raghnall MacIlleDhuibh dhen aon bheachd ge-tà. Black, *An Tuil*, td. 734.
607 Johnston, *Crònan*, tdd 61-3.

Dol bras anns an streup a' toirt "Bheaumont" gu talamh.[608]

Sheachnadh MacIain mion-fhiosrachadh air beatha an t-saighdeir sna trainnseachan air sgàth 's nach biodh e freagarrach airson an t-seòrsa òrain a bhiodh e a' dèanamh – rachadh a leithid an aghaidh an dà chuid stoidhle agus feallsanachd an romansachais. Ach, saoilidh mi, cleas iomadh saighdear eile, nach robh e ag iarraidh bruidhinn mun chòmhraig. Fear a bha thall 's a chunnaic, chan eil e mar as trice a' glòrachadh gnìomh a' chogaidh no ri bàrdachd fhuileachdach, mar a bha an seann ghinealach, is iad a' brosnachadh nan àrmann air astar. Gu dearbh, ann am **Marbhrann do Shir Dùghlas Héig**, tha bàs a' cheannaird , a bha do MhacIain na 'ghaisgeach' a 'bheachdaich gu geur air a' chùis' agus '[a stiùir na] treun le tùr',[609] a' toirt air smaoineachadh mun chogadh is e ga thathaich ann an rann tiamhaidh:

Air aiseag do m' fhradharc tha 'n strì
'S tric rinn mo chlaoidh 's mi fann
Chan 'eil nuallan nan gunnan a dhìth,
Tha 'n ràinail glé chruaidh 'nam cheann,
'S mi faicinn a rithist gach nì
Gach ionnsuidh is ruaig a bh' ann
'S an casgradh a chath' air an fhrìth,-
Na gillean bho Thìr-nam-Beann.[610]

Dhuinne san latha an-diugh, tha e connspaideach iomradh ga thoirt air 'casgradh' fhaicinn co-cheangailte ri caithream do chliù Hèig – fear a chaidh a dhubh chàineadh dìreach beagan bhliadhnaichean às dèidh a bhàis, agus a tha air a chuimhneachadh airson beatha nan daoine a bha fodha ìobairt.[611] 'S ann a thathas a' dèiligeadh an seo ri tuigse MhicIain, saighdear an ama, agus chan eil teagamh aigesan mu cho-dhùnaidhean nan comanndairean, no cheartas a' chogaidh. Bha e cuideachd comasach gu leòr ceathramhan ionnsaigheach a chur ri chèile air àrmailteachd nan Gàidheal, gun smaoin air uabhasan cogaidh, mar a rinn e ann an **Luchd nam Breacan**. Rinneadh an t-òran ann an 1943, a' bhliadhna a ghèill arm na Gearmailt ann an Afraga a tuath, agus tha a' chiad bhuaidh seo do na h-*Allies* a' mìneachadh a dhèine. Ghabh MacIain air fhèin dleastanas a' bhàird air astar a' toirt urram do na gillean, agus 's ann a tha an tachartas air a thuigsinn mar phàirt de shreath fhada de bhuaidhean impireachd Bhreatainn. Na theachdaireachd, na dhòigh-lìbhrigidh, 's e mura-bhith a tha ann na chruinneachadh gu lèir.

Faic na seòid a' dol air ghleus,
Lem biodagan san àraich,
Fir nach tilleadh cas no ceum
An teas a' chatha ghàbhaidh. [...]

Aig Blàr na h-Olaind thug iad buaidh,
Aig Waterloo 's aig Alma,
Sna h-Innsean 's iad a shaor an sluagh,
Is bagairt chruaidh a' bhàis orr'.

Bha 'n euchdan mòr air crìoch na Fraing –
Cha ghabh an gnìomh sin àicheadh,
A' smùideadh Hamel sìos gun taing,
B[h]uail iad ris an làr e.

Le ionnsaigh gharbh, ri toirm nam pìob,
Len gunnachan 's len stàilinn,
Sguab iad Rommel às le sgrìob,

[608] Ibid. td. 20.
[609] Ibid., td. 56.
[610] Ibid., td. 56.
[611] Faic: Keith Simpson, 'The reputation of Sir Douglas Haig', ann am Brian Bond, deas, *The First World War and British military history* (Oxford: Oxford University Press, 1991), tdd 141-62.

’S ruaig iad e tron fhàsach.[612]

Thathas air cuimseachadh air obair Dhonnchaidh MhicIain an seo, dè mu dheidhinn a cho-aoisean? Tha Alasdair Mac an Fhleisteir às an àbhaist san t-seagh nach mòr gu bheil mìr aige ri ràdh mun impireachd no cogadh, ach airson an tròp a gheibhear an lùib caoidh nam fuadaichean: fhuaireadh cuidhteas ‘na balaich bha cruaidh ann ’s a sheasadh ri cruadal / ’s iad a dhìonadh an dùthaich ’s a chrùnadh a ceann’.[613] Ge-tà, tha e na chùis-iongnaidh nach eil e a’ dol nas fhaide na seo, agus a’ toirt seachad bheachdan air na cogaidhean a thug buaidh air an sgìre aige ri a linn. B’ urrainnear tuairmse a dhèanamh gun deach cuid mhath dhe a òrain a dhèanamh na dhuine òg, mu na 1880an is 1890an, treis ron Chogadh Mhòr.

Air an làimh eile, tha impireileas fèin-mhisneachail ri fhaotainn gu bitheanta aig na bràithrean MacNìmhein le chèile. A dh’aindeoin ’s gun robh e an sàs sa Chabhlach Rìoghail rè Cogadh a’ Cheusair, tha Donnchadh MacNìmhein mar as àbhaist a’ siubhal nas fhaide air falbh bho thuairisgeul fiorachail air cogadh no gaisgeachd na MacIain. Tha an nì deireannach a’ togail ceann gu sàr-bheachdail, mar eisimpleir, anns na dàin eas-cruthach air **Dòchas** no **Cadal**, .i.:

’S tric a thug thu [Cadal] fois do’n ghaisgeach,
Tacan mu’n do thòisich blàr;
’S tric a chuir thu e ’na laighe
Chlaidheamh glact’ aige ’na laighe
’S dh’ùraich thu e rithist le spionnadh,
Chùm bhi dol an aghaidh nàmh.[614]

Coltach ri MacIain, agus a’ leantainn traidisean-impireileis nam bàrd, tha e air uairean a’ comharrachadh nam prìomh shoirbheasan cogaidh anns an do ghabh na Gàidheil pàirt mhòr, agus Beaumont Hamel a-rithist a’ seasamh a-mach. ’S ann a tha an eachdraidh seo na dearbhadh air dùthchas nan Gàidheal:

’Si Tir nan laoch a choisinn cliu,
Air iomadh raon le’n gaisgealachd,
Aig Balaclàbha tha i dearbhte,
Air Alma ’s aig Sebastapol.

Có ach na Gàidheil, clann mo rùin,
A dh’fhàg cho saor a dachaidhean,
’S a thairg gach braon de’m fuil do’n Chrùn
’S a dhearbh aig Beaumont Hamel e.[615]

Ann an **An téid thu leam a rìbhinn donn** tha e a’ co-mheasgachadh treubhantas, moladh dùthaich/nan daoine, a bharrachd air gaol. An sin, tha e a’ toirt dhuinn sàr aithris air an fheallsanachd romansach: ‘Dà ni anns an toir Gàidheal buaidh, ’[s] e gaol is gaisge mar bu dual’.[616] Gun teagamh, tha gràdh agus cogadh air an snìomh ri chèile ann an corra eisimpleir eile mar a bhite an dùil. Tha **Bruadar an t-Saighdeir**, a tha a’ dèanamh iomsgaradh eadar a’ bheatha phàrrasail san eilean agus beatha nan trainnsean, a’ cur nar cuimhne air **Sìne Bhàn** le MacIain: ‘’s có bh’agam ri m’ thaobh ’n àite Màiri, mo ghaol, [a]ch an gunna gorm, caol, is an stàilin’.[617] Ge-tà, air cho lìomhte ’s a tha làimhseachadh MhicIain, tha co-dhiù ceangal aige ris an fhìrinn. An seo, tha am bàrd fhèin ri bruadar air suidheachadh anns nach robh e riamh agus tha e doirbh gabhail ris na faireachdainnean a tha air an cur an cèill. Tha am mac-meanma air a chur gu feum cuideachd ann am fìor chumha **Do Alasdair**

[612] Johnston, *Crònan* [1997], td. 69. Cf. **Buaidh leis an fhèile phreasach** le Eòghann MacColla (1808-98) ann an *Clàrsach nam Beann* (Glaschu: Archibald Sinclair, 1886) td. 48.
[613] Mac an Fhleisteir, *Luinneagan*, td. 11.
[614] BCC, td. 101.
[615] Ibid., td. 45.
[616] Ibid., td. 53.
[617] Ibid., td. 23.

Mac Fhearghais, ‘a thuit anns an Fhraing, 14th October, 1915’.[618] ’S e an labhraiche mas fhìor leannan an t-saighdeir MacFhearghais, a’ caoineadh ri linn a bhàis. Dh’innseadh gum b’ ann ‘mu ghlinn ghorm Chill-chomain’[619] a thogadh e, ach chan eil an còrr fiosrachadh ann mu dheidhinn, oir tha an t-òran a-mach air an dàimh agus sgeulachd-ghaoil a chruthaich am bàrd. Tha seo gar cur tuathal: tha sinn an dà chuid ro dheònach creidsinn gum b’ e cùis-mhulaid chianail a bha anns a’ bhàs do theaghlach agus (ma bha tè aige) do ghaol an òigeir, ach a’ diùltadh ìomaigheachd fhuadain an òrain. ’S dòcha, ge-tà, nach robh seo fìor do mhuinntir an àite mun àm, agus gun do dh’obraich an t-òran mar bu chòir: gus cuimhne a chumail air fear nach do thill.

Chan eil iomradh aig Donnchadh air na dh’fhiosraich e ‘an seirbhis chruaidh an Righ’[620] – nas lugha fiù ’s na MacIain. Às dèidh sin, chan e ach pàirt de sgeul a’ Chogaidh Mhòir a tha anns na thachair thall san t-sabaid, mar a thuigeas sinn ann an cumha gu sònraichte cumhachdach air a bheil **Mar chuimhneachan air Ealasaid Nic Dhòmhnuill**. An seo, ’s e an saighdear, MacNìmhein fhèin, a tha a’ caoidh bàs a mhàthar seach an rathad eile. Air an dealachadh leis a’ chogadh, tha am bàrd a’ cur fhaclan ri a chràdh, nach d’ fhuair e cothrom a mhàthair fhaicinn a-rithist. Tha an cumha sìmplidh ach sguabte den romansachas ghnàthaichte.

Bidh cuimhn’ agam gu bràth air
A’ mhaduinn sin a dh’fhàg mi,
Nuair ghlac i teann air làimh mi
Cho faillineach aosd [...]

Cha bhiodh mo chridh’ cho brùite,
Ar leam, na’n robh mi dlùth dhi,
’S gu’m faca mi an t-sùil sin
’Ga dùnadh ’sa bhàs.

Tha fhios a’ m gu’m b’ e ’dùrachd
’San àm, gu’n robh mi dlùth dhi;
Ach cha robh agam saorsa
’S chan fhaodainn bhi ann,
Bho cheangal teann mo dhùthcha,
Le càbhlach nan crann lùghmhor,
Air bharraibh nan tonn dùbhghorm
An taobh so de’n Fhraing.[621]

Rinn a bhràthair, Teàrlach MacNìmhein, òran air tubaist an **Otranto**, air fear dhe na tachartasan a bu mhotha a thug buaidh air Ìle rè a’ Chogaidh Mhòir.[622] Dìreach mu dhà mhìos ro long-bhriseadh HMS Iolaire ann an Leòdhas, chaidh an Otranto sìos faisg air an eilean air ‘an seathamh latha [...] air mios deireannach an fhoghair’,[623] an Dàmhair 1918, air dhi bualadh ann an HMS Kashmir ann an stoirm. Bha i a’ giùlan shaighdearan Aimearaganach airson na Fraing, agus cha tàinig ach 21 às beò de na 489 a bha fhathast air bòrd, a’ gabhail a-steach a’ chriutha.[624] A’ cur ris a’ chùis-bhròin, ’s e gun robh tachartas den aon seòrsa ann na bu tràithe sa bhliadhna, nuair a chuireadh toirpead ann an SS Tuscania dlùth ri Ìle sa Ghearran nuair a chailleadh 245,[625] ach cuideachd gun robh an cogadh an impis tighinn gu crìch san t-Samhain. Air mhodh fìorachail, tha Teàrlach gu h-èifeachdach a’ dèanamh cinnteach gun toirte an aon spèis dhaibhsan ’s a bheirte ri saighdear sam bith eile a thuit:

[618] Ibid., td. 121.
[619] Ibid., td. 121.
[620] Ibid., td. 124.
[621] Ibid., tdd 125-6.
[622] Tha e air aithris le Hugh Duncan: SA1970.62.B6.
[623] BCC, td. 151.
[624] R. Neil Scott, *Many were held by the sea: the tragic sinking of HMS Otranto* (Plymouth: Rowman & Littlefield, 2012), td. 110. Chaidh còrr is 500 neach a shàbhaladh le HMS Mounsey ron seo. Ibid., tdd 83-98.
[625] Ibid., td. 111.

Is ged nach d' fhuair iad cùis air Nàmhaid,
Fhuair iad bàs a cheart cho dileas:
Fhuair gach dhiubh bàs mar ghaisgeach,
Fad o dhachaidhean a shinnsear.

Tha e cuideachd a' daingneachadh na rinn na h-Ìlich às leth na feadhainn a bhàsaich, agus na h-aoigheachd – air a meas cho bunaiteach ann an cultar nan Gàidheal – a thugadh dhaibhsan a mhair beò.

Thiodhlaic sinne iad leis gach urram,
A b' urrainn sinn a chur air saighdear;
Chaidh am pasgadh mar bu mhiann leo,
Anns a' Bhrataich Stiallaich Reultaich;
Is am beagan a bha beo dhiubh,
Nochdadh coibhneas mòr is bàidh dhoibh:
Fhuair iad dion is blàthas is fasgadh,
'S tric a thaisbeanaich na Gàidheil.[626]

Tha impireileas poballach –nàiseantachd Bhreatannach co-naisgte ris an impireachd[627] – mar chonaltradh ga fhoillseachadh ann an diofar shuidheachaidhean le Teàrlach MacNìmhein. Ann an **Òran do ghille òg aig Cogadh Afraga** tha eisimpleir ùidheil againn a rinneadh do dh'Ìleach gun ainm a chaidh a shabaid an aghaidh nam *Boers*, uaireigin eadar 1899 agus 1902. Tha e ag ràdh, '[d]h'fhalbh thu, sheasamh còir do dhùthcha, '[c]humail coinnimh ris na Dùidsich'.[628] Chan eil a sheasamh leth cho làidir ri Dòmhnall MacEacharna a rinn subhachas gun do dh'fhàgadh 'Olaindich fo ùmhla, [a]gus Dùitsich [...] fo chìs',[629] ach tha e gun teagamh a' toirt cùl-taic don iomairt gus smachd fhaotainn air a' cheàrnaidh agus a goireasan. Na leithid de sheirbheis, tha an seann adhbhar-pròis sin, '[b]uaidh no bàs gu bràth mu'n striochd'[630] air a chur gu feum eagallach.

Nas anmoiche, 's dòcha gu bheil atharrachadh anns an t-seanchas[631] nuair a thig e gu bruidhinn mun Chogadh Mhòr; an uair sin, tha e air innse ann an òran an **Otranto** gun robh na feachdan Aimeireagach 'dhol a sheasamh saors' an t-saoghail', agus a' riochdachadh '[b]ratach shaors' o dhaors' a naimhdean'.[632] Chan eil an conaltradh air 'saorsa' a' briseadh bhon impireileas a chunnacas roimhe – amharasach 's gu bheil iad ri taobh a' chèile – tha e fhathast ann an co-sheirm le propaganda na stàite agus leis an ìomhaigh libearalaich a thugadh do dh'impireachd Bhreatainn gu h-àraid mun àm-sa.[633] Ach, tha saorsa cuideachd a' nochdadh ann an òran aig Donnchadh, **Blàr Waterloo**, nuair a bha 'stàilinn fir nam féile' na acainn aig impireachd sheirceil air stad a chur air Napoleon: '[a c]hlaidheamh ciontach le fuil mhìltean/ air laighe ìosal, briste, pronnte'.[634]

Chan eil Teàrlach a' bruidhinn mu chogadh san dòigh romansaich mhaoth-inntinnich a bha aig MacIain no a bhràthair Donnchadh – ged a tha fhathast coltas rudeigin 'sàr-bheachdail', gun atharrachadh, air tuairisgeul na

[626] BCC, td. 151. Dh'innis Peggy Earl mun oidhirp mhòir a rinn boireannaich an eilein bratach Aimereaga a chur ri chèile airson mairbh an Tuscania. SA1969.028.B2-3. Chaidh dàn a sgrìobhadh le Aimearaganach, L. B. Mitchell, mar thaing dhaibh, agus rinneadh dàn eile sa Bheurla air an Otranto le tè Katie MacLellan. Airson mar a dhèilig na h-Ìlich ris na bha ann de chuirp a' tighinn air tìr, bha Calum MacLachlan an làthair agus a' cuideachadh: SA1969.145.B5. Cuideachd, tha fiosrachadh inntinneach aig a' Mhorair George Robertson seach 's gun robh a sheanair, Malcolm MacNeill, na phoileas os cionn na h-iomairt gus na cuirp a dhearbh-aithneachadh: 'The Loss of the Troopships Tuscania and Otranto', <http://www.islayinfo.com/lord_robertson_islay_troopships.html /> [ruigte 20.5.14].
[627] MacKenzie, deas, *Imperialism and popular culture*, td. 9 agus passim.
[628] BCC, td. 144.
[629] MacKechnie, *Am Fear-ciùil*, td. 65.
[630] BCC, td. 144.
[631] *Narrative*, san t-seagh seo.
[632] BCC, td. 151.
[633] Porter, *Absent-minded imperialists*, td 255, 306-7; MacKenzie, *Propaganda*, tdd 256-7.
[634] BCC, td. 75-6.

gaisgeachd ann am moladh traidiseanta cuideachd.[635] Tha iomradh inntinneach neo-romansach againn air cogadh, ann am **Banais Chorsapuil**, agus e a' sèapadh a-steach gu òran àbhachdach a' comharrachadh banais san eilean, gu beatha làitheil mar gum b' eadh:

> Tha 'm pòsadh dhìth 's an rioghachd so, 's e sin aon ni tha dearbhte:
> Tha feum air tuille shaighdearan chum oillt chur a' Ghearmailt.[636]

Chan e fìor thagradh a tha seo idir ach fealla-dhà airson crìoch a chur air an òran. Tha teansa gum biodh e air a' chàraid phòsta a nàrachadh, agus bhiodh an luchd-èisteachd cuideachd air caithream a dhèanamh do a leithid de shlaic air an nàmhaid.

3.4. Co-dhùnadh

Choinnich sinn anns a' chaibideil seo ri ceathrar bhàrd Ìleach a chaidh fhoillseachadh san 20mh linn, b' iad: Alasdair Mac an Fhleisteir à Baile a' Ghràna; Teàrlach agus Donnchadh MacNìmhein à Cill Chomain; agus Donnchadh MacIain à Lag a' Mhuilinn. Chaidh na cruinneachaidhean de bhàrdachd aca fhoillseachadh anns na 1920an, agus 1930an. Cha d' fhuaireadh sgeul air bàrdachd Ìleach a chaidh fhoillseachadh às dèidh seo, agus tha sin fhèin a' comharrachadh gluasad cultarach, agus lagachadh anns an dualchas. Rinneadh argamaid gu bheil 'romansachas' gu mòr ri fhaicinn ann an cuid den bhàrdachd seo. Tha Teàrlach MacNìmhein na b' fhaisge air bàrdachd nas traidiseanta, a' bruidhinn mu dhaoine agus tachartasan anns a' choimhearsnachd. Agus, ged a tha fìor bhlas romansach air cuspairean agus ìomhaigheachd Alasdair Mhic an Fhleisteir, tha cuideachd feartan nas traidiseanta na chuid òran, is e gu math onarach agus a' dèanamh thuairisgeulan fìorachail. 'S e Donnchadh MacNìmhein, 'am Bàrd', a rinn an uiread a bu mhotha de dh'òrain agus dàin, agus tha romansachas gu math follaiseach na iomadh òran-gaoil, agus -nàdair, anns a bheil gnàth-ìomhaigheachd shàr-bheachdail agus faireachdainnean maoth-inntinneach. Ach, bha cuid de a bhàrdachd na bu traidiseanta, agus rinn e òrain air grunn chuspairean anns a' choimhearsnachd agus, mar gum b' eadh, a' seasamh airson 'luachan na coimhearsnachd' – eadar a bhith a' dìon na Gàidhlig, seann chleachdaidhean leithid iomain, agus frithealadh na h-eaglais. Rinn Donnchadh MacIain òrain-ghaoil rudeigin maoth-inntinneach, ach bha e gu sònraichte measaile air òrain 'ghaisgeil' agus 'eachdraidheil' a tha cuideachd gu h-ìre mhòr sàr-bheachdail, agus anns a bheil tomhais mhath de chianalas. Tha na tha ann de romansachas anns a' bhàrdachd Ìlich a' sealltainn gun robh i fo bhuaidh coimhearsnachd Ghàidhlig a' bhaile-mhòir, agus cuideachd gur dòcha nach robh traidisean na bàrdachd anns an eilean cho seasmhach fèin-fhoghainteach mu thoiseach an 20mh linn. Tha fios againn gun do dhrùidh àrd-riochdaire an romansachais, Niall MacLeòid, air a h-uile fear aca ann an diofar dhòighean. 'S e ideòlas a bha ann an romansachas a bha a' freagairt ri Gàidheil fhògrach nam bailtean – agus b' iad Gàidheil *mheadhan-chlasach* a bha ga chur air adhart – is iad a' coimhead air ais le cianalas air an t-seann bheatha. Ach, tha gun robh e a' faighinn àite ann an coimhearsnachd Ghàidhlig fhèin 's dòcha a' sealltainn nàdar de dh'eileachadh (*alienation*) agus cruth-atharrachadh anns a' chomann-shòisealta.

A thuilleadh air romansachas, agus co-cheangailte ris, chunnacas gun robh na bàird a' cur an cèill impireileas poballach, a' tarraing air an dà chuid an traidisean àrmailteach Ghàidhealach agus cultar poileataigeach Bhreatainn. Bu chòir dhuinn a bhith faiceallach mu bhith a' smaoineachadh gu bheil a' bhàrdachd a'

[635] Cf. Donald John MacLeod ag innse, ann an co-theacs eadar-dhealaichte: 'The scenic beauty of the place is also idealised, *but this is a feature of the village bards' poetry also and is, of course, a requirement of the eulogy convention*' [mo chuideam], 'Twentieth century Gaelic literature: a description, comprising critical study and a comprehensive bibliography' (Oilthigh Ghlaschu: tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1969), td. 258.
[636] BCC, td. 156.

riochdachadh a h-uile duine anns a' choimhearsnachd, no na dhearbhadh air fèillmhorachd an ideòlais, ach gheibhear teachdaireachd shoilleir de ghràdh-dùthcha Breatannach, taic ri iomairt na h-impireachd agus ris na Gàidheil a bha a' sabaid às a leth. B' ann a bha seo na phàirt bhunaiteach de fheallsanachd triùir den cheathrar bhàrd às an 20mh linn. Rinn dithis dhiubh, Donnchadh MacNìmhein agus Donnchadh MacIain, sabaid anns a' Chogadh Mhòr agus tha seo ga làimhseachadh nan cuid bàrdachd. Tha na h-eisimpleirean de dh'impireileas cuideachd a' sealltainn mar a bhiodh na bàird a' ceangal ri poileataigs an latha, a' faighinn bheachdan is luachan bho na meadhanan is eile, agus a' coileanadh dreuchd le bhith gan sgaoileadh am measg an t-sluaigh nan cuid òran.

Caibideil a Ceithir: Òrain agus buaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich chun nan 1960an

'S an uair a shuidheamaid mu 'n bhòrd
Cha b' e 'm buideal beag ar leòir,
Ach togsaid de 'n fhìon dhearg ar còir,
A' tigh'nn á stòr na Frainge.

O, mo ghaol air Ìle an fheòir,
Far an d' fhuair mi m' àrach òg;
Far am bheil na h-uaislean còir,
Bu toil leò ceòl a's dannsadh![637]

Bho thàinig cruinneachadh Elizabeth Kerr gu crìoch mu thoiseach an 20mh linn cha robh oidhirp air beul-aithris a thional ann an Ìle chun nan 1950an.[638] Anns a' bheàrn fhada sin, bha an Cogadh Mòr, staing eaconamach, an Dàrna Cogadh agus na h-atharrachaidhean mòra a thàinig nan cois. Mar sin, bhiomaid an dùil gum biodh a bhuil 's a bhlàth aig a h-uile rud a bha seo air na toraidhean. Thadhail Calum Iain MacGillEathain air Ìle às leth Sgoil-Eòlais na h-Alba anns an Iuchar agus san Lùnastal 1953.[639] Anns an ùine ghoirid a bha e ann rinn e clàradh de chòrr is 200 rud eadar òrain, naidheachdan is eile bho mu 39 neach. Ged a gheibhte fiù 's barrachd nithean – agus fìor sheann neamhnaidean – anns na h-eileanan mu thuath, tha na clàraidhean seo a' sealltainn pailteas luachmhor de bheul-aithris, agus a' dearbhadh gun robh cultar Gàidhlig fhathast beòthail am measg cuid ann an Ìle ann am meadhan an linne. Tro obair MhicGillEathain, 's ann a tha sinn *a' cluinntinn* nan daoine airson a' chiad turais, agus a' faighinn blasad dem pearsantachd. Chìthear gun urrainn seo a bhith ag atharrachadh mar a thuigeas sinn òran sgrìobhte, agus mar a smaoinicheas sinn air na fiosraichean fhèin.

Às dèidh Chaluim MhicGillEathain bha grunn iomairtean-cruinneachaidh eile ann. Ann an 1966, rinn Myrtle Eadie agus Deborah Nic an Deòir[640] à Port Asgaig àireamh de dh'agallamhan beul-aithris; san aon bhliadhna, thàinig fear mòr ann an Sgoil-Eòlais na h-Alba, Alan J. Bruford; agus bha Iain Friseal a' sireadh fiosrachadh mu ainmean-àite eadar 1967 agus 1968. Fhuaireadh a' chuid a bu mhotha de nithean ann an 1968 agus 1969, nuair a bha Bruford agus Dòmhnall Eàirdsidh Dòmhnallach a' cruinneachadh san eilean. Bha iad air an cuideachadh le Màiri Dhòmhnallach – a bha na h-Ìleach agus ag obair don Sgoil-Eòlais – agus bho 1969 chùm i oirre air a ceann fhèin chun nan 1970an. Bha Iain MacAonghais cuideachd ann an Ìle ann an 1970.

'S e a tha fa-near dhuinn sa chaibideil seo beachdachadh air na h-òrain – an gnè beul-aithris as motha anns na cruinneachaidhean seo, agus tè nach do nochd ach gu h-ainneamh na bu tràithe, m.e. ann an cruinneachadh Elizabeth Kerr. Tha ùidh againn ann am mith-òrain den t-seòrsa seo, cleas Ghramsci, air sgàth 's gun robh iad air an cumail suas leis na daoine, 'because they conformed to their way of thinking and feeling' agus gu bheil

[637] Bho 'Moladh na Lanndaidh'. Gilleasbuig Mac-na-Ceàrdadh, deas, *An t-Òranaiche: no co-thional taghte do òrain ùr agus shean, a' chuid mhòr dhiubh nach robh riamh roimhe ann an clò* (Glaschu: Mac-na-Ceàrdadh, 1879), tdd 52-53.
[638] Tha eisimpleir air rannsachadh de sheòrsa eile ann, ge-tà: thàinig Nils Holmer chun an eilein anns an Iuchar agus san Lùnastal 1936 airson fiosrachadh cànanach a thrusadh mar phàirt den sgrùdadh aige air dualchainnt Ghàidhlig Earra-Ghàidheal. Tha e ag ràdh, 'I stayed in the Rhinns (chiefly Port Charlotte), and had the good fortune to live with a family who spoke most idiomatic Gaelic'. *Studies on Argyllshire Gaelic* (Uppsala, 1938), td. 5. Ged a fhuair e fiosrachadh cuideachd bho mhuinntir Ghiogha (cha mhòr a h-uile duine!), muinntir Chinn-Tìre, agus an Eilein Sgitheanaich airson coimeis, bha an liosta-briathrachais agus fuaimneachaidh a rinn e stèidhichte gu h-ìre mhòr air an stuth Ìleach (Ibid, td. 114). 'S e tùs cudromach a tha seo air dualchainnt an eilein.
[639] Chùm MacGillEathain leabhraichean-là fad 's a bha e ag obair air a' Ghàidhealtachd. Tha fios gum biodh beachdan geura aige mu na fiosraichean agus na bha aca. Gu mì-fhortanach, cha robh an leabhar airson na bliadhna a bha e ann an Ìle ri lorg.
[640] Tha mi an dùil gur e Heather Nic an Deòir a tha seo, a thug seachad fiosrachadh glè mhath ann an agallamh TM9.

iad a' riochdachadh dòigh air coimhead air an t-saoghal agus air beatha.[641] Tha sinn airson faighinn a-mach dè na seòrsaichean de dh'òrain a tha rim faotainn, dè tha iad ag innse dhuinn mu chultar nan Ìleach agus nan Gàidheal. Cò tha a' nochdadh annta agus cò nach eil? Agus dè as aithne dhuinn mun fheadhainn a rinn iad agus a bhiodh gan gabhail? A' leantainn air a' chaibideil mu dheireadh mu na bàird foillsichte san 20mh linn, bu mhath leinn obrachadh a-mach gu dè cho mòr 's tha an cuid làthaireachd anns a' chruinneachadh, agus dè na diofaran a tha eadar an cuid òran agus òrain ionadail eile à Ìle. Bidh sin gar toirt gu bhith a' leudachadh air àite agus buaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich air cultar an eilein. Agus mu dheireadh, bu mhath leam cunntas beag a thoirt air dithis Ìleach a tha airidh air fada a bharrachd cliù airson na rinn iad airson tional beul-aithris Ìleach: an cruinniche, Màiri Dhòmhnallach, agus an seanchaidh, Gilbert Mac a' Chlèirich.

Tha am fiosrachadh air a bheil na leanas stèidhichte air a roinn ann an dà leth: cruinneachadh 1953 de chlàraidhean-fuaim le Calum Iain MacGillEathain; agus cruinneachadh 1966-1969 le diofar dhaoine, ach gu h-àraid le Alan J. Bruford, Dòmhnall Eairdsidh Dòmhnallach agus Màiri Dhòmhnallach. Tha mòran chlàraidhean às dèidh 1969, ach 's e obair mhòr gu leòr a bha ann dol tron fheadhainn chun nan 1960an. Thruiseadh fiosrachadh mu dheidhinn nan clàraidhean Ìleach an toiseach le bhith a' rùrach anns an stòr-dàta dhidseatach aig Sgoil-Eòlais na h-Alba. Bho nach eil a h-uile rud anns an stòr-dàta, thathas cuideachd air cur ris na toraidhean sin grunn chlàraidhean eile às Ìle anns an làraich-lìn Tobar an Dualchais. 'S e pròiseas toinnte a bha seo leis nach eil a h-uile rud 'Ìleach' an-còmhnaidh air a chomharrachadh. Thathas an dùil, ge-tà, gun d' fhuaireadh fiosrachadh air an ìre mhath a h-uile clàradh a rinneadh ann an Ìle eadar 1953 agus 1969, ach tha deagh theans gu bheil cuid ann fhathast nach do lorgadh.[642]

4.1. Geàrr-chunntas air Cruinneachaidhean 1953 agus 1966-69

Ann an Clàran 7 agus 8 gheibhear sealladh farsaing air na tha anns na clàraidhean-fuaim a rinneadh an Ìle gu 1969. Thathas air gabhail ris na tuairisgeulan a thug luchd-clàraidh na Sgoil-Eòlais orra agus, airson a bhith mionaideach, air am fàgail ann am Beurla. Ach thugadh tuairisgeulan Gàidhlig air clàraidhean nuair a bha sin a dhìth agus nuair nach robh iad a' dol leis na tuairisgeulan a bha ann mar-thà. Thathas an uair sin air na diofar ghnèithean a sheòrsachadh ann am buidhnean ciallach.

641 Antonio Gramsci; David Forgacs and Geoffrey Nowell Smith, deas, *Antonio Gramsci: selections from cultural writings* (Cambridge MA: Harvard University Press, 1991), td. 195.

642 (a) Clàraidhean Ìleach a rinn Calum MacGillEathain an 1953. Ann an stòr-dàta didseatach Sgoil-Eòlais na h-Alba (209 clàradh): SA1953.117-119, 133-140, 143. Nach robh san stòr-dàta (20 clàradh anns a bheil Bella Chamshron): SA1953.125-130.

(b) Clàraidhean Ìleach a rinneadh eadar 1966 agus 1969. San stòr-dàta dhidseatach (329 clàradh): SA1968.90-95; SA1969.06, 08-16, 145, 147, 151-153. Nach robh san stòr-dàta: le Myrtle Eadie agus Deborah Nic an Deòir (8 clàraidhean), SA1969.111, 112; le Alan J. Bruford (24 clàraidhean), SA1966.029-031; le Bruford agus D. A. Dòmhnallach (17 clàraidhean) SA1968.083-086; le Iain Friseal (9 clàraidhean), PN1967.021, PN1968.008-011, SA1968.098; le Màiri Dhòmhnallach (91 clàradh), SA1969.025-030, 142, 144. Nuair a bha nithean à àiteachan eile a' nochdadh ann an gin de na sreathan seo cha robh iad air an cunntadh.

Clàr 7: Gnèithean de bheul-aithris Ìleach ann an Cruinneachadh 1953

Òran	
Iomlan	**159**
Naidheachd	
Anecdote	12
Historical tradition	10
Tale	5
Robber anecdote	3
Local legend	1
Bawdy gauger story	1
Drowning incident	1
Strong man tale	1
Naidheachd èibhinn	7
Iomlan	**41**
Os-nàdarra	
Supernatural	3
Supernatural tale	3
Fairy tradition	2
Evil eye	1
Supernatural creature	1
Animal cures	1
Witches (shape-shifting)	1
Verse to return milk profit	1
Iomlan	**13**
Fiosrachadh	
Information on Islay	4
Islay placenames	2
Biography of bard	2
Biography	1
Iomlan	**9**
Eile	
Instrumental	4
Poem	1
Verse	1
Seanfhacal	1
Iomlan	**7**
UILE GU LÈIR	**229**

Tùs: Clàraidhean Sgoil Eòlais na h-Alba. Faic: nòta 642.

Clàr 8: Gnèithean de bheul-aithris Ìleach ann an Cruinneachadh 1966-1969

Òran	
Iomlan	**158**
Naidheachd	
Anecdote	18
Historical tradition	15
Tale	7
Strong man	4
Smuggling story	2
Shipwreck, treasure	3
Fugitive	1
Tall tale	1
Legend	7
Naidheachd èibhinn	5
Murt	1
Iomlan	**64**
Os-nàdarra	
Fairies	23
Belief	11
Evil eye	11
Cure	10
Supernatural creature	7
Death omen	7
Witches	2
Ghosts	1
Changeling	3
Animal cure	1
Animal lore	2
Mermaid	1
Herdswoman	1
Naidheachd os-nàdarra	2
An dà-shealladh	1
Fàidheadaireachd le claigeann caorach	1
Iomlan	**84**
Eachdraidh-beatha	
Biography	11
Autobiography	11
Biography of bard	10
Biography of wild man	1
Rats, war reminiscences	1
Iomlan	**34**

Fiosrachadh	
Saying	27
Information on Islay	46
Information on songs	2
Placenames	8
Piping information	1
Information about stories	1
Information on song collection	1
Communications	1
Wedding customs	1
Facail	1
Whisky	2
Court cases	1
Halloween saying	1
Feast days	1
Illicit stills	3
Clearance	1
Sabbath observance	1
Churches	1
Information on sport	1
Luadhadh	1
Nòsan	4
Eòin	1
Ainmean-àite agus far-ainmean	1
Iomlan	**108**
Eile	
Verse	19
Riddle	5
Children's rhyme	2
Heroic lay	1
Toast	1
Ceòl ionnsramaid	1
Altachadh	1
Iomlan	**30**
UILE GU LÈIR	**478**

Tùs: Clàraidhean-fuaim Sgoil-Eòlais na h-Alba. Faic: nòta 42.

Seach 's gu bheilear a' cuimseachadh air na h-òrain, cha tèid cus a ràdh mu ghnèithean eile. Anns gach cruinneachadh tha barrachd òran na sìon sam bith eile. Gu follaiseach, 's e seo am prìomhachas a bha ann don luchd-clàraidh an taca ri iomairtean-cruinneachaidh na bu tràithe.[643] Ach, fad 's a tha iad a' dèanamh suas mu 70% de thoraidhean 1953 (159 a-mach à 229), chan eil ach mu thrian de chlàraidhean 1966-69 nan òrain (158 a-mach à 478). Na b' anmoiche, mar sin, b' ann a bha iad a' sireadh farsaingeachd de bheul-aithris. Tha 'fiosrachadh' an uair sin gu math cudromach – air Ìle, agus air iomadh cuspair bho uisge-beatha, ainmean-àite agus nòsan – agus tha àireamh cuimseach mòr de dh'eachdraidh-beatha. Tha naidheachdan, a tha air an sgaradh an seo eadar cuid a tha saoghalta agus os-nàdarra, gu math pailt anns an dà chruinneachadh. Gu cudromach, chan eil sinn a' bruidhinn mu dheidhinn uirsgeulan no sgeulachdan-gaisge. B' e Elizabeth Kerr a sgrìobh an fheadhainn mu dheireadh an Ìle, agus tha fiosrachadh inntinneach aig Gilbert Mac a' Chlèirich gun robh iad aig athair, a bha beò gu 1938, ach *nach biodh e gan aithris*.[644] An dèidh sin, tha fìor leantainneachd aig na naidheachdan beaga seo a' dol air ais chun na feadhainn neo-fhoillsichte anns an 'Liosta Ghàidhlig' aig Iain Òg Ìle (1862). Mar eisimpleir, an sin agus ann am meadhan an 20mh linn, gheibhear na faoinsgeulan mu Mhaol Dòraidh,[645] Breacan,[646] an t-Ollamh Ìleach,[647] agus naidheachdan os-nàdarra leithid 'Mise mi fhèin',[648] 'Am pìobaire san uaimh',[649] eich-uisge,[650] agus sìthichean suas gu ar n-ugannan. Thathas air roghainn a dhèanamh de chuid de na h-ainmean agus àiteachan a tha a' nochdadh ann an naidheachdan an 20mh linn ann an Eàrr-ràdh 4. Air uaireannan, tha naidheachdan agus òrain no rainn a' dol ri chèile. Mar eisimpleir, tha naidheachd ann mun duine fhiadhaich, 'An Reubhair', a loisg an taigh aige air oidhche a bhainnse, agus òran 'Banais an Reubhair'.[651] Agus tha an t-sàr sgeulachd mu 'Shaighdear MacCòrcadail agus a' Chailleach' ri faotainn ann an 1953 agus anns na 1890an, ach an uair sin bha cuideachd pàirt de dh'òran mun bhiodaig sheunta aige a chleachd a' Chailleach na aghaidh.[652] Mar a chì sinn, tha naidheachdan mun uisge-bheatha agus saoghal na tarraing mhì-laghail is cùiltearachd, a' snìomh ri chèile ri òrain na dibhe. Ach, feumar cuimhneachadh cuideachd gun robh mòran de na seann òrain ag obrachadh mar sgeulachdan iad fhèin.[653]

[643] Cho fad 's as fiosrach chan eil òran – seach rainn – a' togail ceann ann an cruinneachadh Iain Òg Ìle, tha corra dheagh eisimpleir a thruis Elizabeth Kerr ge-tà anns na 1890an. M.e. moladh is dì-moladh Bheinn Tart a' Mhill, MML5175a.2; òran-tàlaidh, MML6408; 'Chuir iad an t-sùil à Pilat bàn', MML5179a.1, agus mar sin adhart. Cha robh gin de na h-òrain seo air an clàradh san 20mh linn. (Làmh-sgrìobhainnean Sgoil-Eòlais na h-Alba).

[644] Màiri Dhòmhnallach (MD): 'Now you'd never hear the folktales?' Gibidh Mac a' Chlèirich (GM): 'No, no.' MD: 'They weren't told at all?' GM: 'They weren't. Small stories, but not the old, long folk tales. They were dead before my day [rugadh e ann an 1904]. My father had them.' MD: 'Did he speak to you about them?' GM: 'He did not. That was the tragedy. My father had a lot of old folktales from an old man, Gilleasbui', who was steeped in history, and all the old... he came from Conisby.' SA1982.236.

[645] J. F. Campbell, *Popular tales of the West Highlands* [PTWH] IV (Dùn Èideann: Edmonston and Douglas, 1862), tdd 379-401, àireamh 221 agus 198; SA1953.133.6.

[646] PTWH IV, ibid, àireamh 225; SA1969.12.A4.

[647] PTWH IV, ibid, àireamh 243; SA1966.111.

[648] PTWH IV, ibid., àireamh 109; SA1968.95.B11.

[649] PTWH IV, ibid, àireamh 222; SA1953.137.A2.

[650] PTWH IV, ibid, àireamh 373; SA1953.136.A16.

[651] SA1969.06.B4; SA1969.06.B5.

[652] SA1969.06.B5; MML5369a.1, cuideachd MML5366.

[653] Maighread A. Challan, *Air bilean an t-sluaigh: sealladh air leantalachd beul-aithris Ghàidhlig Uibhist a Tuath* (Béal Feirste: Cló Ollscoil na Banríona, 2012), td. 67.

Clàr 9: Gnèithean de dh'òrain an Ìle ann an Cruinneachadh 1953

Gaol	
Man's love song	26
Love song	12
Woman's love song	7
Lament/love song	2
Sailor's love song	1
Rejected man's song	1
Dialogue, courtship song	1
Gearan is gaol	4
Iomlan	**54**
Dùthaich/Eilean	
Homeland song	23
Homeland, translated song	1
Iomlan	**24**
Àbhachdach	
Humorous song	11
Bachelor song	1
Humorous song of wedding	1
Song about wedding	1
Comic courtship song	1
Comic night visiting song	1
Satirical song	1
Iomlan	**17**
Cumha	
Elegy	4
Lament/lullaby	1
Lament	1
Lament for cockerel	1
Iomlan	**7**
Fuadach/Imrich	
Eviction song	3
Exile's song	1
Clearance	1
Iomlan	**5**

Muir	
Sea (sailing) song	5
Sea (boat) song	2
Sea song	1
Sea (fishing) song	1
Sailor's song	1
Iomlan	**11**
Deoch	
Illicit still song	2
Drinking song	2
Anti-drinking song	1
Iomlan	**5**
Obair	
Waulking song	3
Milking song	1
Iomlan	**4**
Eile	
Port	14
Gaelic song	4
Local composition	3
Complaint song	3
Pibroch song	2
Song in praise of Highland regiments	2
War song	1
Song in praise of hunting	1
Song in praise of plaid	1
Nature song	1
Seumasach	1
Iomlan	**33**
UILE GU LÈIR	**159**

Tùs: Clàraidhean-fuaim Sgoil Eòlais na h-Alba

Clàr 10: Gnèithean de dh'òrain an Ìle ann an Cruinneachadh 1966-1969

Gaol	
Man's love song	26
Love song	22
Woman's love song	3
Woman's song	1
Courtship song	1
Iomlan	**53**
Àbhachdach	
Comic song	7
Satirical song	5
Married man's complaint	2
Married man's song	1
Wedding song	1
Bawdy song	1
Iomlan	**17**
Ionadail	
Local song	20
Iomlan	**20**
Dùthaich/Eilean	
Homeland song	14
Iomlan	**14**
Muir	
Sea (shipwreck) song	2
Sea (boat) song	2
Sea (sailor) song	1
Sailor's song	1
Iomlan	**6**

Cumha	
Lament	10
Iomlan	**10**
Eile	
Gaelic song	7
Port	7
Drink song	2
Macaronic song	2
Irish song	3
Elegy	1
Song to lighthouse	1
Pibroch song	1
Cradle song	1
Dandling song	2
Jacobite song	2
Lying song	1
Song to strong woman	1
Salm	4
Òran-creideimh	1
Gearan, fuadaichean	1
Mu shonas	1
Iomlan	**38**
UILE GU LÈIR	**158**

Tùs: Clàraidhean-fuaim Sgoil Eòlais na h-Alba

A' chiad rud a bu chòir dhuinn tuigsinn mu na seòrsaichean de dh'òrain a chaidh a chlàradh ann an 1953 agus bho 1966 gu 1969 – Clàran 9 agus 10 – 's e gu bheil na seòrsaichean fhèin rudeigin neo-earbsach. A-rithist, b' ann a bhathas a' cumail ris na bha aig luchd-obrach na Sgoil-Eòlais, agus corra uair b' urrainnear deasbad a dhèanamh mun co-dhùnaidhean.[654] Ach 's e an trioblaid as motha gu bheil òrain gu bitheanta a' freagairt ri diofar sheòrsaichean: dh'fhaodadh gu bheil 'gaol' mar phàirt de dh'òran-'mara', no gu bheil moladh-dùthcha, ga mheasgachadh le òran-imrich.[655] Tha roinnean den leithid feumail airson òrdugh a dhèanamh air na toraidhean, ach chan e smior na fìrinne a tha annta. Sa bhad, chìthear gur iad na h-òrain-ghaoil as lìonmhoire, agus tha iad a' dèanamh suas mu thrian de gach cruinneachadh. An uair sin, 's e am measgachadh de dhiofar òrain anns a' bhuidhinn 'Eile' as pailte – tha seo a' gabhail a-steach phort à beul, òran-molaidh, corra òran Seumasach is mar sin. Agus tha na toraidhean anns gach clàr faisg air a chèile leis gu bheil òrain àbhachdach – sa bheil aoirean aotroma, òrain-shuirghe is -bhainnse – agus òrain-dùthcha gu math cudromach. Mar as àbhaist, ach chan ann an-còmhnaidh, tha na h-òrain-dibhe àbhachdach cuideachd, ach b' ann a bha iad a' faireachdainn mar bhuidheann fa leth. Nam briseamaid suas na h-òrain ionadail, agus tha 20 dhiubh ann an Clàr 10, lorgte an sin òrain-ghaoil, -dùthcha is eile cuideachd. Tha seo uile a' tighinn a rèir na deilbh a tharraing Dòmhnall Meek air bàrdachd Ghàidhlig an 19mh linn:[656] 's e tha againn mith-òrain, seach bàrdachd nas fhaide, gheibhear measgachadh de bhàrdachd-choimhearsnachd cuimseach traidiseanta air tachartasan agus daoine àraid, tha 'faireachdainnean' pearsanta bitheanta, gu sònraichte am measg nan òran *pop* fo bhuaidh an romansachais, agus tha cuspairean leithid eilthireachd, agus seòladh, cuideachd a' nochdadh. Tha fios gun do rinneadh cuid mhath de na h-òrain anns a' chiad leth den 20mh linn, ach thathas den bheachd gum b' ann san 19mh a rinneadh a' mhòr-chuid. 'S e glè bheag de dh'òrain a thathas ag aithneachadh a tha nas sine na sin. Chìthear nach do lorgadh ach ceithir òrain-obrach ann an 1953,[657] agus chan eil gin nas anmoiche. Tha seo iongantach, agus eadar-dhealaichte ri sgìrean Gàidhealach eile.[658] Ged a dh'fhaodadh cuspairean creideimh a bhith a' togail ceann aig amannan, m.e. ann an cumhaichean, tha na toraidhean seo uabhasach saoghalta. Tha ceithir sailm agus aon laoidh a-mhàin rim faotainn agus iad uile bhon aon duine.[659] Saoilidh mi gu bheil seo na chomharra air eachdraidh àraid an eilein, far an robh traidisean na soisgeulachd lag agus far an do sguir na h-eaglaisean a bhith a' cleachdadh Gàidhlig na bu tràithe na na h-eileanan mu thuath (faic Caibideil 5).

[654] M.e. 'S e 'song in a praise of a ship' a bha aca air 'Bheir mi cliù don Eilean Mhòr', ged as e òran-dùthcha a tha ann. SA1953.139.A9. Thathas air seo atharrachadh. Cuideachd, chan eil corra sheòrsa ro fheumail, leithid 'Gaelic song'!
[655] F.c. Challan, *Air bilean*, td. 67.
[656] Donald E. Meek, *Caran an t-saoghail: anthology of 19th century Scottish Gaelic verse* (Dùn Èideann: Birlinn, 2003), tdd xxv-xxxviii.
[657] A thuilleadh air na trì òrain-luaidh mum bruidhnear fhathast, bha cuideachd òran-bleoghainn, 'Thoir am bainne dhomhsa am bainne', air a ghabhail le Peigidh NicGilleBhràth. SA1953.139.A8.
[658] Airson Uibhist a Tuath: Challan, *Air bilean*, tdd 67-70.
[659] Niall MacGilleBhràth à Port na h-Abhainne – baile san robh deagh thaic ris an Eaglais Shaoir. Am measg na bha aige bha: 'Dhia, d' Fhìrinn is do Sholas Glan' (Salm 43: 3-4), SA1966.030.A3; 'Beannaicht' gu robh gu Sìorraidh Buan' (Salm 72: 18-19), SA1966.030.A2; agus 'Is È Dia Féin as Buachaill Dhomh' (Salm 23:1-2), SA1966.030.A4. Nas anmoiche, chaidh dreach àlainn den t-salm mu dheireadh a chlàradh aig Alasdair 'an t-Saoir' MacEacharna às a' Chill, còmhla ri Gilbert Mac a' Chlèirich: PN1970.041.

4.2. Na fiosraichean

Coltach ris na h-iomairtean-cruinneachaidh san 19mh linn, tha pailteas de dh'fhiosrachadh ùidheil mun fheadhainn a bha air an clàradh, an dà chuid anns na tuairisgeulan a dh'fhàg muinntir na Sgoil-Eòlais agus uaireannan ann an agallamhan fèin-eachdraidh.[660] Am measg nam prìomh fhiosraichean fireann ann an 1953 tha Dùghall Mac a' Ghobhainn (1800an anmoch – 1950an anmoch) a bha na oibriche-fearainn a thogadh ann am Baile a' Ghràna.[661] Thug esan seachad an uiread as motha de dh'òrain sa chruinneachadh sin, agus uile gu lèir; chaidh 37 dhiubh a lorg, agus bha cuideachd 12 naidheachd is eile aige. An uair sin, bha 24 naidheachdan is eile aig Ùisdean MacMhuirich[662] (1878-1968) a bha na thuathanach aig Àird na h-Uamha, faisg air Port Asgaig; bha 14 òrain aig Niall MacCalmain (1917-2002), a rugadh sa Ghart Loisgte is a thogadh am Bogh Mòr agus a bha na uidheam-innleadair (*mechanical engineer*); am bàrd fhèin, Donnchadh MacNìmhein (1880-1955) a ghabh seachd òrain agus còig naidheachdan; agus fear Ùisdean MacDhonnchaidh[663] (1894-1971), a bha na ghàirnealair do dh'Oighreachd Ìle, agus aig an robh 10 òrain agus dà nì eile.

Ann an cruinneachadh 1966-69, chlàraich Seumas Mòr MacArtair (1905-1987), a bha na iasgair agus maraiche marsanta à Port na h-Abhainne, barrachd na neach sam bith eile: 59 nithean gu h-iomlan, 11 òran nam measg. Bha na bràithrean, Dòmhnall (1890-1971) agus Niall (1892-1980) MacFhearghais, à Bun Othain cuideachd a' seasamh a-mach, a' clàradh 58 nì còmhla – mu 38 dhiubh le Dòmhnall na aonar. Ach 's e naidheachdan agus fiosrachadh a bha acasan sa mhòr-chuid.[664] Airson òrain a ghabhail, bha an àireamh a bu mhotha aig Iain MacEòghainn à Port na h-Abhainne, agus 28 aige a thuilleadh air 10 nithean eile; agus, Iain Ceannadach (1894-1988) à Bogh Mòr, le 17 òrain agus 28 pìosan fiosrachaidh

Bha mu 59 fiosraichean fireann anns an dà chruinneachadh còmhla, ach cha robh ach 14 fiosraichean boireann ann (agus ceathrar a-mhàin ann an 1953).[665] An taca ri làthaireachd shusbainteach nam ban ann an tional beul-aithris na bu tràithe, 's e uiread gu math beag a tha seo (mu 19%), agus chan eil ach mu cheathrar a thug seachad còrr is deich nithean.[666] Dè as coireach? Dh'fhaodadh gun robh an àrainneachd chultarach air atharrachadh, gu h-àraid anns na 1950an, agus bhathar ag aithneachadh nam fear mar ùghdarrasan, mar na prìomh 'sheanchaidhean'. 'S dòcha gun robh e ann am pàirt na chomharra air mar a dh'fhalbh gnèithean beul-aithris a bha cudromach do bhoireannaich – leithid òran-luaidh is obrach. Cuideachd, ged a tha sàr eisimpleirean de a chaochladh, dh'fheumar beachdachadh air claon-bhreith an luchd-chlàraidh fhirinn.[667] A' sgrùdadh na thruis Màiri Dhòmhnallach leatha fhèin ann an 1969, lorgadh gun robh boireannaich ann am mu 50% de a cuid chlàraidhean mar phrìomh no co-fhiosraiche. Tha seo a' cur taic ris a' bheachd gun robh gnè an neach-chlàraidh

[660] M.e. tha Alasdair Lògan MacArtair à Port Ilein/Lag a' Mhuilinn ag innse mu a bheatha agus a theaghlach. SA1969.14.A4. Tha Iain MacEòghainn à Port na h-Abhainne ag innse mu òige, a' falbh casrùisgte don sgoil agus ga seachnadh! SA1969.16.A1. Agus 's ann a tha Calum Morgan MacLachlainn à Cille Chomain – agus caraid don bhàrd, Donnchadh MacNìmhein – a' bruidhinn mu bhith ag obair do thuathanach, agus a bhith dol don chùirt airson sabaid le poileas is e fo smùid. SA1969.145.B4; SA1969.145.B10.
[661] Bho seo a-mach fhuaireadh bliadhnaichean-breith is bàis, agus fiosrachadh bunaiteach eile bho chlàraidhean Sgoil-Eòlais na h-Alba agus cuideachd bho làrach-lìn Tobar an Dualchais <http://tobarandualchais.co.uk/>.
[662] Ewen (Hugh) Currie a bha air na thuairisgeul.
[663] Hugh Duncan.
[664] Chùm Niall MacFhearghais a' dol leis fhèin gus 63 naidheachd is pìos-fiosrachaidh a chlàradh gu 1970, a' faighinn cuideachadh bho Ghilbert Mac a' Chlèirich agus Màiri Dhòmhnallach. Tha e ainmichte airson 83 nì uile gu lèir ann an clàraidhean Tobar an Dualchais, 's dòcha an uiread as motha aig Ìleach.
[665] Mar sin, bha mu 73 fiosraiche gu h-iomlan anns an dà chruinneachadh: 39 ann an 1953 agus 34 ann an 1966-1969.
[666] Dhiubh sin, bha Bessie NicDhùghaill air a clàradh còmhla ri Peadar MacDhùghaill ann an 1969.
[667] F.c. Challan, *Air bilean*, td. 9.

a' dèanamh diofar, ach cha tugadh sùil air na chlàraich i às dèidh 1969.[668] Am measg na feadhainn as cudromaiche, ann an 1953 bha Bella Chamshron à Baile a' Ghràna a rugadh ann an 1900. Bha deich òrain aice – a' gabhail a-steach a dhà a rinn a h-uncail, Alasdair Mac an Fhleisteir – agus 10 naidheachdan. Nas anmoiche, chlàraich Peggy Earl (1904-1978) a bha na tidsear ann am Port Ilein, 27 nithean, 6 dhiubh nan òrain. Bha i glè mhath air naidheachdan agus dh'fhoillsich i leabhar Beurla dhiubh.[669]

Rinn Teàrlach MacNìmhein 'Òran don bhan-treabhaiche Ìlich'[670], agus ann an 1968 tha sinn fortanach gun deach an tè fhèin a chlàradh. Thathas a' dèanamh dheth gun tug Flòraidh Nic a' Phì (1884 - ?) às an Losaid, mu 13 òrain, 3 rainn agus 9 rudan eile – bha i cuideachd a' bruidhinn còmhla ri dithis eile. Gu h-inntinneach, bha i a' coimhead air a beatha 's a beòshlaint air dòigh eadar-dhealaichte ri mar a chaidh bruidhinn mu deidhinn le MacNìmhein is eile. An àite a bhith a' cur an aon chuideim air a bhith a' dèanamh obair 'fhireannaich' na h-òige, b' ann a bha i – le taic bho Mhàiri NicArtair, agus ann an còmhradh ri Dòmhnall Eàirdsidh Dòmhnallach – ga chur an cèill gun robh i *ag obair gu cruaidh* agus *comasach* air grunn rudan a dhèanamh, agus bha sin fìor aig àm a' chlàraidh nuair a bha i 84, agus i 'pasgadh na h-olainn fhathast' is 'a' *babysite*adh'.[671] Thuirt Iain 'An Coileach' MacArtair nuair a bha i na b' òige, 'laigheadh i air an ùrlar agus chuireadh iad baga sìl, sé buiseal, dà cheud is dà fhichead punnd, air a driom, agus dh'èiricheadh i dìreach thar an ùrlar! [...] Dh'èiricheadh i dìreach a-suas!'. Thuirt i gum biodh i ag obair aig 'na tuathanai'', 'a-meach a' treabhadh le paidhir each a h-uile datha, is ... a' drileadh, airson a' mhuileann, buain mòine, tarraing mòine, rud sam bith [...] tha iad ag ràdh nach marbh obair duine!'. Bha i sunndach, ach dh'innis i gum biodh 'iad ag earachd sìos orm airs^{h}on a bhith treabhadh [...] 's ag obair ri eich'. A dh'aindeoin sin, bhiodh i a' dèanamh a' ghnothaich air na fir anns na 'pluighmeidsean': 'fhuair mise *prize* aig an treabhadh', agus bhiodh sin mu 1910.[672] Bha deagh òrain ionadail aig Flòraidh, nam measg cuid leis a' bhàrd Rannach, Sandaidh MacCarmaig, à Taigh a' Mhuilinn.

'S e seinneadair air leth math a bha ann am Bella NicEòghainn à Port na h-Abhainne. Tha coltas ann gun do lorg na rannsaichean i ann an 1969 fad 's a bha iad a' clàradh òran bhon duine aice, Iain MacEòghainn, agus thuirt e gum b' ann aicese a chuala e e.[673] Ged a dh'fheumte a bhith faiceallach agus coimhead a-steach ann, saoilidh mi nach robh Iain – a bha na fhiosraiche cudromach – ro thoileach gum biodh i na pàirt den chlàradh. Thug Bella NicEòghainn seachad 6 òrain agus aon naidheachd. Tha an naidheachd sin mu thè Màiri Theàrdaich; chaidh a diùltadh le a leannain, agus b' ann a chaidh i don bhanais aige nuair a bha e a' dol a phòsadh tèile. Sheas i agus ghabh i rann de dh'òran 'Gaol an t-Seòladair' mu dheidhinn a bhith air a trèigsinn, agus choisich i a-mach.[674]

Uile gu lèir, lorgadh 73 fiosraichean fireann agus boireann ann an 1953 agus 1966-69, gun a bhith a' cunntadh còignear den fheadhainn a nochd ann an 1953 agus a bha air an clàradh a-rithist nas anmoiche.[675] Mar a chìthear, b' ann a rugadh na fiosraichean a bu chudromaiche, mar as àbhaist, anns an 19mh linn. Am fear as sine dhiubh 's e Sandaidh Bàn Caimbeul (1864-1956), a bha na chroitear às an Obha, agus a bha 89 bliadhna a

[668] Ann an 1969, bha boireannaich ann an 55 clàradh a-mach à 111.
[669] Peggy Earl, *Tales of Islay fact and folklore* (Port Sgioba: Argyll Reproductions, 1979).
[670] Òran air leth inntinneach a thaobh mar a tha gnè air a riochdachadh. Tha an dà chuid moladh air Flòraidh Nic an t-Saoir, agus mì-chinnt is contrarrachd mu mar a làimhsicheas boireannach nach eil a' gabhail ri ròlaichean gnèitheach (*gender roles*). Eachann MacDhùghaill, deas, *Bàird Chill Chomain* (Glaschu: Alasdair MacLabhruinn 's a mhic, 1936), tdd 147-148.
[671] SA1968.91.A18.
[672] Ibid.
[673] SA1969.09.A8.
[674] SA1969.09.B5.
[675] B' iad sin: Calum Mhorgain MacLachlainn, Iain Ceannadach, Ùisdean MacDhonnchaidh, Ùisdean MacMhuirich, agus Gilbert MacPhàil.

dh'aois nuair a chaidh a chlàradh ann an 1953. Ged a chlàraich, mar eisimpleir, Dùghall Mac a' Ghobhainn, Seumas Mòr MacArtair agus Dòmhnall is Niall MacFhearghais tòrr mòr, cha robh gin de na h-Ìlich a' ruigsinn faisg air an aon àireamh 's a bha aig seanchaidhean mu thuath. Fiù 's ann an Earra-Ghàidheal, bha fear am Muile, Dòmhnall Chaluim (1885-1986) à Àird Tunna aig a bheil 137 clàradh air Tobar an Dualchais, agus an uair sin tha Dòmhnall Mac na Ceàrdaich (1885-1975) à Haoidhnis an Iar, an Tiriodh, aig a bheil 1,385 clàradh san aon làraich – barrachd na fhuaireadh ann an Ìle gu lèir eadar 1953 agus 1969! Thathas cinnteach gum b' urrainnear a bhith air fada a bharrachd fhaighinn bho chuid de dh'Ìlich, agus air uaireannan bha cothroman mòra air an call. Dh'innis Calum MacGillEathain mu Dhonnchadh MacArtair (1865-1956), à Port na h-Abhainne: 'He has very many tales. *He is now unique in that part of the country*'.[676] Ach cha deach ach tè de na naidheachdan sin a chlàradh, agus shiubhail e beagan bhliadhnaichean às dèidh sin.[677]

4.3. Seinn nan òran

Anns a' chaibideil mu dheireadh, chunnaic sinn gu bheil dà-fhillteachd ri faicinn anns a' bhàrdachd fhoillsichte: bha cuid air a faicinn 'romansach' agus cuid eile na bu 'thraidiseanta'. Ann an dà-rìribh, tha cùisean nas mì-sgiobalta na seo – rud a tha gu sònraichte fìor nuair a thig e chun nan clàraidhean-fuaim. Ach, mothaichear gu h-ìre an aon seòrsa sgaradh ann an susbaint nan òran, biodh iad à Ìle no à àite eile. A bharrachd air sin, tha diofar ann an *stoidhle-seinn* nam fiosraichean – cruth nan òran. Am measg feadhainn, thathas a' cluinntinn beagan de thrèanadh nan seinn, 's ann a bhios iad a' cumail nòtaichean nas fhaide, ag atharrachadh àirde fuaim, agus 's dòcha a' cumail ris a' cheòl nas motha na na faclan. Gun teagamh, 's e buaidh a' Chomuinn Ghàidhealaich a tha seo, agus an stoidhle a' freagairt ri àrd-ùrlar an talla agus slatan-tomhais a' bhritheimh bhon taobh a-muigh.[678] Gu tric tha òrain nas 'romansaiche' agus an stoidhle a tha seo a' dol ri chèile, ach chan eil sin an-còmhnaidh fìor. Saoilidh mi gu bheil Niall MacCalmain, Donnchadh MacGilleBhràth agus, fear ainmeil sa Chomunn Ghàidhealach, Gilbert MacPhàil, a' riochdachadh seo.[679] Air an làimh eile, tha eisimpleirean gu leòr de dhaoine, gu tric nas sine, nach eil a' leantainn a' phàtrain seo idir, ach a' gabhail òrain air dòigh nas fhaisge air labhairt, gun cus sgeadachadh, fiù 's uaireannan caran garbh! An sin, thathas a' smaoineachadh air leithid Dhùghaill Mhic a' Ghobhainn, Ghilleasbuig Mhic a' Chlèirich, agus Iain 'Jockam Jura' MhicIain.[680]

4.4. Na h-òrain Ìleach

Cha cheadaich àite dhuinn ach bruidhinn mu roghainn bheag de na h-òrain a tha a' seasamh a-mach agus coiteanta ann an diofar ghnèithean. An seo, thathas a' cur cuideam air na h-òrain a rinneadh ann an Ìle, mar a chìthear ann an Eàrr-ràdh 2. A' tòiseachadh le òrain-ghaoil, bha 'O cha cheil mi, hè cha cheil mi' gu sònraichte fèillmhor, is e air a chlàradh sia tursan. Tha e sìmplidh, ag ainmeachadh àiteachan an Cille Chomain agus faisg air Gruinneart, agus gu h-inntinneach a' bruidhinn mu dheidhinn '[o]idhche a' bhàil bh' ann an Taigh a' Chreagain'. 'S ann bho shealladh fhireannaich a tha e, agus e a' moladh a leannain air dòigh thraidiseanta ghrinn:

Dìreach, fallainn mar an luachair

[676] Mo chuideam. Fhuaireadh seo bhon tuairisgeul-chairt aige ann an Sgoil-Eòlais na h-Alba.
[677] Tha i glè mhath cuideachd: 'An tuathanach agus an gille', SA1953.138.B6. A thuilleadh air sin, bha aon òran agus beagan seinn na fidhle.
[678] Anne Lorne Gillies, *Songs of Gaelic Scotland* (Dùn Èideann: Birlinn, 2010), tdd xiv-xv. F.c. Challan, Air bilean, td. 157
[679] M.e. SA1953.134.A4; SA1953.139.A6;SA1953.135.A6.
[680] M.e. SA1953.134.A9; SA1953.139.B6; SA1953.139.B2.

’S maiseach banail deas a dh’fhàs i
Giùlan uallach na mnatha uaisle
Gluasad grinn air ùrlar clàraidh.[681]

Tha ‘A Mhic an Tòisich ’s ceanalta thu’ cuideachd stèidhichte ann an sgìre shoilleir: faisg air Port Sgioba, a’ gabhail a-steach Chille Chiarain, Oileastadh agus Geàrraidh (no Geàrrach). A rèir Iain MhicGillFhaolain, ’s e tè NicIain, ‘Bean a’ Charrier’, à Port Sgioba a rinn an t-òran. Tha i ag innse ‘nan robh do bhriathran fìreannach/ mar dh’innseadh tu air uairean’ gum falbhadh i a Chinn-Tìre leis an duine a tha na chuspair, ach cha robh a gaol air a tilleadh agus dh’fhàgadh i tinn le milleadh-dùil.[682] Tha am port snog suainealach, agus tha corra rann annasach, fiù ’s dorcha, ann. Mar eisimpleir, ach a’ dèanamh oidhirp an clàradh a leantainn:

Tha toll an Loch a’ Bhogaidh
Is tha seileach glas mun cuairt air
’S ma thèid thu sìos gu d’ àmhach
Gu bràth cha tig thu an uachdar.[683]

Rinneadh aon chlàradh le MacGillFhaolain, agus a dhà le Iain Ceannadach agus tha faclan is rainn eadar-dhealaichte anns gach fear – fiù ’s aig a’ Cheannadach![684]

’S e òran-gaoil gu sònraichte ainmeil à Ìle a tha ann am ‘Fuirich a rìbhinn phrìseal phrìseal’. Tha *An t-Òranaiche* ag innse gum b’ e Deòrsa Caimbeul, lighiche à Cionabus a rinn e do Chatrìona Tàilleir, an Ceann-tràigh – agus tha an dà àite sin anns an Obha.[685] Tha e ùidheil air sgàth ’s gu bheil ìomhaighean agus seasamhan ‘romansach’ rim faicinn ann agus tha e garbh fhèin faisg air a bhith na òran maoth-inntinneach milis.[686] ’S ann a tha an labhraiche cràidhte gum feum e a bhith sgaraichte bho a ghaol, agus e air a lìonadh le uabhas gun caill e i. Tha e a’ toirt luaidh oirre mar ‘mhaighdean is bòidhche na *smeòrach ’s a chéitein’*, agus tha sinn a’ faotainn dealbh de a phian pearsanta: ‘Bidh mise trom dubhach air tulaich leam fhéin, / ’S mi sruthadh nan deur gu geur air do sgàth’. ’S dòcha gu bheil a chuid fhaireachdainnean air an aibheiseachadh gu faoin: ‘’S e m’ acainn ’n uair a shìnear mi ìosal ’s an ùir/ Nach lìonadh an driùchd do shùil ghorm bhlàth’. [687] Ciamar a bhios sinn ag aithneachadh òran-gaoil romansach? Chan eil e an-còmhnaidh soirbh, agus dh’fheumadh seo fhèin toirt oirnn bun-beachdan cruaidhe a cheasnachadh. A’ leantainn Dhòmhnaill Meek, ’s urrainnear beachdachadh air ceistean leithid: a bheil an t-òran a’ toirt fìor chunntas air na thachair ann am beatha a’ bhàird? A bheil an t-òran a’ dèiligeadh ris an t-susbaint seo air dòigh cuimseach dìreach, onarach no gu h-ealanta? A bheil an t-òran a’ cur cuideam air saoghal prìobhaideach an labhraiche no a bheil e ‘poblach’ no ‘cuspaireach’ (*objective*)? Ciamar a tha samhlachas agus ìomhaighean a’ nochdadh $_{7}$c.?[688] Tha a h-uile coltas ann gu bheil an Caimbeulach a’ bruidhinn na fìrinne, agus thathas a’ creidsinn na dòrainn a tha air. Tha *sgeulachd* chiallach air a h-innse, chan eil na smeòraich agus samhlaidhean eile a’ gabhail thairis, agus tha nithean eile ann a tha a’ faireachdainn cuimseach traidiseanta, prataigeach – leithid mar a tha e a’ bruidhinn mun tochradh, agus mun

[681] SA1953.143.A5.
[682] SA1953.136.B4.
[683] Ibid; SA1953.135.A9. Tha seo eadar-dhealaichte ri tras-sgrìobhadh Sgoil-Eòlais na h-Alba. Ach tha seo a’ dèanamh barrachd cèill agus tha Loch a’ Bhogaidh, a tha na bhoglaich, faisg air na h-àiteachan eile.
[684] A thuilleadh air a dhà gu h-àrd, tha cuideachd: SA1969.151.B9+152.A1 .
[685] Mac-na-Ceàrdadh, *An t-Òranaiche*, tdd 285-286.
[686] Air an aon dòigh a thuirt Dòmhnall Meek mu chuid de dh’obair na Lighiche Iain MacLachlainn, Rathuaidhe (a tha a’ nochdadh anns na clàraidhean Ìleach, gun teagamh): ‘MacLachlan at times comes breathtakingly close to the sentimentality of the ‘MacLeod school’, but his personal involvement in the event or experience, as a participant observer, pulls him back from the romantic abyss, giving his verse an edge of realism which is usually absent in the effusions of the ‘MacLeod school’. *Caran*, td. xxx.
[687] Ibid. Mo chuideam.
[688] Meek, *Caran*, tdd 45-46.

stòras a tha aige airson a cumail. Bho fhianais eile, thathas an dùil gun robh Deòrsa Caimbeul a' dèanamh òrain mu dheireadh an 18mh linn agus toiseach an 19mh linn.[689] Chan eil e na iongnadh ged a bhiodh fèill air 'Fuirich a rìbhinn' aig cuirmean nas anmoiche. Tha Gilbert MacPhàil aithnichte fad is farsaing airson an t-òran a ghabhail, mar eisimpleir aig cuirm a' Mhòid san Òban 1953. Tha an stoidhle seinn aige, agus a' chompàirt piàna, a' cur ris na h-eileamaidean nas romansaiche a tha ann mar-thà, ach tha e ag obrachadh glè mhath.

A' gluasad gu òrain-dùthcha, tha earrann de 'Mholadh na Lanndaidh' no 'Ho rò eileanaich ho gù' aig toiseach na caibideil seo. Chaidh a chlàradh co-dhiù trì tursan[690] agus tha e cuimseach traidiseanta. A bharrachd air a bhith a' cliùthachadh nan daoine airson òl, ceòl is dannsadh tha trì rainn a-mach san dreach shlàn air sealg diofar bheathaichean. Tha nàdar ga fhaicinn mar stòras beairteach: ''S tric a leag mi air a thaobh/ An ròn ballach anns a' Chaol, / Eala bhàn a' mhuineil chaoil, / A's coileach fraoich nam beanntan'.[691] Tha an t-òran air aithneachadh mar mholadh air Ìle, ach 's e seann roinn a bha ann an 'Lanndaidh' eadar mu Loch a' Chnuic, ann an Cill Daltain, gu Ceann MhicArtair.[692] Tha an Àird Mhòr air ainmeachadh ann, a tha anns a' cheàrnaidh, agus tha an tuairisgeul 'creagach, ciar' a' freagairt ris an sgìre. Òran de sheòrsa eile, tha 'An t-Eilean Uain' Ìleach' le Nigel MacNèill gun cus brìgh agus ag ath-aithris ìomhaighean àbhaisteach mu 'a dhoireachan fasgach 's a mhachraichean réidh', ach bu chòir a thuigsinn mar 'laoidh-dhùthcha' a ghabhadh daoine gu furasta.[693] Gheibhear òrain cuideachd a tha a' moladh àiteachan ionadail san eilean, leithid 'Bheir mi cliù don Eilean Mhòr' a bhios air a shàr ghabhail le Dòmhnall MacLeòid, à Port na h-Abhainne,[694] agus a tha a-mach air an eilean mu choinneimh Bhun Othain air ainmeachadh *Orsay* sa Bheurla. Tha tuairisgeulan inntinneach èibhinn ann mu dhaoine san sgìre – Sandaidh Ailean aig an t-stiùir [...] 's nuair a chaidh a chiabagan ma chùl, a chùrsa cha bu lèir dha!' – agus rabhadh mun chonachaig-cheòtha (*foghorn*) ùir a bhios 'a' bùirich feadh gach gleann' agus a' cur ruaig air na h-eòin 's an iasg![695]

Tha àbhachdas pailt dhà-rìribh anns na naidheachdan agus sna h-òrain, agus bha deagh eisimpleirean dhiubh sin aig Sandaidh Bàn Caimbeul às an Obha. B' ann mu thachartas annasach èibhinn a bha ann an 'Òran a' Bhalùin'[696] a rinneadh le Gilleasbuig MacCathbharra uaireigin ro 1879, nuair a chaidh fhoillseachadh san *Òranaiche*. Tha an deasaiche, Gilleasbuig Mac na Ceàrdadh ag innse, 'Thàinig am "Baloon" so á Éirinn bho cheann beagan bhliadhnaichan. Bha e air uairean a' tighinn cho dlùth do'n ghrunnd 's gu 'n d' rinn e móran millidh air gàraidhean criche mu 'n cuairt do Phort-Ellen. Mu 's fìor am bàrd bha cuid de na seann daoine air an cuir thuige gu mór, oir shaoil iad gu' m b' e olc a thaobh eigin a bh'ann'.[697] Cha robh iad fiù 's air cluinntinn mun leithid, agus seo e a-nis, 'A' tuiteam o na speuran, 's a' dèanadh oirnn gu math dlùth;/ Bha cuid ag ràdh ri chéile, "'S e so an reul ás an robh 'n smùid, / 'S mar an e 's e 'n t-àibhistear e, 's daoine caillte sinn co-dhiù"' Gu follaiseach, 's e a tha greannmhor am magadh air na creutairean bochda saobh-chràbhach, is iad a' leum gus

689 Bha òran eile leis 'do Shìne Woodrow, nighean ministeir a bh' ann an Ìle', Mac-na-Ceàrdadh, *An t-Òranaiche*, td. 468. Rugadh Sìne ann an 1775, mar sin bhite an dùil gum biodh an t-òran-sa air a dhèanamh faisg air 1800. Huw Scott, deas, *Fasti ecclesiae scoticanae* Vol. 4 (Dùn Èideann: Oliver and Boyde, 1923), td. 76.
690 SA1953.118.A8; SA1966.029.B4; SA1969.030.A4.
691 Mac-na-Ceàrdadh, *An t-Òranaiche*, tdd 52-53. Rinn Tòmas Pattison tionndadh Beurla dheth, agus mar as àbhaist chan eil ach dreach goirid air a ghabhail mar a tha anns na leanas: Fionn (MacIlleBhàin), *The Celtic lyre: a collection of Gaelic songs with English translations* (Dùn Èideann: MacLachlan & Stewart, 1888), td. 7.
692 Dòmhnall MacEacharna, *The lands of the lordship* (Port Sgioba: Argyll Reproductions, 1976), tdd 109-110.
693 Bha e air a ghabhail ann am Beurla cho math ri Gàidhlig: 'Oh Islay dear Islay', SA1953.07.25; SA1953.135.A7.
694 M.e. an clàr: Donald M. MacLeod, *An t-Eilean Mòr* (2007).
695 SA1953.139.A9; SA1966.028.
696 SA1953.139.B8.
697 Mac-na-Ceàrdadh, *An t-Òranaiche*, tdd 555-556.

aithreachas a shireadh aig a' mhionaid mu dheireadh, ged nach 'robh 'n creideamh daingean [aca]'.[698] Tha fanaid air truaghain ann an staing, no magadh nas gèire air ùghdarrasan leithid nam ministearan bitheanta sa bheul-aithris. Ann an àbhachdas cuideachd, thèid againn air coimhead air fèin-aithne ga cur an cèill.

Fear eile a bha aig a' Chaimbeulach, 's e 'Òran a' bhaidelair' a tha a' moladh beatha an fhir gun bhean is teaghlach:

A chaoidh cha phòs mi tha mi 'n dùil
Cha tog mi sùil ri leannanachd
Gur b' annsa leam an cat 's an cù
'S gur sunndach mi 's mi 'm bhaidealair.[699]

Ma phòsas duine 's e a bhios roimhe, gum bi 'thu fo smachd 's fo chìs aice/ 'S bidh i gu bochd, gu tric fo sprochd / Man toir thu tì na leabaidh dhi!'. Tha an seòrsa fealla-dhà seo am measg nam fear, a' cùl-chàineadh am mnathan no pòsadh, ri fhaicinn cuimseach tric.[700] Tha 'Òran na mòna', a bha air a ghabhail grunn tursan, a' togail an aon chuspair, agus a' caoidh dàn an duine-phòsta:

Tha mnathan anns a' bhaile seo
'S gun cuireadh iad ort smaointinn
Cho dalma 's a dh'iarras iad mòine
'S nach carai' iad on ghrìosaich
A chuideachadh a' Chrìostaidh,
Tha croitear a' slaodadh na mòna![701]

Bha fireannachd (*masculinity*) air a cur an cèill ann an dòigh an seo, agus cuideachd ann an òrain a tha a-mach air òl, agus cultar dàna na dibhe, leithid 'Sùgh an eòrna' leis a' bhàrd, Donnchadh MacNìmhein.[702] Gu h-iongantach, tha port à beul ann an aghaidh na dibhe ann an Ìle, 'Trèigeam an t-òl' air a ghabhail le Niall MacCalmain.[703] Tha seo a' cur nar cuimhne gun robh beagan de ghluasad stuamachd san eilean, làthaireachd thaighean-òsta measarra agus eile. Tha e cothromach a ràdh, ge-tà, nach eil a' bheul-aithris a' dol le MacCalmain idir, agus a liuthad clàradh a tha a' moladh buannachdan an uisge-bheatha. Gu dearbh, tha nàdar de fhreagairt ann do sheasamh MhicCalmain bhon t-seana chìobair, agus 'bogsair fiadhaich', Anndra MacColla a rinn an t-òran, 'Cha sguir mi 'm bliadhna a dh'òl' – a tha beò-ghlacmhor co-dhiù:

'S e fèin nach òl 's nach fhiach 's nach pàigh e
'S dona 'n companach do chàch e
Guidheam gort a bhith na chàramh
Gus an càr iad e fon fhòd.

Gus an càr iad e fon fhòd
Gus an càr iad e gu h-ìosal
'S tom-bhlàr uachdarain air a shròn![704]

Ged a tha ròga irean fearail gu tric a' nochdadh co-cheangailte ris an deoch, leithid Anndra MhicColla fhèin, tha fios gun robh boireannaich cuideachd measail oirre. Mar eisimpleir, ghabh Flòraidh Nic a' Phì an rann, 'Seo an

[698] Ibid.
[699] SA1953.140.A2.
[700] Eisimpleir eile bho Chruinneachadh MhicLagain: 'Nuair a dh'eireas mi sa mhaduinn, tha ise gu tinn, / 'S cha ghluais i idir, gus am faigh i a cuid teatha, / An sin bheir i tacain air tachais a cinn, / 'S ma theirinns focal, tha am bat' air mo dhruim'. MML2112.
[701] SA1953.138.A5.
[702] SA1953.118.A4. No dè mu dheidhinn òran a bha aig Seumas Mòr MacArtair, 'O 's toigh leam fhèin gach latha thu, b' e mo mhiann a bhith san taigh-òsta!'. SA1969.145.A5.
[703] SA1953.140.A1.
[704] SA1953.140.B3.

deoch mhilis nach tilleamaid bhuainn',[705] agus tha naidheachdan ann mar a bha aig Bella Chamshron mu thrì chailleachan a bha air an daoraich.[706]

Tha cus eile a b' urrainnear a ràdh mu na diofar ghnèithean de dh'òrain Ìleach. Am measg òran-seòlaidh, tha 'Air fàil il òro 's mo nighean donn' le Eamonn Black à Port na h-Abhainne fìor mhath, le port brèagha agus dealbhan soilleire: 'Bha mi glè bhrònach 's mi coibhlea' ròpa / 'S mi toirt mo chùlaibh ri tìr mo rùin' agus 'Bha an fhairge 'g èirigh na beanntan gorm /Bha na cruinn gan lùbadh le neart na stoirm'.[707] Bha fèill mhòr air a' chumha 'Gur mise a tha cianail fàillineach' le Gilleasbuig MacNìmhein, athair bàird Chill Chomain.[708] Agus bha cumha tiamhaidh aig Dùghall Mac a' Ghobhainn, ''S nach truagh leibh mi 's mar a tha mi', agus a rinneadh le Donnchadh MacCalmain, à Baile a' Ghràna, nuair a shiubhail a bhean.[709] Cuideachd, feumar luaidh a thoirt air 'Toirt m' aghaidh ri Diùra', a tha na òran-eilthireachd ainmeil taitneach.[710] Agus, an-dràsta 's a-rithist, lorgar seudan annasach mar an t-òran-altraim a bha aig Alasdair Hay à Port na h-Abhainne:

Hòbhan òbhan òran hailig thu
Criomaidh na luchaidh thu
Ithidh na radain thu
Hòbhan òbhan òran hailig thu

Thig armachd nan tonn
Le targaidean òir
Le srannsa, le sròl
Gu Tràigh a' Mhachaire.[711]

4.4.1. Òrain-phìoba

Bhite an dùil gum biodh an t-òran-pìoba, 'Ceann Tràigh Ghruinneart', gu math sean agus e a-mach air a' bhlàr eadar Dòmhnallaich Ìle agus Leathanaich Mhuile a chuireadh ann an 1598 – fiù 's ged a bha e air a dhèanamh treis às a dhèidh. Chaidh a chlàradh aig dithis anns an eilean: Iain MacCarmaig à Gruinneart fhèin, ged nach robh aige ach a' chiad rann agus e rudeigin mì-chinnteach[712]; agus Niall MacCalmain à Bogh Mòr aig an robh dreach nas slàine. Ach tha na faclan aige annasach. Tha a' chiad rann a' gluasad bho 'sinn' gu 'mi', agus chan eil e a' dèanamh ciall san fharsaingeachd, an uair sin tha an dàrna rann gu tur eadar-dhealaichte, agus a' bruidhinn mu bhoireannach aig an àirigh a' caoidh a leannain. Tha cùisean air an soilleireachadh ma nì sinn coimeas ris an dreach a thug an t-Urramach Uilleam MacMhathain seachad, mar a chìthear gu h-ìseal.

a) Dreach Nèill MhicCalmain

'S ann aig Ceann Tràigh Ghruinneart
A dh'fhàg sinn an-uiridh
Aig Ceann Tràigh Ghruinneart a dh'fhàg mi
Fear bhualadh nan lann
'S fear tharraing 'am buillean
Aig Ceann Tràigh Ghruinneart a dh'fhàg mi.

b) Dreach an Urr Uilleam MacMhathain

'S ann aig Ceann Tràigh Ghruinneart
A dh'fhàg mi an curaidh
'S ann aig Ceann Tràigh Ghruinneart a dh'fhàg mi
Fear a thàirneadh lann
'S a bhualadh buillean
Aig Ceann Tràigh Ghruinneart a dh'fhàg mi.

[705] SA1968.91.B9.
[706] SA1953.129.2.
[707] SA1953.07.25.
[708] M.e. SA1953.138.A6.
[709] SA1953.119.A8.
[710] 'S e an dreach as fhaide as fheàrr, gheibhear rannan leithid: 'Latha Nollaig a-màireach, /Cur nam bàir leis na camain, /Ciamar sheasas mi chòmhail /'S gun an t-òigear aig baile?'. Mac-na-Ceàrdadh, *An t-Òranaiche*, td. tdd 293-294.
[711] SA1969.144.A14. Chuala e seo aig seana bhean Anna Bhàn NicGillFhaolain a bha pòsta aig iasgair Dùghall MacAoidh. Tha e cuideachd a' nochdadh ann an *Tocher* 1: 1-8 (1971-1972), 101.
[712] SA1953.137.A8.

Chan èist mi tuillidh ri ceòl nan cruinneag
Air feasgar ciùin san àirigh
'S m' eudail duineil [nam fear coibhneil]
A-nis a' siubhal air sàile.[713]

A' chiad rann a-rithist

Clò dubh, clò donn
Clò mo chreich[714]
Clò dubh, clò donn, clòthlan
Gur a daor a reic mi an clòthlan dubh
Gur daor a reic mi an clòthlan.[715]

A' chiad rann a-rithist

Anns an dreach aig MacMhathain, 's e 'curaidh' a tha ann seach 'an-uiridh', agus tha an còrr de na faclan a' dol le sin. 'S dòcha gu bheil an ath rann neo-shoilleir, ach chan eil e a' faireachdainn gun deach a chur ri seann òran san 19mh linn, agus tha mìneachadh gu math inntinneach aige air. Fhuair esan an t-òran bho bhràthair is piuthair ann am Muile, 'Seonaidh Robasdan – cha chreid mi nach do dh'eug e bho chionn ghoirid, agus piuthair dha, tha ise beò fhathast [1976] ann an Tobar Mhuire, Mrs Taig'. Bha ceanglaichean aca ri Uibhist a Deas – 'tha beul-aithris as an teaghlach a tha siud' – agus thàinig an sinn-seanair, Uilleam Robasdan, às sin gu Tobar Mhoire airson stuth a thoirt do dh'Iain Òg Ìle. Tha e a' leantainn air:

> Nis, tha e aig feadhainn eile ann an Ìle cuideachd, ach tha iad air cur facail ris nach boineadh dha bho chionn fhada. Bha fear ud, am bàrd ud à Muile, Iain MacPhàidein, chunna mi àite air choireigin far an do chuir esan ann am pàipear-naidheachd e, agus ò tha e soilleir gun do chuir e facail ris. Ach siud na facail cheart. Chan eil fhios agam a' robh an còrr ann, 's dòcha gu robh, ach siud na facail cheart co-dhiù. Agus 's e an curaidh Lachlainn Mòr Dhubhaird a mharbhadh sa chath [...] agus feumaidh gur e fear de Chlann IllEathain no fear de na Muilich a rinn am port co-dhiù, 's e port-pìobadh a th' ann. Agus 'an clò dubh, an clò donn, clò mo chridh'', bha Aonghas, mo bhràthair, bha e cumail a-mach gur e cuid dhen mhàl a bha seo [...] 's e aimhreit mu dheidhinn fearann a dh'adhbhraich an cogadh a bh' ann, agus cha chreid mi nach eil e ag innse ann an *Origines Parochiales* gu robh, an e Clann IllEathain a bha pàigheadh màl dha na Dòmhnallaich airson cuid den fhearann a bh' aca ann an Ìle. Agus anns an leabhar, *Origines Parochiales*, tha e ag innse gur e clò a bha iad a' pàigheadh mar phàirt den mhàl. Agus bha Aonghas, mo bhràthair, a' smaoineachadh gur dòcha gun e sin 'an clò dubh, clò donn, clò mo chridh'' a tha san dara rann.[716]

Mar sin dheth, a rèir a chunntais, 's e òran Muileach a tha seo – ged a tha na phàirt de dhualchas nan Ìleach cuideachd – a' caoidh a' chinn-chinnidh chudromaich Lachann Mòr Dhubhaird bho shealladh nan Leathanach. Dh'fhaodadh gun tàinig e a dh'Ìle bho chionn fhada ach chaidh atharrachadh – 's dòcha bho bhuaidh a' bhàird Iain MacPhàidein, ach cha do lorgadh an dreach aigesan. Tha Aonghas MacMhathain làn cheart gu bheil e sgrìobhte gun robh aig Clann GillEathain ri clò a phàigheadh mar mhàl – ach don chrùn – agus tha coltas na fìrinn air a mhìneachadh.[717] Anns an eisimpleir as fheàrr air sgeulachd Blàr Thràigh Ghruinneart leis an Ìleach Niall Mac an t-Sagairt, a fhuair Iain Deòir san 19mh linn, tha e ag innse mun phort-pìoba – agus gu h-ùidheil chan eil an t-òran seo ann idir, ach tha e mas fhìor stèidhichte air duanag bhuachailleach eile. Seo na bha aige:

> Tra bha McD[òmhnall] togairt gu a dhaoine ghluasad chum a' chath, thubhairt e ri a phìobaire, "seinn port ùr dhuinn, a phìobaire, port nach do sheinn thu riamh roimhe." Sheall am pìobaire mu'n cuairt

[713] SA1953.137.A12.
[714] ''S e 'clò mo chridh'' a tha aig Seonaidh Robasdan. SA1953.137.A8.
[715] SA1976.105.A3.
[716] Ibid.
[717] Mu 1588, ri linn Seumas VI, bha fearann a b' àbhaist a bhith aig manachainnean Eilean Ì agus Doire, agus a bha an uair sin fo sheilbh a' chrùin, air a thoirt às ùr do 'Hector [Maklane] and the heirs male of his body [...] all those lands, including **the 5 marklands of Nerrabollsadh in the island of Ilay within the bounds called the Rindis** of the same and in the sherriffdom of Tarbat, belonging to the monastery of Derry, **for the yearly payment of 60 ells of cloth of a white, black, and grey colour** respectively, or 8 pence for each ell, at the option of the grantee [...]' (mo chuideam). Cosmo Innes, deas, *Origines Parochiales Scotiae: the antiquities, ecclesiastical and territorial, of the parishes of Scotland*, Volume Second, Part II (Dùn Èideann: W. H. Lizars, 1855), td. 833.

> dh'fheuch am faiceadh e nì-eigin a bheireadh fonn òrain gu 'chuimhne, 's chunnaic e a' bhanarach aig Roinniche-ruadh a strìobh ris a' chrodh 's na laoigh a thearbadh o chèile, 's iad an dèigh faotuinn còmhla, 's grad-thàinig duanag na chuimhne:-
>
> "Oi-a-thò dheoghail na laoigh
> Oi-a-thò dheoghail an t-àl,
> Oi-a-thò dheoghail na laoigh,
> A bhanarach chaomh, dheoghail an t-àl."
>
> agus is e "Pìobaireachd Thràigh Ghruinneaird" theirte ris a' phort sin rithist.[718]

Tha an fheadhainn eile aig an robh e ann am Muile a' dol leis na faclan a bha aig MacMhathain,[719] nam measg bha Seonaidh Beag Robasdan e fhèin a thug seachad an t-òran ann an 1970. Dh'innis e gun cuala e aig a phàrantan e nuair a bha e na bhalachan, agus gun robh 'mòran cheathramhan eile air'. Cha robh cuimhne aige orra sin ach gun robh an ath rann a' toirt cunntas air tìodhlacadh Lachainn Mhòir ann an Ìle.[720]

'S mithich dhuinn òran-pìoba eile ainmeachadh aig a bheil ceanglaichean ri Ìle: 'A Cholla mo Rùin'. Tha deasbad ann mu sgeulachd an òrain agus mun dùn a tha ainmichte ann, ach tha Raghnall MacIlleDhuibh air deagh argamaid a dhèanamh gun e Dùn Naomhaig, faig air Port Ilein san latha an-diugh, as coltaiche, [721] agus 's e a tha a' nochdadh mar as trice sa bheul-aithris. A rèir na sgeulachd, sheinn pìobaire, a bha fo ghrèim aig na Caimbeulaich sa chaisteal, port a thug rabhadh do Cholla Ciotach MacGillEasbuig a dhèanamh às na bhìrlinn rè ar-a-mach Dòmhnallaich Ìle ann an 1615. Dh'fhaodadh gum biodh am port aithnichte aig Colla Ciotach mar rabhadh no gun do rinn am pìobaire atharrachadh air a dh'aona-ghnothach airson leigeil fhaicinn gun robh rudeigin ceàrr.[722] Chaidh Alasdair Lògan MacArtair à Port Ilein a chlàradh a' seinn a' phuirt air an fheadan agus an uair sin a' gabhail an òrain, a chuala e bho sheanair.[723] Bha mìneachadh eile aige-san air tùs a' phuirt, ge-tà. Bha miann aig MacDhòmhnaill Aontroma air Dùn Naomhaig agus b' e Colla Ciotach caiptean a' chabhlaich aige. Chuir esan a charaid agus pìobaire, Mac Iain Riabhach, air thoiseach air mar bheachdadair às a leth. Chaidh a ghlacadh leis a' bhoireannach aig an robh an caisteal, Nic an t-Saoir, agus gheàrr i a làmh dheas dheth gus nach biodh e comasach air a' phìob a sheinn. A dh'aindeoin sin chaidh aige air port àraid a chluich nuair a bha Colla Ciotach a' tighinn dlùth. Theich e agus fhuair na Dòmhnallaich Dùn Naomhaig na b' anmoiche.[724]

4.4.2. Òrain-luaidh

Ann am beachd Iain Latharna Chaimbeil, is e a' sgrìobhadh anns na 1960an, cha robh òrain-luaidh rim faotainn ach anns na h-Eileanan an Iar agus san Eilean Sgitheanach.[725] Agus gu dearbh, 's e glè bheag a lorgar ann an Ìle: chan eil ach trì eisimpleirean anns an dà chuid cruinneachadh 1953 agus cruinneachadh 1968-1969. Dè as adhbhar dha seo? Tha an Caimbeulach a' cumail a-mach gun do chuir muilnean-luaidh às do luadhadh làimhe agus, mar sin, dh'fhalbh na h-òrain a ghabhadh na boireannaich fad 's a bhiodh iad a' luadhadh. Thachair sin na

[718] Iain Deòir, Iain Òg Ìle, *Blàr Tràigh Ghruinneaird* (Dùn Èideann: John Grant Booksellers, 1950), tdd 10-11. Tha am port glè mhath agus tiamhaidh, tha e air a sheinn le Comann Pìobaireachd Ìle aig: SA1973.014.A6. 'S ann air èiginn a tha mi cur nam faclan seo ris a' phort!
[719] Cf. SA1958.88.A8; SA1963.28.A3.
[720] SA1953.137.A8, SA1970.019.
[721] Ronald Black, 'Colla Ciotach', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, Vol. XLVIII (1972-1974), tdd 231-243. Tha 'Pìobaireachd Dhùn Naomhaig' air fear de na h-ainmean air a' phort-phìoba cuideachd.
[722] Ibid.
[723] SA1969.13.A1.
[724] SA1969.12.A6+B1. 'S e MacRàilt a tha air a' phìobaire a rèir tùs eile. Fc. Black, 'Colla Ciotach', td. 243, n. 63.
[725] J. L. Campbell, deas, *Hebridean Folksongs: a collection of waulking songs* (Àth nan Damh: Clarendon, 1969), td. ix.

b' anmoiche air a' Ghàidhealtachd, agus na b' anmoiche fhathast anns an Eilean Fhada far an robhar an eisimeil air luadhadh làimhe chun an 20mh linn.[726] Chomharraich e eisimpleirean de mhuileann-luaidh ann an Earra-Ghàidheal ann am meadhan an 18mh linn, agus fear ann am Muile aig àm an *Statistical Account* anns na 1790an.[727] Tha Ìle a' toirt bàrr air seo, ge-tà, agus tha fianais ann gun robh 'touk myln' no muileann-luaidh san eilean cho fada air ais ri 1658.[728] Rudeigin eile a rachadh an aghaidh traidisean luadhadh a' chlòtha 's e gun robh dèanamh anairt air a bhrosnachadh le Caimbeulaich Shawfield san 18mh linn chun na h-ìre gun tuirt ministear Chill Chomain mu 1791, 'The people are much more given to the making of linen, than woollen cloth, this being a flaxen country'.[729]

A dh'aindeoin seo, thathas den bheachd gun do mhair luadhadh le daoine seach anns a' mhuillean a-mhàin tron 19mh linn. Cha robh obair an lìn leth cho cudromach an uair sin an dà chuid airson cleachdadh dachaigheil no airson a' mhargaidh – mar thoradh air co-fharpais dhùthchannan eile agus buaidh innealan ùra.[730] 'The people manufacture cloth for their own use', dh'innis an t-Urramach Alasdair Camshron cuideachd ann an Cill Chomain mu 1839, 'though, from the high price of wool, and the difficulty of procuring it, much use is made of cotton fabrics by the working classes'.[731] Dh'fhàgadh cunntas air leth inntinneach le Ìleach a rinn imrich gu Sealan Nuadh ann an 1863, Uilleam Blàrach (1841-1891): 'most of the everyday clothing of all classes was home-made. In many cases the wool was never off the farm till it left the farmer's back'. Bha cuimhne aige air obair-shnìomha, 'three or four women sitting in a row in a Highland kitchen on a winter night with spinning wheels before them. The hum of the wheel sings second to the chant of the spinner, and all the surroundings are in harmony with both'. Agus, gu cudromach, air luadhadh:

> **Before a waulk mill was established**, the cloth was fulled or thickened by beating with the feet in a square box. A number of women sat opposite each other in pairs and hammered incessantly at the cloth. **They kept time by singing "Agus ho mhorag"**[732] **– one sung the verse and all the others struck with the chorus.** The blows were heaviest with the full strength of the choir – a literal putting on the pedals. I sang this song in a canoe on the Wanganui river, and the rhythm of the Highland women's feet suited the stroke of the Maori paddles.[733]

Tha seo a' cur taic gu soilleir ris an argamaid aig Iain Latharna Caimbeul mu stèidheachadh mhuilnean-luaidh, ach tha e a' cur air shùilean dhuinn gum b' ann mu mheadhan an linne – nuair a bha am Blàrach eòlach air Ìle – a chuireadh cùl ri luadhadh traidiseanta. Dh'fhaodadh nach tug am muileann na bu tràithe buaidh cho mòr air cùisean, no gun robh e air a dhol na thàmh. Co-dhiù, tha 'waulk miller' ainmichte sa chunntas-sluaigh an 1851 faisg air Beul an Àtha.[734] Chithear sa chunntas gum biodh boireannaich a' luadhadh len casan. Bha seo cuimseach annasach an taca ris an traidisean ann an Uibhist is Barraigh (ged a bha e fhathast air chuimhne

[726] Ibid., td. 3. Dh'aithnich e, ge-tà, gum biodh na h-òrain air an gabhail mar 'òrain-mhuilinn' le fir ann an Alba Nuadh, ibid.
[727] Ibid., td. 7.
[728] David H. Caldwell, *Islay: land of the lordship* (Dùn Èideann: Birlinn, 2008), td. 244.
[729] John Sinclair, deas, *The statistical account of Scotland*, Vol. 11 (1791-99), td. 280; air gnìomhachas an lìn (*flax*) ann an Ìle, faic: Caldwell, *Islay*, tdd 245-246.
[730] *Statistical account of Scotland*, Vol. 7 (1834-45), td. 658.
[731] Ibid., td. 655.
[732] An t-òran-luaidh Seumasach ainmeil le Alasdair MacMhaighstir Alasdair. Tha rainn anns an dreach shlàn a tha a' ceangal iomairt Alasdair Mhic Colla ri adhbhar Theàrlaich Òig Stiùbhairt air dòigh a bhiodh gu math cumhachdach ann an co-theacs Ìleach. John MacKenzie, *Sàr-obair nam bàrd Gaelach* (Dùn Èideann: MacLachlan & Stewart, 1882), td. 121.
[733] W. N. Blair, 'Reminiscences of Islay', *Otago Daily Times* [Sealan Nuadh], 10 Màrt 1888. Mo chuideam.
[734] Mu choinneimh far a bheil Muileann-Clòimhe Ìle fhathast chun an latha an-diugh. Tha 'Waulkmill Plantation' aig Skerrols (Sgearos?).

muinntir Leòdhais is Ros an Iar).[735] Tha seo air a dhaingneachadh le cunntas Iain MhicMhurchaidh air seann bheatha na Gàidhealtachd, ach ann an co-theacs Ìleach:

> Lowly seated in two rows facing each other so as to form opposing pairs, the cloth properly moistened, was laid along a board on which the two rows of feet met. To a lively description of song, called Oran Luadhadh, these feet, to the number perhaps of a score or more, pound away at the clò.[736]

Dh'fhaignich Calum MacGillEathain do dh'Iain MacCarmaig à Gruinneart ann an 1953, 'Am faca sibhse luadhadh?' agus chuir am freagairt iongnadh air:

> IM: Och bha mi ann ioma uair!
>
> CM: Cha robh!
>
> IM: Bhà. Bha mi aig an [d]luaidh ioma uair, agus...'s e ceathrar air an taobh thall, sè an taobh a-bhos, agus na plangaidean clù am meadhan a', air còmhl' an dorais. Agus an aodach a-suas, siud an casan ris air fad [...].[737]

A-rithist, tha seo a' tighinn a rèir nan iomraidhean a tha againn bhon 19mh linn. Ach nach robh còir aig luadhadh a bhith air a dhol air dìochuimhne ann an Ìle cho anmoch san 20mh linn? Chan eil fhios againn cuine a rugadh MacCarmaig ach thathas an dùil gun robh e suas ann am bliadhnaichean nuair a chaidh a chlàradh, agus mar sin gum b' ann a bha e a' bruidhinn mu eisimpleirean a chunnaic e fada air ais, fiù 's anns an 19mh linn. Àn dèidh sin, tha am fianais aige a' sealltainn gun robh luadhadh-coise a' dol ann an cuid de sgìrean às dèidh muilnean-luaidh a bhith air cur às dha ann an ceàrnaidhean eile. Agus, mar a chunnacas na bu tràithe, bha Gruinneart air a chomharrachadh le Iain MacMhurchaidh mar fhear de na h-àiteachan a bu ghlèidhtiche san eilean.[738] Bhruidhinn MacGillEathain cuideachd ri tè ann an Diùra, Janet NicIlleSheathanaich, aig an robh cuimhne air luadhadh-coise na h-òige agus *a ghabh pàirt ann*. Rugadh i ann an 1862, mar sin, feumaidh 's gun robh i a' bruidhinn mu bhliadhnaichean deireannach an linne. Thuirt i gun robh grunn òrain-luaidh aig a h-antaidh.[739]

Bha dà òran-luaidh air cuimhne MhicCarmaig. Criomagan de ''S aithne dhomhsa gràdh do chèile' – le ìomhaighean de sheòladair a' sreap a' chroinn àird agus *studs* òir am broilleach a lèinidh – agus 'Horo gun togamaid hùgan fhathast air', a rinn Donnchadh Bàn Mac an t-Saoir agus a chaidh a ghleidheadh ann an Ceap Breatainn mar òran-muilne cho math ri ann an Alba.[740] Ghabh Dùghall Mac a' Ghobhainn à Baile a' Ghràna òran-luaidh air a bheil 'Ho rò 's na ho ri-ri ò', a chuala e aig a' mhàthair. Cha deach innse gum biodh ise ri luathadh. 'S e dreach snog, eadar-dhealaichte de 'Alasdair Òig Mhic 'Ic Neacail a tha seo, a tha na 'heroic love song' a rèir Anna Latharna NicIllÌosa, agus an tè ag innse mu na mic a bheir i dha[741]: 'Fear na chòirneal, fear na cheiftean / Fear na dhròbhair mòr nam mairtibh'.[742]

---

[735] [John MacInnes], 'Waulking songs from Barra', *Scottish Tradition* 3 (Lodainn an Ear: Greentrax, 1993), td. 2.
[736] John Murdoch, 'Queen of the Hebrides' (1859), MS. 14986 (NLS). Chan eil fhios againn am faca e seo no an cuala e mu dheidhinn. Tha e cuideachd ag innse gun do rinneadh 'the fulling of the home-made cloth, **at a time when mills for the purpose were not so numerous as they are now**' (mo chuideam).
[737] SA1953.137.A5.
[738] Faic Caibideil 1, td. 48.
[739] SA1953.127.1. Airson coimeis, chunnaic an Caiptean Dùghall MacCarmaig à Fionnphort, san Ros Mhuileach, luadhadh nuair a bha mu 14 no 15 bliadhna a dh'aois, mar sin ann an 1891-92. Bha cuimhne aige air dà òran-luaidh a bha aig Flòraidh Seton. SA1953.107.B4.
[740] SA1953.137.A6; SA1953.137.A7; Lucy Byrne, 'Horo gun togamaid hùgan fhathast', <http://www.mun.ca/folklore/leach/songs/CB/11-01.htm> (ruigte 1/9/16).
[741] Lorne Gillies, *Songs*, td. 377.
[742] SA1953.119.B5.

Ann an 1969, rinn Màiri Dhòmhnallach agallamh feumail mu òrain-luaidh còmhla ri Màiri NicCuithein agus an duine aice, Dòmhnall. Bha iad a' fuireach ann am Bogh Mòr, ach tha e coltach gur ann à Port na h-Abhainne a bha co-dhiù aon dhiubh. Cha robh iad air fìor luadhadh fhaicinn, agus ged nach aithne dhuinn dè an aois a bha iad, bha Dòmhnall eòlach air deicheadan tràtha an 20mh linn.

> DM: The only time I ever saw it was when some of the women were going away to the mainland there and showing it at the Exhibition[743].
>
> MM (agallaiche): Ah right, but it wasn't done on the island here.
>
> MN: There *was* waulking done on the island.
>
> DM: It was done at one time.
>
> MN: I remember they were doing a demonstration of waulking over in the hall there for Lady Mary Morrison. [...] Molly Logan and Miss Collar. I was among one of the kids, that was in Bowmore Hall.[744]

Cha robh òrain-luaidh aig Màiri NicCuithein – 'ach just the ordinary ones they have at all the Mods'. Ach dh'innis Dòmhnall gum biodh iad air an gabhail fad 's a bhathas a' fuineadh na taois, agus 's dòcha ri obair-taighe eile.[745] Tha e follaiseach gu bheil luadhadh fhèin a' nochdadh mar chluich airson luchd-amhairc, an àite a bhith na ghnìomh feumail ann am beatha nan daoine.

An robh na boireannaich a bha an sàs ann air luadhadh a dhèanamh gu ceart aig aon àm? No, an robh iad air an obair a chruthachadh às ùr bho chuimhne an t-sluaigh? Bhon fhiosrachadh a tha againn, agus maille ris na thuirt fiosraichean ann an Diùra agus san Ros Mhuileach, b' iongantach gun do chùm e a' dol mòran na b' fhaide na toiseach an 20mh linn. Bha an call seo, agus an crìonadh ron sin, a' ciallachadh dà rud. Tha fios againn gun robh fìor sheann òrain, cuid a' dol air ais chun an 16mh linn, air an glèidheadh mar òrain-luaidh. Às aonais an t-suidheachaidh-shòisealta airson an cumail suas, dh'fhalbhadh na h-òrain a bu shine agus an ceangal ris an dùthchas sin.[746] Cuideachd, 's e gnè beul-aithris a bha seo a bha sònraichte do bhoireannaich agus òrain bhoireann. Tha ban-Diùrach eile, Màiri Liondsaidh, fiù 's ag innse mar a thilg iad uisge air na fir òga nuair a dh'fheuch iad rim faicinn a' luadhadh.[747] Mar sin, gun an obair choitcheann seo, chaill boireannaich àite dhaibh fhèin.

---

[743] An aon 'Empire Exhibition', ann an 1938, far an deach leabhar Dhonnchaidh MhicIain a thaisbeanadh.
[744] SA1969.026.B5/B6.
[745] Ibid.
[746] Tha Ìle ann an gu leòr de dh'òrain-luaidh ach air dòigh fharsaing gun fhreumhaichean, ag àireamh àiteachan Gaidhealach. Mar eisimpleir ann an 'Seathan mac Rìgh Èirinn' gheibhear: 'Bha mi an Ìle, bha mi am Muile leat, bha mi an Éirinn an Cóig' Mumha leat', agus mar sin air adhart. Tha i a' nochdadh ann an seagh susbainteach ann an 'Nach fhreagair thu, Chairistiana?':

> 'S iomadh long is bàrc is biaoirlinn
> Is luingeas a tha 'm bial Chaol Ìle
> Tighinn a dh'iarraidh Cairistiana;
> Cha n-ann gu pùsadh mhic rìgh leat,
> Gus do chur 'san talamh ìseal,
> Fo leaca troma na dìleann.

Chaidh seo a chlàradh aig a' Bh-uas. D. J. NicGillFhialain aig fìor luadhadh ann an Ìochdar, Uibhist a Deas an 1951 am measg àiteachan eile. J. L. Campbell, deas, *Hebridean Folksongs: a collection of waulking songs* (Àth nan Damh: Clarendon, 1969), td. 54; td. 164.
[747] SA1953.130.9.

4.4.3 Iain MacEacharna, 'Am Pìobaire Cam'

Thathas air mu 82 òran fa leth a lorg ann an clàraidhean-fuaim 1953-1969 a rinneadh le Ìlich no a dh'fhaodadh a bhith Ìleach, mar a gheibhear ann an Eàrr-ràdh 2. Bidh barrachd air sin a lorgar le tuilleadh rannsachaidh. Tha àireamh de bhàird neo-fhoillsichte air an ainmeachadh, m.e. Sandaidh MacCarmaig à Taigh a' Mhuilinn a rinn trì, 's dòcha seachd, òrain a' gabhail a-steach 'O illean bithibh togarrach' mu thogsaid uisge-bheatha a chaidh air tìr. Cuideachd, bha Donnchadh MacCalmain à Baile a' Ghràna a rinn òran tiamhaidh mu bhàs a mhnà; agus Pàraig Pholl nan Ròn, a bha na chìobair san Lag Mhòr, agus a rinn 'Siud mar a chuir mi an oidhche tharam', a' dèanamh tuairisgeul air na caoraich aige.

Bàrd a tha dhà-rìribh a' seasamh a-mach 's e Iain MacEacharna, 'am Pìobaire Cam'. Tha MacEacharna air ainmeachadh mar bhàrd airson sia òrain le Iain Ceanadach, agus aon eile le Niall MacCalmain – ach mar a chì sinn, tha teagamhan ann mun fhear sin. Tha cuideachd òran leis air fhoillseachadh ann an *An t-Òranaiche* (1879), 'Òg ùr a' chùil bhàin-ghil'. Tha fios againn gur ann à Bogh Mòr a bha e, gun robh e air leth-shùil agus gu math eirmseach aoireil, mar a tha cuid de na h-òrain a' dearbhadh. Dh'innis Iain Ceanadach, am prìomh thùs air obair a' bhàird, gun do rinn e 'Chaile dhubh na sgùlair' ann an 1780.[748] Dh'fhaodadh gun robh e beò an uair sin, ach le bhith a' cur ri chèile nam pìosan fiosrachaidh, thathas dhen bheachd gun robh e ri bàrdachd anns a' chiad leth den 19mh linn. Chaidh 'Òg ùr a' chùil bhàin-ghil' a dhèanamh 'do Chaiptin Cailein Mac Illeathain, fear an Lagain', agus 's e deagh òran-molaidh a tha ann do fhear de na daoine uaisle, a' bruidhinn mu a chuid maiseachd agus a' cliùthachadh a sgilean mar shealgair air dòigh thraidiseanta:

O gur maith leam gu'n d' thàinig
Òg ùr a' chùil bhàin-ghil
O gur maith leam gu'n d' thàinig
  Thu sàbhailt' do 'n tìr.

[...]

Bu tu iasgair na h-amhunn
'N uair a bhiodh tu aig baile,
Agus dròbhair nan aighean
  Aig faidhir an rìgh;
Bu bhòidheach le d' each thu
'N uair a bhiodh tu g' a mharcachd,
Paidhir phiostal 'n d' achlais,
  'S cha bu ghealtair thu fhéin.
    O gur maith leam, 7c.[749]

Cò an Leathanach a bha seo? 'Alexander-Colin, or Colin as he was invariably called, was a captain in the merchant service and also a ship-owner. He amassed a good deal of wealth. He gave up going to sea when he was about thirty-six years of age, and settled in Laggan in Islay'.[750] Cha d' fhuaireadh a-mach cuin a rugadh e, ach bhàsaich e ann an 1861 agus rugadh a' chiad mhac aige, Lachlan, ann an 1830.[751] Tha òran MhicEacharna ag innse gu bheil e air ùr thighinn don eilean agus gu bheil e air pòsadh, mar sin bhite an dùil gun do rinneadh an t-òran beagan ron bhliadhna sin.

Tha dà iomradh air cuideachd co-cheangailte ri gaiseadh agus gainnead a' bhuntàta. Chuir Iain MacMhurchaidh crìoch air alt a sgrìobh e mar a leanas:

[748] SA1953.135.A10.
[749] Mac-na-Ceàrdadh, *An t-Òranaiche*, tdd 490-491.
[750] Alexander Maclean Sinclair, *The Clan Gillean* (Charlottetown: Haszard and Moore, 1899), tdd 364-365. 'He was the subject of a very pretty Gaelic song by John Maceachern, am Piobaire Cam, of Bowmore in Islay'.
[751] Ibid.

> I will allow the *Pìobaire Cam* to finish. Mr. Malcolm MacNeill of Losset, one of the props of the island in his day, was passing where the piper was planting potatoes at the time of the first great potato famine. Everybody was anxious about the afflicted tuber, and Losset asked what seed he was using: "*Na MacNeill's*," said he, "*por nach do mheath riamh*" ("The MacNeill's – seed that never failed").[752]

Thathas an ìre mhath cinnteach gu bheil MacMhurchaidh a-mach an seo air gaiseadh a bha ann an 1837, ron ghort mhòr ann an 1846. Agus bhiodh Calum MacNèill, a tha ainmichte, ann an uair ud, a' ruith tuathanas agus taigh-stàile soirbheachail an Lòsaid faisg air Baile a' Ghràna, a mhair eadar 1817 agus mu 1842.[753] 'S dòcha fiù 's gum b' aithne MacMhurchaidh am bàrd, agus e a' fàs suas san eilean às dèidh 1827. Bha sgeulachd àbhachdach cuideachd aig an Urr Raibeart Blàrach mun Phìobaire Cham a' toirt seachad fianais sa chùirt, '[n]uair a bha beagan iorguill ann an Ile mu chur buntàta ás an dùthaich 'n uair a bha e gann anns an eilean'.[754]

Tha na h-òrain le MacEacharna a ghabh Iain Ceanadach, cuideachd à Bogh Mòr, eadar-dhealaichte ri 'Òg ùr a' chùl bhàin-ghil'. 'S ann a tha iad nas lugha, nas aotroime – a tha a' togail cheistean mu ùghdarachd agus iomlanachd. Ach tha iad uile inntinneach, dathte agus uaireannan a' sealltainn fìor dhaonnachd. Agus bha beagan de sgeulachd aig a' Cheannadach air an cùl. Anns a' phort 'Chaile dhubh na sgùlair', tha e ag innse: 'Nis, cha robh Iain –cha robh ann ach an aon t-sùil, 's cha robh e fuathasach bòidheach ri earachd air. Bha e suirghe agus bha e folbh leis a' chaile seo, ach thachair i air aig a' mhargadh agus cha toireadh i sùil air. Agus an sin, dhèan Iain an t-òran beag seo dhi[che]:'

> Chaile dhubh na sgùlair
> Cha toir mi sùil tuillidh ort
> Chaile dhubh na sgùlair
> Cha robh mi suirgh' riamh ort.
>
> Mar a bhiodh tu aig a' mhargaidh
> Gum biodh na fir a' suirgh' ort
> Mar a bhiodh tu aig a' mhargaid
> Gum biodh na fir gad iarraidh.
>
> Chaile dhubh na sgùlair
> Cha robh mi suirgh' riamh ort![755]

Chuala e an t-òran-aoireil 'Buntàta Ghoirtean Taoid' aig a mhàthair – agus, 's dòcha gun d' fhuair e a h-uile fear bhuaipe. Tha e a' toirt sealladh dhuinn air inbhe a' bhàird anns a' choimhearsnachd: 'bha e na àbhaist dha na bàird daonnan a bhith faotainn a h-uile nì an-asgaidh. Agus fhuair am bàrd seo, fhuair e baga buntàta an Goirtean Taoid, àite air an taobh an iar de dh'Ìle. Agus chan e a-mhèin gu robh am buntàta fliuch ach b'

---

[752] John Murdoch, 'The latest reciter of Sgeula Chois O'Cein', *Celtic Monthly* 1:9 (An t-Òg-mhios 1893), 139.
[753] The Lost Distillery Co., 'Lossit Distillery, 1817-1867' <http://www.lost-distillery.com/pages/lossit> (ruigte 1.9.16).
[754] '"Cha chreid mi," arsa Para mór, "nach robh am pìobaire càm, Mac Eachainn a bha 'n Ile, cho geur ri aon diu." "Dé thubhairt esan?" arsa Niall. "Bha siod uair a bha beagan iorguill ann an Ile mu chur buntàta ás an dùthaich 'n uair a bha e gann anns an eilean. Chaidh cuid a thoirt gu mòd a thaobh na cùise. Am measg nam fianuisean a bha air an ceasnachadh bha am pìobaire càm. 'Am faca tu soitheach buntàta air a leithid so de latha ann an Loch a' Chnoic?' 'Co leis a chithinn i?' 'Nach fhaiceadh tu le 'd shùilean!' 'Chan 'n 'eil sùilean agam' (cha robh aig Iain ach leth-shuil). 'Am faca tu le 'd shùil, ma ta, soitheach buntàta a leithid so de latha ann an Loch a' Chnoic?' 'Ma ta, cha 'n fhaca mise' arsa Iain. 'Ciod a tha thu ag ràdh! cuimhnich gu 'm bheil thu air do mhionnan' ars am fear-lagha. 'Tha mi ag ràdh riod' ars Iain. 'Nach fhaca tu,' ars am fear-lagha a rithist, 'soitheach buntàta ann an Loch a' Chnoic?' 'Cha 'n fhaca mi fhéin' ars Iain. Bha am fear-lagha a' fàs mi-fhaighidinneach 'us mhaoith e Iain a chur ann am prìosan air son tàmailt a thoirt do 'n chùirt. Ach bha Iain gun eagal gun fhiamh. Thug am fear-lagha ionnsaidh eile air, 'us mu dheireadh, an déigh móran ceasnachaidh, fhreagair Iain gu ciùin réidh – 'Ma ta, cha 'n fhaca mise soitheach buntàta riamh; ach chunnaic mi soitheach fiodha luchdaichte le buntàta." 'Chaidh na bha 's a chùirt 'n an tridheanan ag gàireachdaich, agus cha deachaidh ceisd tuilleadh a chur air Iain."' Ann an Rev R. Blair, 'Oidhche air Chéilidh', *Transactions of the Gaelic Society of Glasgow*, Leabhar 1 (1887-1891), 77-78.
[755] SA1953.135.A10. Tha an t-òran cuideachd a' nochdadh air a' chlàr *Faileasan* (2013) leis an t-seinneadair Earra-Ghàidhealach, Joy Dunlop.

fheudar dha pàigheadh air a shon! Leis a' sin, dhèan e an t-òran beag seo'. Chan eil ann an seo ach a' chiad rann agus corra fhacal mì-shoilleir.

Buntàta fliuch Ghoirtean Taoid
Bha e daor 's cha robh e tioram
'S ged nach ithinn dheth ach triùir
Chuireadh e ?rùbaid air mo mhionai'
Buntàta gun aran, gun fheòil
Buntàta gun sheòrs' sam bith leis
Dè mar a dh'fhaodas mi bhith beò
Is e a' ?clòmhdach air mo chridhe.[756]

A rèir a' Cheannadaich, rinn am Pìobaire Cam aoir cuideachd air a' bhàillidh Rob Ballingal, 'a bha trom air na bochdan'.[757] Agus, gu dearbh, tha fear Robert Ballingal, 'Factor on Islay Estate', tìodhlaichte ann an cladh Chill a Rubha. Fhuair e bàs aig 49 bliadhna a dh'aois ann an 1876.[758] Bha aoir bheag eile dèanta aige air an luchd-reic Sasannach a lorgadh iad fhèin ann an taigh nam bochd. Bha Iain Ceanadach dhen bheachd gum b' e 'seòrsa de *warder* ann an taigh nam bochd' a bha anns a' bhàrd agus feumaidh 's gun robh an suidheachadh rudeigin ìoranta dha.[759] Chaidh taigh nam bochd a thogail ann am Bogh Mòr mu 1865, ach chan eil fhios an robh a leithid ann na bu tràithe na sin.[760]

'S e 'Òran a' Choilich' an rud as brìgheile buileach le Iain MacEacharna. Ann am beachd a' Cheanadaich, b' e seo òran 'cho meath a chaidh a dhèanadh a riamh an Ìle' – agus dh'fhaodadh gu bheil e ceart. Sìmplidh 's gu bheil e, tha e tiamhaidh agus làn ìomhaigheachd. Tha an t-seinn shocair shlaodach aig Ceanadach a' cur ris an òran. 'Fhuair [MacEacharna] coileach o chruit faisg air Bogh Mòr. Agus bha an coileach, ged a robh e geal mar a rugadh e, bha e dubh gu leòr eadar toit is gu lèir man d' fhuair Iain e.'[761] B' ann a bha aige, a rèir coltais, airson cath-choileach a bha uabhasach coiteanta aig an àm, agus a thachradh anns a' Ghart Bhreac, 'dà mhìle a-meach à Bogh Mòr, bhiodh ma dhà fhichead dhiubh ann air Didòmhnai''.[762] Co-cheangailte ri seo, tha aon rann ag innse, 'Thug mi dhiot na h-ìnean, 's dh'fhàg mi ort an cìrean', a' toirt air falbh nan spuirean airson sabaid.[763] Bha am bàrd moiteil às a' choileach bhrèagha agus bha dlùth-dhàimh eatarra, 'shiùbhlainn le do sgìreachd 's cha bhithinn sgìth gad altram'.[764] Ach, 'bhiodh e dèanadh mill as na gàrraidean an dèidh dha fhaotainn, agus b'

[756] SA1969.151.B3.
[757] SA1969.153.B2.
[758] 'Gravestone inscriptions for Kilarrow Cemetery' <http://homepages.rootsweb.ancestry.com/~steve/islay/cemetery/cem02.htm> (ruigte 1.9.16).
[759] SA1969.153.B3. 'Bha mo mhèathair ag ràdh rium- thuirt mi fhèi', bha mi faighneachd dhi[ch] aon uair an robh Sasannai', am biodh Sasannai' an Ìle san èm sin, dol mun cuairt? Bhà. Bha Sasannai' dol mun cuairt anns an èm sin. Agus bha, 's bliadhnaichean o bha sin, bha iad- uill, chan eil mi ag ràdh gun robh iad pailt ach bhiodh iad a' siud 's an seo. Bhiodh iad a' creic rudan beaga mar sin. Agus ma dheireadh, bha iad a' feantail an Ìle, agus cha robh dòighean- mar nach robh dòigh air tighinn beò. Bha iad- 's e far an robh iad a' leandadh ann an taigh nam bochd. Agus bha Cailean [sic – tha e a' ciallachadh Iain (TM)], am bàrd, bha esan na seòrsa de *warder* ann an taigh nam bochd. Agus bha e coimhead air na Sasannai' seo agus thuirt esan:

Sasannai' gar fuadach gu dùthaich nan Gall
Len casan fada caol 's len corp goirid fann
Am fear a tha gun chlì dhiubh a tha a chàirdean gun fheum
Nis air a chur an taigh nam bochd
's b' fheàrr dha bhith crochte na bhith ann!

(Bhiodh 'Sasannai' gam fuadach gu dùthaich nan Gàidheal' a' dèanamh ciall, ach chan e sin a tha mi a' cluinntinn.)
[760] 'Islay Combination Poorhouse' <http://www.workhouses.org.uk/Islay/> (ruigte 1.9.16).
[761] SA1969.151.B7.
[762] SA1969.151.B7; SA1969.151.A5.
[763] Ann an dreach na bu tràithe den òran le Iain Ceanadach 's e an rathad eile a bha ann: 'Thug mi dhiot an cìrean...'. Cho fad 's as fiosrach mi bhite a' toirt air falbh nan spuirean agus/no a' chìrein ann an cath-choileach. SA1953.08.20.
[764] SA1969.151.B7.

fheudar dha an coileach bochd a mharbhadh. Bha e ag amharc a-sìos air a' choileach is e na laidhe na làimh marbh, agus 's e seo an t-òran a rinn Iain'.

Gu gulaidh go gòg 's òg a chaill thu 'n anail
Fhad 's a bhios mi beò bidh tu tighinn on ear orm
Gu gulaidh go gòg 's òg a chaill thu 'n anail.

Fhuair mi coileach uasal o Sheumais na Cruaiche
'S gu robh dreach a' ghuail air, tighinn a-nuas o ?shailidh
Gu gulaidh go gòg 's òg a chaill thu 'n anail.

Titeam mar an neòinean, 's i cho buidh' bòidheach
'S lìonadh tu do sgròban de dh'eòrna Iain MhicCaluim
Gu gulaidh go gòg 's òg a chaill thu 'n anail.

Thug mi dhiot na h-ìnean, 's dh'fhàg mi ort an cìrean
'S shiùbhlainn le do sgìreachd 's cha bhithinn sgìth gad altram
Gu gulaidh go gòg 's òg a chaill thu 'n anail.

Thogainn thar an làr thu, 's leagainn air a' spàrr thu
'S glaoidhidh tu gu h-allaidh shuas am bràigh an taighe
Gu gulaidh go gòg 's òg a chaill thu 'n anail.[765]

Mura b' e Iain Ceanadach agus na thog e bho a mhàthair, 's e glè bheag a bhiodh againn de bhàrdachd a' Phìobaire Chaim, sàr bhàrd Bhogh Mhòir, ged a dh'fhaodamaid a bhith cinnteach gum biodh e air barrachd a dhèanamh a tha a-nis air chall. Gu h-inntinneach, chaidh a ràdh le Niall MacCalmain gun do rinn MacEacharna an t-òran-eilthireachd, 'Le mo chuimhne cha robh sùim againn dol do dh'Aimearaga', agus gun do shiubhail e fhèin gu dùthaich nan craobh 200 bliadhna air ais (mar sin, mu 1753).[766] Cha bhiodh a' bhliadhna sin a' dol leis an fhiosrachadh a tha againn, agus cha d' fhuaireadh fianais eile gun do rinn Iain MacEacharna imrich. Gu dearbh, tha an t-òran seo – a tha na dheagh eisimpleir de sgaradh is caoidh an fhògarraich, le tomhas de romansachas – eu-coltach ri sìon sam bith eile a rinn am bàrd. Cuideachd, rinneadh clàradh eile den òran le fear Donnchadh MacCalmain, a bha ann am Port Ilein, agus air an robh, 'Le m' chuim cha robh sùim dhol a-nunn do dh'Ameireaga'. Ann an *Tocher*, tha e sgrìobhte, 'the meaning of 'Le m' chuim' is not clear, but Duncan is certain that this is how his uncle, the late Archie MacCalman, Lenanbuie, Islay, who composed the song, wrote it'.[767] Tha deagh theans gun e seo an fhìrinn, agus chan fheum Eairdsidh MacCalmain a bhith air eilthireachd a dhèanamh idir, ach a bhith air a chur fhèin am bròg an luchd-imrich – mar a rinn na bràithrean MacNìmhein.

4.5. Na bàird fhoillsichte anns na clàraidhean

Ged as e òrain ionadail a bha ann am obair nam bàrd a chaidh fhoillseachadh san 20mh linn – Donnchadh agus Teàrlach MacNìmhein, Donnchadh MacIain agus Alasdair Mac an Fhleisteir – thathas air dèiligeadh riutha air leth ann an Eàrr-ràdh 3. Anns a' chaibideil mu dheireadh, rinneadh sgrùdadh air cuid de na prìomh chuspairean agus beachdan a bha a' nochadh nan cuid bàrdachd. An robh fèill air an òrain? Agus a bheil iad dhà-rìribh a' riochachadh cultar Gàidhlig nan Ìleach? Cha robh ach dà òran le Alasdair Mac an Fhleisteir air a chlàradh – le Bella Chamshron a bha càirdeach dha, ach b' iad na bràithrean MacNìmhein agus Donnchadh MacIain na bàird a bu mhotha anns na clàraidhean. Lorgadh 28 clàradh gu 1969 de dh'òrain Dhonnchaidh MhicNìmhein a-mhàin, no 17 òrain fa leth. Tha e fìor gun tug aon fhiosraiche, Iain MacEòghainn a bha na charaid do na

[765] Ibid.
[766] SA1953.138.A3.
[767] *Tocher* 2:9-16 (1973-1974), 298-299. SA1969.146.B9.

bràithrean, iomadach clàradh – mu 11 chlàradh de dh'òrain Dhonnchaidh, agus còig clàraidhean de dh'òrain a bhràthar, Teàrlach – ach bha co-dhiù deichnear dhaoine gu lèir a' gabhail a chuid òran. Tha 'An cuala tu mun chruinneachadh?', no 'Bàl Chùla' a tha na òran-àbhachdach, air fear de na h-òrain as mòr-chòrdte anns na clàraidhean air fad. Bha cuideachd measgachadh de dh'òrain-ghaoil romansach ann leithid 'Hi horò mo nighean donn', 'A Mhàiri dhonn is toigh leam thu', agus gnèithean eile. Gu cudromach, bhiodh fiosraichean le stoidhle-seinn 'an àrd-ùrlair', leithid Nèill MhicCalmain, cho math ri bodaich nas 'traidiseanta' – a thaobh nan òran agus san stoidhle a bhiodh aca – leithid Dhùghaill Mhic a' Ghobhainn a' gabhail a chuid òran. Agus, 's e 'A Mhàiri dhonn is toigh leam thu' a bha aig Mac a' Ghobhainn. Bha daoine measail air na 'dàn-thursan dibhe' leithid 'Boc Nèill Uilleim' a bha air a dheagh ghabhail le Iain MacIllEathain, is feadhainn eile an làthair ga mhealtainn,[768] agus 'Sùgh an Eòrna' a tha èibhinn spòrsail coltach ris – agus 'chan eil e ann am priont ann'.[769]

A thuilleadh air sin, bha an duine fhèin air a chlàradh an 1953, dà bhliadhna mus do shiubhail e. Cha eil an aon chothrom againn èisteachd ri Mac an Fhleisteir, no ri a bhràthair Teàrlach, ged a bu chòir leughaidhean Dhonnchaidh MhicIain air a' BhBC a bhith rim faighinn. Thug e seachad seachd nithean, nam measg ceithir òrain gun fhoillseachadh. Mar eisimpleir, ag èisteachd ri 'O a Mhàiri a rùin 's tu mo ghaol thar gach nighean',[770] nach eil ann an clò, tha susbaint an òrain cho faisg air an fheadhainn eile aige, ach tha seinn Dhonnchaidh cho laghach agus am port cho tlachdmhor nach eil e gu diofar. Tha seo a' dol gu mòr leis na thuirt Dòmhnall Meek mun eadar-dhealachadh eadar bàrdachd air pàipear agus òran air a ghabhail.[771] Ged a thathas a-mach air òran beag romansach, gu h-inntinneach tha an stoidhle-seinn is aithris aige 'traidiseanta'. 'S e duine furasta meas a bhith air a tha ann am MacNìmhein sna clàraidhean: na bhodach aotrom àbhachdach, a bhios ag innse seann naidheachd, agus an uair sin a' seinn òrain romansach – a' gabhail a-steach cò eile, ach Uilleam Ros.[772]

Bha seachd òrain le Teàrlaich MhicNìmhein cuideachd air an lorg, nam measg 'Banais Chorsapuil' agus 'Òran an Otranto'; agus fhuaireadh ochd clàraidhean de shia òrain le Donnchadh MacIain, leithid 'Sìne Bhàn', 'Càrn air a' mhonadh' agus 'Bìrlinn Ghoraidh Chròbhain'. Tha fios gum biodh fada a bharrachd de bhàrdachd MhicIain aig muinntir Ìle, ach a rèir nan clàraidhean, a tha mar shampall den bheul-aithris, bha fèill na bu mhotha air òrain Dhonnchaidh MhicNìmhein.

'S iongantach nach eil gin de dh'obair a' bhàird Ìlich as ainmeile, Uilleam MacDhunlèibhe, ri lorg anns na clàraidhean gu 1969. Tha aon chlàradh air eachdraidh a bheatha,[773] ach bhite an dùil gum biodh 'Fios thun a' bhàird' a' nochdadh co-dhiù, ach chan eil ach iomradh air a bhith ga ghabhail anns a' Mhòd ionadail ann an 1924, mar a chìthear gu h-ìseal. An coimeas ri seo, bha mu chòig diofar òrain agus earrannan leis – fiù 's à dàn-fada leithid 'Blàr Thràigh Ghruinneart' – air an clàradh sna 1970an leis a' Mhuileach, Dòmhnall Chaluim Moireasdan.[774] Feumar faighneachd gu dè cho buadhach 's a bha bàrdachd MhicDhunlèibhe ann an eilean àraich.

[768] SA1953.117.B9.
[769] SA1953.118.A4.
[770] SA1953.137.B3.
[771] Meek, *Caran*, td. xxxiv.
[772] SA1953.08.25.
[773] SA1953.136.A11.
[774] SA1971.79.A1,.A2,.A3,.A5; SA1973.67.B5.

4.6. Òrain à àiteachan eile

A thuilleadh air na h-òrain ionadail à Ìle, agus obair nam bàrd Ìleach foillisichte san 20mh linn, tha deagh bhlas Earra-Ghàidhealach air na h-òrain a gheibhear anns na clàraidhean-fuaim. Tha clasaigean na roinne rin cluinntinn leithid 'Dòmhnall an Dannsair'[775], òran an Lighiche Iain MacLachlainn Rathuaidhe[776], agus òrain Mhuileach leithid 'Muile nam fuar bheann'[777] is 'Tha mo rùn air a' ghille'.[778] Bha 'A MhicNeachdain an Dùin', na sheann òran Earra-Ghàidhealach le tè Seònaid Chaimbeul a rinneadh mun 17mh linn,[779] chan eil fhios againn ciamar a thog Dùghall Mac a' Ghobhainn e, ge-tà. Tha cuideachd ceangal làidir ris na h-òrain aig Gàidheil a' bhaile-mhòir – le Niall MacLeòid, gheibhear m.e. 'An gleann san robh mi òg'[780], 'Dùghall na Sròine',[781] 'Thoir mo shoraidh thar an t-sàile'[782], 'Turas Dhòmhnaill a Ghlaschu'[783], 'Sìne Chaluim Bhàin'[784], agus 'Màiri Bhaile Chrò'[785]; le Dòmhnall MacEacharna, tha 'An t-suirghe thubaisteach'[786]; le Eanruig 'Fionn' MacIlleBhàin, lorgadh 'Chuir iad an caisteal na glinne mi'[787], agus le Màiri Mhòr nan Òran, tha 'Nuair a bha mi òg'[788], is 'Ged a tha mo cheann air liathadh'.[789] Thathas den bheachd gun robh buaidh mhòr aig cruinneachaidhean leithid *An t-Òranaiche* – a bhiodh ag obair an dà rathad, oir chuir an deasaiche Ìleach òrain an clò a b' aithne dha agus a thog e an Ìle[790] – *The Celtic Lyre* deasaichte le MacIlleBhàin, agus *A' Chòisir-Chiùil*. Uaireannan, saoilidh mi gu bheil sgaoileadh òran nan cruinneachaidhean a' mìneachadh eisimpleirean annasach de dh'òrain sna clàraidhean. Mar eisimpleir, chan eil traidisean làidir Seumasach ann an Ìle as aithne dhuinn, agus tha òrain Sheumasach a chaidh a lorg leithid 'Am buachaille buidhe'[791] agus 'Chunnacas bean san tùr na suidhe'[792] àraid ann an stoidhle co-dhiù. Ach tha an dà òran rim faighinn anns a' chruinneachadh *An lòn dubh* a bhiodh, thathas an dùil, anns na sgoiltean.

4.7. Suidheachaidhean-sòisealta

Dè na suidheachaidhean-sòisealta neo-fhoirmeil, no cuimseach 'traidiseanta', air a bheil iomradh againn san 20mh linn, far am biodh òrain air an gabhail, no cothrom eile air naidheachd, ceòl is dannsa? Dh'innis Iain MacEòghainn à Port na h-Abhainne mun 'rèiteach' nuair a rachadh am fear, còmhla ri a charaid agus botal uisge-bheatha, gu taigh a leannain airson iarraidh oirre gealladh-pòsaidh a dhèanamh. Ann an Ìle, bha 'oidhche a' chuideachaidh', an oidhche ron bhanais, gu sònraichte cudromach.[793] Thigeadh daoine le tìodhlaicean don

[775] SA1953.124.A10.
[776] M.e. 'Seinn an duan seo', SA1953.134.B10; 'Tha mi tinn 's mo chridhe fo leòn', SA1953.119.A2.
[777] SA1953.138.B1.
[778] SA1953.134.B12.
[779] Jane Stevenson agus Peter Davidson, deas, *Early modern women poets, 1520-1700: an anthology* (Oxford: Oxford University Press, 2001), tdd 267-269; SA1953.119.B6.
[780] SA1953.118.B5.
[781] SA1953.135.B4.
[782] SA1953.134.A5.
[783] SA1953.117.B8.
[784] SA1953.139.A3.
[785] SA1953.139.B4.
[786] SA1953.134.B8.
[787] SA1969.145.A10.
[788] SA1953.134.A6.
[789] SA1953.119.A3.
[790] SA1969.13.B1. Dh'innis Alasdair Lògan MacArtair gun d' fhuair Gilleasbuig Mac na Ceàrdadh mòran òran bho Dhòmhnall Ora à Ìle.
[791] SA1968.93.A1.
[792] SA1953.130.4.
[793] 'A-mach air a' chèilidh 's e rèiteach agus banais na suidheachaidhean-sòisealta a bu chudromaiche ann am beatha nan Eileanach', ach chan eil iomradh air 'oidhche a' chuideachaidh' san aon dòigh aig Challan, ach bha 'bhanais chearc' ann nuair a dheasaicheadh boireannaich biadh ron bhanais. Maighread Challan, *Air bilean*, td. 47, 49.

fheadhainn a bha a' dol a phòsadh, bhiodh òrain air an gabhail, agus gu leòr ga òl. Mhaireadh a' bhanais fhèin co-dhiù dà latha, can, air Dihaoine agus a' cumail a' dol an làrna-mhàireach.[794]

Bha fiosrachadh aig Gilbert Mac a' Chlèirich, coltach ris na chruinnich Elizabeth Kerr, air faire nam marbh[795]:

> In the old days they has so many questions when a neighbour died, they all gathered together [for] what – [they] term in English – the wake. But in our Gaelic it was *foraire* [air fhuaimneachadh 'forairigh']. So they sat all night with the bereaved and of course they weren't looking at the television – they had plenty of refreshments, so as the night wore on I'm afraid the deceased went out of their mind. There was an old proverb in Islay – *'S fheàrr aon foraire na dà chomannachadh deug.* Meaning 'one wake was far better than twelve communions' in the church, where they had only a wee drop of wine – which was not much good to the old Highlanders![796]

Agus, a' bruidhinn air na tìodhlacaidhean: 'the remains were carried to the cemetary by the bearers. There was very few carriages in these days. And there's to be seen today the resting places, flat stones laid out beside the road where they rested the coffin while the bearers had a rest and a refreshment I expect'. Aig deireadh an latha: 'the men had had a fair amount of refreshments and the day usually ended up with quarrelling, long quarrels that had been kept down got to the surface and when they were getting happier as they went along. So many's a time, I heard stories about the quarrels and the fights they had coming back from the funerals'.[797] Ach bha Mac a' Chlèirich a' bruidhinn mu na seann làithean – 'in the old days', 'say a hundred years ago' 7c. – agus chan eil fhios cuine a sguir nòsan leithid na foraire.[798] Nuair a shiubhail athair fhèin, Iain Mac a' Chlèirich, ann an 1938 chùmadh seirbheis anns an taigh agus chaidh a chorp a thoirt (a ghiùlan le daoine?) gu Cill Chomain. Agus bha cuimhne aige gum bite a' tilgeil airgead anns an uaigh – rud ris an cante 'ceannach a' ghrunnd'.[799]

Bha e air cuimhne Flòraidh Nic a' Phì gum b' àbhaist Oidhiche Shamhna a bhith air a gleidheadh air 12 Samhain. 'S e àm a bha ann nuair a chluichte cleasan air daoine, bhite a' goid nithean, a' dol air bhonnaig – a' cur gighis orra – agus a' dèanamh lòchran de shnèapan.[800] Aig toiseach an 20mh linn, bha Oidhche Challain air a comharrachadh air 12 Faoilleach agus bhiodh e a' dol airson seachdain, a rèir Iain Cheannadaich. Bhiodh Bogh Mòr na othail le daoine a' dol a-mach 's a-steach taighean a chèile, a bha air an glanadh gu sònraichte ro làimh agus uisge-beatha air fhaighinn.[801] Bha Nic a' Phì agus an Ceannadach le chèile a' caoidh nach robhar a' cumail nan seann nòsan seo air an aon dòigh sna 1960an.

B' e tachartas mòr a bha ann am Faidhir Bhogh Mòr. Nuair a bha Iain Ceannadach òg tràth sna 1900an, bhiodh na ceudan de dhaoine ann agus na sràidean làn each. 'S e cothrom air leth a bha ann airson suirghe, agus

---

[794] SA1969.15.A4.
[795] Tha coltas ann gun robh barrachd a' tachairt aig seann *wakes* ann an Ìle na bha ann an Uibhist. Challan, ibid, td. 53.
[796] SA1982.236.
[797] Ibid.
[798] Tha deagh chunntas air tìodhlacaidhean ann am Port na h-Abhainne, a rèir coltais mu 1944, ann am Francis Celoria, 'Notes on Lore and Customs in the District near Portnahaven, Rhinns of Islay, Argyll, Scotland', *Folklore* 76:1 (Spring, 1965), 40-41. Thigeadh daoine a bha eòlach air an neach a shiubhail airson an corp fhaicinn, nan dithisean, agus bhiodh iad a' beantainn ri a bhathais. Chan eil iomradh air foraire, ged a tha teans gum biodh daoine còmhla ris a' chorp san taigh. Bhiodh seirbheis anns an taigh agus rachadh a' chiste a ghiùlan don chladh. Cha bhiodh boireannaich a' dol. Ghabhadh uisge-beatha, aran-coirce agus càise an dà chuid aig an taigh agus aig a' chladh, far nach robh cead sìon a thoirt air falbh. 'It was remarked that the food was eaten with an almost sacramental solemnity.' Agus, gu dearbh, tha coltas rudeigin nas cràbhaidh sòlaimte air seo na na h-iomraidhean eile a lorgadh na bu tràithe.
[799] SA1982.236.
[800] SA1968.92.A11. Dh'innis Flòraidh Nic a' Phì cuideachd mu làithean-fèille eile a bhiodh fhathast air an comharrachadh, m.e.: Fèill Brìde, Là na Caillich, Fèill Pàdraig, agus Là Buidhe Bealltainn. SA1968.92.A10.
[801] SA1969.151.A10+B1.

bheireadh na balaich suiteas do chailean air an robh nòisean aca. Agus bhiodh ceòl is dannsa ann: thigeadh Dùghall Grannd à Gruinneart leis an fhidhill agus chuireadh air dòigh 'penny reels'.[802]

A' smaoineachadh mu a mhàthair, thuirt Iain Ceannadach:

> Bha i sònraichte, chan e a-mhèin gu robh i sònraichte air òrain Ghàidhlig ach air pìobaireachd ''s a leithid sin. Bhiodh ma aon dusan pìobairean sa bhaile san èm. Agus san fheasgair bha e na àbhaist dhaibh a bhith cluich. Agus bhiodh na suidhe a' sin san taigh, agus theireadh i rium, "O sin agad Para Rua', ''s e tha cluich a' phìob sin". "Dèmur a tha sibh ag eithneachadh?" "Tha mi ag eithneachadh air a' chorrag aige." Agus bha mòran de sean phuirt aice.[803]

Dh'innis Dòmhnall Cruinn MacLùcais gun robh athair, Aonghas, loma-làn òran, bha agus a bhràthair.[804] Agus thuirt Seumas Mòr MacArtair gun robh Clann an Tuairneir ann an Ìle gu h-àraid ceòlmhor.[805]

Agus dè na tha againn de dh'fhianais air 'cèilidhean-taighe' anns an 20mh linn? Sgrìobh an sgoilear beul-aithris, Francis Celoria, mu Phort na h-Abhainne ann an 1965: 'Before 1914 it was customary for the younger men to meet in the houses of old men for a round of songs, tales and anecdotes. The notes that follow [san alt aige] are derived, though often at second hand, from the persons who remembered something from these gatherings'.[806]

Tha eisimpleir air leth cuideachail againn de 'chèilidh' de sheòrsa ann an 'Òran mun Phàrlamaid'. An sin, tha sealladh againn air bodaich a' cabadaich 's a' dèanamh ciall de naidheachd nàiseanta agus ionadail:

> Tha bodai' anns a' bhaile seo, 's gur ait a bhith gan èisteachd
> A h-uile naidheachd aighearrach bhios acasan ra chèile
> Tha cuid a' moladh Salisbury[807] 's cuid eile ga chèineadh
> Tha mòran de bhreugan mun ?bhàilidh 's togail clann.

Tha e a' cumail a' dol, 'Chan eil naidheachd a thig à Glaschu air litir no air pàipear/ Nach innseadh a h-uile fear aca 's e na shuidhe an cois a' ghealbhain'. Agus tha fear a' faighneachd, 'Gu dè th' ann an Tòraidh?', agus fhreagradh 'sa mhionaid e, b' e sin na daoine mòra!'.[808] Am measg nam ban, dh'fhaodadh gu bheil againn blasad den t-seòrsa goistidheachd a bhiodh aca air chèilidh, ann an naidheachd Bella Chamshron: 'Uill, a Sheònaid, an cuala tu an naidheachd? Dè an naidheachd? Mairead nighean Iain Bhàin an dèidh tighinn dhachaigh às Glaschu 's cha bhruidhinn i mìr ach Beurda. Fhuair i *brown button boots*, agus fhuair i sgiort *tartan – beautiful*! Agus mòran de ghnothaichean sìoda.'[809]

Dh'fhaignich mi do Sheumas MacPhàrlain, a tha na iasgair air cluanaidh à Port Ilein agus a rugadh ann an 1940, mu chèilidhean-taighe sa bhaile, agus dh'innis e:

> Bha daoine a' tighinn a-staigh, 's e 'air chèilidh' a theireadh ead, 's e dìreach a' bruidhinn. Agus cha d' fhaoidte gun [tigeadh] agad drùdhag bheag uisge-beatha neo rudeigin, 's ghabhadh cuideigin òran 's rud den t-seòrsa sin. Bhà. Mar a bha mise òg, cha robh telebhisean ann agus cha robh rèidio aig mòran dhaoine nas mò. Agus dìreach thachradh sin. Agus 's e sin far an d' fhuair sin mòran de na sean naidheachdan agus sgeulan, 's e ag èisteachd ri na sean daoine. [... Bha] an dorast fosgailte, a h-uile taigh, bha an dorast air fhàgail fosgailte. 'S bhiodh na cailleachan 's na bodai' a' tighinn a-staigh air chèilidh. 'S e air chèilidh a theireadh ead, ged nach biodh e ach airs^{h}on copan tì neo suidhe, agus deagh naidheachd aca. Agus bha na naidheachdan a' fàs na b' fheàrr fad na h-ùine!

[802] SA1969.151.A8.
[803] SA1953.135.A10.
[804] SA1969.10.B5.
[805] SA1969.08.B11.
[806] Celoria, 'Notes on lore', 40.
[807] Ma fhuair mi an t-ainm ceart, 's e Marquess Salisbury a tha seo a bha na phrìomhaire Tòraidh eadar 1895 agus 1902.
[808] SA1953.136.B1.
[809] SA1953.129.7.

Airson muinntir an taighe agus duine sam bith a thigeadh air chèilidh, 'bha daonnan poit mhòr bhrot, taobh a' ghealbhan neo rudeigin. Bha ead a' dèana' mòran le iasg. Brot chudainnean, rudan 'an t-seòrsa sin. Tha cuimhneam fhè' feadhainn de na seana chailleachan, bhiodh poit mhòr aca 's bha brod fiodh air a' phoit'.[810] Tha seo a' cur nar cuimhne na sgrìobh Maighread Challan gu bheil sgoilearan buailteach a bhith a' mì-thuigsinn dè bha anns a' chèilidh, ga reothadh mar bheachd. Ann an Ìle cho math ri Uibhist, bha 'beul-aithris ri cluinntinn anns gach suidheachadh agus àite anns am biodh dithis no barrachd cruinn còmhla'.[811]

Bhiodh cultar nan cèilidhean-talla cuideachd a' suathadh ri 'cèilidhean' neo-fhoirmeil aig an taigh. Dh'innis Mairead NicCathbharra (a rugadh anns na 1930an) dhomh gum b' e Port na h-Abhainne an t-àite as fheàrr airson òrain, 'Choisicheadh iad a-staigh, bheil fhios 'ad, e cha robh rapadh na stuth. Dìreach choisicheadh iad a-staigh 's bha gramophone aca 's [...] bhiodh a' record a' dol man gcuairt 'us òrain Ghàidhlig [a bh' ann daonnan]'. [...]'S è, o daonnan, daonnan òrain Ghàidhlig a bh' ann. [..]Is bhiodh m' athair a' seinn bha esan, bhiodh esan corr' uair aig cèilidhs[812] is [rudan mar shin]'.[813] Bha an gramafòn – agus 's dòcha seinneadairean Gàidhlig leithid Mairead NicDhonnchaidh fhèin – rin cluinntinn san taigh, agus fiù 's ann an cuirmean-talla.[814]

4.8. An Comunn Gàidhealach agus Ìle

4.8.1. Ìlich sa Mhòd nàiseanta

Chunnaic sinn mar-thà gum biodh bàird Ìleach a' gabhail pàirt agus a' cosnadh dhuaisean ann an am Mòdan nàiseanta ron Chogadh Mhòr: Donnchadh MacNìmhein ann an 1908 agus 1910; agus Donnchadh MacIain ann an 1911 agus 1913.[815] Mun aon àm, bha an seinneadair Mairead NicDhonnchaidh (1888-1950), no Margrat Duncan mar as fheàrr a dh'aithnichear i, a' tighinn gu aire an t-saoghail agus i a' gleidheadh a' Bhuinn Òir nuair nach robh i ach 21 bliadhna a dh'aois aig Mòd Shruighlea ann an 1909.[816] Rugadh i faisg air Port na h-Abhainne, agus mu dheireadh ghluais i còmhla ri a peathraichean gu Lunnainn far an deach i gu colaiste ciùil. Dh'fhàs i an uair sin uabhasach ainmeil mar sheinneadair, agus bhiodh i a' gabhail òrain air feadh na dùthcha 's air a' Ghàidhealtachd, còmhla ri leithid Coinneach MacRath, agus Eairdsidh Grannd (1902-1991). Rugadh an Granndach fhèin air a' Ghalltachd, ach bha a mhàthair à Ìle den teaghlach cheòlmhor Clann an Tuairneir.[817] A' bruidhinn mu NicDhonnchaidh air Radio nan Gàidheal sna 1980an, thuirt Iain Mac a' Phì:

> Bha i rìomhach agus bha i rìoghail. Bha fios aice fhèin gun robh an guth aice agus, nuair a ghabhadh ise suas a sheinn a h-aon de na h-òrain gràdhach againn, bha fhios againn gu robh seo dol a bhith air a dhèanamh ceart. Chan fhaic sinn a leithid gu bràth.[818]

[810] TM14.
[811] Challan, *Air bilean*, td. 28, agus earrann 2.1.
[812] Mhothaich mi gun canadh agallaichean Ìleach 'cèilidhs', leis an iorla Bheurla, gu bitheanta – a dh'aindeoin gun robh an còmhradh ann an Gàidhlig. A bheil seo a' sealltainn gun e àrainneachd Bheurla agus Ghàidhlig a bha anns na cèilidhean-talla?
[813] TM4.
[814] M.e. Bha cluich a' ghramafòin mar phàirt de chèilidh ann an Cill Mheinidh an 1930. *An Gaidheal* (Am Màrt, 1930), 94.
[815] Faic Caibideil 3.
[816] Bliadhna nan Òran, 'Mairead NicDhonnchaidh': <http://www.bbc.co.uk/alba/oran/people/mairead_nicdhonnchaidh/> (ruigte 10.9.16). Far am faighear clàraidhean a rinn i de 'Creag Uanach', 'Falt trom trom dualach', agus 'Thig trì nithean gun iarraidh'. Tha mi fada an comain na làraich-sa airson eachdraidh-beatha nan seinneadairean.
[817] Scottish Traditional Music Hall of Fame, 'Archie Grant': <https://projects.handsupfortrad.scot/hall-of-fame/archie-grant/> (ruigte 10.9.16). Mu Chlann an Tuairneir san eilean, faic: SA1969.08.B11.
[818] Bliadhna nan Òran, ibid.

Eadar na cogaidhean, bha dithis sheinneadairean a' seasamh a-mach aig a' Mhòd nàiseanta. Choisinn Màiri C. NicNìmhein (1905-1997) à Port na h-Abhainne, agus Gilbert MacPhàil[819] a bha a' còmhnaidh am Baile a' Ghràna fad a bheatha, Bonn Òir nam ban, 's nam fear aig Mòd an Òbain ann an 1934. Tha Màiri NicNìmhein air a cuimhneachadh, tha fios, anns an òran 'Banais Màiri' no 'Màiri Bhàn' a rinneadh dhi le Iain MacIlleBhrataich air dhi buannachadh san fharpais.[820] A' fuireach ann an Glaschu, bhiodh i tric 's minig air an àrd-ùrlar, agus an sàs anns a' Chomunn Ìleach airson còrr is 70 bliadhna, mus do ghluais i air ais gu Port na h-Abhainne na seann aois.[821] Bha fèill mhòr cuideachd air Gilbert MacPhàil ann an cuirmean, an dà chuid ann an Ìle agus aig ìre nàiseanta.[822] Agus b' e ceann-suidhe comataidh a' Mhòid ionadail an eilein anns na 1950an.[823] Chaidh a chlàradh le sgioba Sgoil-Eòlais na h-Alba a' gabhail cuid de na h-òrain as mòr-chòrdte san eilean, le compàirt piàna: 'An t-eilean uain' Ìleach',[824] 'Toirt m' aghaidh ri Diùra',[825] 'Fuirich a rìbhinn',[826] agus eile. Às dèidh 'Mo rùn geal òg', cluinnidh sinn Gibidh Mac a' Chlèirich ag ràdh ris: 'uill, tha thu meath!'.[827] Cho math ri sin, bha meas mòr aig òrain Dhonnchaidh MhicIain. Thugadh tuairisgeul air le Seonag NicLeòid:

> 'S e duine bh' ann nach robh glè àrd ach bha e dèante, làidir na choltas. Bhiodh e daonnan air a chur suas cho grinn ri prìne òr, agus, nuair a sheinneadh e, dh'èisteadh an talla air fad. Cha robh dad a dh'fheum aige air na maicreafòn san treallaich eile air a bheil sinn cho eòlach an-diugh.[828]

Às dèidh an Dàrna Cogaidh, fhuair Dòmhnall M. MacLeòid (a rugadh 1926) à Port na h-Abhainne am Bonn Òir aig Mòd Bhaile Bhòid ann an 1952. Roimhe sin, chaidh a bhogadh ann an seinn òran is e san sgoil: 'Donald sang in concerts and would join in at the many ceilidhs that were part of the island's social fabric, learning local songs and stagecraft from his mentor, Kenneth MacRae, as well as the songs of Islay bard Duncan Johnstone and songs collected in the broader Gaidhealtachd by Marjorie Kennedy Fraser'.[829] Bha e an uair sin na bhall de chòisir Phort Sgioba a bha math soirbheachail aig Mòd Inbhir Nis ann an 1949.[830] Bha cliù aige mar sheinneadair chan ann a-mhàin aig cuirmean an Glaschu ach thall thairis, agus chuir e a-mach clàr, 'An t-Eilean Mòr' ann an 2007.

Bha Eàirdsidh Mac an t-Sagairt (1931-2003) de theaghlach Ìleach ann an Glaschu, chaidh a thogail an sin, agus rè an Dàrna Cogaidh, ann am Bruach a' Chladaich san eilean. B' ann aig Mòd Inbhir Nis ann an 1966, a bhuannaich e am Bonn Òir. Bha e cuideachd na phìobaire tàlantach, uair na mhàidsear-pìoba aig Pìobairean a' Chomuinn Ìlich, a thuilleadh air a bhith na bhall de Chòisir Ghàidhlig Ìleach Ghlaschu.[831]

Bha na maighstirean-sgoile gu math cudromach ann a bhith a' misneachadh na h-òigridh pàirt a ghabhail ann an cultar a' Mhòid, agus mar gum b' eadh a' cruthachadh a bhun-structair ionadail. Bha Niall Orr (1864-1941) na thidsear ann am Port na h-Abhainne anmoch san 19mh linn gu 1905. An sin, dh'eagraich e còisir chloinne sa

---

[819] Ged a tha deagh iomraidhean ann air Gilbert MacPhàil, cha d' fhuair mi air bliadnaichean-breith is bàis a lorg.
[820] Mar a tha a' chiad rann a' dol: 'Gaol mo chridhe-sa Màiri Bhàn,/ Màiri bhòidheach, sgeul mo dhàin, / 'S i mo ghaol-sa Màiri bhàn, / 'S tha mi dol ga pòsadh'.
[821] Hugh Smith, 'Obituary: Mary C MacNiven', *The Herald* (3 Giblean, 1997). <http://www.heraldscotland.com/news/12330734.Mary_C_MacNiven/> (ruigte 15.9.16).
[822] Bliadhna nan Òran, 'Gilbert MacPhàil': <http://www.bbc.co.uk/alba/oran/people/gilbert_macphail/> (ruigte 15.9.16).
[823] Faic m.e.: Iomradh air a' Mhòd ionadail ann an 1959, Museum of Islay Life, A5/9.
[824] SA1953.135.A7.
[825] SA1966.029.B3.
[826] SA1953.135.A6.
[827] SA1966.029.B2.
[828] Bliadhna nan Òran, ibid.
[829] Scottish Traditional Music Hall of Fame, 'Donald M. MacLeod': <https://projects.handsupfortrad.scot/hall-of-fame/donald-m-macleod/> (ruigte 16.9.16).
[830] Ibid.
[831] Bliadhna nan Òran, 'Eàirdsidh Mac an t-Sagairt': <http://www.bbc.co.uk/alba/oran/people/eairdsidh_mac_an_t_sagairt/> (ruigte 16.9.16).

bhaile a ghlèidh duais ann am Mòd Ghlaschu cho tràth ri 1901. Bha làmh aige ann am foillseachadh a' chruinneachaidh de dh'òrain airson sgoiltean, *An lòn dubh* (1905), is e air innse na bhroinn, 'We are indebted [...] for the use of the remainder [of the harmonies] to Mr. Neil Orr, Schoolmaster, Portnahaven, who Children's Choir have been singing them for several years'.[832] B' e cuideachd a bhrosnaich a' chaile òg, Mairead NicDhonnchaidh a dh'fhàs gu bhith cho ainmeil: 'Nuair a chaidh Mairead dhan sgoil bha fear Niall Orr na mhaighstir-sgoile ann am Port na h-Abhainne, agus b' esan a thug a' chiad leasanan ann an seinn is ceòl do Mhairead. Bha i anns a' chiad chòisir riamh a thàinig à Ìle gu Mòd, dhan Òban ['s dòcha ann an 1898 – TM]'.[833] Air dha an tìr-mòr a thoirt air, bhiodh Niall Orr a' tilleadh chun an eilein airson a bhith os cionn Sgoil-shamhraidh a' Chomuinn agus a' teagasg ceòl.[834] Agus thug an tidsear, Bhaltair MacPhàidein, buaidh mhòr air Gilbert MacPhàil mar sgoilear gus ùidh a chur ann an òrain agus cultar Gàidhlig. Bliadhnaichean às dèidh làimh ann an 1953, dh'innis e do Chalum MacIlleathain mun òran 'Mo rùn geal òg': 'fhuair mi e on t-seana mhaighstir-sgoile a bha agam fhè' ann an gCille Mheinidh'.[835]

4.8.2. An Comunn Gàidhealach san eilean

Ann an agallamh le Ùisdean Mac a' Ghobhainn, dh'innis e cho mòr 's a bha an Comunn Gàidhealach agus am Mòd ionadail anns an eilean: 'Bhiodh dòcha còisir a' gabhail pàirt às a h-uile *baile* san eilean. Agus òran inbhich a' gabhail pàirt anns na co-fharpaisean agus, tro na dà-fhicheadan is leth-cheudan agus suas gu ruige na trì-ficheadan bha an gComunn Gàidhealach den bheachd gu robh Mòd ionadail Ìle, [gum b' e] am Mòd ionadail a b' fheàrr ann an Alba'.[836] Tha fianais nan agallamhan a rinn mi fhìn, a thuilleadh air clàraidhean-fuaim Sgoil-Eòlais na h-Alba, agus litreachas a' Chomuinn a' daingneachadh cho buadhach 's a bha e mar eagrachadh cultarach.

Bha co-dhiù aon mheur ionadail den Chomunn Ghàidhealach ann an Ìle ron Chogadh Mhòr.[837] Ann an 1925, tha lorg air aithisgean bho mheòir ann am Beul an Àtha, Bogh Mòr, Baile a' Ghrànа (Cill Mheinidh), [838] agus Port Ilein (Cill Daltain).[839] Cha tug àite san Roinn aithisg seachad eadar na cogaidhean, ach chaidh innse gun deach meur a stèidheachadh am Port na h-Abhainne sa Ghiblean, 1931.[840] Ron Dàrna Cogadh, bha cuideachd còisirean inbheach *agus* còisirean-òigridh ann am Bogh Mòr, Port Ilein, agus Port Sgioba; bha còisirean inbheach ann am Beul an Àtha agus Cill Mheinidh; agus còisirean-òigridh ann an Cill Chomain, Port na h-Abhainne agus A' Chill.[841] Gun teagamh, 's e àireamh iongantach a tha seo de bhuidhnean cultarach ann an aon eilean. Dè bhiodh iad ris?

---

[832] Malcolm MacFarlane, deas, *An lòn dubh: a collection of twenty-eight Gaelic songs, with music, in two-part harmony* (Dùn Dè: Malcolm C. MacLeod, 1905), gun td. Tha mi gu math taingeil do Neil Orr eile airson an fhiosrachaidh seo bhon bhlog bhaibheil aige mu eachdraidh Ìle: <http://islayhistory.blogspot.co.uk/2012/08/neil-orr-of-portnahaven-1864-1941.html> (ruigte 18.9.16).
[833] Bliadhna nan Òran, 'Mairead NicDhonnchaidh', ibid.
[834] 'Obituary: Neil Orr', *An Gaidheal* (An Cèitean, 1941), 107.
[835] Bliadhna nan Òran, 'Gilbert MacPhàil', ibid.; SA1953.135.A3.
[836] TM11.
[837] Donald John MacLeod, 'Twentieth century Gaelic literature: a description, comprising critical study and a comprehensive bibliography' (Oilthigh Ghlaschu: tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1969), tdd 15-16.
[838] 'Branch reports', *An Gaidheal* (Am Faoilteach, 1925), 61-2.
[839] 'Branch reports', *An Gaidheal* (An t-Ògmhios, 1925), 144.
[840] 'Propaganda tours', *An Gaidheal* (An Cèitean, 1931), 121.
[841] Tha iad seo air an ainmeachadh ann an liosta-dhuaisean nam Mòdan ionadail: *An Gaidheal* (An t-Iuchar, 1924), 159; *An Gaidheal* (An t-Iuchar, 1925),158; *An Gaidheal* (An Lùnastal, 1927), 174.

Ann an leabhar-tuairisg Comunn Gàidhealach Chill Daltain, a tha a' ruith bho 1925 gu 1954, tha sàr chunntas againn air beatha an eagrachaidh.[842] 'S ann a tha iad a' cur air dòigh 'cèilidhean' no cuirmean foirmeil gun abhsadh, cha mhòr a h-uile mìos. Foghnaidh cunntas air 'cèilidh' ann an Cill Mheinidh ann an 1930, an àite Chill Daltain, airson mìneachadh cò ris a bhiodh cuirmean coltach air an eagrachadh leis a' Chomunn:

> A very successful ceilidh was held in the Ballygrant Drill Hall on the evening of Tuesday, the 21st January. Despite unfavourable weather conditions, the hall was filled with an orderly and appreciative audeince. The Rev. A. Duncan, B.D., presided, and opened the proceedings, with a very interesting account of old ceilidh customs. A long and varied programme, consisting of solo, duet, quartette, and part-song, together with selections on bagpipe, violin, melodeon, and gramophone, was then submitted, and every item was carried through without a hitch, to the delight of an appreciative audience. All the performers acquitted themselves well, and were repeatedly encored. A refreshing cup of tea, served in the course of the proceedings, added materially to the evening's enjoyment.[843]

Rachadh crìoch a chur air gnothaichean le bhith a' seinn 'Oidhche mhath leibh', no fiù 's laoidh-nàiseanta Bhreatainn. Uaireannan, bha dannsa ann às dèidh na cuirme.[844]

Bhiodh còisirean Chill Daltain a' coinneachadh uaireannan dà thuras san t-seachdain, agus bhiodh cuirmean-cnuic ann an-dràsta 's a-rithist airson Comunn na h-Òigridh. A' tòiseachadh ann an 1925 le 'Pòsadh Seònaid', dhèanadh am 'Port Ellen Sketch Party' dealbhan-cluiche sa Ghàidhlig aig cuid de chuirmean. Bha am meur gu mòr an sàs ann a bhith ag eagrachadh a' Mhòid ionadail, agus a' cur taic ri buidhnean a' siubhal don Mhòd nàiseanta. Bha beàrn mhòr san tuairisg rè na Dàrna Cogaidh, ach chuidich an laoch dìcheallach, Niall MacIlleSheathanaich, gus an stèidheachadh às ùr. Tha an tuairisg air fad ann am Beurla, agus gu h-iongantach 's dòcha gun robh na coinneamhan fhèin sa chànan sin. Sa Chèitean 1948, tha iad a' cur romhpa coinneamhan a chumail ann am Beurla agus Gàidhlig mu seach. Ach chan eil iomradh ach air aon choinneamh Ghàidhlig, san t-Samhain.

Anns an Iuchar 1952, tha an ceann-suidhe a' clàradh 'the irreplaceable loss the Branch had suffered through the death of Mr. I. McEachern. He was a great asset to the Branch and his presence at all functions will be greatly missed'. Agus, bha iomradh-bàis air Islay MacEacharna (1911-1952), a shiubhail nuair nach robh e ach 41 às dèidh tinneas, ann an *Gairm:*

> An uair a chaochail an t-Ìleach òg so bho chionn naoi mìosan, dh'fhairich na mìltean air feadh Bhreatainn a' bhuille. Tha e duilich a ràdha ciamar a bhuannaich e an t-urram agus an gaol a thugadh dhà anns gach ceàrna. Cha robh e riamh móran mu choinneamh an t-saoghail, ach air dhòigh air choireiginn thainig an saoghal gu a dhoras. [...] Bha e math air a' phiàno agus di-beathte aig cuirm 's aig cèilidh, cha b' e sin a choisinn oisin dha anns gach cridhe. Cha b' è, ach an coibhneas agus a chaomhalachd a bhuileachadh air thar tomhais.[845]

Thachair a' chiad Mhòd ionadail ann an Ìle – a bha fosgailte don a h-uile duine ann an Ìle, Colbhasa agus Diùra – ann am Bogh Mòr, 19 Ògmhios 1924, agus bha e uabhasach soirbheachail. Uile gu lèir, bha 219 farpaiseach ann, 'including 7 Senior Choirs and 4 Junior Choirs'. Dh'aithris Jennie Given sa *Ghaidheal*, 'Bowmore was early astir, and as hundreds of men, women and children began to crowd the streets, it seemed that the entire island had caught the Mod fever. [...]The performances rough at times, but holding out great hopes for the future when a standard of singing has begun to emerge'![846] Am measg òran air an taghadh leis na daoine, 'naturally, the pieces were from the works of local bards, "Fios Thun a' Bhaird" being first favourite. One competitor

[842] Fhuaireadh am fiosrachadh san earrainn-sa bho: (Taigh-tasgaidh Ìle) A5/11 – 'Minutes Book of the Committee of the Kildalton & Oa Branch of An Comuinn Gaidhealach', 2nd April 1925.
[843] *An Gaidheal* (Am Màrt, 1930), 94.
[844] M.e. *An Gaidheal* (Am Màrt, 1925), 94; *An Gaidheal* (An t-Òg-mhios, 1925), 141.
[845] *Gairm* (An t-Earrach, 1953), 36. '
[846] *An Gaidheal* (An t-Iuchar, 1924), 158-160.

selected "Oran a' Bhaloon"'.[847] Anns na bliadhnaichean ri thighinn, dh'fhàs am Mòd ionadail gu bhith na thachartas mòr stèidhichte. Ann an 1939, bha mu 30 farpais ann, a' gabhail a-steach ceòl-pìoba, leughadh, còmhradh, dealbh-chluich, ball-oibre (fuaigheall no figheadh an rian Ceilteach), seinn, còisir, piàna, sgeulachd is eile.[848] Ghabh am Bàrd, Donnchadh MacNìmhein, agus uaireannan Teàrlach, pàirt anns na farpaisean bàrdachd, gan cumail a' dol fiù 's nuair nach robh farpaiseach eile ann.[849] Bho na 1950an bha obair bàird Chill Chomain a' nochdadh mar phàirt den fharpais, bha agus òrain Dhonnchaidh MhicIain don do rinneadh duais-chuimhneachaidh.[850]

Nas anmoiche, 's e fhathast rud mòr a bha anns a' Mhòd ionadail ach bha trioblaidean ann cuideachd. Ann an cunntas air an fharpais an 1959, chaidh a ràdh, 'This year's Islay Provincial Mod, held last Friday in Bowmore Public Hall, was very successful though not quite attaining the glory of former years. The number of competitors was down a bit from last year and this was particularly noticeable in the Senior section where there were few entries from the outlying parts of the island. In fact, all but some half dozen of the competitors in the senior section came from Bowmore itself [...]'.[851] Agus, san fharsaingeachd, bha atharrachaidhean brìgheil rim faicinn eadar ginealaichean. Dh'innis Peigi NicEacharna (à faisg air Bruich a' Chladaich, agus rugadh an 1947) dhomh:

> Em, cèilidhs bha eadsan meath. E, bhiodh em, consairt bha sin dìreach daoine sean agus o, bhiodh tu, cha robh a dhìth ort dol airs^{h}on consairt chionn bha- cha robh ann ach daoine sean agus bha – o bha e fiadhaich fhèi' boring! [gàire] [...] Ach cèilidh, [...] bhiodh cuideigin a' seinn is bha sin damhsa, seinn is damhsa 's e, bha sin na b' fheàrr.[852]

4.8.3. Cultar a' Mhòid – tanachadh san dualchas?

Tha beachdan làidir aig sgoilearan mu bhuaidh a' Chomuinn Ghaidhealaich air coimhearsnachdan Gàidhlig. Sgrìobh Dòmhnall Iain MacLeòid, 'its branches brought to the Gaeltachd [...] new fashions from the emigré comunities – formal concerts, dialogues, readings, comedians and comedies. Only the formal concerts and some few of the comedians have survived [anns na 1960an]: *this development extinguished the native village bardic tradition*'.[853] Bha e den bheachd, nuair a bha e a' sgrìobhadh ann an 1969, gun robh 'the programmes of most concerts in the Gaidhealtachd and beyond it [...] usually saturated with this type of Romantic song [bhon 'emigré community' ann an Glaschu agus bhon Chomunn Ghaidhealach', ach gun robh diofaran mòra roinneil ann:

> In considering the popularity of different types of song, however, one must take regional variations into consideration: Mr Martin MacDonald of the B.B.C. Gaelic Department tells me that audience research he has carried out informally over the past few years [na 1960an] seems to confirm that the Glasgow-based or originated societies, such as An Comunn Gaidhealach, have had far greater influence in Argyllshire than elsewhere, in that the songs of the 'Celtic Lyre' and of MacFadyen and Neil MacLeod -- the doyens of the Glasgow societies in the early years -- are far more popular there than older Gaelic folksongs, for which there is considerable though not universal appreciation in the Outer Isles and Skye.[854]

Tha an earrann seo uabhasach feumail, agus ann an grunn dòighean tha an fhianais againn à Ìle a' daingneachadh na h-argamaid seo. Anns na clàraidhean-fuaim eadar 1953 agus 1969, tha deagh àireamh de

[847] Ibid.
[848] Taigh-tasgaidh Ìle: A5/6 – 'Syllabus of Islay Provincial Mod, Public Hall, Friday 26th May 1939'.
[849] M.e. *An Gaidheal* (An t-Iuchar, 1928), 157; ibid. (An t-Iuchar, 1934), 157-158.
[850] Taigh-tasgaidh Ìle: A5/7 – 'Syllabus of the Twntieth Annual Islay Provincial Mod, Bowmore, 29th May, 1953'.
[851] Taigh-tasgaidh Ìle: A5/9 – 'Islay Provincial Mod', 1959.
[852] TM8.
[853] Donald John MacLeod, 'Twentieth century', tdd 499-500. Mo chuideam.
[854] Ibid., td. 269.

dh'òrain le Niall MacLeòid is a leithid, gun tighinn air a' bhàrdachd Ìlich a bha cuideachd bho bhuaidh Gàidheil a' bhaile-mhòir. Dh'fhaodadh gum b' e An Comunn Ìleach (stèidhichte ann a 1862) a' chiad bhuidheann ann an Glaschu a thug buaidh den t-seòrsa seo air cultar an eilein.[855] Thathas an dùil gun robh fada a bharrachd imrich de dh'Ìlich eadar an t-eilean agus bailtean na Galltachd na bha ann an eileanan mu thuath. Agus, chunnacas mar a ghabh cuid de dh'Ìlich pàirt mhòr anns a' Chomunn Ghàidhealach na bhliadhnaichean tràtha, agus gun do dh'fhàs meòir a' Chomuinn gu drùidhteach san eilean fhèin anns na 1920an, a' dèanamh an uabhais airson beatha chultarach eagrachadh agus Gàidhlig a riochdachadh. Mun aon àm, san Eilean Sgitheanach bha cuid de mhinistearan a 'rinn gach ni a bha 'n comas a chum deagh obair A' Chomuinn Ghaidhealaich a bhacadh agus a mhilleadh',[856] fad 's a bha ministearan ann an Ìle a' cur taic ris agus nam fir-chathrach anns na cuirmean. Agus, cha robh mòran làthaireachd aig a' Chomunn anns na h-Eileanan an Iar ach ann an Steòrnabhagh, far an do dh'fhàillig orra airson bhliadhnaichean inbhich a lorg airson a' Mhòid ionadail,[857] ged a bha iad ann am pailteas an Ìle.

Ann am beachd Maighread Challan, '[n]uair a thòisich cuiream foirmeil gan cumail anns a' choimhearsnachd thàinig atharrachadh a thaobh àireamh an luchd-èisteachd agus cò bhiodh an làthair'. Agus, leis gum biodh daoine bhon taobh a-muigh agus gun Ghàidhlig anns na cuirmean, bhiodh seinneadairean 'ag atharrachadh an roghainn airson coigrich a thàladh agus a shàsachadh', a bha a' ciallachadh gun tàinig 'lùghdachadh air àireamh agus air gnè nan òran a bha rin cluinntinn'.[858] Tha fios againn gum biodh òrain Bheurla a' nochdadh ann an cuirmean Ìleach fiù 's anns na 1920an[859], agus bha fìor dhroch thuairisgeul aig Mairead NicAsgaill mu chùisean ann an 1959:

> Tha Comuinn Ghaidhealaich [sic] anns gach baile, ach chan ann glé lùthmhor a tha iad, ach dìreach Bogha-mór agus Port Eilein fhéin. Chaidh ràdh rium barrachd air aon uair nach fhaigheadh iad làn talla dhaoine a dh'éisteadh ri òrain, nan deanadh iad cuirm-chiùil a bhiodh gu tur anns a' Ghàidhlig: dh'fhaodadh gur h-e sin as aobhar gu bheil a h-uile seinneadair Ìleach a choisinn bonn òir no airgid, de na chuala mi fhathast an so, a' seinn co-dhiùbh an dara leth de a chuid òran anns a' Bheurla chruaidh, anns nach do sheinn e ann an co-fharpais.[860]

Cha robh An Comunn Gàidhealach, agus an gluasad cultarach bhon tàinig e, idir a' coileanadh an amasan cleachdadh na Gàidhlig a chur air adhart aig ìre nàiseanta. Ann an suidheachadh coimhearsnachd Ghàidhlig mar Ìle san 20mh linn, dh'fhaodadh gun robh iad a' dèanamh cron le a bhith ag àbhaisteachadh 'dà-chànanachas', a' cur cruth àraid leth-Ghallta air an dualchas, agus a' lagachadh shuidheachaidhean-sòisealta eile.

Ach, feumaidh sinn taobh eile na sgeulachd innse. Tha Gàidheil Ìle moiteil às an seinneadairean, agus bu chòir dhaibh a bhith. 'S ann a tha iad air na h-uiread de thoil-inntinn a thoirt do dhaoine agus do chruinneachaidhean tro na bliadhnaichean – agus ann an Gàidhlig. Air uaireannan, tha Challan is eile ro fhaisg air a bhith a' cur

---

[855] Bha naidheachd bheag aig an Urr Raibeart Blàrach ann an 1889 nach robh fìor ach a tha a' sealltainn glè mhath mar a dh'fhaodadh Ìlich a bhith a' toirt air ais beachdan is dòighean cuirmean a' Chomuinn Ìlich:

> "Tha sin a' toirt a'm chuimhne" arsa Baldi buachaille, "nì a chuala mi Blàir ann an Glascho aon uair ag innseadh aig an t-*Soirree* Ileach". "Dé tha ann an *soirree*?" arsa Gibi nan gèadh. [...] "Tha coinneamh mhór far am bheil na ceudan cruinn ag òl *tea* 'us ag itheadh arain mhilis 'us *raisins* 'us ùbhlan; agus òraidean air an toirt seachad; 'us òrain ghasda bhinn air an seinn."

Rev R. Blair, 'Oidhche air Chéilidh', *Transactions of the Gaelic Society of Glasgow*, Leabhar 1 (1887-1891), 75.

[856] *An Gaidheal* (An t-Sultain 1926), 177-178. 'Gus an latha an diugh tha cuid dhiu cho dian agus cho dalma is a bha iad riamh, a' mallachadh obair A' Chomuinn, agus a' cleachdadh a leithid so de bhriathran anns a' chùbaid, "Cuideachd an diabhuil cuideachd a' mhòid". Tha sin a' cur bacadh air pàrantan agus air cloinn.'

[857] *An Gaidheal* (An t-Iuchar, 1926), 156. 'But the reproach of a senior section of the Mod, with no competitors, still lies on the island.'

[858] Challan, *Air bilean*, td. 157.

[859] *An Gaidheal* (An Dùbhlachd, 1928), 46. Ann an Cill Daltain: 'a very enjoyable programme of Gaelic and English songs and recitations were gone through'.

[860] Mairead NicAsgaill, 'Ìle: "An t-Eilean Crom"', *Gairm* 28 (An Samhradh, 1959), 310.

sìos air ‘cultar poballach’ air an dearbh dhòigh ’s a bhiodh luchd-aithris glèidhteach ann am Breatann san 20mh linn.[861] Ann an co-theacs sònraichte Ìle, tha fios againn gun robh gnèithean de bheul-aithris air an call nas tràithe air sgàth ’s gun do sguabadh air falbh bailtean-fearainn, agus cothroman airson obair-choitcheann gu sònraiche ro na 1860an. Cha b’ e An Comunn Gàidhealach a bu choireach don tanachadh seo, ach b’ ann a bha cèilidhean-talla a’ freagairt ris an eagrachadh shòisealta seo anns na bailtean ‘Leasaichte’ Ìleach. Rud a tha uabhasach brìgheil ’s e mar a bha òrain ionadail, agus naidheachdan ‘traidiseanta’ air an cumail suas anns na clàraidhean-fuaim maille ri òrain romansach, fiù ’s aig na h-aon daoine. Agus, bu chòir cuimhneachadh ged nach do mhair traidisean na bàrdachd mòran às dèidh nam bàrd foillsichte Ìleach, b’ ann a bha iad sin uile a’ faighinn taic air choireigin bhon Chomunn Ghàidhealach. A dh’aindeoin a laigsean mòra, stèidhicheadh An Comunn Gàidhealach agus am Mòd ionadail ann an Ìle aig àm nuair a bha glè bheag de Ghàidhlig anns na sgoiltean, bha a’ Bheurla a’ faighinn làmh an uachdair san eaglais agus bha suidheachaidhean-sòisealta eile gan sìor lagachadh. B’ e seo *an aon* eagrachadh san eilean a bha a’ feuchainn ri misneachd a thoirt do Ghàidheil, agus far an robh an cànan is cultar air am brosnachadh. ’S iomadh Ìleach a bha an sàs ann agus a rinn obair air an son – bu chòir cuimhneachadh orra.

4.9. Dithis ghaisgeach Ìleach

Anns an dealachadh, feumar luaidh a thoirt air dithis a tha a’ nochdadh anns na clàraidhean-fuaim, agus aig an robh àite cudromach ann an cruinneachadh beul-aithris san 20mh linn. Rugadh is thogadh Màiri Dhòmhnallach (1911-1999), née Doyle, ann an Ìle – tha mi an dùil ann am Bogh Mòr.[862] Ann an 1935, phòs i Tom MacDonald, ‘Fionn Mac Colla’, a bha mar-thà na ùghdar aithnichte. Chaidh iad a dh’fhuireach ann am Beinn na Faoghla, agus Barraigh – far an robh MacDonald na mhaighstir-sgoile – gu 1961. Bha Màiri na màthair de dheichnear chloinne, agus bhiodh i a’ clò-sgrìobhadh nobhailean an duine aice. Bha an dithis aca air iompachadh gu bhith nan Caitligich dhaingeann.[863] Ann an Dùn Èideann, thòisich i ag obair mar rùnaire san tasglann, ‘which does not begin to describe the myriad tasks she carried out in relation to the collections it is the School’s privilege to steward over the following eighteen years’.[864] Gu dearbh, thòisich i air clàraidhean a dhèanamh don Sgoil, ann an Ìle agus Barraigh, ann an 1969. Tha i ainmichte ann an 695 clàradh air Tobar an Dualchais, ach ann an cuid mhòr dhiubh sin tha i ag obair còmhla ri Alan Bruford agus Dòmhnall Eàirdsidh Dòmhnallach. Airson Ìle a-mhàin ann an 1969, lorgadh gun do rinn i 115 clàradh leatha fhèin agus 45 le daoine eile. Agus chùm i a’ dol anns na 1970an.[865] Fhuair i an t-uabhas de dheagh fhiosrachadh air beatha anns na seann làithean, uaireannan bho dhaoine air an robh i eòlach, a thuilleadh air naidheachdan is òrain. ’S ann ann am Beurla a tha na h-agallamhan aice, agus dh’fhaodadh gun robh i a’ tuigsinn gu leòr de Ghàidhlig ach nach robh i làn fhileanta no misneachdail air a labhairt. A bharrachd air seo, bha Màiri Dhòmhnallach air leth cudromach ann a bhith a’ tòiseachadh *Tocher*, an iris aig Sgoil-Eòlais na h-Alba a bhiodh a’ foillseachadh cuid de na toraidhean beul-aithris aca. Sgrìobh Alan Bruford, ‘It was her constant lobbying in the School of Scottish Studies, and her eventual production of a sample issue which more than anything was responsible for the

[861] Tha cùisean nas toinnte ge-tà nuair a bhruidhnear mun chòmhstri eadar ‘cultar poballach’ agus ‘cultar dùthchasach’ (*vernacular*), seach àrd-chultar.
[862] SA1969.029.B4. Tha aon fhiosraiche a’ bruidhinn mu bhith a’ dol don sgoil le a h-athair ann am Bogh Mòr.
[863] Duncan Glen, ‘Profile of Mary MacDonald: her life with “Fionn Mac Colla” (1991)’, ann an *Selected Scottish and other essays* (Cathair Chaladain: Akros publications, 1999), tdd 79-80.
[864] Margaret Mackay, ‘Mary MacDonald, Assistant Editor of Tocher 1971-1978’ *Tocher* 52 (Spring 1996), 130-131.
[865] A’ sireadh nan clàraidhean aice às dèidh 1969, fhuaireadh mu 17 leatha fhèin agus 47 còmhla ri Gilbert Mac a’ Chlèirich ann an 1970, agus mu 30 ann an 1976.

creation of Tocher'.[866] B' i leas-dheasaiche na h-iris bho thòisich e ann an 1971 gu 1978, agus anns an ùine sin bha i an urra ri mòran den t-susbaint a chur ri chèile, agus bha an-còmhnaidh gu leòr ann à Ìle.

'S e rionnag ann an cultar Gàidhlig Ìle a bha ann an Gilbert Mac a' Chlèirich (1904-1989) à Port Sgioba. 'S e Gilbert Clark a bha air sa Bheurla, agus a rèir Sheumais MhicPhàrlain, ''s e Gibeag a theireadh sinne ris. [...] Gibidh, neo Gibeag. 'S e Gibeag a theireadh iad shìos am Port Charlotte'.[867] Bha eòlas domhainn aige air beul-aithris na Ranna, ach bha e cuideachd na sgoilear a b' urrainn bruidhinn mu dheidhinn thùsan sgrìobhte. Bha e na fhiosraiche do Sgoil-Eòlais na h-Alba, na cho-fhiosraiche a' brosnachadh dhaoine eile, agus na 'neach-clàraidh' còmhla ri leithid Màiri Dhòmhnallaich no Alan Bruford. Thug e seachad an dreach as fheàrr de sgeulachd Bhlàr Thràigh Ghruinneart a bha air a chlàradh.[868] Agus nuair a chaidh sin fhoillseachadh ann an *Tocher* an 1992, sgrìobh Bruford:

> [T]his is printed as a tribute to a great enthusiast for his island's Gaelic culture, who helped every fieldworker from the School who came to Islay after the editor's first visit in 1966. The fact that only one short anecdote from him has previously been printed in Tocher (6, 179)[869] in his lifetime is due to his own modesty for he used to guide us to other people, and sometimes jog their memories, but was reluctant to record his own versions of stories which, like this one, he had heard from many different people and remembered details from each of them.[870]

Uile gu lèir, fhuaireadh 143 clàradh san robh e eadar 1966 gu 1982. Bha e ainmichte mar 'fhiosraiche' ann an dòigh air choireigin ann an 98 dhiubh sin, agus na 'cho-neach-clàraidh' ann an 78. Air a sgàth, 's cinnteach gun tug Dòmhnall agus Niall MacFhearghais à Bun Othain seachad barrachd na bhiodh iad mura robh e ann. Ri linn sin, bha iad am measg nan Ìleach a bu trice a bha air an clàradh. Tha na h-agallamhan a bha aige còmhla ris an Ollamh Iain MacAonghais air briathrachas Ìleach is eile ann an 1970 gu h-àraid feumail.[871] Gu tric, bhiodh Gilbert gu tric a' cur cheistean e fhèin: 'Dè theireadh sibhse?'. Agus tha an còmhradh a bha aige ri Màiri Dhòmhnallach an 1982 air a bheatha dìreach baibheil.[872] Tha fios againn cuideachd gun robh e an sàs anns a' Chomunn Ghàidhealach ann am Port Sgioba bho 1948, agus gum biodh e a' dol chun a' Mhòid nàiseanta fad na h-ùine.[873] Taobh cudromach eile a bha aige, 's e gum biodh e a' dèanamh bhàtaichean, agus chùm e a' dol na sheann aois. Seo cuid dhe na dh'innis Seumas MacPhàrlain à Port Ilein dhomh nuair a dh'fhaighnich mi dha mu dheidhinn:

> TM: An robh sibhse eòlach air Gilbert Clark?
>
> JM: O meath! Gu meath eòlach air, bha. [T]hogadh e sgothachan bòidheach, agus bha tè dhiubh gu h-àraid a bhithinn ga seòladh, bhiodh regattas a'ainn, is bhithinnsa a' seòladh a' sgoth a thog Gibidh. Thog e mòran bhàtan...
>
> TM: Ann am Port Charlotte?
>
> JM: Seadh. Agus geolachan ma dheireadh, ach thog e sgothachan gasta. Chan eil fhiosam cò iad. Bha feadhainn dhiubh ag iasgach, ach gu h-àraid ma Bhruich Chladai' is ma Loch na Dàla, och reic e feadhainn dhiubh[cha] air

866 'Mary MacDonald', *Tocher* 4: 25-30 (1977-1978), 248. Agus cf. Mackay, 'Mary MacDonald', ibid.
867 TM14. Agus sgrìobh Donnchadh Fearghastan à Port na h-Abhainne: 'Bhiodh Gillebrìghde Mac a' Chlèirich (no *Gibidh Clearc*), seanchaidh air leth gasta 's fiosrach a bha fantail ann am Port Sgioba, daonnan cantail rium gu robh ceangal fiadhaich domhainn 's sònraichte eadar muinntir na Ranna 's na h-Èireannaich' (mo chuideam). 'Aghaidh ri Èirinn, agus cùl ri Alba' (28 Cèitean 2014), *Dàna*: <http://danamag.org/aghaidh-ri-eirinn-agus-cul-ri-alba/> (ruigte 20.9.16).
868 SA1968.098.
869 Naidheachd mun 'Full-Blooded Yankee' a' creachadh Ìle ann an 1813.
870 *Tocher* 44 (1992), 110-117.
871 M.e. SA1970.327, .328.
872 SA1982.236.
873 Bha e na leas-cheann-suidhe de mheur Phort Sgioba nuair a chaidh a stèidheachadh an 1948. *Oban Times* (20 March, 1948). '"People are keener on the Mod now than they were. But it's not for the Gaelic. It's a great reunion. They like it just for the outing." So comments Mr. Gilbert Clark, of Port Charlotte, Islay, who has been going to the Mod for exactly 40 years [ann an 1969]'. 'Memories of the Mod', *Scottish Field* (October, 1969).

folbh thar an eilean cuideach. Ach bha e sònraichte meath air togail bhàtan agus *lèan* naidheachdan, sgeulan, bhà.[874]

4.10. Co-dhùnadh

Ann an Caibideil 3, rinneadh sgrùdadh air bàrdachd Ìleach a chaidh fhoillseachadh anns an 20mh linn, agus ghluais sinn an seo gus beachdachadh air na h-òrain *air beul an t-sluaigh*, a chaidh a chlàradh le Sgoil Eòlais na h-Alba eadar 1953 agus 1969. Tha iomadach rud ann an cumantas eadar an cruinneachadh seo agus cruinneachadh Elizabeth Kerr anns na 1890an: tha naidheachdan beaga, eachdraidh ionadail, agus eisimpleirean de shaobh-chràbhadh lìonmhor. Ach, am measg nan diofaran, tha na h-òrain fada na bu chudromaiche mar ghnè beul-aithris ann an iomairtean-tionail an 20mh linn. 'S iad na seòrsaichean a b' fhèillmhoir: òrain-ghaoil, òrain-dùthcha agus òrain àbhachdach, a' gabhail a-steach òrain na dibhe. 'S e glè bheag de dh'òrain-obrach a chaidh a lorg, agus bhruidhneadh mun fhianais chlàraichte mu chrìonadh luadhadh a' chlòtha anns an 19mh linn. Tha e inntinneach cuideachd nach robh sailmean, agus òrain-creideimh , rin lorg ach gu h-ainneamh. Tha òrain a rinneadh ann an Ìle fhèin, no a tha dlùth-cheangailte rithe, pailt dhà-rìribh. Lorgadh grunn eisimpleirean de bhàird ionadail – mòran nach deach fhoillseachadh a riamh – agus thugadh cunntas air fear àraid dhiubh: Iain MacEacharna, 'am Pìobaire Cam'. Gu cudromach, bha òrain nam bàrd foillsichte, mum bruidhneadh ann an Caibideil 3, air an clàradh gu bitheanta – a' dearbhadh gun robh fèill orra. Dhiubh sin, bha Donnchadh MacNìmhein, 'am Bàrd', a' toirt bàrr air bàrd sam bith eile. Thathas ag argamaid, mar sin, gun robh làthaireachd shusbainteach de 'romansachas' anns a' bheul-aithris, chan ann a-mhàin ann an òrain nam bàrd foillsichte, ach ann an òrain bhàrd romansach eile, leithid Nèill MhicLeòid. Bha na h-òrain-ionadail mar chridhe làidir an dualchais, ach air uaireannan bha buaidh rudeigin romansach ri fhaicinn fiù 's an sin – chan eil e an-còmhnaidh furasta diofar a dhèanamh eadar òran 'traidiseanta' agus 'romansach'. Gu h-inntinneach, ged a tha corra eisimpleir de dh'òran 'impireileis', cha robh mòran ann idir – agus feumar faighneachd dè cho cudromach 's a bha impireileas poballach ann an dà-rìribh am measg an t-sluaigh.

Thugadh cunntas air cuid de na suidheachaidhean-aithris far am faodadh òrain agus beul-aithris de sheòrsaichean eile a bhith an làthair. A' nochdadh anns na clàraidhean-fuaim, mar a bha ann an tras-sgrìobhaidhean Elizabeth Kerr, lorgadh iomraidhean air 'foraire' no caithris nam marbh, an 'cuideachadh', agus amannan sònraichte den bhliadhna leithid Oidhche Challain, agus Oidhche Shamhna. Ged a bha iad sin air chuimhne dhaoine, tha coltas ann gun do dh'fhalbh iad mar shuidheachaidhean-aithris sa chiad leth den 20mh linn – mar a bhiodh air tachairt leis an fhoraire – no chaidh an lagachadh mar chothroman airson beul-aithris a chumail suas. Chuala sinn mu dheidhinn 'cèilidhean' neo-fhoirmeil ann an taighean nàbaidhean, agus tha fios gum biodh òrain air an gabhail aig bainnsean is eile. Ach, tràth san 20mh linn, agus fiù 's roimhe, dh'fhàs cèilidhean-talla bitheanta anns an eilean, agus chuir an suidheachadh foirmeil seo cruth air an t-seòrsa òran a bhiodh air an gabhail. Bha buaidh shònraichte aig a' Chomunn Ghàidhealach ann an Ìle. B' iad a chuir air dòigh chuirmean agus chèilidhean foirmeil gu bitheanta, gu sònraichte eadar na cogaidhean, agus a dh'eagraich am Mòd ionadail bho 1924, a bha gu math soirbheachail. Fhuair àireamh mhath de dh'Ìlich cliù aig farpaisean nàiseanta a' Mhòid cuideachd. Bha na laigsean mòra aig a' Chomunn Ghàidhealach, a' gabhail a-steach - gu h-ìoranta – measgachadh de Bheurla agus Gàidhlig, a' lùghdachadh na bha anns an dualchas, a' cur cruth àraid na bu 'Ghallta' air, agus a' cur cuideam mòr air an àrd-ùrlar agus farpaisean. Thathas ag argamaid, ge-tà, gun robh an Comunn a' lìonadh beàrn a bha ann an Ìle airson cultar Gàidhlig a riochdachadh agus a bhrosnachadh.

[874] TM14.

Dh’fheuch e ri daoine, agus gun sònraichte òigridh, a mhisneachadh agus rinn na bha an sàs ann obair mhòr airson a’ chànain aig amannan gu math doirbh. Bha adhbhar ann gun robh daoine measail, mar eisimpleir, air na h-òrain romansach a bha a’ freagairt ris na cèilidhean-talla: len sèistean sìmplidh aithnichte, puirt thlachdmhor agus ìomhaigheachd Ìleach, b’ ann a bha iad a’ coileanadh feumalachd agus a’ toirt dhaoine ri chèile.

Caibideil a Còig: Creideamh agus an eaglais ann an Ìle, 1890-1960

Taigh gun ùrnaidh, taigh gun tugha.

'S iomadh duine laghach a mhill an creideamh.[875]

Tha creideamh aig teis-meadhan mar a bha daoine a' tuigsinn an t-saoghail san robh iad beò, a' dèanamh ciall dhen àite a bha aca ann agus a' riaghladh an giùlain shòisealta is mhoralta. Thuige seo, tha creideamh air a bhith air fear dhe na cuspairean mòra ann an litreachas na Gàidhealtachd. Ach tha dà laigse anns an litreachas sin: cha do rinneadh gu leòr gus eadar-dhealachaidhean roinneil aithneachadh; agus gu ro thric bha eachdraichean a' cuimseachadh air creideamh oifigeil – atharrachaidhean anns na h-eaglaisean agus àite nam ministearan – seach a bhith a' faighinn gu cnag na cùise air mar a bha na daoine fhèin a' fiosrachadh creideamh agus ga chruthachadh. Anns a' chaibideil seo, coimheadar air cùisean oifigeil *agus* mì-oifigeil. Cuirear Ìle ann an co-theacs gus beachdachadh air a' Ghàidhealtachd air fad, a' faighneachd gu dè cho càbhaidh 's a bha an t-eilean aig ceann an 19mh linn agus san 20mh linn agus ciamar a bha i coltach is eu-coltach ri àiteachan eile. An uair sin, gluaisear gus smaoineachadh air a' chuimhne a bha aig Ìlich air creideamh nam beatha agus mar a nochdas e ann an clàraidhean beul-aithris. Mu dheireadh, leanar sgeulachd cànain san eaglais.

5.1. Suirbhidh air cor Eaglais na h-Alba an 1897-8

Aig deireadh an 19mh linn bha eaglaisean Pròstanach na h-Alba ann an cruaidh-chàs. Bha seann adhbhar is cinnte nan Clèireach air an crathadh le atharrachaidhean bunaiteach sa cho-chomann: bha an clas-meadhanach a' sìor thrèigsinn obair misein ann an sgìrean bochda, thug èirigh a' ghluasaid làbaraich dùbhlan don phrìomh àite a bha aig an eaglais ann an ath-leasachadh sòisealta agus bha teagamh aig cridhe na h-eaglais fhèin, mar thoradh air ministearan a' smaoineachadh às ùr air Crìostaidheachd ann an linn ùr-nodha a' chalpachais.[876] Bho shealladh soisgeulach, bha an lobhadh dhà-rìribh aig leac an teinntein. Ach, b' urrainnear deasbad gu dè cho mòr 's a bha an èiginn ann an Alba agus gu h-àraidh air a' Ghàidhealtachd. Às dèidh nan uile, nach e luchd-gràidh daingeann na Fìrinn a bha anns na Gàidheil?

Gu bhith a' freagairt an duilgheadais a bhathas a' faireachdainn a bha ann, chuir Eaglais na h-Alba coimisean air dòigh eadar 1890 agus 1896 airson fianais a thogail bho gach clèir (*presbytery*) air càradh a' chreideimh far an robh iad.[877] Cha d' fhuair iad air tadhal air grunn chlèirean Gàidhealach, ach gu fortanach san dà bhliadhna às dèidh sin shiubhail coimisean na bu lugha, anns an robh barrachd mhinistearan le Gàidhlig, chun nan àiteachan ud, agus Ìle nam measg. A' tighinn chun an eilein 4mh Màrt 1898, bha co-dhùnaidhean gu math soilleir aca:

> There is a considerable amount of religious indifference, especially in the villages. One of the schedules reports that "indifference prevails to a considerable extent in the village of Bowmore". Another says, "There is more or less indifference to the ordinances of religion".[878]

[875] Seanfhaclan Ìleach a thruis Gilbert Mac a' Chlèirich, ann an Emily Edwards, deas, *Seanchas Ìle* (Gleann Da-ruail: Argyll Publishing, 2007) td. 164; td. 158.
[876] Callum G. Brown, *Religion and Society in Scotland since 1707* (Dùn Èideann: Edinburgh University Press, 1997), tdd 124-157.
[877] Committee on Non-Church Going, *Reports on the Schemes of the Church of Scotland* (1890-6).
[878] Commission on the Religious Condition of the People, *Reports on the Schemes of the Church of Scotland* (1898), td. 886.

Cha robh seo fìor mun Chlèir air fad, a bha a' gabhail a-steach Diùra agus Colbhasa: '[o]ther ministers report that there is little or no indifference with regard to the observance of religious ordinances' ach chan eil fhios againn càite an robh sin, agus 's e 'mì-shuim' a' phrìomh theachdaireachd a bha ann. [879]

> The causes assigned for such indifference as exists are various. One says, "Poverty has a great deal to do with it, but the want of real personal interest in religion is at the root of all". Another, "Domestic life, Sunday labour in distilleries, and intemperance". [880]

Mhol na coimiseanairean '[an] aggressive mission' airson Bògh Mòr leis gun robh ceudan de dhaoine a' fuireach faisg air an eaglais ach, a rèir coltais, leisg orra dol innte. San fharsaingeachd, bha iad a' smaointinn, 'the sending of deputies and the holding of mission weeks would be the best means for dispelling this lack of interest, and for awakening a deeper concern regarding sacred things'. [881] Ged a b' ann fo stiùir Eaglais na h-Alba a bha an rannsachadh, agus bha a' mhòr-chuid de luchd-leantainn aice, b' ann air staid a' chreideimh sa choimhearsnachd gu lèir a bha iad a' bruidhinn. Dh'fhaodadh nach robh cuid na h-eaglaisean eile a' dèanamh mòran na b' fheàrr, agus ma bha cion ùidh aig cuid mhath de dhaoine ann an creideamh, 's e an trioblaid-san a bha sin cuideachd.

Tha fianais a' choimisein uabhasach fhèin luachmhor airson creideamh a sgrùdadh ann an diofar chlèirean, agus fiù 's ann an sgìrean fa leth. Le a bhith a' dèanamh coimeas eadar toraidhean Clèir Ìle agus clèirean eile ann an Earra-Ghàidheal agus ann an eileanan nas fhaide tuath, thèid againn air feartan sònraichte an eilein a shuidheachadh ann an co-theacs, agus dealbh fhaighinn air iomadachd roinneil taobh a-staigh na Gàidhealtachd an Iar. B' fhiach e cuimhneachadh gun deach am fiosrachadh seo a thoirt seachad le ministearan, mar sin, ged a tha coltas caran fosgarra air gu leòr dhe na co-dhùnaidhean, bhiodh iad fhathast a' tighinn a rèir an t-seallaidh aca fhèin. Air uairean, 's dòcha nach biodh ministear airson cus cuideim a chur air laigse na h-eaglais seach 's gum faodadh e fhèin a bhith air a choireachadh. Air an làimh eile, 's cinnteach gum biodh cuid de mhinistearan buailteach èiginn a' chreideimh aig an àm aibhseachadh, air neo a bhith a' mì-thuigsinn làthaireachd creideimh de sheòrsa air choireigin taobh a-muigh nam modhan oifigeil. Gu sìmplidh, tha breithneachaidhean nam ministearan a' cruthachadh tuilleadh cheistean.

Clàr 11: Toraidhean air càradh creideimh is moralta ann an clèirean Earra-Ghàidheal agus clèirean eile

Earra-Ghàidheal	
Clèir Chinn Tìre	'It was satisfactory to learn [...] that there is not much religious indifference, and that not a tenth of the population is non-church-going.' 'A good deal of Sabbath desecration results in some of the parishes from the number of summer visitors and the amount of holiday travelling.' 'In the Campbeltown district it was specially gratifying to learn that the extensive work in distilleries does not cause any unusual amount of drunkeness among the workers, and that the conditions

[879] Ibid., td. 887.
[880] Ibid.
[881] Ibid., td. 886-7.

	of Sunday labour are such that every maltsman can attend church at almost every service if he choose' (td. 792).
Clèir Dhùn Omhain	'It was satisfactory to have it reported that there was little religious indifference, intemperance, immorality, or poverty.' 'The great fact that influences the domestic and religious life of the people is the increasingly large number of summer visitors' (td. 789).
Clèir Mhuile	'Though the ministers admit that there is some indifference so far as church attendance is concerned, they attribute it mostly to poverty and distance from church. In no case do they report that there is an increase of indifference, while in several instances they testify that there is a growing interest in public ordinances, and that "the people are loyal to the Church and regular in their attendance on the ordinances of religion".' 'Intemperance is not on the increase in any of the parishes, and illegitimacy is low in all the parishes except Coll, where "it is considerable and on the increase"' (tdd. 892-3).
Clèir Inbhir Aora	'The ordinances of religion appear to be duly observed in all the parishes. Such irregularities as exists is attributed to Sunday labour, to some extent unavoidable in the case of cattlemen and shepherds.' 'The changes in the navvy class are so frequent that it is difficult to gain any influence over them.' '[...] the evil of intemperance is distinctly on the decrease. This, indeed, may be said to be the opinion of all the Highland Presbyteries visited' (td. 899).
Clèir Latharna	'[...] the Church is strong numerically.' 'There does not appear to be much religious indifference among the people in regard to the regular observance of public ordinances.' 'Neither illegitimacy nor intemperance can be said to prevail in any marked degree' (tdd. 870-2).
Clèir Obar Thairbh	'With the respect to the prevalence of indifference to the ordinances of religion, it is reported that the people, as a rule, are exemplary. One minister, however, states that there is a "considerable extent" in his parish, though "certainly it is not on the increase". Such indifference as does exist is commonly attributed to the evil effects of ecclesiastical divisions, and also to the long distances of many of the parishioners from the church' (tdd.

	956-7).
Eileanan Gàidhealach a tuath	
Clèir an Eilein Sgitheanaich	‘Over the island there seems to be little or no religious indifference so far as the attendance on public worship is concerned.’ ‘In the sourth of the island, in the parishes of Sleat and Strath, the Church of Scotland ministers to a large part of the population. In the remainder of the island, as in other parts of the north Highlands, the Church since 1843 has been in a minority.’ ‘The feeling of the great mass of the people in reference to the Communion is extremely painful. In some parishes very few, and these chiefly old people, partake the Lord’s Supper, “giving as their reason that they are afraid to eat and drink damnation to themselves”. This sad state of mind, it is said, is not diminishing, though the ministers seem earnest in explaining the true nature of the ordinance’ (tdd. 949-50).
Clèir Leòdhais	‘The numerical weakness of the Church of Scotland in the island of Lewis is well known.’ ‘The overwhelming majority of the inhabitants adhere to the Free Church.’ ‘[I]t was generally admitted that the people as a whole are faithful in the observance of public ordinances, and that amongst them there is now, as in time past, much devoutness and earnestness in the performance of their religious duties.’ ‘[I]t is believed that the people of Lewis, considering the size of the population and other circumstances, are singularly free from vices which detract from the fair fame of other districts more favourably situated’ (td. 877).

Tùs: Commission on the Religious Condition of the People, *Reports on the Schemes of the Church of Scotland* (1896-8).

Ann an Clàr 11, chìthear às-earrannan air mì-shuim creideimh a bharrachd air mì-stuamachd (*intemperance*) is dìolanas (*illegitimacy*) bho gach clèir. Ann an Earra-Ghàidheal, tha e brìgheil gu dearbh nach eil ach Clèir Mhuile a’ clàradh mì-shuim creideimh ann an seagh farsaing agus cumanta. Anns a h-uile clèir eile san roinn, bha co-dhùnadh taitneach aig na ministearan: ann an Cinn Tìre ‘not a tenth of the population is non-church-going’ agus chaidh aithris an Obar Thairbh gun robh na daoine ‘exemplary’ nuair a thàinig e gu òrdanais creideimh.[882] Bhite an dùil gun robh neart Obar Thairbh na chomharra air cho fada tuath ’s a tha i, fo bhuaidh soisgeulachd an iar-thuath. Fiù ’s ann am Muile, ge-tà, ’s e co-dhùnadh measgaichte a fhuair an coimisean; rinneadh cunntas air fàs ann an suim nan daoine cuideachd, agus airson na bha ann de mhì-shuim bhathas a’

[882] Tha taobhan-duilleig airson na fianais seo rin lorg ann an Clàr 11.

coireachadh ‘poverty and distance from church’.[883] Ged a bha iomraidhean dòchasach ann an Ìle, bha am fianais air mì-shuim na bu treise agus na bu mhiosa: cha robh an t-astar bhon eaglais gu diofar, bha daoine le cothrom air àite-adhraidh ga dhiùltadh agus, mar a dh’innis aon mhinistear, cha robh bochdainn gu leòr airson a mhìneachadh: ‘the want of real personal interest in religion is at the root of all’.[884] Nam b’ e a’ bhuaidh bhailteil a b’ adhbhar dha laigsean na h-eaglais ann an Ìle, tha e inntinneach gun deach taighean-staile Cheann Loch Chille Chiarain a mholadh leis gun robh cothrom aig an luchd-obrach seirbheisean a fhrithealadh a dh’aindeoin ’s gun robh iad ag obair Là na Sàbaid.[885] Air an làimh eile, bha obair na Sàbaid sa ghnìomhachas air a càineadh ann an Ìle airson mì-shuim creideimh a bhrosnachadh.[886] Ann an tùsan eile, thathas ag aithneachadh gun robh Ceann Loch Chille Chiarain, san robh barrachd dhaoine a’ fuireach na bha ann an Ìle air fad ann an 1901[887], loma-làn creideimh agus taghadh eugsamhail de dh’eaglaisean.[888]

Co-cheangailte ris an ìre de dh’ùidh a bha aig daoine ann an òrdanais creideimh – a tha a-mach air frithealadh na h-eaglais gu cunbhalach – bha na ministearan airson faighinn a-mach mu staid mhoralta nan daoine, air a thomhas dhaibh le ìrean ana-measarrachd agus dìolanais. Ann an Ìle lorg iad:

> There is a considerable amount of intemperance and illegitimacy, but these evils are decreasing. Statistics of illegitimacy furnished by the minister of Kildalton show a high average.[889]

Nuair a thig e gu mì-stuamachd agus dìolanas, tha Ìle a’ seasamh a-mach a-rithist ann an coimeas ri clèirean eile Earra-Ghàidheal. Cha robh mòran dhen dà chuid ann an Clèir Dhùn Omhain agus Latharna agus, ann an Clèir Inbhir Aora, chaidh aithris, ‘the evil of intemperance is distinctly on the decrease’.[890] Bha e air a ràdh ann an Clèir Mhuile nach robh mì-stuamachd, ‘on the increase in any of the parishes, and illegitimacy is low in all the parishes’, ach, gu h-inntinneach, an Eilean Chola far an robh dìolanas, ‘“considerable and on the increase”’.[891] Chùm ministearan Clèir Ìle a-mach gun robh crìonadh a’ tachairt anns an dà pheacadh mòr a bha seo ach bha iad fhathast nan adhbhar iomagain.

Le a bhith a’ cleachdadh an fhiosrachaidh seo cha bu chòir dhuinn gabhail ri ro-bheachdan agus ideòlas nam ministearan. Mar eisimpleir, tha fios againn a-nis san fharsaingeachd nach robh mì-stuamachd gu brìgheil ag adhbhrachadh fàs ann an dìolanas, ach gun robh bun-stèidh eaconamach gu sònraichte cudromach airson ìrean àrda de dhìolanas ann an sgìrean dùthchail na h-Alba san 19mh linn. Airson na mòr-chuid, bha a’ Ghàidhealtachd gu math eu-coltach ri roinnean dùthchail eile ann an Alba far an robh ìrean de dhìolanas na b’ àirde. Mar a mhìnich Smout:

> The areas with the highest bastardy rates were also areas with much year-round employment for girls around the farmhouse and the cowsheds. If a girl had an illegitimate child she could often hand it over to her own mother to look after in her cottage, and pay over part of her wage for its keep. [...] In the Highlands and Islands, however, a completely different economic context surrounded illegitimacy. Wage labour was rare: there were no options for the young except to help their parents on the crofts or boats in return for their keep, or to leave on seasonal migration for a job in the Lowlands to provide the extra money on which their parents depended to pay the rent, which in any case only lasted for a few

[883] Ibid.
[884] Ibid.
[885] Ibid.
[886] Ibid.
[887] Ibid.
[888] Brown, *Religion*, tdd. 5-6.
[889] Clàr 11.
[890] Ibid.
[891] Ibid.

> months every year. If an illegitimate child was born, it was the mother's parents who would have to find the wherewithal to feed and keep it: there was no way the mother could turn over anything extra to help her, for (unlike the Lowlands) she had no independent income. Since there was no local wage labour, the child could contribute nothing until it was old enough to become a migrant. Furthermore, in the second half of the nineteenth century, land was extrememly congested and society extremely close-knit – nowhere more so than in the Hebrides. On the one hand, if a boy made a girl pregnant it was much more difficult for him to escape the consequences of being found out and held responsible than it was for a footloose Lowland farm-worker who moved from farm to farm on yearly hirings; on the other, he could not go to the girl's father, offer to marry her and to set up separately as a crofter on a piece of land of his own. He had to wait for land to become vacant, and the average age of first marriage in the Highlands was higher than elsewhere in Scotland. Hence it was in everybody's interest to show, and to impose, restraint.[892]

Mar sin, ma bha ìrean de dhìolanas cho àrd ann an Ìle, agus nas àirde a-rithist ann an Eilean Chola, dè a b' adhbhar dha seo? Dh'fheumte rannsachadh a bharrachd airson seo a fhreagairt, ach bhithinn an dùil gum biodh dùmhlachd ann an Ìle a' tuiteam mar thoradh air crìonadh an t-sluaigh anns an 19mh linn agus 's cinnteach gum biodh ìrean dùmhlachd gu math ìseal an coimeas ri eileanan mu thuath. Leis gun robh barrachd thuathanasan mòra ann an Ìle, 's dòcha gun robh cothrom na bu mhotha aig Ìlich, fiù 's boireannaich Ìleach, air obair-thurastail san eilean. Ach aig an aon àm, bhiodh siubhal airson obair shealach ann an Glaschu agus bailtean na Galltachd na b' fhasa do dh'Ìlich, agus 's dòcha na b' fhasa do dh'fhir teicheadh bho smachd na coimhearsnachd. Ach dh'fheumte a bhith faiceallach gun na ceanglaichean eadar Ìle agus a' Ghalltachd aibhseachadh – a dh'aindeoin adhartas còmhdhala, bha an t-eilean fhathast air a mheas iomallach gu leòr. Agus chan eil seo ri ràdh nach robh laigse na h-eaglais mar phàirt dhen eadar-dhealachadh roinneil a tha seo.

Tha fianais Clèir Leòdhais agus Clèir an Eilein Sgitheanaich a' cur taic ris a' bheachd a tha againn air sgaradh eadar deas agus tuath a thaobh creideimh. Bha an coimisean ro mhothachail air fìor laigse na h-Eaglais Stèidhte an coimeas ris an Eaglais Shaoir sa cheàrnaidh seo, agus b' e seo an dragh a bu mhotha a bha orra mun Ghàidhealtachd fhèin, chan e gun robh creideamh fhèin a' crìonadh.[893] Ann an iar-thuath na roinn, chaidh an Eaglais Stèidhte a thrèigsinn leis an t-sluagh às dèidh Briseadh na h-Eaglais an 1843, ach bha seo mar phàirt de dh'fhàs agus tighinn gu inbheachd na clèireachd shoisgeulaich a bha sònraichte don Ghàidhealtachd.[894] Mar a bhiodh dùil, tha Leòdhas a' taisbeanadh cràbhachd aig ìre gu math àrd: 'amongst them there is now, as in time past, much devoutness and earnestness in the performance of their religious duties'.[895] Bha dragh air ministear no dhà gun robh mì-stuamachd agus dìolanas a' fàs, agus gun robh cion ùidh ann an seirbheisean a' tòiseachadh air nochdadh am measg na h-òigridh.[896] Ach, ann an dà-rìribh, tha an coimisean a' co-dhùnadh nach robh gin dhe sin cumanta agus, na àite, b' urrainnear coimhead air faire nam ministearean mar chomharra eile air neart cràbhachd an eilein.

San Eilean Sgitheanach, bha daoine glè aindeonach comanachadh ach b' ann a bha seo a' sealltainn cràbhachd seach mì-shuim: '"they are afraid to eat and drink damnation to themselves"'.[897] Thàinig am beachd bho mar a dh'àrdaich na soisgeulaich slatan-tomhais a' chomanachaidh tràth san 19mh linn, a' ciallachadh nach robh ach

[892] T. C. Smout, *A century of the Scottish people 1830-1950* (Lunainn: Collins, 1986), tdd. 171-2.
[893] Clàr 11.
[894] Ibid. Airson eachdraidh dhrùidhteach na soisgeulachd san iar-thuath, agus gu sònraichte ann an Leòdhas agus na Hearadh, faic mar eisimpleir: John MacLeod, *Banner in the West: a spiritual history of Lewis and Harris* (Dùn Èideann: Birlinn, 2010).
[895] Clàr 11.
[896] Ibid.
[897] Ibid.

mion-chuid, a bha cràbhaidh anns gach raon beatha, a' comanachadh fad 's a bha a' mhòr-chuid a' frithealadh na h-eaglais gu cunbhalach – 'there seems to be little or no religious indifference so far as the attendance on public worship is concerned' san eilean – agus a' leantainn gu dlùth ris an teagasg, ach dhen bheachd nach robh iad airidh air an t-Sàcramaid. Ann an Ìle, bha aindeoin ri lorg cuideachd am measg, thathas an dùil, luchd-frithealaidh na h-eaglais ach, '[t]his feeling does not, however prevail to the same extent as in some other districts of the Highlands' – agus bha iad sin san iar-thuath.[898] Cha robh an t-Eilean Sgitheanach fo bhuaidh na h-Eaglais Shaoir san aon dòigh a bha Leòdhas, leis gun do ghlèidh an Eaglais Stèidhte taic ann an ceann a deas an eilein. Cuideachd, bha e air innse, a dh'aindeoin na bha ann de chràbhachd fhollaiseach, '"large quantities of whisky are consumed in the course of the year"'. Bha seo a' crìonadh, a rèir coltais, ach tha a làthaireachd a' sealltainn contrarrachd agus iom-fhillteachd beatha is modhan nan daoine.[899]

5.2. Staitistig na Cràbhachd

Airson an eachdraidh-chreideimh shònraichte agus inntinneach aig Ìle a thuigsinn, tha againn ri a suidheachadh ann an sgrùdadh air Earra-Ghàidheal air fad. Tha Brown ag aithris, ann an Seanadh Ghlinn Eilge, Chataibh is Ghallaibh agus Rois, 'and to a lesser extent in Argyll and Moray, the position of the Established Church was overtaken by that of the Free Church. The Free Church's grip on the Highlands was remarkable [...]'.[900] Da rèir, bha **40-59%** de bhuill anns na h-eaglaisean clèireach gu lèir ceangailte ris an Eaglais Shaoir ann an Earra-Ghàidheal, coltach ri Seanadh Mhoireibh. Agus cha robh ach **30-39%** de dhaoine anns an Eaglais Stèidhte.[901] Ach le a bhith a' coimhead air fiosrachadh beachdail ann an aithisgean Eaglais na h-Alba agus a' toirt sùil nas gèire air an staitistig a thathas a' cleachdadh, feumaidh sinn a thoraidhean a cheasnachadh.

Cha robh gin dhe na cunntasan a thugadh seachad le ministearan Earra-Ghàidheal anns na h-aithisgean air cor creideimh nan daoine eadar 1896 agus 1898 a' comharrachadh gun robh an Eaglais Stèidhte lag an taca ris an Eaglais Shaoir, fiù 's anns a' chlèir as fhaide tuath, Obar Thairbh. Cha robhar a' bruidhinn mu àite na h-Eaglais fhèin ach corra thuras, ann an Ìle is Diùra a' dearbhadh, '[t]he majority of the population adhere to the Church of Scotland' agus, ann an Latharna, a' toirt fianais gun robh i 'strong numerically'.[902] Ann an ceann a tuath na Gàidhealtachd, ge-tà, b' ann a bha ministearan na h-Eaglais Mhòir a' strì ri eu-dòchas agus a' feuchainn ri gleansa a chur air an suidheachadh.[903] Cha robh ach fìor mhion-chuid ceangailte rithe anns na seanaidhean tuathach,[904] ged a bha an t-Eilean Sgitheanach sgaraichte.[905] Bha luchd a' choimisein cuideachd ag aithneachadh laigse ann an clèir Inbhir Nis agus Inbhir Narann ann an Seanadh Mhoireibh.[906] Bhon fhianais seo, tha a h-uile coltas ann nach robh neart na h-Eaglais Stèidhte ann an Earra-Ghàidheal na adhbhar iomagain

[898] Ibid.
[899] Ibid.
[900] Brown, *Religion*, td. 47.
[901] Ibid., tdd 48-9.
[902] *Reports* (1898), td. 866; td. 870.
[903] 'It can hardly be deemed surprising that in circumstances so difficult and depressing some of the ministers should yield to a spirit of despondency, and even occasionally, it is to be feared, to listless inactivity' (Ibid., td. 896). 'In recent years a great deal more has been done for the Church in the Highlands than was common at one time, with the result that in many respects there is a vast improvement on the state of matters which existed during the period between 1843 and 1874. Churches which were literally emptied by the Free Church Secession are in most cases attended by a fair number of intelligent and pious worshippers'. Ibid., td. 897.
[904] M.e.: Seanadh Chataibh is Ghallaibh, *Reports* (1897), td. 943, *Reports* (1896), tdd 777-778, 780; Seanadh Rois, Ibid., tdd 782, 787, *Reports* (1897), td. 954; Seanadh Ghlinn Eilge, Ibid., td. 946, *Reports* (1898), tdd 877, 881.
[905] *Reports* (1897), td. 949.
[906] *Reports* (1896), td. 834.

mar thoradh gum b' i a' phrìomh bhuidheann-chreideimh anns na clèirean fa leth no air sàilleibh 's nach robh beàrn mhòr eadar i agus an Eaglais Shaor. Eu-coltach ri Earra-Ghàidheal, bha an ceann a tuath na raon creideimh gu math eadar-dhealaichte, fo smachd am farpaiseach.

Airson coimeas a dhèanamh eadar daoine a bha ceangailte ris na h-eaglaisean clèireach, tha Brown an eisimeil air cunntasan na h-Eaglais Shaoir a chlàraich an dà chuid buill *agus* luchd-leantainn os cionn 18. Bha luchd-leantainn, no 'Gaelic adherents' mar a chante riutha, air an gabhail a-steach leis gun robh daoine air a' Ghàidhealtachd na b' aindeonaich comanachadh ann an coithionalan na h-Eaglais Shaoir. Tha seo a' dèanamh ciall airson a' bhuaidh àraid aig an Eaglais Shaoir a riochdachadh ann an àiteachan leithid nan Eilean an Iar, far an robh an àireamh a bha an sàs innte grunn tursan na bu mhotha na bha air comanachadh.[907] Ach, nan leanamaid an dòigh-mheasaidh seo ann an Ìle is Diùra bhiodh barrachd ceangailte ris an Eaglais Shaoir na an Eaglais Stèidhte, a' dol an aghaidh gach criomag fianais eile.

Ma choimheadar air buill a-mhàin ann an Clàr 12, eu-coltach ris na trì seanaidhean tuathach – Ros, Cataibh is Gallaibh, agus Glinn Eilge – bha làmh an uachdar aig an Eaglais Stèidhte ann an Earra-Ghàidheal, agus cuideachd Moireibh. Chan e fianais gu leòr a tha seo fhèin, ach a' smaointinn air mar a b' urrainn do luchd-leantainn a bhith a' cur ris an àireimh de luchd-ceangail air fad dh'fheumte aithneachadh gum biodh luchd-leantainn a bharrachd air buill anns an Eaglais Stèidhte cho math ris an Eaglais Shaoir, agus dhèanainn an argamaid gun robh an co-mheas (*ratio*) de bhuill gu luchd-leantainn aig an Eaglais Shaoir ann an Earra-Ghàidheal gu math na b' fhaisge na bha ann gu tuath. Cha deach cunntas a chumail air daoine nach biodh a' comanachadh san Eaglais Stèidhte ach 's urrainnear buaidh an dà eaglais a thomhas le a bhith a' cur measadh eile gu feum: an àireamh de sgoilearan Sàbaid. An sin, tha prìomh àite aig an Eaglais Stèidhte ann an Earra-Ghàidheal a-rithist, ged a tha a' bheàrn eadar i agus an Eaglais Shaor rud beag nas dlùithe – 48% agus 43% de sgoilearan Sàbaid anns na h-eaglaisean clèireach aig gach tè. Anns a h-uile seanadh eile, fiù 's Moireibh, tha an Eaglais Shaor nas cudromaiche nuair a thig e chun na h-àireimh de sgoilearan Sàbaid. Dh'fhaodadh gun robh aon eaglais na b' fheàrr air sgoiltean Sàbaid eagrachadh agus cha robh sin buileach a' tighinn a rèir na buaidh a bha aice uile gu lèir, ach ri taobh na fianais chàileachdail (*qualitative*), agus na h-uiread de bhuill a-mhàin, tha an fhianais seo a' cur ris a' cho-dhùnadh nach d' fhuair an Eaglais Shaor grèim cho mòr air Earra-Ghàidheal.

Fhuair Brown an dàta aige bho chunntasan-eaglais air an cruinneachadh ann an obair mhòr Robert Howie air staitistig nan eaglaisean Albannach aig ceann an 19mh linn. Ach dh'fheuch Howie ri dol na b' fhaide na na figearan sin, agus san tuairmse a b' fheàrr leis fhèin air buaidh nan eaglaisean ghabh e a-steach àireamh nan sgoilearan Sàbaid agus thug e àireamh de luchd-leantainn don Eaglais Stèidhte agus don Eaglais Chlèirich Aonaichte aig an aon ìre ris an Eaglais Shaoir anns gach àite Gàidhealach.[908] Bheireadh sin barrachd luchd-leantainn na bu chòir don Eaglais Stèidhte, mar eisimpleir, ann an cuid de shuidheachaidhean, ach bhite an dùil gum biodh sin air a chothromachadh leis an àireimh de bhuill agus sgoilearan Sàbaid. Tha a thoraidhean, ann an Clàr 13, gu math inntinneach. 'S ann a tha an Eaglais Shaor fhathast gun seise anns a' cheann a tuath, le eadar 70% agus 80% de dhaoine anns na h-eaglaisean clèireach ceangailte rithe. Anns an t-seanadh eile aig an iomall, Moireibh, bha cùisean na bu mheasgaichte ach 's i an Eaglais Shaor a ghlèidh a' mhòr-chuid. Ach ann an Earra-

[907] Dh'aithris Howie an Dr Rankin: 'in some Presbyteries only one in three, and in others (Skye and Uist) only one in nine of adult and church-goers being communicants', R. Howie, *The Churches and the Churchless in Scotland* (Glaschu: 1893), td. xii.
[908] Howie, *The Churches*, tdd xii-xiii.

Ghàidheal, le 54% de luchd-ceangail clèireach agus 40% den t-sluagh air fad, tha an Eaglais Stèidhte gu follaiseach nas cudromaiche agus le còrr is deich sa cheud a bharrachd de dhaoine ceangailte rithe san t-sluagh gu lèir agus de dhaoine anns na h-eaglaisean clèireach.

’S e a tha seo uile ag innse dhuinn, gum bu chòir dhuinn smaoineachadh às ùr air creideamh agus an comann-sòisealta ann an Earra-Ghàidheal. Cha robh an cultar-creideimh gu tuath a’ freagairt ris an roinn seo dhen dùthaich ged a thathas fhathast a’ bruidhinn mu cheàrnaidh a bha airson na cuid a bu mhotha Gàidhealach. Nam b’ i an Eaglais Shaor prìomh riochdaire soisgeulachd agus cràbhachd nan Gàidheal, cò ris a bha an creideamh sluaghail aig muinntir na roinne seo coltach, agus ciamar a chuir a leithid cruth air cultar saoghalta nan daoine?

Clàr 12: Co-rèir de bhuill agus sgoilearan-Sàbaid anns na h-eaglaisean clèireach air a' Ghàidhealtachd, 1891

Seanadh	(1) Buill a-mhàin:						(2) Sgoilearan-Sàbaid:					
	Eaglais Stèidhichte		Eaglais Shaor		Eaglais Chlèireach Aonaichte		Eaglais Stèidhichte		Eaglais Shaor		Eaglais Chlèireach Aonaichte	
	% den t-sluagh	*% de dh'eaglaisean clèireach*	*% den t-sluagh*	*% de dh'eaglaisean clèireach*	*% den t-sluagh*	*% de dh'eaglaisean clèireach*	*% den t-sluagh*	*% de dh'eaglaisean clèireach*	*% den t-sluagh*	*% de dh'eaglaisean clèireach*	*% den t-sluagh*	*% de dh'eaglaisean clèireach*
Earra-Ghàidheal	11.6%	55.0%	7.6%	35.7%	2%	9.3%	7.1%	48.2%	6.3%	42.8%	1.3%	9%
Moireibh	12.5%	54.1%	8.9%	38.6%	1.7%	7.3%	6.6%	38%	9.2%	53%	1.6%	9%
Ros	3%	26.9%	7.6%	68.2%	0.6%	5.0%	3.2%	23.5%	10.2%	74.1%	3%	2.4%
Cataibh is Gallaibh	2.1%	23.0%	6.7%	73.7%	0.3%	3.3%	2.6%	21.8%	9.2%	75.8%	3%	2.5%
Glinn Eilge	1.4%	19.7%	5.5%	79.0%	0.09%	1.3%	2.1%	18.3%	9.3%	80.1%	2%	1.6%

Tùs: dàta bho R. Howie, *The Churches and the Churchless in Scotland* (Glaschu: 1893), td. 47.

Clàr 13: Daoine ceangailte ris na h-eaglaisean clèireach air a' Ghàidhealtachd a rèir tuairmse Howie, 1891

Seanadh	Eaglais Stèidhte		Eaglais Shaor		Eaglais Chlèireach Aonaichte	
	% den t-sluagh	*% de dh'eaglaisean clèireach*	*% den t-sluagh*	*% de dh'eaglaisean clèireach*	*% den t-sluagh*	*% de dh'eaglaisean clèireach*
Earra-Ghàidheal	40.3%	54%	28.5%	38.2%	5.8%	7.8%
Moireibh	31.6%	44%	34.1%	47.4%	6.1%	8.5%
Ros	20.1%	25.9%	54.2%	69.9%	3.2%	4.2%
Cataibh is Gallaibh	14.7%	22.5%	49%	75%	1.7%	2.5%
Glinn Eilge	13.4%	20%	52.8%	78.6%	1%	1.4%

Tùs: dàta bho R. Howie, *The Churches and the Churchless in Scotland* (Glaschu: 1893), td. 47. NB: Tha prìomh thuairmse Howie a-mach air clàr IV, 'obtained by adding double the number of Sabbath Scholars (including Senior Classes) to the Members and Gaelic Adherents above 18 years of age in the cases of the Established, Free, and United Presbyterian Churches. Gaelic Adherents above 18 years of age are in the five Highland Synods credited to the Established and United Presbyterian Churches in the same proportion to Members as is reported in the case of the Free Church.' (Ibid).

5.2.1 Pròstanachd Earra-Ghàidheal

San earrainn mu dheireadh, choimhead sinn air diofar dhòighean gus an uiread de dhaoine a bha ceangailte ris na prìomh eaglaisean a thomhas. An seo, bidh sinn a' cuimseachadh air cùisean *taobh a-staigh* Earra-Ghàidheal aig deireadh an 19mh linn. Ann an Clàr 14, gheibhear coimeas eadar an àireamh de bhuill aig prìomh eaglaisean an t-seanaidh. 'S e an diofar eadar an Eaglais Stèidhte agus an Eaglais Shaor as motha sa bheil ùidh againn.

Anns a h-uile clèir, bha barrachd bhall aig an Eaglais Stèidhte ann an 1881 agus 1901. Mar cheudad dhen t-sluagh, tha Cinn Tìre agus Dùn Omhain a' seasamh a-mach mar na h-àiteachan san robh an Eaglais Shaor na bu treise. Ann an 1901, mar eisimpleir, bha mu 11% de dhaoine anns na clèirean sin nam buill. Ach, 's ann annta sin a gheibhear na ceudadan as àirde aig an Eaglais Stèidhte – le 15% agus 16% – agus a thuilleadh air sin, tha cuid bheag ach brìoghmor ann de mhuinntir na h-Eaglais Chlèirich Aonaichte aig nach robh làthaireachd shusbainteach sa chòrr den t-seanadh. 'S e an Eaglais Shaor as laige no gu bhith as laige ann an Ìle is Diùra, le 3.3% agus 4.3%, anns an dà bhliadhna. Tha seo coltach ri Muile, Obar Thairbh agus Latharna.

Tha ballrachd gach buidheann-eaglais an coimeas ri chèile air a shealltainn nas fheàrr ann an Clàr 15. An sin, chìthear gum b' e an Eaglais Stèidhte as treise ann am Muile, agus Ìle is Diùra. B' e a' bhallrachd den Eaglais Shaoir as àirde sa choimeas sin ann an Inbhir Aora, air a leantainn le Dùn Omhain, Obar Thairbh, agus Cinn Tìre.

Tha cho ìseal 's a tha a ballrachd san fharsaingeachd ann an Ìle is Diùra annasach. A' cur nan eaglaisean còmhla, ann an Clàr 14, cha robh clèir sam bith eile le ceudad cho beag 's a bha aice anns an dà bhliadhna ach Obar Thairbh gu tuath. Ach nach bu chòir dhuinn a bhith amharasach mu Obar Thairbh, agus i cho fada tuath anns an t-seanadh? Ma bha an roinn-chreideimh gu tuath a' toirt buaidh air Earra-Ghàidheal, bhiomaid an dùil gum biodh an Eaglais Shaor cuimseach làidir ann an Obar Thairbh, ach chan fhaiceamaid sin 's dòcha ann an àireamhan de bhallrachd.

Ma ghabhas sinn luchd-leantainn na h-Eaglais Shaoir a-steach don ghnothaich, a' nochdadh ann an Clàr 16, tha sin ag atharrachadh an t-suidheachaidh rud beag. A-nis, tha Ìle is Diùra a-rithist gu follaiseach fhèin lag airson na h-eaglais shoisgeulaich, a' chlèir as gainne luchd-taic san t-seanadh ann an 1881 agus 1901. Ach tha Obar Thairbh aig a' cheann eile, le 31% den t-sluagh ceangailte rithe an taca ri 14% ann an Ìle is Diùra, ann an 1901. Thèid againn air seo a mhìneachadh leis gum biodh na bu lugha de dhaoine a' comanachadh san eaglais ann an Obar Thairbh – comharra den traidisean shoisgeulach Ghàidhealach. Ann Clàr 17, bha dìreach 15% den luchd-cheangail chlàraichte nam buill ann an Obar Thairbh an 1901, faisg air a' cheudad aig Leòdhas; 16%. Air an làimh eile, bha aon anns gach triùir den luchd-cheangail nam buill ann an Ìle is Diùra san aon bhliadhna. 'S e mion-chuid de bhuill a bha sin fhathast, ach aig ìre faisg air Muile is Inbhir Aora. A-rithist, tha Cinn Tìre agus Dùn Omhain a' briseadh a' phàtrain agus a' mhòr-chuid de luchd-ceangail nam buill an sin.

Ciamar a tha an àireamh de sgoilearan Sàbaid agus an tuairmse aig Howie ag atharrachadh na deilbh? Gu h-inntinneach, bha an uiread de sgoilearan Sàbaid san t-sluagh gu lèir an Ìle is Diùra glè àrd, mar a chìthear ann an Clàr 18, a tha a-mach air toraidhean 1891. Bha 19% de mhuinntir na clèir nan sgoilearan Sàbaid, agus cha robh clèir le cuibhreann na bu mhotha ach Cinn Tìre. Bha Muile, a bha mar as trice gu math coltach ri Ìle is Diùra, a'

sealltainn a' chuibhrinn a bu lugha de sgoilearan Sàbaid san t-seanadh, le 9% den t-sluagh. Cuideachd, bha an uiread aig an dà phrìomh eaglais car faisg air a' chèile an Ìle is Diùra, le 9.7% aig an Eaglais Stèidhte agus 9.1% aig an Eaglais Shaoir. Bha sin fìor cuideachd ann an clèirean eile, agus saoilidh mise gu bheil seo a' comharrachadh cho èifeachdach 's a bha an Eaglais Shaor a bhith a' frithealadh air òigridh.

Mar a chunnaic sinn, tha an tuairmse aig Howie a' gabhail a-steach na h-àireimh de sgoilearan Sàbaid agus a' toirt luchd-leantainn do na prìomh eaglaisean clèireach aig an aon ìre 's a tha aig an Eaglais Shaoir. Tha sin, mas fhìor, a' tabhann dhuinn beachd nas fheàrr air a' bhuaidh a bha aig gach eaglais. An seo, tha an tuairmse a' daingneachadh gun robh an Eaglais Stèidhte a' coimhead gu sònraichte neartmhor ann am Muile, agus an uair sin Ìle is Diùra. Ach bha barrachd co-fharpais ann dhi ann an clèirean eile. Mar eisimpleir, ann an Obar Thairbh bha làthaireachd bhrìoghmhor de Chaitligich agus 'Pròstanaich eile', easbaigich thathas an dùil. A rèir an tuairmse, chan eil an Eaglais Shaor a' nochdadh mòran nas cudromaiche sa chlèir sin. Ach, bhon a thuirteadh roimhe mun cho-mheas eadar buill agus luchd-leantainn, 's dòcha nach eil an tuairmse a' riochdachadh meud na taic a bha aig an Eaglais Shaoir ann an Obar Thairbh.[909]

Tha an eisimpleir sin, ge-tà, a' togail iom-fhillteachd nan diofaran roinneil. Ged a thathas an dùil ri claonadh far a bheil soisgeulachd nas treise gu tuath agus a' lagachadh uidh air n-uidh gu deas, tha againn ri seo a dheasbad cuideachd. Bha Caitligich, agus tha e coltach, Easbaigich, na bu bhitheanta ann an Obar Thairbh na clèir sam bith eile ann an Earra-Ghàidheal – ag obrachadh an aghaidh buaidh na clèireachd shoisgeulaich. Agus ann an ceann a deas seanadh Earra-Ghàidheal, sgaraichte bho Ìle is Diùra le Cinn Tìre, tha Arainn, far an robh an suidheachadh eadar-dhealaichte a-rithist. An sin, bha cha mhòr 40% de na daoine nam buill no luchd-leantainn dhen Eaglais Shaoir san t-sluagh gu lèir ann an 1891 – faisg air an aon uiread ri Leòdhas le 45%. Bha cuideachd barrachd bhall a-mhàin aig an eaglais na bha aig an Eaglais Stèidhte (765 an taca ri 463 duine), mar sin 's urrainnear a bhith an ìre mhath cinnteach gun robh an Eaglais Shaor fada na bu mhotha 's na bu bhuadhaich san eilean dheasach sin.[910]

Gus ruigheachd nan eaglaisean uile gu lèir, tha Howie a' toirt seachad tomhas air an uiread de dhaoine ceangailte ri buidhnean-eaglais, agus gun cheangal idir, mar a chìthear ann an Clàr 18. Bha, a rèir coltais, 18% den t-sluagh ann an Ìle is Diùra nach robh nam buill, nan luchd-leantainn no sgoilearan Sàbaid de dh'eaglais sam bith. Ciamar a mhìnichear an toradh seo, ge-tà? B' urrainnear a ràdh gu bheil an ceudad nas àirde na grunn chlèirean eile an Earra-Ghàidheal, ach airson Dùn Omhain agus Latharna. Chan eil e idir cho àrd ri clèir Ghlaschu, le 33% de dhaoine gun cheangal, a bhiodh a' tighinn a rèir a' bharail àbhaistich, dheasbadail mu chreideamh sa bhaile mhòr, ach tha a h-uile clèir thuathach ann an Glinn Eilge nas àirde cuideachd.[911] 'S e an fhìrinn gu bheil an seòrsa staitistig a thathas air cleachdadh gu ruige seo feumail, ma bhios sinn cùramach, amharasach, airson pàtranan mòra aithneachadh mu dè cho cudromach 's a bha aon bhuidheann-eaglais seach tèile. 'S ann a bhite ga putadh ro fhada, ge-tà smaointinn gum b' urrainnear cràbhachd a leughadh far nan toraidhean sin. Tha e dhà-rìribh teagmhach gu bheil an àireamh de sgoilearan Sàbaid a' riochdachadh dealas pearsanta creideimh, ach b' urrainnear argamaid gu bheil e na fianais air buaidh eaglais agus dè cho èifeachdach

[909] Ged nach eil an diofar mòr idir, 's fhiach e mothachadh gur i Obar Thairbh an aon chlèir an Earra-Ghàidheal far an robh barrachd sgoilearan Sàbaid aig an Eaglais Shaoir. Airson suidheachadh na clèir a thugisinn, dh'fheumte mion-sgrùdadh ionadail a chleachdadh barrachd fiosrachaidh chàileachdail agus, can, cunntasan pòsaidh is baistidh.
[910] R. Howie, *Churches*, td. 18; td. 34.
[911] Ibid., td. 45; td. 47.

’s a bha i air òigridh a ruigsinn. Chan eil an àireamh de bhuill fhèin, ge-tà, gu cinnteach a’ dearbhadh na bha ann de dhaoine le creideamh mòr. ’S fheudar dhuinn tionndadh gu beachdan nan daoine fhèin.

5.2.2. Geàrr-chunntas na staitistig

’S e an t-amas anns an dà earrainn roimhe a bhith a’ beachdachadh air suidheachadh nan eaglaisean ann an Ìle, ann an co-theacs Earra-Ghàidheal agus na Gàidhealtachd aig ceann an 19mh linn. Gu h-ìre mhòr, choimhead sinn air an diofar eadar neart na h-Eaglais Stèidhte agus na h-Eaglais Shaoir. Cha ghabh coimeas dìreach dèanamh eadar an dà eaglais seach ’s gun robh iad a’ cleachdadh diofar dhòighean air luchd-ceangail a thomhas, agus tha seo gu sònraichte toinnte air a’ Ghàidhealtachd. Mar sin, chleachd sinn measgachadh de dh’fhiosrachadh air buill a-mhàin, sgoilearan Sàbaid, tuairmse a rinn aon neach-staitistig eaglais, ri taobh fianais bho shuirbhidh a rinneadh leis an Eaglais Stèidhte.

Eu-coltach ri co-dhùnaidhean a nochdas anns an litreachas, thathas air argamaid gun robh mòr-chuid aig an Eaglais Stèidhte ann an Earra-Ghàidheal anns an àm-rannsachaidh, agus san t-seagh seo, nach robh Ìle is Diùra mì-àbhaisteach. Bhiodh an ìre de thaic aig gach eaglais ag atharrachadh, ach thathas an ìre mhath cinnteach gu bheil toraidhean deireadh an 19mh linn a’ riochdachadh an t-suidheachaidh san fharsaingeachd bho dhealaich na h-eaglaisean an 1843. Ged a bha an Eaglais Shaor na bu bhuadhaich ann an Earra-Ghàidheal na bha an Eaglais Stèidhte anns na seanaidhean tuathach – agus ’s fhiach e cuideam a chur air sin – bha ceannas an Eaglais Mhòir ann an Earra-Ghàidheal a’ fàgail gun robh raon creideimh àraid ann. Bha an soisgeulachd a chomharraich a’ Ghàidhealtachd a tuath fada na bu laige agus tha sin a’ togail grunn cheistean mu ciamar a thug a leithid buaidh air a’ chomann-shòisealta.

Ann an Earra-Ghàidheal fhèin, sheas Ìle is Diùra a-mach airson a bhith glè thaiceil ris an Eaglais Stèidhte, an taca ri eaglaisean agus clèirean eile. Ach bha na h-ìrean de bhallrachd uabhasach ìseal, agus ma chuirear seo ri taobh fianais nach biodh daoine a’ frithealadh na h-eaglais cho bitheanta sin aig deireadh an 19mh linn, dh’fheumte faighneachd gu dè buileach a bha neart na h-Eaglais Stèidhte no creideamh oifigeil fhèin a’ ciallachadh. Bha a nàbaidh, Muile, gu math coltach anns gach dòigh ach cha robh nuair a thàinig e chun na h-àireimh de sgoilearan Sàbaid. An sin, bha ceudad beag den t-sluagh am Muile nan sgoilearan Sàbaid, ach ann an Ìle bha an ceudad gu sònraichte mòr – mar gum b’ eadh iad a’ seasamh an àite nan inbheach airson pàirt a ghabhail ann an creideamh oifigeil.

B’ urrainnear bruidhinn air speactram tuath-deas air a’ Ghàidhealtachd. Tha seo ri fhaicinn anns na bha ann de thaic ri clèireachd shoisgeulach, an Eaglais Shaor agus a h-iar-theachdaichean, ann an seanaidhean ceann a tuath na Gàidhealtachd ach gun robh a buaidh a’ seargadh às ann an seanaidhean gu deas agus air an iomall – Earra-Ghàidheal agus Moireibh. Taobh a-staigh Earra-Ghàidheal, ge-tà, chan eil e cho sìmplidh a’ chùis a lùghdachadh gu pàtran tuath-deas. Bha feartan soilleir na clèireachd shòisgeulaich aig an Eaglais Shaoir anns a’ chlèir as fhaide tuath, Obar Thairbh, agus tha coltas ann gun robh i làidir an sin. Ach bha i na bu treise buileach ann an Arainn, ann an ceann a deas an t-seanaidh, agus bha làthaireachd shusbainteach aice ann an Inbhir Aora agus clèirean deasach eile.[912] ’S e a tha seo ag innse dhuinn gun robh grunn adhbharan ann airson neart gach buidhne-eaglais, agus gu bheil an dìleab eachdraidheil agus farpais eadar na h-eaglaisean diofaraichte anns gach

[912] ’S e comharra a tha seo de shruth soisgeulach eile, a thàinig bhon ear-dheas seach bhon cheann a tuath.

clèir. A bharrachd air na Baistich agus àireamhan beaga de dh'Easbaigich, ann an dà-rìribh bha na bu lugha de dh'fharpais aig an dà phrìomh eaglais ann an Ìle is Diùra na bha ann an clèirean eile.

Clàr 14: Buill a-mhàin ann am prìomh eaglaisean Earra-Ghàidheal agus an ceudad dhen t-sluagh, 1879/1881 agus 1901.

Clèirean	Àireamh-sluaigh		Buill (a-mhàin)															
			An Eaglais Stèidhichte				An Eaglais Shaor				An Eaglais Chlèireach Aonaichte				Eaglaisean còmhla			
	1881	**1901**	**1879**	**%**	**1901**	**%**	**1881**	**%**	**1901**	**%**	**1881**	**%**	**1901**	**%**	**1881**	%	**1901**	%
Dùn Omhain	23703	26683	3182	13.4	4013	15	2457	10.4	2792	10.5	744	3.1	827	3.1	6383	26.9	7632	28.6
Ìle agus Diùra	8763	7764	655	7.5	677	8.7	293	3.3	331	4.3					948	10.8	1008	13
Inbhir Aora	12500	11114	1053	8.4	1181	10.6	614	4.9	811	7.3	46	0.4			1713	13.7	1992	17.9
Cinn Tìre	18961	18840	2418	12.8	3087	16.4	1655	8.7	2151	11.4	952	5	793	4.2	5025	26.5	6031	32
Latharna	14522	15789	1178	8.1	1702	10.8	614	4.2	707	4.5	129	0.9	224	1.4	1921	13.2	2633	16.7
Muile	13933	11700	1354	9.7	1314	11.2	484	3.5	465	4					1838	13.2	1779	15.2
Obar Thairbh	7536	8175	405	5.4	638	7.8	261	3.5	378	4.6					666	8.8	1016	12.4
Seanadh Earra-Ghàidheal	**99918**	**100065**	**10245**	**10.3**	**12612**	**12.6**	**6378**	**6.4**	**7635**	**7.6**	**1871**	**1.9**	**1844**	**1.8**	**18494**	**18.5**	**22091**	**22.1**

Tùs: Atharraichte bho 'Table showing the Progress of the Population, and of the Congregations and Membership of the Free and United Presbyterian Churches from 1881 to 1901' (*Reports to the General Assembly*, United Free Church of Scotland, 1902: Caibideil 11-A, tdd. 8-9).

Clàr 15: Buill a-mhàin mar cheudad de na h-eaglaisean clèireach ann an Earra-Ghàidheal, 1901

	An Eaglais Stèidhte	**An Eaglais Shaor**	**An Eaglais Chlèireach Aonaichte**
Dùn Omhain	53%	37%	11%
Ìle agus Diùra	67%	33%	-
Inbhir Aora	59%	41%	-
Cinn Tìre	51%	36%	13%
Latharna	65%	27%	9%
Muile	74%	26%	-
Obar Thairbh	63%	37%	-
Seanadh Earra-Ghàidheal	**57%**	**35%**	**8%**

Tùs: Dàta bho 'Table showing the Progress of the Population, and of the Congregations and Membership of the Free and United Presbyterian Churches from 1881 to 1901' (*Reports to the General Assembly*, United Free Church of Scotland, 1902: Caibideil 11-A, tdd. 8-9).

Clàr 16: Ceangal ris an Eaglais Shaoir ann an clèirean Earra-Ghàidheal, Leòdhais is an Eilein Sgitheanaich, ann an 1881 agus 1901: ceudad de bhuill agus luchd-leantainn *den t-sluagh gu lèir*

	1881		1891	1901 (bho Aithisg 1899-1900)	
Clèirean Earra-Ghàidheal	Buill 7 Luchd-leantainn	Buill a-mhàin	Buill 7 Luchd-leantainn	Buill 7 Luchd-leantainn	Buill a-mhàin - *diofar*
Ìle is Diùra	9.3%	3.3%	13%	14.2%	4.3%
Muile	10.2%	3.5%	14%	15.4%	4%
Dùn Omhain	13.8%	10.4%	14.7%	[Gun luchd-leantainn]	10.5%
Inbhir Aora	16.5%	4.9%	18.4%	22.8%	7.3%
Cinn Tìre	17.1%	8.7%	22%	[Gun luchd-leantainn]	11.4%
Obar Thairbh	26.3%	3.5%	28.9%	30.7%	4.6%
Leòdhas	32.5%	6.2%	44.7%	44.8%	7.3%
An t-Eilean Sgitheanach	[-]	2.9%	26.6%	20.5%	3.7%

Tùs: *Free Church of Scotland Proceedings & Reports* 1881, 1900; *Reports of the General Assembly*, United Free Church of Scotland, 1902, Caibideil 11-A, tdd. 8-9. Airson an dàta air fad, faic Clàr 4.7.

Clàr 17: Dàta air cùl Clàir 16: ceangal ris an Eaglais Shaoir ann an clèirean Earra-Ghàidheal, Leòdhais agus an Eilein Sgitheanaich, ann an 1881 agus 1901

	1880-1881				1899-1900			
Clèirean Earra-Ghàidheal	Sluagh air fad *anns a' chlèir* ann an 1881	Buill a-mhàin	Buill 7 Luchd-leantainn[a]	% Buill de Luchd-leantainn	Sluagh air fad *anns a' chlèir* ann an 1901	Buill a-mhàin	Buill 7 Luchd-leantainn[b]	% Buill de Luchd-leantainn
Ìle is Diùra	8,763	293	815[†]	36%	7,764	331	1,105	30%
Muile	13,933	484	1,426	34%	11,700	465	1,804	26%
Dùn Omhain	23,703	2,457	3,264	75.3%	26,683	2,792*	3,769	74%
Inbhir Aora	12,500	614	2,060	30%	11,114	811	2,529	32%
Cinn Tìre	18,961	1,655	3,240	51%	18,840	2,151*	2,633	82%
Latharna	14,522	614	-		15,789	707	-	
Obar Thairbh	7,536	261	1,985	13%	8,175	378	2,512	15%
Leòdhas	25,487	1,574	8,531	19%	28,949	2,122	12,970	16%
An t-Eilean Sgitheanach	18,347	526	-		15,171	564	3,103	18%

Tùs: *Free Church of Scotland Proceedings & Reports* 1881, 1900; *Reports of the General Assembly*, United Free Church of Scotland, 1902, Caibideil 11-A, tdd. 8-9. NB: a) bho *Free Church Proceedings* 1880-1881; b) bho *Free Church Proceedings* 1899-1900. [†]Cha robh àireamhan Diùra air an clàradh. A rèir nam figearan aig R. Howie, *Churches and the Churchless* (1898), ann an 1891 bha 352 buill a-mhàin ann an Ìle is Diùra, no 33% de na 1,074 buill is luchd-leantainn uile gu lèir. *Cha robh cuid de choithionalan ann an Dùn Omhain agus Cinn Tìre a' cunntadh luchd-leantainn an 1891.

Clàr 18: Sgoilearan-Sàbaid agus tuairmse Howie air daoine ceangailte ris gach buidheann-eaglais mar cheudad den t-sluagh, 1891.

Clèirean	**Sluagh an 1891**	**a) Sgoilearan Sàbaid mar cheudad den t-sluagh**				**b) Tuairmse Howie: daoine ceangailte ris gach buidheann-eaglais mar cheudad den t-sluagh**						
		Eaglais Stèidhte	Eaglais Shaor	Eaglais Chlèireach Aonaichte	Eaglaisean clèireach còmhla	Eaglais Stèidhte	Eaglais Shaor	Eaglais Chlèireach Aonaichte	Eaglaisean Pròstanach eile	Caitligeach	Buidhnean-eaglais còmhla	Gun cheangal ri buidheann-eaglais
Dùn Omhain	24,755	6.7%	6.3%	1.9%	14.9%	32.4%	27.3%	8.3%	4%	6.4%	78.4%	21.6%
Ìle is Diùra	8,366	9.7%	9.1%		18.8%	46.5%	30.9%		4.4%		81.8%	18.2%
Inbhir Aora	11,290	7.6%	7.5%	1%	16.1%	46%	35.7%	3.5%	6.8%	9%	92.9%	7.1%
Cinn Tìre	19,690	8.9%	7.5%	3%	19.4%	42.6%	31.8%	13.8%	3%	5.4%	96.6%	3.4%
Latharna	15,081	5.8%	5.2%	9%	11.9%	33.7%	23.4%	4.1%	8.2%	4.4%	73.8%	26.2%
Muile	12,506	5.4%	3.3%		8.7%	51.6%	22.4%		5.2%	6.7%	85.9%	14.1%
Obar Thairbh	7,839	5.4%	5.5%		10.9%	39.1%	30.9%		11.8%	11.7%	93.5%	6.5%
Seanadh Earra-Ghàidheal	**99,547**	**7.1%**	**6.3%**	**1.3%**	**14.7%**	**40.3%**	**28.5%**	**5.8%**	**5.6%**	**5.2%**	**85.4%**	**14.6%**

Tùs: dàta bho R. Howie, *The Churches and the Churchless in Scotland* (Glaschu: 1893), td. 45.

5.3. Na h-eaglaisean agus mith-chreideamh ann an Ìle

Ged a bha an fharpais eadar na h-eaglaisean na bu mhotha a thaobh àireamhan ann an clèirean eile, às dèidh sin bha fhathast còig buidhnean-eaglais a' feuchainn ri daoine a thàladh ann an Ìle mu thoiseach an 20mh linn, b' iad sin: an Eaglais Stèidhte, na Baistich, na h-Easbaigich, agus às dèidh an aonaidh ann an 1900, bha an dà chuid an Eaglais Shaor Aonaichte, agus an Eaglais Shaor (Leantainneach).

5.3.1. An traidisean soisgeulach

Às dèidh an Dealachaidh ann an 1843, bha àite beag ach buadhach aig an Eaglais Shaoir ann an Ìle. Mar a chunnaic sinn, bhiodh cuibhreann susbainteach de mhuinntir an eilein ga frithealadh, agus ann a bhith a' ruith sgoiltean-Sàbaid, fhuair i faisg air an aon uiread de sgoilearan ris an Eaglais Stèidhte ged a bha i fhèin na bu lugha. Bhiodh a làthaireachd a' sgaoileadh bheachdan agus a' daingneachadh nòsan am measg an t-sluaigh gu lèir, 's dòcha a' toirt air an Eaglais Stèidhte barrachd spionnaidh a chur na h-obair fhèin airson daoine a ghleidheadh.

Cha robh an Eaglais Shaor sgaoilte gu cothromach air feadh an eilein. Chaidh Port na h-Abhainne gu tur an aghaidh an t-sruth, agus ghabh muinntir an àite a rèir coltais gu dealasach ri clèireachd shoisgeulach. An sin, bha mu thrian de mhuinntir na sgìre Phàrlamaidich ceangailte ris an eaglais mar bhuill no luchd-leantainn ann an 1891, ag èirigh gu 36% ann an 1901, mar a tha a' nochdadh ann an Clàr 19. Dh'fhàg an neart a bha seo gun robh an eaglais ann am Port na h-Abhainne na bu dhìlse do bhunaitean glèidhteach na clèireachd shoisgeulaich na co-thionalan eile. Mar sin, nuair a thàinig an t-aonadh mòr ann an 1900, chùm muinntir Phort na h-Abhainne ris an Eaglais Shaoir, a' briseadh bhon mhòr-chuid den t-seann Eaglais Shaoir ann an Ìle agus Earra-Ghàidheal, a chruthaich an Eaglais Shaor Aonaichte.

A' sgrìobhadh na leabhar-là, 11 Gearran 1918, seo na bha aig an Urr. Coinneach A. MacRàth ri innse mu na daoine anns a' Chladach, ri taobh baile Phort na h-Abhainne fhèin:

> In the afternoon with old Calum Taylor I went visiting round the Cladich district. I must confess that I am taken up with the Cladich people. They appear to be an intelligent class and possessed of a greater love for the truth than I would have supposed could be found in any part of Islay. One man, Ferguson to name, who has been confined to bed for two years, began to talk about MacRath Mor[913], and it would appear that his name is still familiar in the district. He also told me that Mr Campbell[914], minister of Portnahaven before the Disruption, used to have Dr MacDonald, Ferintosh, every year for his communion. I cannot find this love of the old ecclesiastical tradition at all in Lochgilphead so I am more than surprised to find it in Islay. My conception of this quarter is completely changing.[915]

Tha a' chriomag bheag seo mar uinneag air cultar a tha a-nis gu h-ìre mhòr air dìochuimhne. Dh'aithnich MacRàth nach robh meas mòr aig na h-Ìlich air an fhìrinn mar a bha esan ga tuigsinn is e na mhinistear anns an Eaglais Shaoir (Leantainnich) ann an Steòrnabhagh. Ach, a dh'aindeoin a h-uile cnap-starra, tha e a' dearbhadh gun do shìn traidisean na soisgeulachd Ghàidhealaich chun na ceàrnaidh seo. Bha bannan eadar muinntir Phort

[913] Bonn-nòta an leabhair aig Iain H. Murray a leanas: 'The Rev. John MacRae, 1794-1876, affectionately known in Gaelic as MacRath Mór (Big MacRae) who ministered in Lewis, in Knockbain (on the Black Isle), in Greenock and in Lewis again'.
[914] B' e Alasdair Caimbeul a bha seo, à Meaghrath ann an Cataibh, a bha na mhinistear eadar 1829 agus 1834. A dh'aindeoin a chuid cràbhachd, fhuair e a bhròg airson 'fornication, fraud and wilful imposition'. Huw Scott, deas., *Fasti Ecclesiae Scoticanae*, Leabhar IV (Dùn Èideann: Oliver and Boyd, 1923), td. 79.
[915] Iain H. Murray, deas., *Diary of Kenneth A. MacRae: A record of fifty years in the Christian Ministry* (Dùn Èideann: Banner of Truth Trust, 1980), td. 128.

na h-Abhainne agus an co-chreidmhich ann an Leòdhas, is iad a' toirt an aon urram do mhinistear ainmeil an Dealachaidh, MacRath Mòr. Chan eil fhios an do thadhail esan air an sgìre, ach cha bhiodh e na iongnadh leis gun robh Dòmhnallach na Tòiseachd fhèin na chuairtear bitheanta.

Saoilidh mi gun robh corra rud a dh'fhaodadh eadar-dhealachadh sgìre Phort na h-Abhainne – a bha a' gabhail a-steach Bhun Othan, An Cladach agus ceann a deas na Ranna – a mhìneachadh. A rèir na h-às-earrainn, bha fìor ullachadh spioradail aig na daoine ron Dealachadh. Bhiodh seo air a dhaingneachadh le caochladh oidhirp eile gus daoine iompachadh gu Pròstanachd shoisgeulach anns an Roinn Ìlich gu lèir, leithid nan Neo-eisimileach ann am Port Sgioba, buaidh Alasdair Chamshroin ann an Cill Chomain, gun luaidh air 'sgoilean Chrìosd'. Nuair a thàinig am briseadh sna h-eaglaisean, b' e cinnte nan èildearan agus grunn daoine san sgìre a chruthaich co-thional ùr don Eaglais Shaoir, thoradh chaill am ministear fhèin am Port na h-Abhainne, Cailean Hunter, a mhisneachd agus dh'fhuirich e san Eaglais Stèidhte.[916]

Bha sluagh ceann a deas na Ranna reusanta aon-seòrsach, is iad a' faotainn beòshlaint tro iasgach is croitearachd, gun mheasgachadh mòr de chlasaichean. Gu dearbh, 's e seo an eisimpleir as fhaisge a bha ann an Ìle de choimhearsnachd croitearachd – gu sònraichte baile a' Chladaich – mar a tha i air a riochdachadh san litreachas. Bha daoine bochd ach bha dlùthachd eatarra, mar a leughar ann am fianais Coimisein Napier. An sin, chaidh an gearanan agus iarrtasan a chur an cèill, gu brìgheil, le ministear na h-Eaglais Shaoir, Iain Deòrsa MacNèill[917] a bha às an eilean.[918] Tha an ceangal làidir eadar an Eaglais Shaor agus an tuath ro fhollaiseach anns na h-earrannan sin.[919] 'S e labhraiche a bha ann am MacNèill ach tha e doirbh a chreidsinn nach robh e gu h-ìre air dreuchd a' cheannaird a ghabhail air fhèin, ag iomairt às leth nan croitearan. Le a bhith a' càineadh nan uachdaran, fiù 's seann Chaimbeulaich Ìle, chaidh e na b' fhaide na Iain MacMhurchaidh fhèin.[920] Ged a bha croitearan ann an ceàrnaidhean eile, leithid Lotaichean Ghleann Eagadail taobh a-muigh Phort Ilein, cha d' fhuair an Eaglais Shaor grèim orrasan chun na h-aon ìre.

Dh'innis aon sgoilear beul-aithris anns na 1960an: 'Islay folk regard the people of the southern Rhinns as 'different' and as more isolated from the newsy comings-and-goings of Bowmore and Port Ellen, or even Port Charlotte less than eight miles away'.[921] Chuir an iomallachd a bha seo ri fèin-aithne coimhearsnachd fa leth agus ri glèidhteachas ann an creideamh is cultar san fharsaingeachd. Shònraich buidheann eachdraidh ionadail a' cheàrnaidh airson a bhith gu h-àraid beartach ann an sgeulachdan mun aon àm.[922] Dh'obraicheadh cho fosgailte 's a bha na bailtean eile don t-saoghal a-muigh, an aghaidh aon-ghnèitheachd shòisealta agus ceannas ideòlach. Ach, 's fheudar a' phuing-sa a ghrinneachadh. Bha Port na h-Abhainne ruigsinneach ann an grunn dòighean, is eachdraidh fhada ann de mhàlairt is muinntireachd le Èirinn – Chaitligeach is Phròstanach – agus

[916] James McCosh, *The Wheat and the Chaff Gathered Into Bundles; a Statistical Contribution Towards the History of the Recent Disruption of the Scottish Ecclesiastical Establishment* (Peairt: James Dewar, 1843), td. 58; W. Ewing, deas, *Annals of the Free Church of Scotland 1843-1900*, Vol. II (Dùn Èideann: T. & T. Clark, 1914), tdd. 116-7.
[917] John G. McNeil.
[918] *Report of Her Majesty's Commissioners of Inquiry into the conditions of the crofters and cottars in the Highlands and islands of Scotland* [Napier Commission] (1884), tdd 3109-3117.
[919] Mar a chunnacas anns an Fhacal-toisich.
[920] Ibid., td. 3110.
[921] Francis Celoria, 'Notes on lore and customs in the district near Portnahaven, Rhinns of Islay, Argyll, Scotland', *Folklore*, 76:1 (Earrach, 1965), td. 39.
[922] Islay Archaeological Survey Group, *Bibliography of Islay* (I.A.S.G., 1961), earrann XI, gun taobh-duilleig.

eileanan Gàidhealach eile.[923] Agus coltach ris a' chòrr de dh'Ìle, bhiodh na fir òga a' siubhal a chosnadh air a' Ghalltachd.[924]

5.3.2. An Eaglais Shaor Aonaichte

Mar a chìthear ann an Clàr 19, bha cuibhreann brìgheil gu leòr de dhaoine a' leantainn na h-Eaglais Shaoir anns na sgìrean Ìleach eile – eadar 10% agus 14% den t-sluagh ann an 1900 – ach cha robh seo a' tighinn faisg air cho tomadach 's a bha figearan Phort na h-Abhainne. Ge-tà, 's fhiach e mothachadh gun robh cuid mhath de thaic ann an Diùra le 23% den t-sluagh san aon bhliadhna.

Bha an Eaglais Shaor Aonaichte air a meas bog, libearalach leis an fheadhainn nach do ghabh ris an aonadh san Eaglais Shaoir. Bha iad dubh an aghaidh a' mhìneachaidh shùbailte a bha aca air Aidmheil a' Chreideimh, leabhar-riaghlaidh na clèireachd Albannaich, agus co-cheangailte ri sin mar a fhuair iad cuidhteas prionnsapal stèidheachadh creideamh nàiseanta a thàinig an lùib a bhith ag aonachadh leis an Eaglais Chlèirich Aonaichte. Nì eile a sgaraich na h-eaglaisean, 's e nach robh ach na sailm ceadaichte ann an adhradh foirmeil am measg na buidhne glèidhtich fad 's a bha an Eaglais Shaor Aonaichte leagte ri laoidhean agus ceòl ionnsramaid.

Tha e inntinneach coimhead air an taobh-sa dhen ghnothaich ann an Ìle. A' dol air ais gu 1883, rinn an dà chuid seisean Bhogh Mòr agus Chill A Rubha is Chill Mheinidh san Eaglais Shaoir argamaid *an aghaidh* ceòl ionnsramaid ann an adhradh poblach.[925] Cha robh laoidhean gan gabhail na bu mhotha. Ach ghabh an dà sheisean anns an Eaglais Shaoir Aonaichte an 1900, agus seisean Bhogh Mòr a' sgrìobhadh, 'all present cordially approved of the Union taking place'.[926] An ceann deich bliadhna bha an dà sheisean air tòiseachadh air laoidhean a chleachdadh, agus mu dheireadh cho-dhùin seisean Bhogh Mòr organ a cheannach, ri linn duilgheadasan salmair a lorg.[927]

An e mòr-ghluasad ann an luachan a bha seo? No an robh na co-thionalan Ìleach riamh na bu libearalaich ann an dà-rìribh? B' urrainnear argamaid nach robh a leithid de dh'atharrachadh a' ciallachadh mòr-ghluasad ann an luachan, agus fhathast gun do ghlèidh na co-thionalan-sa prionnsapalan àraid na seann Eaglais Shaoir. Ach ma chuirear ri seo cho taiceil 's a bha a' mhòr-chuid de dhaoine san Eaglais Shaoir an Ìle ris an aonadh ann an 1900, agus an uair sin ri aonadh le Eaglais na h-Alba ann an 1929, 's ann a tha e a' coimhead mar 's nach robh clèireachd shoisgeulach, den ghnè ghlèidhtich co-dhiù, idir seasmach anns an eilean. Ann an Clàr 20, chìthear an àireamh de bhuill agus luchd-leantainn ann an 1900-01, agus buill a-mhàin às dèidh sin, anns an Eaglais Shaor Aonaichte. Chan eil ach diofar beag bìodach eadar iomlain na clèir air fad ann an 1901 agus na chlàraich an Eaglais Shaor ann an 1899-1900 – ghabh cha mhòr a h-uile mac màthar ris an eaglais ùir.[928] Ach, eadar 1902 agus 1911, dh'fhalbh a' mhòr-chuid de bhuill a-mhàin ann am Port na h-Abhainne. Tha teansa gun robh an fheadhainn a nochd mar bhuill an toiseach a' feitheamh ri ministear bhon Eaglais Shaoir (Leantainnich).

[923] A rèir MhicNèill, dh'fhalbhadh iasgairean na sgìre suas gu Barraigh mar eisimpleir, Napier Commission, td. 3116.
[924] Ibid., td. 3112.
[925] 'Leabhraichean-seisein na h-Eaglais Shaoir' luaidhte ann an C. Gordon Booth, *An Islay Notebook* (Ìle: Islay Museums Trust, 1983), td. 84; td. 90.
[926] Ibid., td. 91.
[927] Ibid.; tha 'salmair' air fear de na faclan a tha aig Niall MacAilpein (Glaschu: Gairm, 1971) air neach togail an fhuinn.
[928] Stèidichte air Clàr 20.

Sgrìobh Mairead Nic an Deòir, a rugadh ann an 1889, cunntas feumail dhà-rìribh air an Eaglais Shaoir ann am Port Sgioba. Dh'innis i, 'the Congregation was not a large one but services were well attended'.[929] Cha robh organ ann idir, sheasadh daoine airson ùrnaigh agus shuidheadh iad a sheinn nan salm le neach togail an fhuinn.

> The Precentor for the Gaelic Services was Mr Dugald Ferguson, who walked over the hill from Tormisdale [mu shia mìle air falbh], carrying his Sunday boots, one in each jacket pocket, until he reached the main road where the working boots were deposited into a convenient hole in the dyke [...].[930]

Ged a chaidh a' chuid mhòr de dhaoine a-steach chun na h-Eaglais Shaoir Aonaichte agus an uair sin air ais gu Eaglais na h-Alba, bha dràma annasach eadar i agus an Eaglais Shaor (Leantainneach). Chan eil iomradh ann air coithional maireannach eile a bharrachd air Port na h-Abhainne aig an Eaglais Shaoir (Leantainnich) ann an Ìle, ach bha eaglais eile aca. Dh'fhàg fear à Port Sgioba a rinn imrich a dh'Aimeireaga cnap airgid do dh'Eaglais Shaor Chill Chomain, sa bhaile.

> [B]y now [beagan às dèidh 1900] there was no Free Church as after the Union it had become the United Free. The minority who had left the Church claimed the Legacy and built a Free Church of their own. The site chosen was between the United Free Church and the Church of Scotland. There was no Manse and resident Minister. Supply came from Portnahaven and from the mainland. As time passed funds became low and in the end this church was sold as a dwelling house.[931]

Thugadh an seann eaglais agus mansa ann am Port na h-Abhainne (agus cuideachd, ann an Diùra) don Eaglais Shaoir (Leantainnich) leis a' Choimisean Rìoghail an 1900.[932] Tha fios againn gun robh ministear, Dùghall Bell, stèidhichte aig an Eaglais Shaoir (Leantainnich) ann am Port na h-Abhainne eadar 1913 agus 1917. Às dèidh sin, bha aig muinntir na sgìre feitheamh gu 1955 gus am biodh fear eile a' frithealadh orra làn ùine, Iain MacCoinnich, a leig dheth a dhreuchd ann an 1967.[933] Eadar na bliadhnaichean sin, 's dòcha gun tigeadh ministear bhon tìr-mhòir a shearmonachadh nuair a ghabhadh sin dèanamh. Tha e iongantach gun do mhair coithional idir cho fada air falbh bho na daingnean gu tuath, ach tha a h-uile coltas ann, le call sluaigh agus atharrachaidhean creideimh san fharsaingeachd san eilean, gur ann a bha a' bhuidheann-eaglais beò air èiginn sa cheàrnaidh seo dhen Ghàidhealtachd.

'S e mion-thraidisean a bha ann an clèireachd shoisgeulach na seann Eaglais Shaoir ann an Ìle, ach ron a h-uile adhbhar eile, 's e leasachaidhean mòra nàiseanta – na h-aonaidhean – a chuir crìoch air san eilean. Gu soilleir, bha diofar mhìneachaidhean agus buidhnean am broinn an traidisein sin, agus ann an iomraidhean-bàis chìthear dìleab Eaglais an Dealachaidh ga dheasbad.

Shiubhail Dòmhnall MacPhàidein, 75, a bha na ghobha ann am Port Sgioba, ann an 1907:

> He was a splendid specimen of the Islay type of Highlander, exemplifying all the best characteristics of that type. He was beloved by a wide circle of friends and acquaintenances. He lived a truly noble and Christian life. He was strenuous and valiant in every true and good cause, whilst hating all that was false and unreal. His principles and convictions were all founded on the truths of the Bible, and he was ever ready to defend these against all who opposed [...] He was an elder in the Free Church of Scotland

[929] Margaret McIndeor, 'The Free Church of Kilchoman' (1988), Taigh-tasgaidh Ìle 1/11/2.
[930] Ibid.
[931] Ibid.
[932] The Free Church of Scotland: *Yearbook* (Dùn Èideann: Knox Press, 1998), td. 36.
[933] G. N. M. Collins, deas., *Annals of the Free Church of Scotland, 1900-1986* (Dùn Èideann: Lynsey & Co, 1987), earrann air Ìle, gun taobh-duilleig.

> for the long period of twenty years, and he stood by that Church in all her struggles, and served her with his best to the very last.[934]

Anns an aon bhliadhna, bha iomradh-bàis eile do dh'Uilleam Òg Moireasdan, 64, a fhuair a bheòshlaint às an fhearann ann an Cill Eathain Uachdrach, san Obha. Bha esan uair na èildear san Eaglais Shaoir cuideachd, agus chaidh innse leis an Urr Rothach:

> While only a lad of eighteen in his father's house in Killeyan, the place of his birth, William used to relate how he then came under the power of the Word – how faith in a crucified Redeemer set him free, in October, 1860 [...] in July following he joined the Church.[935]

Eu-coltach ri MacPhàidein ge-tà, '[h]e adhered loyally to the United Free Church, and deplored the action of the anti-union party in the Highlands'.[936] Bhiodh fada a bharrachd dhaoine ann an Ìle ag aontachadh ris.

Tha a' chiad earrann gu sònraichte math gus beachdachadh air cruthachadh fèin-aithne, far am feumadh an sàr Ghàidheal agus Ìleach a bhith na shàr Chrìostaidh, gu dearbh bha sin aig a theis-meadhan. Bha fìor luach *propaganda* aig an iomradh-bhàis an seo agus anns a' ghluasad shoisgeulach gu lèir.[937] Anns na criomagan gu h-àrd, bha càirdean agus co-chreidmhich na dithis a bhàsaich a' toirt urram dhaibh mar dhaoine ach cuideachd gan cleachdadh airson eisimpleir a sgaoileadh de bheatha usasal cràbhaidh. Bha a leithid de dh'iomradh-bàis a' seasamh Crìostaidheachd anns a' choimhearsnachd a bharrachd air a' bhuidhinn-eaglais fa leth. Tha soisgeulachd follaiseach anns a' bhriathrachas, an dà earrann a' cur cuideam air a' Bhìoball, a chuid fìrinn agus cumhachd, agus tha aithris an iompachaidh air a chur an cur an cèill san dàrna tè.

Bha an dithis, agus na buidhnean san robh iad, moiteil às an cuid eachdraidh anns an Eaglais Shaoir. Ge-tà, chaidh dìlseachd a mhìneachadh air diofar dhòighean: do MhacPhàidean, bha e airson an t-seann eaglais, an Eaglais Shaoir (1900) a dhìon gu a bhàs, do Mhoireasdan, b' ann a chaidh le mòr-chuid na h-eaglais sin agus cha robh ach tàmailt aige air na rinn an 'anti-union party'. Bhite an dùil gur ann a-mach air a' ghuineachas a bha eadar an dà bhuidheann bho thachair an t-aonadh, agus mar a bhuannaich an Eaglais Shaor (Leantainneach) cuid mhath de sheilbh na seann eaglais tron chùirt.

Tha pailteas de dh'iomraidhean coltach riutha seo ann am pàipear *Tìm an Òbain* mu dhaoine air feadh Earra-Ghàidheal, agus 's e feartan fìor-ghlan a' Chrìostaidh a bha air an àrdachadh gu ro thric. Bhiodh e fada ceàrr seo a thuigsinn mar dheagh mheasadh air an t-suidheachadh ann an dà-rìribh ge-tà. Càite a bheil na h-iomraidhean air daoine nach nochdadh anns an eaglais ach ainneamh, a bha 's dòcha measail air gnothaichean an t-saoghail, agus nach robh nan Crìostaidhean ach ann an seagh sùbailte, deasbadail? Cha fhaiceamaid iad sin seach 's gun robh grèim aig Pròstanachd air sàr-bheachdan a' choluadair fiù 's ged a bha a' ghrèim sin na bu laige air cuid mhath de mhuinntir Earra-Ghàidheal. Na bheatha, bha gràin aig MacPhàidein air a h-uile nì 'false and unreal', a' cur an aire gun robh beachd teann aige air modh-giùlain agus na bha iomchaidh. Bha e ullamh a chuid phrionnsapalan a dhìon 'against all who opposed'. Bhiodh buill na h-Eaglais Shaoir Aonaichte nam measg sin, gun teagamh, is iad air a dhol air seachran bho dhlùth-leughadh a' Bhìobaill. Ach faodaidh deagh amharas a bhith againn gun robh seo cuideachd a' comharrachadh gun robh grunn daoine san eilean nach robh air an aon ràmh le a chuid cràbhachd.

---

[934] *Oban Times* (3 Lùnastal, 1907).
[935] Ibid. (12 Faoilleach, 1907).
[936] Ibid.
[937] Callum G. Brown, *The death of Christian Britain* (Lunainn: Routledge, 2001), tdd 60-61.

Clàr 19: Buill agus luchd-leantainn na h-Eaglais Shaoir an sgìrean Ìle is Diùra mar cheudad den t-sluagh 1891 is 1900.

	1890-1891			1899-1900		
	Sluagh	**Buill 7 Luchd-leantainn**	**% Buill 7 Luchd-leantainn**	**Sluagh**	**Buill 7 Luchd-leantainn**	**% Buill 7 Luchd-leantainn**
Bogh Mòr	1,855			1,813		
Cill Mheinidh	805	303	11.4	822	264	10
Cill Daltain 7 An Obha	2,027	300	14.8	1,872	252	13.5
Cill Chomain	1,828	209	11.4	1,632	200	12.3
Port na h-Abhainne	869	281	32.3	728	261	35.9
Iomlan	**7,384**	**1,093**	**14.8**	**6,867**	**977**	**14.2**
Diùra	621	-	-	562	128	22.8
Colbhasa	381	-	-	313	-	-

Tùs: *Free Church of Scotland Proceedings*, Members and Sitters – May 1890 to May 1891, May 1899 to 1900; *Census* 1891, 1901 (Registration Counties and Districts).

Clàr 20: Buill na h-Eaglais Shaoir Aonaichte an sgìrean Ìle is Diùra mar cheudad den t-sluagh, 1900 – 1928.

	1900-01*	**1901-02**	**1911**	**1921**	**1928**
Bogh Mòr	130	49*	47	48	47
Cill Chomain	206	79	78	60	47
Cill Daltain 7 an Obha	256	90	63	78	94
Cill A Rubha	132	32	25	26	30
Port na h-Abhainne	224	65	17†		
Iomlan	**948**	**315**	**230**	**212**	**218**
% den t-sluagh	13.8%	4.6%	3.7%	3.7%	-
Diùra	122	25	12	13	10
Iomlan na Clèir	1,070	340	242	225	228

Tùs: United Free Church of Scotland, *Annual Reports*, 1901 – 1929. *Tha a' bhallrachd ann an 1900-1901 a' gabhail a-steach luchd-leantainn os cionn 18, tha agus Bogh Mòr ann an 1901-1902. †Ann an 1921, dh'aonaich Port na h-Abhainne agus Cill Chomain.

5.3.3. Na Baistich

Cha bhiodh tuairisgeul air soisgeulachd ann an Ìle ceart no coileanta gun luaidh a thoirt air na soisgeulaich neo-chleireach san eilean: na Baistich. Dhearbh Dòmhnall Meek gun robh na Baistich, maille ris na Coithionalaich anns a' chiad leth den 19mh linn, fada na bu chudromaiche ann an ceann a deas na Gàidhealtachd agus nan eilean. Gu dearbh, bha an làthaireachd mhaireannach, an cois laigse na clèireachd shoisgeulach, air fear de na nithean a shònraich Earra-Ghàidheal mar raon-creideimh sgaraichte bhon cheann a tuath. Bha Ìle mar phàirt de lìonra de choithionalan Baisteach ann an Colbhasa, Muile, Tiriodh agus air tìr-mòr Earra-Ghàidheal, a chruthaich cultar àraid tro bhith a' cumail tacsa ri chèile agus ag iomlaid theachdairean Gàidhlig.[938]

Chaidh eaglais Bhaisteach a stèidheachadh ann am Bogh Mòr cho fada air ais ri 1833, ach bha miseanaraidh, Aonghas MacNeachdain a' fuireach anns an eilean bho 1819, agus bhiodh searmonaichean Baisteach agus Neo-eisimileach a' cuairteachadh gu bitheanta bho faisg air toiseach an 19mh linn.[939] B' iad sin ann an dà-rìribh na ciad theachdairean soisgeulach ann an Ìle. 'S e Bogh Mòr agus an uair sin Port Ilein an dà àite a bu treasa san robh iad. Tha e coltach gun robh luchd-ceangail ann am Port Ilein tron 19mh linn, is an àireamh air a daingneachadh le dùsgadh anns na h-1880an, ach cha b' ann gu 1910 a fhuair iad eaglais fa leth agus teachdaire dhaibh fhèin.[940] A thuilleadh air sin, bheireadh na Baistich an soisgeul gu iomadh baile eile san eilean, agus mar eisimpleir, aig toiseach an 20mh linn bha ionadan-misein aca anns na Lotaichean agus Càrn Donnchaidh.[941]

A rèir an fhiosrachaidh aig Meek, bha mu 70 ball ann an coithional Bhogh Mòr ann an 1900 agus fo 40 dhiubh ann an eaglais Phort Ilein nuair a dh'fhosgail i deich bliadhna às dèidh sin. Thuit an àireamh aig Bogh Mòr gu na bu lugha na 20 ri linn a' Chogaidh Mhòir, agus ged a thàinig piseach air cùisean cha robh ach mu 30 gu 40 aig gach coithional, agus sin a' crìonadh tron linn.[942] Chuireadh cuibhle an fhortain nan caran, bha ceann an 19mh linn reusanta fàbharach do na Baistich ann an Ìle, ach ann an 1919, 'Archibald MacDonald found himself preaching alone on the street in Bowmore'.[943] Na b' anmoiche, chaidh am misneachadh as ùr le teachd nam Feachdan Adhair anns an Dàrna Cogadh, agus grunn de na daoine sin air am fàilteachadh gu seirbhisean.[944]

Bha aig teachdairean leithid Ghilleasbaig Dhòmhnallaich a bhith leanailteach, dìorrasach fiù 's ged a bhiodh an sluagh gan seachnadh, no na bha ann de Bhaistich air an gearradh le bàs no eilthireachd.[945] Gu h-inntinneach, 's e an Dòmhnallach a rinn tè de na laoidhean ainneamh a lorgadh à Ìle, *Fulangas Chrìosd* ann am Bogh Mòr an 1927:

Nach faic sibh Iosa 's a chrìdh' air fannachadh,
Anns a' [gh]àradh 'us cràdh 'g a theannachadh,
A chorp 'g a fhàsgadh 'us fallas fala dheth,
'S E gleachd 'n ar n-àite, 's am bàs a' teannadh air.

Co-sheirm

[938] Donald E. Meek, *The Scottish Highlands: the churches and Gaelic culture* (Geneva: WCC Publications, c. 1996), tdd 25-6.
[939] Donald E. Meek, 'The Highlands' ann an D. W. Bebbington, deas, *The Baptists in Scotland: A History* (Glaschu: The Baptist Union of Scotland, 1988), td. 288; Rev. George Yuille, *History of the Baptists in Scotland* (Glaschu: Baptist Union Publication Committee, 1926), tdd 112, 276.
[940] Yuille, *History*, tdd 117-118.
[941] Meek, 'The Highlands'. td. 297.
[942] Ibid., td. 302.
[943] Ibid., td. 297.
[944] Ibid., td. 300.
[945] Ibid., tdd 281, 292.

O bith[ibh] dìleas do'n Tì a cheannaich sinn,
['S] a shaor le bhàs sinn ged a bha sinn seachranach,
Ma bheir sinn gràdh Dha gu bràth cha dealaich sinn,
'S ann bheir E 'n àird sinn do'n Aros bheannaichte.[946]

Cha robh na Baistich riochdachail den t-suidheachadh-chreideimh anns an eilean, gu dearbh bha iad annasach: nam buidheann bheag ann an mion-thraidisean na Pròstanachd shoisgeulaich. Air an làimh eile, coltach ris an Eaglais Shaoir, gheibheadh am beachdan èisteachd am measg fada a bharrachd dhaoine na bha nan eaglaisean fhèin, is iad a' putadh cràbhachd dhealasach anns a' chultar choitcheann agus, ag obair còmhla ri eaglaisean eile, cudromach ann a bhith a' brosnachadh dùsgadh am measg an t-sluaigh. Agus chomharraich fiosraiche, a rugadh ann an 1941, taobh eile dhe na bha tarraingeach mun deidhinn:

> my mother was a Baptist. She didn't like the Round Church, which was the Church of Scotland. She felt that some of the people in the congregation were eh… [*gàire*] they were hypocri- they were hyprocrites in her opinion. […] A lot of them were hypocrites and she wouldn't have anything to do with it. Em, she felt that they were looking down on her just as an ordinary working person.[947]

Dha rèir, ma-thà, ghlèidh na Baistich an nàdar poballach a bha aca bhon fhìor thoiseach – bha e dlùth-cheangailte ris an t-seòrsa soisgeulachd a bhiodh iad a' sgaoileadh. Tha am pìos-fiosrachaidh seo ag innse gun robh a' bhuidheann-eaglais a' coileanadh feumalachd, aig cuid co-dhiù, agus a' tabhann àite far nach robh rangachd agus neo-ionnanachd a' chomainn-shòisealta ga riochdachadh as ùr. Bhiodh sin fìor mun Eaglais Shaoir agus na h-eaglaisean a thàinig aiste, cuideachd, ach bho thuit iad sin a-mach às a' chèile cha robh air fhàgail de shoisgeulachd nam mithean ach na Baistich, a tha ann gus an latha an-diugh.

5.3.4. Ceannas Eaglais na h-Alba

Feumaidh sinn làthaireachd na soisgeulachd aithneachadh ann an eachdraidh an eilein. Ach, mar a tha fios againn, b' i Eaglais na h-Alba[948] a phrìomh bhuidheann-chreideimh agus b' ann a bha i sin, anns an fharsaingeachd, taobh a-muigh an traidisein shoisgeulaich. Cha bhiodh e buileach ceart a ràdh gun e 'Eaglais nam Moidearait' a bha innte gu nàiseanta rè an ama-sgrùdaidh, oir bha i riamh leathann gu leòr, fiù 's às dèidh a' Bhrisidh, airson soisgeulaich a bhith mar phàirt dhi, agus bho chionn an aonaidh ann an 1929, bha coithionalan dhà-rìribh soisgeulach aig Eaglais na h-Alba air a' Ghàidhealtachd.[949] Ged a bha eisimpleirean ann dhe a chaochladh, cha robh na coithionalan Ìleach an aon chuid glèidhteach no iomairteach (*activist*) chun na h-ìre gum biodh iad air am meas soisgeulach.

Mar sin, bha an sgaradh sin ann eadar a' mhion-chuid shoisgeulach agus a' mhòr-bhuidheann 'mheasarra' – a thug a' bhuaidh a bu mhotha air eileanaich, agus an fheadhainn lìonmhor nach robh nam buill de dh'eaglais sam bith. Ach cha d' fhuaireadh iomradh air gràin eadar buidhnean-eaglais ann an Ìle, gun luaidh air an t-seòrsa nàimhdeas a chunnacas ann an Nis, Leòdhas, mar eisimpleir, aig àm an aonaidh ann an 1900. B' ann, gu dearbh, as urrainnear leughadh gun deach buill na h-Eaglais Shaoir (Leantainnich) gu comanachadh Eaglais na h-Alba ann am Port na h-Abhainne, bhiodh an Eaglais Mhòr, an Eaglais Shaor Aonaichte agus na Baistich ag

[946] Taigh-tasgaidh Ìle, S7/22. Gu mì-fhortanach, tha pìosan dheth a-nis sgriosta.
[947] TM9.
[948] Ann an 1925, chaill an eaglais a h-inbhe nàiseanta agus mar sin, cha chanar an Eaglais Stèidhte rithe bhon uair sin.
[949] John MacLeod, *Banner in the west : a spiritual history of Lewis and Harris* (Dùn Èideann: Birlinn, 2008), td. 273, agus Donald MacLeod, 'The Highland Churches Today' ann an J. Kirk, deas, *The Church in the Highlands* (Dùn Èideann: Scottish Church History Society, 1998) td 147; td. 152.

obair còmhla airson stuamachd (*temperance*) aig toiseach an linn, agus chuireadh ministear Baisteach fàilte air ministear ùr ann an Eaglais na h-Alba.[950]

Nuair a chaidh muinntir na h-Eaglais Shaoir Aonaichte a-steach don Eaglais Mhòir ann an 1929, thug e spionnadh mòr do dh'àireamhan nam ball. Mar a chìthear ann am Figear 2, bha 568 buill aice ann an Ìle an 1928 ag èirigh gu 769 ann an 1931, an àireamh as motha san àm-sgrùdaidh, air sgàth nan coithionalan ùra. Cha do dh'adhbhraich an t-aonadh atharrachadh follaiseach ann an nàdar na h-eaglais Ìlich, agus is beag an t-iongnadh oir, mar a chunnacas, cha robh mòran diofar eadar an Eaglais Shaor Aonaichte agus Eaglais na h-Alba anns an eilean-sa. Cha do bhris an traidisean soisgeulach às a chèile ann an 1929, b' ann a bha e air a lùghdachadh ron sin gu corra choithional san Eaglais Shaoir agus san eaglais Bhaistich.

Figear 2: Àireamh de bhuill Eaglais na h-Alba ann an Ìle, 1891-1970



Tùs: Aithisgean Bliadhnail Eaglais na h-Alba. NB: Tha seo a-mach air an Eilean Ìleach a-mhàin, gun a bhith a' gabhail a-steach Dhiùra no Cholabhasa. Cha robh toraidhean ann airson 1971.

[950] *Oban Times* (10 Lùnastal 1907); Ibid. (23 Gearran 1907); Ibid. (5 Iuchair, 1948).

Figear 3: Ceudad de shluagh Ìle nam buill de dh'Eaglais na h-Alba, 1891-1971



Tùs: Cunntas-sluaigh 1891-1971; Aithisgean bliadhnail Eaglais na h-Alba 1891-1970.
NB: Chleachdadh an àireamh de bhuill a bha ann an 1970 leis nach robh toraidhean ann an 1971.

A' coimhead air ballrachd na h-eaglais ann am Figear 2, chìthear gun do thuit an àireamh gu mòr ann an 1941 às dèidh àirde bliadhnaichean an aonaidh. Chaidh i am feabhas beagan ann an 1951 ach b' ann a bha crìonadh leantainneach ann bhon uair sin. Ann an co-rèir ris an t-sluagh, ge-tà, air a shealltainn ann am Figear 3, bha ballrachd reusanta mòr, seasmhach eadar 1931 agus 1961 ged a bha an àireamh de dhaoine san eilean a' crìonadh.[951] Nuair a thàinig e chun a' chuibhrinn de thaic oifigeil co-dhiù, mheal an eaglais buannachd an aonaidh anns na bliadhnaichean sin. Ach, eadar 1961 agus 1971 bha a' chiad lùghdachadh susbainteach anns an uiread de bhuill mar cheudad den t-sluagh san àm-sgrùdaidh.[952] Bha an t-atharrachadh a bha seo air falbh bho bhallrachd san eaglais, a' cur an aire gun robh fiù 's a luchd-taic ga fàgail, no a' sgur a bhith nam buill, ach cuideachd bhiomaid an dùil ri tanachadh air sgàth dhaoine a' gluasad a-steach don eilean. Tha seo a' tighinn a rèir na h-argamaid aig Callum G. Brown gun robh cruth-atharrachadh dioscursach anns na 1960an a sguab Crìostaidheachd a-mach à beatha phoblach ann an cuid mhòr de Bhreatann.[953] Bha Ìle a' leantainn a' phàtrain nàiseanta seo, ged a chaidh na h-eileanan mu thuath na aghaidh.

Ro sgaradh nan 1960an, cha bu chòir dhuinn dèanamh dheth gun robh creideamh 'oifigeil' slàn fallainn. Anns a' chaibideil mu dheireadh, lorgadh corra rud mu nàdar Eaglais na h-Alba ann an Ìle aig ceann an 19mh linn: cha robh compàirt ann an creideamh oifigeil, mar a thathas ga tuigsinn mar as trice, uabhasach cudromach anns a' choimhearsnachd. Ged a bha Ìlich airson na cuid a bu mhotha ceangailte ri Eaglais na h-Alba, bha frithealadh nan seirbheisean na adhbhar iomagain an an cuid de sgìrean, bha gearanan ann mu staid mhoralta an t-sluaigh, agus bha ballrachd gu math ìseal an coimeas ri àiteachan eile. Bhitheadh iad ann aig an robh sùim mhòr ann a

[951] Seo an àireamh-shluaigh airson gach bliadhna: (1931) 4984; (1951) 4270; (1961) 3867; (1971) 3827.
[952] Cha tèid againn air na h-àireamhan a' leantainn às dèidh 1970/1, leis gun do sguir Eaglais na h-Alba a bhith gam foillseachadh airson an eilein fa leth. Tha fianais bheachdail, mar a leughar, a' daingneachadh gun do lean an crìonadh chun an latha an-diugh.
[953] Callum G. Brown, *The death of Christian Britain* (Lunainn: Routledge, 2001), td. 176 agus passim.

bhith dol don t-searmon agus ann an cur-an-cèill na spioradalachd fhoirmeil, ach cha robh seo gnàthaichte no deatamach am measg chàich. Agus 's e cion-cumhachd na soisgeulachd a b' adhbhar dha na feartan seo.

Gu às dèidh deireadh a' Chogaidh Mhòir, 's gann am fiosrachadh a tha na seiseanan-eaglais a' tabhann dhuinn air creideamh anns a' choimhearsnachd, is iad a-mach air gnothaichean tioram na rianachd. Tha boillsgeadh againn air prìomhachasan nan daoine, ge-tà, ann an 1913. Bha aig ministear Bhogh Mòr, Niall Ros, ri seirbheis-fheasgair eile a chur air dòigh rè na seachdain, 'as tomorrow is Old New Years' day and may account for a small attendance of the congregation that evening particularly in Gaelic'.[954] Ro na 1960an agus fiù 's an Dàrna Cogadh, bha ministearan a' gearan mu dhìth-shùim nan daoine ann an seirbheisean, a' cur an cuimhne toraidhean deireadh an 19mh linn. Gu brìgheil, 's e *buill* na h-eaglais is chan e muinntir Ìle san fharsaingeachd air an robh ministear Chill Mheinidh, Aonghas MacDhonnchaidh, a-mach ann an 1934:

> The Moderator opened a discussion on the question of securing stricter discipline in the case of members who failed to attend public worship, and also in the case of parents who, while members of the church, did not encourage their families to attend the gospel ordinances provided for their use. The session realised the seriousness of the situation, and expressed their determination to support the minister in his efforts to deal with the trouble.[955]

Bha buaidh mhòr aig a leithid air àite na Gàidhlig san eaglais, mar a chìthear san earrainn mu dheireadh. Cha tàinig piseach idir oir chaidh an aon ghearan a dhèanamh dà bhliadhna às dèidh, san Fhaoilleach agus an uair sin a-rithist sa Mhàrt. Dh'innis MacDhonnchaidh mun 'great difficulty of bringing the evil home to those members [nach tigeadh gu seirbheisean]. Some had actually promised him to begin church attendance forthwith, but they had not put in an appearance afterall'.[956] Bha an nòs dhà-rìribh stèidhichte.

Rè an Dàrna Cogaidh, bhiomaid an dùil gum biodh àrdachadh ann an luchd-taic na h-eaglais mar thoradh air na bha ann de luchd-seirbheis nam Feachdan Adhair ag obair san eilean, coltach ris na Baistich. Ach, mar a chì sinn, tha beachdan ann gun e fìor dhroch bhuil a bha aig a' chogadh air àite na h-eaglais, gu sònraichte le a bhith a' toirt a' ghinealaich òig air falbh agus an t-saoghail a-muigh a-steach. Aig ìre nàiseanta, tha Brown a' dearbhadh gun robh nàdar de dh'ath-bheothachadh do dh'eaglaisean aig dùnadh a' chogaidh, agus na 1950an nam bliadhnaichean cuimseach glèidhteach cràbhaidh.[957] Gun teagamh, chuireadh an aithris nàiseanta cruth air a' chomann-shòisealta Ìleach ach tha fianais na h-eaglais an sin a' sealltainn leantaileachd agus fiù 's dol-am-miosad nan seann trioblaidean do chreideamh oifigeil aig an àm. Dh'aidich ministear Chill Chomain mu 1954 nach robh ach àireamh bheag de luchd-adhraidh aige ach choirich e an t-astar a bha ann gu eaglais Chill Chiarain.[958] Thigeadh àireamh chuibheasach de 75 duine gu seirbheisean seachdaineil ann an Cill Daltain, a rèir a' chunntais bho 1952, ach chan e ach trian de na buill chlàraichte a bha sin.[959] 'S e ministear Bhogh Mòr, Murchadh MacRàth, a b' fheàrr a mhìnich an suidheachadh, is e a' sgrìobhadh ann an 1950. Thuirt e gun robh barrachd dhaoine a' dol gu searmonan sa phrìomh-bhaile na àiteachan eile san eilean, ach bha i fhathast truagh.

> There is no active antagonism to the church but much indifference and apathy, and it is not unfair to say that the Bible is rapidly becoming a closed book and prayer a lost habit. The materialistic spirit of the age, the lack of

[954] CH2/1281/3, 13 Faoilleach 1913.
[955] CH2/1282/3, 27 Giblean 1934.
[956] Ibid., 29 Faoilleach 1936; 18 Màrt 1836.
[957] Brown, *The death*, tdd 170-175.
[958] Rev. A. R. Torrie, 'The Parish of Kilchoman' ann an Colin M. MacDonald, deas, *The County of Argyll* [Statistical Account] (Glaschu: Collins, 1961), td. 351.
[959] Alexander & Islay D. Shanks, 'The Parish of Kildalton' ann an ibid., td. 343.

> religious instruction in the homes, the almost entirely secular education in the schools, the influx of new ideas, and the upheaval of two World Wars have no doubt all contributed to this tragic state of affairs.[960]

Gu h-inntinneach, chaidh nàbaidhean nan Ìleach ann an Diùra an aghaidh an t-sruth sna 1950an agus am ministear acasan ag aithris gun robh an sluagh gu math dìleas don eaglais agus bu bheag an àireamh nach rachadh don t-searmon.[961] Tha e coltach gun do chluich an eaglais pàirt na bu mhotha airson a' choimhearsnachd bheag sin a thoirt còmhla.

Mu dheireadh ar n-ama-sgrùdaidh, thàinig ministear ùr iomairteach a-steach do Chill Mheinidh, George Wilson Charlton, a thòisich ann an 1953. Cha robh e idir leagte ri laigse na h-eaglais san sgìre agus tha cunntasan a sheisean-eaglais a' cur am follais nan oidhirpean a bha aige gus daoine a charachadh. Eu-coltach ri càch, bha a dhòigh-obrach rudeigin soisgeulach. Bha an t-sàcramaid ga cumail dà thuras sa bhliadhna nuair a bha e ann an toiseach ach rinn esan cinnteach gum biodh i ann ceithir tursan bho 1954.[962] Bha misean aige gu diofar bhailtean san sgìre far an sgrùdadh daoine am Bìoball agus bhiodh iad ag ùrnaigh còmhla.[963] Ach chan e saothrachadh gu soirbheas a bha ann. Ann an 1958, chaidh a chlàradh:

> The Mod. [An t-Urramach Charlton] intimated that he was near five years ministering in the parish & seeing very little improvement thought that something should be done about the situation: *the people of the parish having no need for a minister except for marriages, funerals & baptisms*.[964]

San aon bhliadhna, chaidh aideachadh gun robh 'lack of enthusiasm' aig daoine anns na coinneamhan poblach a bha na h-èildearan a' ruith.[965] Agus bha Charlton 'indignant', a rèir tuairisg na b' anmoiche, nach robh buill fhèin a' tighinn gu coinneamhan agus làn fhios aca gun robh iad ann.[966] San iomradh mu dheireadh a tha againn, ann an 1960, 's ann gu bheil am ministear a' cur roimhe dol bho dhoras gu doras agus coinneamhan a thoirt thuca. Bha e cuideachd airson 's gun toirte sùil na bu ghèire air pàrantan a bha ag iarraidh an leanabh a bhaisteadh, a' dèanamh cinnteach gun robh iad air cumail ri bòidean posaidh.[967] Dh'fheuch Charlton leis fhèin ri car a chur de dhàimh fhuaighte eadar na daoine agus an eaglais na sgìre, agus ged a sheas e a-mach airson a chuid dìorrasachd, dh'fhàillig air. Air a tharraing gu sgìre nas fheàrr air a' Ghalltachd, no seachd searbh sgìth de mhuinntir Chill Mheinidh, thug e a chasan leis ann an 1961.

Bha cuimhne aig aon fhiosraiche às an sgìre air 'Reverend Charles [sic] Charlton':

> chan eil fhios 'am an e Sasannach a bh' ann ach bha g[h]uth, car cosa' ri Sasannach. Agus, cha do mhair e fiadhaich fada a' seo, chan eil fhios 'am am biodh e a' seo còig bliadhna. Agus mar a dh'fhàg e bha rud anns a' phàipear tioram air, "Minister leaves heathen island"!

Cha d' fhuaireadh lorg air alt dhen t-seòrsa seo ann am pàipear an Òbain, mar sin chan urrainnear dearbhadh gu bheil e ann. Ach tha am mion-fhiosrachadh san fharsaingeachd a' tighinn a rèir dealbh cunntasan an t-seisein-eaglais, ged a bha Charlton ann airson mu sheachd bliadhna seach còig. Chaidh a ainm a thogail leis an fhiosraiche mar phàirt de chòmhradh air dìolanas san eilean a bha, dan rèir, 'gu meath *cum*anta […] gu robh teaghlach [aig boireannai'] gun a bhith pòsta'. Bha am ministear gu mòr an aghaidh an t-suidheachaidh

[960] Rev. Murdo MacRae, 'The Parish of Kilarrow and Kilmeny' ann an ibid., td. 358. Cha robh MacRàth stèidhichte ann an Ìle ach airson ùine ghoirid eadar 1949 agus 1953. Mar sin, 's dòcha gun do chuir e cus cuideam air leasachaidhean ùra agus e gun eòlas air leantalachd ann an eachdraidh an eilein.
[961] Rev. Donald Budge, 'The Parish of Jura' ann an ibid., td. 362.
[962] CH2/1282/3, 17 Samhain 1954.
[963] Ibid., 26 Màrt 1956.
[964] Ibid., 25 Samhain 1958 (mo chuideam).
[965] Ibid., 11 Dùbhlachd 1958.
[966] Ibid., 15 Sultain 1959.
[967] Ibid., 2 Sultain 1960.

mhoralta a bha ann, agus b' ann a bha e 'a' mothaichinn nach robh sinn..tha fhios 'ad, nach robh sinn fiadhaich creideach, idir'.[968] 'S ann air seallaidhean eile bho Ìlich a choimheadas sinn san ath earrainn.

5.4. Fianais nan agallamhan

Anns gach agallamh dh'fhaighnicheadh, gu h-àraid ann an co-theacs làithean an òige, ceistean leithid:

1. Am biodh an teaghlach agaibh a' dol chun na h-eaglais?
2. Cò ris a bha Là na Sàbaid coltach?
3. Dè an t-àite a bha aig a' mhinistear anns a' choimhearsnachd?

5.4.1. Frithealadh na h-Eaglais

A-mach à 11 duine, thuirt ceathrar gum biodh iad a' dol chun na h-eaglais len cuid theaghlaichean, thuirt aon neach gum biodh iad a' dol ach cha bhiodh am pàrantan (tha e coltach gun robh iad a' dol len seanair), dh'innis dithis nach biodh am pàrantan a' dol ach bha iad air an cur gu sgoil-Shàbaid agus dh'innis an ceathrar mu dheireadh nach biodh iad a' dol chun na h-eaglais mòran no idir. Fiù 's le àireamh bheag de dh'fhiosraichean chithear gu bheil diofar roghainnean a' nochdadh agus nach eil e soirbh co-dhùnaidhean simplidh a dhèanamh mu dè cho cràbhach 's a bha daoine. A dh'aindeoin sin, 's e a tha a' bualadh ormsa gu bheil cuid mhath de dhaoine a thuirt nach bitheadh iad a' dol no nach robh an teaghlach gu sònraichte taiceil ris an eaglais. Tha raon de dh'aoisean air an riochdachadh an seo, agus 's dòcha gur e atharrachadh eadar ginealaichean as coireach dha na toraidhean seo. Mar a thuirt aon fhiosraiche:

> Ach em, bha sinn a' dol ann ma b' urrainn. Agus e, glè thric cha bhiodh ann ach a d' fhaoidte a' chlann a thigeadh ann, agus ar mèathair na, d' fhaoidte a' chlann 's m' athair 's a leithid sin. Ach em, e bu toigh leoth^{ch}asan dol 'an eaglais ma b' urrainn dhaibh idir. Chionn, uell an t-sean dòigh a bha creideamh mòr aca nach robh- creidsinn nach eil ann an-diugh.[969]

Tha feadhainn eile ag aithneachadh crìonadh a' chreideimh san eilean. Mar eisimpleir, tha fear eile a' dèanamh tuairisgeul air a' Chomanachadh agus mar a shiubhladh daoine astar fada air a shon ach gun do sguir sin:

> [...] bhiodh tu a' cluinn^{d}tinn iad, m' athair is daoine mar s^{h}in, ag iomradh air nuair a bha eadsan a' coiseachd chun an eaglais e, bho far an robh iad a' fuireach gus an eaglais [aig] Cille Chomain. Gu sònraichte shon a, a' comanach[adh], tha fhios 'ad, a h-uile July tha mi smaointeachadh anns a' bhliadhna, bha iad a' coiseachd chun an eaglais is..so tha sin ag ràdh gu robh an teaghlach a' dol chun eaglais glè bhitheanta ach cha robh mise, no an teaghlach [a'am] fhèin [dol chun] eaglais.[970]

Chan eil teagamh nach eil frithealadh na h-eaglais air tuiteam gu mòr ann an Ìle mar thoradh air crìonadh an t-sluaigh fhèin agus, tha e coltach, an aon phròiseas saoghalachaidh a chithear ann am Breatann air fad.

> [...] bha mòran a bharrachd dhaoine a' dol do na h-eaglaisean mar a bha mise òg na th' ann an latha an-diugh, tha fhios 'ad. Air feadh an eilein air fad. E, nis, chan eil fhios 'am cia- tha..e, còig- sia eaglaisean san eilean, an dràsta agus dà Eaglais Bhaisteach agus air Didòmhnaigh tha nas lugha na dà cheud neach dol chun na seirbheisean.[971]

Am measg nan agllamhan ma-thà, a bheil frithealadh na h-eaglais na chomharra air a' ghinealach sa bheil an neach? 'S urrainnear pàtran fhaicinn gu h-ìre a sheallas gu bheil frithealadh nas cumanta am measg na

[968] TM6. Neach a rugadh anns na 1940an.
[969] TM4.
[970] TM1.
[971] TM11.

feadhainn a rugadh ro na 1940an, agus ’s dòcha gu bheil seachnadh na h-eaglais a’ fàs nas bitheanta mar as fhaide air adhart a thèid sinn (faic an clàr gu h-ìseal).

Clàr 21: Frithealadh na h-eaglais agus aois nam fiosraichean

Bliadhna-bhreith	A’ dol gu bitheanta chun na h-eaglais is iad òg?
1925	Cha robh
1930an	Bha
1936	Bha
1937	Bha
1940an	Cha robh
1941	Cha robh (ach Sgoil-Shàbaid)
1945	Bha
1947	Bha
1947	Cha robh
1950	Cha robh (ach Sgoil-Shàbaid)
1955	Cha robh

Tùs: Fiosraichean beul-eachdraidh (faic: Eàrr-ràdh 1)

Cha bu chòir dhuinn cus earbsa chur ann an sgrùdadh àireamhail le sampall beag a-mhàin ach, a-rithist, tha e doirbh daoine a sheòrsachadh; mar eisimpleir, thuirt dithis nach robh iad a’ dol chun na h-eaglais len teaghlach ach bha iad a’ dol gu Sgoil-Shàbaid - chan e seirbheisean àbhaisteach a bha iad a’ frithealadh agus cha robh an teaghlaichean cràbhach idir ach bha iad fhathast ag ionnsachadh mun Bhìoball gach Didòmhnaich. Air an làimh eile, chan eil frithealadh na h-eaglais na dhearbhadh air cràbhachd, no a bhith a’ fuireach ann an dachaigh chràbhach. A dh’aindeoin seo, tha mi an dùil gun sealladh an fhianais gu lèir gu bheil am pàtran seo – de shaoghalachadh – dhà-rìribh ann, ’s e a’ cheist dè cho cràbhach ’s a bha Ìlich co-dhiù aig toiseach na 20mh linn agus roimhe? Seo na bha aig an fhiosraiche *a bu shine* ri ràdh:

> TM: […] Agus, em, am biodh sibhse dol dhan eaglais , gu tric?
>
> DM: Cha robh [doirbh] tric. Cha robh.
>
> TM: Cha robh. Uhuh. An robh daoine eile a’ dol dhan eaglais-
>
> DM: O bha bha drò’[972], bha, bhà drò’[.] dol don eag- Och dependeadh air a’ mhinistear ach [..]. O ’s e ’s e..uell, a d’ fhaoidte treis rom, rom ùine-sa, o dh’fheumadh tu dol don eaglais […][973]

Chan eil an neach seo fhèin a’ tighinn a rèir na deilbh a bha againn roimhe den ‘t-sean dòigh a bha creideamh mòr aca’ agus tha e ag ràdh san dol seachad gur dòcha gun robh daoine dhà-rìribh làidir mu bhith a’ frithealadh na h-eaglais ‘rom ùine-sa’. Tha e coltach nach robh e cho ainneamh sin am measg a ghinealaich-san no fiù ’s ghinealaichean roimhe gun a bhith a’ dol gu seirbheisean tric no idir. Thuirt aon tè a rugadh sna 1940an:

> [C]ha robh [...] mo *sheanair* – cha robh esan a’ creideadh idir – cha robh mise eòlach air, shiubhail esan man do, man tèinig mise [a’ rathad]. Ach, cha robh es’, cha robh creideadh aigesan agus cha robh creideadh aig duine sas bidh anns an teaghlach a’ainne. Ach-
>
> TM: Nach robh sin annasach ma-thà?

[972] ‘Dròbh’ = tòrr.
[973] TM5.

> HN: Uill, bhà, bha air dòigh, uill bha air *dòigh* ach chan eil Ìle cosa' ri, abair, Barraigh neo Leòdhas..anns mo bheathasa agus a d' fhaoidte..ann am beatha mo mhèathair, **chan eil mise a' smaoineachd gu robh na h-uiread creidsinn ann..'s a bha shuas mu thuath**.[974]

Tha fiosraichean eile a' daingneachadh a' bheachd gun robh barrachd roghainn aig daoine ann an Ìle a bhith a' dol gu eaglais, fiù 's aig toiseach na 20mh linn agus roimhe, agus gun robh cuid mhath ann nach bitheadh a' frithealadh. 'S e as ciall dha seo gun robh làithean 'làidir' na h-eaglais ann an Ìle gu math eadar-dhealaichte bho eileanan eile agus dh'fheumamaid smaointeachadh as ùr air 'cràbhachd' anns a' cho-theacs seo. Dè an t-àite a bha aig a' mhinistear an uair sin agus nòsan Crìostaidh sa cho-chomann? Tha na toraidhean air glèidheadh na Sàbaid gu math feumail an seo: fiù 's am measg dhaoine nach biodh a' dol chun na h-eaglais agus nach robh Crìostaidh san fharsaingeachd bha pàirt chudromach aig an t-Sàbaid nam beatha. Ach bha diofar bheachdan aig fiosraichean air dè dh'fhaodadh tu dèanamh Là na Sàbaid, agus carson a bha agad ri ghlèidheadh.

5.4.2. Là na Sàbaid

Gu h-inntinneach, rinn cuid mhath de dhaoine coimeas dìreach eadar Ìle agus Leòdhas (agus eileanan coltach rithe) is iad a' freagairt ceist mun t-Sàbaid. Seo na bha aig dithis aca ri ràdh:

> [...] **chan ionnan idir Là na Sàbaid a' seo na ann a', ann a' Leòdhas na na h-àiteachan sin**. E, far 'eil e air a, air a ghlèidheil gu meath [d]làidir fhathast. Ach cha b' ionnan e- o bheireadh sinne, bha sinn e, e bheireadh sinn a-staigh mòine 's a leithid sin, cha robh mìr a['] sin e, tha mi tuigsinn a rèir 's mar a dh'innseadh dhomh co-dhiù [..], e ann a' Leòdhas 's na h-àiteachan sin feumaidh e bhith, bhith air a dhèana' an oidhche ron èm. Chan eil meath dhuit dìreach a' rud as urrainn dhuit a dhèana'. Ach cha b' ionnan sinn a' seo, bha bha, e thigeadh iad air, d' fhaoidte a' dol air chèilidh 's a leithid sin 's, e Didòmhnai' na dol a dh'fhaicinn càirdean. E, ach cha robh, o cha robh thu ag obair nas [d]lugha na 's e droch droch fhaobharadh[975] a bh' ann na rudan mar sin. Agus gu robh an gnothai' air deirea' na, uell, thigeadh iad a-meach Didòmhnai' ach cha robh mìr mìr eamalachd[976] air dol a-meach. E bha bha a' creidea' sin aca cuideach nach robh gum bu chòir de e, an [d]t-Sàbaid a ghabhail dheth. Ach e, chan eil e dìreach air a ghlèi- dìreach glean cho [d]làidir tha mi smaointeachadh a' seo [...] 's a tha e ann a' Leòdhas is na h-àiteachan sin.[977]

> […] bha cead againn a bhith cluich a-muigh, cha robh, **cha robh e em, a' [g]cumhachd aig an Eaglais Shaor cho làidir san eilean seo 's a bha e anns na h-eileanan eile agus, gu sònraichte Leòdhas, is na h-àiteachan sin**, tha fhios 'ad, cha robh e, cha robh e mar sin idir. Ach em..bha fhios agad gun e Là na Sàbaid Didòmhnai', gun e e, gun e latha eadar-dhealaichte a bh' ann [na an còrr] den t-seachdain. Bhiodh e duilich [gàire] sin fhaicinn an-diugh, tha fhios 'ad.[978]

Tha an dithis fhiosraichean a' dèanamh sgaradh eadar Sàbaid 'chruaidh' Leòdhais – agus buaidh na h-Eaglais Chlèirich – agus na bha a' tachairt ann an Ìle. An sin, bha an t-Sàbaid air a deagh ghlèidheadh gu cinnteach ach bha e air a mheas freagarrach obair dheatamach a dhèanamh, tadhal air càirdean agus cha robh cho coisrigte 's a bha an latha do dhaoine, can, a' cur stad air clann a bhith a' cluich. Ach dè cho riochdachail 's a tha an cunntas seo air Sàbaid Leòdhais agus eileanan eile? 'S dòcha gum biodh barrachd sùbailteachd agus iomadachd rim faicinn an sin fhèin a thaobh mar a bha daoine a' glèidheadh an latha. Thoir an aire gu bheil a' chiad fhiosraiche a' gluasad chun an tràth làthairich aig fìor dheireadh na h-earrainn. A bheil seo a' sealltainn oidhirp air creideamh 'reusanta' Ìle a dhìon seach creideamh 'neo-stuama' Leòdhais, san latha a tha ann?[979] Bhite an dùil ri

[974] TM6.
[975] = fogharachadh, harvesting
[976] = amalachd. A rèir Nèill MhicAilpein: **amalachd** seasonableness, timeousness, due time. Ach, Dwelly: **amaileach** impedimental, obstructive 7c., agus bhiodh seo a' dèanamh barrachd cèill an seo.
[977] TM4. Mo chuideam.
[978] TM11.
[979] Chithear gu bheil Leòdhas agus Ìle gu tric air an coimeas mar cheart-aghaidh a chèile ann an cànan cho math ri creideamh.

atharrachadh air mar a bhiodh an latha air a chumail le Ìlich air fad agus cha bu chòir dhuinn dìochuimhneachadh mu làthaireachd na h-Eaglais Chlèirich san eilean air cho beag 's a bha i. Anns na h-agallamhan eile, chithear gu bheil diofar bheachdan ann mun t-Sàbaid.

A' coimhead air na freagairtean còmhla chan eil e daonnan deimhinn dè bha freagarrach dèanamh air an latha agus dè bheireadh air nàbaidhean bruidhinn: chan eil na crìochan soilleir. Bha an fhianais uile gu lèir ag aontachadh gum b' urrainnear a bhith ri obair dheatamach:

> […] cha rachadh daoine a dh'iasgach no a leithid sin Didòmhn'. Cha rachadh. O agus dh'fheumadh a' fobharai'[980] bhith dona[981] mun cuireadh iad a-staigh a' coirce Didòmhnai' san èm sin. O dh'fheumadh.[982]

Ach 's dòcha gun robh mìneachaidhean eadar-dhealaichte ann air na bha 'deatamach'. Anns an ath earrann tha eisimpleir againn de thuathanaich a' tionndadh air falbh bhon t-seasamh seo, neo a' mìneachadh 'deatamas' as ùr, às dèidh mar a tha nòs a' chreideimh no na coimhearsnachd a' dol an aghaidh am beòshlaint:

> Ach tha, tha cuimhneam triop, bha mo mhèathair ag innse dhomh em, bha m' athair agus oncail m' athar […] bha iad a', dol a thoirt- bha iad dol a' chròdhadh, a' dol a thoirt a-staigh na h-adagan air Didòmhnai' chionn bha an [d]latha meath agus cha leigeadh mo mhèathair agus m' eantaidh dhaibh, cha robh meath dhaibh obair air Didòmhnai'. Agus thill e air Di[d]luain agus e sileadh uis[h]ge fad trì seachdainnean agus bha h-uile rud – bha bha e, dìreach bha e [d]lobh[983] man d' fhuair iad staigh e. Agus cha tuirt e- 'never again' bha e ag ràdh.[984]

Agus bha daoine ann – an seo, mu na 1950an agus 1960an – nach biodh a' leantainn a' chasg-obrach idir, deatamas ann no às, agus a choisinn droch cliù dhaibh fhèin air a sgàth:

> […] bha aon tuathanach, dìreach shìos a' rathad mòr a' seo, agus bhiodh esan ag obair air Didòmhnai': o, rud dorbh a tha sin ag obair Didòmhnai'.[985]

Chaidh a ràdh san dàrna earrann gun robh 'cead againn a bhith cluich a-muigh'[986] agus gun robh a leithid eu-coltach ri Leòdhas, ach tha eisimpleirean dhe seo ann an Ìle cuideachd. Tha aon fhiosraiche cinnteach às nach b' urrainn dhi cluich idir no a bhith ag èisteachd ris an rèidio:

> bhithinnsa ga chur air [...] mar a bha mi staigh leam fhèin. Agus an sin ga chur dheth clis. Ach e, cha robh sin ceadaichte agus bha sinn an *best* clothes fad Là na Sàbaid. Bha e ceadaichte dol a-mach airson cuairt beag ach that was it.[987]

Tha fiosraiche eile a' cuimhneachadh gun d' fhuair e trod airson 'feadailich'.[988] Dh'innis neach gun robh e na chleachdadh gum biodh coimhearsnaich a' cluich chairtean còmhla ann an taigh fear no tè aca: 'ach aig *meadhan-oidhche*, Disathairne, bha na cairtean [...] air an cur air folbh. Obair a' diabhal'.[989] Agus tha fighe a' nochdadh corra thuras mar rudeigin eile a dh'fheumte seachnadh, gu dearbh, bha leithid fighe na bu mhios na bhith a' dèanamh obair-taighe. Tha cuimhne aig aon tè gun do dh'fhaighnich i do a màthair carson a bha i a' cur a-mach aodach Là na Sàbaid agus fhreagair i, 'o a ghràidh chan eil, tha sin alright, ach […] cha bhi mi

[980] /fəvəri/, Dwelly: fogharaidh = fogharach, 2. harvest.
[981] /dɔʔna/
[982] TM5.
[983] /dlo:/
[984] TM8.
[985] TM8.
[986] TM11.
[987] TM2.
[988] TM1. Niall MacAilpein: **feadailich** = feadaireachd.
[989] TM6.

figheadh'.[990] Tha nigheadaireachd na h-eisimpleir an seo de dh'obair dheatamach fad 's gun e seòrsa obrach a tha ann am fighe nach canadh duine a bha deatamach. Uile gu lèir, tha e coltach gun robh èisteachd ris an rèidio, feadailich, cluich chairtean agus fighe air am meas ro fhaoin airson Là na Sàbaid. 'S e an fhìrinn gun robh an t-Sàbaid ann an Ìle – coltach ri gu leòr de dh'aiteachan dùthchail eile an Alba – ga cumail gu làidir agus gu h-ìre a dh'fhaodadh a bhith gu math cruaidh, mura robh i buileach cho cruaidh ris na h-eileanan a tuath. Bha seo a' gabhail a-steach riaghladh giùlan nan daoine, gu h-àraidh le a bhith a' cuingealachadh dibhearsan mì-fhreagarrach, a bharrachd air a bhith a' dèanamh cinnteach gum biodh fois ann agus gnothachasan dùinte. Bha seo, mar gum b' eadh, ag ath-dhaingneachadh *hegemony* a' chreideimh anns an eilean. Eu-coltach ri àiteachan eile, ge-tà, 's dòcha nach robh an aon uallach air daoine a bhith a' dol chun na h-eaglais fhèin – air neo, cha robh e leth cho buadhach.

Aon rud a bhuaileas ort mu fhianais nan agallamhan 's e gun robh i a' sealltainn mar a bha an t-Sàbaid mar as trice fhathast cudromach don fheadhainn nach biodh a' frithealadh sheirbheisean. Ann an cuid de shuidheachaidhean bha seo a' dearbhadh gun robh creideamh no nàdar de chreideamh ann às aonais na h-eaglais:

> bha an creideadh ann, chionn tha mòran rudan nach meandadh, chan fhaigheadh tu dhèanadh air Didòmhnai'[…] 's e dìreach an dòigh a bha iad air an [d]togail, cha bhi thu dèana' stuth Di[dòmhnai'] [..] **cha robh iad dol 'an eaglais. Ach bha an [g]creideadh ann**.[991]

Air an làimh eile, chan eil e soirbh tuigsinn dè dìreach a bha an creideadh seo a' ciallachadh. Dh'fhaighnich mi do thè mu bhràthair a h-athar, a bha air rabhadh a thoirt dhi gun a bhith a' fighe Là na Sàbaid:

> TM: Why was he so concerned? Was he, was he very religious himself?
>
> ES: **Not really, that they were religious it was just the way they were all brought up**. That was, Sunday.[992]

Chithear gu bheil àrach nan daoine a' nochdadh anns gach eisimpleir an seo agus chante gur e nòs cultarach is sòisealta a tha ann an glèidheadh na Sàbaid. Ach chan eil an dà earrann dhà-rìribh ag aontachadh mu chràbhachd: fad 's a tha a' chiad fhiosraiche ag aithneachadh creideadh mar phàirt dhen nòs chan eil an dàrna neach a' cur cus cuideim air. Do chuid, ge-tà, tha e coltach gun robh an t-Sàbaid air a gleidheadh air adhbharan saobh-chràbhach agus bha seo ceangailte ri iomadach nòs eile, agus tha aon fhiosraiche a' bruidhinn, mar eisimpleir, air gun a bhith a' losgadh cnàmhan caorach no a' seasamh air daolag dhubh.[993] Tha iad seo stèidhte air beatha Ìosa Chrìosd, ach 's dòcha gu bheil e a' sealltainn dreach sònraichte de Chrìostaidheachd phoballach gheasagach. Tha fios againn, cuideachd, nach fheumadh an eaglais a bhith mar phàirt dheth; tha an aon neach ag innse gun robh an seanmhair 'dorbh air rudan mar s[h]in, "o chan eil meath dhut siud a dhèana'', 's "chan eil meath dhut seo a dhèana'" ' ach cha bhiodh i a' dol chun na h-eaglais.[994] Ach bha an seòrsa feallsanachd seo ga meas annasach leis an fhiosraiche (a chaidh a togail sna 1950an) agus thathas a' faireachdainn gum b' àbhaist dhi a bhith bitheanta gu leòr am measg ghinealaichean a dh'fhalbh.[995]

---

[990] TM8; cuideachd, TM10.
[991] TM8.
[992] TM10.
[993] TM8.
[994] TM8.
[995] Tha fios againn cuideachd gun robh saoghal nan geasagan beò fallainn ann an Ìle gu, co-dhiù, toiseach na 20mh linn. Faic, mar eisimpleir, Francis Celoria, 'Notes on Lore and Customs in the District near Portnahaven, Rhinns of Islay, Argyll,

Anns a h-uile agallamh tha na fiosraichean ag ràdh gun robh an t-Sàbaid a' toirt buaidh air am beatha agus air a cumail ann an dòigh air choireigin fiù 's ged nach robh iad a' toirt diù do chreideamh, no a' dol chun na h-eaglais. Dh'fhaodadh gun robh treisead no farsaingeachd na Sàbaid a rèir an àite san robh iad: chunnacas fianais gu tur eadar-dhealaichte roimhe mu a bhith a' cluich Là na Sàbaid. Cha robh ceist ann gun robh cluich an dà chuid ceadaichte agus àbhaisteach do neach a bha air a thogail ann am Bogh Mòr (agus a rugadh ann an 1941), ach do neach eile a thogadh am Bun Othan (is 1945 bliadhna am breith), aig ceann eile an eilein, bha sìon ach cuairt bheag shocair toirmisgte.[996] Thathas an dùil gu bheil làthaireachd na h-Eaglais Shaoir ann an sgìre Phort na h-Abhainne, anns a bheil Bun Othan, a' mìneachadh an t-seasaimh dhiofaraichte, agus ged a bha am fiosraiche a' dol chun na h-Eaglais Stèidhte bha soisgeulachd fhathast a' toirt buaidh air a' choimhearsnachd san robh iad a' còmhnaidh.

5.4.3. Ùghdarras a' Mhinisteir agus na h-Eaglais

Leis nach robh frithealadh na h-eaglaise air a sparradh air daoine gu h-ìre mhòr – no gu soirbheachail - 's dòcha gun saoilte an uair sin nach biodh cus cumhachd aig a' mhinistear, gun robh an t-àite a bha aige air a chuingealachadh. Chan eil de dh'fhianais sna h-agallamhan mòran a ràdh mu dheidhinn na ceist-sa ach tha corra phìos fiosrachaidh a tha a' sealltainn, ann an dà-rìribh, gun robh ùghdarras gu leòr aig ministearan.

> Cha robh sa mhinistear ach s[d]laighdear[997] [a shaoilinnsa] san èm sin. Uell bha e faotainn a h-uile duin- bha pàirc aige 's tha fhios 'ad e, glebe, a theireadh ead ris agus..bhiodh a h-uile duine, bha eagalach airs[h]on deamhan bhiodh ead a' cuideachadh leis air […] **Bha tuillidh 's a chòir de ghrèim aig a' mhinistear air a h-uile rud, tha fhios 'ad, bha.[998]**

An seo, cha robh mi ach a' faighneachd mu bhith a' dol don eaglais ach bha am fiosraiche, a rugadh anns na 1920an, gu math deònach bruidhinn air a' mhinistear fhèin agus na bha aige de chumhachd a chàineadh. Cha robh an neach-sa a' dol don t-seirbheis 'doirbh tric' no idir agus tha e follaiseach gu bheil e a' dèanamh sgaradh eadar e fhèin agus an fheadhainn a bha cràbhach – 'eagalach airs[h]on deamhan' – agus, na bheachd, air am mealladh leis a' mhinistear. Bhon agallamh seo aithneachar gur dòcha gun robh smachd aige ann an diofar dhòighean. A rèir an fhiosraiche, bhiodh am ministear a' faighinn buannachd dhìreach às a bhith 'a' gabhail a' bhrath [air daoine]..airs[h]on [..] gàrraidhean [a dh'fhàs] is gnothaichean'.[999] Bha e a' faicinn na sàbaid mar phàirt eile de chumhachd a' mhinisteir agus cha robh e duilich gu bheil a glèidheadh air crìonadh. Bhite an dùil gum biodh e cuideachd a' bruidhinn an aghaidh rudan sòisealta is cultarach nach robh a' tighinn a rèir moraltachd na h-eaglais ach chan eil seo dhà-rìribh soilleir san fhianais agus, ma bha, tha e coltach nach robh am fiosraiche fhèin a' toirt mòran feart air co-dhiù: '[c]huireadh am ministear sìos a' rud a bha e tuigsinn e fhèin ann. Tha mi [smaointeachd] [*gàire*]'.[1000] Agus tha an neach dhen bheachd gun robh àm ann nuair a bha barrachd ga dhèanamh gus toirt air daoine seirbheisean a fhrithealadh: 'a d' fhaoidte treis rom, rom ùine-sa, o dh'fheumadh tu dol don eaglais'.[1001] Cuine a bha seo agus carson nach robh e fìor rè òige an fhiosraiche?

Scotland', *Folklore*, Vol. 76, No. 1 (Spring, 1965), pp. 39-47. Cleas àiteachan eile cha robh an eaglais air cur às don chreideadh seo.

[996] TM9; TM2.

[997] = slaightear.

[998] TM5.

[999] TM5.

[1000] Ibid.

[1001] Ibid.

Dh'fhaighnich mi do neach eile an robh ministearan a' gabhail gnothach ri cruinneachaidhean de dhaoine, cèilidhean is a leithid:

> To a certain extent yes, em, somethings were frowned upon, em, but as my father said many times to me, you know, eh, the attitudes changed dramatically em, during the war , 1939-45. **The tugging the forelocks stuff stopped**. [1002]

Lean am fiosraiche air ag ràdh gun e feumalachdan a' chogaidh a bu choireach dha seo agus na bha ann de dhaoine a thàinig a-steach don eilean airson obair san fheachd-adhair. Ma dh'fhaoidte gun do dh'fhiosraich muinntir an àite spiorad co-ionnannachail agus, fiù 's, cur mun cuairt na rangachd àbhaistich. Dh'adhbhraich an Dàrna Cogadh briseadh ann an nòsan, ma-thà, nach robh buileach fìor airson a' Chogaidh Mhòir: '[i]t was, in the First World War, the Ìleachs went off to the war, in 1939-45 the war came here'.[1003] Bha buaidh na beàrn seo cho mòr maireannach agus nach rachadh aig ministearan air an aon ìre de chumhachd a ghlèidheadh a-rithist, agus tha an co-dhùnadh-sa a' tighinn a rèir na fianais air crìonadh na sàbaid agus buaidh a' chreideimh san eilean. Chithear gun e cruth-atharrachadh a bha seo san eagrachadh shòisealta gu lèir, mar eisimpleir a' gabhail a-steach urracha mòra eile, leithid thidsearan-sgoile.

Sa chiad leth den 20mh linn, tha fiù 's iomradh air cuideigin a' fuireach air falbh bho eaglais sam bith air adhbharan prionnsabalach is poilitigeach. Dh' innis am fiosraiche '[m]y father', a bha ag obair na shaothraiche agus neach-obrach taigh-stàile am Bogh Mòr, 'had no time for organized religion at all, so that rubbed off on me' agus gun robh seo ceangailte ris a' phoileataigs Làbaraich a bha aige.[1004]

Bha buaidh aig a' mhinistear agus an eaglais orrasan nach robh cràbhach ann an dà dhòigh eile: b' àbhaist do mhinistearan a bhith a' tadhal air muinntir na sgìre ged nach biodh iad uair sam bith a' dol don t-seirbheis, agus gu sònraichte às dèidh an Dàrna Cogaidh bha àite cudromach aig sgoiltean-Shàbaid agus buidhnean-òigridh air an cur air dòigh leis an eaglais ann am beatha dhaoine òga san fharsaingeachd.

> Thigeadh e a' seo ged [a' robh] fhios aige gu meath nach robh duine sas bith as an taigh a'ainne dol don eaglais, thigeadh e co-dhiù. Agus, bha e daonnan a' faotainn fàilte meath agus gheobhadh e tì meath, agus, tha cuimhn' a'amsa, bu toigh leamsa a' suidhe ag èisteachd ris, 's e duine, uill 's e duine, inn[d]inneach, a bh' ann.[1005]

Tha am fiosraiche ag innse gun e rud bitheanta gu leòr a bha seo mu na 1950an, agus gu dearbh, tha iad fiù 's a' caoidh nach eil e fìor tuilleadh: 'chan eil ministear a' tighinn [..] a' rathad a-nis idir, cha bheantar iad. Tha e fiadhaich drol a' dòigh a thachair seo'.[1006] An àite a bhith a' faireachdainn gun robh am ministear a' sparradh creideamh orra, tha e air a mheas mar dhleastanas sòisealta, a' sealltainn cùram do mhuinntir an àite. Chan eil teagamh nach eil seo ceart ach, aig an dearbh àm, nach biodh e na amas aig deagh mhinistear sam bith cumail suas ri a leithid de dhaoine gus am brosnachadh moraltachd Chrìostaidh a leantainn, agus gus am biodh fios aca gun robh an eaglais ann dhaibh? Feumaidh 's nach robh a h-uile duine cho cofhurtail leis agus a dh'aindeoin deagh-rùin saoilidh mi gun robh ìre de dh'fhaireachas agus smachd coimhearsnachd nam pàirt dheth.

[1002] TM9.
[1003] TM9.
[1004] TM9.
[1005] TM6.
[1006] Ibid.

Bha buaidh iongantach aig an eaglais air òigridh le bhith a' cur air dòigh bhuidhnean agus chur-seachadan a bharrachd air a bhith a' toirt dhaibh an t-soisgeil sna sgoiltean-Shàbaid.

> the chap who was in charge of the Islay farmers, George Graham now deceased, started a Boys' Brigade company. [..] And of course Boys' Brigade is a church organization to all intents and purposes. So eh…church parades were organized…fairly frequently so Brownies and Guides and Speedwells and whatever else, all these uniformed -and the Boys' Brigade of course, all met down in the square at Bowmore and marched up Main Street to the church.[1007]

Gun teagamh, tha coltas air na comainn-òigridh seo mar shàr chothrom faighinn còmhla agus a bhith ri fealla-dhà am measg charaidean. Ged a bha creideamh agus ann an dòigh fiù 's poileataigs rim faicinn annta, 's dòcha nach bu chòir dhuinn a bhith a' dol ro fhada a' smaointinn orra mar nithean creideimh seach nithean sòisealta agus cultarach air an eagrachadh leis an eaglais. Gu tric, aig àm far nach robh an telebhisean ann agus cha robh teaghlaichean a' siubhal fada, bhiodh Ìlich òga gu math taingeil airson barrachd ri dhèanamh:

> [W]e joined anything. We were in the Girl- the Girls' Guildry, the Speedwells and the Rosebuds – they were all attached to the Church of Scotland. And my brother was in the Lifeboys [..][1008]

Bha pàirt shòisealta agus spòrsail aig na sgoiltean-Sàbaid fhèin: dh'innis dithis fhiosraichean gu sònraichte mu bhith a' dol air cuirmean-cnuic chun na tràghad còmhla rin sgoil-Shàbaid:

> [B]hiodh a' Sunday School a' dol gu Cill Chomain. Och…big day out!
>
> TM: An e ? [*gàire*]
>
> Fiosraiche: Ò 's e. Bha sinn cho *toil*ichte.
>
> TM: Dè bhiodh a' tachairt?
>
> Fiosraiche: Och [..] 's dìreach a' ruith a-suas na sand duines is picnic againn agus geamaichean is rudan mar sin. Just heaven on earth![1009]

Gu follaiseach, dhrùidh seo gu mòr air a' chloinn aig an àm. Chan eilear a' dìochuimhneachadh ge-tà gun e prìomh amas nan sgoiltean-Sàbaid an soisgeul ionnsachadh dhaibh agus bhiodh clann à teaghlaichean gun chreideamh ann cuideachd. Carson? Bhiodh corra adhbhar ann, agus 's cinnteach gun toireadh e fois do phàrantan a' chlann fhalamhachadh airson pàirt dhen deireadh-sheachdain. Ach a-rithist bha cuideachd uallach ga chur air pàrantan, mar a thuirt fiosraiche:

> The only time I went to church, we were made to go to, to begin with, we were made to go to the Sunday School. Now that was really as a result of people pressuring my mother. You know, 'you need to send them to Sunday School, they're missing it'.
>
> TM: Who'd be pressuring her?
>
> Fiosraiche: The session clerk, and the sessions clerk's wife and other members of the congregation […] It was all very subtle, of course, you know.[1010]

[1007] TM9.
[1008] TM3.
[1009] TM2; cuideachd, TM3.
[1010] TM9.

5.5. Gàidhlig agus an Eaglais

Mu dheireadh, bu mhath leam corra phuing a thogail mu chànan anns an eaglais. Gu h-inntinneach, thuirt dithis aig an robh Gàidhlig agus a bha a' dol chun na h-eaglais gu bitheanta gur ann tron Bheurla a bha seirbheisean airson na cuid a bu mhotha. Seo na dh'innis neach a rugadh ann an 1936:

> TM: Agus an e seirbheisean Gàidhlig a bh' anns an eag-
>
> Fiosraiche: Chan e, chan e, chan e. Cha robh duin- Uell, am Bun na h-Abhainn e bha precentor ann agus corr uair bhiodh, bhiodh e Gàidhlig aige, bheil fhios 'ad, seirbheis Ghàidhlig. Ach gu bitheanta 's e dìreach[d] Beurla a bh' ann.[1011]

Bha neach eile ann am Bun Othan, a rugadh ann an 1945, mì-chinnteach an toiseach, ach a' smaoineachadh gum b' ann am Beurla a bha na seirbheisean ann an sgìre Phort na h-Abhainne nuair a bha i òg. Aig an àm, b' ann às an Eilean Sgitheanach a bha am ministear, agus bhiodh an cànan aig cha mhòr a h-uile duine sa choithional.[1012]

Le bhith a' coimhead air tùsan Eaglais na h-Alba, 's ann a lorgar gun robh briseadh mòr cànanach anns an eaglais Ìlich às dèidh an Dàrna Cogaidh, nuair a chaidh seirbheisean Gàidhlig a gheàrradh gu h-ìre mhòr – a dh'aindeoin 's gun robh i aig a' mhòr-chuid de dh'Ìlich gu cunntas-sluaigh 1961. Bha seo dlùth-cheangailte ris na bha a' tachairt aig an ìre nàiseanta agus thug e droch bhuaidh air càradh a' chànain san eilean. Ann an aithisg 1948, chuir a' Chomataidh airson na Gàidhealtachd aig an eaglais an staing mhòr san robh i an cèill:

> [there is a] difficulty of finding permanent or temporary supply for the parishes and Mission Stations throughout the Gaelic areas. Especially is it difficult in view of the non-existence at present of Gaelic-speaking probationers and of Gaelic-speaking ministers willing to undertake a change in the Highlands, to fill the vacancies where a Gaelic ministry is essential or very desirable.[1013]

Bha 26 de sgìrean Gàidhealach Eaglais na h-Alba falamh aig an àm. Nam measg sin bha ceithir às na còig sgìrean Ìleach: Cill a Rubha, Cill Chomain, Cill Daltain agus Cill Mheinidh, a' fàgail Phort na h-Abhainne a-mhàin le ministear. Ann an Clèir Ìle is Dhiùra gu lèir bha ministear cuideachd a dhìth air Dìura.[1014] Carson a bha na h-uiread de sgìrean bàn ann an 1948? Bha grunn rudan a' tighinn còmhla; buaidh a' chogaidh, ach cuideachd pàtranan fad-ruitheach a thaobh lagachadh a' chànain, call sluaigh air a' Ghàidhealtachd, agus imrich chun na Galltachd.[1015]

[1011] TM7.

[1012] TM2. Bha Iain MacAnndra (*John Anderson*), às na Torran san Eilean Sgitheanach, na mhinistear aig Eaglais na h-Alba san sgìre bho 1937 gu 1956. An seo, tha mi an dùil gum biodh seirbheisean Gàidhlig aige, ach dh'fhaodadh nach robh an teaghlach an fhiosraiche gam frithealadh. Donald Farquhar MacLeod MacDonald, deas, *Fasti Ecclesiae Scoticanae*, Vol. X, 1955-1975 (Dùn Èideann: St Andrew Press, 1981), tdd. 236-7.

[1013] Highlands & Islands Committee, *Reports of the Church of Scotland* (1948), td. 232.

[1014] Ibid.

[1015] Bha na h-aon trioblaidean rim faicinn air a' Ghàidhealtachd bho thoiseach an 20mh linn, agus an dèanamh na bu mhiosa rè a' Chogaidh Mhòir. Mar eisimpleir, dh'innis a' Chomataidh airson nan Gàidhealtachd aig Eaglais na h-Alba ann an 1917:

> Before the War there was an increasing scarcity of Gaelic-speaking aspirants for the ministry, and important stations which used to be supplied by licentiates were served by lay agents. But the War has suddenly revealed the weakness of the position in a remarkable manner, and has created new and far-reaching conditions which seriously affect the efficiency of the Church in the immediate future.
>
> (Highlands & Islands Committee, *Reports of the Church of Scotland* (1917), tdd 769-770).

Mar a thachradh nas anmoiche, às dèidh an Dàrna Cogaidh, dh'atharraicheadh inbhe-chànain cuid de sgìrean – no chaidh ìmpidh a chur orra atharrachadh – airson cùisean a dhèanamh na b' fhasa. Chaidh aithris ann an 1918:

> In the Gaelic-speaking area the problem of providing ordinances of religion for a bilingual population has in several instances been overcome locally, where better arrangements could not be made, by dispensing with the Gaelic qualification in all cases, with the concurrence of the congregation of the vacant parish.

Ann an oidhirp fuasgladh fhaighinn air a' chùis, bha a' Chomataidh air litir a chur gu a h-uile Clèir air a' Ghàidhealtachd anmoch ann an 1947 , a' faighneachd dhaibh a bhith ag ath-sgrùdadh na h-inbhe-chànain anns na sgìrean aca. An robh Gàidhlig deatamach no ion-mhiannaichte (*desirable*)?[1016] B' e an toradh ann an Clèir Ìle agus Dhiùra gun do dh'atharraich a h-uile sgìre bho inbhe 'dheatamach' mar a bha aca riamh, gu inbhe 'ion-mhiannaichte' – ach airson Phort na h-Abhainne agus Dhiùra.[1017] Thathas an dùil nach do dh'atharraich Port na h-Abhainne leis gun robh ministear Sgitheanach, Iain MacAnndra, aca co-dhiù (gu 1956).[1018] Ach, tha e inntinneach gun do sheas na Diùraich airson inbhe 'dheatamach' ged a bhiodh aca ri feitheamh dà bhliadhna ri ministear leis a' chànan – Dòmhnall Budge, a thàinig an 1949.[1019] Dh'fhaodadh gu bheil seo a' dearbhadh gun robh an cànan air a mheas gu sònraichte cudromach dhaibh anns an eaglais agus sa choimhearsnachd.

Ann an 1949, bha a' Chomataidh gam moladh fhèin airson ministearan fhastadh don a h-uile sgìre Ìleach:

> The problem of providing ministers for the Gaelic areas has not lessened in the last year. Yet one rather wonderful thing has happened. A year ago, the Presbytery of Islay [and Jura] had five of its seven parishes vacant, and at one time was in grave danger of lapsing. To-day all the parishes of this Presbytery are filled and filled without creating a vacancy in any "Gaelic-essential" parish. For this result credit must be given to the policy of the [Highlands and Islands] Committee.[1020]

Ach airson Gàidhlig agus a cultar 's e fuasgladh gu tur breugach a bha seo. Anns an fhad-ùine, b' ann a chuireadh an co-dhùnadh seo an eaglais uile air stèidh Bheurla. Thàinig orra dithis Ghàidheal a lorg airson Chill Mheinidh, Eòin MacIllEathain à Muile, agus do Chill a Rubha, Murchadh MacRath às a' Chaol. Ach chan eil e coltach gun robh an dithis eile air chomas searmonachadh sa chànan: Adam Ronald Rentoil Torrie à Béal Feirste, a chaidh gu Cill Chomain, agus James Lyle MacLeod à Grianaig, a bha ann an Cill Daltain.[1021] Mean air mhean, ghabh ministearan gun eòlas air a' chànan thairis air sgìrean far am b' àbhaist dhi a bhith aig cridhe an adhraidh. Thàinig am ministear Gallta George Wilson Charlton à Magh-linn (*Mauchline*) gu Cill Mheinidh an 1953, agus bha Port na h-Abhainne air a ceangal ri Cill Chomain an 1958, a dh'fhaodadh a bhith a' ciallachadh gun robh briseadh cànanach ann.[1022] Bho faisg air toiseach nan 1960an, chan eilear an dùil gun robh ministear ann an Ìle leis a' chànan.[1023] Gu dearbh, thuirt Gilbert Mac a' Chlèirich ann an 1969, 'Islay once used to be famous for its ministers: now there isn't one who is a Gaelic speaker. Strange when you realise that the island has done as much for Gaelic as anywhere else in the Highlands.'[1024]

(Ibid. (1918), td. 806).

[1016] 'Committe of the Highlands & Islands', *Reports*, td. 232. Tha na diofar inbhean-cànain air am mìneachadh leotha: 'A Gaelic-essential charge is one where a regular and frequent service in Gaelic is in being and is required. A Gaelic-desirable charge is one where such a service is not in being nor required, but where a fair proportion of parishioners is Gaelic-speaking, and where it would be advantageous for the minister in the course of pastoral duty to be able to speak Gaelic'. Highlands & Islands Committee, *Reports* (1948), td. 233. Ach leis gun robh fior ghainnead de mhinistearan Gàidhlig, bhiodh deagh theans gum faigheadh sgìrean le inbhe 'desirable' ministear gun Ghàidhlig.

[1017] Ibid., td. 241.

[1018] MacLeod MacDonald, deas, *Fasti Ecclesiae Scoticanae*, tdd. 236-7.

[1019] Ibid.

[1020] 'Committe of the Highlands & Islands', *Reports of the Church of Scotland* (1949), td. 229.

[1021] John Alexander Lamb, deas, *Fasti Ecclesiae Scoticanae*, Vol IX: 1929-1954 (Dùn Èideann: Oliver & Boyd, 1961), tdd. 395-397. Tha an co-dhùnadh seo stèidhichte air tuairmse reusanta le bhith a' coimhead air àiteachan-breith agus fiosrachadh beatha nam ministearan.

[1022] Tha mì-chinnt ann, ach tha amharas orm nach biodh Gàidhlig aig Archibald Lamont, ministear Chill Chomain eadar 1952 is 1961. Rugadh e ann an Coventry ach fhuair e foghlam ann an Àrd-sgoil an Òbain. MacLeod MacDonald, deas, *Fasti*, tdd 236-7.

[1023] Ibid.

[1024] Ann an Campbell R. Steven, 'Memories of the Mod', *Scottish Field* (October 1969).

Nuair a choimheadar air na bha a' tachairt taobh a-staigh nan sgìrean fhèin, tha taobh eile den sgeulachd ri innse. Gu mì-fhortanach, cha robh tuairisg (*minutes*) an t-seisein-eaglais anns gach sgìre Ìleach slàn. Cha d' fhuaireadh lorg air tuairisg Chill Chomain idir, agus sguir an tè aig Cill Daltain ann an 1935. Leis na tha againn de na tùsan feumail seo, 's ann a tha sinn a' lorg gun robh Gàidhlig a' lagachadh anns na coithionalan treis mhath fiù 's *mus deach* an inbhe-chànain atharrachadh.

Nuair a thàinig na coithionalan còmhla aig Eaglais na h-Alba agus an Eaglais Shaor Aonaichte ann an Cill Daltain ann an 1932, bha dithis mhinistearan san sgìre agus rèitich an seisean dè na dleastanasan a bhiodh aca, agus cuine a bhiodh iad a' searmonachadh. Chaidh an co-dhùnadh a dhèanamh:'Gaelic services should be held once a month alternately in the Port Ellen Churches, and once a fortnight at Lagavulin'[1025]. Bha seo air a leasachadh a' bhliadhna às dèidh sin nuair a dh'innseadh gum biodh seirbheis Ghàidhlig a bharrachd ga toirt seachad gach mìos ann an Lag a' Mhuillin, an àite tè Bheurla.[1026] Bha comannachadh an-còmhnaidh anns an dà chànan, ach uaireannan bhiodh seirbheis shònraichte, leithid aig àm na Càisge, ann am Beurla a-mhàin.[1027] Mar sin dheth, bha Gàidhlig stèidhte agus bitheanta ann an obair na h-eaglais, bhiodh daoine an dùil rithe agus a' cur luach oirre ach, san fharsaingeachd, ach cha robh i cho cudromach 's a bha a' Bheurla ann an Cill Daltain anns na bliadhnaichean eadar na cogaidhean.

Ann an sgìre Chill a Rubha, stèidhichte ann am Bogh Mòr, chan eil e soilleir dè cho tric 's a bha seirbheisean Gàidhlig. Bha salmair (*precentor*) sa chànan pàighte aca, Iain MacGillÌosa, ann an 1939 ach san aon bhliadhna bha clèireach an t-seisean a' tairgse gum biodh uairean nan seirbheisean ag atharrachadh agus tè Ghàidhlig ann dìreach uair sa mhìos.[1028] A-rithist, bha comannachaidhean daonnan air an toirt seachad gu dà-chànanach, ach ann an 1953 bha duilgheadas aca ministear fhaotainn a bhiodh comasach air sin a dhèanamh.[1029]

Gheibhear an fhianais as fheàrr ann an Cill Mheinidh. Ann an Sultain 1934, bha e sgrìobhte, '[t]he meeting discussed the question of the poor attendance at the Gaelic services each Sunday, and the minister was advised to give up the Gaelic service during the winter months'.[1030] B' e sin a rinn iad, agus tha an t-iomradh seo a' faighinn gu cnag na cùise: cha robh gu leòr de dhaoine a' frithealadh sheirbheisean sa chànan. Cha robh iarrtas mòr orra, agus grunn bhliadhnaichean ron chogadh. Chan urrainnear an cogadh a choireachadh a-mhàin, no fiù 's gainnead de mhinistearan Gàidhlig airson mùthadh a bha ann mar-thà. Ann an 1935, bha iad a' dol a chumail solarachadh Beurla a-mhàin sa gheamhradh a-rithist, ach, 'the moderator [An t-Urr Aonghas MacDhonnchaidh] expressed doubt as to the advisability of such a course being repeated, and begged leave to continue the Gaelic service for at least the present winter'.[1031] Mar sin, bha am ministear a' dìon a' chànain, no co-dhiù a chuid feumalachd, 's dòcha air sgàth 's gun robh e fhathast gu math làidir anns a' choimhearsnachd. A dh'aindeoin sin, an ceann ceithir bliadhna bha aig na h-oifigich ri aideachadh, 'in view of the fact that the attendance of [Gaelic services] is so small the session decided that they should be held on every alternate Sunday only'.[1032] Bha traidisean Gàidhealach na h-eaglais a' sìoladh às, ach carson? Gun teagamh, tha e a' comharrachadh fàs anns an t-sluagh gun Ghàidhlig agus aig aon àm lùghdachadh anns an àireamh de Ghàidheil. Ach, leis gun robh

[1025] Tasglann Nàiseanta na h-Alba [TNA]: CH2/611/5/309 (5 Dàmhair 1932).
[1026] TNA: CH2/611/5/315 (11 Faoilleach 1933).
[1027] TNA: CH2/611/5/309 (5 Dàmhair 1932).
[1028] TNA: CH2/1281/4 (5 Cèitean 1939); Ibid., (8 Sultain 1939).
[1029] Ibid., 9 Giblean 1953.
[1030] TNA: CH2/1282/3, 24 Sultain 1934.
[1031] Ibid., 21 Samhain 1935.
[1032] Ibid., 30 Cèitean 1939.

Gàidhlig aig a' mhòr-chuid anns na 1930an, 1940an agus 1950an chan eil seo a' mìneachadh na cùise. Nas cudromaiche buileach airson am pròiseas a thuigsinn, 's e an càradh duilich aig an eaglais fhèin, agus gun robh Gàidheil a' dol gu seirbheisean Beurla an àite na feadhainn Ghàidhlig.

Car mun aon àm 's a bha iad a' gearan mu àireamhan suarach aig an t-searmonachadh Ghàidhlig, bha seisean Chill Mheinidh fo iomagain mu fhrithealadh san fharsaingeachd. Mar a chunnacas ann an Earrann 5.3.4, ann an 1934, bha draghan air an togail mu bhuill nach biodh a' tighinn gu seirbheisean, agus chaidh seo a thogail a-rithist san Fhaoilleach agus sa Mhàrt 1936.[1033] Bha duilgheadasan aig an Eaglais daoine gu leòr a thàladh fiù 's ron Dàrna Cogadh, agus bha cuideam ga shìor chur air seirbheisean Beurla nach cuireadh cnap-starra cànanach san rathad. Leis gun cruinnicheadh Goill agus Gàidheil le chèile ann an coithionalan Beurla bhiodh na h-àireamhan an sin na b' fhallainne agus bhiodh Crìostaidhean na bu mheasail orra seach an fheadhainn ann an Gàidhlig.

Tha fianais Chill Mheinidh a' sealltainn dhuinn gun robh cultar neo-shoisgeulach a' chreideimh san eilean agus lagachadh anns an eaglais 's dòcha nas cudromaiche airson call nan seirbheisean Gàidhlig a mhìneachadh na crìonadh sa chànan fhèin. Às dèidh a' chogaidh, ann an 1946, chan eil fhios againn dè cho tric 's a bha Gàidhlig ga tabhann ach bhathas fhathast airson 's gum biodh am ministear ùr fileanta: 'although the Gaelic congregation had been reduced to a very few it was thought advisable that the minister should be able to speak the language for the sake of the old people whom he would require to visit'.[1034] Fhuair iad cuidhteas an riatanas sin an ath bhliadhna oir cha robh iad an dùil gum faigheadh iad ministear idir.[1035] Taobh a-staigh fichead bliadhna, ghluais Cill Mheinidh bho bhith a' solarachadh na Gàidhlig a cheart cho tric ris a' Bheurla gu bhith às aonais a' chànain ann an 1953.

Bha gu leòr ann an cumantas eadar cunntasan Chill Mheinidh, Chill a Rubha (a bha 's dòcha na bu Ghallta) agus na tha againn bho Chill Daltain a thaobh a' ghluasaid gu Beurla san eaglais. Ann am Port na h-Abhainne, ge-tà, chan eil sìon ann mu a bhith a' lùghdachadh sheirbheisean ann an Gàidhlig mus deach an sgìre a cheangal ri Cill Chomain mu 1958.[1036] Bha an comannachadh an-còmhnaidh anns an dà chànan gu 1955, agus anns na 1930an b' àbhaist don mhinistear seirbheis shònraichte a dhèanamh air Là an Traisg ann an Gàidhlig a-mhàin Diardaoin ron chomannachadh.[1037] Bhite an dùil gum biodh cùisean na b' fheàrr don chànan an sin agus don chreideamh cuideachd. Chan urrainnear a ràdh le cinnt an do lean Port na h-Abhainne eisimpleir nan sgìrean eile a bhith a' cur cùl ris a' Ghàidhlig, ach chan eil iomradh ann gun do lean.

A rèir neach a bha a' sgrìobhadh ann an 1954 anns na *Duilleagan Gàidhlig* aig iris Eaglais na h-Alba, *Life & Work*, bha cuid de Ghàidheil agus de choithionalan Gàidhealach a' taghadh a bhith a' cur cùl ri seirbheisean Gàidhlig air sgàth fasan, agus gun robh iad a' toirt barrachd inbhe don Bheurla:

> An dràsda is a rithist, cluinnear coimhthional a bha roimhe seo 'na choimhthional Gàidhlig, ag iarraidh cead ministear ùr a thaghadh aig nach bi a' Ghàidhlig, agus mar aobhar d'an iarrtas their iad, "Tuigidh sinn uile a' Bheurla; chan 'eil againn ach beagan aig a bheil ùidh anns a' Ghàidhlig; agus tha na ministearan Gàidhlig cho gann." Tha aobhar eile aca, ged nach cuir iad sìos air paipear e. Is e sin gun bheil feadhainn an dùil, ma gheibh iad ministear Gallda, gun dean e an gnothach dhaibh na's fheàrr na

[1033] TNA: CH2/1282/3 (27 Giblean 1934); Ibid., (29 Faoilleach 1936); Ibid., (18 Màrt 1936).
[1034] TNA: CH2/1282/3 (10 Màrt 1946).
[1035] Ibid. (20 Faoilleach 1947).
[1036] MacLeod MacDonald, deas, *Fasti Ecclesiae Scoticanae*, tdd. 236-7.
[1037] TNA: CH2/1525/1 (24 Màrt 1955); ibid. (28 Samhain 1932).

> dheanadh ministear Gàidhlig. 'S dòcha gun dean, ach, ma nì, chan ann a chionn is gu bheil e Gallda.[1038]

Dh'fhaodadh gun robh seo fior cuideachd mu na coithionalan Ìleach eadar na cogaidhean, ach chan eil e a' mìneachadh nan duilgheadasan a bha aig eaglaisean luchd-frithealaidh gu leòr a thàladh sa chiad dhol a-mach. A thuilleadh air sin, bhiomaid an dùil gum biodh àiteachan Gàidhealach anns an robh traidisean soisgeulachd làidir airson a' cur cuideam air Gàidhlig ann an adhradh, seinn nan salm agus leughadh a' Bhìobaill. Thug sgrìobhadair nan Duilleagan Gàidhlig rabhadh seachd: 'An uair a thig crìoch air a' Ghàidhlig mar mheadhon aoraidh, am follais agus an uaigneas, tha i marbh, agus chan 'eil ann an òrain is òraidean Gàidhlig ach tannasg fann nì a bha ann'.[1039] 'S e aibheiseachadh a tha seo, gun teagamh, ach bha an eaglais agus creideamh san fharsaingeachd air a bhith cudromach gus taic a chur ri cànan is cultar san eilean. Cha d' fhuair Gilbert Mac a' Chlèirich ach Beurla anns an sgoil, agus anns an sgoil-Shàbaid, ach dh'ionnsaich a mhàthair dha leughadh is sgrìobhadh Gàidhlig a' cleachdadh a' Bhìobaill.[1040] Agus, ann an agallamh chomharraich Calum MacMhuirich (*Currie*) à Bogh Mòr gun robh daoine san Obha na bu chràbhaidh, agus a' gleidheadh na Sàbaid gu h-ìre na bu mhotha – bha a theaghlach an sin cuideachd litearra ann an Gàidhlig air sgàth an creideimh.[1041]

5.6. Co-dhùnadh

Airson feuchainn ri ciall a dhèanamh den àite a bha aig creideamh ann an Ìle bho na 1890an thathas air feum a dhèanamh de dhiofar sheòrsaichean de dh'fhianais. Anns an t-suirbhidh a rinn Eaglais na h-Alba ann an 1897-98 air cor na h-eaglais air a' Ghàidhealtachd bha Clèir Ìle a' seasamh a-mach airson a bhith cuimseach lag air sgàth 'mì-shuim' fhollaiseach ann an cuid de na sgìrean, a' ciallachadh nach robh mòran daoine a' frithealadh na h-eaglaise gu tric, agus bha cuideachd rabhaidhean moralta ann mu mhì-stuamachd agus dìolanas. Fiù 's taobh a-staigh Earra-Ghàidheal, bha an dealbh de dh'Ìle am measg nan cunntasan a b' eu-dòchasaiche. Ach bha an t-eadar-dhealachadh dhà-rìribh mòr an taca ri clèirean ann an ceann a tuath na Gàidhealtachd. Choimheadadh an uair sin air staitistig nan diofar bhuidhnean-eaglais bho ìre na Gàidhealtachd gu ìre nan sgìrean Ìleach ann an oidhirp neart na soisgeulachd a thuigsinn anns gach àite. Tha a leithid de staitistig toinnte agus bu chòir dhuinn a bhith faiceallach mu mar a chleachdar iad. Thathas dhen bheachd bho na toraidhean nach d' fhuair an Eaglais Shaor, a bha gu sònraichte a' riochdachadh soisgeulachd, ceannas air Earra-Ghàidheal às dèidh 1843, ach gun do ghlèidh an Eaglais Stèidhte mòr-chuid. Tha seo eadar-dhealaichte ris a' chòrr den Ghàidhealtachd. Ann an Ìle, bha grèim na h-Eaglais Shaoir fiù 's na bu laige aig deireadh an 19mh linn. An dèidh sin, lorgadh mion-thraidisean cudromach de shoisgeulachd anns an eilean air fad. Bha an Eaglais Shaor ri lorg air feadh Ìle san dàrna leth den 19mh linn, ach gu seachd àraid ann an sgìre Phort na h-Abhainne, far am b' i an eaglais a bu chudromaiche. Bha deagh làthaireachd aig an Eaglais Shaoir Aonaichte às dèidh 1900, ach ghabh na coithionalan sin ri aonadh le Eaglais na h-Alba ann an 1929. Bha soisgeulachd làidir gu leòr ann am Port na h-Abhainne agus gun do dh'fhuirich muinntir an àite anns an Eaglais Shaoir (Leantainnich) tro 1900 agus gu nas anmoiche san 20mh linn. 'S e puing chudromach a tha seo a thaobh cultair ann an Ìle, agus a-rithist a' comharrachadh gun robh Port na h-Abhainne àraid. Agus 's e sàr riochdairean de shoisgeulachd a tha anns na

[1038] [Gun ùghdar*], 'Anns a' Chathair', *Duilleagan Gàidhlig* [ann an *Life & Work*], Àireamh I (1954), 7-8. *Tha mi an dùil gum b' e Tòmas MacCalmain a bha seo.
[1039] Ibid.
[1040] SA1982.236.
[1041] SA1970.60.A1.

Baistich, ann am Bogh Mòr agus Port Ilein, agus bha iad san eilean bho thoiseach an 19mh linn chun an latha an-diugh.

Bha ceannas Eaglais na h-Alba ann an Ìle tron 19mh linn agus san 20mh linn a' ciallachadh nach do sgaoileadh soisgeulachd gu h-ìre mhòr am measg an t-sluaigh. Cha robh an neart aig an eaglais agus creideamh 'oifigeil' 's a bha ann an ceàrnaidhean eile. Bhiodh ministearan a' gearan mun chion ùidh a bha aig daoine, agus nach tigeadh iad gu tric gu seirbheisean, tron chiad leth den 20mh linn. Air an làimh eile, chan eil seo ri ràdh nach robh Crìostaidheachd Phròstanach ann am beatha nan daoine: bha i anns na sgoiltean, agus rachadh clann do na sgoiltean-sàbaid. Ann an caibideilean eile, chunnacas nach robh na h-uiread de laoidhean is eile air an clàradh sa bheul-aithris, ach bha creideamh a' nochdadh ann an grunn dòighean coimeasgaichte ri saobh-chràbhadh ann an cruinneachadh Elizabeth Kerr agus cruinneachadh Sgoil-Eòlais na h-Alba – rud a bha cuideachd air a dhaingneachadh le fianais nan agallamhan. Tha cuideachd corra naidheachd ann an clàraidhean-fuaim an 20mh linn anns a bheil creideamh ri fhaicinn: m.e. a' fanaid air ministearan, no a' magadh – gu dà-sheaghach – air aineolas creideimh. Bha gleidheadh Là na Sàbaid cudromach ann am fianais nan agallamhan, fiù 's am measg na feadhainn nach biodh a' dol don eaglais idir. Ach, bhiodh cuid de roinnean leithid Phort na h-Abhainne, agus na h-Obha, 's dòcha ga ghleidheadh na bu chruaidhe na, mar eisimpleir, Bogh Mòr. Tha cuideachd eisimpleirean a' dol an aghaidh seo: m.e., ann an Caibideil 4, chunnacas gum biodh daoine a' coinneachadh airson cath-choileach Didòmhnaich na bu tràithe san 19mh linn, agus dh'innseadh gum biodh iasgairean uaireannan a' sealg eòin-mhara air an t-Sàbaid, anns an 20mh linn.[1042]

Thathas buailteach smaointinn air an eaglais mar aon de na tèarmainn mu dheireadh a tha aig a' Ghàidhlig ach, an seo, a dh'aindeoin 's gun do mhair i cuimseach làidir ann an Ìle gu deireadh nan 1960an tha e coltach nach robh a' Ghàidhlig a cheart cho cudromach san eaglais fhèin. Chaidh inbhean-cànain sgìrean Eaglais na h-Alba a lagachadh ann an 1948, air sgàth dhuilgheadasan ministearan a lorg, a dh'fhàg gum biodh ministearan ann gun Ghàidhlig anns a h-uile sgìre sna 1960an. Fiù 's ron Dàrna Cogadh, bha seirbheisean Gàidhlig ann an èiginn leis nach robh daoine gu leòr a' frithealadh na h-eaglaise agus bha barrachd fèill air seirbheisean Beurla. Dh'fhaodadh gun robh fasanan mar phàirt de na h-adhbharan, ach thathas air argamaid gun robh dìth soisgeulachd a' ciallachadh nach robh an aon suim ga cur ann an Gàidhlig na h-eaglaise. Bhiodh buaidh aig seo air a' chòrr den chultar, a thaobh litearrachd agus fiù 's rèimean-cainnte (*language registers*).

[1042] Mar a thuirt Seumas MacPhàrlain rium ann an còmhradh nach deach a chlàradh.

Caibideil a Sia: Co-dhùnaidhean

Ann an *Gairm*, ann an 1959, sgrìobh Mairead NicAsgaill à Leòdhas, ach a bha a' còmhnaidh ann an Ìle, beachdan gu math geur mu Ìle.[1043] Aig an àm sin, dh'innis i gun robh an t-eilean ann an làmhan uachdaran mòra leithid a' Mhàidseir Mhoireasdain, agus 'a' chuid as motha de na tacaichean cha bhuin do dh'Ìlich fhéin. Ma bhitheas an t-Ìleach freasdalach, agus beagan airgid aige, is math a dh' fhaoidte gum faigh e taca air mhàl bhuapa-san'. Bha taigheadas anns na h-oighreachdan gu tric air fhàgail falamh, a' toirt air 'deagh dhuine eòlach à Port Sgiobaidh' a ràdh: "Tha na Gaidheil an diugh air am fuadach amach as Ìle, a cheart cho cinnteach 's a bha iad san linn a dh'fhalbh – ach chan ann le caoraich – ach le dìth suim nan Sasunnach'. Bha muinntir an eilein a' fuireach an am 'beag bhailtean air an càradh air fuidheall thuathanasan', fad 's a bha talamh 'anns an do thuinich bailtean chroitearan a dh' fhàg 'nan imrich, an carragh-cuimhne: tobhtaichean fuara falamh a' fàs nas maoile le feur, agus làrach na spaide is na casa-croma an sliabh an aonaich'. Bha iarrtas mòr aig daoine, gu sònraichte fir òga, air grèim air choireigin air an fhearann, mar chroit no 'tac fhaotainn dhaibh fhéin'. Bha na taighean-stàile 'airgeadach' ach a' tàladh mhanaidsearan agus luchd-obrach gallta.[1044] Bha grunn math choigreach air tighinn a-steach às dèidh an Dàrna Cogaidh – cuid a bha a' cur ris a' choimhearsnachd, ach barrachd a 'tha de'n bheachd gur iadsan clann taghta Israeil, a' tighinn asteach a thàmh am measg fhine aineolach buirb', agus aig nach robh diù do chànan is dòigh-beatha nan Ìleach.[1045] Tha i a' bruidhinn air Port na h-Abhainne mar am baile 'as Gaidhealaiche, 's ged is ann ann tha barrachd Gàidhlig na ann an àite eile, chìthear spiorad na h-eudòchais a' caogadh amach troimh leòsan thighean geala 's buidhe 's gorma a tha fàs, falamh fad na bliadhna gus an tig na coigrich a thàmh annta greis san t-samhradh'.[1046] Cha robh i a' smaointinn gun robh cor na Gàidhlig san eilean – agus seo ann an 1959 – 'glé fhallain'. Chluinnte deagh Ghàidhlig air an t-sràid ach bha daoine fo chòig bliadhna fichead na bu bhuailtiche bruidhinn ann am Beurla.[1047] '[A]braidh na ceannardan-teaghlaich nach robh ach a' Ghàidhlig aig a' chloinn acasan, agus gur ann bhon chaidh iad do 'n sgoil a chaill iad i'. Leis gun robh fir a' pòsadh bhoireannach à tìr-mòr bha an cuid chloinne gun an cànan. Agus thug i slaic air cho èasgaidh 's a bha an Comunn Gàidhealach Beurla a ghabhail a-steach nan cuirmean. Chrìochnaich i an t-alt aice:

> Tha na h-Ìlich air daoine cho gasda 's a luthaigeadh tu coinneachadh: coibhneil, gasda agus clis gu gàire. Tha seanfhacal ann a tha ag ràdh: "Bheat am Muileach an t-Ìleach, ach bheat an t-Ìleach an Deamhain". 'S e 'n deamhain a tha mise 'g ùrnaigh gum beat iad a rithis An Coigreach aineolach uaibhreach 's a' Bheurla bhuadhach![1048]

Cò aige a tha fios nach e Gilbert Mac a' Chlèirich a bha anns an 'deagh dhuine eòlach à Port Sgiobaidh'? Bha stuth làidir aige fhèin ri ràdh ann an 1982[1049]: 'You could say systematic depopulation [has been] going on all

[1043] Mairead NicAsgaill, 'Ìle: "An t-Eilean Crom"', *Gairm* 28 (Samhradh 1959), 305-312.
[1044] Ibid., td. 306.
[1045] Ibid., td. 308.
[1046] Ibid., td. 309.
[1047] Ibid., td. 310.
[1048] Ibid.
[1049] SA1982.236: agus airson a' chòrr dhen earrainn.

the time. [...] It's still going on today. That has been the policy for the last 150 years'. B' iad Caimbeulaich Shawfield a thòisich am pròiseas le fuadaichean agus briseadh bhailtean-'croitearachd' eadar 1820 agus 1840 – 'That was twenty years that was crucial to the island clearances'. Thàinig uachdarain ùra a-steach a bha coma mun Ghàidhlig às dèidh 1847, agus mean air mhean ghabh tuathanaich ghallta thairis air fearann anns am b' àbhaist grunn teaghlaichean a bhith a' fuireach. '[O]ur culture, and our language has been put down since this time [...] And the Education Act of 1872 was the crowning point in the destruction of our culture, when people were forbidden from 1872 to the Education Act of 1918 – nearly two generations you could say – of neglect and suppression'. Na òige fhèin, cha robh sìon ach Gàidhlig ann am Port Sgioba aig an taigh, agus am measg charaidean, ged a b'e Beurla a-mhàin a bha anns an sgoil, agus 'the schoolmaster had no interest whatsoever' ann an eachdraidh ionadail. A' cur taic ris na thuirt NicAsgaill, bha e den bheachd gum b' ann san Dàrna Cogadh[1050] a dh'atharraich cùisean: 'that finished it off with all the workmen started coming from the mainland. That's when the decline in Gaelic started'.

Tha an tràchdas seo air eachdraidh chultarach Ìle a sgrùdadh gu sònraichte eadar 1890 agus na 1960an, ged a chaidh sinn air ais cuideachd cho fada ri 1859 gus coimhead air a' chiad iomairt-chruinneachaidh aig Iain Òg Ìle agus Eachann MacGillEathain. Air an aon dòigh agus a tha Gàidhlig Ìle aithnichte mar dhualchainnt àraid, chan ann a-mhàin le a faclan agus a h-abairtean fhèin, ach le ruitheam agus faireachdainn eadar-dhealaichte, b' ann a bhathas airson a bhith a' tuigsinn gu dè a bha àraid mu chultar Gàidhlig Ìle agus a leantainn tro eachdraidh. Bheirear geàrr-chunntas sgiobalta an seo air cuid de na toraidhean a fhuaireadh bho gach caibideil. Bithear an uair sin a' feuchainn ri ceanglaichean a dhèanamh eadar na caibideilean, agus argamaid a dhèanamh a tha a' ceangal ri cuid de na ceistean mu chultar a chaidh a thogail anns an Fhacal-thoisich.

Geàrr-chunntas nan caibideilean

Bha Caibideil a h-Aon a-mach air an iomairt ainmeil a bha aig Iain Òg Ìle (Iain Francis Caimbeul) airson uirsgeulan is seann sgeulachdan-gaisge air a' Ghàidhealtachd an Iar a thrusadh agus fhoillseachadh. B' ann a bhathas a' coimhead air na *Popular Tales of the West Highlands* (1859-1862), mar a bha air an toradh, bho shealladh Ìleach fhèin. Fhuair sinn a-mach mu obair a' chruinneachaidh agus na prìomh chruinnichean a bha air am fastadh leis a' Chaimbeulach. Dhiubh sin, b' e Ìleach eile, Eachann MacGillEathain à Baile a' Ghràna, a bu chudromaiche chan ann a-mhàin anns an eilean ach anns an fharsaingeachd airson na bha ann de sgeulachdan a chruinnich e anns an iomairt agus an t-àite cudromach a bha aige mar dheasaiche Gàidhlig. Bha e a' trusadh ann an Ìle, ach bha cruinnichean eile cuideachd san eilean, m.e. Màiri NicThàmhais agus Tòmas Pattison. Tha cuid mhath den stuth acasan nach eil ann an clò. Bha ùidh mhòr againn a bhith a' coinneachadh ris na sgeulaichean fhèin às an eilean. Tha sàr iomraidhean rin lorg orra, nam measg boireannaich leithid Ann Darroch agus Flòraidh Nic an t-Saoir, agus am measg nam fear James Wilson, 'am fìdhlear dall'. Tha an cuid sgeulachdan aibheiseach beartach agus draoidheil. Cha do rinneadh sgrùdadh air an susbaint, ach tha na h-uiread annta mu chlas, ghnè agus mun chomann-shòisealta san robh iad. Le a bhith a' coimhead orrasan a bhiodh gan aithris agus na suidheachaidhean anns an tachradh sin fhuaireadh a-mach gun robh an àth agus a' mhuileann gu math cudromach airson a leithid de bheul-aithris. A dh'aindeoin gun do thruis MacGillEathain is eile grunn math nithean ann an Ìle, bha e air innse gu tric gun robh innse nan uirgseulan air crìonadh gu mòr, agus tha e fìor gun

[1050] Tha e ag ràdh 'the First-Second World War', ach tha e soilleir anns a' cho-theacs gu bheil e a' ciallachadh an Dàrna Cogaidh.

robh cùisean na b' fhallaine anns na h-Eileanan an Iar. Ann am beachd Chaimbeil agus MhicGillEathain bha gun robh barrachd Ìleach a' siubhal a dh'obair air a' Ghalltachd, buaidh na Beurla is litearrachd, agus nua-leasachaidhean eile am measg nan adhbharan airson a' chrìonaidh.

Ann an Caibideil a Dhà, chaidh ar bogadh ann an cruinneachadh beul-aithris eile, an turas-sa, le Elizabeth Kerr à Cinn-Tìre a bha a' fuireach ann am Port Sgioba. Bha i a' trusadh nithean ann an Ìle eadar mu 1893 agus 1903 às leth Robert Craig MacLagan ann an Dùn Èideann, agus a' cur na lorg i thuige. Gu h-inntinneach, chruinnich i corra eisimpleir de dh'uirgseul – a' dearbhadh gun robh iad fhathast air chuimhne nan Ìleach sna 1890an – ach airson a' mhòr-chuid, b' ann a bha i fhèin agus Maclagan ag amas air grunn diofar sheòrsaichean de bheul-aithris leithid eisimpleirean de shaobh-chràbhadh, nòsan agus seann chleachdaidhean, reasabaidhean, rainn agus òrain, agus barrachd. Tha na chruinnich Kerr a' lìonadh iomadach leabhar de làmh-sgrìobhainnean, ged nach robh i a' trusadh ann an Ìle a-mhàin, agus chan eil ach beagan dheth air nochdadh ann an clò. Lorgadh eisimpleirean fìor mhath de mar a bhiodh sgaraidhean a' chomainn-shòisealta rin tuigsinn anns an dualchas. Seach 's gun robh Elizabeth Kerr na cruinniche boireann, ach cuideachd air sgàth nan gnèithean beul-aithris a bha air an trusadh, tha na h-uiread ann mu bheatha bhoireannach agus an dàimh eadar fir agus boireannaich san eilean. A rèir Kerr fhèin, bha boireannaich Ìleach a' fulang fìor neo-ionnanachd: bha uallach orra ma bha iad pòsta ach bha cùisean fiù 's na bu mhiosa mura pòsadh iad. Am measg nan naidheachdan tha iomraidhean air leth-bhreith an aghaidh bhoireannach, ach tha cuideachd eisimpleirean de bhoireannaich a' toirt dùbhlan do dh'fhir le cleachdaidhean saobh-chràbhach leithid 'na droch-shùla', no cleachdadh air an robh 'beul fodha air a dhaoine'. Bha an t-uabhas de stuth inntinneach a thaobh clas sòisealta, m.e. naidheachdan a bha a' coireachadh nan uachdaran airson plàigh ann am Port na h-Abhainne, agus a' dèanamh dealbh den Chaiptean Mhòr, Bhaltair Caimbeul, mar spùinneadair a ghoid bho na h-Innsean an Ear. Chan eil teagamh nach robh beul-aithris Ghàidhlig beòthail dhà-rìribh san Roinn Ìlich nuair a bha Kerr ann, agus cha bhiodh i comasach ach air cuid de rudan a thrusadh. Tha an cruinneachadh air fad làn diofar ìrean, mar a dh'aithnicheadh Gramsci, de nithean agus beachdan a dh'fhaodadh a bhith gu math sean glèidhteach gu naidheachdan agus eile a dh'fhaodadh a bhith air a ghabhail a-steach bho chionn ghoirid. A dh'aindeoin an doimhneachd a tha ann dheth, bha fhathast fianais chudromach ann gun robh cuid de ghnèithean is suidheachaidhean beul-aithris air falbh no air a bhith fada na bu treasa. Dhiubh sin, b' iad na cleachdaidhean, dannsadh is òrain co-cheangailte ri obair-choitcheann agus an t-seann bheatha anns na bailtean a bha air an ainmeachadh.

Ann an Caibideil a Trì, tha sinn a' gluasad gus coimhead air obair nam bàrd foillsichte mu dheireadh san 20mh linn. Bha ceathrar bhàrd air am foillseachadh: Alastair Mac an Fhleisteir à Baile a' Ghràna; Teàrlach agus Donnchadh MacNìmhein à Cill Chomain; agus Donnchadh MacIain à Lag a' Mhuilinn. Chan eil Mac an Fhleisteir air chuimhne dhaoine a-nis, agus a chuid bàrdachd, a chaidh fhoillseachadh ann an 1929, stèidhichte gu mòr na sgìre fhèin ann am Baile a' Ghràna. Chaidh na bràithrean MacNìmhein fhoillseachadh còmhla ann am *Bàird Chill Chomain* ann an 1936, bha an dithis aca gu math cudromach, ach rinn Donnchadh barrachd òran na duine eile, agus b' e a bha aithnichte mar 'Am Bàrd'. Chuireadh *Crònan nan Tonn* le Donnchadh MacIain air bhog aig Taisbeanadh na h-Ìmpireachd an Glaschu ann an 1938. Tha an obair aca còmhla a' sealltainn diofar dhòighean inntinneach air traidisean na bàrdachd a chumail a' dol ann an saoghal an 20mh linn. Rinneadh argamaid gun robh 'romansachas' ri fhaicinn gu follaiseach ann an òrain Dhonnchaidh MhicNìmhein is Dhonnchaidh MhicIain, agus gu h-ìre ann am Mac an Fhleisteir. 'S e ideòlas a bha seo, fo bhuaidh Gàidheil fhograch a' bhaile a' mhòir, a bha a' cur cruth air susbaint agus stoidhle nan òran. Bha cuideam ga chur air gaol

agus nàdar (ach cuideachd cuspairean eile anns an nochdadh cianalas), air an làimhseachadh ann an dòigh mhaoth-inntinneach, dhealaichte, agus ann an òrain bheaga a bha uaireannan faisg air a' Bheurla. Tha e inntinneach seo a lorg am measg bhàrd a bha stèidhichte ann an eilean Gàidhealach seach anns a' bhaile-mhòr. Agus ged a chaidh MacIain a dh'fhuireach ann an Glaschu bha e tòiseachadh air bàrdachd mus do dh'fhalbh e. Tha a leithid de romansachas a' comharrachadh gun robh na bàird a' coimhead ris na bha a' tighinn a-mach às a' Ghalltachd agus gur dòcha nach robh an aon uiread de spionnadh anns an traidisean 'dhùthchasach'. Bha e cuideachd a' comharrachadh gun robh suidheachaidhean agus institiùdan ùra a' toirt buaidh mhòr air a' chultar: agus tha fios againn gun robh co-dhiù triùir dhe na bàird an sàs anns na Mòdan ionadail no nàiseanta agus cuirmean foirmeil. Ach, cha bu chòir dearmad a dhèanamh air a' phailteas de dh'òrain na bu traidiseanta aig Teàrlach MacNìmhein agus Mac an Fhleisteir, a bha na bu shine – agus fiù 's aig Donnchadh MacNìmhein. Bha òrain fhathast gan dèanamh aig toiseach an 20mh linn air daoine agus tachartasan sa choimhearsnachd, agus fada a bharrachd eisimpleirean ann an clàraidhean-fuaim Sgoil Eòlais na h-Alba. A thuilleadh air romansachas, rinneadh sgrùdadh air ideòlas eile – impireileas poballach – agus mar a bha seo bitheanta ann am bàrdachd MhicIain, agus nam bràithrean MacNìmhein. B' ann a bha iad a' cruthachadh fèin-aithne mar Ghàidheil agus Breatannaich dhìleas, agus thug an Cogadh Mòr buaidh mhòr air MacIain gu h-àraid.

Tha Caibideil a Ceithir a' leudachadh air cuid de na ceistean a bha air an togail anns a' chaibideil roimhe. An seo, bhathas a' rannsachadh òrain anns na clàraidhean-fuaim a rinn Sgoil Eòlais na h-Alba ann an Ìle eadar 1953 agus 1969. Nuair a chaidh Calum Iain MacGillEathain chun an eilein ann an 1953 's e òrain a bha e a' sireadh gu sònraichte, agus bha sin fìor gu h-ìre airson chruinnichean na b' anmoiche, ged a fhuair iadsan barrachd sheòrsaichean de bheul-aithris agus fiosrachadh mun eilean. Caran coltach ris a' bhàrdachd fhoillsichte bha òrain-ghaoil uabhasach pailt, bha agus òrain-dùthcha, òrain-àbhachdach is eile. Bhathas a' mothachadh gun robh na toraidhean Ìleach san fharsaingeachd eadar-dhealaichte bho thoraidhean ann an eileanan nas fhaide tuath leithid Thiriodh, gun luaidh air Uibhist is Barraigh. Cha robh fiosraichean Ìleach ann a thug an uiread aibheiseach 's a bha aig feadhainn de sheanchaidhean is seinneadairean mu thuath – ach chan eil sin ri ràdh gun robh duilgheadasan ann òrain is eile a chruinneachadh an Ìle. Bha cuid de sheòrsaichean òran leithid òran-obrach is luaidh gu math tearc, agus tha an fhianais a' sealltainn gun robh iad air crìonadh san 19mh linn. Ach bha na h-òrain ionadail à Ìle uabhasach pailt agus beairteach – a bha gu h-àraid fèillmhor am measg nam fiosraichean. 'S e bàrdachd thraidiseanta a bha ann an cuid mhòr dhiubh. Lorgadh gun robh òran nam bàrd foillsichte bho Chaibideil a Trì gu tric air an clàradh, agus b' e Donnchadh MacNìmhein a bu mhotha a bha a' nochdadh. Bha romansachas ri fhaotainn na chuid òran, agus ann an grunn de na h-òrain a bha ann le Gàidheil a' bhaile-mhòir, leithid Nèill MhicLeòid. Bha òrain eile ann à Ìle no à àiteachan a b' urrainnear meas leth-romansach no air an rathad gu bhith romansach. Sheall an còrr den chaibideil gun robh an Comunn Gàidhealach fiadhaich cudromach ann an Ìle, agus gun robh buaidh na bu mhotha aige air an eilean seach air na h-eileanan mu thuath. Às dèidh 1924, bha meòir air an stèidheachadh ann an diofar bhailtean Ìleach agus chuireadh air dòigh cuirmean foirmeil gu tric agus Mòd ionadail gach bliadhna. 'S dòcha gun robh a leithid a' putadh a-mach shuidheachaidhean-aithris eile, agus bha buaidh aig a' Chomunn air an t-seòrsa òran a bhiodh daoine a' gabhail agus fiù 's mar a bhiodh iad air an gabhail. Chunnacas gun robh laigsean aig a' Chomunn ach, le bhith a' coimhead air na bhiodh e a' dèanamh bho shealladh nan daoine a bha an sàs ann, bha buannachdan cuideachd de dhlùthachd is toil-inntinn, agus eagrachadh Gàidhlig aig àm nuair a bha a h-uile rud a' dol na h-aghaidh.

Mu dheireadh, bha Caibideil a Còig a-mach air creideamh ann an Ìle eadar 1890 gu na 1960an. 'S e diofar mòr eile mu chultar nan Ìleach nach robh iad a' dol le Gàidheil mu thuath a thaobh clèireachd shoisgeulach airson a' mhòr-chuid. Rinneadh sgrùdadh air tùsan eaglais, beachdan nam ministearan, agus agallamhan beul-eachdraidh airson a bhith a' tuigsinn creideamh anns an eilean. Anns na 1890an, agus aig diofar amannan san 20mh linn, bhiodh ministearan a' gearan nach robh daoine gu leòr a' dol gu seirbheisean, agus nach robh ùidh aca ann an creideamh 'oifigeil'. Fhuaireadh a-mach nach deach ach mion-chuid de dh'Ìlich a-steach don Eaglais Shaoir rè an Dealachaidh ann an 1843. Ghlèidh an Eaglais Stèidhte a ceannas, agus anns an fharsaingeachd, cha deach soisgeulachd a sgaoileadh am measg an t-sluaigh mar ghluasad cultarach. Gu h-ìoranta, bha seo a' ciallachadh nach robh pàirt cho mòr aig an eaglais ann am beatha mòran dhaoine ach airson bhainnsean, baistidhean is tìodhlacaidhean. Chan eil sin ri ràdh nach robh traidisean soisgeulachd ann – bha sgìre Phort na h-Abhainne mar as àbhaist a' dol an aghaidh an t-sruth agus a' cur taic ris an Eaglais Shaoir fiù 's anns an 20mh linn – ach chan eilear an dùil gun robh daoine san Eaglais Shaoir anns a' chòrr den eilean cho glèidhteach no daingeann agus ri ùine bha iad air an slugadh le Eaglais na h-Alba. Seach 's nach robh an Eaglais na h-Alba cho buadhach mar institiùd bha a bhuil aig seo air cultar Ìle. Chuir i cùl ri Gàidhlig gu math na bu tràithe na eileanan mu thuath, a dh'aindeoin 's gun robh Gàidhlig fhathast cuimseach làidir sa choimhearsnachd. Thachair seo air feadh Ìle anns na 1960an, ach thàinig ministearan gun Ghàidhlig gu cuid de sgìrean ann an 1948. Ann an oidhirp ministearan a lorg, thugadh air falbh an riatanas gum feumadh Gàidhlig a bhith aca. 'S e call a bha seo don chànan, ach tha e na chomharra nach robh traidisean soisgeulachd ann a chuireadh ìmpidh air Gàidheil seirbheisean a fhrithealadh, agus a chuireadh cuideam air adhradh Gàidhlig.

A' tuigsinn cultar Gàidhlig ann an Ìle

A' coimhead gu farsaing air an fhianais à Ìle, b' urrainnear tilleadh gu na ceistean a thogadh san Fhacal-thoisich mu mar a thuigeas sinn 'cultar' fhèin. A bheil na toraidhean a' cur taic ri beachdan stèidhichte dhaonn-eòlaichean – mar a chaidh a chomarrachadh le Kate Crehan – air cultar mar nì: 1) 'aig a bheil pàtran ciallach no eagrachadh rianail'; 2) 'aig a bheil crìochan soilleir a tha ga dhealachadh ri cultaran eile'; 3) 'a tha air a chomharrachadh le còmhstri eadar traidisean agus nua-aimsireachd'?

1) Chan eil teagamh nach urrainnear pàtranan brìgheil fhaicinn ann an toraidhean gach caibideil, agus eatarra. Bha cuid mhath de nithean anns a' bheul-aithris, mar eisimpleir saobh-chràbhadh agus naidheachdan ionadail, a bha air a lorg anns an 19mh linn agus cho fada ris na 1960an. Bha an seòrsa seanchais seo agus òrain bunaiteach anns an 'dualchas', agus mhair iad – le atharrachaidhean – cho fada 's a bha a' choimhearsnachd Ghàidhlig fhathast cuimseach làidir aig deireadh an ama-sgrùdaidh. Ach, ann an dà-rìribh, chan eil 'patran ciallach' no 'eagrachadh rianail' a' comharrachadh nan toraidhean. Anns gach cruinneachadh beul-aithris, 's ann a tha iad ain-riaghailteach, làn chontrarrachdan agus diofar bhreathan (*layers*). Gheibhear nithean is luachan nas ùire coimeasgaichte le stuth meadhanach sean, agus gu math aosta. Gheibhear seallaidhean de phàganachd, de Chrìostaidheachd air diofar chruthan, agus de dhòighean-tuigsinn saoghalta bho iomadh tùs.

Agus bha eadar-dhealachaidhean cudromach anns na toraidhean a rèir sealladh an neach: an robh iad sean no òg, litearra no gun fhoghlam, agus air fuireach ann an àiteachan eile. Bha 'faileas' de chòmhstri a' chomainn-shòisealta ri fhaicinn air feadh a' chultair: gu sònraichte eadar boireannaich agus fireannaich, far am b' urrainn diofar mhìneachaidhean a bhith aca den aon naidheachd no saobh-chràbhadh, agus tha fianais ann de

bhoireannaich a' toirt dùbhlan follaiseach agus seòlta ri leth-bhreith agus fòirneart. 'S iongantach na bha ann de dh'eisimpleirean de dhaoine a bha air am meas 'ciorramach' agus aig am faodadh sealladh eile a bhith, leithid James Wilson, an sgeulaiche dall, agus Dòmhnall MacNìmhein 'an Crioplach' – mar a chuirte air. B' urrainnear barrachd a ràdh mu às-dhùnadh 'an luchd-shiubhail' – m.e. tha òran le Donnchadh MacNìmhein a tha a-mach air fear a' sabaid 'bana-cheàrd' agus an duine aice. Tha clas sòisealta a' nochdadh gu bitheanta, agus ged a b' ann de na daoine cumanta a bha a' mhòr-chuid de sgeulaichean, fiosraichean agus bàird – bu chòir a bhith mothachail do dhiofaran a thaobh cumhachd is beartas taobh a-staigh na coimhearsnachd, agus do mar a làimhsicheas iad ideòlas. Gu poileataigeach, ged a bha 'impireileas poballach' làn-fhollaiseach aig na bàird fhoillsichte, 's e glè bheag de dh'òrain is eile den aon seòrsa a lorgadh anns a' bheul-aithris. Feumar faighneachd an robh iad a' cur an cèill bheachdan cumanta, no nach robh an sluagh fhèin buileach cho dealasach. Tha e cunnartach bruidhinn mu aon 'traidisean', agus aon 'choimhearsnachd' aon-seòrsach.

2) Chan e 'siostam neo-eisimeileach' a bha ann an cultar Gàidhlig nan Ìleach. Anns an àm-sgrùdaidh, bha e uabhasach mì-sheasmhach. B' ann a bha e air a chomharrachadh chan ann a-mhàin leis an t-seòrsa atharrachadh a gheibhear ann an 'traidisean' sam bith, ach le cruth-atharrachaidhean mòra. Agus bha iad sin co-cheangailte ri gluasadan mòra sòiseo-eaconamach agus cultarach taobh a-staigh agus taobh a-muigh an eilein. Fiù 's ann an 1859, bha Eachann MacGillEathain dhen bheachd nach b' ionnan cultar an eilein an uair sin agus na bha ann na bu tràithe san 19mh linn, leis gun robh traidisean nan uirsgeulan is eile air crìonadh. Bha dlùth-cheanglaichean aig cultar Ìle gu sònraichte ris a' chòrr de dh'Earra-Ghàidheal, ris a' Ghàidhealtachd, ri Èirinn, ach cuideachd gu mòr, bho mheadhan an 19mh linn, ris a' Ghalltachd ri linn imrich. Ma thathas ag aithneachadh gur e crìoch shoilleir a bha anns a' Ghàidhlig fhèin – agus tha ar cuideam rud beag eadar-dhealaichte ris na bha aig Kate Crehan – bu chòir mothachadh gun robh cultar a' chànain ri fhaicinn ann an iomadh cruth is co-theacs. Bha sùbailteachd ann – bha e neo-shoisgeulach agus soisgeulach, air beul an t-sluaigh agus ann an clò, ann an suidheachaidhean-aithris neo-fhoirmeil agus cuirmean foirmeil.

3) Ann an Caibideil a Trì, air bàrdachd fhoillsichte an 20mh linn, rinneadh argamaid gun robh contrarrachd eadar òrain nas traidiseanta agus òrain romansach a bha fo bhuaidh gluasadan cultarach a' bhaile-mhòir. Bha seo mar phàirt de leasachaidhean nas fharsainge a bha cudromach ann an eachdraidh an eilein. Cha bu chòir an dà rud a reothadh, ge-tà. Ann an Caibideil a Ceithir, chunnacas gun robh an dà sheòrsa òran a' measgachadh anns na clàraidhean-fuaim, agus gun robh e doirbh aithneachadh uaireannan an robh òran 'romansach', 'leth-romansach' no 'traidiseanta'. Ma bha fallainneachd ann an òrain thraidiseanta a thaobh briathrachas agus sealladh-saoghail nas fhèin-ùghdarrail, bha na h-òrain romansach a' coileanadh feumalachdan eile dhaoine ann an co-theacs ùr. Gu dearbh, ann an Ìle tha iad a-nis mar phàirt den 'traidisean'. A dh'aindeoin a leithid de sgrùdadh, thathas gu mòr ag aontachadh le Kate Crehan gur e a' chòmhstri eadar buidhnean ceannasach agus ceannsaichte as fheàrr a mhìnicheas eachdraidh chultarach Ìle. Bruidhnear mu seo anns an ath earrann.

Subalternity anns an eachdraidh

Tha fios gun robh tuath Ìle nam buidheann ìochdaranach (*subaltern*) san 19mh linn agus san 20mh linn, anns an t-seagh gun robh iad gu h-ìre mhòr gun chumhachd, agus am beatha fo smachd anabarrach nan uachdaran 's a' chlas-riaghlaidh. An coimeas ri Gàidheil san iar-thuath, cha robh iad comasach air fìor dhùbhlan a thoirt do na

h-uachdarain agus atharrachadh a dhèanamh air an càradh. Bha dà nì a b' adbhhar dha seo: cha deach coimhearsnachdan croitearachd a stèidheachadh agus cha robh eagrachadh cultarach is poileataigeach ann coltach ris an Eaglais Shaoir a tharraingeadh na daoine còmhla. Tha an dà chuid obair Charles W. J. Withers, agus cuideachd obair an àirceòlaiche-eachdraidheil, Chris Dalglish, cuideachail ann a bhith a' soilleireachadh na h-eachdraidh seo a tha a' bualadh cho mòr air cultar Gàidhlig.

A' sgrùdadh Chinn-Tìre ro agus tron Leasachadh chun an 19mh linn, rinn Dalglish argamaid gun robh còmhstri sa cheàrnaidh eadar 'dùthchas' agus 'oighreachd' às dèidh do Chaimbeulaich Earra-Ghàidheal seilbh fhaighinn oirre bho Chlann Iain Mhòir anns an 17mh linn.[1051] 'S e nàdar de dh'ideòlas a bha ann an 'dùthchas' am measg an tuatha a bha an dà chuid gan ceangal ris an t-seann fhine, Clann Iain Mhòir (Dòmhnallaich Ìle), agus a bha a' cur an cèill gun robh còir 'dhùthchasach' aca air an fhearann. Bha seo a' dol gu tur an aghaidh mar a bha na Caimbeulaich a' coimhead air an fhearann mar 'oighreachd', no mar sheilbh phrìobhaideach aca fhèin. Bha 'dùthchas' freumhaichte ann an comhluadar an tuatha, mar a bhiodh iad ag obair gu coitcheann, a' còmhnaidh ann am bailtean-fearainn coitcheann agus fiù 's a' fuireach ann an taighean a bha air an eagrachadh gus am biodh a h-uile duine còmhla. Bha grunn oidhirpean ann na daoine a 'shìobhalachadh' (*civilize*) san 17mh agus san 18mh linn. Ach, cha b' urrainn do na Caimbeulaich smachd ceart fhaighinn air an 'oighreachd' agus air na daoine, gus an do rinn iad 'Leasachadh' (*Improvement*) bho anmoch san 18mh linn. B' ann a bha seo a' ciallachadh a bhith a' cur às do na bailtean-fearainn, agus a' cur a' chomainn-shòisealta air stèidh 'phrìobhaideach' ùr – le àiteachas ann an làmhan thuathanach mòra, na daoine a' fuireach ann am bailtean is taighean ùra 'Leasaichte', ag obair airson tuarastal agus chan ann gu coitcheann.

Tha na h-uiread ann an rannsachadh Dalglish, mar a bhite an dùil, a tha fìor mu Ìle. Bha na h-aon trioblaidean aig Caimbeulaich Chaladair san 17mh le tuath a bha a' dol nan aghaidh, chìthear na h-aon oidhirpean ann air 'sìobhalachadh' le bhith a' toirt a-steach luchd-taca dìleas, agus cuideachd mar a dh'fheuch an eaglais Phròstanach grèim fhaighinn air na daoine bhon 17mh linn air adhart.[1052] B' ann ri linn Caimbeulaich Shawfield, nas anmoiche san 18mh linn, a thòisich Leasachadh ann an Ìle, le mathachadh cuid de thuathanasan, toiseach gnìomhachas an lìn (*flax*), agus fiù 's stèidheachadh a' bhaile-dhealbhaichte, Bogh Mòr fhèin, cho tràth ri 1768 – agus chaidh muinntir Chill a Rubha a ghluasad an sin.[1053] Ach, ann an dà-rìribh, cha tug Leasachadh buaidh cheart air muinntir Ìle gus an 19mh linn. Ged a bha na Caimbeulaich air tòiseachadh mar-thà air bailtean-fearainn a bhriseadh suas agus tuathanasan nas motha a chruthachadh, chaidh seo a luathachadh às dèidh mu 1820.[1054] Air cho còir 'a tha cliù leithid Bhaltair Frederick Chaimbeil,[1055] b' e uachdaran cumhachdach a bha ann air an robh uallach airgead a dhèanamh. Bha e an urra ri eisimpleirean de dh'fhuadach gu math follaiseach, mar a bha ann an Cill Chiarain mu 1825, ach gu tric bha na bailtean-fearainn air am briseadh suas an toiseach mean air mhean, agus gu seòlta le lùghdachadh nan gabhaltasan.[1056] Uile gu lèir,

[1051] Chris Dalglish, *Rural society in the age of reason: an archaeology of the emergence of modern life in the southern Scottish Highlands* (Nuadh Eabhrac: Kluwer Academic, 2003). Tha an earrann seo stèidhichte air co-dhùnaidhean Dalglish, mar a gheibhear ann an: tdd 217-228.
[1052] Clifford N. Jupp: *The History of Islay: from earliest times to 1848* (Port Sgioba: Museum of Islay Life, 1994), tdd 113; tdd 115-116.
[1053] Ibid., tdd 168; 142, 147; 149-152.
[1054] Margaret Storrie, *Islay: biography of an island* (Ìle: The Oa Press, 2011), td. 147; td. 141.
[1055] M.e. Ibid., tdd 143-44.
[1056] Ibid., tdd 144-147.

thòisicheadh pròiseas de bhith a' sgaradh nan daoine bhon fhearann agus gan cur ann am bailtean ùra anns an robhar an dùil gum faigheadh iad obair mar shaothraichean, sna taighean-stàile agus ann an iasgach.[1057]

Chaidh Port na h-Abhainne a stèidheachadh mu 1820, Port Ilein ann an 1821, Port Sgioba ann an 1828, a' Chill mu 1828, agus Bun Othain ann an 1833.[1058] 'S e fìrinn mhòr chultarach cho math ri sòisealta a bha ann an stèidheachadh nam bailtean-dealbhaichte ann an Ìle.[1059] Chan eil eilean Gàidhealach eile aig a bheil an aon uiread de bhailtean den t-seòrsa seo.[1060] Faisg air an aon àm, chaidh bailtean-croitearachd a chruthachadh anns an iar-thuath den Ghàidhealtachd.[1061] 'S e an diofar a bha eatarra gun robh fhathast ceangal brìgheil aig na daoine an sin ris an fhearann, is iad a' fuireach air na croitean aca, agus gun robh fiù 's na taighean agus tuineachaidhean aca air an eagrachadh air dòigh na bu choitchinn.[1062] Ann an Ìle, bha na bailtean-dealbhaichte a' sgaradh dhaoine bho chèile gu h-ìre na bu mhotha, ann an taighean na bu 'phrìobhaidiche', agus cha robh iad ag obair gu coitcheann san aon dòigh tuilleadh.[1063] Bha lotaichean beaga aig cuid, ach bha iad sin taobh a-muigh a' bhaile. Eu-coltach ri àiteachan mar Leòdhas, cha deach croitearachd a chruthachadh ann an Ìle air sgàth a) nach robh obair na ceilpe cudromach san eilean, a thug air uachdarain mu thuath croitean a thoirt don luchd-obrach shusbainteach a bha dhìth oirre,[1064] agus; b) bha am fearann na bu thorraiche ann am pàirtean de dh'Ìle, a bha ag obrachadh an aghaidh a bhith a' toirt cus fearainn do chroitean seach tuathanasan-chruidh is eile. Mar a thuirt Gilbert Mac a' Chlèirich, bha na bliadhnaichean eadar 1820 agus 1840 cudromach airson fuadach chun nam bailtean, ach bha eisimpleirean na bu mhotha dhiubh às dèidh do na Caimbeulaich an oighreachd a chall ann an 1847. An uair sin, chunnacas fuadaichean anns a' Ghleann mu 1850 , agus anns an Obha ann an 1862.[1065] Chùm am pròiseas a' dol far am biodh tuathanasan beaga air an cur ri tuathanasan nas motha, agus mu 1891, 's e glè bheag de dhaoine a bha a' fuireach taobh a-muigh nam bailtean-dealbhaichte.[1066]

Air sgàth croitearachd agus an t-astar a bha ann bhon Ghalltachd, dh'fhàs an àireamh-shluaigh san iar-thuath den Ghàidhealtachd, agus ann an Leòdhas chun an 20mh linn.[1067] Ann an Ìle gu lèir, tha e uabhasach cudromach mothachadh gun do thòisich an sluagh a' crìonadh fiù 's ro Ghort a' Bhuntàta, às dèidh cunntas-sluaigh 1831.[1068] Tha a h-uile coltas ann gun robh an t-ath-eagrachadh fearainn aig na h-uachdarain a' toirt crathadh don chomann-shòisealta, agus air sgàth nach robh na bailtean-dealbhaichte a' tabhann beòshlaint sheasmhach, rinn daoine imrich. Bha e na b' fhasa do dh'Ìlich imrich shealach is mhaireannach a dhèanamh don Ghalltachd.[1069] Fad 's a bhiodh dùmhlachd sluaigh mu thuath a' cur uallach air daoine strì airson fearainn,

[1057] Ibid., td. 152.
[1058] Charles W. J. Withers, *Gaelic Scotland: the transformation of a culture region* (Lunnainn: Routledge, 1988), td. 93.
[1059] Mu bhuaidh nam bailtean-dealbhaichte air a' Ghàidhealtachd, cf. Dalglish, *Rural society*, tdd 113, 126-7, 219; *Withers*, ibid., tdd 93-95.
[1060] Jupp, *History*, td. 8.
[1061] Faic: James Hunter, *The making of the crofting community* (Dùn Èideann: John Donald, 1976), caib. 2.
[1062] Dalglish, *Rural society*, tdd 229-30.
[1063] Coltach ris na thuirt Dalglish mu bhailtean an Cinn-Tìre: ibid., td. 126. 'The growth or creation of towns like Southend, Campbeltown and Kilfinan was no exception to the process of the fragmentation of community. These nucleations of settlement consisted of the homes and workplaces of merchants, craftspeople and others who were not engaged in communal routine in the way that the farming population of the bailtean had been. Internal subdivision of the houses in such towns was also increasingly common.'
[1064] Storrie, *Islay*, td. 132; Withers, *Gaelic*, td. 390.
[1065] Storrie, ibid., td.172; 189.
[1066] Mar a chìthear ann am mapa an t-sluaigh a rinn Storrie stèidhichte air leabhraichean a' chunntais-shluaigh: ibid., td. 195.
[1067] Withers, *Gaelic*, td. 408.
[1068] Storrie, *Islay*, td. 141.
[1069] Cf. Withers air a' phuing-sa airson na Gàidhealtachd a deas 's an ear: *Gaelic Scotland*, td. 391.

agus cuideachd a' cur taic ri coimhearsnachd làidir bheòthail,[1070] ann an Ìle bha coimhearsnachd agus cultar air a lagachadh air sgàth call-sluaigh. Bho na 1840an air adhart, rinn Ìlich dlùth-cheanglaichean ris a' Ghalltachd – agus chuidich Ìlich leithid Ghilleasbuig Mhic na Ceàrdadh, am foillsichear, agus Uilleim MhicDhùnleibhe, am bàrd, a bhith a' cruthachadh coimhearsnachd Ghàidhlig bhuadhach ann an Glaschu. Dh'fhalbh cuid de na seanchaidhean a bu chudromaiche leithid Nèill Mhic an t-Sagairt agus Lachlainn MhicNèill a dh'fhuireach air a' Ghalltachd. Bho dheireadh an 19mh linn, thathas an dùil gun tug cultar 'romansach' nam bailtean-mòra buaidh na bu shusbaintiche air Ìle – mar thoradh air na ceanglaichean eatarra – na na h-eileanan mu thuath.

Mar sin, tron 19mh linn tha sinn a' faicinn bleith an 'dùthchais' ann an Ìle – agus air dòigh a bha eadar-dhealaichte ri ceann an iar-thuath. Chailleadh na seann bhailtean-fearainn coitcheann gu sònraichte eadar 1820 agus 1860. Nuair a bha Eachann MacGillEathain a' gearan nach robh na h-uirsgeulan cho bitheanta san eilean ann an 1859, b' ann air sgàth gun robh a leithid de bheul-aithris dlùth-cheangailte ri suidheachaidhean-aithris leithid an àth agus a' mhuilinn, agus chèilidhean-taighe a bha a' tachairt anns na seann bhailtean-fearainn.[1071] Tha an aon rud fìor mun bheul-aithris a dh'ainmich Elizabeth Kerr agus Iain MacMhurchaidh leithid nan òran-luaidh, òrain-obrach eile, dannsadh coitcheann agus chleachdaidhean eile – a bha co-cheanagilte ris an obair choitchinn a bha a' dol anns na seann bhailtean. Gu soilleir bho fhianais Elizabeth Kerr, bha fhathast an t-uabhas de bheul-aithris ga h-aithris anns na 1890an agus cuimhne aig cuid air na seann làithean, ach dh'fhaodadh gun robh cuideam na bu mhotha air seanchas, naidheachdan, cuid de dh'òrain is eile, a bha a' freagairt ris na suidheachaidhean-aithris anns na bailtean-dealbhaichte. Tha seo air a dhaingneachadh na b' anmoiche le clàraidhean-fuaim meadhan an 20mh linn, nuair nach robh lorg idir air uirsgeulan, agus chan eil ann ach glè bheag de dh'òrain-obrach. Am measg nan suidheachaidhean-aithris a bha cudromach do bheul-aithris air an tugadh iomradh, anns na 1890an agus cuideachd ann am meadhan an 20mh linn, bha an 'cuideachadh', bainnsean fhèin, am 'foraire', Faidhir Bhogh Mòr, amannan sònraichte leithid Oidhche Challainn agus Oidhche Shamhna, agus cuideachd 'cèilidhean' neo-fhoirmeil. Tha coltas ann gun robh cuid dhiubh seo air falbh no air lagachadh ro mheadhan an 20mh linn.

Tha e deasbadail carson nach do ghabh ach mion-chuid de dhaoine ri soisgeulachd ann an Ìle san 19mh linn. Saoilidh mi gun robh cruinn-eòlas na adhbhar mòr leis gun robh an t-eilean fad air falbh bho ionadan-sgaoilidh na soisgeulachd, mar a bha anns an ear-thuath,[1072] nach robh na soisgeulaich thràth san eilean leithid nam Baisteach a cheart cho èifeachdach ri soisgeulaich chlèireach, agus bha call-sluaigh cuideachd a' lagachadh oidhirpean. Gu h-inntinneach, far an robh an Eaglais Shaor a bu treasa, ann an sgìre Phort na h-Abhainne, bha a' choimhearsnachd reusanta coltach ris na bha ann gu tuath: nan iasgairean agus croitearan.[1073] Rinneadh argamaid gum b' e laigse traidisean na soisgeulachd, ann am pàirt, a bu choireach gun do chuireadh cùl ri Gàidhlig ann an Eaglais na h-Alba gu sònraichte às dèidh 1948 ach fiù 's roimhe aig ìre a' choithionail - na bu tràithe na eileanan eile. Ach, bha dìth traidisean làidir soisgeulachd cuideachd a' ciallachadh nach robh

[1070] Ibid., td. 410.
[1071] Airson a' cheangail eadar a' chèilidh agus seann taighean anns an robh a' chagailt anns a' mheadhan, gun cus roinnean ann an seòmraichean 7c. faic: Dalglish, *Rural society*, tdd 125, 220.
[1072] Faic m.e. John MacLeod, *Banner in the west: a spiritual history of Lewis and Harris* (Dùn Èideann: Birlinn, 2010).
[1073] Mhothaich Mairead NicAsgaill seo cuideachd, 'Ìle',td.309.

eagrachadh èifeachdach ann a bha a' toirt nan daoine cumanta còmhla, agus gam brosnachadh a bhith a' strì mar bhuidheann le fèin-aithne cho-roinnte.[1074]

Dh'fheuch Ìlich grunn tursan seilbh fhaighinn air an fhearann a-rithist. Anns a' Choimisean Rìoghail airson 1892, chaidh innse gun do chuir 100 duine iarrtasan a-steach à Cille Chomain a-mhàin do Chomhairle na Siorrachd airson tacannan beaga (*small holdings*) ach, a rèir aithris, chaidh bacadh a chur orra le uachdarain anns a' Chomhairle.[1075] Às dèidh Achd nan Croitearan ann an 1886, dh'fheuch daoine ri bhith a' leudachadh an lotaichean agus a' faighinn fearann, ach gu tric, cha robh iad air an aithneachadh san lagh mar 'chroitearan' seach 's nach robh iad a' fuireach air an croitean fhèin.[1076] Bha cuid soirbheachail lùghdachaidhean-màil fhaighinn.[1077] Anns an 20mh linn, bha grunn oidhirpean gus fearann fhaighinn ron Chogadh Mhòr, ach gu sònraichte às a dhèidh am measg shaighdearan a bha air tilleadh.[1078] Bha fiù 's bagairtean ann gun gabhadh daoine thairis air an fhearann, mar a dhèanadh coitearan anns na h-eileanan gu tuath.[1079] Ged a dh'èist Bòrd an Àiteachais ri a leithid de bhagairt, gu h-inntinneach, cha do rinn na h-ùghdarrasan cus mun deidhinn air sgàth gun robh prìomhachas ga thoirt do na daoine a bha deònach dol nas fhaide agus am fearann a ghabhail iad fhèin.[1080] Cha robh ach corra sgeama ann gus fearann a thoirt do dhaoine eadar na cogaidhean.[1081] Bha coitearan is croitearan na bu radaigiche – agus na bu shoirbheachaile – air a' Ghàidhealtachd an iar-thuath air sgàth gun robh 'dùthchas' na bu mhotha nam beatha làitheil, gun robh croitearachd air coimhearsnachdan seasmhach a chruthachadh, le eagrachadh san Eaglais Shaoir is eile, agus bha traidisean de mhìleantachd (*militancy*) aca.

Rinn Donnchadh MacNìmhein, bàrd Chill Chomain, còmhradh – an aon eisimpleir as aithne dhomh – a bha a-mach air lagh ùr a bheireadh am fearann air ais do na daoine, agus thathas an dùil gun robh e a-mach air Achd an Fhearainn 1919. Thachradh seo mas fhìor gun cus strì, agus 's e lèirsinn a tha an dà chuid a' brosnachadh ath-leasachadh ach cuideachd a' tilleadh don t-seann bheatha. Tha e tiamhaidh dhà-rìribh air sgàth nach do thachair e idir.

Uilleam: Dé do bharail-sa, Chaluim,
Ciod do bheachd air a' chùis
Tha toirt fearainn air ais dhuinn
Nis le ceartas a' Chrùin;
Tha na paipearan làn dhe,
Anns gach àit bheir mi sùil,
Gu'm bi Clanna nan Gàidheal
Mar a bhà iad o thùs.

Calum: 'S e mo bharail-sa, Uilleim,
Cha bhi duin' ann an éis;
Biodh e bochd biodh e beairteach,

[1074] Tha an argamaid seo ga dèanamh le James Hunter, *Making*, caibideil 6; agus cuideachd ann an Withers, *Gaelic*, tdd 337-343.
[1075] House of Commons, *Report of the Royal Commission* (Highlands and Islands, 1892), td. 800. Fianais Dhùghaill Fhearghasdain MhicPhàidein à Port Sgioba.
[1076] Ibid., td. 810. Fianais Hector Bell à Port na h-Abhainne.
[1077] M.e. 'Land court decisions', *Oban Times* (3 Gearran 1894).
[1078] M.e. 'Ex-service men letters' (1919-20), TD1338-1-2-48 (Tasglann Bhaile Ghlaschu (Leabharlann Mitchell).
[1079] Iain J. M. Robertson, *Landscapes of protest in the Scottish Highlands after 1914* (Surrey: Ashgate, 2013), td. 102. Tha Robertson a' comharrachadh ceithir eisimpleir de 'bhagairtean' den t-seòrsa san eilean: à Port Ilein, Port na h-Abhainne, Wester Ellister, agus Rockside (far an robh na bàird a' fuireach, gu h-inntinneach).
[1080] Iain J. M. Robertson, *Landscapes*, td. 89. 'It was admitted internally that one of the reasons for the Board [of Agriculture]'s comparative lack of effort on Islay [ged a bha suas ri '150 qualified ex-service applicants' ann] was that overt protest actions there had been minimal'! Tha Ìle cuideachd a' nochdadh ann an td. 103.
[1081] Storrie, *Islay*, tdd 193-194.

Bidh an ceartas d' a réir;
Gheibh thu airgiod chùm togail
Ma tha stoc agad féin;
Ach ma gheibh sinn na tighean
Cha bhi cabhag mu'n spréidh.

Uilleam: Bidh am fiadh 's e air fhògradh,
Bho gach còmhnard is gleann;
Theid a sgiùrsadh gun dàil as
Dheanadh àite do'n chrann;
'S fhad o'n ghuidh mise 'n là sin,
'S nise thàinig an t-àm;
Bidh gach ni mar a bhà iad
An Tir Aillidh nam Beann.[1082]

B' ann eadar na cogaidhean a bhiodh an Comunn Gàidhealach ga stèidheachadh fhèin anns an eilean. Bha seo dlùth-cheangailte ris a' choimhearsnachd Ghàidhlig air a' Ghalltachd – le blas beagan 'gallta' ach cuideachd air a stiùireadh le grunn Ghàidheal *meadhan-chlasach*, agus thug i buaidh shònraichte air Ìle le bhith a' coileanadh feumalachd gus taic a chur ri cànan is cultar – rudeigin nach robh an eaglais dhà-rìribh a' dèanamh ann an Ìle. 'S e buidheann a bha ann a chuir cuideam air suidheachaidhean-aithris foirmeil, a sgaoil òrain romansach agus gnèithean cultarach eile a bha a' freagairt ris an àrd-ùrlar. Ach ann an clàraidhean-fuaim an 20mh linn, tha 'cultar a' Mhòid' a' coimeasgachadh le bàrdachd is beul-aithris nas traidiseanta. Cha robh na cuirmean is farpaisean a chuir an Comunn air dòigh comasach air obrachadh an aghaidh crìonadh a' chànain, a thachair gu sònraichte às dèidh an Dàrna Cogaidh, agus tha co-cheangailte ri call leantainneach an t-sluaigh a tha a' dol fhathast. Bha freumhaichean gu math fada aig a' chall-shluaigh seo ann an atharrachadh-fearainn an 19mh linn, imrich shusbainteach don Ghalltachd, buaidh a' Chogaidh Mhòir, dol sìos an iasgaich ann am Port na h-Abhainne beagan às dèidh sin, agus bochdainn is cion chothroman san fharsaingeachd.

Mar a thuig fear a thogadh an Ìle glè mhath, Iain MacMhurchaidh, nach eil e deatamach gum bi aiseirigh chultarach a' dol làmh air làimh le aiseirigh shòisealta? Nach fheum iomairtean a tha airson cànan is cultar, chan e a-mhàin a 'ghleidheadh', ach a dhèanamh beòthail, ioma-ghuthach agus compàirteach, a bhith fuaighte ri iomairtean airson smachd coitcheann a bhith aig daoine air goireasan 's air am beatha fhèin? 'S e an dùbhlan a tha ann dìleab MhicMhurchaidh ùrachadh nar latha fhèin.

* * *

Geàrr-iomradh teòirigeach

Tha an rannsachadh seo fo bhuaidh sgrìobhaidhean Antonio Gramsci, agus a chuid luchd-mìneachaidh. Anns an dealachadh, b' urrainnear corra nì a ràdh airson leughadh Gramsidheach dhen fhianais a shoilleireachadh.

'S ann a tha Gramsci gar cuideachadh gus eachdraidh a' chlas-obrach a thuigsinn ann an eachdraidh Ghàidhlig. Aig cnag na cùise, mar sin, tha freumhachadh cho-cheanglaichean sòisealta calpach air a' Ghàidhealtachd. Gu h-àraidh bhon 19mh linn, fhuair obair, airgead agus a' mhargaid làmh an uachdair air beatha dhaoine. Chaidh 'clas-obrach' (a' gabhail a-steach bhoireannach ri obair-taighe is cùram) a

[1082] Eachann MacDhùghaill, *Bàird Chill Chomain* (Glaschu: Alasdair MacLabhruinn 's a mhic, 1936), tdd 35-37.

chruthachadh agus a shìor-chruthachadh anns a' cheàrnaidh, mar a thachair roimhe anns a' chòrr de Bhreatann. Agus cha robh an cruth-atharrachadh seo 'eaconamach' a-mhàin, ach 'poileataigeach' agus 'cultarach'. Ann an susbaint agus dèanamh cultar Ìle, lorgadh meur-lorgan a' chalpa anns an dòigh san deach cùl a chur ri dòigh-bheatha na b' choitchinne, agus mar a lagaicheadh an ceangal eadar cultar agus saothair.

Mar phàirt den ghluasad seo, dh'fhàs a' Ghàidhealtachd na b' eisimeile air a' Ghalltachd, agus Breatann, ann an dòigh a bha coltach ris an dàimh eadar Ceann a Deas agus Ceann a Tuath na h-Eadailt ri linn Ghramsci. Bha an clas-obrach Gàidhealach, mar a chunnacas ann an Ìle, fighte fuaighte ri mòr-ghnìomhachas Abhainn Chluaidh agus ris an ìmpireachd. Agus bha a' bhuil air cultar an eilein.

Maille ri càrnadh a' chalpa (*capital accumulation*), bhiodh an stàit agus buidhnean cumhachdach ag amas air an comann-sòisealta a theòrachadh agus a riaghladh. Rachadh an dà chuid smachd poileataigeach agus impidh fharsaing a chur gu feum. Dh'fhàs an comann-catharra (*civil society*) aig deireadh an 19mh linn, às dèidh leudachadh an luchd-bhòtaidh, agus bha institiùdan mar a bha na meadhanan, sgoiltean, eaglaisean is eile deatamach airson luachan is ideòlas a chraobh-sgaoileadh bho gu h-àrd. B' e gluasad iom-fhillte, fo dheasbad a bha anns 'a' cheannas chultarach' seo – a bha cuideachd 'poileataigeach' is 'eaconamach' – gus co-aonta, no co-dhiù fulangachd, nan clasaichean ìseal a ghleidheadh, m.e. le a bhith a' daingneachadh nàiseantachd agus taic ri impireileas agus cogadh. Dh'fheumte a leithid de cheannas 'eadar-theangachadh' ann an diofar àiteachan mar a' Ghàidhealtachd; dleastanas a bha aig inntleachdaich dhùthchail mar a bha na ministearan, tidsearan is luchd-poileataigs roinneil. Chunnacas mar a bha fìor làthaireachd aig ideòlas leithid impireileis agus cuideachd romansachais – a thathas a' meas mar shealladh cuibhreachail bhon taobh a-muigh – ann am bàrdachd fhoillsichte Ìle. Ach fhathast chuireadh a chruth Gàidhealach fhèin orra sin, agus lorgadh beachdan nach robh air an aon ràmh.

Tha na tùsan Gàidhlig san tràchdas seo – beul-aithris, bàrdachd agus fianais a' mhith-chreideimh – nan eisimpleirean de chultar ìochdaranach (*subaltern*). Bha seo air eagrachadh le suidheachaidhean-aithris àraid agus inntleachdaich dhùthchasaich (*vernacular intellectuals*), mar a bha anns na bàird is seanchaidhean. Lagaich an t-eagrachadh cultarach seo an cois nan atharrachaidhean sòisealta na b' fharsainge, agus ann Ìle dh'fhas An Comunn Gaidhealach buadhach na àite. Dh'èirich a' bhuidheann thar-chlasach seo anns a' chomann-chatharra. Gu h-ìre ge-tà, thugadh smachd air falbh bho dhaoine cumanta air cruthachadh an cultar fhèin, agus bha beachd na bu chumhainge aig a' Chomunn air a' chultar Ghàidhlig, is e air a rèiteachadh ris a' mhòr-chultar.

Bha cànan bunaiteach do chultar ann am beachd Ghramsci. A' leantainn na sgrìobh e fhèin, agus Withers mun Ghàidhealtachd, dhiùltamaid mìneachaidhean air crìonadh na Gàidhlig stèidhichte air nodhachadh (*modernisation*) reusanachail airson coimhead gu sònraichte air co-cheanglaichean cumhachd. Làmh air làimh air riaghladh na margaid, a sgrios coimhearsnachdan agus a thug air daoine imrich, bha sìneadh cumhachd a' chultair cheannasaich ann am beatha làitheil. Chaidh a' Bheurla ioma-sgapadh *an àite* cànan nan daoine, agus chaidh luach a chur oirre bho gu h-àrd tro institiùdan a bhiodh aig an dearbh àm a' putadh na Gàidhlig chun an iomaill, agus ga cur an suarachas. 'S e strì agus 'colonachadh' a bha seo, ach bha buidhnean eile dhen chlas-obrach eòlach air pròiseasan coltach ris.

Chan fhaighear aithris cho-chrochte, no seasamh gu lèir dealaichte ris a' chultair cheannasaich anns a' chultar ìochdaranach — 's e an fhìrinn mu chultar ìochdaranach sam bith gum bi e gu h-ìre air choireigin ann an

glacaibh a' mhòr-chultair. A dh'aindeoin sin, bheir e sealladh eile dhuinn air an t-saoghal, agus cha bheag sin. Am measg na tha luachmhor ann am beul-aithris, bàrdachd agus seanchas tha sàr chànan, eirmseachd, àbhachdas, mion-eòlas air àiteachan is iomadh cuspair eile, agus fèin-fhiosrachadh nan daoine. Feumar aire a thoirt don taobh dhorcha, ghlèidhteach den chultar, ach gheibhear eisimpleirean brìgheil ann de ghnìomhaireachd (*agency*) an t-sluaigh: far a bheil iad a' magadh air ùghdarrasan, a' sireadh ceartas, a' cur taic ri chèile mar dhaoine bochda, agus a' toirt dùbhlan do phatrargachd. Dh'fhaodadh 'traidisean' a bhith dhà-rìribh feumail airson ar ceangal ris an fheadhainn a dh'fhalbh agus coimhearsnachd a dhaingneachadh. B' fheàirrde sinn a bhith breithneachail agus an nì air an tug Gramsci *buon senso*, 'sàr-chiall', a tharraing a-mach à cultar agus eachdraidh gus iomairtean cultarach ùra a neartachadh.

Leabhar-chlàr

Prìomh thùsan

Clàraidhean-fuaim agus agallamhan

Clàraidhean-fuaim Sgoil Eòlais na h-Alba, a tha air an comharrachadh le SA (agus corra uair PN, airson agallamhan mu ainmean-àite le Iain Friseal).

Agallamhan a rinn an t-ùghdar, a tha air an comharrachadh le TM. Tha liosta nam fiosraichean ri faighinn ann an Eàrr-ràdh 1.

Tùsan Làmhsgrìobhte

Sgoil Eòlais na h-Alba

Cruinneachadh Robert Craig Maclagan, MML.

Leabharlann Nàiseanta na h-Alba (NLS)

John F. Campbell, 'Letters: 1859-1862', Adv.MS.50.1.14.
Murdoch, John, 'Queen of the Hebrides', MS. 14986.

Taigh-tasgaidh Ìle (Museum of Islay Life)

'An Comunn Gàidhealach' – A5.
'Bards' – B3.
'Free Church of Kilchoman' – I11.
'Songs an Poems' – S7.

Tasglann Bhaile Ghlaschu (Leabharlann Mitchell)

'Islay Estate Papers, 1741-1966' – TD1338.

Clàran Nàiseanta na h-Alba (National Records of Scotland)
– A' gabhail a-steach Tasglann Nàiseanta na h-Alba (TNA) agus Oifis Choitcheann a' Chlàraidh na h-Alba (GROS).

Tùsan Eaglaise – CH2.
Leabhraichean-àireamhaichean a' Chunntais-shluaigh (1891) airson Ìle.

Prìomh thùsan foillsichte

Aithisgean-eaglaise is creideimh

Annual Reports of the Church of Scotland (1891-1970).
Commission on the Religious Condition of the People, Reports on the Schemes of the Church of Scotland (1898).
Collins, G. N. M., deas., *Annals of the Free Church of Scotland, 1900-1986* (Dùn Èideann: Lynsey & Co, 1987).
Committee on Non-Church Going, *Reports on the Schemes of the Church of Scotland* (1890-6).
Ewing, W, deas, *Annals of the Free Church of Scotland 1843-1900*, Vol. II (Dùn Èideann: T. & T. Clark, 1914).
Free Church of Scotland Proceedings & Reports (1881-1900).
Highland and Islands Committee, *Reports on the Schemes of the Church of Scotland* (1896-1949).
Howie, R., *The Churches and the Churchless in Scotland* (Glaschu: 1893).
Lamb, John Alexander, deas, Fasti Ecclesiae Scoticanae, Vol IX: 1929-1954 (Dùn Èideann: Oliver & Boyd, 1961).
McCosh, James, *The Wheat and the Chaff Gathered Into Bundles; a Statistical Contribution Towards the History of the Recent Disruption of the Scottish Ecclesiastical Establishment (*Peairt: James Dewar, 1843).
MacLeod MacDonald, Donald Farquhar, deas, *Fasti Ecclesiae Scoticanae*, Vol. X, 1955-1975 (Dùn Èideann: St Andrew Press, 1981).
Reports to the General Assembly of the United Free Church of Scotland (1902).
Scott, Huw, deas, *Fasti ecclesiae scoticanae* Vol. 4 (Dùn Èideann: Oliver and Boyde, 1923).
The Free Church of Scotland: Yearbook (Dùn Èideann: Knox Press, 1998).
United Free Church of Scotland, *Annual Reports*, 1901 – 1929.

Pàipearan Pàrlamaid

Census of Scotland (1891-1971).
Commission on the employment of children, young persons, and women in agriculture, Fourth report (1867).
Report of Her Majesty's commisioners of Inquiry into the condition of the crofters and cottars in the Highlands and Islands of Scotland [Comisean Napier] (1884).
Return from Presbytery books in Scotland of Cases brought before Presbyteries, respecting Parochial Schoolmasters, 1838-53.
Royal Commission (Highlands and Islands, 1892).

Pàipearan-naidheachd is irisean

An Gaidheal
Celtic Monthly
Duilleagan Gàidhlig (ann an *Life & Work*)
Gairm
Morning Chronicle
Oban Times
Otago Daily Times
Scottish Field
The Herald
Tocher

Leabhraichean, leabhrain is altan.

Blair, Rev Robert, 'Oidhche air Chéilidh', *Transactions of the Gaelic Society of Glasgow* Vol. 1 (1887-91).
Campbell, J. F., *Popular Tales of the West Highlands* Vol. 1-4. (Dùn Èideann: Birlinn, 1994).
Deòir, Iain; agus Iain Òg Ìle, *Blàr Tràigh Ghruinneaird* (Dùn Èideann: John Grant Booksellers, 1950).
Erskine, Ruaraidh, deas, An Ròsarnach: an ceathramh leabhar (Glaschu: Alasdair Mac Labhrainn, 1930).
Islay Association, *The Kilchoman people vindicated from the charges of the Rev. Alex. Cameron* (Glaschu: Mac-na-Ceàrdadh, 1867).
Innes, Cosmo, deas, *Origines Parochiales Scotiae: the antiquities, ecclesiastical and territorial, of the parishes of Scotland*, Volume Second, Part II (Dùn Èideann: W. H. Lizars, 1855).
Johnston, Duncan, *Crònan nan Tonn* [eagran ùr] (Inbhir Nis: Dun Eisein, 1997).
MacAlpine, Neil, *The Argyleshire pronouncing dictionary* (Dùn Èideann: Stevenson, 1832).
Mac an Fhleisteir, Alasdair, *Luinneagan Reòbais: Duanagan gaoil is òrain dhùthcha* (Glascho: Gilleasbaig Mac-na-Ceàrdadh, 1929).
MacBean, Lachlan, deas, *The Celtic Who's Who* (Kirkcaldy: Fifeshire Advertiser, 1921).
MacColla, Eòghann, *Clàrsach nam Beann* (Glaschu: Archibald Sinclair, 1886).
MacEacharna, Dòmhnall, *Am Fear-Ciùil: dàin, òrain is sgeulachdan* (Dùn Èideann: Iain Grannd, 1910).
MacFarlane, Malcolm, deas, *An lòn dubh: a collection of twenty-eight Gaelic songs, with music, in two-part harmony* (Dùn Dè: Malcolm C. MacLeod, 1905).
Mac-na-Ceàrdadh, Gilleasbuig, deas, *An t- Òranaiche* (Glaschu: Mac-na-Ceàrdadh, 1879).
MacKay, J. G., et al, deas, *More West Highland tales*, Vol. 1 ₇ Vol. 2 (Dùn Èideann: Oliver and Boyd, 1940; 1960).
MacKechnie, Rev John, deas, *The Dewar manuscripts: volume one* (Glaschu: McLellan, 1963).
Maclagan, Robert Craig, *Scottish Myths* (Dùn Èideann: Maclachlan & Stewart, 1882).
Maclagan, Robert Craig, *Games & Diversions of Argyleshire* (Lunnainn: David Nutt, 1901).
Maclagan, Robert Craig, *Evil eye in the Western Highlands* (Lunnainn: David Nutt, 1902).
MacLean, Hector, 'Gaelic mythology', *Journal of the Anthropological Institute of Great Britain and Ireland*, 9 (1880), 167-181.
MacLean, Hector, *Ultonian hero-ballads collected in the highlands and western isles of Scotland* (Glaschu: Archibald Sinclair, 1892).
MacLeòid, Niall, *Clàrsach an doire: dàin agus òrain* (Dùn Èideann: MacLachlainn & an Stiùbhartach, 1883).
MacNeill, Rev. John George, *The New Guide to Islay* (Glasgow: Archibald Sinclair, 1900).
MacNeill, Nigel, *Neniae: with other poems* (Dùn Èideann: MacLachlan & Stewart, 1872).
MacNìmhein, Donnchadh agus Teàrlach; Eachann MacDhùghaill, deas, *Bàird Chill-Chomain* (Glaschu: Alasdair MacLabhruinn is a mhic, 1936).
MacNiven, Duncan, *The Green Hills of Islay* (Glaschu: Alex. MacLaren & Sons, 1943).
Murray, Iain H., deas., *Diary of Kenneth A. MacRae: A record of fifty years in the Christian Ministry* (Dùn Èideann: Banner of Truth Trust, 1980),
Pattison, Thomas; John George MacNeill, deas, *The Gaelic bards and original poems by Thomas Pattison* (Glaschu: Archibald Sinclair, 1890).
Sinclair, John, deas, *The statistical account of Scotland*, Vol. 11 (1791-99).
[Statistical Accounts], *Statistical account of Scotland*, Vol. 7 (1834-45).
[Statistical Accounts], *The County of Argyll* (Glaschu: Collins, 1961).

Dàrna tùsan

Leabhraichean is altan

Abrams, Lynn, *Myth and materiality in a women's world: Shetland 1800-2000* (Manchester: Manchester University Press, 2005).

Ansdell, Douglas, *The people of the great faith: the Highland church, 1690-1900* (Steòrnabhagh: Acair, 1998).

Black, Ronald, 'Colla Ciotach', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, Vol. XLVIII (1972-1974), 201–243.

Black, Ronald, deas, *An Tuil: anthology of 20th century Gaelic verse* (Dùn Èideann: Polygon, 1999).

Black, Ronald, 'I Thought He Made It All Up: Context and Controversy', ann an Domhnall Uilleam Stiùbhart (deas), *The Life and Legacy of Alexander Carmichael* (Port Nis: The Islands Book Trust, 2008), tdd 57-81.

Booth, C. Gordon, *An Islay Notebook* (Ìle: Islay Museums Trust, 1983).

Brown, Callum G., *Religion and Society in Scotland since 1707* (Dùn Èideann: Edinburgh University Press, 1997).

Brown, Callum G., *The death of Christian Britain* (Lunainn: Routledge, 2001).

Bruford, Alan, *Gaelic Folk-tales and Mediaeval Romances: A study of the Early Modern Irish 'romantic Tales' and their oral derivatives* (Folklore of Ireland Society, 1969).

Bruford, Alan agus, MacDonald, Donald A., deas, *Scottish traditional tales* (Lunnainn: Polygon, 1994).

Burnett, John, *The making of the modern Scottish Highlands* (Baile Àth Cliath: Four Courts, 2010).

Caldwell, David, *Islay: the land of the lordship* (Dùn Èideann: Birlinn, 2008).

Cameron, Roy M., *The Glasgow Islay Association: a history* (Irbhinn: Paterson Print, 2012).

Campbell, J. L., deas, *Hebridean Folksongs: a collection of waulking songs* (Àth nan Damh: Clarendon, 1969).

Carlucci, Alessandro, *Gramsci and languages* (Boston: Brill, 2013).

Celoria, Francis, 'Notes on lore and customs in the district near Portnahaven, Rhinns of Islay, Argyll, Scotland', *Folklore* 76:1 (An t-Earrach, 1965), 39-47.

Challan, Maighread A., *Air bilean an t-sluaigh: sealladh air leantalachd beul-aithris Ghàidhlig Uibhist a Tuath* (Béal Feirste: Cló Ollscoil na Banríona, 2012).

Chapman, Malcolm, *The Gaelic vision in Scottish culture* (Lunnainn: Croom Helm, 1978).

Cook, James, 'Land reform – the battle to decide who owns Scotland' (23 Ògmhios 2015), <http://www.bbc.co.uk/news/uk-scotland-33225369 >.

Crehan, Kate, *Gramsci, culture and anthropology* (Lunnainn: Pluto Press, 2002).

Dalglish, Chris, *Rural society in the age of reason: an archaeology of the emergence of modern life in the southern Scottish Highlands* (Nuadh Eabhrac: Kluwer Academic, 2003).

Davidson, Alastair, *Antonio Gramsci: towards an intellectual biography* (Lunnainn: Merlin P., 1977).

Davidson, Neil, *The Origins of Scottish Nationhood* (Lunnainn: Pluto Press, 2000).

Davidson, Neil, *Holding fast to an image of the past: explorations in the Marxist tradition* (Chicago: Haymarket Books, 2014).

Devine, T.M., *Clanship to crofters' war: the social transformation of the Scottish Highlands* (Manchester: Manchester University Press, 1994).

Devine, T.M., *The Great Highland Famine: Hunger, Emigration and the Scottish Highlands in the Nineteenth Century* (Dùn Èideann: John Donald, 1995).

Dorson, Richard M., *The British folklorists* (Lunnainn: Routledge & Kegan, 1968).

Durkacz, Victor Edward, *The decline of the Celtic languages* (Dùn Èideann: John Donald, 1983).

Duwe, Kurt C., *Gàidhlig (Scottish Gaelic) Local Studies: Vol. 16 Ile, Diùra & Colbhasa* (2006, 2na eagran). < www.linguae-celticae.org/dateien/Gaidhlig_Local_Studies_Vol_16_Ile_Diura_Colbhasa_Ed_II.pdf>.

Dwelly, Edward, *The illustrated Gaelic-English dictionary* (Glaschu: Gairm, 1994).

Eagleton, Terry, *Ideology: an introduction* (Lunnainn: Verso, 1991).

Eagleton, Terry, *The idea of culture* (Oxford : Blackwell Publishers, 2000).

Earl, Peggy, *Tales of Islay fact and folklore* (Port Sgioba: Argyll Reproductions, 1979).

Edwards, Emily, deas, *Seanchas Ìle: cruinneachadh, clàrachadh agus gleidheadh dualchas Gàidhlig Ìle* (Gleann Da-Ruail: Argyll Publishing, 2007).

Fearghasdan, Donnchadh, Dàna < www.danamag.org/aghaidh-ri-eirinn-agus-cul-ri-alba/ > [ruigte 1.7.15].

Fearghasdan, Donnchadh: 'Bessie West', *The Herald*, 28 Màrt 2015. <http://www.heraldscotland.com/opinion/obituaries/13207686.Bessie_West/ > [ruigte 15.8.2015].

Ferguson, Calum, *Lewis in the passing* (Dùn Èideann: Birlinn, 2007).

Finlay, Richard J., 'The rise and fall of popular imperialism in Scotland, 1850-1950', *Scottish Geographical Magazine*, 113:1 (1997) , tdd 13-21

Forsyth, David S., 'Empire and Union: imperial and national identity in nineteenth century Scotland', *Scottish Geographical Magazine*, 113:1 (1997), 6-12.

Gencarella, Stephen Olbrys, 'Gramsci, Good Sense, and Critical Folklore Studies', *Journal of Folklore Research* (2010), 47:3, 221-252.

Gillies, Anne Lorne, *Songs of Gaelic Scotland* (Dùn Èideann: Birlinn, 2010).

Gibson, Corey, *The voice of the people: Hamish Henderson and Scottish cultural politics* (Dùn Èideann: Edinburgh University Press, 2015).

Glen, Duncan, 'Profile of Mary MacDonald: her life with "Fionn Mac Colla" (1991)', ann an Selected Scottish and other essays (Cathair Chaladain: Akros publications, 1999), tdd 79-80.

Gramsci, Antonio; Hoare and Nowell Smith, deas, *Selections from Prison Notebooks of Antonio Gramsci* (Lunnainn: Lawrence and Wishart, 1971).

Gramsci, Antonio; eadar-theangaichte le Hamish Henderson, *Gramsci's prison letters* (Lunnainn: Zwan, 1988).

Gramsci, Antonio; David Forgacs agus Geoffrey Nowell-Smith, deas, *Antonio Gramsci: Selections from cultural writings* (Cambridge MA: Harvard University Press, 1991).
Gramsci, Antonio; Joseph A. Buttigieg, deas, *Antonio Gramsci: Prison Notebooks* Vol I; II; III (New York: Columbia University Press, 1992; 1996; 2007).
Grannd, Seumas, *The Gaelic of Islay: a comparative study* (Obar Dheathain: University of Aberdeen, 2000).
Green, Marcus E., 'Gramsci cannot speak: presentations and interpretations of Gramsci's concept of the subaltern', ann am Marcus E. Green, deas, *Rethinking Gramsci* (Lunnainn: Routledge, 2011), tdd 68-89.
Hall, Stuart, 'Notes on deconstructing the 'popular'', ann an Raphael Samuel, deas, People's history and socialist theory (Lunnainn: Routledge & Kegan Paul, 1981), tdd 227-241.
Henderson, Diana M., *Highland soldier: a social study of the Highland regiments, 1820-1920* (Dùn Èideann: John Donald, 1989).
Henderson, Rev Dr George, 'Sgeulachd Cois Ó Cein', *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*,XXV (1901-1903), 179-265.
Hillers, Barbara, 'Storytelling and the international folktale in Scotland', ann an John Beech, deas, *Oral literature and performance culture* (Dùn Èideann: Birlinn, 2007), tdd 153-170.
Holmer, Nils, *Studies on Argyllshire Gaelic* (Uppsala, 1938).
Hunter, James, *The making of the crofting community* (Dùn Èideann: John Donald, 1976).
Hunter, James, deas, *For the people's cause: From the writings of John Murdoch* (Dùn Èideann: HMSO, 1986).
Islay Archaeological Survey Group, *Bibliography of Islay* (I.A.S.G., 1961).
Ives, Peter, *Language and hegemony in Gramsci* (Lunnainn: Pluto Press, 2004).
Jones, Steve, *Antonio Gamsci* (Lunnainn: Routledge, 2006).
Jupp, Clifford N., *The History of Islay: from earliest times to 1848* (Port Sgioba: Museum of Islay Life, 1994).
Kidd, Sheila, 'The view from the inside', *The Innes Review* 51:2 (Foghar 2000), 188-193.
Kodish, Deborah, 'Absent gender, silent encounter' ann an S. T. Hollis et al, deas, *Feminist theory and the study of folklore* (Chicago: University of Illinois Press, 1993), tdd 41-50.
Lamb, William, 'Is there a future for regional dialects in Scottish Gaelic?', taisbeanadh FRLSU (2011).
Linebaugh, Peter, *Stop, thief! The commons, enclosures and resistance* (Oakland: PM Press, 2014).
McClure, Derrick, et al, deas, *A land that lies westward: language and culture* in Islay and Argyll (Dùn Èideann: John Donald, 2009).
MacDonald, Finlay J. , *Crotal and white* (Lunnainn: Macdonald & Co, 1983).
MacDonald, Fiona M., 'Narrative collection and scholarship' ann an John Beech et al, deas, *Scottish life and society, Vol. 10: Oral literature and performance culture* (Dùn Èideann: John Donald, 2007).
MacDougall, Hector, 'Far-ainmean is inisgean nan Gàidheal' ann am Peter MacDougall, deas, *The Active Gael: being papers read before the Gaelic Society of Glasgow* (Glaschu: Archibald Sinclair, 1934).
MacEacharna, Dòmhnall, *The lands of the lordship* (Port Sgioba: Argyll Reproductions, 1976).
MacGill-Eain, Somhairle, 'Realism in Gaelic poetry', *Ris a' bhruthaich: the criticism and prose writing of Sorley MacLean* (Steòrnabhagh: Acair, 1985).
MacInnes, John 'Religion in Gaelic Society', *TGSI*: LII (1980-82), 222–242.
MacInnes, John, 'Gaelic Poetry in the Nineteenth Century' ann an Douglas Gifford (deas), *The history of Scottish literature*: *The nineteenth century*, III(Obar Dheathain: Aberdeen University Press, 1988), tdd 377-96.
[MacInnes, John], 'Waulking songs from Barra', *Scottish Tradition* 3 (Lodainn an Ear: Greentrax, 1993).
MacInnes, John,'The Gaelic Hero-Tales', ann an John Beech, deas, *Oral literature and performance culture* (Dùn Èideann: Birlinn, 2007), tdd 64-81.
MacKenzie, John M., *Propaganda and empire: the manipulation of British public opinion, 1880-1960* (Manchester: Manchester University Press, 1984).
Mackenzie, John M., deas, *Imperialism and popular culture* (Manchester: Manchester University Press, 1986).
MacKenzie, John M, deas, *Popular imperialism and the military: 1850-1960* (Manchester: Manchester University Press, 1992).
Maclean Sinclair, Alexander, *The Clan Gillean* (Charlottetown: Haszard and Moore, 1899).
MacLeod, Donald, 'The Highland Churches Today' ann an J. Kirk, deas, *The Church in the Highlands* (Dùn Èideann: Scottish Church History Society, 1998), tdd. 146-76.
MacLeod, John, *Banner in the West: a spiritual history of Lewis and Harris* (Dùn Èideann: Birlinn, 2010).
Mark, Colin, *The Gaelic-English dictionary* (Lunnainn: Routledge, 2004).
Martin, Angus, *The ring-net fishermen* (Dùn Èideann: John Donald, 1981).
Meek, Donald E.,'The Highlands' ann an D. W. Bebbington, deas, *The Baptists in Scotland: A History* (Glaschu: The Baptist Union of Scotland, 1988), tdd 280-308.
Meek, Donald E., *Tuath is tighearna: an anthology of Gaelic poetry of social and political protest from the Clearances to the land agitation* (Dùn Èideann: SGTS, 1995).
Meek, Donald E., *The Scottish Highlands: the churches and Gaelic culture* (Geneva: WCC Publications, c. 1996).
Meek, Donald E., *Caran an t-Saoghail: anthology of 19th century Scottish Gaelic verse* (Dùn Èideann: Birlinn, 2003).
Meek, Donald E., 'Gaelic Literature in the Nineteenth Century', ann an Susan Manning (deas), *The Edinburgh History of Scottish Literature*, II (Dùn Èideann: Edinburgh University Press, 2007).
Meek, Donald E., 'Radical romantics: Glasgow Gaels and the Highland land agitation, 1870-1890' ann an Sheila M. Kidd, deas, *Glasgow: baile mòr nan Gàidheal* (Glaschu: Roinn na Ceiltis, 2007), tdd 161-185.
Meek, Donald E., 'The world of William Livingston' ann an Derrick McClure et al, deas, *A land that lies westward: language and culture* in Islay and Argyll (Dùn Èideann: John Donald, 2009), tdd 149-171.

Mies, Maria, *Patriarchy and accumulation on a world scale: women in the international division of labour* (Lunnainn: Zed Books, 2014 [1986]).
Modonesi, Massimo, *Subalternity, antagonism, autonomy: constructing the political subject* (Lunnainn: Pluto Press, 2013).
National Library of Scotland, *Lamplighter and story-teller: John Francis Campbell of Islay*, 1821-1885 (Dùn Èideann: NLS, 1985).
Ó Baoill, Colm, deas, *Gàir nan clàrsach: an anthology of 17th century gaelic poetry* (Dùn Èideann: Birlinn, 1994).
Porter, Bernard, *The absent-minded imperialists: empire, society and culture in Britain* (Oxford: Oxford University Press, 2006).
Radner, Joan N., & Lanser, Susan S., 'Strategies of coding in women's cultures' ann an Joan Newlon Radner, deas, *Feminist messages: coding in women's folk culture* (Chicago: University of Illinois Press, 1993), tdd 1-30.
Rehmann, Jan, '"Abolition" of civil society?: Remarks on a widespread misunderstanding in the interpretation of "civil society"', *Socialism and Democracy* (1999), 13:2, 1-18.
Robertson, Iain J. M., *Landscapes of protest in the Scottish Highlands after 1914* (Surrey: Ashgate, 2013).
Scott, R. Neil, *Many were held by the sea: the tragic sinking of HMS Otranto* (Plymouth: Rowman & Littlefield, 2012).
Shiach, Morag, *Discourse on popular culture* (Oxford: Polity Press, 1989).
Simpson, Keith, 'The reputation of Sir Douglas Haig', ann am Brian Bond, deas, *The First World War and British military history* (Oxford: Oxford University Press, 1991), tdd 141-62.
Smout, T. C., *A century of the Scottish People, 1830-1950* (Lunnainn: Fontana Press, 1997).
Stevenson, Jane, agus Peter Davidson, deas, *Early modern women poets, 1520-1700: an anthology* (Oxford: Oxford University Press, 2001).
Stewart Murray, Lady Evelyn, deas. le Sylvia Robertson agus Tony Dilworth, *Tales from Highland Perthshire* (Scottish Gaelic Text Society, 2009).
Stiùbhart, Domhnall Uilleam, 'Eachdraidh na Gàidhealtachd aig toiseach linn ùir' ann an Colm Ó Baoill agus Nancy R. McGuire, *Rannsachadh na Gàidhlig 2000* (Obar Dheathain, 2002), tdd 279–84.
Stiùbhart, Domhnall Uilleam, deas, *The life and legacy of Alexander Carmichael* (Port Nis: Islands Book Trust, 2008).
Stiùbhart, Domhnall Uilleam, 'Uses of historical traditions in Scottish Gaelic', ann an John Beech, deas, *Oral literature and performance culture* (Dùn Èideann: Birlinn, 2007), tdd 124–52.
Stiùbhart, Domhnall Uilleam, 'Late nineteenth century folklore collectors in Kintyre' [òraid] (Kintyre Historical Society, 2012).
Storrie, Margaret, 'Islay: a Hebridean exception', *American Geographical Society* 51:1 (January 1961), 87-108.
Storrie, Margaret, 'The census of Scotland as a source in the historical geography of Islay', *Scottish Geographical Magazine* 78 (1962), 75-93.
Storrie, Margaret, 'The Scotch whisky industry', *Transactions of the Institute of British Geographers* 31 (1962), 75-93.
Storrie, Margaret, 'Landholdings and settlement evolution in West Highland Scotland', *Geografiska Annaler* 47 (1965), 138-61.
Storrie, Margaret, 'The Isle of Islay', *Scottish Field*, August 1981.
Storrie, Margaret, 'Land use and settlement history of the southern Inner Hebrides', *Proceedings of the Royal Society of Edinburgh*, 83b (1983), 549-66.
Storrie, Margaret, 'Recovering the historic designed landscape of Islay Estate', *Scottish Archives* 7 (2001), 59-77.
Storrie, Margaret, '"Green Islay" and the "Green Isle"', ann an Islands Book Trust, deas, *Martin Martin – 300 years on* (Port Nis: Islands Book Trust, 2003), tdd 25-32.
Storrie, Margaret, 'Settlement and naming in the southern Hebridean Isle of Islay' ann am McClure, Kirk agus Storrie, deas, *A Land that lies westward* (Dùn Èideann: John Donald, 2009), tdd 17-47.
Storrie, Margaret, *Islay: a biography of an island* (Ìle: Oa Press, 2011).
Stroh, Silke, *Uneasy subjects: Postcolonialism and Scottish Gaelic poetry* (Amsterdam: Rodopi, 2011).
Taylor, Iain, *Place-names of Scotland* (Dùn Èideann: Birlinn, 2011).
Thompson, Frank G., 'John Francis Campbell', *TGSI*: LIV (Gearran 1985), 1-57.
Thompson, Frank, *History of An Comunn Gaidhealach: the first hundred* (Inbhir Nis: An Comunn Gaidhealach, 1992).
Thompson, Paul Richard, et al., Living the Fishing (Lunainn: Routledge & Kegan Paul, 1983).
Thompson, Paul, *The voice of the past: oral history* (Oxford: Oxford University Press, 2000).
wa Thiong'o, Ngũgĩ, *Decolonising the mind: the politics of language in African literature* (Nairobi: East African Educational Publishers Ltd., 1986).
Weir, Alec, *Come on Highlanders! Glasgow Territorials in the Great War* (Stroud: History Press, 2009).
Whyte, Christopher, 'William Livingston's "Na Lochlannaich an Ìle"', ann an J. Derrick McClure et al (deas), *A land that lies westward: language and culture in Islay and Argyll* (Dùn Èideann: John Donald, 2009), tdd 149-72.
Williams, Raymond, *The country and the city* (Nottingham: Spokesman, 1973).
Williams, Raymond, *Marxism and literature* (Oxford: Oxford University Press, 1977).
Withers, Charles W. J., *Gaelic in Scotland, 1698-1981: the geographical history of a language* (Dùn Èideann: John Donald, 1984).
Withers, Charles W. J., *Gaelic Scotland: the transformation of a culture region* (Lunnainn: Routledge, 1988).
Withers, Charles W. J., 'Class, culture and migrant identity: Gaelic Highlanders in urban Scotland' ann an Gerry Kearns & Charles W. J. Withers, deas, *Urbanising Britain: essays on class and community in the nineteenth century* (Cambridge: Cambridge University Press, 1991), 55-79.
Yuille, Rev. George, *History of the Baptists in Scotland* (Glaschu: Baptist Union Publication Committee, 1926).

Tràchdais neo-fhoillsichte

Douglas, Oliver A., ‘The material culture of folklore: British ethnographic collections between 1890 and 1900' (Linacre College: tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 2010).
MacAilpein, Tòmas, ‘Highland migrant workers in Glasgow, c. 1870-1900’ (Oilthigh Ghlaschu: tràchdas MSc neo-fhoillsichite, 2010).
MacLeòid, Aonghas, ‘Innis-na-fìrinne: Dòmhnull Mac-na-Ceàrdaich (1885-1932) agus a obair fhoillsichte’ (Oilthigh Ghlaschu: tràchdas MPhil neo-fhoillsichte, 2012).
MacLeod, Donald John, ‘Twentieth century Gaelic literature: a description, comprising critical study and a comprehensive bibliography’ (Oilthigh Ghlaschu: tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1969).
Whyte, Christopher, ‘William Livingston / Uilleam MacDhunleibhe (1808-70): A survey of his poetry and prose’ (Oilthigh Ghlaschu: Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, 1991).
Wolf, Nicholas: ‘Language change and the evolution of religion, community, and culture in Ireland, 1800-1900’ (Tràchdas PhD neo-fhoillsichte, University of Wisconsin-Madison, 2008).

Làraichean-lìn

[Anon], ‘Falkirk FC football statistics’: <http://www.european-football-statistics.co.uk/attn/avesco.htm> [ruigte 1.6.15].
[Anon], ‘Gravestone inscriptions for Kilarrow Cemetery’: <http://homepages.rootsweb.ancestry.com/~steve/islay/cemetery/cem02.htm> [ruigte 1.9.16].
[Anon], ‘Islay Combination Poorhouse’: <http://www.workhouses.org.uk/Islay/> [ruigte 1.9.16].
BBC ALBA, Bliadhna nan Òran: <http://www.bbc.co.uk/alba/oran/>.
‘Biography - Alexander Archibald Carmichael’, The Carmichael Watson Project: <http://www.carmichaelwatson.lib.ed.ac.uk/cwatson/en/eacpersonentry/GB-237-EAC-p3332> [ruigte 20.8.16].
Byrne, Lucy et al., ‘Horo gun togamaid hùgan fhathast’: <http://www.mun.ca/folklore/leach/songs/CB/11-01.htm> [ruigte 1/9/16].
Hastie, Paul, *BBC History*, ‘Glasgow 1938: Last exhibition of the British Empire’ <http://www.bbc.co.uk/history/0/22517894/>. [ruigte 29 Faoilleach 2014].
The Lost Distillery Co., ‘Lossit Distillery, 1817-1867’: <http://www.lost-distillery.com/pages/lossit> [ruigte 1.9.16].
Orr, Neil, ‘Neil Orr of Portnahaven’: <http://islayhistory.blogspot.co.uk/2012/08/neil-orr-of-portnahaven-1864-1941.html> [ruigte 18.9.16].
Pipetunes: <http://www.pipetunes.ca/composers.asp?pg=Details&composerID=23/> [ruigte 29 Faoilleach 2014].
Robertson, George, ‘The Loss of the Troopships Tuscania and Otranto’, <http://www.islayinfo.com/lord_robertson_islay_troopships.html /> [ruigte 20.5.14].
Scottish Traditional Music Hall of Fame, ‘Archie Grant’: <https://projects.handsupfortrad.scot/hall-of-fame/archie-grant/> [ruigte 10.9.16].
Scottish Traditional Music Hall of Fame, ‘Donald M. MacLeod’: <https://projects.handsupfortrad.scot/hall-of-fame/donald-m-macleod/> [ruigte 16.9.16].
Tobar an Dualchais: <http://www.tobarandualchais.co.uk/>.

Eàrr-ràdh 1: Luchd-fiosrachaidh Ìle

Tha agallamhan a rinn mi air an comharrachadh leis na tùs-litirean agam (TM) agus àireamh an agallaimh, m.e. ‘TM1’ = agallamh Robin Currie.

		Bliadhna-bhreith	Àite-breith is Àraich	Obair	Latha an agallaimh	Àite an agallaimh	Cànan
1	Robin Currie	1955	Glaschu (thogadh e an Ceann Tràigh, Coineasbaidh)	Fearann	5/6/12	Ionad Chaluim Chille Ìle (ICCI), Bogh Mòr	G
2	Flora MacAffer	1950	Port Ilein	San taigh-stàil	6/6/12	Aig an taigh	B
3	Donald McCormick	1925	A’ Chill (thogadh e an sin agus ann an Carraig Dhubh)	Fearann	7/6/12	Aig an taigh	G
4	Mairead NicCathBharra	1936	Port na h-Abhainne (thogadh i an sin agus ann am Bun na h-Abhainne)	Nurs	7/6/12	Aig an taigh	G
5	Etta Shaw	1936	Saligo (thogadh i an Cill Chomain)	Oifis aiseig	8/6/12	Aig an taigh	B
6	Hugh Smith	1937	Gruinneart		8/6/12	ICCI, Bogh Mòr	G
7	George Rhind	na 1940an	Bogh Mòr	Comhairle	9/6/12	Aig an taigh	B
8	Catherine Johnstone	1945	Glaschu (thogadh i ann am Bun Othann agus eadar sin is Port Sgioba)	Tidsear	11/6/12	ICCI, Bogh Mòr	G
9	Heather Dewar	na 1940an	Thogadh i sa Chill		12/6/12	Aig an taigh	G
10	Peggy MacEachern	1947	Bruthach a’ Chladaich	Oifis aiseig	12/6/12	Aig an taigh	G
11	Iain Mac a’ Phearsain	1934		Fearann	13/6/12	ICCI, Bogh Mòr	G
12	[Gun urra]				Iuchar 2012	ICCI, Bogh Mòr	B
13	Maria Bruce				Earrach 2013	ICCI, Bogh Mòr	G
14	Seumas (Jim) MacPhàrlain	1940	Port Ilein	Iasgach	Earrach 2013	Aig an taigh	G

Eàrr-ràdh 2: Cuid de dh'òrain ionadail à Ìle ann an Cruinneachaidhean 1953 agus 1966-1969

	Bàrd ainmichte	Ainm an òrain	Seinneadair	Clàradh	Nòtaichean
1	Sandaidh MacCarmaig (Taigh a' Mhuilinn)	Thug mi greis an arm an rìgh (1916)	Flòraidh Nic a' Phì	SA1968.91.A19+B1	Rinn athair a' bhàird an t-òran 'Am Bàta Rannach'.
2	Sandaidh MacCarmaig	Cha robh na h-iasgairean cho math a-riamh	Dòmhnall Cruinn MacLùcais	SA1969.10.B7	Rann.
3	Sandaidh MacCarmaig	O illean bithibh togarrach	Donnchadh MacGilleBhràth	SA1966.029.A3	Òran àbhachdach aoireil mu thogsaid uisge-beatha a thàinig air tìr.
4	MacCarmaig	Sa mhadainn mhoch Diluain bha gaoth tuath is fasan ann	Flòraidh Nic a' Phì	SA1968.91.B3	Sandaidh no Iain MacCarmaig?
5	MacCarmaig	Mac an t-Suain is e cho foghlaimte	Flòraidh Nic a' Phì	SA1968.91.B8	
6	MacCarmaig	Feòil cha toir thu 'm dh'ionnsaigh	Seumas MacArtair Iain (John)	SA1969.06.B6	Air a dhèanamh do chù.
7	MacCarmaig	Each Dhàibhidh Leasaig	MacEòghainn Dùghall Mac a'	SA1969.9.B9	Port.
	Do.	Do.	Ghobhainn	SA1953.140.A11	'Dè nì mi on a chaill mi an t-each'.
8	Iain MacCarmaig	Am Bàta Rannach	Donnchadh MacArtair	SA1953.138.B7	Uncail an t-seinneadair a rinn an t-òran.
9	Iain Mac a' Ghobhainn	Òran na mòna	Flòraidh Nic a' Phì Iain (John)	SA1968.91.B2	Òran àbhachdach mu bhith a' buain na mòna. Air fonn 'The bonnie banks'.
	Do.	Do.	MacEòghainn	SA1968.09.A8	
	Do.	Do.	Bella NicEòghainn Dùghall Mac a'	SA1969.09.B2	
	Do.	Do.	Ghobhainn	SA1953.119.A4	
	Do.	Do.	Hugh MacDhonnchaidh	SA1953.138.A5	
10		Seo an deoch mhilis nach tilleamaid bhuainn	Flòraidh Nic a' Phì	SA1968.91.B9	Chuala Flòraidh cuideigin ga ghabhail Oidhche na Nollaig.
11		Iseabail tha gu muladach	Flòraidh Nic a' Phì	SA1968.92.A4	
12		'S daor a choisinn mi mo shuipeir	Flòraidh Nic a' Phì	SA1968.92.A5	

13		A' chuthag is gug gug aic'	Flòraidh Nic a' Phì	SA1968.92.B3	Rann.
14		Rann mu Thàrmasdail	Flòraidh Nic a' Phì	SA1968.92.A3	Tàrmasdail anns an Roinn.
15		Òran Loch a' Bhucaidh	Flòraidh Nic a' Phì	SA1968.92.B5	
16	Sandaidh Moireasdan (Bogh Mòr)	O teannaibh dlùth is togaibh fonn	Iain (John) MacNeacail	SA1968.94.A5	
17	Ian Fearghasdan	Banais an Reubhair	Seumas MacArtair	SA1969.06.B5	
18	Dòmhnall Griasach	Madainn mhoch Diciadain	Seumas MacArtair	SA1969.06.B7	
19	Baldaidh Choileann	Òran Bhaldaidh Choileann	Seumas MacArtair	SA1969.09.A3	S e pòidsear a bha ann am Baldaidh Choileann mu Sgarbh Mòr.
20	Eamonn Black (Port na h-Abhainne)	Air fàil il òro gur tu mo rùn	Iain (John) MacIllEathain Donnchadh	SA1953.118.B2	Òran seòladair. Tha dreach air leth math aig Ruairidh MacÌosaig à Uibhist a Deas, a chuala san arm e: SA1962.46.A9.
	Do.	Do.	MacGilleBhràth	SA1966.029.A2	Leis an tiotal 'Air Fail ill òro, 's mo Rìbhinn Donn'.
21		*O Islay dear Islay*	Alasdair MacMhuirich (Currie)	SA1953.07.25	Tionndadh Beurla de 'An t-Eilean Uain' Ìleach'.
		Do.	Alasdair MacMhuirich (Currie)	SA1953.118.A6	
	Niall (Nigel) MacNèill	An t-Eilean Uain' Ìleach	Gilbert MacPhàil	SA1953.135.A7	
22	Donnchadh Mac a' Phì	Hogi na hog a rìrì	Dùghall Mac a' Ghobhainn	SA1953.118.B8	Ionadail tha mi an dùil.
23		Hò ro Eileanaich ho gù	Gun ainm	SA1953.118.A8	'Moladh na Lanndaidh'.
		Do.	Gilbert MacPhàil	SA1966.029.B4	
		Do.	Dòmhnall MacCuithein	SA1969.030.A4	
24	[Iain] MacEacharna, Am Pìobaire Cam (Bogh Mòr)	Sasannai' an Ìle	Iain (John) Ceannadach	SA1969.153.B3	Ag ainmeachadh 'Cailean' MacEacharna, ach tha mi den bheachd gun robh e a' ciallachadh Iain MacEacharna.
25	Iain MacEacharna, Am Pìobaire Cam (Bogh Mòr)	Òran a' Choilich	Iain (John) Ceannadach	SA1969.151.B7	
	Do.	Do.	Iain (John) Ceannadach	SA1953.135.A11	
26	?Iain MacEacharna, Am Pìobaire Cam (Bogh Mòr)	Òran nan Curracan	Iain (John) Ceannadach	SA1969.131.B8	Chuala e aig a mhàthair e.
27	?Iain MacEacharna, Am Pìobaire Cam (Bogh Mòr)	Lem chuimhn' cha robh sùim dhol a null do dh'Ameireaga	Niall MacCalmain	SA1953.138.A3	Chaidh 'Am Pìobaire Cam' a dh'Ameireaga 200 bliadhna roimhe a rèir an t-seinneadair.
	?Gilleasbuig MacCalmain (Lèanan Buidhe)	Do.	Dòmhnall MacCuithein	SA1969.26.B1	A rèir an fhiosraiche, b' e uncail 'Archie MacCalman' a rinn seo.
28	[Iain] MacEacharna, Am Pìobaire Cam (Bogh Mòr)	Aoir Bhallingol	Iain (John) Ceannadach	SA1969.153.B2	Ag ainmeachadh 'Cailean' MacEacharna mar bhàrd.

29	[Iain] MacEacharna, Am Pìobaire Cam (Bogh Mòr)	Buntàta fliuch Ghoirt an Taoid	Iain (John) Ceannadach	SA1969.151.B3	Ag ainmeachadh 'Cailean' MacEacharna. Fios mun Phìobaire Cham aig SA1969.151.B6.
30	Iain MacEacharna, Am Pìobaire Cam (Bogh Mòr)	Caile dhubh na sgùlair	Iain (John) Ceannadach	SA1969.151.A3	
	Do.	Do.	Iain (John) Ceannadach	SA1953.135.A10	
31	Iain (John) Ceannadach	Mi 'm shuidhe air m' uilinn	Iain (John) Ceannadach	SA1969.152.B6	Òran a rinn an seinneadair bho chionn ghoirid. Am port bho shaothraiche Èireannach.
32		Tòmas an Tuairnear	Iain (John) Ceannadach	SA1969.151.A4	Chuala e aig a mhàthair e a bhiodh ri 'diddling'.
33		O Rìgh a choma leam	Iain (John) Ceannadach	SA1969.153.B5	Port aoireil mu fhear MacCalmain, anns a bheil e air innse gun tèid am margadh a dholaidh ma sheinneas e a' phìob aige.
34	Deòrsa Caimbeul	Chunnaic mi 'n òigh as bòidhch' air thalamh	Iain (John) Ceannadach	SA1969.153.B6	Fc. *An t-Òranaiche*, td. 423.
35	Deòrsa Caimbeul	Fuirich a rìbhinn phrìseal phrìseal	Alasdair Logan MacArtair	SA1969.13.A6	Chuala e aig a mhàthair e.
	Do.	Do.	Iain (John) Ceannadach	SA1969.153.B7	
	Do.	Do.	Gilbert MacPhàil	SA1953.135.A6	
	Do.	Do.	Gilbert MacPhàil	SA1966.029.B1	
36	Gibidh MacIlleMhaoil	Rannan Gibidh MhicIlleMhaoil	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.15.A1	
37	Calum Morgan MacLachlain	A' togail a-mach ri druim na crois	Calum Morgan MacLachlain	SA1969.145.B6	Rann leis an t-seinneadair.
38		Phort an t-Sruthain tha sinn eòlach	Dòmhnall MacCuithein	SA1969.145.B8	Tha mi an dùil gu bheil seo à Ìle.
39		Chaidh Uilleam chun na cùirt	Dòmhnall MacCuithein	SA1969.145.B9	
40		*Naebody needs to depend on MacBrayne*	Peggy Earl	SA1969.147.A1	
41		*On a misty Sunday morning*	Peggy Earl	SA1969.147.A2	Òran àbhachdach mu bhàta fiodh Ruiseanach a chaidh air tìr.
42		Ìle bhòidheach shona as bòidhche fon ghrèin	A' Bh-uas Dahl	SA1969.16.B1	
		Do.	Dùghall Mac a' Ghobhainn	SA1953.140.B4	"S e Ìle bhòidheach as bòidhche'.
43	Alasdair Logan MacArtair	Duan mu Mhussolini	Alasdair Logan MacArtair	SA1969.13.A3	Air a dhèanamh leis an t-seinneadair ann an 1936.
44	Gilleasbuig MacCathbharra	Òran a' Bhalùin	Alasdair Logan MacArtair	SA1969.13.B2	
	Do.	Do.	Sandaidh Bàn	SA1953.139.B8	

			Caimbeul		
	Do.	Do.	Dùghall Mac a' Ghobhainn	SA1953.140.A9	
45	Alasdair Mòr MacGilleasbuig	Òran a' Flù	Dòmhnall Cruinn MacLùcais	SA1969.10.B1	Òran àbhachdach.
46		Tha fonn air Port Charlotte	Dòmhnall Cruinn MacLùcais	SA1969.10.B2	'Tha na county councillors cruinn'.
47		Calum Tàillear hòro ghadhaidh [sic]	Dòmhnall Cruinn MacLùcais	SA1969.10.B6	
48	Donnchadh MacCarmaig (Gruinneart)	*There was a young farmer from Bridgend*	Dòmhnall Cruinn MacLùcais	SA1969.11.A9	Òran a rinneadh bho chionn ghoirid.
49	Iain Turner Clark (Port na h-Abhainne)	A Phort na h-Abhainne, a Phort na h-Abhainne	Seumas MacArtair	SA1969.11.B5	
	Do.	Do.	Seumas MacArtair	SA1969.145.A2	
50	Donnchadh MacCalmain (Baile a' Ghràna)	'S truagh leibh mi 's mar tha mi	Dùghall Mac a' Ghobhainn	SA1953.119.A8	Cumha air bàs a mhnà.
51	MacCalmain	'S e Ceallsa dubh na dùnaich e	Dùghall Mac a' Ghobhainn	SA1953.119.B2	Ceallsa, ainm-àite an Ìle.
52	Bean a' Charrier, NicIain (Port Sgioba)	A Mhic an Tòisich 's ceanalt' thu	Iain (John) Ceannadach	SA1953.135.A9 SA1969.151.B9+15	Air a dhèanamh ann an 1780 a rèir an t-seinneadair.
	Do.	Do.	Iain (John) Ceannadach	2.A1	
	Do.	Do.	Iain (John) MacGillFhaolain	SA1953.136.B4	
53		Iseabail Bhail' an Abaidh	Calum Morgan MacLachlain	SA1953.135.B1	
54		O cha cheil mi, hè cha cheil mi	Calum Morgan MacLachlain	SA1953.135.B2	Òran-gaoil, ach eadar-dhealaichte bhon fhear leis an aon tiotal ann an *An t-Òranaiche*, td. 276.
		Do.	Hugh MacDhonnchaidh	SA1953.138.A4	
		Do.	Niall MacCalmain	SA1953.143.A5	
		Do.	Somhairle Mac an t-Saoir	SA1969.142.B1	Da rèir, b' e bean tuathanaich a rinn an t-òran.
		Do.	Iain (John) MacEòghainn	SA1968.93.A4	
	?Gilleasbuig MacNìmhein	Do.	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.09.A5	A rèir MhicEòghainn, b' e Gilleasbuig MacNìmhein (athair nam bàrd) a rinn an t-òran.
55	Gilleasbuig MacNìmhein	Gur mise a tha cianail fàillineach	Hugh MacDhonnchaidh	SA1953.138.A6	
	Do.	Do.	Gilleasbuig Mac a'	SA1953.139.B6	

			Chlèirich		
	Do.	Do.	Iain (John) MacEòghainn	SA1968.93.B6	
	Do.	Do.	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.09.A6	
	Do.	Do.	Calum Morgan MacLachlain	SA1969.14.B2	
56		Òran mun Phàrlamaid	Iain (John) MacGillFhialain	SA1953.136.B1	'Tha bodai' anns a' bhaile seo'.
		Do.	Calum Morgan MacLachlain	SA1969.142.B3	
57	Pàraig Pholl nan Ròn, cìobair (an Lag Mòr)	Siud mar a chuir mi an oidhche tharam	Iain (John) MacGillFhialain	SA1953.136.B5	
58		Horò mo bhàta 's tu mo bhàta grinn	Calum Morgan MacLachlain	SA1953.135.B3	Ionadail tha mi an dùil.
59		Òran mun Chrimea	Calum Morgan MacLachlain	SA1953.135.B7	Ionadail tha mi an dùil.
60		Tha still ùr am Bun na h-Abhainn	Hugh MacDhonnchaidh	SA1953.138.A12	
		Do.	Dùghall Mac a' Ghobhainn	SA1953.140.B1	
61		'S a haoi hò 's na hò gu riri	Eairdsidh Bell	SA1953.137.B6	
62		Bheir mi cliù don Eilean Mhòr	Peggy NicGilleBhràth	SA1953.139.A9	Air a ghabhail an-diugh le Dòmhnall M. MacLeòid à Port na h-Abhainne.
		Do.	Donnchadh MacGilleBhràth	SA1966.028	
63		Ochòin a rìgh 's gur mi tha truagh	Sandaidh Bàn Caimbeul	SA1953.139.B10	Dh'fhaodadh gu bheil seo à Ìle.
64		Toirt m' aghaidh ri Diùra	Iain MacIain (Jockam Jura)	SA1953.139.B2	Òran-gearain ainmeil.
		Do.	Bella Chamshron	SA1953.125.8	
		Do.	Gilbert MacPhàil	SA1966.029.B3	
65		A chaoidh cha phòs mi	Sandaidh Bàn Caimbeul	SA1953.140.A2	Dh'fhaodadh gu bheil seo à Ìle.
66	Anndra MacColla, cìobair	Cha sguir mi am-bliadhna a dh'òl	Dùghall Mac a' Ghobhainn	SA1953.140.B3	
67		Òran do dh'Ìle	Niall MacCalmain	SA1953.143.A6	
68		Òran nam Breug	Seumas MacArtair	SA1969.08.A6	

		Do.	Bella NicEòghainn	SA1969.09.B8	Dh'fhaodadh gu bheil seo Ìleach. Sgeulachd air cùl an òrain: fear sa phrìosan, thugadh cothrom dha a bhith saor nan dèanadh e òran làn bhreugan. Ach bha aon sreath fior - "Cuthag is gug-gug aic'". Chuala aig a màthair e.
69	Alasdair Hay	Alasdair a Rùin	Alasdair Hay	SA1969.144.B7	
70	Do.	Anna Bhòidheach NicLeòid	Alasdair Hay	SA1969.144.B8	Do bhana-Sgitheanach ris an do thachair e ann an Obar Dheathain.
71	Do.	Mo Mhìle Beannachd thar a' Chuain	Alasdair Hay	SA1969.144.B10	Air a dhèanamh do fhear MacAoidh a chaidh a leòn agus a bha a' tilleadh gu Cill Chiarain.
72	Do.	Catrìona NicAoidh	Alasdair Hay	SA1969.144.B5	Tha mi an dùil gun do rinn Hay seo don nighinn aige.
73	?Alasdair Hay	Nuair a thig an samhradh	Alasdair Hay	SA1969.144.B12	Chan eil am bàrd ainmichte anns na leanas.
74	?Alasdair Hay	Càirear gu rèidh mi, togaibh an-àirde mi	Alasdair Hay	SA1969.144.B9	
75	?Alasdair Hay	Nuair a thàinig am post	Alasdair Hay	SA1969.144.B11	
76	?Alasdair Hay	Tha grian an t-samhraidh	Alasdair Hay	SA1969.144.B6	Cumha do charaid a' bhàird, Màiri.
77	?Alasdair Hay	Och och mar tha mi 's mi nam aonar	Alasdair Hay	SA1969.145.A11	
78		Hòbhan òbhan òran hailig thu	Alasdair Hay	SA1969.144.A14	Òran-altraim (annasach!) chluinnte aig seana bhean ann am Port na h-Abhainne.
79		Siud a' bhanais a bha ainmeil	Seumas MacArtair	SA1969.144.A15	Rann a fhuair e bho Iain Mac an t-Saoir, seann iasgair à Port na h-Abhainne.
80		Mo bheannachd fada thar a' chuain	Donnchadh MacGilleBhràth	SA1953.139.A6	
		Do.	Donnchadh MacGilleBhràth	SA1966.028.B10	
81	Hugh MacDhonnchaidh	Ìle 's gur lurach thu	Hugh MacDhonnchaidh	SA1966.029.A8	
82		Mo rùn geal dìleas	Alasdair MacMhuirich (Currie)	SA1953.118.B3	Fc. *An t-Òranaiche*, td. 263. Ach a rèir Dhòmhnaill Meek, 's e òran Muileach a tha seo mu dheidhinn tè Ìleach. *Caran an t-saoghail* (2003), tdd 469-470.
		Do.	Flòraidh Nic a' Phì	SA1968.94.A2	

Tùs: Clàraidhean-fuaim Sgoil-Eòlais na h-Alba 1953, 1966-1969.

Eàrr-ràdh 3: Òrain le bàird Ìleach foillsichte san 20mh linn anns na clàraidhean-fuaim

Donnchadh MacNìmhein

	Tiotal an òrain	Seinneadair	Clàradh	Nòtaichean
1	Thèid 's gun tèid mi fhèin	Dùghall MacMhuirich (Dougie Currie)	SA1968.93.A2	*Bàird Chill Chomain* [BCC], td. 131.
2	A Mhàiri dhonn is toigh leam thu	Dùghall MacMhuirich (Dougie Currie)	SA1968.93.B1	Ibid., td. 21.
	Do.	Iain (John) Ceannadach	SA1969.152.B4	
	Do.	Dùghall Mac a' Ghobhainn	SA1953.119.B4	
	Do.	Niall MacCalmain	SA1953.143.A8	
3	Hi horò mo nighean donn	Dùghall MacMhuirich (Dougie Currie)	SA1968.93.B2	Ibid., td. 124.
	Do.	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.09.B10	'Òran Chinn Loch Aillse' mar a bha aca air.
	Do.	Gilleasbuig MacMhuirich (Currie)	SA1953.118.A1	
4	Àirigh Taigh na h-Uamha	Iain (John) MacEòghainn	SA1968.93.A5	Ibid., td. 97.
	Do.	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.09.A7	
5	An cuala sibh mun chruinneachadh?	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.09.A4	'Bàl Chùla', ibid., td. 107.
	Do.	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.15.A2	
	Do.	Calum Morgan MacLachlain	SA1969.145.B10	
	Do.	Iain (John) MacGillEathain	SA1953.119.A1	
	Do.	Iain (John) MacGillEathain	SA1953.119.A5	
6	Òran Diùra	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.10.A3	'O thèid mi thar a' chaoil an-diugh', ibid., td. 128.
7	Òigh Phort na h-Abhainne	Dùghall MacMhuirich (Dougie Currie)	SA1968.93.B5	'Gruagach Phort na h-Aibhne', ibid., td. 11.
8	Air an nighean tha mo rùn	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.10.A6	Ibid., td. 137.
	Do.	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.16.A3	
9	Tha mo ghaol-sa air an nighean	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.15.B5	Do bhoireannach 'NicFhearghais'. An dùil gun e 'Tha mo ghràdh-sa air an nighean' a tha seo, ibid., td. 132.

10	Nuair a chaidh Dòmhnall don taigh-òsta	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.15.B6	Gun fhoillseachadh.
11	Air feasgar gruamach geamhraidh	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.15.B7	'Òran ait', ibid., td. 67? "About encounter between tinker couple MacLachlan, and Calum Mhorgain."
12	Boc Nèill Uilleim	Iain (John) MacGillEathain	SA1953.117.B9	Ibid, td. 54.
13	*The Green Hills of Islay*	Niall MacEacharna	SA1953.118.A3	Foillsichte ann an leabhran den aon tiotal (1943).
14	Sùgh an Eòrna	Iain (John) MacGillEathain	SA1953.118.A4	Gun fhoillseachadh.
15	Tha an ceò a-nis air dubhachadh	Sandaidh Bàn Caimbeul	SA1953.139.B9	BCC, td. 131.
16	A Mhairead dhonn nan sùilean blàth	Peggy Earl	SA1969.028.B6	Gun fhoillseachadh, agus aig a' Bhàrd gu h-ìseal.
17	Cumha Màiri Nic an t-Saoir	Hugh MacDhonnchaidh	SA1970.62.B3	Gun fhoillseachadh.
i	Am bàrd is a' chailleach	Donnchadh MacNìmhein	SA1953.137.B1	Rann gun fhoillseachadh.
ii	O a Mhàiri a rùin 's tu mo ghaol thar gach nighean	Donnchadh MacNìmhein	SA1953.137.B3	Gun fhoillseachadh.
iii	A Mhairead dhonn nan sùilean blàth	Donnchadh MacNìmhein	SA1953.137.B4	Gun fhoillseachadh.
iv	O Annag 's mòr mo ghaol ort	Donnchadh MacNìmhein	SA1953.137.B5	Gun fhoillseachadh.
v	O seinneam fhèin seo	Donnchadh MacNìmhein	SA1953.137.B8	Gruagach Phort na h-Aibhne', BCC, td. 11.
vi	O thèid mi null do thìr nam beann	Donnchadh MacNìmhein	SA1953.137.B9	Gun fhoillseachadh.
vii	O thoir an t-soraidh bhuam gun dàil	Donnchadh MacNìmhein	SA1953.138.A2	Àirigh Taigh na h-Uamha', ibid., td. 97.
	<u>Teàrlach MacNìmhein</u>			
1	Nach bòidheach an sealladh taigh-solais na Roinn	Iain (John) MacEòghainn	SA1968.93.A3	'Moladh na Roinn', BCC, td. 145.
2	Òran an Otranto	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.10.A2	Ibid., td. 151.
3	Òran Bhaile Mhonaidh	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.10.A4	Mì-chinnteach bho nach d' fhuaireadh cothrom èisteachd ris.
4	O seinn leam fhìn an duanag	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.15.B8	'Òran don bhan-treabhaiche Ìlich', ibid., td. 147.
5	Hòro eileanich mo ghràidh	Iain (John) MacEòghainn	SA1969.16.A2	Ibid., td. 143.
6	Banais Chorsapail	Iain (John) Ceannadach	SA1969.152.B5	Ibid., td. 156.
	Do.	Dùghall Mac a' Ghobhainn	SA1953.119.A5	
7	Coileach Iain Chìobair	Dùghall Mac a' Ghobhainn	SA1953.118.B4	Ibid., td. 139.

Donnchadh MacIain

1	Mo bheannachd ort, a Mhàiri	Peggy Earl	SA1969.147.A3	Deoch-shlàinte gun fhoillseachadh.
2	Sìne Bhàn	Alasdair MacMhuirich (Currie)	SA1953.119.A6	*Crònan nan Tonn*, td. 17.
3	Bìrlinn Ghoraidh Chròbhain	Màiri NicDhunlèibhe	SA1953.119.A7	Ibid., td. 14.
4	Càrn air a' Mhonadh	Iain MacIlleSheathanaich (John Shaw)	SA1953.136.A3	Ibid., td. 39.
		Gilbert MacPhàil	SA1966.029.B6	
5	Luchd nam Breacan	Niall MacCalmain	SA1953.137.B7	Ibid [eagran 1997] td. 69.
6	'S e an gille dubh as àille	Màiri Chaimbeul	SA1953.143.A9	Ibid., td. 11. Eadar-theangachadh le MacIain.
	Do.	Flòraidh NicNìmhein	SA1970.60.A6	

Alasdair Mac an Fhleisteir

1	Ho rò leannain, ho rò rùin	Bella Chamshron	SA1953.129.9	*Luinneagan Reòbais*. Air a dhèanamh do nighean Mhgr MacAoidh.
2	A' choille Reòbais, a' choille bhòidheach	Bella Chamshron	SA1953.129.8	Ibid. B' e Mac an Fhleisteir a h-uncail.

Tùs: Clàraidhean-fuaim Sgoil Eòlais na h-Alba, 1953 gu 1969. Tha corra eisimpleir ann bho 1970 cuideachd.

Eàrr-ràdh 4: Ainmean is àiteachan a tha a' nochdadh ann an clàraidhean beul-aithris 1953-1970

OS-NÀDARRA		
Siabhrach Ghart na Lach	SA1968.90.B1	Mu 'thàcharan' no pàiste ciorramach faisg air Port Sgioba. Bho Iain Camshron, 80, ann an 1913.
Tòrradh do dhaoine beaga	SA1968.90.B2	Chunnaic **Iain MacPhàil** mu 100 daoine beaga air an rathad.
Duine beag ga fhaicinn	SA1968.90.B3	Chunnaic **Iain MacPhàil** fear beag a' cosg casag.
Siabhraichean a' pìobaireachd an Gleann Beinn Tairt a' Mhill	SA1968.5.3	
Fear a thugadh a-staigh don chnoc (sìthean)	SA1968.90.B5	Mu fhear air an robh **Currie** à Bun Othain.
Bodach Ruadh Eisginis	SA1968.95.A5	Fiosaiche à Eisginis faisg air Cill Mheinidh.
Bodach Ruadh a' leigheas each	SA1968.95.A7	
Ceit Nic Uilleim	SA1968.95.A6	Aig an robh an t-eòlas agus a thogadh an droch shùil far crodh.
Dròbhair Craig	SA1968.95.B10	Chuireadh e an droch shùil air duine sam bith nach reiceadh an stoc dha.
Bodach na Binneig	SA1968.95.B10	Creutair os-nàdarra.
Mise mi fhèin	SA1968.95.B11	Creutair/fear a' bodraigeadh banarach.
Cailleach a' buachailleachd na fèidh	SA1968.95.B12	
A' Chaointeach	SA1953.136.A15	Boireannach a bhiodh a' caoidh ro bhàs dhaoine de shliochd àraid.
Do.	SA1968.95.B8	
An Sac Bàn	SA1968.95.B9	Creutair a thigeadh air tìr san oidhche. 'Bi nad chadal mus tig an Sac Bàn!'
Donnchadh Theàrlaich a' pìobaireachd do na sìthichean	SA1969.08.A3	Air a chluinntinn bhon duine fhèin.
Cnoc an t-Sìthein	SA1969.08.B9	
Spiorad duine beò	SA1969.14.B4	A chunnaic **Calum Morgan MacLachlainn** e fhèin.
Bodach nan Croit	SA1969.14.B6	
Solas mar mhanadh bàis	SA1969.153.A3	A chunnacas os cionn taigh **Dhòmhnaill MhicNìmhein** (faic gu h-ìseal).
Cailleach Cachaileith na Feusaig	SA1953.134.A14	A thàinig às dèidh fear ann am Baile a' Ghràna.
Saighdear MacCòrcadail	SA1953.136.A20	A chaidh a mharbhadh leis a' Chaillich (gu h-àrd).
Each-uisge	SA1953.136.A16	

Pìobaire san uaimh	SA1953.137.A2	Air chall san uaimh a' seinn 'Cha till MacCruimein'. Thàinig a chù a-mach aig Tobar Bhaile Haraill.
Iain Mòr MacIlleMhìcheil agus Dòmhnall Bàn	SA1953.137.A1	Dà fhuamhaire a rinn sabaid air Beinn Tart a' Mhill.
Niall MacIlleFheòir	SA1953.134.B5	Aig robh eòlas a' chronachaidh.
Sandaidh MacIllFhaolain	SA1970.059	Aig an robh an dà shealladh agus dh'fhalbh spioradan leis!
Clann 'Ic Creamhain agus an Diabhal	SA1970.58.B3-B4	Càirdeach dha teaghlach Siabhrach Ghart nan Damh.
Ministear Mac a' Phì	SA1970.58.A5	Aig an robh eòlas neo-chumanta agus a bha a' creidsinn ann an saoghal nan spioradan.
Maighdean-mhara Phort Uingreagain	SA1969.11.B11	Ghoid **MacCoinnich Mòr** a pàiste. Eilean MhicCoinnich ainmichte às a dhèidh.
Each **MhicIllEathain**	SA1969.153.A2	Manadh bàis MhicIllEathain à Lagan.
Eachann nan Ceann	SA1969.12.B4	Mu Eachann MacGillEathain ach e air fhaicinn mar bhuidseach.

FAOINSGEUL AGUS NAIDHEACHD

Ailean Donn	SA1968.95.B13	Duine fon choill a chuir seachad bliadhna ann an uamh. Air a chuideachadh leis a' chaillich a bhiodh a' buachailleachd na fèidh.
An Cliseach	SA1969.06.B2	Fear **MacAoidh** a bha na shiùbhlach agus na fhear làidir.
An Cliseach a' goid bho dhaoine ann am Bealach Ruadh	SA1968.08.B7	
An Reubhair	SA1969.06.B4	Duine fiadhaich a loisg an taigh aige chun an làir air oidhche a bhainnse. Cnoc an Reubhair air ainmeachadh às a dhèidh.
Rubha a' Chrochaire	SA1969.08.B2	Sgeulachd mu Mhuileach air a chrochadh aig an rubha.
Dòmhnall Anna MacPhàidein	SA1969.08.B6	Fear làidir. Bhàsaich e mu 1858 le bhith ag òl cus deoch a thàinig bho long-bhriseadh.
An Nàthair Mòr agus **Breacan**	SA1969.12.A4	Chuala **Alasdair Lògan MacArtair** seo bho sheanair.
Blàr Thràigh Ghruinneart	SA1969.08.B4	Cuid de na cunntasan air a' bhlàr ann an 1598.
Do.	SA1969.10.A5	
Do.	SA1969.12.B2	
Do.	SA1953.136.A1	
Do.	SA1970.327	
Lachann Mòr Dhubhaird	SA1953.133.7	Ceann-cinnidh nan Leathanach a bhàsaich aig Blàr Thràigh Ghruinneart.
Do.	SA1953.135.B13	
Do.	SA1953.137.11	

Do.	SA1953.136.A2	
MacAoidh na Ranna	SA1968.08.B5	Ceannard agus fiosaiche a rinn sabaid aig Gruinneart. Air a thìodhlacadh anns an Eilean Mhòr.
Mac Iain Ghiorr	SA1970.333.B4	A chaidh a chrochadh le **MacAoidh** airson falbh le a nighean gun chead.
Aonghas Mòr Arainn	SA1969.12.B5	A bhàsaich air taobh nan Dòmhnallach aig Blàr Thràigh Ghruinneart.
Do.	SA1953.136.A3	
An Dubh Sìth	SA1953.135.B13	A mharbh Lachann Mòr Dhubhaird.
Colla Ciotach agus a phìobaire **Mac Iain Riabhach**	SA1969.12.A6+B1	'Cholla mo rùin' air a sheinn leis a' phìobaire aig Dùn Naomhaig mar rabhadh.
Goraidh Cròbhan	SA1969.13.A4	An ceannard Gall-Ghàidhealach a tha air a thìodhlacadh faisg air Coillabus an Ìle.
Anna na Seobhaig	SA1953.136.A17	À Dùdal. Às dèidh a bàis chaidh a slaodadh ann an ciste agus chaill i 'ladhrain'!
Baldaidh Bell	SA1953.136.A19	Sàr bhreugaire.
Iain Mòr nan Con	SA1953.136.A8	Sgeulachd èibhinn mu fhear a ghuidh do Dhia airson cobhair is e a' falbh san t-struth.
Fear à **Lòsaid** a' bruadar mu òr	SA1953.136.A7	Sgeulachd mu ulaidh. Rudeigin os-nàdarra.
Bean Dhòmhnaill MhicPhàtrais	SA1953.134.B7	A chleith an uisge-bheatha bho na gàidsearan.
Maol Dòraidh	SA1953.133.6	A' chiad fhear a thug an soisgeul gu Ìle. Thòisich e anns an Odh.
Baldaidh MacGillÌosa agus a bhean	SA1969.11.A6	Sgeulachd mu mhì-thuigse mun Bheurla.
An Caiptean Mòr agus Port na h-Abhainne	SA1969.11.B7	**Bhaltair Caimbeul** a bha na uachdaran am Port na h-Abhainne. Droch cliù aige.
Na Daoine Dubha ann am Port na h-Abhainne	SA1953.136.B9	A rèir beul-aithris thug An Caiptean Mòr daoine dubha gu Port na h-Abhainne airson teagasg do mhuinntir an àite mar a bhiodh iad ag iasgach mu thoiseach an 19mh linn. Uaireannan 's ann às a' Phortagail a bha iad, no às an Spàinn, Afraga, fiù 's Sìona.
Shawfield a' clìoradh dhaoine	SA1969.15.B4	Daoine air am fuadach le Shawfield airson Port na h-Abhainne, a chaidh a thogail leis **a' Chaiptean Mhòr**.
Am Breacan Riabhach	SA1970.333.B3	Caimbeulach an-iochdmor a sgiùrs na cinnidhean às leth Rìgh Seumas.
Nighean **an Ollaimh** agus a' bhiast na bhroinn	SA1970.333.B6	An t-Ollamh Ìleach.

EACHDRAIDH-BHEATHA

Màiri Theàrlaich	SA1969.09.B5	Chaidh Màiri Theàrlaich a dhiùltadh le fear a phòs boireannach eile. Chaidh i don bhanais agus ghabh i òran mu bhith air a mealladh.
Iain Màiri Alasdair	SA1970.58.B5	Seann mharaiche cam a dhìon na gàrraidhean bho ghoid le balaich leithid **Nèill Fhearghasdain** (am fiosraiche) air Oidhche Shamhna.
Clann Tuairneir	SA1969.08.B11	Teaghlach gu math ceòlmhor.

Baldaidh Choileann	SA1969.09.A3	Pòidsear a rinn òran mu Sgarbh Mòr.
Niall Mòr MacAilpein	SA1969.12.B3	Maighstir-sgoile agus ùghdar an fhaclair ainmeil.
Na Lòganaich an Ìle	SA1969.12.A5	Bha iomadach sgeulachd aig seanair agus màthair an fhiosraiche. Na shinnsear na phìobaire aig Waterloo.
Alasdair Mòr	SA1969.145.B4	Tuathanach agus a' chiad fhastaiche aig **Calum Morgan MacLachlainn**.
Iain Dubh MacLeòid	SA1969.14.A7	'The Wizard of the North', agus bràthair **Nèill MhicLeòid**.
Màiri NicMhorrain (MacVorrin)	SA1969.151.A6	Iomradh gu math inntinneach air boireannach bochd ach gnìomhach à Bogh Mòr.
Dùghall Grannd	SA1969.151.A8	Fìdhlear à Gruinneart a dhèanadh 'penny reels' aig **Faidhir Bhogh Mòr**.
Dòmhnall MacNìomhain	SA1969.151.B2	'S e '**An Cruiplear**' a chuireadh daoine à Bogh Mòr air. Ro-innis **am Buidseach Ruadh** (faic gu h-àrd) gum biodh beatha fhada shoirbheachail aige ged nach biodh e comasach air coiseachd.
Do.	SA1969.153.A1	
Gibidh nam Peallag	SA1969.151.A6	Fear à Beul an Àtha a reiceadh peallagan ann am Bogh Mòr.
Lasbaidh Beag	SA1969.153.A5	A bhiodh a' leigheas le luibhean.
Factar Bhallingal	SA1969.153.B2	Fear a bha trom air na daoine bochda ann am Bogh Mòr.
Alasdair Lògan MacArtair	SA1969.14.A4	Fiosraiche ag innse mu bheatha fhèin.

Tùs: Clàraidhean-fuaim Sgoil Eòlais na h-Alba, 1953 gu 1969. Tha corra eisimpleir ann bho 1970 cuideachd.